



Marker, Viktoria Luise (2024) *Litreachas na Gàidhlig ann am páipearan-naidheachd agus irisean Astraláisia, 1830 gu 1939*. PhD thesis.

<https://theses.gla.ac.uk/84695/>

Copyright and moral rights for this work are retained by the author

A copy can be downloaded for personal non-commercial research or study, without prior permission or charge

This work cannot be reproduced or quoted extensively from without first obtaining permission in writing from the author

The content must not be changed in any way or sold commercially in any format or medium without the formal permission of the author

When referring to this work, full bibliographic details including the author, title, awarding institution and date of the thesis must be given

Enlighten: Theses

<https://theses.gla.ac.uk/>
research-enlighten@glasgow.ac.uk

Litreachas na Gàidhlig ann am
pàipearan-naidheachd agus irisean
Astralàisia, 1830 gu 1939

Viktoria Luise Marker

MA (Urramach), MPhil (Rannsachadh), Glaschu

Air a chur a-steach mar riarachadh do dh'fheumalachdan Ph.D.

Roinn na Ceiltis is na Gàidhlig

Sgoil nan Daonnachdan

Colaiste nan Ealain

Oilthigh Ghlaschu

An t-Ògmhios 2024

Geàrr-chunntas

'S e sgrùdadh air litreachas an sgapaidh-shluaigh Ghàidhealaich a tha fa-near dhan tràchdas seo. Thathas a' toirt sùil air bàrdachd agus rosg Gàidhlig a chuireadh an sgrìobhadh ann an colonaidhean agus, na b' anmoiche, stàitean, agus mòr-roinnean Aotearoa agus Astràilia. Cuirear cuideam an seo air earrannan ann am pàipearan-naidheachd agus irisean a chuimsich gu sònraichte agus sa chiad dol a-mach air na h-in-imrichean Gàidhealach. Leigidh sin leinn beachdachadh air cleasan a tha suaicheanta dha litreachas sluagh-sgapach na Gàidhlig.

Buinidh trì pàirtean dhan sgrùdadh seo is gach fear dhiubh a' dol an doimhneachd ann an nàdar, feum, agus fàth fhoillseachaidhean Gàidhlig an Astralàisia. Mar thoiseach tòiseachaidh, thathas a' suidheachadh sgrìobhaidhean nan in-imrichean ann an co-theacsa colonach. Leigidh sinn leinn toirt fa-near dha dreuchd na Gàidhlig ann a bhith a' colonachadh tìr, teanga, agus tuath Astralàisia. Cuiridh sùil air a' cho-theacsa Albannach an comas dhuinn, an uair sin, beachdachadh air a' bhuidh leantainnich a bha aig foillseachaidhean Gàidhlig agus cleasan litreachais na seann dùthcha air na Gàidheil an cèin. Chithear an seo cho mòr an eisimeil lìonraidhean tar-nàiseanta is a bha an sgapadh-sluaigh Gàidhealach.

An dèidh sin, thathas a' toirt sùil air dà sheòrsa foillseachaidh ann am pàipearan-naidheachd Astralàisia: sanasan agus colbhan. Bheir an dà dhiubh sin fianais air foillseachaidhean Gàidhlig a fhreagair air cumadh is nàdar nan àrainneachdan cèin-thìreach. Tha na h-earrannan seo uile a' toirt mun aire dhuinn gun robh barrachd na feum samhlauchail air a' Ghàidhlig. Gu dearbh, bha Gàidheil Astralàisia airson an cànan màthaireil a chleachdadh ann an caochladh àrainneachdan sòisealta, mar eisimpleir sa choimhearsnachd, san eaglais, agus aig obair.

Tha miann nan in-imrichean a bhith a' rèiteachadh na Gàidhlig ri diofar àrainneachdan sòisealta cuideachd a' tighinn am follais sa chaibideil mu dheireadh. Tha i sin a' coimhead air dà iris a dh'fhoillsich litreachas na Gàidhlig an cèin: an *Teachdaire Gaidhealach* à Hobart, Tasmania, agus an *New Zealand Tablet* à Dunedin, Otago. Cuiridh an dà iris sin nas fhaide gu dearbhadh gu bheil sgrìobhaidhean nan in-imrichean Gàidhealach nan sgàthan dha na h-àrainneachdan sluagh-sgapach às an do dh'èirich iad.

Clàr-innse

Geàrr-chunntas	1
Buidheachas	3
Gairm an Ùghdair	4
Briathrachas	5
Nòs sgrìobhaidh	6
Liosta Dhealbhan is Mhapaichean	7
Ro-ràdh	9
Na Gàidheil an Astralàisia	12
Litreachas na Gàidhlig an Astralàisia	27
Slatan-tomhais agus slatan-sgrùdaidh	31
Modh-obrach	41
Structar an tràchdais	45
Caibideil a h-Aon: Foillseachaidhean Gàidhlig an Astralàisia	47
1.1. Clò-bhualadh na Gàidhlig an Astralàisia	47
1.2. Clò-bhualadh na Gàidhlig an Alba	54
Caibideil a Dhà: Pàipearan-naidheachd	78
2.1. Co-theacsa Astràilia	79
2.2. Co-theacsa Aotearoa	86
2.3. Sanasan	92
2.3.1. Sanasan Malairt	94
2.3.2. Sanasan Iomairt	105
2.4. Colbhan	115
2.4.1. Colbh Gàidhlig an <i>New Zealand Public Opinion, Sportsman and Saturday Advertiser</i>	117
2.4.2. Colbh Gàidhlig an <i>Southern Cross</i>	153
2.4.3. Colbh Gàidhlig an <i>News</i>	176
Caibideil a Trì: Irisean	191
3.1. <i>An Teachdaire Gaidhealach</i>	194
3.2. <i>The New Zealand Tablet</i>	227
Caibideil a Ceithir: Co-dhùnadh	245
Clàr-leughaidh	250
Eàrr-ràdh	267

Buidheachas

‘Is beag fios aig fear an tàimh air ànradh fear na mara.’

Bu mhath leam taing mhòr a thoirt dha na triùir stiùirichean agam a ghabh cuairt còmhla rium gu ‘dùthaich nan sròintean gorm’ agus ‘coilltichibh dosrach uaine’ Astràilia tro shùilean nan imrichean Gàidhealach. Tha mi gu sònraichte taingeil dhan a’ phrìomh stiùiriche agam, an Dotair Sheila Kidd, airson gach cothrom a nochd i dhomh bruidhinn air an rannsachadh seo. Gu dearbh, bha mi ceart cho taingeil airson gach cothrom gun a bhith a’ bruidhinn air. Taing mhòr cuideachd dhan an dàrna stiùiriche agam, an Dotair Aonghas MacCoinnich, nach robh a-riamh leisg comhairle thoinisgeil agus mhionaideach a thoirt dhomh. Gach dìleas gu deireadh, tha mo thaing aig an treas stiùiriche agam, an t-Ollamh Rob Dunbar, airson nam faclan brosnachail agus ciallach aige.

Tha mi cuideachd fada an comain an uireid de leabharlannaichean agus thasglannaichean an Alba, Aotearoa, agus cuideachd Afraga a chùim taic rium thairis air na bliadhnaichean. Cha bhiodh e air a bhith comasach cuid mhath de na prìomh agus dàrna tùsan a thrusadh agus a sgrùdadh às aonais an còbhrach. A-rèiste, mo thaing aig luchd-obrach a’ Chruinneachaidh Hocken agus an Leabharlainn Phoblaich an Dunedin, an Leabharlainn Alexander Turnbull an Wellington, an Leabharlainn Phoblaich an Invercargill, Tasglann an *Oban Times*, Leabharlann Nàiseanta na h-Alba an Dùn Èideann, agus Leabharlann Oilthigh Baile a’ Cheap an Afraga a Deas.

Mo bheannachd cuideachd dhan Ionad airson Trèanadh Dotarail sna Cànain Cheilteach (CDT) agus an AHRC a thug sgoileireachd fhialaidh dhomh airson an rannsachaidh seo.

Mu dheireadh, bu mhath leam taing a thoirt dhan an teaghlach Albannach is Ghearmailteach agam. Nach sibhse bha foighidneach rium. Mo ghaol gu h-àraidh dha mo chèile, Colm, agus dha mo phiuthar, Larissa, nach do leig leam dol iomrall nuair a dh’fhàs cùisean dùbhlach.

Gairm an Ùghdair

Tha mi a' dearbhadh gur e seo an obair agam fhìn. Nochdaidh iomraidhean san teacsa, sna bonn-notaichean, agus sa chlàr-leughaidh gu soilleir far a bheil mi air obair dhaoine eile a chleachdadh. Cha do chuireadh an rannsachadh seo a-steach airson ceum eile fhaotainn aig Oilthigh Ghlaschu. Rinn mi obair air an tràchdas seo thairis air na bliadhnaichean sgoileireil 2018-2019, 2019-2020, 2020-2021, 2022-2023, 2023-2024. Tha 98,983 faclan san tràchdas.

Briathrachas

Aithne phearsanta thàthanaichte	<i>hyphenated identity</i>
Bàrdachd nan Raointean òir	<i>Goldfield Poetry</i>
Clò-chlàr na Gàidhlig	<i>Gaelic Printing Press</i>
Co-chomann dùthchasach	<i>associational culture</i>
Crìochan cinnidheach	<i>ethnic boundaries</i>
Cuideam air easbaidhean	<i>deficit approach</i>
Cùis bòidheach	<i>aestheticism</i>
Drochaid bhun-bheachdail	<i>conceptual bridge</i>
Eileachadh	<i>alienation</i>
Eòlas imrich	<i>migration experience</i>
Eu-coireach gun chuing	<i>emancipated convict</i>
Far-stuth	<i>by-product</i>
Feachd na Slàinte	<i>Salvation Army</i>
Geàrr-shaoghalach	<i>ephemeral</i>
gnìomh sluagh-sgapach	<i>diasporic action</i>
Imrichean fo sgèamaichean taic	<i>assisted migrants</i>
Inneal-lorg	<i>search engine</i>
Inntinn-còlas	<i>Phrenology</i>
Laoidh Preas	<i>Bush Ballad</i>
Libearalas colonach	<i>colonial liberalism</i>
Luchd-colonach tuineachaidh	<i>settler-colonists</i>
Poileasaidh co-choslachaidh	<i>assimilation policy</i>
Preas	<i>Bush</i>
Sgapadh-sluagh	<i>diaspora</i>
Sgrùdadh sreathach	<i>linear study</i>
Smachd	<i>agency</i>
Taobh-deiridh na luinge	<i>steerage</i>
Tar-nàisean neo-thìreach	<i>nonterritorial transnation</i>
Tionndadh Gnìomhachais	<i>Industrial Revolution</i>
Tionndadh paradaidhm	<i>paradigm shift</i>
Tùsanachadh	<i>indiginisation</i>

Nòs sgrìobhaidh

Tha mi a' cleachdadh an ainm, 'Aotearoa', tron tràchdas air fad. Ged as e nòs iar-cholonach a tha sin, tha mi den bheachd gu bheil 'Aotearoa' iomchaidh is spèiseil dha prìomh mhuinntir na dùthcha.

Chuir mi ainmean Gàidhlig nam bàrd, sgrìobhadairean, agus in-imrichean Gàidhealach gu feum cho fad is a bha e comasach dhomh lorg fhaighinn orra ann an cunntasan sgrìobhte. Ma bha caochladh thionndaidhean ann, thagh mi an t-ainm a bu bhitheanta agus an litreachadh Gàidhlig.

Cha do rinn mi deasachadh air na sgrìobhaidhean Gàidhlig ach far an robh briathran mì-shoilleir ri linn litreachaidh agus càileachd nam foillseachaidhean. Thig blas nan in-imrichean Gàidhealach gu minig am bàrr sna sgrìobhaidhean is b' fheàrr leam gun a bhith a' cur sin am beag-shuim. Bheir an litreachadh cuideachd beachd dhuinn air an ìre de dh'oideas Gàidhlig a bha Gàidheil Astralàisia air fhaighinn aig an taigh, a bharrachd air na cothroman a bha ann dhaibh an cuid Ghàidhlig a chleachdadh an cèin.

'S e siostam Chicago a chleachd mi airson iomraidhean.

Liosta Dhealbhan is Mhapaichean

Dealbh 1: Beannachdan MhicMhuirich	29
Dealbh 2: Sanas sa Moonta Herald	83
Dealbh 3: Sanas Comann Gàidhealach Hawke's Bay	87
Dealbh 4: Sanas Philips agus MhicFhearchair	91
Dealbh 5: Sanas MhicLeòid	97
Dealbh 6: Dàrna sanas MhicLeòid	98
Dealbh 7: Sanas an Don Tailoring Company 1898	100
Dealbh 8: Sanas MhicCoinnich	101
Dealbh 9: Às-earrann à Litir impidh agus rabhaidh	105
Dealbh 10: Earrann ann an leabhar-latha MhicIonmhuinn	106
Dealbh 11: Sanas MhicIonmhuinn	107
Dealbh 12: Sanas le MacDhùghaill	109
Dealbh 13: Mi-chinnt an Akaroa Mail	114
Dealbh 14: Sanas don Chomann Ghàidhlig	115
Dealbh 15: An t-Seana Chainnt le Gilleasbuig Mac an Aba	118
Dealbh 16: 'Thoir soraidh uam 'san uair so' le Iain MacGillÌosa	124
Dealbh 17: 'Strathallan' le Iain MacGillÌosa	126
Dealbh 18: Òran MhicGillÌosa, 'Nuair a chuala mi 'n sgeul'	131
Dealbh 19: Òran MhicGillÌosa, 'Nuair a chuala mi 'n sgeul'	132
Dealbh 20: Gairm Gàidheil Hawke's Bay	139
Dealbh 21: Cumha an Dòmhnallaich don Ridire Dòmhnall Mac'Illeathain	140
Dealbh 22: Luinneag do dh'Iain Mac-Ill-Linnean	147
Dealbh 23: Às-earrann à colbh 'Eileanach'	150
Dealbh 24: Às-earrann à colbh 'Feileadh-beag'	153
Dealbh 25: Às-earrann à colbh 'Feileadh-beag'	154
Dealbh 26: Às-earrann à colbh 'Eileanach'	155
Dealbh 27: Às-earrann à colbh 'Eileanach'	161
Dealbh 28: 'Moladh Otago'	165
Dealbh 29: Às-earrann à colbh 'Eileanach'	167
Dealbh 30: Bàrdachd Ghàidhlig/Bheurla san News	175
Dealbh 31: Laoidh Preas Allan Martin san News	177
Dealbh 32: Sanas don 'Fìor Ghaidheal'	185
Dealbh 33: Cothroman cosnaidh am Melbourne, 1857	195
Dealbh 34: Comhairle do Ghàidheil aig na Diggings	197
Dealbh 35: Às-earrann à naidheachd air a' cho-thional an Geelong	200
Dealbh 36: 'Òran an Eilthirich' le Aonghas Mac Bheatha	203
Dealbh 37: Sgeulachd à Mac-Talla san Tablet	232
Mapa 1: Motatapu, Otago	71

Mapa 2: Mount Aspiring, Morven Hills, agus Dunedin, Otago	73
Mapa 3: Bho thuath gu deas: Lismore, Coraki, Maclean, Grafton, Newcastle, Sydney, agus Nowra, NSW	78
Mapa 4: Bho thuath gu deas: White Feather (Kanowna) agus Loch Varley, Astràilia an Iar	79
Mapa 5: Invercargill, an Tìr a Deas, agus Dunedin, Otago	85
Mapa 6: Bhuin an Western Star do Riverton, an Tìr a Deas, agus am Mataura Ensign do Mataura, an Tìr a Deas	89
Mapa 7: Baile Hobart, Van Dieman's Land/Tasmania	94
Mapa 8: Bho thuath gu deas: Wooroowoolgen, Coraki, Maclean, agus Grafton, NSW	108
Mapa 9: Hampden, Palmerston, agus Dunedin, Otago	130
Mapa 10: Heretaunga (Hastings) agus Te Aute, Hawke's Bay	137
Mapa 11: Riversdale (Dàil na h-Aibhne), Winton, agus Invercargill, an Tìr a Deas	152
Mapa 12: Bho thuath gu deas: Kadina, Port Vincent, Adelaide, Naracoorte, agus Penola, Astràilia a Deas	170

Ro-ràdh

Tha iad rud-eigin coltach ris an airgiod a tha iad a' faighinn an dràs ann an Indooroopilli. Bha an t-airgiod luachmhor anns na bruachan agus na glacan uaigneach ud, bho shean agus is iomadh duine bochd a bha 'ga shaltairt fo an casan, bho thòisich sluagh air a bhi ag gabhail còmhnaidh anns an nàbaidheachd. Cha robh fios aca gu'm b' e airgiod air an robh iad a deanamh dimeas. Air an dòigh cheudna, bha muinntir na Gàidhealtachd air an di-chuimhneachadh, gun neach sam bith a' toirt an aire dhoibh.¹

Chan ann eu-coltach ris an airgead a lorgadh an Indooroopilly, Queensland aig toiseach an 20mh linn a tha an corpas luachmhor de sgrìobhaidhean Gàidhlig a chuireadh an clò an Astralàisia san 19mh agus 20mh linn. Bhon uair a ghabh Gàidheil còmhnaidh sa cheàrn sin den t-saoghal, chuir uimhir nach beag dhiubh peann ri pàipear. Chunnacas grunnan a' dol fù 's na b' fhaide is iad a' cur an cuid earrannan Gàidhlig gu pàipearan-naidheachd agus irisean ionadail airson clò-bhualadh. Bha na sgrìobhaidhean luachmhor ud am falach bhon uair sin agus, coltach ri in-imrichean Gàidhealach an Queensland, 'gun neach sam bith a' toirt an aire dhoibh.' Ri linn na h-obrach didseatachaidh a tha tasglannan agus leabharlannan an Astralàisia air tòiseachadh air gabhail os làimh, gabhaidh earrannan Gàidhlig nach do chuireadh an clò ach an Astràilia is Aotearoa sgrùdadh a-nis airson na ciad uarach. Tha cothrom nach fhacas roimhe againn beachd nas iomlaine fhaighinn air beatha nan Gàidheal agus dreuchd na Gàidhlig san sgapadh-shluagh Ghàidhealach.² Ann am briathran Tanja Bueltmann, bha an sgapadh-sluagh sin, '*actively maintained, promoted and utilised by its members,*' le taic ghnìomhan sluagh-sgapach (*diasporic actions*).³ Tha sgrìobhaidhean Gàidhlig nach do chuireadh ach fa chomhair Ghàidheal an cèin nan sàr eisimpleir air leithid de ghnìomhan. Fhreagair iad air luchd-leughaidh a bha air na sochairean is dochairean an lùib imrich fhiosrachadh is thig sin am bàrr ann an gnèithean, nòsan, agus cuspairean an litreachais.

Tha rannsachadh an tràchdais seo a' togail air a' bheachd nach ionnan litreachas na Gàidhlig a rinneadh an Astralàisia agus litreachas na Gàidhlig a rinneadh an Alba san 19mh linn agus aig toiseach na 20mh linne. Chan ionnan, ma-tà, litreachas a' mhòr-shluaigh Ghàidhealaich agus litreachas sluagh a bha ioma-chultarail ri linn na h-àrainneachd sluaigh-sgapach anns an robh

¹ Iain Dubh Mac Dhomhnull 'ic Iain, *Duanagan agus Sgeulachdan Beaga* (Glaschu, 1937), td. 39.

² 'S e 'sgapadh-sluagh' a chleachdar san tràchdas seo an àite 'diaspòra'.

³ Tanja Bueltmann, *Scottish Ethnicity and the Making of New Zealand Society, 1850 to 1930* (Dùn Èideann, 2011), tdd. 181-182; Tanja Bueltmann, Andrew Hinson, agus Graeme Morton, *The Scottish Diaspora* (Dùn Èideann, 2013), td. 18.

e beò.⁴ B' e fear de chànain 'LOTE' a bh' anns a' Ghàidhlig an Astralàisia san 19mh agus, an tomhas na bu lugha, san 20mh linn.⁵ Bha i uair ga bruidhinn, ga sgrìobhadh, agus ga leughadh le luchd-tuineachaidh ann an caochladh àitichean-tuineachaidh air feadh Astràilia is Aotearoa. Coltach ri litreachas ann an cànanain *LOTE* eile – leithid de Shìnis, Bhiet-Namais, Arabais, Phòlainnis – buinidh litreachas na Gàidhlig do dhìleab litreachail Astralàisia.⁶ 'S e bhith a' dearbhadh sin le taic sgrùdadh air buadhan ioma-chultarail ann an caochladh chlà-bhualaidhean Gàidhlig a tha fa-near don tràchdas seo. Ann a bhith a' sgrùdadh litreachas Sìnis an Astràilia, tha Huang Zhong a' mìneachadh nach eil ann an litreachas ioma-chultarail ach litreachas a nochdas measgachadh de bhuidhean cultarail is cinnidheach, '*from the diverse communities that make up the migrant nation, and transnational in reaching across national and cultural borders for its subject matter as well as readership.*'⁷ Chan eil sin ri ràdh gur e litreachas air iasad a th' ann is nach do rinn na sgrìobhadairean ach ath-aithris air gnèithean, nòsan, agus cuspairean a bha ann cheana. Tha Zhong a' toirt rabhadh dhuinn gun a bhith a' smaoinichadh air sgrìobhaidhean ioma-chultarail mar ghnè de litreachas a bhuineas do thìr àraich nan imrichean, i. tionndadh cèin-thìreach de litreachas dùthchasach. 'S ann a tha na sgrìobhaidhean a' riochdachadh eòlas is aithne nan imrichean is iad, uime sin, suaicheanta don tìr imrich. Bheir rannsachadh Helen Bones air cleachdaidhean is nòsan litreachais an Aotearoa beachd cosmhail ri sin am follais. Cha b' e '*a borrowed culture*' a bha ann an dualchas nan imrichean, ar leatha, '*it was simply their culture, which was then adapted to suit local circumstances.*'⁸ Le bhith a' sgrùdadh corpas na Gàidhlig an Astralàisia, tha cothrom againn tuigse nas fheàrr is nas iomlaine fhaighinn air nàdar is crìochan litreachas Astràilia is Aotearoa. Chan e a-mhàin gu bheil an tuigse sin na buannachd do dh'Eòlas Litreachais na dà dhùthcha sin, tha i cuideachd feumail do raointean sgoileireachd eile a leithid Eòlas na h-Alba agus Eòlas Ceilteachais. Tha Silke Stroh a' togail air an dòigh anns an gabh modhan-obrach an cois sgoileireachd eadar-nàiseanta iar-cholonach cur gu feum ann an sgoileireachd air Alba. 'S iad gu h-àraidh anailisean mu choinneamh, '*correlations between social and cultural power imbalances, as well as re/constructions of national identities,*' ann an coimhearsnachdan ioma-chultarail, ioma-

⁴ Huang Zhong, 'Towards a Multilingual National Literature: The *Tung Wah Times* and the origins of Chinese Australian Writing', *Journal of the Association for the Study of Australian Literature* 15:3 (2015), tdd. 1-11 (9).

⁵ 'S e '*Languages Other Than English*' as ciall do *LOTE*. Airson barrachd fiosrachaidh air cànanain *LOTE*, feuchaibh, Kendall A. King agus Johanna Ennser-Kananen, 'Heritage Languages and Language Policy', ann an Carol A. Chapelle (deas.), *The Encyclopedia of Applied Linguistics* (Oxford, 2013), td. 1.

⁶ Zhong, 'Towards a Multilingual National Literature', td. 1.

⁷ Ibid., td. 9.

⁸ Helen Bones, *The Expatriate Myth: New Zealand Writers and the Colonial World* (Dunedin, 2019), td. 37.

chànanach, agus – gun teagamh – colonach a tha gu feum do sgoileireachd cho-aimsireil na h-Alba. Am beachd Stroh,

*The transfer of international postcolonial analytical patterns to the study of Scottish and Celtic culture(s) might help to create an even better understanding of the ways in which these cultures have been textualized, both by outsiders and insiders.*⁹

Cuirear ri sin beachd Zhong gum fàs deasbad sgoileireil eadar-nàiseanta air Eòlas Litreachais fiù 's nas torraiche uair 's gu bheil litreachas ioma-chultarail is ioma-chànanach air a chlàradh gu h-ìomchaidh an Astràilia is Aotearoa. 'S ann an uair sin, ar leis, a ghabhas co-chruinneachaidhean de litreachas a bharrachd air lionraidhean sgoileireil toirt gu buil.¹⁰

'S iad sgrìobhaidhean Gàidhlig a chuireadh an clò ann am pàipearan-naidheachd agus irisean Astralàisia eadar 1830 agus 1939 a tha fo sgrùdadh san tràchdas seo. Bheirear sùil air beagan a bharrachd air ceud bliadhna de chlà-bhualaidhean Gàidhlig on as e tràth a tha sin anns am facas sgrìobhaidhean de dhiofar càileachd, uiread, agus feum a bhith gan cur an clò. Mar a dh'ainmicheadh cheana, tha an corpas sin gu ìre mhòr am falach is gun a bhith air a sgrùdadh gu h-ìomlan no fiù 's am-feasta.¹¹ Eu-coltach ris na foillseachaidhean Astràilianach, tha corra fhoillseachadh Gàidhlig à Aotearoa air a bhith fo sgrùdadh agam cheana ann an tràchdas Maighstireachd.¹² 'S ann a tha an tràchdas sin a' dèanamh sgrùdadh air eilthireachd agus tuineachadh nan Gàidheal an Aotearoa le taic sgrìobhaidhean a dh'fhoillsicheadh an dà chuid an Alba agus an Aotearoa. An taca ri sin, tha an tràchdas PhD a' dol an doimhneachd ann am feum is fàth fhoillseachaidhean Astralàisia do sgrìobhadairean agus luchd-leughaidh ann an àrainneachdan ioma-chultarail nan colanaidhean. Bheirear prìomhachas an seo do sgrìobhaidhean Gàidhlig a chuireadh an clò ann am pàipearan-naidheachd agus irisean colonach. A chum tomhas de dh'ìomlanachd a choileanadh, togar an-dràst' is a-rithist air sgrìobhaidhean Gàidhlig à Astralàisia a chuireadh an clò an Alba. Tha an cuibhreann sin den sgrùdadh nas lugha air adhbharan meud an tràchdais, tomhas-ùine fa chomhair an rannsachaidh, agus cuideachd crìochan an sgrùdaidh fhèin. A dh'aindeoin sin, chan eil math dhuinn dearmad a dhèanamh air na foillseachaidhean cudromach sin is iad a' toirt bhuadhan

⁹ Silke Stroh, *Uneasy Subjects: Postcolonialism and Scottish Gaelic Poetry* (Amsterdam, 2011), td. 33.

¹⁰ Zhong, 'Towards a Multilingual National Literature', td. 2.

¹¹ Ibid., td. 1; Mary Besemeres agus Katarzyna Kwapisz Williams, "'Waltzing St Kilda': Writing in Polish in Australia', *Journal of the Association for the Study of Australian Literature* 21:1 (2021), tdd. 1-22 (1).

¹² Viktoria Marker, 'Litreachas na Gàidhlig à Sealann Nuadh', (Oilthigh Ghlaschu: Tràchdas Maighstireachd neo-fhoillsichte, 2018).

tar-nàiseanta ann an litreachas ioma-chultarail na Gàidhlig am follais. Chan eilear idir a’ dol as àicheadh buaidh na h-Alba agus litreachas na Gàidhlig an Alba air litreachas na Gàidhlig an cèin. Tha na lionraidhean tar-nàiseanta a ghlèidh Gàidheil an Astralàisia ri Alba a’ dearbhadh gun robh an t-seann dùthaich a’ toirt iùil, brosnachadh, agus misneachd dha na h-imrichean fad iomadh bliadhna. Thathas den bheachd, ge-tà, nach eil sgoileireachd air gu leòr de dh’aire a thoirt do bhuaidh nan colonaidhean air an litreachas a tha fo sgrùdadh. Tha cuideam air co-theacsa nan colonaidhean a’ cur an comas dhuinn clò-bhualaidhean a sgrùdadh tro phrosbaig ioma-chultaras, i. mu choinneamh feum agus fàth an litreachais do sgrìobhadairean, luchd-leughaidh, agus luchd-sgaoilidh a bha beò ann an àrainneachdan ioma-chultarail nan colonaidhean.

Na Gàidheil an Astralàisia

Sgrìobh am Muileach, Dòmhnall Mac Bheatha, litir ann an 1875 anns an do bhrosnaich e clann nan Gàidheal an Alba is an cèin,

Feumaidh sinn dol ni ’s fhaide, agus “Sliochd nam Beann” a shuidheachadh mar an ceudna far nach tachd a Bheurla an canain mar a thatar a deanamh anns a Ghaidhealtachd; agus a chum sin a dheanamh feumar Tuineachas Ghaidhealach a shuidheachadh ann an tir chein. [...] Sealamh air an aireamh Ghaidheil a tha ann an *Australia, New Zealand, agus America*, nam bitheadh iad an diugh ann an aon tir, nach bu mhaith an Tuineachas a dheanadh iad.¹³

B’ e gairm do stèidheachadh colonaidh Ghàidhealach a bha fa-near do Mhac Bheatha agus e fhèin air eilthreachd a dhèanamh gu Victoria, Astràilia, ann an 1852. Bha e ann am Bimbourie, Astràilia a Deas, nuair a chuir e a ghairm gu deasaiche an *Highlander*, Iain MacMhurchaidh. ’S e dà ghnothach cudromach a chuireas briathran Mhic Bheatha air shùilean dhuinn. Sa chiad dol a-mach, bha na Gàidheil an sàs ann an dealbhadh ìmpireachd is colonachd agus bu mhiann le cuid na dh’ionnsaich iad an cèin a chur gu feum airson math an sliochd fhèin. A bharrachd air sin, bha uiread nach beag dhiubh sna colonaidhean is an àireamh sin mòr gu leòr airson, am beachd Mhic Bheatha, aonadh fo bhratach ìmpireachd beag, Ghàidhealach. Thoireamaid sùil an toiseach air na tha againn de sgrùdaidhean uimhireil agus càileachdail air imrichean Ghàidhealach an Astràilia agus Aotearoa. Ge prìseil na sgrùdaidhean sin uile, chì sinn fhathast

¹³ D. B., *The Highlander*, 1 an Cèitean 1875, td. 3; Chuir e am miann an cèill uair eile san *Oban Times* ann an 1885. Feuchaibh, *Oban Times*, 1 an Lùnastal 1885, td. 7.

gu bheil mòran dhiubh bonntaichte air modhan-obrach agus slatan-tomhais nach leig leinn eòlas iomlan a chur air a' chaochladh Ghàidheal a dh'fhalbh a dh'Astralàisia.

Coltach ri iomadh Eòrpach eile, bha na Gàidheil am measg nan 60 millean a chuir cùl rin dùthaich mhàthaireil eadar cogaidhean Napoleon agus an Cogadh Mòr. Am beachd Donald Harman Akenson, chunnacas san tràth sin, '*the greatest single period of land theft, cultural pillage, and casual genocide in world history.*'¹⁴ A-mach às an dà mhillean imriche a chuir cùl ri Alba eadar meadhan na 19mh linne agus meadhan na 20mh linne, chaidh mu 16.8% (361,000) a dh'Astralàisia.¹⁵ Tha pailteas is caochladh adhbharan ann a thug air na Gàidheil falbh thar chuan. Ged a bhitheamaid uaireannan gann de dh'fhios air suidheachadh pearsanta gach imriche, tha e fhathast comasach dhuinn toirt fa-near dha grunn mhòr-adhbharan a bhrosnaich eilthreachd san 19mh linn. Tha Devine ag aithneachadh cuid dhiubh ann an, '*chronic problems of the Highland economy after the end of the Napoleonic Wars.*'¹⁶ Chunnacas sna 1820an agus 1830an crìonadh a' tighinn air obraichean air am b' àbhaist dha na Gàidheil tighinn beò, mar eisimpleir obair na ceilp, iasgach coimeirsealta, tarraing uisge-beatha, agus seirbhis san arm.¹⁷ A dh'aindeoin an t-suidheachaidh èiginnich sin, chaidh àireamh an t-sluaigh gu mòr am meud air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan.¹⁸ Cha robh air, an uair sin, ach obair a lorg air a' Ghalltachd far an robh cothroman obrach ùra air èirigh às an Tionndadh Ghnìomhachais (*Industrial Revolution*).¹⁹ 'S e na chuir cor nan Gàidheal na b' fhaide am mìosad nach robh cothroman àiteachais ann dhaibh aig an taigh. Bha gleanntan torrach na h-iar-thuath fo chòmhdach chaorach is thòisich uachdaran fearainn ag àrdachadh a' mhàil air an cuid oighreachdan agus/air neo a' togail an tuatha airson barrachd rùm a thoirt dha na beathaichean.²⁰ Mura robh e comasach do theaghlach am màl àrd a phàigheadh air neo tighinn beò air oirthir garbh na tìre, b' fheudar dha falbh gu deas air neo thar a' chuain. Thug gaiseadh a' bhuntàta agus a' ghoirt a dh'èirich às a' sin sna 1830an agus, uair eile, sna 1840an an roghainn eadar oirthir na tìre agus bailtean na Galltachd buileach air falbh bho chuid. Chì sinn ann an clàran Comann Eilthreachd na Gàidhealtachd agus nan Eilean, air an togar an ceartair, cho èiginneach is a bha cor iomadh teaghlach Gàidhealach aig toiseach nan 1850an.

¹⁴ Donald Harman Akenson, 'The Great European Migration and Indigenous Populations', ann an Graeme Morton agus David A. Wilson (deas.), *Irish and Scottish Encounters with Indigenous Peoples; Canada, the United States, New Zealand, and Australia* (Montreal, 2013), tdd. 22-48 (25).

¹⁵ Dudley Baines, *Migration in a Mature Economy: Emigration and Internal Migration in England and Wales, 1861-1900* (Cambridge, 1985), td. 64.

¹⁶ T. M. Devine, *Clanship to Crofters' War: The social transformation of the Scottish Highlands* (Manchester, 1994), td. 137.

¹⁷ Ibid.

¹⁸ Eric Richards, *The Highland Clearances; People, Landlords and Rural Turmoil* (Dùn Èideann, 2018), tdd. 58-62.

¹⁹ Devine, *Clanship to Crofters' War*, td. 138.

²⁰ Richards, *The Highland Clearances*, tdd. 96 ff.

Am beachd Harper, 's i bochdainn, a-rèiste, am prìomh adhbhar dha eilthireachd nan Gàidheal bho na 1820an air n-aghaidh, '*the 'desire' to emigrate was generated by poverty,*' agus '*the catalysts for most emigrants were famine and high rents.*'²¹ Bha mòran de na h-eilthirich Ghàidhealach, ar leatha, nan '*unwilling exiles.*'²² Bithear mothachail, ge-tà, nach eil a h-uile sgoilear ag aontachadh ri sin. 'S e beachd John M. McKenzie gun robh nàdar saor-thoileach air imrich nan Gàidheal gu Otago, Colonaidh Ceap an Afraga, agus Canada sna 1820an. Tha e a' cur far comhair, '*Scottish migration was thus a mix of the forced and the elective (...). New Zealand Scots were much more likely to be from the elective category.*'²³ 'S iad 'fògarraich dheònach' (*willing exiles*) a tha aig Rebecca Lenihan air na Gàidheil a ràinig Aotearoa san 19mh linn.²⁴ An taca ri sin, 's e eilthireachd, '*involuntarily or through necessity,*' a tha Martin a' dèanamh den ghnòthach is saoillear gur e tuairisgeul freagarrach a tha sin.²⁵ Gun teagamh, feumaidh sinn beachdan nan imrichean fhèin – cho fad is a tha iad againn – a chur gu feum airson beachd a bhith againn air eilthireachd nan Gàidheal a dh' Astralàisia. Am feadh is a ràinig mu thuairmse 200,000 Albannaich Aotearoa, chaidh eadar 160,000 gu 180,000 gu Astràilia an ear.²⁶ 'S e tomhas Lenihan gun do rugadh 13.1% (26,200) den fheadhainn a ràinig Aotearoa air a' Ghàidhealtachd.²⁷ Chan eil fiosrachadh den leithid againn air Albannaich an Astràilia is cha ghabh ràdh ri cinnt, a-rèiste, cò na sgìrean an Alba dhan do bhuin na h-in-imrichean bho thùs. A rèir Buelmann, Hinson, agus Morton, ge-tà, bha an suidheachadh an Astràilia cuimseach cosmhail ris an fhear an Aotearoa. Rugadh is thogadh a' chuid a bu mhotha de dh' Albannaich a thuinich air feadh colonaidhean Astràilia air a' Ghalltachd.²⁸

Chithear nach eil beachd coileanta againn fhathast air an uimhir de Ghàidheil a dh' fhalbh gu Astralàisia san 19mh linn. Gabhaidh sin, gu ìre, cur às leth chlàraidhean agus chunntasan eilthireach am Breatainn nach eil buileach iomlan. A-rèiste, chan eil clàraidhean rim faighinn

²¹ Marjory Harper, *Adventurers and Exiles*, td. 53.

²² Ibid.

²³ John M. MacKenzie, 'A Scottish Empire? The Scottish diaspora and interactive identities', ann an Tom Brooking agus Jennie Coleman (deas.), *The Heather and the Fern: Scottish Migration & New Zealand Settlement* (Dunedin, 2003), tdd. 17-32 (25).

²⁴ Rebecca Lenihan, *From Alba to Aotearoa: Profiling New Zealand's Scots migrants 1840-1929* (Dunedin, 2015), td. 60.

²⁵ Martin, 'Paradise Imagined', td. 27; feuchaibh cuideachd, Krisztina Fenyő, *Contempt, Sympathy and Romance' Lowland perceptions of the Highlands and the clearances during the Famine years, 1845-1855* (Cambridge, 2014), td. 90.

²⁶ Tanja Buelmann, et al., *The Scottish Diaspora*, td. 247; Lenihan, *From Alba to Aotearoa*, td. 20; Dugald MacArthur, 'Some Emigrant Ships from the West Highlands', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* 55 (1986-1988), tdd. 324-345 (325).

²⁷ Lenihan, *From Alba to Aotearoa*, td. 35. Stèidhich i a tomhas-se air clàraidhean a' NZSG agus clàraidhean a' PNZ a bharrachd air cunntasan-sluaigh an Alba. Tha am PNZ a' toirt tarraing air a' phròiseact, 'Peopling of New Zealand', a thug Ministearachd Cultar agus Dualchas Aotearoa gu buil ann an 2007. Feuchaibh, Jock Phillips agus Terry Hearn, 'The Peopling of New Zealand project: Reflections', *Seminar on Ethnic Counting: How do we measure ethnic and cultural transfers in the British world?* (neo-fhoillsichte, 2007).

²⁸ Tanja Buelmann et al., *The Scottish Diaspora* (Dùn Èideann, 2013), td. 246.

air luing-eilthreach a dh'fhàg Alba ro 1825.²⁹ A bharrachd air sin, tha fiosrachadh a dh'fhàg Albannaich a dh'fhalbh à calachan an Sasainn agus an Èirinn ro 1853. Am beachd Bueltmann et al., '*most likely it is emigrants to Australia and New Zealand who are under-reported here.*'³⁰ Le sùil air clàraidhean nan long-eilthreach, tha gainnead fiosrachaidh ann air eilthirich a bha air seòmraichean-luinge a ghlèidheadh (*cabin passengers*) ro 1863 is cuideam air eilthirich ann an taobh-deiridh nan luingean (*steerage*).³¹ Air a' mhodh cheudna, tha barrachd fiosrachaidh againn air imrichean Gàidhealach a ràinig Aotearoa sna 1870an fo sgèith sgèamaichean taic (*assisted migrants*). Bheir rannsachadh Megan Wilson fa-near dhuinn gun do ràinig mu 1,000 Gàidheil a' cholonaidh sna 1870an ri linn sgèama taic.³² Tha Bueltmann air cur ri sin, '*There will most likely also have been many more unassisted Scots from the Highland region.*'³³ Dh'fhaodadh a ràdh gur iad clàraidhean Comann Eilthreachd na Gàidhealtachd agus nan Eilean³⁴ na clàraidhean as iomlaine a tha againn air eilthirich Ghàidhealach a thog orra gu Astràilia eadar 1852 agus 1857 fo sgèith a' Chomainn. Tha iad a' nochdadh dhuinn ainmean-baistidh, sloinnidhean, agus aois nan eilthreach a bharrachd air ainm na h-oighreachd air an robh na Gàidheil a' fuireach ron eilthreachd.³⁵ Tha cuideachd iomradh ann air ainm nan longan-eilthreach agus nan calachan am Breatainn agus an Astràilia. Theagamh gur e na dh'fhàgas na clàraidhean gu sònraichte inntinneach gu bheil iad a' dèanamh luaidh aithghearr air cor is coltas nan eilthreach. Tha clàr Dhòmhnail Mhic Bheatha ag ràdh, mar eisimpleir, gum b' e '*fine man*' a bha na athar, Aonghas Mac Bheatha, agus gun robh an teaghlach cuimseach fallain. An taca ri sin, thugadh fa-near do dh'Eachann MacDhùghaill, a dh'fhalbh air a' *Marmion* cuide ri Mac Bheatha, mar, '*a fine looking man but very poor and destitute.*'³⁶ B' e Thomas Fraser a chuir Comann Eilthreachd na Gàidhealtachd agus nan Eilean air chois ann an 1852 le sùil ri 'carthannas' a nochdadh do Ghàidheil a bha araon ro bhoichd son fuireach an Alba às dèidh goirt nan 1830an is 1840an agus ro bhoichd son eilthreachd a dhèanamh. Bha an Comann airson eilthreachd a bhrosnachadh agus a chur an comas Ghàidheal le taic fho-

29 Ibid., td. 64.

30 Ibid.

31 Ibid.

32 Megan Wilson, 'Myth and Misunderstanding: The Enigma of the Scottish Highland Migrant to Otago/Southland, 1870-79' (Oilthigh Otago: Trächdas Maighstireachd neo-fhoillsichte, 1999), tdd. 194-213.

33 Tanja Bueltmann, *Clubbing Together: Ethnicity, Civility and Formal Sociability in the Scottish Diaspora to 1930* (Liverpool, 2014), td. 204.

34 Seo, '*Highland and Island Emigration Society*'.

35 Roderick A. C. Balfour, 'The Highland and Island Emigration Society: 1852-1858', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* 57, tdd. 429-566.

36 'Poor relief and migration records – Highlands and Islands Emigration – Search results airson "Marmion"', https://www.scotlandscotlandpeople.gov.uk/record-results?page=8&search_type=people&dl_cat=poor-relief&dl_rec=poor-relief-hie&surname_so=exact&forename_so=starts&shipname=MARMION&arrivalport=MORETON%20BAY&record_type=hie [ruigte 30.07.2019].

sgriobhaichean prìobhaideach.³⁷ Am beachd Devine, dh'fhàs an Comann gu bhith, '*a government project in all but name*,' às dèidh dha dol fo stiùir Iain MhicNèill agus Charles Trevelyan.³⁸ Bha an dithis ri chèile an aghaidh an t-seòrsa carthannais a bha an amharc aig Fraser. A-rèiste, stèidhich iad sgèama an co-bhann le uachdarain-fearainn agus Coimeasan Fearann Colonach agus Eilthreachd a chuir cha mhòr 5000 Gàidheil air fògradh a dh'Astràilia.³⁹

Le sùil air na tha againn de chlàraidhean am Breatainn, bhite an dùil is an dòchas gum faighear an fhianais a tha a dhìth ann an clàraidhean Astralàisia. 'S i an fhìrinn gu bheil tasglannan didseatach ga dhèanamh nas fhasa san latha an-diugh fiosrachadh fhaighinn air cuid de na h-in-imrichean. Aon uair is gu bheil ainm an imriche, ceann-bliadhna na h-in-imriche, agus, mas comasach, ainm na luing-eilthirich againn, bheir taghadh de làraich-lin cothrom dhuinn air clàraidhean imrich. 'S e na dh'fhàgas an rannsachadh rudeigin dùbhlach an Astràilia nach eil na clàraidhean air fad ann an aon àite. 'S e as adhbhar dha sin nach do ghabh Riaghaltas Astràilia gnothach ri clàradh in-imrichean ro 1924. A-rèiste, feumar tasglannan nan diofar Stàitean agus Ranntachdan a chleachdadh is an dàrna cuid dhiubh nas fheumaile na a' chuid eile.⁴⁰ Chì sinn, mar eisimpleir, gu bheil Leabharlann New South Wales ag obair ann an co-bhann le iomairt sinnsireachd, 'Ancestry Library Edition'. Mar thoradh air sin, chan fhaighear greim air goireasan-d ach ann an togalach an leabharlainn air neo ma thathar a' còmhnaidh an NSW.⁴¹ Tha Tasglannan Aotearoa cuideachd ag obair an co-bhann le iomairt den leithid, 'FamilySearch', a tha, eu-coltach ri 'Ancestry', an asgaidh agus ri fhaighinn o astar. Ge-tà, leis gur iad saor-thoilich a tha a' trusadh agus a' cur cruth didseatach air clàraidhean in-imrich, chan eil am fiosrachadh buileach coileanta fhathast.⁴² Tha rannsachadh Rebecca Lenihan air in-imrichean Albannach an Aotearoa eadar 1840 agus 1920, a' toirt fianais air tuilleadh

37 'Highland and Island Emigration Society records', ScotlandsPeople, <https://www.scotlandspeople.gov.uk/guides/record-guides/highland-and-island-emigration-society-records> [ruigte 20.01.2023].

38 T. M. Devine, *The Great Highland Famine: Hunger, Emigration and the Scottish Highlands in the Nineteenth Century* (Dùn Èideann, 1988), td. 252.

39 Marjory Harper, *Adventurers and Exiles; the Great Scottish Exodus* (Lunnainn, 2003), td. 51.

40 Feuchaibh, 'Passenger arrival records', National Archives of Australia, <https://www.naa.gov.au/explore-collection/immigration-and-citizenship/passenger-arrival-records> [ruigte 20.01.2023]; 'Passenger Lists 1845-1940', State Records of South Australia, <https://www.archives.sa.gov.au/finding-information/discover-our-collection/migration-and-crew/passenger-lists-1845-1940> [ruigte 20.01.2023]; 'Passenger records and immigration', Public Record Office Victoria, <https://prov.vic.gov.au/explore-collection/explore-topic/passenger-records-and-immigration> [ruigte 20.01.2023]; 'Shipping and Passenger Records', State Library New South Wales, https://guides.sl.nsw.gov.au/shipping_passengers/passenger_records [ruigte 20.01.2023].

41 Feuchaibh, 'Access Conditions', State Library New South Wales, <https://eresources.sl.nsw.gov.au/access-conditions> [ruigte 20.01.2023]. Gun teagamh, faodar cuideachd pàigheadh airson fo-sgrìobhadh do 'Ancestry'.

42 'Searching passenger lists', Archives New Zealand, <https://www.archives.govt.nz/research-guidance/research-guides/citizenship-and-migration/searching-passenger-lists> [ruigte 20.01.2023].

dhùbhlán an lùib clàraidhean Aotearoa. Ann a bhith a' cleachdadh clàraidhean an NZSG⁴³, mhothaich i gu bheil na cunntasan a' toirt iomradh air àite-fuirich nan imrichean ron eilthireachd ged nach eil guth ann air an àite san do rugadh is thogadh iad.⁴⁴ Tha sin a' ciallachadh gu bheil na clàraidhean a' toirt oirnn creidsinn gum b' e Goill a bh' anns a' chuid a bu mhotha de na h-in-imrichean Albannach. 'S e easbaidh nach beag a tha sin is rannsachadh Tom Devine a' sealltainn gun robh pailteas de Ghàidheil ann a rinn imrich chun na Galltachd eadar 1760 agus 1860.⁴⁵ Air a' mhodh cheudna, tha sgoileireachd Tom Brooking, Eric Richards, agus Rosalind McClean a' cur far comhair gun robh Gàidheil a dh'fhalbh gu Astralàisia buailteach air imrich chun na Galltachd an toiseach.⁴⁶ 'S e sàr eisimpleir den leithid Dòmhnall Aonghas Camshron (1835-1919) a bha na phìobaire, sgrìobhadair Gàidhlig, agus cheann-cinnidh do Chomann Gàidhealach an Tìr a Deas, Aotearoa, sna 1890an. Tha rannsachadh Donald Offwood agus Jennifer Coleman a' sealltainn gun do rinn Camshron, a rugadh is thogadh sa Ghearastan, imrich gu Glaschu mus do thog e air gu Astràilia ann an 1854 agus gu Aotearoa ann an 1859.⁴⁷ Bha an t-Abrach càirdeach do dh'Alasdair Camshroin air an robh aig cuid, '*King of Penola*' agus b' ann air a stèisean-san, 'Mount Sturgeon Plains Station', ann an Astràilia a Deas a ghabh Camshron fastadh an toiseach.⁴⁸ Cheannaich e stèisean dha fhèin ann an sgìre Wakatipu, Tìr a Deas an Aotearoa, a bharrachd air taighean ann an Nokomai, Fassifern, agus Mabel Bush far an do dh'fhuirich e gu deireadh a làithean. Choisinn e cliù an Tìr a Deas, Aotearoa, mar, '*self-styled Highland 'laird' in terms of his patronage of the piping tradition*'.⁴⁹ A rèir Coleman, dh'ainmich am pìobaire, Seumas MacDhòmhnail, na puirt phìoba a bu tràithe a rinneadh an Aotearoa air Camshron, 'D A Cameron Esqr. Of Glenfalloch' agus 'D A Cameron of Fassifern's Salute'.⁵⁰ Togar fhathast air barrachd eisimpleirean den leithid

43 Seo an 'New Zealand Society of Genealogists Scottish Interest Group's Register of New Zealand Immigrants of Scottish Birth Arriving before 1 January 1921'.

44 Lenihan, *From Alba to Aotearoa*, td. 59.

45 T. M. Devine, 'Highland Migration to Lowland Scotland, 1760-1860', *The Scottish Historical Review* 62:174 (an Dàmhair 1983), tdd. 137-149; Devine, *Clanship to Crofters' War*, tdd. 135-137.

46 Eric Richards, 'The Last of the Clan and Other Highland Emigrants', ann an Tom Brooking agus Jennie Coleman (deas.), *The Heather and the Fern: Scottish Migration & New Zealand Settlement* (Dunedin, 2003), tdd. 33-47 (35); Tom Brooking, "'Tam McCanny and Kitty Clydeside' – the Scots in New Zealand", ann an R.A. Cag (deas.), *The Scots Abroad: Labour, Capital, Enterprise, 1750-1914* (Beckenham, 1985), tdd. 156-190 (160), Rosalind R. McClean, 'Scottish Emigrants to New Zealand, 1840-1880: Motives, Means and Background (Oilthigh Dhùn Èideann: Tràchdas PhD neo-fhoillsichte, 1990), td. 172.

47 Jennifer Jane Ann Coleman, 'Transmigration of the *Piob Mhòr*: The Scottish Highland Piping Tradition in the South Island of New Zealand, with particular reference to Southland, Otago, and South Canterbury' (Oilthigh Otago: Tràchdas PhD neo-fhoillsichte, 1996), tdd. 23, 39, 71; Donald Offwood, *Camerons of the Glen: The Story of the Camerons of Glenfalloch Station, Nokomai, Central Otago* (Christchurch, 2008), td. 37; *The Southland Times*, 2 am Faoilleach 1919, td. 4.

48 *The Southland Times*, 2 am Faoilleach 1919, td. 4.

49 Coleman, 'Transmigration of the *Piob Mhòr*', td. 222.

50 *Ibid.*, td. 257.

ach, san eadar-àm, b' fhiach e a ràdh gu bheil Lenihan fhèin ag aithneachadh, '*Knowing where New Zealand's Scottish migrants came from is fundamental to understanding who they are.*'⁵¹

Chì sinn nach e a-mhàin gu bheil na h-àireamhan a tha ri ar làimh neo-earbsach, chan eil annta nas motha ach cnàmhan gun fheòil. Chan innis iad dhuinn sgeul nan imrichean an aona chuid an Alba no an cèin. Fiù 's ged a bhitheamaid mion-eòlach air ainmean, aois, agus àite-fuirich nan Gàidheal a ràinig Astràilia is Aotearoa san 19mh linn, chan fhaigh sinn lorg orra tuilleadh aon uair is gu bheil iad air dol air tìr. Tha Eric Richards a' cur air shùilean dhuinn gum bu ghnàth le in-imrichean Gàidhealach dol ma sgaoil an Astràilia a dh'aindeoin 's gun robh iad an dlùth-cho-chomann ron eilthreachd agus tron turas-chuain.⁵² 'S e sàr eisimpleir den leithid na 36 Hiortaich a ràinig Port Phillip, Victoria, fo sgèith Comann Eilthreachd na Gàidhealtachd agus nan Eilean ann an 1852. Tha sgrùdadh Richards a' nochdadh dhuinn, '*Once the Priscilla immigrants passed out of the hands of the immigration authorities and beyond the reach of charities, their fate becomes more difficult to follow.*'⁵³ Coltach ris na 93,000 in-imrichean eile a thàladh chun na colonaidh ann an 1852 ri linn Boile an Òir, fhuair na Hiortaich tàir ri gainnead àitichean-fuirich, gainnead bidh, agus tinneasan-gabhaltach am Port Phillip.⁵⁴ Cha robh rian gum b' urrainn dhaibh fuireach sa bhaile. A-rèiste, chunnacas an dàrna cuid a' tuineachadh an Little Brighton agus a' chuid eile a' dol ma sgaoil air feadh Victoria.⁵⁵ Mar a bhite an dùil, tha eisimpleirean cosmhail ri sin againn à Aotearoa. Nuair a ràinig 200 Gàidheal Wellington air an long-eilthreach, *Blenheim*, ann an 1840, theab iad dol ma sgaoil o nach robh am fearann a bha an *New Zealand Company* air reic dhaibh an Wanganui ri làimh tuilleadh. Ged a thuinich cuid dhiubh ann an Kaiwarra, baile beag air oir Wellington dom b' ainm cuideachd, '*the Scots settlement*', thog gu leòr de na Gàidheil òra orra gu àitichean-tuineachaidh eile sa cholonaidh.⁵⁶

Chan eil sgeul nan Hiortach agus Gàidheil a' *Blenheim* neo-àbhaisteach ann an co-theacsa tuineachadh Astralàisia. Chì sinn fhathast san tràchdas seo gun robh sgrìobhadairean Gàidhlig sgaoilte is sgapte air feadh nan colonaidhean gun fhios aca aig amannan gun robh Gàidheil eile

⁵¹ Lenihan, *From Alba to Aotearoa*, td. 33.

⁵² Eric Richards, 'The Last of the Clan and Other Highland Emigrants', td. 47.

⁵³ Eric Richards, *From Hirta to Port Phillip: the St Kilda Emigration to Australia in 1852* (Kershader, 2010), td. 26.

⁵⁴ *Ibid.*, td. 21.

⁵⁵ *Ibid.*, tdd. 26-28.

⁵⁶ Brad Patterson, "'It Is Curious How Keenly Allied in Character Are the Scotch Highlander and the Maori': Encounters in a New Zealand Colonial Settlement", ann an Graeme Morton agus David A. Wilson (deas.), *Irish and Scottish Encounters with Indigenous Peoples; Canada, the United States, New Zealand, and Australia* (Montreal, 2013), tdd. 144-169 (149).

faisg orra. Ged a bha feadhainn ann a bha air còmhnaidh a ghabhail faisg air a chèile, chan eil sin ri ràdh gun robh co-chomann eatarra. Chuir an Sgitheanach, Gilleasbuig MacDhòmhnaill, òran Gàidhlig dom b' ainm, 'Aois, maise agus cliù na Gàidhlig', don *Oban Times* à Grafton, NSW ann an 1903 ri linn, '*Being 20 years here, and not meeting anyone who can converse with me in my own tongue, is a strong temptation for a man to indulge in folly such as the enclosed may describe.*'⁵⁷ B' i aonranachd a thug air MacDhòmhnaill an t-òran a chur don phàipear Albannach. Tha fianais eile a' cur mun aire dhuinn, ge-tà, nach robh an Sgitheanach idir cho aonranach is e bha e an dùil. Chuireadh an t-òran an clò grunnan tursan ann am pàipearan-naidheachd NSW mus do thog e ceann an Alba.⁵⁸ Tha fhios gun robh na foillseachaidhean sin ag amas air an uiread de Ghàidheil a bha air tuineachadh mu thimcheall Abhainn Clarence a tha faisg air Grafton. Le sùil air Grafton fhèin, bha na Gàidheil cho pailt ann sna 1860an gun do dh'èirich stri eadar Gàidheil is Goill ri linn 's nach robh Gàidhlig aig ministear saor-clèireach na sgìre, an t-Urr. Gordon.⁵⁹ Tha sgrùdadh Lindsay Proudfoot agus Dianne Hall a' sealltainn nach e a-mhàin gun robh Gàidheil Astràilia an dòchas gum faigheadh iad iùil spioradail tro mheadhan na Gàidhlig, bha iad an dùil ris, '*In Scots Presbyterian communities the use of Gaelic ministers and lay preachers was considered normal wherever there was sufficient Gaelic speakers.*'⁶⁰ A bharrachd air a bhith a' cruinneachadh ri chèile an-dràst' is a-rithist, bhite a' dèanamh adhradh, a' gabhail seachas, agus a' sgrìobhadh sa Ghàidhlig ann an gu leòr de dh'àitichean. Ach bu choma le Gilleasbuig MacDhòmhnaill gun robh a' Ghàidhlig uair àbhaisteach an Grafton. Bu choma leis cuideachd gun robh uiread de Ghàidheil ma thimcheall is e gun chothrom dol nan co-chomann. Tha sgrùdadh càileachdail a' nochdadh dhuinn gun do thog Gàidheil lionraidhean co-chomainn a bha ri làimh na dàrna cuid ged nach robh iad ri làimh na cuid eile.⁶¹ Bheir sgrùdadh den leithid cuideachd fianais air easbhaidh mhòr ann an sgrùdaidhean uimhireil. Ged a bha cuid de Ghàidheil air astar bho Ghàidheil eile, chùm iad orra a' cur an cuid chànan is dualchais an cèill, am meud, agus an

⁵⁷ *Oban Times*, 21 an t-Samhain 1903, td. 3.

⁵⁸ *The Grafton Argus and Clarence River General Advertiser*, 17 an t-Sultain 1903, td. 3; *The Clarence and Richmond Examiner*, 19 an t-Sultain 1903, td. 3; *The Clarence River Advocate*, 27 an Dàmhair 1903, td. 4.

⁵⁹ Lindsay J. Proudfoot agus Dianne P. Hall, *Imperial Spaces: Placing the Irish and Scots in Colonial Australia* (Manchester, 2011), td. 224.

⁶⁰ Ibid.

⁶¹ Tha lionraidhean den leithid an Astralàisia fo sgrùdadh aig Tanja Bueltmann, Angela McCarthy, Kerry Cardell, Cliff Cumming, Eric Richards, agus Evelyn Entwistle. Nam measg sin, 's iad Kardell, Cumming, agus Entwistle na h-aon sgoileirean a chuir cuideam air lionraidhean Gàidhealach. Feuchaibh, Kerry Cardell agus Cliff Cumming, 'Gaelic Voices from Australia; Part V: Gaels and their Language', *Scottish Gaelic Studies* 30 (2016), tdd. 5-53 (2); Kerry Cardell, Cliff Cumming, agus Robert Bakker, *Comunn na Feinne 1856-1946; More than a pub name* (Milton Keynes, 2018); Eric Richards, 'Scottish voices and networks in colonial Australia', ann an Angela McCarthy (deas.), *A global clan: Scottish migrant networks and identities since the eighteenth century* (Lunnainn, 2007), tdd. 150-182; Angela McCarthy, *Scottishness and Irishness in New Zealand since 1840* (Manchester, 2011); Bueltmann, *Clubbing Together* (2014); Evelyn Entwistle, *History of the Gaelic Society of New Zealand, 1881-1981* (Dunedin, 1981).

neart. Le sùil air sgrìobhaidhean agus clò-bhualaidhean Gàidhlig, chithear, ma-tà, nach robh cor na Gàidhlig agus cor an dualchais Ghàidhealaich an-còmhnaidh an eisimeil lionmhorachd de Ghàidheil.

Tha cunntasan den leithid a' sealltainn nach toir sgrùdaidhean uimhireil gu leòr de cho-theacsa dhuinn. Am beachd Bueltmann et al., '*Without the conceptual framework of diaspora, counting or categorising migrant Scots and their descendants does not explain boundary maintenance and ethnic affiliation across nations.*'⁶² Ged a bhitheamaid gann de dh'aireamhan earbsach agus amharasach mun fheadhainn a tha againn, chan eil na seòrsa sgrùdaidhean a dhìth oirnn air a bheil Bueltmann et al. a-mach an sin. 'S fhada a-nis bhon a thòisich sgoilearan a' gabhail suim ann an 'sgeul nan imrichean' gu h-àraidh mu choinneamh chulaidhean-brosnachaidh do dh'eilthreachd agus dileab cultarail, sòisealta, poilitigeach, agus eaconamach nan in-imrichean.⁶³ Chì sinn ann an sgrùdaidhean a rinneadh an Astralàisia fhèin gun robh imrichean Gàidhealach cuimseach pailt, buadhmhor, agus – ann am briathran fear de na h-imrichean fhèin – 'na's gaidhealaich na gaidheil Albainn,' ann an cuid de dh'aitichean.⁶⁴ Bheirear fa-near do bhuaidh nan Gàidheal gu h-àraidh ann an cunntasan, clàraidhean, agus prìomh thùsan nach lorgar ach ann an tasglannan, leabharlannan, agus cruinneachaidhean ionadail. Mar eisimpleir, ann a bhith a' sgrùdadh làmh-sgrìobhainnean pìobaireachd an Tìr a Deas, Otago, agus Canterbury a Deas, tha rannsachadh dotarail Jennifer Coleman a' togail air '*Highland enclave*' san sgìre mu thimcheall cnuic Hokonui anns an Tìr a Deas, Aotearoa.⁶⁵ Tha Coleman a' sealltainn nach b' e an t-uiread de luchd-tuineachaidh Gàidhealach a-mhàin a rinn '*enclave*' den sgìre ach dualchas agus cànan nan Gàidheal. Bha iad sin uair mar phàirt de bheatha làitheil an luchd-tuineachaidh is cuid fiù 's ann gun ach a' Ghàidhlig aca.⁶⁶ Tha rannsachadh Maighstireachd Megan Wilson, 'Myth and Misunderstanding: The Enigma of the Scottish Highland Migrant to Otago/Southland, 1870-79', a' togail nas fhaide air lionmhorachd nan

⁶² Tanja Bueltmann, et al., *The Scottish Diaspora*, td. 63.

⁶³ Feuchaidh, mar eisimpleir, Eric Richards, 'Highland emigrants to South Australia in the 1850s', *Northern Scotland* 5:1 (1982-83), tdd. 1-29 (3-5, 12); Don Watson, *Caledonia Australis: Scottish Highlanders on the Frontier of Australia* (Sydney, NSW, 1984); Tom Brooking, 'Tam McCanny and Kitty Clydeside' – the Scots in New Zealand', ann an R.A. Cage (deas.), *The Scots Abroad: Labour, Capital, Enterprise, 1750-1914* (Beckenham, 1985), tdd. 156-190; Rosalind R. McClean, 'Scottish Emigrants to New Zealand, 1840-1880: Motives, Means and Background (Oilthigh Dhùn Èideann: Tràchdas PhD neo-fhoillsichte, 1990); Tony Simpson, *The Immigrants: The Great Migration from Britain to New Zealand, 1830-1890* (Auckland, 1997); Eric Richards, 'The Last of the Clan and Other Highland Emigrants', ann an Tom Brooking agus Jennie Coleman (deas.), *The Heather and the Fern: Scottish Migration & New Zealand Settlement* (Dunedin, 2003), tdd. 33-47; Eric Richards, *From Hirta to Port Phillip: the St Kilda Emigration to Australia in 1852* (Kershader, 2010); Proudfoot agus Hall, *Imperial Spaces: Placing the Irish and Scots in Colonial Australia* (Manchester, 2011); Tanja Bueltmann, Andrew Hinson, agus Graeme Morton, *The Scottish Diaspora* (Dùn Èideann, 2013); Rebecca Lenihan, *From Alba to Aotearoa: Profiling New Zealand's Scots migrants 1840-1929* (Dunedin, 2015).

⁶⁴ *An Teachdaire Gaidhealach* 3, 1 an Giblean 1857, td. 8.

⁶⁵ Coleman, 'Transmigration of the *Piob Mhòr*', td. 46.

⁶⁶ *Ibid.*, tdd. 222-223.

Gàidheal san sgìre is i a' cur far comhair gun robh clann MhicRath cho pailt an Hokonui gun do bhuilicheadh an t-ainm 'Dùthaich MhicRath' air an sgìre às dèidh 1850.⁶⁷ Gabhaidh beachdan Coleman agus Wilson cur gu dearbhadh le uimhir bheag ach prìseil de sgrùdaidhean a rinn luchd-eachdraidh ionadail bho na 1980an a-mach.⁶⁸

Chì sinn cuideachd ann an rannsachadh Brad Patterson air Gàidheil a thuinich an Turakina, Wanganui sna 1850an nach eil dileab nan Gàidheal cuingealaichte ri àitichean-tuineachaidh ann an Eilean a Deas a-mhàin.⁶⁹ Coltach ri Coleman agus Wilson, tha Patterson a' togail air làmh-sgrìobhainnean agus prìomh thùsan eile a lorg e ann am pàipearan-naidheachd agus tasglannan Aotearoa. Bheir na tùsan sin fianais air làmh nan Gàidheal ann an gnothaichean foghlaim, spioradaileachd, agus poilitigs fearainn araon an Turakina agus an Aotearoa air fad. 'S e Patterson cuideachd an aon sgoilear gu ruige seo a tha air dol an sàs gu breitheach ann an cunntasan a dhèiligeas ri co-chomann eadar Gàidheil agus Maori. Le sùil air Turakina, tha e ag aideachadh nach b' àbhaist do na Gàidheil dol an dlùth cho-chomann ri Maori an àite. A dh'aindeoin sin, tha cuid de chunntasan a' sealltainn, '*sturdy and wide-ranging interracial links*'.⁷⁰ Tha gu leòr de chunntasan eile ann a bheireadh cothrom dhuinn beachd fhaighinn air co-chomann eadar Gàidheil is Maori. Ach fhad is a tha sgrùdaidhean air Gàidheil Aotearoa cuingealaichte ri Gàidheil chliùiteach air neo àitichean-tuineachaidh far an robh na Gàidheil gu sònraichte pailt, cha toirear cothrom na Fèinne do na cunntasan luachmhor sin. Chithear gu bheil iad gu minig a' dèiligeadh ri Gàidheal no teaghlach Gàidhealach a-mhàin, mar eisimpleir Raonaid (1830-1929) agus Iain MacGriogair (1832-1923). Rugadh is thogadh an dithis ann an Ceann Loch Raineach, Sgìre Pheairt mus do rinn iad eilthireachd gu Sydney, NSW ann an 1835 an cuideachd am pàrantan, Seasaidh agus Griogair MacGriogair. Rinn an teaghlach imrich uair eile gu Aotearoa an ceann trì bliadhna far an do thuinich iad ann am Mangawhare, Northland. Tha iomradh bàis Raonaid NicGriogair ag innse dhuinn nach robh ach a' Ghàidhlig agus te reo Maori aice nuair a bha i òg is luchd-tuineachaidh Eòrpach gann ann an Wairoa a Tuath mun àm sin.⁷¹ B' e am ministear Meathodach Wesley, an t-Urr. James Buller (1812-1884), ach beag

67 Wilson, 'Myth and Misunderstanding', tdd. 148-149.

68 Feuchaidh, F. W. G. Miller, *Hokonui; The School and the People* (Invercargill, 1982); William David Stuart, *The Satyrs of Southland* (Gore, 1982); Margaret Trotter, *The McRaes of 'Braintra' Hokonui* (Invercargill, 1984); Dawn Coburn, *Mull to Middlemarch; The MacFadyens* (BookPrint, New Zealand, 2021).

69 Brad Patterson, "'It Is Curious How Keenly Allied in Character Are the Scotch Highlander and the Maori": Encounters in a New Zealand Colonial Settlement', ann an Graeme Morton agus David A. Wilson (deas.), *Irish and Scottish Encounters with Indigenous Peoples; Canada, the United States, New Zealand, and Australia* (Montreal, 2013), tdd. 144-169.

70 Ibid., td. 154.

71 *Nelson Evening Mail*, 17 an Cèitean 1929, td. 10.

an aon neach-tuineachaidh Eòrpach a bha faisg air an teaghlach.⁷² Bha Buller fhèin ann an dlùth chàirdeas ris na Maori is e a' searmonachadh nam measg tro mheadhan te reo Maori.⁷³ Tha deagh chothrom ann gun tug beachdan is dol a-mach Buller buaidh air an teaghlach Ghàidhealach is cunntas ann am pàipear-naidheachd eile a' cur far comhair, '*The McGregors were good friends of the Maoris.*'⁷⁴ A dh'aindeoin a' chàirdeis sin, ghabh Iain MacGriogair san arm ann an 1863 is e an dùil dol an sàs ann an cogadh eadar Māori agus an luchd-colonach, Cogadh Waikato.⁷⁵ Chanadh mu Iain MacGriogair agus athar gun robh an dithis foghlaimte agus math gu sgrìobhadh.⁷⁶ Theagamh gum b' e sin na bhrosnaich Iain MacGriogair òrain te reo a thrusadh a thugadh dha le prìosanaich Mhāori ann an 1863. Ged a chuireadh na h-òrain an clò ann an leabhran beag, *Popular Maori Songs*, ann an 1893, tha coltas air gu bheil làmh-sgrìobhainnean MhicGriogair air a bhith am falach on uair sin ann an Leabharlann Nàiseanta Aotearoa an Wellington.⁷⁷ Cha b' ann gu ruige 2018 a thug dithis sgoilearan Māori, Dr Arini Loader agus Dr Mike Ross, sùil air na làmh-sgrìobhainnean a-rithist.⁷⁸ Tha fhios gur e goireas prìseil a th' ann dha Māori is muinntir Aotearoa an coitcheannas agus tha cothrom ann gu bheil e ceart cho prìseil dha Gàidheil is muinntir na h-Alba. Le sùil air *Popular Tales of the West Highlands*, cruinneachadh de bheul-aithris Ghàidhealach a dh'fhoillsicheadh le Iain Òg Ìle ann an 1862, agus le sùil air an obair thrusaidh a bha a' dol an Alba san 19mh linn, tha ceist ann an tug iomairtean den leithid buaidh air MacGriogair an Aotearoa? Tha rannsachadh a dhìth fhathast airson dearbhadh gun robh làmh aig MacGriogair ann an lìonra tar-nàiseanta ri Gàidheil an Alba. Ge-tà, tha cunntas san *Auckland Star* a' toirt beachd dhuinn air buaidh na seann dùthcha air a' Pheairteach, '*He could never pass for anything but a Scot, though he has lived among colonials since he was seven years old John McGregor is his name.*'⁷⁹ Gun teagamh, b' fhiach e teaghlach MhicGriogair a sgrùdadh am barrachd doimhneachd.

Mar a bhite an dùil, chan eil e an-còmhnaidh furasta greim fhaighinn air làmh-sgrìobhainnean, cunntasan, agus cuid de sgrùdaidhean air Gàidheil Astralàisia. Air an dàrna làimh, cha do

⁷² *Auckland Star*, 20 an t-Ògmhios 1923, td. 7.

⁷³ W. J. Hurst, *The Cyclopaedia of New Zealand [Auckland Provincial District]* (Christchurch, 1902), td. 612.

⁷⁴ *Auckland Star*, 16 an Cèitean 1929, td. 11.

⁷⁵ Airson barrachd fiosrachaidh air Cogadh Waikato, feuchaidh, 'Rangiriri', Ministry of Culture and Heritage, <https://nzhistory.govt.nz/war/war-in-waikato/rangiriri> [ruigte 27.01.2024].

⁷⁶ *New Zealand Herald*, 13 am Màrt 1925, td. 12.

⁷⁷ *Ibid.*, 15 an Giblean 1893, td. 1.

⁷⁸ 'New Zealand Wars prisoners waiata remain a beacon of hope', Victoria University of Wellington; Te Herenga Waka, <https://www.wgtn.ac.nz/news/2018/12/new-zealand-wars-prisoners-waiata-remain-a-beacon-of-hope> [ruigte 27.01.2024].

⁷⁹ *Auckland Star*, 20 an t-Ògmhios 1923, td. 7.

chuireadh a h-uile dhiubh an clò agus, air an làimh eile, chan eil am beagan a tha ri fhaighinn anns a h-uile leabharlann. Eu-coltach ri sin, ge-tà, tha gu leòr de sgrùdaidhean ri làimh air na Gàidheil Nuadh Albannach a ghabh còmhnaidh ann an Waipu, Whangarei, sna 1850an.⁸⁰ Tha an uimhir agus ìre de dh'aire a thug sgoilearan do Ghàidheil Waipu fiù 's a' toirt oirnn creidsinn nach robh dualchas agus cànan nan Gàidheal beò an àite sam bith eile an Aotearoa. 'S e Gilbert Llewelyn Pearce a chuir mun aire dhuinn an toiseach sna 1970an nach robh coimhearsnachdan Gàidhealach ach an Waipu, Auckland, agus Otago.⁸¹ Lùghdaich Eric Richards raointean Gàidhealach an Aotearoa na b' fhaide ann an sgrùdadh a dh'fhoillsicheadh ann an 2003. Da rèir, chan fhacas tuineachadh an Aotearoa cho 'exotic' agus 'atypical' ris an fhear Ghàidhealach an Waipu.⁸² Chì sinn beachd cosmhail ri sin a' tighinn am bàrr ann an rannsachadh Marjory Harper agus Stephen Constantine. Cha robh a' Ghàidhlig, ar leotha, suaicheanta do dh'aithne phearsanta nan imrichean Albannach ach an Waipu.⁸³ Air a' mhodh cheudna, tha Stuart Lange a' cumail a-mach gun robh a' choimhearsnachd Ghàidhlig an Waipu neo-àbhaisteach leis nach robh e an comas do Ghàidheil Aotearoa an cuid chànan, chleachdaidhean, agus aithne phearsanta a ghlèidheadh ann an àite sam bith eile.⁸⁴ Bheir an leabhar, *Unpacking the Kists; The Scots in New Zealand*, an ceart bheachd am follais.⁸⁵ Ach on a bha Brad Patterson an sàs san leabhar, tha *Unpacking the Kists* cuideachd a' togail air a' choimhearsnachd Ghàidhlig an Turakina, Wanganui.⁸⁶ Mura h-e aineolas as coireach, tha coltas air gur ann a dh'aona-ghnothach a tha cuid de sgoilearan a' cuingealachadh bhudhan Gàidhealach an Aotearoa ri Waipu a-mhàin. Theagamh gur e modh-obrach a tha sin a leigeas le sgoilearan dèiligeadh ris na Gàidheil gu luath feuch an gabh prìomhachas toirt do ghnothaichean a bha an cumantas aig na h-in-imrichean Albannach air fad. Ge-tà, le bhith a' seachnadh nan Gàidheal agus an cuid chànan is dualchais, thathas a' cur bacadh air sgrùdaidhean iomlan agus coileanta air an sgapadh-shluagh Albannach an Aotearoa. B' fheàrr do sgoileirean aideachadh nach eil de ghoireasan, chomasan, agus ùine aca dol an sàs gu h-

⁸⁰ Feuchaibh, mar eisimpleir, tar-sgrìobhadh de thaisbeanadh a ghabh Angela Annabell air beulaibh an New Zealand Folklore Society. Angela Annabell, 'The Gaelic Folk Songs of the Waipu Settlers', Clàr: 2000-199-1/08, Talks and Speeches, Leabharlann Alexander Turnbull, Wellington, Aotearoa New Zealand. Feuchaibh cuideachd, Flora McPherson, *Watchman Against the World; The Story of Norman McLeod and his People* (Lunnainn, 1962); agus Maureen Molloy, 'Friends, Neighbors, and Relations: The Practice of Kinship in Waipu, New Zealand, 1857-1917', *Journal of Family History* 14:4 (Am Faoilleach, 1989), tdd. 313-330.

⁸¹ G. L. Pearce, *The Scots of New Zealand* (Auckland, 1976), tdd. 45-50.

⁸² Eric Richards, 'The Last of the Clan and Other Highland Emigrants', td. 47.

⁸³ Marjory Harper agus Stephen Constantine, *Migration and Empire* (Oxford, 2010), td. 104.

⁸⁴ Stuart Lange, 'The Scottish character and identity of the Presbyterian tradition in New Zealand: From almost pervasive to barely remembered', *Scottish Church History* 45:1 (2016), tdd. 117-131 (126, 118).

⁸⁵ Brad Patterson, Tom Brooking, agus Jim McAloon, *Unpacking the Kists; The Scots in New Zealand* (Dunedin, 2013).

⁸⁶ B' e dileac nan imrichean Albannach a bha aig cridhe a' phròiseict a chuireadh air chois ann an 2005. Patterson et al., *Unpacking the Kists; The Scots in New Zealand* (Dunedin, 2013), td. 244.

iomchaidh ann am fianais air Gàidheil Aotearoa seach a bhith a' sìor dhol as àicheadh an làthaireachd, lionmhorachd, agus buaidh.⁸⁷

Ged a tha dùbhlain den leithid cuideachd a' togail ceann ann an sgoileireachd air Gàidheil Astràilia, feumar a ràdh gu bheil sgrùdaidhean càileachdail air in-imrichean Gàidhealach nas pailte an Astràilia. Tha cuideachd barrachd sgoilearan ann a thogas air cunntasan a chuir na Gàidheil fhèin an sgrìobhadh, araon sa Ghàidhlig agus sa Bheurla. 'S e sàr eisimpleir den leithid an sreath de dh'altan a sgrìobh Kerry Cardell agus Cliff Cumming eadar 1999 agus 2016 don iris sgoileireil, *Scottish Gaelic Studies*.⁸⁸ Tha na h-altan uile a' dol an greim ann an eilthreachd nan Gàidheal a dh'Astràilia agus cuideachd anns na dh'fhiosraich iad às dhèidh dhaibh còmhnaidh a ghabhail sna colonaidhean. Coltach ri Patterson an Aotearoa, tha Cardell is Cumming a' cur prìomh thùsan à Astràilia gu feum is sgrùdadh an dithis a' togail gu mòr air foillseachaidhean Gàidhlig às *An Teachdaire Gaidhealach* à Hobart, Tasmania. Nam beachd-san, '*Gaelic Australia has [...] never been left without a witness.*'⁸⁹ Ged nach robh iad a-riamh cho lionmhor is a bha in-imrichean Breatannach eile, tha na Gàidheil air a bhith a' togail orra a dh'Astràilia gu cunbhalach is gu leantainneach chun an latha an-diugh. Chan eil tràth san 19mh agus 20mh linn anns nach fhacas imrichean Gàidhealach a' ruigsinn calachan nan colonaidhean agus, bho 1901 air n-aghaidh, nan Stàitean is Ranntachdan.

Tha rannsachadh Don Watson a' dearbhadh gun robh na Gàidheil am measg nan in-imrichean a bu tràithe is an Captain Lachlan MacAlasdair (1797-1855) na shàr eisimpleir air a' sin. Rugadh MacAlasdair ann an 1797 do Sheonag agus Dhonnchadh MacAlasdair an Srath Àird san Eilean Sgitheanach.⁹⁰ Thog e air gu NSW ann an 1817 às dèidh dha coimisean don 48mh Rèisimeid a cheannach. Eu-coltach ris a' chuid a bu mhotha de dh'imrichean, bha comas, cead, agus ùghdarras aige tabhartas fearainn fhaighinn is bhuilicheadh 2,000 acair air aig Myrtle Creek, NSW, ann an 1824.⁹¹ Tha Watson a' nochdadh dhuinn gun robh MacAlasdair air tòir

⁸⁷ Ged a sgrìobh Tom Brooking leabhar a bheir fianais air buaidh a' Ghàidheil Ghallaich, Iain MacCoinnich, agus poilitigs Aotearoa, bha e fhathast den bheachd, '*Popular mythology and impressionistic literary evidence has grossly inflated the numbers and importance of the Highlanders who came to New Zealand.*' Cf. Tom Brooking, *Lands for the People? The Highland Clearances and the Colonisation of New Zealand: A Biography of John McKenzie* (Dunedin, 1996), agus Brooking, "'Tam McCanny and Kitty Clydeside'", td. 162.

⁸⁸ Kerry Cardell agus Cliff Cumming, 'Gaelic Voices from Australia: Part I. Leaving the Homeland', *Scottish Gaelic Studies* 19 (1999), tdd. 21-58; Kerry Cardell agus Cliff Cumming, 'Gaelic Voices from Australia: Part II. First Impressions', *Scottish Gaelic Studies* 21 (2003), tdd. 9-45; Kerry Cardell agus Cliff Cumming, 'Gaelic Voices from Australia Part III. The Highlanders' later experiences', *Scottish Gaelic Studies* 25 (2009), tdd. 181-233; Kerry Cardell agus Cliff Cumming, 'Gaelic Voices from Australia Part IV. Gaels and their Associations', *Scottish Gaelic Studies* 27 (2010), tdd. 45-108; Kerry Cardell agus Cliff Cumming, 'Gaelic Voices from Australia Part V. Gaels and their Language', *Scottish Gaelic Studies* 30 (2016), tdd. 5-53.

⁸⁹ Cardell agus Cumming, 'Gaelic Voices from Australia: Part I', td. 22.

⁹⁰ *The Argus*, 27 an Cèitean 1933, td. 4.

⁹¹ *Gippsland Times*, 15 an Cèitean 1947, td. 7. Airson barrachd fios air tuineachadh is còir fearainn sna 1830an, feuchaibh, Eric Richards, 'Australia and the Scottish connection 1788-1914', ann an R. A. Cage (deas.), *The Scots abroad: Labour, Capital, Enterprise, 1750-1914* (Kent, 1985), tdd. 111-155 (118-119).

stèidheachadh choimhearsnachdan traidiseanta, Gàidhealach. Chan e a-mhàin gun robh a' chuid a bu mhotha den luchd-obrach aige à Alba, bha cuideachd gu leòr ann aig nach robh ach a' Ghàidhlig.⁹² Am measg an luchd-obrach Ghàidhealaich dhan tug MacAlasdair fastadh, mar eisimpleir, bha an Sgitheanach, Aonghas MacIlleMhaoil (1810-1865). 'S e sàr eisimpleir a th' ann am MacIlleMhaoil air in-imriche Gàidhealach a tha am beul an t-sluaigh chun an latha an-diugh. Ràinig e NSW air an long-eilthireach, *Minerva*, ann an 1838 is cha robh e fada cliù a chosnadh dha fhèin.⁹³ A rèir 'Australian Dictionary of Biography', b' e, '*explorer and pastoralist*,' a bh' anns an Sgitheanach. 'Lorg' is chuir e an luchd-colonach Eòrpach an aithne ri Gippsland, sgìre an ear-deas Victoria.⁹⁴ Ach eu-coltach ri sin, 's e '*the Butcher of Gippsland*' a tha aig an neach-eachdraidh, Peter Dean Gardner, air MacIlleMhaoil ri linn a' mhuir a rinn an Sgitheanach air prìomh-mhuinntir na sgìre, na Kurnai.⁹⁵ Tha leabhar Watson, *Caledonia Australis; Scottish Highlanders on the Frontier of Australia*, a' dèiligeadh ri MacIlleMhaoil air a' cheart dòigh.⁹⁶

'S e na dh'fhàgas rannsachadh Watson cho prìseil gu bheil e a' toirt sùil air Gàidheil Astràilia tro phrosbaig colonachd. Chan eil e a' dol às àicheadh, a-rèiste, gun robh na Gàidheil an sàs ann an colonachadh Astràilia fù 's ma bha iad fhèin air colonachadh fhiosrachadh an Alba.⁹⁷ Tha barrachd sgoileireachd ann a-nis a bheir fa-near don t-suidheachadh ioma-fhillte sin is an dà leabhar *The Scots in Australia, 1788-1938* agus *Irish and Scottish Encounters with Indigenous Peoples; Canada, the United States, New Zealand, and Australia* a' toirt fianais air a' sin.⁹⁸ 'S e na tha an cumantas aig na sgrùdaidhean sin gu bheil iad a' cur cuideam air co-theacsa Astralàisia. Chì sinn gu bheil sgrùdaidhean a bheir prìomhachas do cho-theacsa na h-Alba, i. eachdraidh, cleachdaidhean, agus nòsan a thug na h-imrichean leotha thar a' chuain, buailteach air sglèò a chur air dreuchd nan Gàidheal ann am Ìmpireachd Bhreatainn. Mar eisimpleir, tha rannsachadh Michael Newton air litreachas na Gàidhlig an Ameireagaidh a

92 Watson, *Caledonia Australis*, td. 109.

93 Ibid., td. 89.

94 Cheryl Glowrey, 'McMillan, Angus (1810–1865)', Australian Dictionary of Biography, National Centre of Biography, Australian National University, <https://adb.anu.edu.au/biography/mcmillan-angus-2416> [ruigte 28.01.2024].

95 Peter Dean Gardner, *Our Founding Father; Angus McMillan and the Kurnai Tribe of Gippsland 1839-1865* (Ensay, Victoria, 1990).

96 Watson, *Caledonia Australis*, td. 133.

97 Airson barrachd fiosrachaidh air colonachadh na Gàidhealtachd, feuchaibh, Iain MacKinnon, 'Colonialism and the Highland Clearances', *Northern Scotland* 8 (2017), tdd. 22-48.

98 Benjamin Wilkie, *The Scots in Australia 1788-1938* (Dùn Èideann, 2017); Graeme Morton agus David A. Wilson (deas.), *Irish and Scottish Encounters with Indigenous Peoples; Canada, the United States, New Zealand, and Australia* (Montreal, 2013). 'S iad sgrùdaidhean eile a bheir fianais air dreuchd nan Gàidheal ann an colonachadh Astralàisia: Marjory Harper agus Stephen Constantine, *Migration and Empire* (Oxford, 2010) (feuchaibh td. 94); agus Stroh, *Uneasy Subjects; Postcolonialism and Scottish Gaelic Poetry* (Amsterdam, 2011).

Tuath a' cur cuideam air leantainneachd, 'a clear binary opposition between the old Highland order and the new one being imposed by the anglophone world.'⁹⁹ Ann an oidhirp còmhstri leantainneach eadar Gàidheil is Goill a chur gu dearbhadh, tha Newton a' togail air càirdeas agus co-chomann eadar tùsanaich Ameireagaidh agus na Gàidheil, i. tùsanaich na h-Alba. Chan eil teagamh ann gu bheil eisimpleirean de cho-chomann den leithid ann. Ge-tà, tha Erez Cohen a' toirt rabhadh dhuinn gun a bhith a' stèidheachadh 'false binary' le bhith a' seòrsachadh imrichean ann an dà bhuidheann: imrichean a bhuin don mhòr-shluagh (i. luchd na Beurla) agus imrichean a bhuin do mhion-sluaghan (i. luchd na Gàidhlig). Bidh seòrsachadh den leithid gu minig a' gabhail tùsanach a-steach ann am buidheann nam mion-sluaghan fiù 's mura b' e mion-sluagh a bh' annta a-riamh air neo san tràth a tha fo sgrùdadh. Thig eisimpleir den t-seòrsachadh sin am bàrr aig amannan ann an sgoileireachd Newton, gu sònraichte nuair a tha e a' togail air càirdeas is co-chomann a thog na Gàidheil an cèin ri tùsanaich.¹⁰⁰ Tha Cohen a' cur nar cuimhne gun robh a h-uile in-imriche na neach-colonach ann an sùilean prìomh-mhuinntir nan colonaidean, ge b' e an inbhe a thug an rangachd Eòrpach dha.¹⁰¹ Cha b' ionnan tùsanaich agus mion-sluaghan an Astralàisia. Cha b' ionnan, ma-tà, na Gàidheil agus na Māori air neo na Gàidheil agus prìomh-mhuinntir Astràilia. Gabhaidh an cruaidh-chàs a dh'fhiosraich Gàidheil ron eilthreachd aithneachadh gun a bhith a' dol às àicheadh com-pàirteachas nan Gàidheal ann an cruaidh-chàs tùsanaich Astralàisia.¹⁰²

Mas e is gun robhar an tòir air easbhaidh no laigse ann an sgrùdaidhean air Gàidheil Astràilia, dh'fhaodadh a ràdh gur i tè dhiubh an cuideam a thathas a' sìor chur air imrichean Gàidhealach 'cliùiteach'. 'S iad sin Gàidheil a lorgar gu furasta ann an cunntasan imrich ri linn 's gun robh iad air cliù a chosnadh an Alba air neo sna colonaidean. Bheir sinn fa-near don chleas sin ann an rannsachadh Watson agus Richards. Mar eisimpleir, am measg nan imrichean a tha fo sgrùdadh aig Richards, tha an t-uachdaran fearainn agus fear-taca, Dòmhnall MacLeòid (1769-1838), a bhuin do Thalasgair, an 16mh ceann-cinnidh Ghlinn Garaidh, Aonghas Mac Raghnuill (1809-1852), agus na bràithrean, Nèill agus Iain Mac Chaluim (1793-1857 agus 1805-1893), a bhuin do Pholl Tallach.¹⁰³ Bha iad sin uile cuimseach buadh-mhor is cliùiteach mus do ràinig

⁹⁹ Michael Newton (deas.), *Seanchaidh na Coille, The Memory-Keeper of the Forest; Anthology of Scottish-Gaelic Literature of Canada* (Sydney, Alba Nuadh, 2015), td. 20; Michael Newton, "'Going to the Land of the Yellow Man": The Representation of Indigenous Americans in Scottish Gaelic Literature', ann an Graeme Morton agus David A. Wilson (deas.), *Irish and Scottish Encounters with Indigenous Peoples; Canada, the United States, New Zealand, and Australia* (Montreal, 2013), tdd. 236-252.

¹⁰⁰ Feuchaibh, mar eisimpleir, Newton, *Seanchaidh na Coille*, td. 187.

¹⁰¹ Erez Cohen, 'Non-Anglo and Non-Aboriginal Australian Multiculturalism, the third side of the Black/White Divide' ann an Lynette Russell (deas.), *Boundary writing: An Exploration of Race, Culture, and Gender Binaries in Contemporary Australia* (Honolulu, 2006), tdd. 66-85 (67).

¹⁰² Feuchaibh, mar eisimpleir, Benjamin Wilkie, *The Scots in Australia, 1788-1938* (Woodbridge, 2017), gu sònraichte tdd. 51-72.

¹⁰³ Richards, 'The Last of the Clan and Other Highland Emigrants', tdd. 39-42; Richards, 'Highland emigrants to South Australia in the 1850s', tdd. 3-5, 12.

iad colonaidhean Astràilia. Chan eil teagamh ann gu bheil cunntasan air na Gàidheil sin prìseil ach b' fheàrr gun a bhith a' toirt tuilleadh is a chòir aire dhaibh. Am beachd Newton, tha sgrùdaidhean air am buaidh gu minig, '*ultimately a celebration of anglophone culture rather than the culture in which they themselves or their ancestors originated.*'¹⁰⁴ Gun teagamh, tha cunntasan agus sgrùdaidhean air Gàidheil Astralàisia a' cleachdadh mhodhan-obrach agus shlatan-thomhais a bheir prìomhachas do dh'imrichean àraid. Le sùil air an uiread de dh'iomraidhean air Gàidheil 'chliùiteach' Astralàisia san *Celtic Magazine*, tha fhios gun robh slatan-tomhais gu math eadar-dhealaichte aig na Gàidheil fhèin. Gu dearbh, b' fhiach na modhan-obrach is slatan-tomhais againn a chur am meud rud beag feuch am faigh sinn beachd nas iomlaine air na h-in-imrichean Gàidhealach. Mar thoiseach tòiseachaidh, feumar barrachd agus caochladh fianais a chleachdadh, mar eisimpleir litreachas na Gàidhlig an Astralàisia.

Litreachas na Gàidhlig an Astralàisia

Chan eil teagamh ann gur i tè de na h-easbhaidhean as motha ann an sgoileireachd air Gàidheil Astralàisia nach eilear a' toirt barrachd for air cunntasan Gàidhlig. Am beachd Cardell is Cumming,

*The study of Highland emigration to Australian colonies in the nineteenth century has been methodologically flawed by the failure, to date, to take into account the rich and diverse body of Gaelic verse and prose relating to the emigrant experience.*¹⁰⁵

Ach 's iad na cunntasan sin gu h-àraidh a bheir beachd dhuinn air làthaireachd, lionmhorachd, agus buaidh nan Gàidheal. Ann a bhith a' sgrùdadh bàrdachd Ghàidhlig an Canada, tha Mairead NicDhòmhnaill air cur an cèill gu pongail cho luachmhor is a tha òrain nan in-imrichean. Na beachd-se, 's e tobar neo-eisimeileach do dh'eòlas is cheudfathan nan Gàidheal an cèin a th' ann an, '*simple poetic observations,*' sa Ghàidhlig.¹⁰⁶ Gu mì-shealbhach, chithear gu minig '*conventional story*' a' tighinn am follais ann an sgrùdaidhean air Gàidheil Astralàisia a chuireas cuideam air, '*progressively more constrained and limited cultural survival following the peaks of Highland and Islands immigration in the 1830s and 1850s.*'¹⁰⁷ Chan e a-mhàin gu

¹⁰⁴ Newton, *Seanchaidh na Coille*, td. 1.

¹⁰⁵ Cardell agus Cumming, 'Gaelic Voices from Australia: Part I', td. 21.

¹⁰⁶ Margaret MacDonell, *The Emigrant Experience: Songs of Highland Emigrants in North America* (Toronto, 1982), td. 7.

¹⁰⁷ Proudfoot agus Hall, *Imperial Spaces: Placing the Irish and Scots in Colonial Australia*, td. 70.

bheil sgrùdaidhean a' toirt prìomhachas do chrìonadh na Gàidhlig a-mhàin, ach tha gu leòr ann a thèid às àicheadh gun do chuireadh litreachas na Gàidhlig a-riamh an sgrìobhadh sna colnaidhean. Tha Cardell is Cumming a' togail air a' cheart ghnothach sin san ro-ràdh don chiad cho-chruinneachadh de litreachas na Gàidhlig à Astràilia a tha againn gu ruige seo, 'references to original "written material" are rare indeed, almost to the point of denying such an 'animal' existed.'¹⁰⁸ Chan eilear idir airson dol às àicheadh gun tàinig crìonadh air cànan is dualchas nan Gàidheal an Astralàisia. Ge-tà, tha cuideam ro mhòr air crìonadh a' cur bacadh oirnn toirt fa-near don chaochladh cho-theacsaichean anns an do chuir na Gàidheil an cuid chànain is dualchais an cèill agus gu feum. Tha gu leòr de dh'fhianais ann a chuireas air shùilean dhuinn nach b' e cleas samhlauchail a-mhàin a bh' anns a' Ghàidhlig is gun robh feum pragtaigeach oirre cuideachd. 'S e as ciall don a' sin nach eil a h-uile earrann Ghàidhlig a sgrìobhadh an Astralàisia san 19mh agus 20mh linn a' cuimseachadh air glèidheadh, neartachadh, agus ath-bheothachadh na Gàidhlig.

'S e sàr eisimpleir den leithid dà earrainn a chuireadh an clò ann am pàipearan-naidheachd Victoria sna 1850an agus 1870an. Thog a' chiad tè ceann sa *Geelong Advertiser and Intelligencer* (1851-1856) ann an 1856 is i na h-iarrtas do Ghàidheil Fyansford Plains, Victoria. Cha do dh'iarradh orra sin ach, 'ainm air a chur gu ceart anns an Electoral Roll airson gach àit' anns am bheil aitreabh, fonn no fearann aige.'¹⁰⁹ Nochdaidh an earrann gnothach air leth cudromach dhuinn: chuir cuid de Ghàidheil an Victoria a' Ghàidhlig gu feum ann an gnothaichean oifigeil is àrd-inbhe. Tha fios gun robh cead bhòtadh cuimseach cuingichte sa cholnaidh is cha robh cothrom ach aig luchd-tuineachaidh – a) aig an robh sealbh a b' fhiach a bhàrr air £1000; b) a thug oighreachd, fearann, no sealbh eile a-mach air màl bliadhna airson £100; c) aig an robh dreuchd àraid, mar eisimpleir neach-lagh, dotair, ceumnaiche oilthigh, oifigear no saighdear an arm.¹¹⁰ A-rèiste, dh'fheumadh a bhith cuimseach beairteach, buadhmhor, agus foghlaimte airson cothrom fhaighinn air bhòtadh is thathas an dùil gun robh Beurla aig a' chuid a bu motha den luchd-bhòtadh. Bheir sin mun aire dhuinn gum b' ann a dh'aona-ghnothach a chuir an sgrìobhadair, 'Cabarfeidh', Gàidhlig air na briathran. Chuireadh an t-iarrtas an clò am meadhan earrannan Beurla a shanasaidh àrasachan, innealan-fuaghail,

¹⁰⁸ Kerry Cardell agus Cliff Cumming, *Sgeulachdan Goirid agus Bàrdachd à Astràilia; Gaelic Voices from Australia in the Nineteenth Century* (Austins Ferry, 2020), td. 3.

¹⁰⁹ *Geelong Advertiser and Intelligencer*, 30 an Giblean 1856, td. 3.

¹¹⁰ Table Office, 'Information Sheet 17 – The Legislative Council's Electoral System 1851-2003' Parliament of Victoria, <https://www.parliament.vic.gov.au/about/people-in-parliament/working-at-parliament/192-legislative-council/information-sheets/731-informatio-sheet-17-the-legislative-councils-electoral-system-1851-2003> [ruigte 30.08.2022].

agus – gu cudromach – fiosrachadh sa Bheurla do luchd-bhòtaidh. Dh’fhaoidte, ma-tà, gu bheil fianais againn an seo air gnìomh sluagh-sgapach, i. togail agus glèidheadh chrìochan cinnidheach. Bha coimhearsnachdan Gàidhealach beò an Victoria sna 1850an a bha a’ glèidheadh agus a’ cleachdadh na Gàidhlig airson coimhead an dèidh an cuid fhèin. A dh’aindeoin na bheir cunntasan agus sgoileireachd na Beurla oirnn creidsinn, cha b’ iad tachartasan samhlauchail a-mhàin – leithid de ghèamaichean agus chruinneachaidhean Gàidhealach – a bhrosnaich Gàidheil gu sgrìobhadh sa Ghàidhlig. Bheir iarrtas ‘Cabarfeidh’ mun aire dhuinn gu bheil sinn fhathast aineolach air dreuchd na Gàidhlig sna colonaidhean, a bharrachd air cuibhreann mòr de Ghàidheil a bha beò an Astràilia sna 1850an.

Gheibh sinn eisimpleir eile air dreuchd ioma-fhillte na Gàidhlig ann an colonaidh Victoria ann am beannachdan an luchd-comhairle, Uilleam Seurlan MacMhuirich agus Seumas MacMhuirich, dha Gàidheil an Normanbi, Victoria. Chuireadh na beannachdan chun an *Hamilton Spectator* (1870-1918) ann an 1877 às dèidh dhan dithis bhràithrean tadhal air ‘taghadairean mòr-roinn dùthcha Normhanbi’.



Sgrìobh MacMhuirich an teachdaireachd sa Ghàidhlig, ‘do bhrìgh ’s gum bheil mòran do dhaoine feadh a’ seo aig nach eil Beurla.’ Tha fhios, ge-tà, nach robh mòran atharrachadh air tighinn air cead bhòtaidh an Victoria ach a-mhàin gun do lùghdaicheadh an luach a dh’fheumadh a bhith an sealbh air gu £50.¹¹² Leis cho cuingealaichte ’s a bha siostam bhòtaidh Victoria, tha coltas air gun do chuir MacMhuirich a’ Ghàidhlig gu feum mar ro-innleachd is e an tòir air bhòt nan Gàidheal. Bha sochairean caochlaideach is ioma-fhillte an lùib na Gàidhlig, ma-tà. Gun teagamh, cha b’ ann an Astràilia a chuireadh ro-innleachd den leithid gu feum an toiseach. Chunnacas gnothach cosmhail ri sin cheana an Alba agus cuideachd an Alba Nuadh.¹¹³ Ann a bhith a’ togail air dà dhàin agus bileag Ghàidhlig a chuireadh an clò aig àm taghaidhean Sgìre Pheairt ann an 1832, tha Sheila Kidd a’ mìneachadh gur e sàr eisimpleir a

¹¹¹ *Hamilton Spectator*, 10 an Cèitean 1877, td. 3.

¹¹² *The Hamilton Spectator, Director and Almanac for 1877*, air a chlà-bhualadh aig oifis an *Spectator*, tdd. 118-119.

¹¹³ Newton, *Seanchaidh na Coille*, tdd. 469-503.

th' anns na h-earrannan air an atharrachadh a bha air tighinn air dreuchd fhoillseachaidhean Gàidhlig san 19mh linn, '*These election posters reflect the extension of functional writing in Gaelic beyond the religious domain.*'¹¹⁴ B' ann air adhbharan ceart cho pragtaigeach a chuir MacMhuirich a' Ghàidhlig gu feum an Victoria sna 1870an.

Ma tha sinn airson sgrùdadh a dhèanamh air na Gàidheil agus '*boundary maintenance and ethnic affiliation across nations*' nan Gàidheal, feumaidh sinn sùil a thoirt air litreachas na Gàidhlig an Astralàisia.¹¹⁵ Cha robh Gàidheil Astralàisia gu tur an eisimeil fhoillseachaidhean Gàidhlig à Alba. Thug àrainneachdan ioma-chultarail agus sluagh-sgapach nan colanaidhean cuideachd cothrom do na Gàidheil sgrìobhadh, clò-bhualadh, agus foillseachadh sa Ghàidhlig. A dh'aindeoin 's gun robh na cothroman sin aig amannan gann, cugallach, agus gearr-shaoghalach, leig iad leis na h-in-imrichean Gàidhealach crìochan cinnidheach a thogail agus a dhaingneachadh an cèin.¹¹⁶

Slatan-tomhais agus slatan-sgrùdaidh

Tha sgoileireachd na Gàidhlig gu tric a' dol às àicheadh dreuchd dhligeach a thoirt do litreachas cèin-thìreach na Gàidhlig. Mar sin, gabhar ri sgrìobhaidhean a rinneadh an cèin mar fho-ghnè do litreachas dùthchasach na Gàidhlig nach eil a' nochdadh càil ùr. San da-rìribh, chan eil sgrìobhaidhean cèin-thìreach ach a' cur ghnèithean, nòsan, agus chuspairean a bha ann cheana an neart is am meud, a rèir choltais. Ged a bhitheadh cleasan ùra follaiseach sna sgrìobhaidhean, tha iad gu daingeann fo sgàil na seann dùthcha. Dhaingnich Ruaraidh MacThòmais am barail sin nuair a sgrìobh e an toiseach ann an *An Introduction to Gaelic Poetry* nach eil bàrdachd nan eilthireach Gàidhealach a' nochdadh chuspairean is chleasan sgrìobhaidh ùra.¹¹⁷ Chithear beachdan cosmhail ri sin ann an sgoileireachd a tha a' dol an sàs gu dìreach ann an litreachas na Gàidhlig an Astralàisia. Ann a bhith a' sgrùdadh na h-irise Tasmanianaich, *An Teachdaire Gaidhealach* (1857), tha Niall Ó Ciosáin a' tighinn chun a' cho-dhùnaidh gur e ath-chlò-bhualadh a th' anns a' chuid as motha de na foillseachaidhean.¹¹⁸

¹¹⁴ Sheila Kidd, 'Electioneering in Gaelic Perthshire', *The People's Voice* (Oilthigh Ghlaschu, 2018), td. 6. Feuchaibh cuideachd, Sheila M. Kidd, 'A thaghdairan Gaidhealach: early Gaelic electioneering', ann an K. E. Nilsen (deas.), *Rannsachadh na Gàidhlig 5: Fifth Scottish Gaelic Research Conference* (Sydney, NS, 2010), tdd. 116-133.

¹¹⁵ Tanja Bueltmann, et al., *The Scottish Diaspora*, td. 63.

¹¹⁶ Cardell agus Cumming, 'Gaelic Voices from Australia: Part I'; Cardell agus Cumming, 'Gaelic Voices from Australia: Part II'; Cardell agus Cumming, 'Gaelic Voices from Australia Part III'; Cardell agus Cumming, 'Gaelic Voices from Australia Part IV'; Cardell agus Cumming, 'Gaelic Voices from Australia Part V'; Ruth Lee Martin, 'Paradise Imagined: Songs of Scots Gaelic migrants in Australia, 1850-1940', *Humanities Research* 19:3 (2013), tdd. 27-44; Niall Ó Ciosáin, 'Old Languages in a New Country: Publishing and Reading in the Celtic Languages in Nineteenth-Century Australia', *Australasian Journal of Irish Studies* 11 (2011), tdd. 58-72.

¹¹⁷ Ruaraidh MacThòmais, *An Introduction to Gaelic Poetry* (Dùn Èideann, 1989), td. 221. Chuireadh an leabhar an clò an toiseach ann an 1974.

¹¹⁸ Ó Ciosáin, 'Old Languages in a New Country', td. 62.

Ge meireachdail e, tha beachd Ó Ciosáin a' toirt modh-obrach far comhair a tha cuimseach cumanta ann an sgoileireachd air litreachas na Gàidhlig an cèin.¹¹⁹ Cleachdar gu minig slatan-tomhais a chuireas cuideam air Alba, i. co-theacsa litreachail, cultarail, poilitigeach, sòisealta, agus eaconamach na h-Alba. 'S ann le taic nan slatan-tomhais seo a thathas an uair sin a' measadh uimhir agus càileachd nan sgrìobhaidhean cèin-thìreach. Tha an ceart mhodh-obrach sin a' tighinn am follais san t-sreath de dh'altan a sgrìobh Kerry Cardell agus Cliff Cumming, 'Gaelic Voices from Australia'. Tha an dithis ceart cho buailteach air litreachas na Gàidhlig a rinneadh an Astràilia san 19mh linn a sgrùdadh tro phrosbaig na h-Alba. Nam beachd-san, chuimsich bàrdachd dì-molaidh a nochd san iris, *An Teachdaire Gaidhealach*, air an t-seann dùthaich a-mhàin gun ghuth air buaidh nan òran air an àrainneachd shluaigh-sgapaich a bhrosnaich iad sa chiad dol a-mach.¹²⁰

Air a' mhodh cheudna, tha rannsachadh Ruth Lee Martin air òrain Ghàidhlig a rinneadh an Astràilia eadar 1850 agus 1940 a' cur cuideam air an t-slabhraidh a cheangail imrichean Gàidhealach ri tìr an àraich. Le bhith a' seòrsachadh nan òran a tha fo sgrùdadh aice mar 'Òrain Chianalais', tha Martin a' dèanamh dheth nach do leig an cianalas le bàird an cèin toirt fa-near don àrainneachd mu an timcheall.¹²¹ Gabhaidh am beachd sin cur an amharas le taic rannsachadh Sheila Kidd air litreachas Gàidhlig an Astralàisia san 19mh linn. Am measg caochladh bàrdachd is rosg, tha Kidd a' toirt iomradh air an òran, 'An Gáel air Fuadan 'sna Coilltean Fas', le Raibeard MacDhùghaill. Tha an t-òran a' toirt eisimpleir dhuinn air sgrìobhadh cèin-thìreach nach do chuir gu feum, '*the common elegiac mode of Gaelic emigrant verse*,' is e araon a' moladh àrainneachd Astràilia agus a' cur an cèill fadachd ri Alba.¹²² Ged a tha Kidd ag aithneachadh cho bitheanta is a tha cuspairean leithid de chianalas, fhadachd, agus chall ann an òran nan eilthireach, chan eil i a' dol às àicheadh cho ioma-fhillte is a tha litreachas cèin-thìreach na Gàidhlig. Thoireamaid cuideachd aire do rannsachadh Michelle NicLeòid a chanas nach eil cianalas cuingichte ri crìochan litreachail àraid. 'S e as ciall dha sin nach ann ann an sgrìobhaidhean Gàidhlig nan eilthireach a-mhàin a gheibh sinn lorg air cianalas. 'S e cuspair a th' ann a thogas ceann ann am bàrdachd de gach seòrsa, tràth, agus àite is chan eil math dhuinn, uaithe sin, a chuingealachadh ri sgrìobhaidhean cèin-thìreach a-

¹¹⁹ Bheirear sùil air litreachas ùr-sgrìobhte agus ùr-chlò-bhuailte san *Teachdaire* ann an [Caibideil a Tri](#).

¹²⁰ Cardell agus Cumming, 'Gaelic Voices from Australia Part V, tdd. 31-32.

¹²¹ Martin, 'Paradise Imagined', td. 29.

¹²² Kidd, 'Kangaroos and Cockatoos: Gaelic Literature in the Nineteenth-Century Antipodes', *Scottish Literary Review* 9:2 (Foghar/Geamhradh, 2017), tdd. 1-18 (5).
Chuireadh òran MhicDhùghaill an clò ann an: *Teachdaire nan Gaidheal* 7 (1845), tdd. 55-56.

mhàin.¹²³ Dh'fhaodadh fiù 's a ràdh gur e an cuingealachadh sin as coireach nach eil sgoileireachd air gu leòr de dh'aire a thoirt don chaochladh chuspairean a bheir litreachas cèin-thireach na Gàidhlig am follais.

Thathas a' moladh san tràchdas seo beachdachadh air bàrdachd agus rosg nan Gàidheal an cèin mar litreachas an sgapaidh-shluaigh seach, mar eisimpleir, litreachas eilthireach no litreachas cianalais. Tha Bueltmann, Hinson, agus Morton a' cur far comhair gur e bun-bheachd (*concept*) a bharrachd air seòrsa (*category*) a th' ann an sgapadh-sluaigh. Mar sin, chan eil imrichean fèir beò ann an sgapadh-shluaigh ach tha iad ga dhealbhadh. 'S ann a thèid iad an greim ann le taic 'ghnìomhan sluaigh-sgapach' (*'diasporic actions'*) a ghabhas a-steach, '*orientation to homeland,*' agus, '*ethnic boundary maintenance*'.¹²⁴ Tha William Safran a' mìneachadh gun leig gnìomhan den leithid le imrichean miann a chur an cèill ann an coimhearsnachd a tha fa leth bho choimhearsnachdan sluaigh-sgapach eile. Le bhith a' togail air tìr an àraich, bha e comasach do Ghàidheil an Astràilia agus Aotearoa, '*to become themselves centres of cultural creation and elaboration*'.¹²⁵ An tomhas nach beag, ghabh iad smachd (*agency*) air an àrainneachd agus suidheachadh shluaigh-sgapach aca. Thig an smachd sin am follais sna sgrìobhaidhean ioma-fhillte a chuir iad gu feum airson cruth is cumadh a chur air a' cheàrn den sgapadh-shluaigh Ghàidhealach anns an robh iad beò.

Gabhaidh an cuideam a chuireas iomadh sgrùdadh air Alba cur às leth modh-obrach aon-taobhach a bheir prìomhachas dha **eilthireachd** seach **in-imrich**. Tha Nancy Green ag aithneachadh a' mhodha-obrach sin mar sgrùdadh sreathach (*linear study*) a leanas slighe an eilthirich bhon t-seann dùthaich chun na dùthcha cèine.¹²⁶ 'S iomadh sgoilear a thèid an sàs ann an litreachas nan Gàidheal an cèin air a' mhodh sin. Bheirear fa-near dha gu sònraichte ann an rannsachadh a sheòrsaicheas sgrìobhaidhean a rèir tràthan na h-imriche, i. fàgail na h-Alba, an turas-cuain, dol air tìr, agus tuineachadh.¹²⁷ Tha eisimpleir againn dha sin ann an co-

123 Michelle MacLeod, 'The *cianalas* code: bridging traditional song and modern verse', *Scottish Gaelic Studies* 26 (Obar Dheathain, 2010), tdd. 67-86 (67).

124 Bueltmann et al., *The Scottish Diaspora*, td. 19.

125 William Safran, 'The Jewish diaspora in a comparative and theoretical perspective', *Israel Studies* 10:1 (An t-Earrach, 2005), tdd. 36-60 (37).

126 Nancy L. Green, 'The comparative method and poststructural structuralism: new perspectives for migration studies', *Journal of American Ethnic History* 13:4 (Samhradh, 1994), tdd. 3-22 (13-16). Airson eisimpleir air na modhan-obrach sin, feuchaibh: Angela McCarthy, "'The Only Place Worth Thinking about': Personal Testimony and Irish and Scottish Migrants in Australasia, 1921-61', *Social History* 33:3 (An Lùnastal, 2008), tdd. 317-335 (gu h-àraidh 321-323). Tha Green ag aithneachadh dà mhodh-obrach a bharrachd, fear iomsgarach (*divergent*) agus fear co-aomach (*convergent*). Tha an dà dhiubh a' toirt prìomhachas don dùthaich imrich. Fhad 's a tha modh-obrach iomsgarach a' sgrùdadh buaidh diofar àitichean-tuineachaidh air beatha nan in-imrichean, tha am modh-obrach co-aomach a' toirt suil air beatha diofar bhuidhnean de dh'in-imrichean san aon àite-tuineachaidh.

127 Feuchaibh mar eisimpleir, Cardell agus Cumming, 'Gaelic Voices from Australia: Part I.', tdd. 21-58; Cardell agus Cumming, 'Gaelic Voices from Australia: Part II', tdd. 9-45; Cardell agus Cumming, 'Gaelic Voices from Australia Part III', tdd. 181-233; Cardell agus Cumming, 'Gaelic Voices from Australia Part IV', tdd. 45-108; Cardell agus Cumming, 'Gaelic Voices from Australia Part V', tdd. 5-53; Cardell agus Cumming, *Sgeulachdan Goirid agus Bàrdachd à Astràilia*; MacDonell, *The Emigrant Experience*; Newton, *Seanchaidh na Coille*.

chruinneachadh Maireid NicDhòmhnaill de dh'òrain Ghàidhlig a rinneadh an Ameireagaidh a Tuath san 18mh agus 19mh linn, *The Emigrant Experience*. Ged a tha NicDhòmhnaill ag aithneachadh gur e corpas leis fhèin a th' ann an òrain eilthreach, tha i den bheachd gu bheil a' bhàrdachd a' toirt cunntas dhuinn air, 'woes, uncertainties, and hopes engendered by emigration,' sa chiad dol a-mach.¹²⁸ Tuigear brìgh nan òran as fheàrr, ar leatha, ann an co-theacsa na h-Alba is mu choinneamh, 'the disintegration of the clan system and the evolution of a new social order.'¹²⁹

Tha rannsachadh Rob Dunbar, 'The Poetry of the Emigrant Generation', a' sealltainn cuideam cosmhail ri sin air an t-seann dùthaich. Bheir òrain nan eilthreach sàr chothrom dhuinn, am beachd Dunbar, tuigse fhaighinn air na thug air na h-eilthirich cùl a chur ri dùthaich a bha, 'in a state of increasing crisis brought about by the cataclysmic changes that occurred in the wake of Culloden.'¹³⁰ Ach eu-coltach ri rannsachadh NicDhòmhnaill, chan e co-chruinneachadh de bhàrdachd chèin-thìreach a th' ann an sgrùdadh Dunbar. Tha anailis litreachail aig cridhe an sgrùdaidh agus, mar thoradh air sin, tha co-theacsa cèin-thìreach an litreachais a' tighinn am follais ann an dòigh nas coileanta. Chithear, uaithe sin, gu bheil Dunbar gun a bhith a' dol às àicheadh na buaidhe a bha aig 'an t-Saoghal Ùr' air na h-òrain.¹³¹

Chì sinn cleas cosmhail ri sin ann an rannsachadh Michael Newton. Maille ri co-chruinneachadh NicDhòmhnaill, tha cruinneachadh luachmhor de litreachas na Gàidhlig à Ameireagaidh a Tuath againn a dheasaich Newton, *Seanchaidh na Coille; Memory-keeper of the Forest; Anthology of Scottish Gaelic Literature of Canada*. Tha an co-chruinneachadh sin a' toirt for air diofar thràthan agus cho-theacsaichean a thàinig gu bhith a' toirt buaidh air bàrdachd is rosg Gàidhlig an Canada. An co-rèir ri NicDhòmhnaill agus Dunbar, tha Newton cuideachd ag aithneachadh buaidh Blàr Chùil Lodair air a' chorpas iomlan de litreachas na Gàidhlig, 'Gaelic sources remind us time and again, however, that the real watershed moment in Highland history was the Battle of Culloden on April 16, 1746.'¹³² 'S ann mu choinneamh an 'watershed moment' sin a tha Newton a' measadh chleasan traidiseanta agus chleasan ùra san litreachas chèin-thìreach.¹³³ Tha e cudromach aithneachadh gu bheil sgoileireachd Newton cuideachd a' togail air a' bheachd gun do stèidhicheadh litreachas eilthreach na Gàidhlig mar

128 MacDonell, *The Emigrant Experience*, td. 16.

129 Ibid., td. 4.

130 Robert Douglas Dunbar, 'The Poetry of the Emigrant Generation', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* (2004-2006), tdd. 22-125 (23).

131 Ibid., td. 23.

132 Newton, *Seanchaidh na Coille*, td. 33.

133 Feuchaibh mar eisimpleir, Newton, *Seanchaidh na Coille*, tdd. 17, 19-28.

ghnè litreachais san 10mh linn.¹³⁴ Uime sin, tha litreachas na Gàidhlig an Canada a' cur traidisean stèidhichte am meud, ar leis, an àite a' bhith a' stèidheachadh traidisean ùr.

Chithear gu bheil am breithneachadh litreachais a thig an cois sgrùdadh tro phrosbaig na h-Alba a' nochdadh dhùbhlan ioma-fhillte. Le bhith a' sìor chur cuideam air buaidh na seann dùthcha, thathas a' cumail a-mach nach e ach freagairt do ghnothaichean Albannach a th' anns a' bhàrdachd agus an rosg a rinneadh an cèin. Tha a' bharrail sin, agus na modhan-obrach a tha bonntaichte oirre, a' dol às àicheadh smachd (*agency*) nan imrichean. Tha dùbhlan a bharrachd ann a tha, theagamh, fiù 's nas cronaile air sgrùdaidhean air litreachas na Gàidhlig an cèin. Thig a leithid sin am bàrr ann an sgoileireachd Uilleim Watson a chuireadh an clò bho chionn cha mhòr ceud bliadhna a-nis.¹³⁵ Bha Watson den bheachd gun robh bàrdachd Ghàidhlig a rinneadh eadar 1850 agus 1900 fo bhuidhe, '*creative poverty*.'¹³⁶ Chualas beachdan cosmhail ri sin aig Somhairle Mac Gill-eain mu choinneamh bàrdachd nam Fuadaichean. Ann a bhith a' togail air cruaidh-chàs nan Gàidheal, sgrìobh e, '*This weakness is clearly reflected in the weakness, thinness and perplexity of most Gaelic poetry in the 19th century*.'¹³⁷ Chan eil sgoileireachd a chuireas cuideam air easbhaidhean (*deficit approach*) gu mòran feum do sgrùdaidhean sam bith. Ach tha cothrom ann gun dèan modh-obrach den leithid fiù 's barrachd cron air litreachas na Gàidhlig an cèin. 'S ann a tha rannsachadh uimhireil a' cur far comhair mar-thà gu bheil easbhaidh air an uiread de litreachas Gàidhlig an Astralàisia. 'S e as adhbhar dha sin gu bheil gu leòr den litreachas am falach, air chall air neo air dol à bith. Ma chuirear an uair sin rannsachadh càileachdail ri sin – is e sin ag ràdh gu bheil easbhaidh cuideachd air càileachd an litreachais – tha cothrom ann nach tig sgrùdaidhean torrach gu buil am-feasta.

Tha gu leòr de rannsachadh air litreachas na Gàidhlig an Astralàisia a' comharrachadh easbhaidhean gu h-àraidh. Ged a tha Ó Ciosáin a' càineadh rannsachadh uimhireil air litreachas Ceilteach ann am Breatainn is Èirinn, '*[as it] fails to convey the different degrees of variety of production within the print culture*,' tha e fhathast den bheachd nach do sgrìobh Gàidheil Astràilia ach glè bheag de litreachas Gàidhlig ro 1900.¹³⁸ A rèir James Jupp, chaidh a'

134 Ibid., td. 20.

135 William Watson, *Bardachd Ghaidhlig: Specimens of Gaelic Poetry: 1850-1900* (Sruighlea, 1932).

136 Ibid., td. 15.

137 Somhairle Mac Gill-Eain agus William Gillies (deas.), *Ris a' Bhruthaich: Criticism and Prose Writings* (Steòrnabhagh, 1985), td. 49.

138 Niall Ó Ciosáin, 'The Print Cultures of the Celtic Languages, 1700-1900', *Cultural and Social History* 10:3 (2013), tdd. 347-367 (350); Ó Ciosáin, 'Old Languages in a New Country', td. 60.

Ghàidhlig fiù 's gu tur à fianais an Astràilia cho tràth ris na 1890an.¹³⁹ Air a' mhodh cheudna, tha sgrùdadh Tom Brooking a' cur an cèill nach do chuireadh litreachas na Gàidhlig an clò an Aotearoa ach mu àm a' Chogaidh Mhòir.¹⁴⁰ Cluinnear beachd cosmhail ri sin aig Jennifer Coleman a tha i fhèin air cur an ìre gum b' i an iris, *The New Zealand Scot*, a' chiad fhoillseachadh an Aotearoa a chuir earrannan Gàidhlig an clò bho 1912 air aghaidh.¹⁴¹ Am feadh 's a tha sgrùdadh an tràchdais seo a' cur mì-bharail Brooking agus Coleman ceart, tha Cardell is Cumming air beachd Ó Ciosáin agus Jupp a chur an amharas.¹⁴² Tha rannsachadh an dithis a' dearbhadh gun do chuireadh a' Ghàidhlig gu feum an Astràilia ann am pàipearan-naidheachd, irisean, litrichean, leabhraichean-latha, agus cuideachd ann an adhradh tron 19mh linn.¹⁴³ Gheibhear taghadh farsaing de sgrìobhaidhean Gàidhlig foillsichte agus neo-foillsichte san leabhar as ùire aca, *Sgeulachdan Goirid agus Bàrdachd à Astràilia*.¹⁴⁴

'S e nàdar geàrr-shaoghalach (*ephemeral*) nan làmh-sgrìobhainnean agus foillseachaidhean Gàidhlig a dh'fhàgas e dùbhlanaich beachd coileanta a bhith againn air an uimhir-san. Tha Zhong a' cur an rathad dhuinn gun do chuir sgrìobhadairean '*Languages other than English*' (*LOTE*) an Astràilia an cuid sgrìobhaidhean gu minig gu pàipearan-naidheachd is irisean air nach fhaighear greim gu furasta a-nis. Ged a lorgar cuid dhiubh ann an leabharlannan, tasglannan, agus cruinneachaidhean poblach is prìobhaideach, chan eil iad an-còmhnaidh coileanta. Maille ri sin, chan eil iomradh orra air clàran pàipeir no didseatach.¹⁴⁵ Tha rannsachadh Maireid NicDhòmhnaill a' toirt fianais air a' cheart dùbhlanaich mu choinneamh litreachas na Gàidhlig an Ameireagaidh a Tuath. Fhad is a tha an dàrna cuid sgapte air feadh irisean, phàipearan-naidheachd, agus chruinneachaidhean – a tha an dà chuid tearc agus fad o chèile – tha a' chuid eile gun a bhith ga sgrùdadh air neo air dol à fianais.¹⁴⁶ Ann a bhith a'

139 James Jupp, *Immigration* (Melbourne, 1998), tdd. 34-35.

140 Brad Patterson et al., *Unpacking the Kists: The Scots in New Zealand* (Dunedin, 2013), td. 246.

141 Jennie Coleman, 'Gaelic (Scots)', ann an Jennie Coleman (deas.), *Book & Print in New Zealand: A Guide to Print Culture in Aotearoa* (Wellington, 1997), <https://nzetc.victoria.ac.nz/tm/scholarly/tei-GriBook-div3-N140F6.html> [ruipte 14.02.2024].

142 Chuireadh beachd Brooking agus Coleman gu dùbhlanaich roimhe. Tha iomradh air, '*Gaelic column in a local paper by Dr Gillies (Skye native) until his death*,' a' nochdadh sa chlàr a chruthaich Anja Gunderloch airson làmh-sgrìobhainnean Gàidhlig aig Oilthigh Ghalschu. Gun teagamh, tha co-theacs a dhith air an iomradh is chan eil e idir soilleir gur ann a-mach air colbh Gàidhlig an *NZPO* a tha na briathran. Ge-tà, tha an t-iomradh aithghearr a' nochdadh dhuinn cho cudromach agus luachmhor is a tha prìomh-chunntasan agus làmh-sgrìobhainnean do sgrùdaidhean air litreachas na Gàidhlig. 'S iomadh mì-bharail a ghabhadh seachnadh nan rachte an sàs ann an cunntasan nach eil, theagamh, ceart cho follaiseach air neo so-ruigsinneach is a tha cunntasan Beurla. Feuchaibh, 'New Zealand section: Gordon MacDonald (Dunedin) 30/04/1930', ann an Anja Gunderloch, *The Gaelic Manuscripts of Glasgow University* (Glaschu, 2007).

143 Cardell agus Cumming, 'Gaelic Voices from Australia; Part V', td. 2. Feuchaibh cuideachd, Kerry Cardell, Cliff Cumming, agus Robert Bakker, *Comunn na Feinne 1856-1946; More than a pub name* (Milton Keynes, 2018).

144 Cardell et al., *Sgeulachdan Goirid agus Bàrdachd à Astràilia*. Ge prìseil an leabhar sin, bitheamaid air ar faicill le cuid den bhàrdachd a chuireas Cardell is Cumming às leth bhàrd an Astràilia ged a bhuineas i do dh'Alba. Feuchaibh mar eisimpleir, 'Tuireadh a' Ghàidheal' [sic], *Sgeulachdan Goirid agus Bàrdachd à Astràilia*, tdd. 82-84. Chuireadh an t-òran an clò an toiseach ann an 1852 sa phàipear-naidheachd Albannach, *The Perthshire Advertiser*, 16 an Dàmhair 1851, td. 4.

145 Zhong, 'Towards a Multilingual National Literature', td. 2.

146 MacDonell, *The Emigrant Experience*, tdd. 16-17.

dèanamh rannsachadh air litreachas na Gàidhlig an Astràilia, fhuair Cardell is Cumming gun robh na sgrìobhaidhean, ‘*scattered like needles through more than one haystack.*’¹⁴⁷ Cluinnear beachdan cosmhail ri sin aig Martin agus Kidd agus, mar a bhite an dùil, dh’èirich na ceart dhùbhlain san rannsachadh seo fhèin.¹⁴⁸

Tha sgoilearan ag aithneachadh a-nis gu bheil rannsachadh càileachdail is uimhireil a chuireas cuideam air easbhaidhean, leis fhèin, easbhaidheach. Tha eisimpleir dha sin ann an rannsachadh Raghnaill MhicIlleDhuibh a chuireas slatan-tomhais MhicThòmais gu dùbhlan. ’S e moladh MhicIlleDhuibh gun a bhith a’ measadh bàrdachd na Gàidhlig a rèir shlatan-tomhais nach fhaic luach ach ann an cleasan nach robh ann cheana (*originality*). Tha e den bheachd gu bheil slatan-tomhais a bharrachd air stoidhle, meidh, fonn, agus treibhdhireas a dhìth airson bàrdachd a mheasadh gu h-ìomchaidh.¹⁴⁹ Tha beachdan cosmhail ri sin aig Dòmhnall Meek. Tha e fhèin den bheachd nach eil comas no còir againn litreachas Gàidhlig na 19mh linne a mheasadh a rèir taic shlatan-tomhais a chuimsicheas air litreachas linntean eile.¹⁵⁰ A chum litreachas na Gàidhlig an Astralàisia a sgrùdadh gu h-ìomchaidh, ma-tà, b’ fheàrr aire a thoirt do chaochladh cho-theacsaichean.¹⁵¹ Tha modhan-obrach is slatan-tomhais an lùib sgrùdadh ioma-chultarail a’ cur sin an comas dhuinn. Chan eil ioma-chultaras a’ cur chleasan dùthchasach an suarachas ach ’s ann a tha e a’ comharrachadh an rèiteachaidh eadar na bha, na tha, agus na dh’fhaodadh a bhith. Tha Besemeres agus Williams a’ togail air an rèiteachadh sin san rannsachadh a rinn iad air litreachas Pòlainnis an Astràilia. Cuiridh e sin air shùilean dhuinn gum feum in-ìmrichean iomadh aithne phearsanta, chultarail, agus shòisealta a ghabhail os làimh a chum ’s gun soirbhich leotha an cèin.¹⁵² Air a’ mhodh cheudna, tha Calum Iain M. MacLeòid air aithneachadh gu bheil bàrdachd Ghàidhlig à Alba Nuadh, ‘fuaighte ri caithe-beatha nan eilthireach is tìr an àraich.’¹⁵³ Chuir bàird is sgrìobhadairean, a-rèiste, cleasan seana is ùra an eagaibh a chèile is an sgrìobhaidhean ceart cho ioma-fhillte is a

147 Cardell agus Cumming, ‘Gaelic Voices from Australia: Part I’, td. 22.

148 Martin, ‘Paradise Imagined’, td. 29; Kidd, ‘Kangaroos and Cockatoos’, tdd. 1-18.

149 Ronald Black, *An Lasair; Anthology of 18th Century Scottish Gaelic Verse* (Dùn Èideann, 2019), tdd. xviii, xix.

150 Donald E. Meek, *Caran an t-Saoghail; The Wiles of the World; Anthology of 19th Century Scottish Gaelic Verse* (Dùn Èideann, 2003), td. xix.

151 Na sgrùdadh air litreachas ioma-chultarail na Beurla, tha Reed Way Dasenbrock a’ cur far comhair gum feum neach-leughaidh beagan obair a dhèanamh a chum litreachas a mheasadh luachmhor. ’S e amas an sgrùdadh seo an obair sin a dhèanamh beagan nas fhasa do luchd-leughaidh a thèid an sàs ann an litreachas na Gàidhlig à Astràilia. Coileanar sin le bhith a’ dol an doimhneachd ann an co-theacsa colonach an litreachais. Reed Way Dasenbrock, ‘Intelligibility and Meaningfulness in Multicultural Literature in English’, *PMLA* 102:1 (Am Faoilleach, 1987), tdd. 10-19 (11).

152 Besemeres agus Kwapisz Williams, ‘Waltzing St Kilda’, td. 1.

153 Calum Iain M. MacLeòid (deas.), *Bàrdachd à Albainn Nuaidh* (Glaschu, 1970), ‘Roimh-ràdh’. Gun teagamh, cha b’ e cleas nan eilthireach a bh’ ann litreachas a chur gu feum airson rèiteachadh is chunnacas Gàidheil a’ cur sgrìobhaidhean gu feum air modh cosmhail ri sin an Alba. Airson barrachd air a’ sin, feuchaibh, Dòmhnall Uilleam Stiùbhart, ‘Use of Historical Traditions in Scottish Gaelic’ ann an John Beech et al. (deas.), *Scottish Life and Society. A Compendium of Scottish Ethnology. Oral Literature and Performance Culture* (Dùn Èideann, 2007), tdd. 124-152 (126).

bha na h-àrainneachdan ioma-chultarail anns an robh iad beò. Sin as adhbhar nach eil e an-còmhnaidh iomchaidh an seòrsachadh gu daingeann a rèir thràthan, àitichean, agus sheòrsaichean a bhuineas do litreachas na Gàidhlig an Alba.

'S e an rèiteachadh a dh'fhàgas sgrìobhaidhean an dàrna imriche coltach ri sgrìobhaidhean an fhir eile. Tha Simoes da Silva a' toirt fa-near dhuinn gu bheil litreachas ioma-chultarail gu minig a' dèiligeadh ri cuspairean troma a leithid arfantachadh, far-fhuadachadh, agus ainneart. 'S e as adhbhar dha sin gu bheil an litreachas a' riochdachadh comann a thogadh air bun-stèidh cugallach is neo-sheasmhach, mar eisimpleir comann colonach.¹⁵⁴ Tha na ceart bheachdan a' tighinn am bàrr ann an rannsachadh Besemeres agus Williams. A dh'aindeoin cho eadar-dhealaichte is a tha diofar in-imrichean bhon a chèile, tha mòran dhiubh a' cur chuspairean coitcheann an sgrìobhadh. 'S e eisimpleir de na cuspairean sin: èiginn mar thoradh air cogadh agus far-fhuadachadh; eileachadh (*alienation*) mar thoradh air cànan coimheach, poileasaidhean co-choslachaidh (*assimilation policies*), dìmeas air teisteanasan-obrach agus fèin-luach; agus cianalas is, an cois sin, call sheallaidhean, fhàilidhean, agus bhlasan a tha suaicheanta don t-seann dùthaich.¹⁵⁵ On a tha cuid de na cuspairean sin fuaighte ris an t-seann dùthaich, togaidh iad gu minig ceann ann an sgrìobhaidhean a thèid an sàs ann an cianalas, fadachd, agus call. Ann a bhith a' toirt sùil air brìgh cianalais, tha Iain Mac a' Ghobhainn a' toirt fa-near dhuinn gun robh e cha mhòr mar dhleastanas do dh'imrichean an àrainneachd ùr a dhiùltadh.¹⁵⁶ Choilean na Gàidheil sin, a rèir Ruaraidh MhicThòmais, le bhith a' togail air trì gnothaichean gu sònraichte: tìr an àraich, an càirdean, agus an coimhearsnachd, '*The homeland is seen primarily in a nostalgic light: a place of youthful associations, family and community warmth, a Paradise lost.*'¹⁵⁷ Tha Sonia Mycak a' mìneachadh gu bheil e comasach do litreachas agus sgrìobhadairean ioma-chultarail cnuasachadh air an fhìrinn mu bheatha an cèin gu breitheach is gu treibhdhireach. Tha an cnuasachadh sin a' gabhail a-steach – agus gu minig a' cur cuideam air – na dùbhlain a tha in-imrichean a' fiosrachadh aig gach ìre den imrich. Togaidh dùbhlain den leithid ceann, mar eisimpleir, ann an litreachas a dhèiligeas ris a' chall agus an leth-bhreith a dh'èirich don fheadhainn a thàinig a dh'Astràilia air tòir fortain is beatha sheasmhach. Tha sgrìobhadairean eile a' dol fiù 's nas fhaide is iad a' sgrìobhadh air

¹⁵⁴ Tony Simoes da Silva, 'The Nation or the Globe?: Australian Literature and/in the World', *Journal of the Association for the Study of Australian Literature* 14:5 (2014), tdd. 1-7 (1).

¹⁵⁵ Besemeres agus Kwapisz Williams, "Waltzing St Kilda", tdd. 3, 5.

¹⁵⁶ Iain Crichton Smith, *Towards the Human* (Loanhead, 1986), td. 17.

¹⁵⁷ MacThòmais, *An Introduction to Gaelic Poetry*, td. 223.

gnothaichean achrannach leithid de aithne phearsanta, nàiseanta, agus chultarail. Tha Mycak ag aithneachadh nan sgrìobhadairean sin mar in-imrichean, ‘*who chose not to neutralise their ancestry.*’¹⁵⁸ Cha bhuin iad gu buileach don t-seann dùthaich agus cha bhuin iad don dùthaich ùir nas motha. Am beachd Mycak, tha am buidheann sònraichte sin de sgrìobhadairean ioma-chultarail a’ gabhail ri aithne phearsanta thàthanaichte (*hyphenated identity*).¹⁵⁹

Tha na diofar bheachdan air litreachas ioma-chultarail a’ cur air shùilean dhuinn gun robh in-imrichean Astralàisia beò ann an àrainneachd shòisealta, chultarail, agus – gu sònraichte – litreachail a bhrosnaich litreachas àraid. Maille ri sin, bhrosnaich an àrainneachd fèill air cuspairean àraid san litreachas. Chan e a-mhàin gun do chuireadh fàilte air na cuspairean sin, saoillear gun robh e fiù ’s duilich an seachnadh. Bhiodh lionraidhean litreachail – a ghabhas a-steach lionraidhean sgrìobhaidh, leughaidh, clò-bhualaidh, agus foillseachaidh – a’ cruthachadh bun-structar seasmhach do bhàrdachd is rosg a chuidich in-imrichean ris an rèiteachadh. ’S e, ‘*the wail of a dejected and harassed people,*’ a rinn Watson den rèiteachadh sin ach tha diofar sgoilearan Gàidhlig air a’ bheachd sin a chur gu dùbhlann bhon uair sin.¹⁶⁰ Am beachd Meek, chan eil math dhuinn dìmeas a dhèanamh air rannan Gàidhlig na 19mh linne, ‘*simply because they do not conform to acceptable standards of literary criticism, created by modern scholars.*’¹⁶¹ Sa cho-chruinneachadh de bhàrdachd Ghàidhlig na 19mh linne a dheasaich Meek, tha e a’ toirt for gu h-àraidh air dreuchd na bàrdachd ann an co-theacsa co-aimsireil nam bàrd, an luchd-èisteachd, agus an luchd-leughaidh. Le bhith a’ cur cuideam air dreuchd seach meatrachd is stoidhle, tha e comasach dha Meek teòiridh ùr a chur an cèill mu choinneamh dreuchd diofar ghnèithean litreachais. Tha an teòiridh sin a’ cumail a-mach gun do dh’atharraich dreuchd bàrdachd air sàillibh an uireid de rosg a chuireadh an clò san 19mh linn. B’ ann nach robh bàrdachd a-mhàin a dhìth tuilleadh airson dèiligeadh ri gnothaichean mòra an latha.¹⁶² Dh’fhaoidte gum faic sinn fianais air an teòiridh sin ann am foillseachaidhean Gàidhlig Astralàisia cuideachd. Ge-tà, feumaidh sinn a bhith faiceallach an seo is clàradh iomlan air rosg is bàrdachd Ghàidhlig à Astralàisia fhathast a dhìth oirnn.

158 Sonia Mycak, ‘Australian Multicultural Literature: Dynamic and Dilemmas of the Self’, *Literature & Aesthetics* 12 (2011), tdd. 79-104 (81).

159 Ibid.

160 Watson, *Bardachd Ghaidhlig*, td. xxxiii; Meek, *Caran an t-Saoghail*, tdd. xiii-xiv.

161 Meek, *Caran an t-Saoghail*, td. xvii.

162 Ibid., td. xxi.

A bharrachd air Meek agus MacIlleDhuibh, chunnacas cuideachd an sgoilear Canèideanach, Michael Kennedy, a' cur cùl ri slatan-tomhais a nochdas litreachas na Gàidhlig an Canada mar, 'essentially negative and contradictory in nature, clumsily expressing despair, a sense of helplessness and an unrealistic longing for a romanticized homeland.'¹⁶³ Tha a chuid rannsachaidh air bàrdachd Ghàidhlig a rinneadh an Canada san 18mh agus 19mh linn, a' toirt eisimpleir dhuinn air sgoileireachd a tha a' dol gu tur an rathad eile. Ged nach eil e a' dol às àicheadh cruaidh-chàs nan in-imrichean, tha Kennedy airson toirt fa-near dhuinn gum b' e, 'an active people making a positive decision to start a new life,' a bh' ann an cuid mhath dhiubh.¹⁶⁴ Tha beachdan Kennedy ann an co-rèir ri beachdan David Gerber a sgrìobh, 'We need to recall that immigration was, more or less, a voluntary activity – at once, an individual embrace of change and a purposeful behavior.'¹⁶⁵ Le sùil air na Gàidheil, cha b' ann gu saor-thoileach a chuir a' chuid a bu mhotha dhiubh cùl ri Alba fiù 's mas ann air eilthireachd aig deireadh na 19mh linn a thathas a-mach. Cuimhniceamaid air briathran Dunbar gum b' e, '[a] crisis brought about by cataclysmic changes that occurred in the wake of Culloden,' a chruthaich bun-structar don sgapadh-shluagh Ghàidhealach an toiseach.¹⁶⁶ A-rèiste, b' i èiginn a b' adhbhar gun robh fios aig mòran air na bha an sàs ann an eilthireachd, i. fir-ghnothaich, cinn-uidhe, luing-eilthireach, calachan eilthireach, uidheamachd eilthireach, agus mar sin air adhart. Chan eil math dhuinn an tùs-adhbhar sin a chur an suarachas.¹⁶⁷ Theagamh gur i Mairead NicDhòmhnaill a chuir an cèill e gu h-ìomchaidh, 'This movement [the massive exodus from the Highlands and Islands of Scotland] elicited an extensive repertoire of songs in which its tragic aspects received due notice, but not to the exclusion of other considerations.'¹⁶⁸ Tha an tràchdas seo a' gabhail ri eu-dòchas, èiginn, agus cianalas ann an litreachas nan in-imrichean air a' cheart dòigh is a thathas a' gabhail ri toileachas, faochadh, agus fiù 's suarachas mun t-seann dùthaich. Bha na beachdan, faireachdainnean, agus ceudfathan sin uile feumail don rèiteachadh a dh'fheumadh na h-in-imrichean gabhail os làimh is iad a' dealbhadh beatha san sgapadh-shluagh Ghàidhealach. Gabhar ris gun robh Gàidheil Astralàisia a' tighinn gu rèite rim beatha ùr ann an caochladh dhòighean is na sgrìobhaidhean aca a' toirt fianais air a' sin.

¹⁶³ Michael Kennedy, "'Lochaber no more": A Critical Examination of Highland Emigration Mythology', ann am Marjory Harper agus Michael E. Vance (deas.), *Myth, Migration and the Making of Memory. Scotia and Nova Scotia c. 1700-1990* (Halifax, Alba Nuadh; Dùn Èideann, Alba, 1999), ttd. 267-297 (278).

¹⁶⁴ Ibid., td. 279.

¹⁶⁵ David A. Gerber, 'The Immigrant Letter between Positivism and Populism: The Uses of Immigrant Personal Correspondence in Twentieth-Century American Scholarship', *Journal of American Ethnic History* 16:4 (1997), ttd. 3-34 (24).

¹⁶⁶ Dunbar, 'The Poetry of the Emigrant Generation', td. 23.

¹⁶⁷ Airson barrachd fios air buaidh eilthireachd air slàinte inntinn nan imrichean, feuchaibh, Angela McCarthy agus Catherine Coleborne, *Migration, Ethnicity, and Mental Health: International Perspectives, 1840-2010* (Abingdon, 2012).

¹⁶⁸ MacDonell, *The Emigrant Experience*, td. 3.

Modh-obrach

'S e dà ghnòthach gu sònraichte a thug buaidh air modhan-obrach an rannsachaidh seo: suidheachadh nam prìomh thùsan agus suidheachadh an neach-rannsachaidh. 'S e litreachas na Gàidhlig a rinneadh is a chuireadh an clò an Astralàisia a tha aig cridhe an tràchdais seo. Mar a bhite an dùil, tha an dàrna cuid dheth an Astràilia is Aotearoa is a' chuid eile sgapte air feadh an t-saoghail air neo air dol air seachran. A chum greim fhaighinn air cuid den litreachas, b' fheàrr – a) a bhith an Astralàisia; b) lionraidhean a bhith aig an neach-rannsachaidh. B' ann a rinneadh an rannsachadh seo cha mhòr air fad an Alba. Ged a bha mi an dùil siubhal gu Astralàisia airson prìomh thùsan a chlàradh ann an 2020, chuir Covid-19 bacadh air a' chothrom sin. Gu fortanach, bha grunn phrìomh thùsan Gàidhlig rim làimh a bha mi air clàradh an Aotearoa ann an 2018 ri linn rannsachadh Maighstireachd.¹⁶⁹ Fhuair mi tuilleadh thùsan le taic thasglannan didseatach agus, le sùil air na sgrìobhaidhean a chuireadh an clò an Alba agus Canada, leabharlann Oilthigh Ghlaschu, tasglann an *Oban Times*, agus leabharlann Sabhal Mòr Ostaig. 'S iad na tasglannan agus cruinneachaidhean didseatach a chuireadh gu feum: *Trove*, *PapersPast*, *British Newspaper Archive*, *DASG*, *Tobar an Dualchais*, agus cruinneachadh didseatach Leabharlann Nàiseanta na h-Alba. Cha bhiodh e air a bhith comasach an rannsachadh seo a ghabhail os làimh às aonais nan goireasan sin. Ged a thàinig mi gu rèite ris na crìochan agus bacaidhean cho math is a b' urrainn dhomh, feumar a ràdh gun do thog easbhaidh no dhà ceann. 'S e tè dhiubh nach d' fhuair mi cothrom ceart sgrùdadh a dhèanamh air dileab litreachail nan Gàidheal Canèideanach a ghabh còmhnaidh an Waipu, Aotearoa, ann an 1856. Gheibhear cothrom, ge-tà, air taghadh de sgrìobhaidhean Gàidhlig à Waipu ann an leabhar Bev Brett agus Alick Mhic a' Phearsain, *Letters to Mac-Talla from John Munro; A Cape Breton Gael in New Zealand, 1894-1902*. Nochdaidh an leabhar sin litrichean Gàidhlig a chuir Iain Rothach (1829-1905) chun na h-irise Canèideanaich, *Mac-Talla*, eadar 1894 agus 1902.¹⁷⁰

Thogadh cheana air na dùbhlain a tha an sàs ann an rannsachadh air litreachas cèin-thìreach na Gàidhlig. Mas e is gum faighear criomagan no fiù 's sreathan de sgrìobhaidhean ann an tasglannan, leabharlannan, air neo cruinneachaidhean beaga is prìobhaideach an Astralàisia,

¹⁶⁹ Marker, 'Litreachas na Gàidhlig à Sealann Nuadh', (Oilthigh Ghlaschu: Tràchdas Maighstireachd neo-fhoillsichte, 2018).

¹⁷⁰ Bev Brett agus Alick Mac a' Phearsain (deas.), *Letters to Mac-Talla from John Munro; A Cape Breton Gael in New Zealand, 1894-1902* (Baddeck, Alba Nuadh, 2016).

chan eil an litreachas an-còmhnaidh coileanta air neo air a chlàradh gu h-ìomchaidh. Tha Ross Harvey a' cur an t-suidheachaidh easbhaidhich sin as leth dhùbhlàn a dh'èirich do leabharlannan agus thasglannan colonach san 19mh linn, mar eisimpleir teintean, tuiltean, crithean-talmhainn, agus cuideachd suarachas 'youthful societies' nan colonaidhean.¹⁷¹ Tha Ellen Ndeshi Namhila a' cur ri seo gur e as adhbhar do thùsan agus ghoireasan easbhaidheach gu bheil tasglannan colonach fo bhuidh siostam colonach chun an latha an-diugh.¹⁷² Mura robh an siostam sin a' faicinn luach ann an sgrìobhadh àraid, tha deagh chothrom ann nach robhar ga chlàradh air neo nach tugadh prìomhachas dha an taca ri sgrìobhaidhean eile. B' iad gnothaichean mar chinnidheachd, bheachdan poilitigeach, agus chànan an sgrìobhadair a dhearbhaich luach an sgrìobhaidh.¹⁷³ 'S e freagairt agus moladh Harvey mu choinneamh nan easbhaidhean sin fianais a lorg ann an caochladh agus pailteas de thùsan, '*There must be much patching together, much generalizing from a wide variety of sources, with an intensive time commitment likely to extend over many years.*'¹⁷⁴ B' fheàrr cuideachd gabhail ris, da rèir, gum bi an fhianais neo-choileanta a dh'aindeoin oidhirpean an neach-rannsachaidh.

Thugadh fa-near dhan cheart dùbhlàn sin ann a bhith a' sgrùdadh a' phàipeir-naidheachd, an *New Zealand Public Opinion, Sportsman and Saturday Advertiser (NZPO, 1880-1893)*¹⁷⁵, à Dunedin, Otago, agus cuideachd na h-irise, *The Free Churchman* (1882-), à NSW, Astràilia. Ged a tha grunn àireamhan den *NZPO* rim faighinn ann an Leabharlann Nàiseanta Aotearoa an Wellington, a bharrachd air Cruinneachadh Hockon an Dunedin, tha àireamhan na bliadhna 1882 cha mhòr air fad a dhìth. Air a' cheart dòigh, tha coltas air nach eil gin den litreachas Ghàidhlig a chuireadh gu cunbhalach don iris shaor-chlèirich, *The Free Churchman*, eadar 1890 agus 1900 ri fhaighinn a-nis. Cuiridh clàr Leabharlann Nàiseanta Astràilia gu dearbhadh nach eil ach àireamhan nam bliadhnaichean 1882 agus 1884 ri làimh. Chì sinn ann an rannsachadh Alasdair agus Brian Taylor, ge-tà, gu bheil cuid de dh'àireamhan an sealbh prìobhaideach.¹⁷⁶ Thathas ag aithneachadh gur e laigse a th' anns na beàrnan beaga is mòra a dh'fhàgas earrannan, phàipearan, agus irisean nach eil ri làimh tuilleadh air neo ri làimh

171 Ross Harvey, 'Newspaper Archives in Australia and New Zealand', *Media History* 5:1 (1999), tdd. 71-80 (73).

172 Ellen Ndeshi Namhila, 'Content and use of colonial archives: an under-researched issue', *Arch Sci* 16 (2016), tdd. 111-123 (115). 'S iad tasglannan colonach tasglannan ann an dùthchannan a bha uair fo bhuidh colonachaidh.

173 Ibid.

174 Harvey, 'Newspaper Archives in Australia and New Zealand', td. 75.

175 *NZPO* as dèidh seo.

176 Alasdair Taylor agus Brian Taylor, 'Lost – and some Found: Scottish Gaelic Manuscripts in New South Wales', ann an Anders Ahlqvist agus Pamela O'Neill (deas.), *Celts and their Cultures at Home and Abroad: a Festschrift for Malcolm Broun* (Sydney, 2013), tdd. 349-366.

fhathast. Gun teagamh, tha gu leòr rannsachaidh ri dhèanamh ann an tasglannan Astralàisia is seo na chothrom do latha no sgoilear eile.

Ann a bhith ag obair le clàran nan tasglann is leabharlann traidiseanta, cha robh mi fada ionnsachadh nach fhaighear lorg air mòran phrìomh thùsan ma chuirear briathran Gàidhlig ann an innealan-lorg (*search-engines*) nan clàran. Eu-coltach ri sin, tha cus thoraidhean ann ma chleachdar briathran leithid de ‘*Gaelic*’ agus ‘*Scottish Gaelic*’. Ge-tà, chan e a-mhàin gu bheil a’ chuid as motha de na tùsan a thig am bàrr sa Bheurla, tha cuideachd coltas air nach eil na h-innealan-lorg mothachail air an diofar eadar Gàidhlig agus Gaeilge. Bheir sin beachd dhuinn air an t-seòrsa mì-thuigse agus dìth thuigse a tha fhathast ann air cànan ‘*LOTE*’ an Aotearoa. Bitheadh sin mar a bhitheadh, leis cho gann is a bha an ùine a bha agam an Aotearoa, dh’fheumainn modh-obrach nas èifeachdaiche. A-rèiste, thug mi prìomhachas dha pàipearan is cunntasan às an robh mi cinnteach gun robh tùsan Gàidhlig nam measg, mar eisimpleir pàipearan Comann Gàidhlig Dhunedin agus Comann nan Gàidheal an Wellington. Maille ri sin, tha àireamh bheag de sgrìobhaidhean Gàidhlig ri faotainn ann am pàipearan a bhuin do Ghàidheil a bha air cliù is urram a chosnadh sa cholonaidh, mar eisimpleir William Newsham Blair (1841-1891) agus an Dr Iain MacGillÌosa (1848-1889). Le sùil air sgrìobhaidhean gun urra agus criomagan beaga de litreachas, feumar ùine a bharrachd is foighidinn airson lorg fhaighinn orra sin.

Mar a chanadh roimhe, tha an rannsachadh seo a’ togail gu mòr air prìomh thùsan Gàidhlig a lorgar sna tasglannan didseatach, *Papers Past* agus *Trove*. An taca ris na tasglannan traidiseanta, tha siostam clàraidh nan tasglann didseatach stèidhichte air teicneòlas a tha ann an cuid de dhòighean nas adhartaiche agus nas soifhistaigiche. Mar sin, thig toraidhean gu leòr am bàrr ged a chuirear briathran Gàidhlig ann an innealan-lorg nan tasglann-d. Airson an sgrùdadh a bhith cho sgiobalta is iomlan is a ghabhas, thagh mi roghainn de bhriathran Gàidhlig a bha mi an dùil a bha cumanta agus cuideachd cunbhalach a thaobh litreachaidh. ’S e sampall den bhriathrachas sin: ‘agus’; ‘bàrdachd’; ‘bàrd’; ‘òran’; ‘ceòl’; ‘sgeulachd’; ‘sgeul’; ‘seanchas’; ‘Gaidheal’; ‘Gàidhlig/Gaelig/Gailig’; ‘Beurla’; ‘dùthaich’; ‘bùth’; ‘ceannaich/ceannach’; ‘reic/creic’; ‘Tighearna’; ‘ministear’; ‘searmon’; ‘eaglais’; agus ‘seirbhis’.¹⁷⁷ Nochdaidh am facal, ‘agus’, leis fhèin còrr is mìle toradh dhuinn air *Papers Past* agus barrachd air 419 mìle air *Trove*. Gabhaidh sin a-steach foillseachaidhean san dà chuid

¹⁷⁷ Bhathas cuideachd mothachail air atharrachaidhean a dh’fhaodadh tighinn air na briathran seo ri linn àm, aogas, tràth, riochd, uimhir, pearsa, agus gnè.

pàipearan-naidheachd agus irisean thairis air cha mhòr dà cheud bliadhna.¹⁷⁸ Ge drùidhteach na h-àireamhan sin, tha grunnan chnapan-starra a' nochdadh an seo cuideachd.

Chan urrainnear idir dol às àicheadh cho prìseil is a tha goireasan-d is iad a' leigeil leinn dol an sàs ann an litreachas nach eil ri ar làimh air modh eile. Cuideachd, bheir innealan-lorg (*search engines*) cothrom dhuinn obair ann am modh nas èifeachdaiche agus nas luaithe. Tha gu leòr de sgoilearan air buaidh agus crìochan ghoireasan-d a sgrùdadh is iad air an dà chuid an sochairean agus dochairean a nochdadh dhuinn. Ged a leigeas goireasan-d leinn dol am barrachd doimhneachd ann am pàipearan-naidheachd, tha iad cuideachd gu minig a' fàgail thoraidhean rannsachaidh neo-earbsach seach nach eil na toraidhean an-còmhnaidh coileanta.¹⁷⁹ Thogadh air a' seo roimhe le sùil air an iris, *The Free Churchman*, a tha ri faighinn tro *Trove* ged a tha na h-àireamhan anns an do nochd foillseachaidhean Gàidhlig a dhìth air-loidhne. Coltach ri sin, chuir am pàipear-naidheachd, *The Taranaki Herald*, earrann Ghàidhlig an clò ann an 1885 a thàinig bho, 'our Dunedin namesake'.¹⁸⁰ Cha d' fhuair mi lorg an aona chuid air a' phàipear an Dunedin air neo air a' cholbh Ghàidhlig anns an do nochd an earrann. 'S e an dùbhlán an seo gu bheil co-theacsa a dhìth agus, am beachd Hieke Huistra agus Bram Mellink, cha toir goireasan-d beachd coileanta dhuinn air co-theacsa. 'S e as coireach dha sin nach eil sinn buailteach air sùil a thoirt air a' phàipear dhidseatach air fad is sinn a' cur cus earbsa ann an inneal 'lorg san teacsa'.¹⁸¹ Ach le bhith a' dol tron phàipear air fad, ar leotha, tha cothrom againn toirt fa-near gu h-ìomchaidh do cho-theacsa earrainn àraid. Bithear mothachail gu bheil caochladh bheachdan aig sgoilearan air a' ghnòthach seo. A rèir Laurel Brake, fàsaidh sinn nas mothachaile air co-theacsa earrainn ri linn na h-oidhirpe a tha an sàs ann an 'zooming and clicking'.¹⁸² Ged a bhitheadh co-theacsa gann oirnn, chan eil goireasan-d a' cur bacadh oirnn goireasan a bharrachd a chleachdadh airson co-theacsa a chur ri earrann litreachais.

Mar a bhite an dùil, tha dùbhlain cuideachd an lùib innealan-lorg. Tha Huistra agus Mellink a' toirt rabhadh dhuinn gu bheil cuid de dh'innealan air leth frionasach is buailteach air 'false negatives' a thoirt dhuinn.¹⁸³ 'S e as ciall dha sin gu bheil toraidhean gu mòr fo bhuidh

178 Dh'fhàgadh an sgèile-ama cuimseach farsaing – 1839-1989 mu choinneamh *Papers Past* agus 1819-2015 mu choinneamh *Trove* – ri linn 's gu bheil sgrìobhaidhean ann a nochd às dèidh bàs sgrìobhadairean.

179 Adrian Bingham, 'The Digitization of Newspaper Archives: Opportunities and Challenges for Historians', *Twentieth Century British History* 21:2 (2010), tdd. 225-231 (228-229).

180 *Taranaki Herald*, 5 an Dàmhair 1885, td. 2.

181 Hieke Huistra agus Bram Mellink, 'Phrasing history: Selecting sources in digital repositories', *Historical Methods: A Journal of Quantitative and Interdisciplinary History* 49:4 (2016), tdd. 220-229 (221).

182 Laurel Brake, 'Half full and half empty', *Journal of Victorian Culture* 17 (2012), tdd. 222-229 (223).

183 Huistra agus Mellink, 'Phrasing history', td. 223.

mhodhan litreachaidh, bitheadh iad ceart no ceàrr.¹⁸⁴ Mas e is gu bheil droch chàileachd air pàipear no iris, dh'fhaodadh cuideachd nach eil e an comas do dh'inneal-lorg na briathran a lorg air a bheilear an tòir. 'S e seo dùbhlán a dh'èirich gu minig san rannsachadh seo. Chan e a-mhàin nach eil gach inneal-lorg ag aithneachadh bhriathran Gàidhlig, tha cuid buailteach air a bhith 'a' ceartachadh' na chuirear a-steach annta. Mar sin dheth, tha na h-innealan a' moladh earrannan leis na briathran "argue" no "asparagus" ged a thathas air tòir 'agus'. Tha coltas air, ge-tà, gu bheil piseach a' tighinn air an teicneòlas beag air bheag.

Mu dheireadh, feumar rabhadh beag ach cudromach a chur an rathad luchd-leughaidh an tràchdais seo. Tha cuibhreann mòr den sgrùdadh a' dol an sàs ann an òrain Ghàidhlig nach do rinneadh le peann is pàipear an toiseach ach le fonn is meòmhair. Chan eil teagamh ann gur prìseil an cothrom briathran nan òran sin a leughadh ach 's e bhiodh math an gabhail is èisteachd riutha. Dh'fhaodadh fiù 's a ràdh gum b' e sin a bheireadh brìgh is buaidh nan òran am follais gu h-iomlan. On a chuireadh gu leòr de na h-òrain an clò cuide ri iomradh air am fonn, gabhaidh co-dhiù clàraidhean air *Tobar an Dualchais* cleachdadh airson beachd fhaighinn air ruitheam agus modh nan òran. Fhuair buidheann beag de luchd-amhairc cuideachd cothrom ann an 2021 èisteachd ri taghadh de dh'òrain Ghàidhlig à Astralàisia nuair a nochdadh toraidhean a' phròiseict bhig, 'Air fhògair is air fhalbhan' dhaibh. Thugadh am pròiseact gu buil leis an Dr Alasdair MacIlleBhàin, an Dr Brittnee Leysen, agus leam fhìn fo sgèith Ionad Eòlas na h-Alba is na Ceiltis aig Oilthigh Ghlaschu. A bharrachd air sgeul nam bàrd imrich an Astralàisia, chualas an Dr MacIlleBhàin a' gabhail taghadh de na h-òrain chèn-thìreach. B' e cothrom air leth a bh' ann èisteachd ri òrain nach cualas a-riamh, a rèir choltais, air taobh seo a' chuain. Thathas an dòchas gun nochd cothroman a bharrachd den leithid is gun cluinnear guth nan Gàidheal an cèin uair eile ann an ùine nach bi ro fhada.

Structar an tràchdais

Tha [Caibideil a h-Aon: Foillseachaidhean Gàidhlig an Astralàisia](#) a' toirt suil air eachdraidh fhoillseachaidhean Gàidhlig an Aotearoa is Astràilia. Am feadh is a tha buaidh nan colonaidhean air modhan sgrìobhaidh agus foillseachaidh aig cridhe [Clò-bhualadh na Gàidhlig an Astralàisia](#), tha [Clò-bhualadh na Gàidhlig an Alba](#) a' leigeil leinn cleasan colonach a chur ann an co-theacsa nas fharsaing, Albannach. Thathas a' dol an doimhneachd an seo sna dearbh

¹⁸⁴ Cuimhniceamaid nach robh Gnàthachas Litreachaidh Gàidhlig (GOC) stèidhichte san 19mh linn agus aig toiseach na 20mh linne.

fhoillseachaidhean a chuir Gàidheil Astralàisia gu feum airson – a) dol an sàs ann an litreachas na Gàidhlig; b) an cuid sgrìobhaidhean fhèin fhoillseachadh; agus c) foillseachaidhean Gàidhlig a bhrosnachadh sna colnaidhean.

Tha [Caibideil a Dhà: Pàipearan-naidheachd](#) a' dèiligeadh ris na diofar ghnèithean de dh'fhoillseachaidhean Gàidhlig a chuireadh an clò ann am pàipearan-naidheachd Astralàisia. Mar thoiseach tòiseachaidh, bheir [2.1. Co-theacsa Astràilia](#) agus [2.2. Co-theacsa Aotearoa](#) beachd dhuinn air na pàipearan agus àitichean-tuineachaidh anns an robh foillseachaidhean Gàidhlig lionmhor is bitheanta. Togar an seo cuideachd air feum is fàth nam foillseachaidhean dha na sgrìobhadairean agus dhan luchd-leughaidh. Cuiridh [2.3. Sanasan](#) feum pragtaigeach a bhàrr air feum spioradail agus cultarail nam foillseachaidhean Gàidhlig air shùilean dhuinn, an uair sin. 'S iad lionraidhean malairt is iomairt a bhathas ag ùr-thogail sna coimhearsnachdan colonach a tha fo sgrùdadh an seo. Tha sgrùdadh air [2.4. Colbhan](#) a' dol am barrachd doimhneachd ann an lionraidhean cho-chomann a stèidhich na h-in-imrichean airson an cànan is dualchas a rèiteachadh ris na h-àrainneachdan cèin-threach. Buinidh trì pàirtean don chuibhreann seo, [2.4.1. Colbh Gàidhlig an New Zealand Public Opinion, Sportsman and Saturday Advertiser](#), [2.4.2. Colbh Gàidhlig an Southern Cross](#), agus [2.4.3. Colbh Gàidhlig an News](#). Tha gach fear de na colbhan sin a' toirt eisimpleir dhuinn air an t-seòrsa obair rèiteachaidh a ghabh cuid de dh'in-imrichean Gàidhealach os làimh airson an cànan is dualchas a ghlèidheadh agus (ath-)dhaingneachadh an cèin.

Mu dheireadh, tha [Caibideil a Trì: Irisean](#) a' dèiligeadh ris an dà iris thug a litreachas na Gàidhlig dha Gàidheil Astralàisia, [3.1. An Teachdaire Gaidhealach](#) agus [3.2. The New Zealand Tablet](#). Coltach ri Caibideil a Dhà, tha uimhir agus càileachd an litreachais fo sgrùdadh an seo le sùil air co-theacsa nan colnaidhean, nam foillsichearan, nan sgrìobhadairean, agus an luchd-leughaidh. Leis gun do dh'fhoillsich an *Teachdaire Gaidhealach* an dà chuid sgrìobhaidhean Astràilianach agus sgrìobhaidhean Albannach, tha e comasach dhuinn coimeas a dhèanamh eadar cleasan ioma-chultarail, tar-nàiseanta, agus dùthchasach san litreachas. Cuide ri sin, tha an dà iris a' toirt cothrom dhuinn beachdachadh air na lionraidhean colonach agus tar-nàiseanta a chuir foillseachaidhean cèin-threach gu feum. Le sùil air an *Tablet* – iris do Chaitligich an Aotearoa – gabhaidh sinn suim gu sònraichte san dreuchd a bha aig litreachas na Gàidhlig ann an lionra a cheangail Aotearoa ri Alba agus Èirinn.

Caibideil a h-Aon: Foillseachaidhean Gàidhlig an Astralàisia

Thàinig i [a' Ghàidhlig] oirne an latha roimhe seo anns a' phàipear mar gum bitheadh i a' bristeadh a-mach às ùr air taobh deas an t-saoghail an seo.¹⁸⁵

Cha b' ann gun spàirn a chuireadh litreachas na Gàidhlig an sgrìobhadh agus an clò ann an Astralàisia san 19mh linn agus aig toiseach na 20mh linn. A dh'aindeoin 's gun do thòisicheadh a' clò-bhualadh earrannan Beurla cho tràth ris na 1780an an Astràilia agus bho na 1830an air n-aghaidh an Aotearoa, cha do nochd foillseachaidhean Gàidhlig gu cunbhalach ron dàrna leth den 19mh linn. Thàinig grunnan chothroman am bàrr an uair sin a bhrosnaich sgrìobhadh, clò-bhualadh, agus foillseachadh na Gàidhlig a chum math Gàidheil Astralàisia. 'S e amas na caibideile seo sùil a thoirt air dreuchd fhoillseachaidhean Gàidhlig san ìmpireachd litreachail a dh'èirich às na colnaidhean. Bha cànan nan Gàidheil uair feumail airson ro-innleachdan Colnachd a thoirt gu buil an Astralàisia. Thathas a' cur cuideam an seo air na bun-structaran agus bun-bheachdan a rinn e comasach do Ghàidheil sgrìobhaidhean Gàidhlig a chur an clò sna colnaidhean. Airson beachd a thoirt dhuinn air na bha na Gàidheil an cèin a' miannachadh agus a' sùileachadh bho fhoillseachaidhean Gàidhlig, thathas cuideachd a' toirt sùil air clò-bhualadh na Gàidhlig an Alba. Bheir sgrùdadh air litreachas na Gàidhlig an Alba cothrom dhuinn dol an sàs ann an sgrìobhaidhean a chuireadh an clò nuair a bha cothroman clò-bhualaidh don Ghàidhlig gann an Astralàisia. 'S iad na sgrìobhaidhean sin gu h-àraidh a bheir beachd dhuinn air cleasan tar-nàiseanta ann an litreachas cèin-thìreach na Gàidhlig. Aon uair 's gu bheil tuigse againn air nàdar is cleasan Albannach ann am foillseachaidhean Gàidhlig, bheir an ceart tuigse sin gnèithean, nòsan, agus cuspairean litreachais am follais a tha suaicheanta do litreachas na Gàidhlig an cèin.

1.1. Clò-bhualadh na Gàidhlig an Astralàisia

'S e as adhbhar nach urrainn dhuinn bruidhinn air Clò-chlàr na Gàidhlig (*Gaelic Printing Press*) an Astralàisia nach eil a leithid ann. Bhon uair a thòisicheadh air foillseachadh gu cunbhalach sna colnaidhean, cha do chuireadh ach glè bheag de dh'earrannan Gàidhlig an clò nach robh an cois earrannan Bheurla.¹⁸⁶ Ach a-mhàin an iris Ghàidhlig, *An Teachdaire*

¹⁸⁵ *Southern Cross*, 14 an Dàmhair 1893, td. 5. Nochd an às-earrann seo ann an colbh Gàidhlig an *Southern Cross* (1893-1920), pàipear-naidheachd Invercargill, Aotearoa.

¹⁸⁶ Chan eil idir mòran litreachais Ghàidhlig ann a chaidh a chlàr-bhualadh air leth bho litreachas Beurla. A bharrachd air litir-aithris do Chomann Gàidhlig Dhunedin, bha grunnan bìleag ann le fìr-ghnothaich eilthireachd a chaidh a sgrìobhadh an Aotearoa agus a chur gu Alba.

Gaidhealach, nochdadh a' chuid a bu mhotha de dh'fhoillseachaidhean Gàidhlig don t-sluagh mar fhar-stuth (*by-product*) do Chlò-chlàr colonach na Beurla. Bha an suidheachadh sin cuimseach easbhaidheach agus dh'fhàgadh e fiù 's na b' easbhaidhiche ri linn dìth uidheamachd chlò-bhualaidh agus dìth luchd-obrach sgileil.¹⁸⁷ Ged a bha an Clò-chlàr fo smachd na Beurla, cha robh e an-còmhnaidh fo stiùir luchd na Beurla. Bha gu leòr de Ghàidheil an sàs ann am foillseachadh sna colonaidhean is an Sgitheanach, Samuel MacDhòmhnail Martin (1805/1810-1848), na dheagh eisimpleir air a' sin. Às dèidh dha eilthreachd a dhèanamh gu Astràilia ann an 1837, ràinig Martin Aotearoa ann an 1842 far an do thòisich e ag obair mar dheasaiche don *New Zealand Herald and Auckland Gazette* (1841-1842) agus don *Southern Cross* (1843-1876). Tha sgrìobhaidhean Mhartin fhèin, a bharrachd air rannsachadh Harry Evison agus Ian Grant, a' cur gu dearbhadh cho mòr is a bha buaidh an Sgitheanaich an Aotearoa.¹⁸⁸ Choisinn e cliù air feadh na colonaidh às dèidh cur air bhog a chunntais, *New Zealand; In A Series of Letters*. Tha an cruinneachadh de litrichean, a chuireadh an clò an Lunnainn ann an 1845, a' toirt cunntas mionaideach air cruth, sìde, agus goireasan nàdair Aotearoa, cuide ris a' choimhearsnachd cholonaich an Auckland agus na Māori.¹⁸⁹ Ach a rèir gach coltais, cha do chuir Martin an aona chuid a bhuaidh air neo a lionra gu feum airson foillseachadh sa Ghàidhlig. Tha iomadh eisimpleir eile ann de Ghàidheil a bha ann an suidheachaidhean coltach ri Martin. Chan eil math dhuinn smaoinichadh orra mar imrichean a chuir an cànan is dualchas gu tur am beag-shuim. Coltach ri Gàidheil bhoadhmhor eile sna colonaidhean, bha iad air nòsan is cànan na h-Ìmpireachd ionnsachadh. Ghabh an Ìmpireachd sin a-steach an ìmpireachd litreachail a thug cùl-taic do chuid is an taic sin, am briathran Jane Stafford, '*often accompanied by expectations as to how that client should behave, write or perform.*'¹⁹⁰

Chan eil sin ri ràdh, ge-tà, nach tug an ìmpireachd litreachail cothrom sam bith don Ghàidhlig. 'S e dìreach gun robh crìochan an cois nan cothroman ris an robh luchd-leughaidh, sgrìobhadairean, clò-bhualadairean, agus foillsichearan cuingealaichte. Chithear buaidh nan crìochan sin san uiread agus fiù 's san t-seòrsa de dh'fhoillseachadh Gàidhlig dhan tugadh cothrom an cèin. B' iomadh turas a bhiodh an Dr Iain Fionnlastan MacGillÌosa a' dubh-ghearan

187 Lurline Stuart, 'Colonial Periodicals: Patterns of Failure', *Bibliographical Society of Australia and New Zealand* 13:1 (1990), tdd. 1-10 (2).

188 Harry C. Evison, *The Long Dispute: Maori Land Rights and European Colonisation in Southern New Zealand* (Christchurch, 1997), tdd. 30-34; Ian F. Grant, *Lasting Impressions: The story of New Zealand's newspapers, 1840-1920* (Wellington, 2018), td. 79; S. M. D. Martin, *New Zealand; in a Series of Letters* (Lunnainn, 1845).

189 Martin, *New Zealand; in a Series of Letters*.

190 Jane Stafford, *Colonial Literature and the Native Author, Indigeneity and Empire* (Wellington, 2016), td. 16.

air a' bheagan rùm is spèis a thug an *NZPO* – pàipear-naidheachd Otago, Aotearoa – don cholbh Ghàidhlig a dheasaich e eadar 1881 agus 1886.¹⁹¹ Fhreagair e ceist Ghilleasbuig Mhic an Aba ann an 1881 leis na briathran sgaiteach, '*These printers [...] play havoc with my work. They do not understand the language of Paradise. How could they?*'¹⁹² Chan eil teagamh ann gum b' eòlach Gàidheil na h-Alba air a' cheart strì sin. Ann an earrann a chuireadh don phàipear-naidheachd Albannach, *Highlander*, ann an 1875, chuimhnich an sgrìobhadair air tràth, 'nuair a b' fheudar dhaibh [na Gàidheil] cead iarraidh air na Gaill a bha a' cur tàmailt orra ma chuireadh iad peann ri pàipear, no ma chluinneadh duine gun robh smid aca ri ràdh às an leth fhèin!'¹⁹³

A dh'aindeoin gearan an Dr MhicGillÌosa, tha colbh Gàidhlig an *NZPO* a' toirt sàr eisimpleir dhuinn air an t-seòrsa cothrom a bhiodh an ìmpireachd litreachail a' nochdadh don Ghàidhlig, gu sònraichte san dàrna leth den 19mh linn. Chunnacas mun àm sin irisean is pàipearan-naidheachd a' cur cuideam air gnothaichean a bha buntainneach do na colonaidhean. Bha fiù 's foillseachaidhean ann, mar eisimpleir an *Australian Journal* (1865-1962), a dhiùlt litreachas a chur an clò nach robh a' dèiligeadh ri beatha sna colonaidhean.¹⁹⁴ Bheirear fa-near dha prìomhachasan cosmhail ri sin an Aotearoa far an tàinig gnè litreachais ùr gu bith eadar 1880 agus 1920 air a bheil 'litreachas Tìr nam Maori' ('*Maoriland literature*').¹⁹⁵ 'S e '*Australasianisation*' a' Chlò-chlàir cholonaich a tha aig Roderick Cave agus Ross Harvey air an leasachadh sin.¹⁹⁶ B' e dreuchd na Gàidhlig san '*Australasianisation*' sin a bhith mar phàirt de dh'eachdraidh, litreachas, agus chultar ùr, nàiseanta Astràilia agus Aotearoa. Ach airson nàisean dligheach a dhèanamh de na colonaidhean, b' fheudar don luchd-colonach tuineachaidh (*settler colonists*) – a) a bhith eadar-dhealaichte bho mhuinntir Bhreatainn; agus b) a bhith 'tùsanach' do dh'Astralàisia.¹⁹⁷ B' e an ro-innleachd an Aotearoa a bhith a' toirt ainm ùr don cholonaidh: 'Tìr nam Maori' no 'Breatainn nam Maori'.¹⁹⁸ Bha an t-ainm sin agus

191 *NZPO*, 26 an Gearran 1881, td. 19; *NZPO*, 23 Giblean 1881.

192 *NZPO*, 14 an Cèitean 1881, td. 14.

193 *The Highlander*, 24 an Giblean 1875, td. 3.

194 Elizabeth Webby, 'The Beginnings of Literature in Colonial Australia' ann am P. Pierce (deas.), *The Cambridge History of Australian Literature in Colonial Australia* (Cambridge, 2009), tdd. 34-51 (47-48).

195 Jane Stafford agus Mark Williams, *Maoriland: New Zealand Literature 1872-1914* (Wellington, 2006), td. 11.

196 Roderick Cave, 'Advertising, Circulation and Profitability: Aspects of the Early Colonial Press', *Bibliographical Society of Australia and New Zealand Bulletin* 14:1 (Ciad ràith, 1990), tdd. 1-13 (2); Harvey, 'Newspaper Archives in Australia and New Zealand', td. 71.

197 Chaidh Nesbitt, Stafford, agus Williams ann am barrachd doimhneachd sa ghnòthach ann am Bruce Nesbitt, 'Aspects of Literary Nationalism in Australia and New Zealand, with Special Reference to the *Bulletin*, 1880-1900' (Oilthigh Nàiseanta Astràilia: Tràchdas PhD neo-fhoillsichte, 1968); Stafford agus Williams, *Maoriland*, td. 91.

198 Ged nach robh 'Breatainn a' Mhaori' ceart cho cumanta, chuir an sgrìobhadair, 'Feileadh-beag', gu feum e ann an colbh Gàidhlig a sgrìobh e do phàipear-naidheachd an Tìr a Deas, Aotearoa, ann an 1893. Feuchaibh, *Southern Cross*, 16 an Dùbhlachd 1893, td. 7.

tionndaidhean eile dha ann am beul an t-sluaigh cholonaich is sin a' gabhail a-steach nan in-imirichean Gàidhealach. Tha litir Ghàidhlig a sgrìobh in-imriche ann an 1863 a' toirt fianais air cho tràth ri 1863 is 'dùthaich nan sròintean gorm' aig an sgrìobhadair air Aotearoa.¹⁹⁹ Air a' mhodh cheudna, chuir bàird Comann Gàidhlig Dhunedin, Niall MacPhàidein agus Aonghas Camshron Robasdain, ainm ùr na tìre gu feum nan cuid òran. Ghabh MacPhàidein òran-san, 'Tìr a Mhaori fada thall', air beulaibh buill a' Chomainn ann an 1902 is chuireadh òran Chamshroin Robasdain, 'Eileanan Gorm a Mhaori', an clò san leabhar bhàrdachd, *Salt Sea Tang*, ann an 1927.²⁰⁰ Tha an t-òran, 'Do Chomunn Ghaidhealach Dhunedin', a nochdas sa cheart leabhar, a' toirt iomradh a bharrachd air, 'eilean a Mhaori a meadhon chuan.'²⁰¹ Bha Comann Gàidhlig Dhunedin fhèin aithnichte le cuid fon ainm, 'Comunn Ghaidhealach Tìr-a-Mhaori'.²⁰² Tha Lorenzo Veracini a' mìneachadh, '*Naming, of course, is about and produces entitlement.*'²⁰³ Thug an t-ùr-ainmeachadh cothrom is comas don luchd-cholonach dùthaich ùr a dhèanamh den cholonaidh. Chan e a-mhàin gun gabhadh eachdraidh is litreachas ùr, nàiseanta sgrìobhadh don dùthaich sin, gabhadh cuideachd slugh taghadh a bha dùthchasach dhi: an luchd-tuineachaidh Eòrpach.

Chunnaic an luchd-colonach tuineachaidh feum a bharrachd sna Gàidheil on a bha iad beò air iomall Ceilteach Bhreatainn air a' cheart dòigh is a bha luchd-tuineachaidh an Astralàisia beò air iomall na h-Ìmpireachd.²⁰⁴ Ach b' e na dh'fhàg na Gàidheil buileach tarraingeach mar ro-innleachd cholonach, sin an ìomhaigh a bha litreachas a' Chiaraidh Cheiltich air buileachadh orra.²⁰⁵ Thug an ìomhaigh sin feartan dha na Gàidheil a bha an luchd-colonach cuideachd air toirt dha tùsanaich Astralàisia. Ann am briathran Silke Stroh, '*Surviving "archaisms" and "noble savagery" were found both in the Gaidhealtachd and among indigenous populations of overseas colonies.*'²⁰⁶ Chuireadh cuideam air cho coltach is a bha na Gàidheil – an àille, spioradalachd, agus àrsaidheachd – ris na Māori.²⁰⁷ B' e ro-innleachd sheòlta a bha seo airson còir is riaghladh air an tìr a bhuileachadh air an luchd-colonach a bha 'ceart cho tùsanach' is a

199 *New Zealand Herald*, 28 an t-Samhain 1863, td. 4. Dh'fhaodadh gum b' e iomradh air craicinn nam Maori a bha seo ach tha cothrom ann cuideachd gum b' e dath glas/gorm nan tatù-aodainn (*tà moko*) a bha e a' ciallachadh.

200 *Otago Daily Times*, 8 an Cèitean 1902, td. 6; Angus Cameron Robertson, *Salt Sea tang* (Dunedin, 1927), td. 219. Ged a tha iomradh againn air cuid de na h-òrain a rinn MacPhàidein as ùr sa cholonaidh, chan eil gin dhiubh againn ann an sgrìobhadh gu ruige seo.

201 Cameron Robertson, *Salt Sea Tang*, tdd. 209-211.

202 *The New Zealand Tablet*, 23 an Lùnastal 1895, td. 8.

203 Veracini, *Settler Colonialism*, td. 47.

204 Peter Tregear, 'Fritz Hart and the 'Celtic Twilight' in Australia', *The Literary Review* 45:1 (2001), tdd. 173-179 (175).

205 Jane Stafford, 'Going Native: How the New Zealand Settler Became Indigenous', *Journal of New Zealand Literature (JNZL)* 23 (2005), tdd. 162-173 (166); Stafford agus Williams, *Maoriland*, td. 67.

206 Silke Stroh, *Gaelic Scotland in the Colonial Imagination: Anglophone Writing from 1600 to 1900* (Evanston, 2017), td. 128.

207 Stafford, 'Going Native', td. 166.

bha na tùsanaich fhèin.²⁰⁸ Tha Juergen Osterhammel, Iain MacFhionghuin, agus Lorenzo Veracini air dol an doimhneachd sa ghnothach sin is iad a' mìneachadh gu bheil tar-aiseag (*transfer*) den leithid mar phrìomh amas do cholonachd luchd-tuineachaidh (*settler colonialism*).²⁰⁹ Chithear eisimpleir dheth ann an tùsanachadh an luchd-tuineachaidh (*transfer by settler indigenisation*).

A chum Astràilia is Aotearoa a cholonachadh na b' fhaide, ma-tà, chuir an luchd-colonach litreachas agus lìonraidhean litreachail gu feum a cheannsaich an ceann sreath tìr, teanga, is tuath nan colonaichean. Coltach ri sgrìobhaidhean ann an cànan eile, chuireadh litreachas na Gàidhlig cuideachd gu feum airson ro-innleachdan colonach a thoirt gu buil. Chuidich ùr- agus ath-chlò-bhualaidhean Gàidhlig le bhith a' stèidheachadh is a' daingneachadh siostam a thug cothroman don dàrna cuid fhad 's a dhiùlt e don chuid eile iad. Ann an òran molaidh air a' pheann, sgrìobh Seumas Mac'IlleMhaoil an Astràilia an Iar ann an 1900, "'S e an t-arm nach àicheadh gnothach."²¹⁰ Thàinig na Gàidheil agus a' Ghàidhlig gu bhith nan arm do dh'Ìmpireachd Bhreatainn agus do cholonachadh Astralàisia air a' mhodh sin. Bu dòcha gum bite an dùil gun do dhiùlt Gàidheil am plòiteachadh (*exploitation*) a rinn na riaghaltasan colonach orra. Cuimhniceamaid, ge-tà, gun robh iad cuideachd nan luchd-colonach tuineachaidh agus, a rèir gach coltais, a' gabhail brath air an urram, an spèis, agus a' chothrom a thug Ìmpireachd Bhreatainn agus an ìmpireachd litreachail dhaibh. Chunnacas, a-rèiste, Iain Rothach a' togail air cosmhaileachdan eadar Gàidheil is Māori sna litrichean a chuir e don iris Chanèideanaich, *Mac-Talla*, à Whangarei, Aotearoa aig fìor thoiseach na 20mh linn. Bithear mothachail, ge-tà, gu bheil an coimeas a rinn Rothach a' toirt tarraing air na Ceiltich o shean agus Māori an tràtha cho-aimsireil. Air dha luaidh a dhèanamh air fialaidheachd nam Māori, sgrìobh e, 'Bha sin 'na chleachdadh aig na seana Ghàidheil, mar tha air innseadh ann am bàrdachd Bhaltair Scot – "*The Lady of the Lake*."²¹¹ Thug Rothach fa-near dha cosmhaileachdan a bharrachd, mar eisimpleir san fhaire a chùim na Māori do am mairbh-san, 'Tha rithist an "*Tangi*," 's e sin faire nam marbh aca, mar a bha aig ar sinnsirean fèin, agus ni's bichionta aig na h-Eirionnaich.'²¹² Cha b' e cleas nan seann làithean a bh' ann am faire nam marbh a dh'aindeoin na bha Rothach a' cumail a-mach san litir. Tha rannsachadh Maireid

208 Ibid., Stafford agus Williams, *Maoriland*, tdd. 112, 165.

209 Juergen Osterhammel, *Colonialism: A Theoretical Overview* (Princeton, 2005), tdd. 10-12; Iain MacKinnon, 'Colonialism and the Highland Clearances', *Northern Scotland* 8 (2017), tdd. 22-48 (25); Lorenzo Veracini, *Settler Colonialism: A Theoretical Overview* (Lunnainn, 2010), td. 8.

210 *Oban Times*, 3 am Màrt 1900, td. 7.

211 *Mac-Talla* 10:24 (14 an Gearran 1902), td. 178.

212 *Mac-Talla* 4:27 (11 am Faoilleach 1896), td. 1.

Bennett a' toirt fianais air leantainneachd a' chleachdaidh am measg Ghàidheil araon an Canada agus an Alba tron 19mh agus 20mh linn.²¹³ Ach cha ghabhar iongnadh gun do dhiùlt Rothach coimeas a dhèanamh eadar Gàidheil is Māori san tràth cho-aimsireil. B' e cleas litreachais cholonaich a bha sin a shuidhich tùsanaich ann an aimsir mhiotas-eòlasach agus àrsaidh a dh'aona-ghnothach.²¹⁴ Tha Jane Stafford a' mìneachadh gun do rinneadh sin air adhbharan sònraichte is, '*exaltation of the primitive denies Māori a stake in modernity.*'²¹⁵ O nach do bhuin na Māori gu ceart don tràth làthaireach, mas fhìor, cha robh comas no còir aca air fearann is fèin-riaghladh. A-rèiste, a chum seachnadh na bha an dàn do thùsanaich Astralàisia, dh'fheumadh na Gàidheil an cànan is dualchas a shuidheachadh gu daingeann san tràth làthaireach.

Cha b' ann an Aotearoa a-mhàin a chuireadh a' Ghàidhlig gu feum air adhbharan colonachaidh. Ghabhadh brath oirre uair eile an Astràilia an Iar ann an 1927 agus 1934 airson triùir sheòladairean dubha à Afraga-a-Deas agus an sgrìobhadair seiceach-slobhaigeach, Egon Erwin Kisch, a chumail o bhith a' dol air tìr. B' ann a dh'iarradh air na 'h-in-imrichean gun iarraidh' uile deuchainn Ghàidhlig a dhèanamh is làn fhios aig oifigearan cusbainn Astràilia an Iar nach dèanadh gin dhiubh a' chùis. Sgrìobh fear den luchd-deuchainn, Uisdean Boyd Laing (1889-1974), air a' ghnothach na leabhar, *Gu Tir mo Luaidh*, a dh'fhoillsicheadh an Alba ann an 1964. Rugadh is thogadh Laing ann an Staoinebrig, Uibhist a Deas, ann an 1889 do Dhòmhnall-Iain Anndra 'ic Dhòmhnail 'ic Anndra (1857-1906) agus Anna nighean Dhòmhnail Alastair (1854-1894). Rinn e eilthireachd gu Astràilia an Iar ann an 1913 far an do thòisich e a' teagasg aig Scotch College Perth fo sgèith Roinn Fhoghlaim na Stàite ann an 1915.²¹⁶ Bha Laing na mhaighstir-sgoile ann an àrd-sgoil am Bunbury nuair a sgrìobh e an dearbh dheuchainn Ghàidhlig a chuireadh mu choinneamh nan seòladairean Afraganach. Ann a bhith a' togail air dreuchd na Gàidhlig sa ghnothach, dh'aidich e, 'Is ann mar sin [...] a rinn a' Ghàidhlig e comasach do Bhòrd a' Chuspainn an Astràilia an dùthaich a chumail geal.'²¹⁷

Dh'èirich tachartas cosmhail ri sin a-rithist ann an 1934 is òran leis an Urr. Ailean MacDhòmhnail MacPhilip (1869-1957) a' dèanamh cunntas air. Chuireadh an t-òran, 'Mòd

213 Margaret Bennett, *Oatmeal and the Catechism; Scottish Gaelic Settlers in Quebec* (Dùn Èideann, 1998), tdd. 255-256; Margaret Bennett, *Scottish Customs; From the Cradle to the Grave* (Dùn Èideann, 2004), tdd. 267-275.

214 Elleke Boehmer, *Colonial & Postcolonial Literature* (Oxford, 1995).

215 Stafford agus Williams, *Maoriland*, td. 20.

216 M. Medcalf, 'Laing Hugh Boyd (1889-1974)', *Australian Dictionary of Biography* 15 (2000), <http://adb.anu.edu.au/biography/laing-hugh-boyd-10772> [ruigte 09.04.2024]; Ronald Black (deas.), *An Tuil: Anthology of 20th Century Scottish Gaelic Verse* (Dùn Èideann, 1999), tdd. 746-747.

217 Uisdean Laing, *Gu Tir Mo Luaidh; Dàn Eilthireach, Sgeulachdan agus Eachdraidh* (Steòrnabhagh, 1964), td. 64.

Luch na Lusan', an clò an Astràilia airson na ciad uarach bho chionn beagan bhliadhnaichean ged a rinneadh sna 1930an e. Bha MacPhilip na chòmhnaidh am Brisbane, Queensland nuair a chuireadh Egon Erwin Kisch gu deuchainn sa Ghàidhlig,

Air lath' àraid, mar a thàrladh,
Thàinig long a nall thar chuan
Bha h-air bòrd an du-ghall, Eoghin,
Aon nach d'fhuair an fhàilte bhuin [sic].

“Eoghin mhic Kisch”, ars Mac-Meamnadh,
“Nach thu fèin a chulaidh-thruais;
Daonnag ag iomain na'n asail-
Gann do h-eanchainn, pailt do chluais.

(...)

Chan èiginn dhomh bhi ga d' fhuadach
Chaidh ann seo cha seas do bhonn,
Oir mar sgrìobh thu cainnt na'n Gaidheal
Cha ruig thu gu bràth ar fonn.²¹⁸

Feumar a ràdh nach do chuireadh an aona chuid cunntas Laing no òran MhicPhilip an clò ann am pàipearan-naidheachd no irisean Astràilia san 20mh linn. Nochd gu leòr de dh'earrannan Beurla, ge-tà, a chuir dreuchd na Gàidhlig an Astràilia gu deasbad. Fhad 's a bhiodh cuid a sgrìobhadairean a' dìon inbhe a' chànain, bha pailteas ann a dhiùlt am beachd gum b' e cànan dligheach agus Eòrpach a bh' anns a' Ghàidhlig.²¹⁹ Bha neach-comhairle Kisch, A. B. Piddington, nam measg mar a chuireas aithris air èisteachd Kisch ann am prìomh-chùirt a' phoilis air shùilean dhuinn, ‘*Mr. Piddington raised the question of whether Gaelic was a living European language within the meanings of the Australian Immigration Act.*’²²⁰

Tha sùil air clò-bhualadh na Gàidhlig an Astralàisia a' sealltainn nach bu chòir dhuinn dol às àicheadh dreuchd is buaidh na Gàidhlig ann an tìrean a bha fo riaghladh colonach. Ge b' e cho pailt no cho gann 's a tha foillseachaidhean Gàidhlig an Astralàisia, chuidich gach criomag le bhith a' cur siostam am meud is an neart a chuir cuibhreann den t-sluagh à còirichean.

218 Cardell et al., *Sgeulachdan Goirid agus Bàrdachd à Astràilia*, tdd. 328-329.

219 Feuchaibh mar eisimpleir, *The Daily Telegraph*, 24 an t-Samhain 1934, td. 9; *The Daily Standard*, 27 an t-Samhain 1934, td. 8.

220 *The Sun*, 23 an t-Samhain 1934, td. 11.

Theagamh gum bite an dùil ris ach bu daor a cheannaich na Gàidheil na cothroman a thug an ìmpireachd litreachail don Ghàidhlig. Bha na cothroman sin cugallach, cuingichte, agus an eisimeil siostaim a bha, nuair a thig e gu h-aon 's gu dhà, ceart cho suarach mun Ghàidhlig is a bha e mu chànain agus chultaran prìomh-mhuinntir Astralàisia. Ged a chùim cuid orra a' sgrìobhadh is a' foillseachadh sa Ghàidhlig, bha gu leòr ann a sheachain e. B' fheàrr leotha sgrìobhadh sa Bheurla air neo an cuid sgrìobhaidhean Gàidhlig a chur gu Alba airson foillseachadh. Tha an t-ath chuibhreann den chaibideil a' toirt sùil air na dearbh fhoillseachaidhean sin. 'S iad a chuireas gu dearbhadh cho cudromach agus leantainneach is a bha buaidh na h-Alba araon air luchd-leughaidh agus sgrìobhadairean an cèin. Airson a' cheart bhuidh sin a sgrùdadh, thathas a' toirt sùil air lìonraidhean litreachail, a bharrachd air cleasan litreachais a bha – a) gan tar-chur dha na colonaidhean; b) gan ath-leasachadh; agus c) gan ùr-stèidheachadh sna colonaidhean airson 's gum freagradh iad ri feumalachdan is eòlas nan imrichean.

1.2. Clò-bhualadh na Gàidhlig an Alba

Leis cho gann is a bha stuth leughaidh sna colonaidhean, thugadh comhairle do dh'eilthirich a bha an ìmpis Alba fhàgail fo-sgrìobhadh do phàipearan-naidheachd agus irisean Breatannach mus do thog iad orra thar a' chuain.²²¹ Tha fhios gun robh Gàidheil Astralàisia nam measg is uimhir nach beag dhiubh a' dèanamh bàrdachd mholaidh air foillseachaidhean Albannach. Rinn bàrd à Gearrloch, Iain MacGillinnein, dà òran molaidh den leithid ann an Queensland, Astràilia, san 19mh agus 20mh linn, fear do *Theachdaire an t-Sluaigh (People's Journal, 1858-1986)* agus fear eile do dh'iris a' Chomuinn Ghàidhealaich, *An Deo-Gréine (1905-1922)*.²²² Mar an ceudna, chuir am Murchanach, Seumas Mac'Ille-Mhaoil, òran molaidh air *Tìm an Obain*, 'Beannachadh', chun a' cheart phàipeir ann an 1897.²²³ Neo-ar-thaing, tha bàrdachd cosmhail ri sin againn à Aotearoa, mar eisimpleir an dàn, 'Eachdraidh na Gàidhealtachd, 's a bhliadhna, 1876'. Rinneadh na rannan le bàrd gun ainm a bha air Aotearoa ùr-ruigsinn, is e a' moladh, 'Tha BLACKIE 's an T-ARD-ALBANNACH / Gan [na Gàidheil] garbh-dhusgadh 's gach cearn, / 'S gur sgairteil toirm an trumpaidean, / G' an stiùireadh chun an adh.'²²⁴ Chan eil bàrdachd den leithid a' toirt ach blasad dhuinn air an spèis agus dilseachd a nochd Gàidheil an

221 Bones, *The Expatriate Myth*, td. 34.

222 Iain Dubh Mac Dhomhnull 'ic Iain, *Duanagan agus Sgeulachdan Beaga* (Glaschu, 1937), tdd. 22-23, 31.

223 *Oban Times*, 17 an t-Iuchar 1897, td. 6.

224 *The Highlander*, 6 am Faoilleach 1877, td. 3.

cèin do dh'fhoillseachaidhean Gàidhlig an Alba. Chan e a-mhàin gun do leig iad leotha lìonra a thogail do an càirdean is caraidean aig an taigh, chuir foillseachaidhean cuideachd an comas dha na h-imrichean drochaid bhun-bheachdail – ‘*conceptual bridge*’ mar a tha aig Newton air – a thogail do ghnothaichean do-bheantainneach a leithid dualchas agus dùthchas.²²⁵

'S e litreachas spioradail a thug bun-stèidh do chlà-bhualadh na Gàidhlig san 16mh linn is eadar-theangachadh Iain Carsualach de dh'*Fhoirm na n-Urrnuidheadh* (1567) a bharrachd air *An Tiomnadh Nuadh* (1767) agus an *Seann-tiomnadh* (1801) am measg nan trì foillseachaidhean spioradail a bu bhuadhmhoire.²²⁶ Tha Meek, Kidd, agus Watson air toirt fa-near dhuinn gun tug clò-bhualaidhean spioradail iùil cànanach, litreachail, agus cultarail do sgrìobhadairean, luchd-leughaidh, agus foillsichearan thairis air na linntean.²²⁷ Cha ghabhar iongnadh, ma-tà, gun robh sgrìobhaidhean spioradail leithid de na Tiomnaidhean am measg an litreachais Ghàidhlig a bu tràithe a reiceadh an Astràilia agus Aotearoa. Bha Comann a' Bhìobaill – a dh'èirich à Comann Breatannach agus cèin-thìreach a' Bhìobaill (*The British and Foreign Bible Society*) – gu mòr an sàs ann an clò-bhualadh agus craobh-sgaoileadh litreachas spioradail na Gàidhlig air feadh nan colonaidhean.²²⁸ Nuair a bha buidheann de dh'eilthirich Ghàidhealach an ìmpis togail orra a dh'Aotearoa ann an 1840, thug an Comann leth-bhreacan den Bhìoball Ghàidhlig dha na h-imrichean.²²⁹ A bharrachd air sin, chuireadh an leabhar, *Tiomnadh Nuadh ar Tighearna Agus ar Slanuighir Iosa Criosd* (1825), an clò às leth a' Chomainn. Tha fhios againn gun robh leth-bhreac an sealbh air Donnchadh Mac a' Phearsain a chuir cùl ri thìr àraich, Rath Uaidhe, sa Mhorbhairne ann an 1880 airson imrich a dh'Otago, Aotearoa.²³⁰ Togar air Mac a' Phearsain a-rithist an ceartair le sùil air a' ghrunnan òran

225 Newton, *Seanchaidh na Coille*, td. 187.

226 Kidd, *Còmhradhean nan Cnoc*, td. 4.

227 Moray Watson, *An Introduction to Gaelic Fiction* (Dùn Eideann 2011), td. 14; Donald E. Meek, 'The pulpit and the pen: clergy, orality and print in the Scottish Gaelic world', ann an Adam Fox agus Daniel Woolf (deas.), *Spoken Word: Oral Culture in Britain, 1500-1850* (Manchester agus New York, 2002), tdd. 84-118 (96ff.); Kidd, *Còmhradhean nan Cnoc*, td. 4; Sheila Kidd, 'Tormod MacLeòid: àrd-chonsal nan Gàidheal', ann an Sheila M. Kidd (deas.), *Glasgow: baile mòr nan Gàidheal; city of the Gaels* (Glaschu, 2007), td. 107-129 (113); Meek, 'The pulpit and the pen', td. 93.

228 Chraobh-sgaoil an Comann cuideachd faclairan, mar eisimpleir faclair an Urr. Thormoid MhicLeòid agus an Urr. Daniel Dewar. Feuchaibh, John Harris, 'A New Story for an Old Land: 200 Years of the Bible Society in Australia', *ABC* (6 am Màrt 2017), <https://www.abc.net.au/religion/a-new-story-for-an-old-land-200-years-of-the-bible-society-in-au/10095998> [ruigte 03.10.2022]; *The Sydney Standard and Colonial Advocate*, 4 an Gearran 1839, td. 1. Stèidhicheadh Comann Breatannach agus cèin-thìreach a' Bhìoball an Lunnainn ann an 1804. Bhiodh Comann a' Bhìobaill ann an NSW air frithealadh do chuibhreann mòr de luchd-tuineachaidh Astràilia sna 1830an. Feumar cuimhneachadh cho mòr 's a bha colonaidh NSW mun àm sin. Ach a-mhàin Astràilia an Iar agus Astràilia a Deas, a thàinig gu bhith na colonaidh agus na mòr-roinn ann an 1829 agus 1834, bha colonaidh Victoria, colonaidh Queensland, agus an Northern Territory air an gabhail a-steach ann an colonaidh NSW. Bha Van Dieman's Land mar-thà na cholonaidh fa leth.

229 *Cuairtear nan Gleann* 1:8 (An Dámhair, 1840), td. 183. Gheibhear lorg air mòran de na lethbhreacan sin a-nis ann an tasglannan nàiseanta is ionadail Aotearoa. Feuchaibh, 'Gaelic Society Library Collection', <https://www.dunedinlibraries.govt.nz/heritage/special-collections/gaelic-society-library-collection> [ruigte 03.10.2022]. Tha uiread de leabhraichean spioradail cuideachd ann an Taigh-tasgaidh Dhunedin, 'Toitu Otago Settlers Museum'. Mo thaing aig Shean Brosnahan a thug liosta slàn de na leabhraichean Gàidhlig thugam ann an 2018.

230 'Book; New Testament and Psalms [in Gaelic]', Clàr: E-035, Sacred Writing Collection, Toitu Otago Settlers Museum, Dunedin, Aotearoa.

Gàidhlig a chuir e don *Oban Times* sna 1880an. Tha *Tiomnadh* Mhic a' Phearsain, a bharrachd air taghadh nas fharsaingde de leabhraichean spioradail sa Ghàidhlig, ann an tasglann an taighe-tasgaidh, 'Toitu Otago Settlers Museum' an Dunedin a-nis. Bheir cruinneachadh an taighe-thasgaidh fa-near dhuinn gun robh na h-imrichean Gàidhealach na bu bhuailtiche air am Bìoball Gàidhlig a thoirt leotha thar a' chuain. Cuiridh clàr an tasglainn cuideachd air shùilean dhuinn gun robh gu leòr de bhana-Ghàidheil an Aotearoa a bha an sealbh air Bìoball Gàidhlig. Dh'fhaodadh, ma-tà, gun robh cuid de mhnathan ri leughadh sa Ghàidhlig ged a tha fianais air earrannan Gàidhlig a sgrìobh iad gu ìre mhòr a dhìth fhathast.²³¹ Cuide ris a' Bhìoball, tha grunnan leth-bhreacan de *Shailm Dhaibhidh* (1774), *Fhoirm na n-Urrnuidheadh* (1560), *Eachdraidh na h-Eaglaise* (1845), agus cuideachd tionndadh Gàidhlig den leabhar, *Human Nature in its Fourfold State* (1730), le Thomas Boston ann an cruinneachadh an Toitu.²³² 'S e leabhar bàrdachd Eanraig Mhic Gille-bhàin, *The Celtic Lyre* (1894), an aon eisimpleir de litreachas saoghalta na Gàidhlig. Chan eil sin ri ràdh, ge-tà, nach do leugh Gàidheil Aotearoa litreachas saoghalta. Gheibhear beachd nas fheàrr air leabhraichean saoghalta a bha ri làimh sa cholonaidh ma bheirear sùil air a' chruinneachadh de leabhraichean Gàidhlig a tha ann an Leabharlann Poblach Dhunedin. Bhuin na leabhraichean sin an toiseach do leabharlann a chuir Comann Gàidhlig Dhunedin air chois ann an 1884.²³³ Am measg nan leabhraichean a lorgar ann, tha *Eachdraidh na h-Alba* (1867) le Aonghas MacCoinnich, *Gaisge nan Gaidheal; Orain agus Dain* (1870) le Iain Mac Dhùghaill, *Duain agus òrain* (1882) le Uilleam Mac Dhunleibhe, *An t-Eileanach: Original Gaelic songs, poems and reading* (1890) le Iain Mac Phàidein, *Aig Tigh na Beinne* (1911) le Katherine Nic Gille-Bhàin, *Uirsgeulan Gàidhealach* (1912) le Calum MacPhàrlain, *Dealbh-chluichean Gàidhlig* (1924) le Eachann Mac Dhùghaill, agus grunn leabhraichean saoghalta eile.

Thug eilthirich a dh'fhalbh gu colonaidhean Astràilia litreachas Gàidhlig leotha cuideachd is litir a chuir Coinneach Grannd ann am Moreton Bay, NSW chun an *Teachdaire Gaidhealach* an Tasmania ann an 1857 a' dearbhadh na cùise. Ann a bhith a' guidhe piseach is buaidh air an *Teachdaire*, sgrìobh Grannd,

²³¹ Togar air litreachas na Gàidhlig agus bana-Ghàidheil an Aotearoa air tdd. 158-160. Bithear cuideachd mothachail gu bheil deagh chothrom ann nach iad na mnathan fhèin a leugh am Bìoball ach gun robh cuideigin eile a' leughadh às a' Bhìoball dhaibh.

²³² Seo bliadhnaichean nan ciad fhoillseachaidhean.

²³³ Entwistle, *History of the Gaelic Society of New Zealand*, td. 19; NZPO, 12 an t-Iuchar 1884, td. 24.

Rinn mo chridhe gairdeachas ris an sgeul seo 'nuair a dh'innseadh dhomh e 'n toiseach, le fear-duthcha measail a tha mu astar fichead mìle uam. [...] Tha ceithir leabhraichean Gailig agam, - Biobull, Salmadair, Laoidhean Phara Ghrann, a's Turas-a-chriosduidh agus chan'eil latha 'dol tharum gun earrann a leughadh as na leabhraichean priseil seo, agus is minig tha mi 'gan toirt ann an coingheall do chiobair a mhuinntir Uidhist a tha dlu orm.²³⁴

Tha suil air cruinneachaidhean Gàidhlig ann an Leabharlann NSW agus Victoria a' dearbhadh gu bheil lethbhreacan den Bhìoball agus de na Tiomnaidhean Gàidhlig an Astràilia a chuireadh an clò an Alba cho tràth ris na 1820an. Gun teagamh, bhiodh clàr iomlan de leabhraichean spioradail agus saoghalta ann an tasglannan Astràilia agus Aotearoa gu mòran feum. Bheireadh leithid de chlàr beachd na b' fheàrr dhuinn air litreachas a thug buaidh air sgrìobhaidhean Gàidhlig an cèin. A bharrachd air sin, chuireadh e an comas dhuinn coimeas a dhèanamh eadar leabhraichean spioradail is saoghalta an Astralàisia agus leabhraichean den leithid ann an ceàrnan eile den sgapadh-shluagh Ghàidhealach. Mar eisimpleir, bheir clàr leabhraichean à Sgìre Mégantic an Quebec, Canada, beachd dhuinn air litreachas spioradail a thug eilthirich leotha a Chanada. Tha e sgrìobhte ann an *Annals of Megantic* gun robh am Bìoball, salmadairean, *Dàin Spioradail* Phàdraig Ghrann, agus *Cuairt an oilthirich, no, Turus a Chriosduidh* le Iain Bunyan am measg nan leabhraichean Gàidhlig a bha eilthirich buailteach air toirt leotha.²³⁵

Chunnacas na seòrsa fhoillseachaidhean saoghalta a thug na h-imrichean leotha thar a' chuan a' togail ceann an Alba bhon 18mh linn air n-aghaidh. Tha an eisimpleir a bu tràithe – leabhar briathrachais Alasdair Mhic Mhaighstir Alasdair, *Leabhar a Theagasc Ainmínnin* (1741) – a' toirt fianais air a' chuideam a chuir sgrìobhaidhean saoghalta air oilean is oideas.²³⁶ Tha fhios gun do dh'fhàg eilthirich agus cuairtearan Gàidhealach làrach air litreachas den leithid fiù 's sna làithean tràtha sin. 'S e sàr eisimpleir den a' sin leabhar Gàidhlig leis an ùghdar, Dòmhnall MacAoidh, dom b' ainm cuideachd Dòmhnall Bàn. B' e iar-ogha MhicAoidh, an Dr Seumas Eachann MacAoidh (1864-1922) a bhuin do dh'Alba Nuadh, a rinn luaidh air an leabhar an

234 *An Teachdaire Gaidhealach* 1, 1 an Gearran 1857, td. 8; B' ann ann an ceann a tuath NSW a bha Moreton Bay fhathast ann an 1857 ged a bhuin an t-àite-tuineachaidh don cholonaidh ùir, Queensland, bho 1859 air n-aghaidh. Chuireadh iarrtas an cèill airson Queensland a dhealachadh bho NSW cho tràth ri 1851 ach b' ann nach do chuir Bànrigh Victoria for air an iarrtas gu ruige 1859. Airson barrachd fios air stèidheachadh colonaidd Queensland, feuchaibh, 'Creation of a state; Settlement', Queensland Government, <https://www.qld.gov.au/about/about-queensland/history/creation-of-state> [ruigte 19.02.2023].

235 Ragnall I. MacIlleDhuibh, 'An emigrant's letter in Arran Gaelic, 1834', *Scottish Gaelic Studies* 31 (1992-1993), tdd. 63-87 (71).

236 Kidd, 'The Scottish Gaelic Press', td. 339; Lorna Pike agus Roibeard Ó Maolalaigh, 'Faclair na Gàidhlig and Corpas na Gàidhlig: New Approaches Make Sense' ann an Janet Cruickshank agus Robert McColl Millar (deas.), *After the Storm: Papers from the Forum for Research on the Languages of Scotland and Ulster triennial meeting* (Obar Dheathain, 2013), tdd. 299-337 (300-301).

toiseach ann an cunntas a chuir e gu pàipear-naidheachd Nebraska ann an 1902.²³⁷ A rèir an Dr MhicAoidh, chuireadh an leabhar, *Leabhair 'na Mhuintireach*, an clò an Dùn Èideann ann an 1743 is e làn de sgeulachdan air, '*Anglo-Indian tales, songs and legends, stories of Kaffirs and Hottentots, tales of strenuous wars on the continent and picturesque details of conflicts with American Indians*.'²³⁸ O nach eil sgeul air an leabhar gu ruige seo, tha cothrom ann gum b' e làmh-sgrìobhainn a bh' ann is e air dol à fianais.²³⁹ Dh'fhaodadh cuideachd gun do bhuin an leabhar don 19mh linn. Bha an Dr MacAoidh fhèin den bheachd gun do chuireadh an leabhar an clò nuair nach robh ach Bìoball ri fhaighinn sa Ghàidhlig. Dh'fhàgadh sin ceann-latha an fhoillseachaidh na b' anmoiche na 1801. Ged nach do chuir an Dr MacAoidh ach earrann bheag den leabhar ris a' chunntas aige, tha am blasad beag sin luachmhor is e a' toirt beachd dhuinn air an t-seòrsa leudachaidh a thàinig air briathrachas na Gàidhlig ri linn siubhal na cruinne. Am measg a' bhriathrachais a b' inntinniche, tha 'madradh-donn' (*beaver*) agus 'beathaichibh mor' (*buffalo*).²⁴⁰ Na dhòigh fhèin, bhiodh leithid de leabhar a' cur eòlas nan Gàidheal am meud agus, coltach ri leabhar Mhic Mhaighstir Alasdair, a' cuimseachadh air oideas is oilean. Mas e is gun robh an leabhar dha-rìribh an clò, chuireadh e cuideachd gu dearbhadh cho buadh-mhor agus cudromach is a bha litreachas imrich do leasachadh corpas na Gàidhlig. Tha Newton a' mìneachadh gun robh, co-dhiù, làmh aig imrichean agus cuairtearan ann a bhith a' craobh-sgaoileadh na Gàidhlig.²⁴¹ Theagamh gun robh iad cuideachd ga dealbhadh, gu ìre.

Leanadh leabhar sgoile Mhic Mhaighstir Alasdair le barrachd fhoillseachaidhean saoghalta a chuireadh an clò às dèidh 1811. B' e freagairt a bh' annta don fhèill a bha air èirigh air litreachas do na sgoiltean Gàidhlig a stèidhicheadh fo stiùir Comann nan Sgoiltean Gàidhealach an Dùn Èideann.²⁴² Tha sgoileireachd Meek air bàrdachd Ghàidhlig na 19mh linn a' cur air shùilean

²³⁷ *The Norfolk Weekly News-journal*, 5 an Dùbhlachd 1902, td. 10. B' seanair MhicAoidh a bha an sealbh air an leabhar an toiseach is e air a bhith a' siubhal an t-saoghail ann an seirbhis Rìgh Sheòrais III (1760-1820).

²³⁸ *The Norfolk Weekly News-journal*, 5 an Dùbhlachd 1902, td. 10.

²³⁹ Mo thaing aig an Dr Anette Hagan, neach-tasgaidh leabhraichean sònraichte ann an Leabharlann Nàiseanta na h-Alba. Thug Hagan taic dhomh le bhith a' sgrùdadh ceann-latha an leabhair agus b' i a chuir mun aire dhomh cuideachd gur dòcha gum b' e làmh-sgrìobhainn a bh' ann a chuireadh an clò gu prìobhaideach.

²⁴⁰ Tha cleachdadh an Tuiseil Thabhartaich iolra, a thig gu crìch air '-aibh', a' toirt beachd dhuinn air aois a' chànain a chuir an sgrìobhadair gu feum. A rèir Raghnaill MhicIlleDhuibh, chaidh an t-iolra sin a-mach à bith eadar 1700 agus 1800. Feumar a bhith air fhaicill, ge-tà, is fios gun do chuir deasaiche an *Teachdaire Gàidhealach* ann an Hobart an ceart iolra sin gu feum cho anmoch ri 1857. Feuchaibh, MacIlleDhuibh, *An Lasair*, td. xxi. Airson barrachd eisimpleirean de bhriathrachas ùr a chuir imrichean Gàidhealach ri corpas na Gàidhlig, feuchaibh, Sheila M. Kidd, 'Fo ghrèin loisgich nan Innsean': Na h-Innseachan an Ear tro shùilean Gàidhealach', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* 66 (2014), tdd. 141-173.

²⁴¹ Newton, *Seanchaidh na Coille*, td. 26.

²⁴² Kidd, *Còmhradh nan Cnoc*, td. 5; Kidd, 'Tormod MacLeòid: àrd-chonsal nan Gàidheal', td. 123; Meek, 'The pulpit and the pen: clergy, orality and print in the Scottish Gaelic world', tdd. 93-94. Chleachd maighstirean-sgoile nan sgoiltean sin am Bìoball Gàidhlig airson sgilean litearachd ionnsachadh do sgoileirean. Bho 1709 air n-aghaidh, bha a' Chuideachd airson Craobh-sgaoileadh an t-Soisgeil (CACS agus SSPCK sa Bheurla) air tòiseachadh air sgoiltean a stèidheachadh air feadh na Gàidhealtachd. Thug na sgoiltean sin oideas tro mheadhan na Beurla do sgoilearan an toiseach ann an oidhirp bacadh a chur air a' Ghàidhlig – no, '*Gaelic nuisance*,' mar a bheachdaicheadh air a' chùis (Victor Edward Durkacz, *The Decline of the Celtic Languages: A Study of Linguistic and Cultural Conflict in Scotland, Wales and Ireland from the Reformation*

dhuinn gun deach an uimhir de chlà-bhualaidhean Gàidhlig na b' fhaide am meud ro dheireadh na 19mh linn mar fhreagairt don fhèill air litreachas Gàidhlig a bha air èirigh am measg eilthireach Gàidhealach ann am bailtean air a' Ghalltachd.²⁴³ Dh'fhàs an dà mhòr-bhaile – Glaschu is Dùn Èideann – gu bhith nan cathraichean do chlà-bhualadh na Gàidhlig san 18mh agus 19mh linn is lìonraidhean de sgrìobhadairean, luchd-leughaidh, agus luchd-sgaoilidh suidhichte annta.²⁴⁴

B' ann an Glaschu a dh'fheuchadh cuideachd air meadhan foillseachaidh a bha ùr do litreachas na Gàidhlig: irisean. A dh'aindeoin 's nach robh an corpas de dh'irisean Gàidhlig ach beag, tha rannsachadh Kidd air irisean Gàidhlig san 19mh linn a' nochdadh dhuinn gu bheil an corpas fhathast suaicheanta do chlà-bhualadh Gàidhlig na linne. Uile gu lèir, chuireadh dusan irisean Gàidhlig is ceithir irisean dà-chànanach (Gàidhlig-Beurla) an clò eadar 1800 agus 1900.²⁴⁵ Ged a nochd na h-irisean aig diofar amannan, ann an diofar dhùthchannan, agus fo stiùir diofar chom-pàirtichean, b' e prìomh amas gach tè dhiubh cothrom a thoirt dha na Gàidheil am fèin-aithne chultarail is chànanach a chur an cèill.²⁴⁶

Tha ro-ràdh na ciad àireimh den *Teachdaire Gaidhealach* (1857) à Tasmania a' sealltainn gun robh Gàidheil an cèin a' coimhead ri irisean Albannach airson ceangal so-bheantainneach a thogail dha tìr an àraich agus dha an dualchas,

Tha an obair seo a' toirt fianais nach 'eilear 'ga [a' Ghàidhlig] cuir an suarachas leinne, ach gur e air [sic] miann a h-altrum agus a h-arach, le a bhi, mar gu'm b'ann a' deanamh slabhraidh leis am faod air luchd-duthcha an seo a's ann an Albainn, a bhi an dlu cheangal inntinneil ri cheile ann an caidreamh taitneach agus feumail, an da chuid a thaobh ghnòthaichean aimsireil agus spioradail, agus air an doigh seo a' toirt air gradh d'ar duthaich, d'ar canain, a's d'ar oilein chan e a mhain a bhi 'na fhreumh sholais duinn ach 'na mheadhon air gach eolas a chraobh-sgaoileadh 'nar measg.²⁴⁷

B' iad irisean Albannach leithid den *Teachdaire Gae'lach* (1829-1831) agus *Cuairtear nan Gleann* (1840-1843) a dh'fhàs gu bhith air leth buadhmhor dha ceangal so-bheantainneach nan

to the Twentieth Century (Dùn Èideann, 1983), td. 64). Thàinig atharrachadh air poileasaidh cànanan na Cuideachd am meadhan na 18mh linne nuair a cheadaich stiùirichean CACS oideachadh ann an sgilean leughaidh sa Ghàidhlig. B' ann air adhbhar craobh-sgaoileadh an t-Soisgeil seach craobh-sgaoileadh foghlam bunasach a chuireadh an t-atharrachadh sin an gnìomh (Durkacz, *The Decline of the Celtic Languages*, tdd. 65-72). Air an làimh eile, thugadh oideas ann an sgilean leughaidh sa Ghàidhlig do sgoileirean ann an sgoiltean Comann nan Sgoiltean Gàidhealach an Dùn Èideann agus sgoiltean Àrd-sheanadh Eaglais na h-Alba bho 1825 air n-aghaidh.

243 Meek, *Caran an t-Saoghail*, td. xviii.

244 Kidd, *Còmhraidhean nan Cnoc*, td. 4.

245 Kidd, 'The Scottish Gaelic Press', td. 337.

246 Ibid., td. 355.

247 *An Teachdaire Gaidhealach*, 1 am Faoilleach 1857, td. 1; Kidd, 'The Scottish Gaelic Press', td. 344.

imrichean.²⁴⁸ Stèidhicheadh an dà iris leis a' mhinistear chlàireach, an t-Urr. Tormod MacLeòid – dom b' ainm cuideachd 'Caraid nan Gàidheal' – a dh'aithnich cho cudromach is a bha e sgrìobhadairean is luchd-leughaidh an cèin a bhrosnachadh a chum taic a nochdadh do dh'iomairtean litreachais an Alba.²⁴⁹ Tha fiù 's cothrom ann gun tug MacLeòid buaidh air tè de na ciad earrannan Gàidhlig a chuireadh an clò ann am pàipear-naidheachd Astràilia. 'S e gairm a th' ann a sgrìobh am ministear saor-chlàireach, Uilleam Mac an t-Saoir (1805-1870), do phàipear-naidheachd Sydney, *The Colonist* (1835-1840) ann an 1838.²⁵⁰ Thàinig Uilleam Mac an t-Saoir a dh'Astràilia ann an 1837 ri linn comhairle a' mhinistear shaoir-chlàireach, John Dunmore Lang, a bha ag obair an co-bhann leis an Urr. MacLeòid.²⁵¹ Bhrosnaich Lang an t-Abrach gus eilthreachd a dhèanamh às dèidh dha searmon Mhic an t-Saoir dha co-thionail ann an Grianraig a chluinntinn sna 1830an.²⁵² Leis cho faisg air Glaschu is a bha Mac an t-Saoir, tha ceist ann an robh làmh aige ann an saoghal clò-bhualaidh na Gàidhlig mar neach-leughaidh (aig a' char a bu lugha). Tha fhios gun do chuir an t-Urr. MacLeòid earbsa mòr ann am ministearan airson taic a chumail ri a chuid fhoillseachaidhean.²⁵³ Fiù 's muran do chuir Mac an t-Saoir ris an dà iris a bha ri a làimh an Alba mus d' rinn e eilthreachd, b' eòlach e air na cothroman an lùib foillseachadh sa Ghàidhlig.²⁵⁴ Tha fhios gum b' aithne dha co-dhiù na cothroman an lùib foghlaim. Bhuin Mac an t-Saoir dha teaghlach foghlaimte a bha cuimseach aithnichte air a' Ghàidhealtachd, Clann Mhic an t-Saoir Cill Mhàilidh. Bha e na cho-ogha don mhinistear agus sgoilear Ghàidhlig, an t-Urr. Iain Mac an t-Saoir ann an Cill Mo Naomhaig, a dh'ainmicheadh gu minig ann an irisean Gàidhlig leithid den *Celtic Monthly* (1892-1917), a bharrachd air an *Teachdaire Gaidhealach* (1857) an Tasmania.²⁵⁵ Tha cuideachd cothrom ann gun robh Iain agus Uilleam Mac an t-Saoir càirdeach ri in-imriche eile an Astràilia, Eoghann Mac an t-Saoir, a chuir grunnan òran chun an *Teachdaire Gaidhealach* an Tasmania ann an 1857.²⁵⁶

248 Gheibhear cunntas iomlan air beatha is obair an Urr. MhicLeòid ann an Kidd, 'Tormod MacLeòid: Àrd-chonsal nan Gàidheal', tdd. 108-111. Airson barrachd air dreuchd MhicLeòid mu choinneamh clò-bhualadh is foillseachadh na Gàidhlig, feuchaibh, Meek, *Caran an t-Saoghail*, td. xxi.

249 Kidd, 'The Scottish Gaelic Press', td. 337.

250 *The Colonist*, 7 an t-Samhain 1838, td. 3.

251 Sheila M. Kidd, 'Caraid nan Gaidheal and "Friend of Emigration": Gaelic Emigration Literature of the 1840s', *The Scottish Historical Review* 81:211 (An Giblean, 2002), tdd. 52-69 (56); Watson, *Caledonia Australis*, td. 2.

252 Barry John Bridges, 'The Presbyterian Churches in New South Wales, 1823-1865: With particular reference to their Scottish Relation' (Oilthigh Naomh Chill Rìmhinn: Tràchdas PhD neo-fhoillsichte, 1987), td. 62.

253 Kidd, 'The Scottish Gaelic Press', td. 345.

254 *Ibid.*, td. 339; *Teachdaire nan Gàidheal* 7 (1843), td. 55; *Teachdaire nan Gàidheal* 8 (1845), td. 58. Airson barrachd fios air co-obrachadh Lang agus MhicLeòid, feuchaibh, Watson, *Caledonia Australis*, td. 2.

255 *The Celtic Monthly* 11 (1886), td. 233; *An Teachdaire Gaidhealach* 3, 1 an Giblean 1857, td. 7; *The Newcastle Chronicle*, 8 an t-Sultain 1870, td. 4.

256 Huw Scott (deas.), *Fasti ecclesiae scoticanæ* 8 (Dùn Èideann, 1950), td. 344. Ged a tha rannsachadh a dhith airson seo a dhearbhadh, tha fios gun robh bràthair aig an Urr. Iain Mac an t-Saoir air an robh Eòghann Mac an t-Saoir (1817-1902). Chaidh Eoghann Mac an t-Saoir cuideachd a dh'Astràilia far an do dh'fhuirich e le a cho-ogha,

Tha ro-ràdh na ciad àireimh den *Teachdaire Gaidhealach* an Tasmania a’ toirt fianais air an lionra thar-nàiseanta a stèidhich ‘Caraid nan Gàidheal’ gu soirbheachail,

Am bheil cuimhne agaibh air an t-sean *Theachdaire* agus air *Cuairtear nan Gleann* nach mairionn? ’S cinnteach leinn gu bheil, b’ ainneamh fardach anns nach faicte iad. ’S iomadh oidhche fhada Gheamhraidh a chuir sinn tharunn ’nar suidhe aig taobh an teine mhoir mhoina, far am biodh an croilein solasach mu’n cuairt an t-og ’s an liath as fiath-ghair air gach gnuis, ag eisdeachd gu deothasach ri sgeulachdan an *Teachdaire* ann an cainnt bhlasda, bhrioghmhor nam beann.²⁵⁷

Thug irisean cuideachd cothrom do sgrìobhadairean air gnèithean, cuspairean, agus rèimean ùra is an Còmhradh na dheagh eisimpleir air a’ sin.²⁵⁸ Tha an dà Chòmhradh a nochd san iris Astràilianaich, *An Teachdaire Gaidhealach*, a’ toirt fianais air a’ bhuidheann thar-nàiseanta a bha aig cleasan sgrìobhaidh a bhuin do dh’Alba o thùs. On a leig rèim chumanta a’ Chòmhradh le sgrìobhadairean earrann a dhealbhadh ann an dòigh a fhreagradh air buidheann na b’ fharsainghe de luchd-leughaidh, chunnacas san *Teachdaire Gaidhealach* Còmhradh a fhreagair air an t-sluagh chèin-thìreach.²⁵⁹ Coltach ri leabhar Dhòmhnail Bhàin, *Leabhair ’na Mhuintireach*, tha na Còmhradh Astràilianach a’ toirt fianais air an leudachadh a thàinig air briathrachas na Gàidhlig. Chì sinn cuideachd gun do riochdaich na faclan ùra eòlas nan imrichean Gàidhealach. A-rèiste, chleachdadh an Astràilia pailteas de dh’fhaclan iasad agus Beurlachas, mar eisimpleir ‘*New Chum*, ‘neach air ur thighin’ s a tha aineolach air cor na duthcha a’s gnaths an t-shluaigh, agus a tha deas (deis) gu bhi air a riaghladh leis a’ cheud ni ’chi no ’chluinneas e’.²⁶⁰ A bharrachd air sin, chunnacas “Frionoloidsidh” (*Phrenology*), “ogriogiltuir” (*agriculture*), agus “bana-cheard” (*barn-yard*).²⁶¹ Chuir an *Teachdaire* faclan agus bun-bheachdan ùra a chualas gu bitheanta agus a bha fo dheasbad sa cholonaidh an aithne an luchd-leughaidh. An co-rèir ris an dreuchd a bha aig foillseachaidhean Gàidhlig an Alba san 19mh linn, b’ e amas cuid de dh’foillseachaidhean an Astralàisia oilean is oideas a thoirt don luchd-leughaidh.

Tòmas Mac an t-Saoir. Bha Tòmas Mac an t-Saoir na bhràthair do Dhonnchadh Mac an t-Saoir a sgrìobh an leabhar eachdraidh, *The MacIntyres of Glenoe and Camus-na-h-Erie* (1901). Gheibhear iomradh air Eòghann Mac an t-Saoir ann an: Martin L. MacIntyre, *Clan MacIntyre* (Leabhar-e Kindle, 2018), td. 110.

257 *An Teachdaire Gaidhealach* 1, 1 an Gearran 1857, td. 1.

258 Kidd, *Còmhradh nan Cnoc*, td. 5; Kidd, ‘The Scottish Gaelic Press’, tdd. 339-340. ’S e còmhradh rosg ùr-sgrìobhte a th’ anns a’ Chòmhradh.

259 Kidd, ‘The Scottish Gaelic Press’, td. 340; Watson, *An Introduction to Gaelic Fiction*, td. 16.

260 *An Teachdaire Gaidhealach* 10, 1 an t-Samhain 1857, td. 6.

261 Feumar a ràdh, ge-tà, gun robh e fhathast an comas an sgrìobhadair briathrachas Gàidhlig a chur air gach facal ach “frionoloidsidh” mun àm a chuireadh an Còmhradh an clò ann an 1857. Feuchaibh, *An Teachdaire Gaidhealach* 10, 1 an t-Samhain 1857, td. 6.

Feumar iomradh a thoirt an seo air dà iris eile a bha ceart cho buadhmhòr an Alba is a bha iad an Astralàisia. 'S iad sin iris na h-Eaglaise Saoire, *An Fhianuis* (1845-1850), agus tè na h-Eaglaise Stèidhichte, *Fear-Tathaich nam Beann* (1848-1850). Thàinig na dhà gu bith às dèidh Briseadh na h-Eaglaise ann an 1843 is gabhamaid suim gu h-àraidh ann an deasaiche *An Fhianuis*, an t-Urr. Mac an Tòisich MacAoidh. Bha e fhèin gu mòr an sàs ann an iomairtean litreachais an Alba leithid den *Dictionarium Scoto-Celticum: A Dictionary of the Gaelic Language* (1828) agus bàrdachd Rob Donn MhicAoidh (1829). Chuir Àrd-sheanadh na h-Eaglaise Saoire gu Melbourne e ann an 1854 airson is gun coimheadadh e às dèidh slàinte is feumalachdan spioradail a' cho-thionail Ghàidhealaich.²⁶² A bharrachd air searmonachadh sa Ghàidhlig, chuir an Catach àite-togail do dh'eaglais Ghàidhealach an gleus am Melbourne, gnothach a choilean e ro dheireadh na bliadhna 1854.²⁶³ Ghabh e a' chiad searmon Gàidhlig san eaglais ùir, Ghàidhealaich air 13 an Cèitean 1855 agus, an ceann bliadhna eile, lean e gairm do dh'Eaglais Shaor-chlèireach ann an Sydney, NSW. Chùm Mac an Tòisich MacAoidh air a' searmonachadh an Sydney tro mheadhan na Beurla gu ruige 1861 nuair thill e a dh'Alba.²⁶⁴ Chanadh ma dheidhinn gum b' e fear de na sgoileirean Gàidhlig a b' fheàrr a bh' ann is tha fhios gum biodh e co-dhiù a' sgrìobhadh litrichean sa Ghàidhlig an Astràilia.²⁶⁵ Chuir *An Teachdaire Gaidhealach* earrann air, 'Bàs Iain 'Ic-Ille-Dhuinn, Chnuic-an-t-sagairt, air son a chreidimh', fa chomhair an luchd-leughaidh ann an 1857 a bha Mac an Tòisich MacAoidh air eadar-theangachadh chun na Gàidhlig ann an 1846. Cha robh guth air a' sin san *Teachdaire*, ge-tà.²⁶⁶ Tha cothrom ann gun robh Mac an Tòisich MacAoidh an sàs ann am bileag a sgrìobh buill a' cho-thionail Ghàidhealaich am Melbourne ann an 1854 a chum airgead a thrusadh don eaglais ùir. Le taic Eoghann Mhic-Colla, clò-bhualadair agus neach-seilbh a' phàipeir, *The Banner* (1853-1854), chuireadh tionndadh Beurla den bhileig an clò sa *Bhanner* agus a' bhileag Ghàidhlig fa leth.²⁶⁷ Tha fianais a dhìth gu ruige seo airson dearbhadh gum b' e Mac an Tòisich

262 Kidd, 'The Scottish Gaelic Press', td. 346.

263 *The Tasmanian Colonist*, 23 am Faoilleach 1854, td. 4. Dh'obraich Mac Aoidh gu dlùth ri co-thional Gàidhealach Mhelbourne a chum airgead a thrusadh don eaglais ùir is bileag Ghàidhlig a chuireadh an clò leis a' chlà-bhualadair, Eoghann Mac-Colla, am Melbourne ann an 1854 a' toirt fianais air a' sin.

264 Robert Hamilton, *A Jubilee History of the Presbyterian Church of Victoria; Or The Rise and Progress of Presbyterianism from the Foundation of the Colony to 1888* (Melbourne, 1888), tdd. 84 ff.

265 Dòmhnall MacIlleathain, *Typographia Scoto-Gadelica; Or Books printed in the Gaelic of Scotland from the year 1567 to the year 1914 with bibliographical and biographical notes* (Dùn Èideann, 1915), td. 237; *The Newcastle Chronicle*, 9 an t-Iuchar 1868, td. 2; Cardell agus Cumming, *Sgeulachdan Goirid agus Bàrdachd à Astràilia*, tdd. 168, 230.

266 *An Teachdaire* 3, td. 7; *An Teachdaire* 4, tdd. 2-3; *An Teachdaire* 6, tdd. 4-5; MacIlleathain, *Typographia Scoto-Gadelica*, td. 33.

267 *The Banner*, 8 an Lùnastal 1854, td. 14; *Litir Impidh agus Rabhaidh a chum luchd-eisdeachd an t-soisgeil an canain an sinnsear ann an coimhthional nan Gaidheal a'm Melbourne* (Melbourne, ?1854?).

MacAoidh a sgrìobh a' bhileag Ghàidhlig air neo a dh'eadar-theangaich an tionndadh Beurla chun na Gàidhlig.

Thàinig crìonadh air irisean Gàidhlig an Alba às dèidh nan 1850an is cha b' ann gu ruige na 1870an a thòisicheadh orra a-rithist.²⁶⁸ Bha *An Gaidheal* (1871-1877), *The Celtic Magazine* (1875-1888), *The Celtic Monthly* (1892-1904), agus *Mac-Talla* (1892-1904) uile am measg nan irisean a thug buaidh mhòr air Gàidheil an Alba is an cèin an uair sin. Dh'fhaodadh a ràdh gum b' iad ro-innleachdan ùra nam foillseachaidhean ud a dh'fhàg freagarrach iad gu h-uile-choitcheann. Chunnacas eisimpleir de na cleasan ùra an toiseach sa *Ghaidheal*. Eu-coltach ri irisean na bu tràithe, cha robh an *Gaidheal* fo stiùir mhinistearan agus chuireadh e cuideachd an clò an Canada an toiseach. Thug an iris Chanèideanach barrachd for air litreachas na Gàidhlig is caochladh òran, sgeulachdan traidiseanta, sheanfhaclan, Chòmhradhean, agus aistidhean air litreachas na Gàidhlig is eachdraidh na Gàidhealtachd a' nochdadh sna h-àireamhan mìosail.²⁶⁹ B' e amas an deasaiche, Aonghais MhicNeacail – a stèidhich is a dheasaich an iris an Toronto, Canada an toiseach – dualchas na Gàidhlig ath-bheothachadh is dearbhadh gum b' airidh a' Ghàidhlig agus litreachas na Gàidhlig air glèidheadh, sgrùdadh, agus clò-bhualadh.²⁷⁰ Tha sgrùdadh Kidd a' cur far comhair gu bheil *An Gaidheal* na sgàthan don àrainneachd shluaigh-sgapaich anns an robh e beò. Chithear sin san lìonra thar-nàiseanta de chom-pàirtichean a chuir ris an iris – is Gàidheil Astralàisia nam measg.²⁷¹ Cha b' ann le sgrìobhadh, leughadh, agus craobh-sgaoileadh a-mhàin a bha an com-pàirteachas sin cuingichte is coltas air gun tug cruth is cumadh *An Gaidheal* cuideachd buaidh air foillseachaidhean cèin-thìreach eile. Air a' mhodh sin, lean colbh Gàidhlig a chuireadh an clò an Dunedin sna 1880an iùl an *Gaidheal* le sùil air seòrsa agus seòrsachadh an litreachais. A-rèiste, nochdadh seanfhaclan, sgeulachdan, agus duanagan beaga don luchd-leughaidh fon chuibhreann 'Sop as Gach Seid'.²⁷² Maille ri sin, bhrosnaich amasan *An Gaidheal* deasbad beòthail an Aotearoa sna 1870an air cothroman dha foghlam Gàidhlig sa cholonaidh.²⁷³

268 Kidd, *Còmhradhean nan Cnoc*, tdd. 8, 10.

269 Ibid., td. 10.

270 Kidd, 'The Scottish Gaelic Press', td. 350.

271 Ibid., tdd. 350-351.

272 Thòisicheadh 'Sop As Gach Seid' a thoirt do luchd-leughaidh *An Gaidheal* às dèidh don iris gluasad thar a' chuain far an deach a cur an clò le Wallace agus Bryson an Glaschu. Feuchaidh mar eisimpleir, 'Sop As Gach Seid', *An Gaidheal* 2:14 (An Giblean, 1873), td. 54.

273 *Wanganui Herald*, 12 am Màrt 1873, td. 2. Togar air an deasbad sin air td. 221.

B' fhiach an iris, *The Celtic Magazine* (1875-1888), cuideachd an t-iomradh aithghearr. A dh'aindeoin nach do chuir an deasaiche, Alasdair MacCoinnich, uiread de dh'earrannan Gàidhlig ris na h-àireamhan mìosail, thug an *Celtic Magazine* cuideachd prìomhachas do litreachas, eachdraidh, sheanchas, chleachdaidhean traidiseanta, agus chultar sòisealta is stuthach nan Ceilteach an Alba is an cèin.²⁷⁴ Ghabh an iris cuideachd gnothach ri Gàidheil Astralàisia is sin a' tighinn am bàrr sa phailteas de dh'iomraidhean air comainn, iomairtean, agus tachartasan anns an robh Gàidheil an sàs sna colonaidhean. Eadar cunntas air taisbeanadh poblach de leabhraichean Gàidhlig am Melbourne ann an 1880, tuairisgeul air turas a' Chomhghallaich, Iain MacFhionghain (1819-1872), tro Astràilia a Deas sna 1860an, iomradh air stèidheachadh Comann Gàidhlig Dhunedin ann an 1881, agus moladh air Gàidheil an Tìr a Deas, Aotearoa, às dèidh dhaibh airgead a chur a dh'ionnsaigh chroitèaran Sgitheanach ann an 1883, dhaingnich an *Celtic Magazine* an lionra tar-nàiseanta eadar Alba is Astralàisia.²⁷⁵ Agus an caochladh, ghabh Gàidheil Astralàisia suim sa *Celtic Magazine* mar a dhearbhas faclan a chuir am bàrd Abrach, Alasdair G. Camshron, dhan Urr. Alasdair Stiùbhart à Melbourne, Victoria, ann an 1876.²⁷⁶ Da rèir, leughadh an iris, 'by Celts and sinners alike,' sna colonaidhean.²⁷⁷ Tha Camshron is an t-òran, 'Camus Oinich', inntinneach dhuinn air adhbhar eile. Chuir Camshron e dha Stiùbhart ann an 1876 airson 's gun deigheadh fhoillseachadh san *Celtic Magazine* agus rinn pàipear-naidheachd Dhunedin, an *NZPO*, ath-chlò-bhualadh air ann an 1881.²⁷⁸ Tha an lionra a ghabhadh togail eadar Aotearoa agus Astràilia tro shlighe Alba a' sealltainn dhuinn uair eile cho cudromach is a bha foillseachaidhean Albannach. Chan e amhàin gun do cheangail iad Gàidheil an cèin ri tìr an dùthchais, ach bha iad cuideachd nan clachan-ceangail do Ghàidheil an sgapaidh-shluaigh Ghàidhealaich.

Às dèidh don *Celtic Magazine* tighinn gu crìch, chunnacas cur air bhog na h-irise, *Celtic Monthly* (1892-1904) aig toiseach nan 1890an. Coltach ri MacCoinnich, cha do shoirbhich gu buileach leis an deasaiche, Iain MacAoidh, ann a bhith a' toirt prìomhachas don Ghàidhlig. Ach a dh'aindeoin sin, bha an iris ceart cho taitneach do Ghàidheil Astralàisia is a bha irisean na bu tràithe.²⁷⁹ Theagamh gu bheil an gainnead litreachais Ghàidhlig ann an irisean aig fìor

²⁷⁴ Kidd, 'The Scottish Gaelic Press', td. 352.

²⁷⁵ *The Celtic Magazine* 5:57 (An t-Iuchar, 1880), td. 359; *The Celtic Magazine* 6:65 (Am Màrt, 1881), td. 202; *The Celtic Magazine* 6:66 (An Giblean, 1881), td. 230; *The Celtic Magazine* 8:95 (An t-Sultain, 1883), tdd. 531-532; *The Celtic Magazine* 8:96 (An Dàmhair, 1883), tdd. 584-585.

²⁷⁶ Aithnichear ainm-pinn Stiùbhart fada is farsaing, 'Nether Lochaber'.

²⁷⁷ *The Celtic Magazine* 8 (An t-Ògmhios, 1876), td. 253.

²⁷⁸ *NZPO*, 16 an t-Iuchar 1881, td. 16.

²⁷⁹ Airson eisimpleir, feuchaibh, *The Celtic Monthly* 15:3 (An Dùbhlachd, 1906), td. 53; Kidd, 'The Scottish Gaelic Press', td. 352.

dheireadh na 19mh linn na chomharra don iomadach dùbhlán is easbhaidh a bha air bualadh air irisean bho thoiseach na linne. Cha robh an Alba, mun àm sin, an aona chuid fogsriobhaichean a bha deònach pàigheadh airson iris Ghàidhlig air neo bun-structair gnìomhachais a rinn e comasach cosgaisean a dhìoladh.²⁸⁰ Bitheadh sin mar a bhitheadh, am measg a' bheagain litreachais Ghàidhlig a chuireadh an clò san *Celtic Monthly*, tha grunnan earrannan leis a' Mhuileach, Dòmhnall Mac Bheatha. Rinn e fhèin eilthireachd gu Astràilia ann an 1852 an cuideachd athar, Aonghas Mac Bheatha. A bharrachd air bàrdachd neo-fhoillsichte athar, bhiodh Dòmhnall a' cur sgeulachdan traidiseanta, dealbh-cluiche, cleas cloinne, agus bàrdachd don *Celtic Monthly*. Ged a bhiodh Dòmhnall Mac Bheatha a' sgrìobhadh sa Bheurla dha pàipearan-naidheachd Astràilianach, cha do chuir e a chuid sgrìobhaidhean Gàidhlig ach dha irisean agus pàipearan-naidheachd Albannach. Nochd na foillseachaidhean Gàidhlig aige sa *Celtic Monthly*, *An Gaidheal*, agus san *Highlander* (1873-1882). B' e cleas a bha sin a bha an cumantas aig gu leòr de Ghàidheil an Astralàisia. A dh'aindeoin is gun robh pàipearan-naidheachd is irisean colonach ann a ghabh ri litreachas na Gàidhlig, b' fheàrr le cuid an earrannan a sheòladh far an tugadh barrachd chothroman agus spèis dhaibh.

Ann a bhith a' sgrùdadh irisean Gàidhlig, chan eil math dhuinn idir dearmad a dhèanamh air an obair luimeil a rinn Gàidheil Chanada. Nuair a thàinig stad air irisean Gàidhlig an Alba sna 1850an, chaidh Clò-chlàr na Gàidhlig an neart an Canada le cur air bhog dà iris ann an Antigonish, Alba Nuadh: *An Cuairtear Og Gaidhealach* (1851) agus an *Casket* (1852). Cha do mhair na h-irisean fhèin air neo an rùm a thug iad do litreachas na Gàidhlig fada ach tha iad fhathast nan samhla air seasmhachd na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan cèin-thìreach.²⁸¹ Gu dearbh, mus tàinig an 19mh linn gu crìch, stèidhich Eòin G. MacFhionghuin tè de na h-irisean Gàidhlig a bu shoirbheachail agus a bu leantainniche a bha ann a-riamh: iris à Sydney, Ceap Breatainn, *Mac-Talla* (1892-1904). Coltach ri MacNeacail (*An Gaidheal*), bha MacFhionghuin gu mòr den bheachd gun robh goireasan do litreachas agus dhualchas na Gàidhlig easbhaidheach, gu sònraichte ann an Canada far an robh pailteas de phàipearan-naidheachd Frangach is Gearmailteach ri làimh.²⁸² Tha Calum Iain M. MacLeòid a' cur mun aire dhuinn gun robh *Mac-Talla* a' toirt, 'fasgadh agus àite-neadachaidh o na siantan,' do litreachas na Gàidhlig. Bha an iris do Ghàidheil an Canada coltach ri, 'tighean-tasgaidh nan òran is snaim

280 Ibid., td. 354.

281 Kidd, 'The Scottish Gaelic Press', td. 348.

282 Feuchaibh earrann a sgrìobh an deasaiche (is ma dh'fhaoidte) air a' ghnothach, 'Mac-Talla', *Mac-Talla* 1:2 (4 an t-Ògmhios, 1892), td. 2.

eile nach do lagaich a ghreim air litreachas nan Gàidheal a chur air mhaireann do'n àl a bha ri teachd.²⁸³ Ged a b' iad luchd-leughaidh an Canada a bhiodh a' cumail taic ri *Mac-Talla* sa chiad dol a-mach, cha robh Gàidheil Astralàisia fada fo-sgrìobhadh agus earrannan Gàidhlig a chur chun na h-irise.²⁸⁴ Dh'fhaodadh a ràdh gum b' e an cuideam a chuir *Mac-Talla* air gnothaichean Ceilteach agus cuideachd an dòigh san do neartaich an iris cliù na Gàidhlig a bha tarraingeach do luchd-leughaidh an Astralàisia. Dhearbh an iris Chàneideanach gun do ghabh a' Ghàidhlig suidheachadh ann an co-theacsa sam bith, sin co-theacsa ionadail, nàiseanta, agus eadar-nàiseanta a bharrachd air co-theacsa sean is ùr. Dh'fhàs *Mac-Talla* gu bhith ceart cho dlìgheach agus buadh-mhor do Ghàidheil Astralàisia is a bha irisean na seann dùthcha. Thig sin am follais ann am foillseachaidhean Gàidhlig nach do chuireadh an clò ach ann am *Mac-Talla* air neo pàipearan-naidheachd Astralàisia fhèin. 'S e eisimpleir den leithid, òran Alasdair Anndra MhicRath (1856-1936), 'Moladh Otago', agus litrichean Iain Rothaich.²⁸⁵ Thagh MacRath agus Rothach an cuid sgrìobhaidhean air beatha cholonach a chur gu iris shluagh-sgapach an àite foillseachadh Albannach. Theagamh gu bheil seo a' cur mun aire dhuinn gun robh cinn-teagaisg thar-thìreach is ioma-chultarail ann a bha an cumantas aig in-imrichean Gàidhealach a-mhàin, ge b' e an ceàrn den sgapadh-shluagh anns an robh iad air còmhnaidh a ghabhail.

Tha fhios gun tug irisean cothrom don Ghàidhlig seasamh air leth bho chànanan is chultaran eile is freagairt air feumalachdan buidhinn àraid de luchd-leughaidh agus sgrìobhadairean. Bha iad stèidhichte air amasan a bha, aig amannan, teann agus nach do sheas ri atharrachaidhean mòra eaconamach, sòisealta, cultarail, agus poilitigeach.²⁸⁶ An taca ri sin, bha pàipearan-naidheachd cuimseach sealach agus caochlaideach nan nàdar is iad, gu ìre, an eisimeil àrainneachd is coimhearsnachd a bha a' sìor atharrachadh. Theagamh gur e an dearbh nàdar sin as adhbhar gu bheil pailteas de chrìomagan litreachais ri lorg ann an diofar phàipearan-naidheachd Albannach is cèin-thìreach.²⁸⁷ Am measg nam pàipearan sin, tha grunnan ann a sheas am meadhan an lìonra litreachail a chleachd Gàidheil Astralàisia airson an cuid litreachais Ghàidhlig a chlò-bhualadh is fhoillseachadh. Chunnacas litreachas nan eilthireach Gàidhealach gu minig san *Oban Times* (1866-), *The Highlander* (1873-1882), *The Northern*

283 MacLeòid, *Bàrdachd à Albainn Nuaidh*, td. 11.

284 Kidd, 'The Scottish Gaelic Press', td. 353.

285 *Southern Cross*, 15 an t-Sultain 1894, td. 12; Brett agus Mac a' Phearsain, *Letters to Mac-Talla from John Munro*.

286 Stuart, 'Colonial Periodicals', tdd. 1-10.

287 Tha Meek air toirt fa-near dhuinn gur i bàrdachd na Gàidhlig gu sònraichte a lorgar ann am pàipearan-naidheachd. Feuchaibh, Meek, *Caran an t-Saoghail*, td. xix. Airson eisimpleir de chrìomagan aithghearr de litreachas Gàidhlig, feuchaibh, Kidd, 'The Scottish Gaelic Press', td. 353.

Chronicle (1881-1964), *Inverness Courier* (1817-), *Inverness Advertiser and Ross-shire Chronicle* (1849-1885), agus *The Scottish Highlander* (1885-1898).

B' e an *Highlander* (1873-1882) a' chiad phàipear-naidheachd Albannach a chuir colbh Gàidhlig seasmhach is leantainneach an clò fo stiùir an deasaiche, Iain MacMhurchaidh. Chòrd guth radaigeach a' phàipeir agus an taic a thug am foillseachadh don Ghàidhlig, do chomhainn Ghàidhealach, agus do chroitèaran aig àm Aimeireit an Fhearainn ri Gàidheil fada is farsaing. Bhrosnaich an *Highlander* cuideachd sgrìobhadh sa Ghàidhlig is fianais air a' sin ann an earrann a nochd san Iuchar 1877 fon tiotal, 'Oilean agus Litreachas nan Gàidheal'. Chuir an earrann sin an rathad luchd-leughaidh, 'Tha fios aig a' chuid as motha agaibh nach eil meas air cinneadh sam bith mura h-eil leabhraichean aca nan cànan fhèin air gach nì a bhuineas dhaibh fhèin agus dan dùthaich – eachdraidh, eòlas, bàrdachd, sgeulachd &c.'²⁸⁸ Cha robh Gàidheil Aotearoa fada freagairt do stèidheachadh a' phàipeir is don chomhairle sin. Chunnacas, mar sin, an fheadhainn a bha air còmhnaidh a ghabhail an Tìr a Deas, Aotearoa, a' cur iomairt shanasachd air chois don *Highlander* ann an 1874. Nochd an iomairt sin sanasan don phàipear-naidheachd Albannach fad còrr is mìos ann am pàipear-naidheachd colonach, an *Southland Times*.²⁸⁹ Air a' mhodh cheudna, chaidh Gàidheil Otago gu mòr an sàs san *Highlander* mus do stèidhich iad colbh Gàidhlig dhaibh fhèin ann an 1881.²⁹⁰

Nochd iomraidhean air an *Highlander* cuideachd ann am pàipearan-naidheachd Astràilia ach, a rèir sgrìobhadair don *Hamilton Spectator* (1870-1918), cha robh an luchd-leughaidh idir cho pailt an Astràilia is a bha iad an Alba agus an Aotearoa.²⁹¹ Tha bàrdachd agus rosg Gàidhlig a chuir Dòmhnall Mac Bheatha chun an *Highlander* ann an 1875 a' dearbhadh, ge-tà, gun robhar a' leughadh a' phàipeir-naidheachd an Astràilia cuideachd.²⁹² Chuir Mac Bheatha òran molaidh athar gu feum airson cur an cèill cho prìseil is a bha an *Highlander* dha. Bha Aonghas Mac Bheatha air an t-òran a dhèanamh dhan iris Thasmanianaich, *An Teachdaire Gaidhealach*, an toiseach ach, am beachd a mhic, ghabhadh adhbhar a' mholaidh atharrachadh a rèir toil an t-seinneadair, 'Agus faodaidh mi radh – mar a thogadh inntinn m' athair leis an Teachdaire, gu 'm bheil sibhse togail m' inntinnse air an la n' duigh [sic]. Nam bitheadh an *t-Ard-Albannach* air a chur an ait' an "Teachdaire" fhreagaradh e oirbh gu taghte.'²⁹³

288 *The Highlander*, 21 an t-Iuchar 1877, td. 3.

289 Feuchaibh, *Southland Times*, 1 an t-Iuchar 1874, td. 4.

290 Feuchaibh mar eisimpleir, 'Tional nan Gaidheal an Duneideann', leis 'Am Bard Bruithneach' a chuir an *Highlander* an clò ann an 1877. *The Highlander*, 11 an Lùnastal 1877, td. 3.

291 *Hamilton Spectator*, 17 an Giblean 1875, td. 3.

292 *The Highlander*, 1 an Cèitean 1875, td. 3.

293 Ibid.

Thug an *Highlander* cothrom do Ghàidheil an cèin dol an sàs ann an seachas Gàidhlig, ma-tà, fiù 's ma bha cuid den bheachd, 'Tha bhi 'cur duilleig Ghaelig a *New Zealand* gu ruig garbh chrìoch na h-Alba, agus os-barr gu prìomh-bhaile na Gaidhealtachd, rudeigin coltach ri bhi 'cur guail gu's a Chaisteal-nodha.'²⁹⁴ Tha ùghdar nam briathran sin, an t-Aillseach Fearchair Dòmhnallach, na dheagh eisimpleir air Gàidheal nach do chuir a chuid sgrìobhaidhean Gàidhlig ach gu foillseachaidhean Albannach. Ged a chuireadh trì òrain, a bha e air dèanamh an Aotearoa an toiseach, an clò ann am pàipear-naidheachd Dhunedin, an *NZPO*, tha e follaiseach gun do nochd gach fear dhiubh an Alba an toiseach. Bha an t-Aillseach aithnichte an Alba mar bhàrd agus sheanchaidh is bhiodh e a' cur gu cunbhalach ri pàipearan-naidheachd agus irisean Gàidhlig fa ainmean-pinn, 'Loch-aillse' agus 'Aillseach'.²⁹⁵ Nuair a chuir an *NZPO* bàrdachd an Aillsich an clò sna 1880an, bha an Dòmhnallach fhathast beò agus ag obair mar neach-phuist ann an Te Aute, Hawke's Bay.²⁹⁶ Chan eil fianais ann gun robh e mothachail air colbh Gàidhlig an *NZPO* air neo na lionraidhean a bha am pàipear air thogail an Aotearoa. Ràinig òrain an Dòmhnallaich an *NZPO* tro shlighe pàipearan-naidheachd Albannach agus às dèidh dhaibh siubhal thar a' chuain gu Alba agus air ais gu Aotearoa.

Bha cothroman foillseachaidh an Astralàisia fo sgàil fhoillseachaidhean Albannach a bha araon stèidhichte agus seasmhach. Mar a bu treasa is pailte a dh'fhàs foillseachaidhean an Alba, b' ann a bu laige a dh'fhàs iad an Astralàisia is soirbheas an dàrna fir a' cur ri crìonadh an fhir eile. Theagamh gur e sin as adhbhar gum facas cothroman foillseachaidh a' dol am meud an Astralàisia nuair a bha iad gann an Alba. A chaochladh, chunnacas barrachd bàrdachd is rosg le Gàidheil Astralàisia ann am pàipearan-naidheachd Albannach nuair a bha cothroman foillseachaidh gann sna colonaidhean. Tha an *Oban Times* (1866-) na dheagh eisimpleir air pàipear-naidheachd a stèidhicheadh aig àm nuair a bha cothroman gann do dh'fhoillseachaidhean Gàidhlig an Astralàisia. Coltach ris an *Highlander* agus an *Scottish Highlander*, chuir an *Oban Times* taic ri croitearan Gàidhealach agus ri Strì an Fhearainn sna 1870an agus 1880an.²⁹⁷ Chuimsich am pàipear air luchd-leughaidh Albannach sa chiad dol a-mach ach chan eil sin ri ràdh nach do chuireadh fàilte ro ghuthan Gàidhealach an cèin. Am

²⁹⁴ Ibid., 3 an t-Ògmhios 1876, td. 3.

²⁹⁵ Am measg nan irisean is pàipearan-naidheachd dhan do sgrìobh e, tha, *An Gaidheal, The Inverness Courier*, agus an *Highlander*. Bhiodh caraid an Dòmhnallaich, an t-Urr. Alasdair Stiùbhart, cuideachd a' cur sgrìobhaidhean Gàidhlig an Dòmhnallaich gu pàipearan agus irisean an Alba. Feuchaibh, *The Celtic Magazine* 3 (1878), td. 467.

²⁹⁶ *Hawke's Bay Herald*, 7 an t-Ògmhios 1881, td. 2; *Daily Telegraph*, 27 an Cèitean 1885, td. 2.

²⁹⁷ Donald E. Meek (deas.), *Tuath is Tighearna; Tenants and Landlords* (Dùn Èideann, 1995), tdd. 11-12. A dh'aindeoin 's cho coltach is a bha amasan poiliteigeach an *Oban Times* agus an *Tablet*, cha do rinn an *Tablet* ath-chlò-bhualadh air foillseachaidhean an *Oban Times* gu tric Airson barrachd fiosrachaidh, feuchaibh, Andrew G. Newby, 'The Oban Times and the Early Land Agitation in the Highlands 1877-1881, *Scottish Local History* 54 (An t-Earrach, 2002), tdd. 13-21.

measg nan sgrìobhadairean cèin-thìreach, tha triùir bhàrd a tha airidh air ainmeachadh. Gabhaidh bàrdachd an triùir sin sgrùdadh tro phrosbaig an dà chuid ioma-chultaras agus tar-nàiseantas. 'S e na dh'fhàgas a' bhàrdachd tar-nàiseanta, nach eil i cuingichte ri crìochan tìreach, nàiseanta, air neo cultarail.²⁹⁸ Dh'aithnich an sgoilear, Arjun Appadurai, an sin sgrìobhadairean agus sgrìobhaidhean a bhuineas don tar-nàisean neo-thìreach (*nonterritorial transnation*). Tha litreachas an tar-nàisein neo-thìrich a' togail air nòsan agus aithne phearsanta nach eil cuingichte ri crìochan thìrean àraid.²⁹⁹ Cuiridh sin an comas sluagh an tar-nàisein neo-thìrich rèite a dhèanamh ri beatha san sgapadh-shluagh is e a' glèidheadh, '*a special ideological link to a putative place of origin but is otherwise a thoroughly diasporic collectivity*.'³⁰⁰ Maille ri sin, tha Erez Cohen a' mìneachadh gu bheil an tar-nàisean beò ann an dà cho-theacsa: tha e mar phàirt de cho-chomann *an seo* (m.e. an Alba) is e *an sin* (m.e. an Astralàisia).³⁰¹ Le sin, tha litreachas tar-nàiseanta a' gabhail gnothach ris an dàimh eadar – a) àite is àrainneachd; b) aithne phearsanta; agus c) litreachas.³⁰² Le sùil air litreachas na Gàidhlig, cuiridh rannsachadh Michelle NicLeòid eisimpleir de chuspairean tar-nàiseanta air shùilean dhuinn. Ann a bhith a' sgrùdadh cleasan a' chòd cianalais ann am bàrdachd eilthireach na Gàidhlig, tha NicLeòid a' togail air a' cheangal sheasmhach eadar eilthirich (no fògarraich, a rèir NicLeòid) agus tìr an àraich.³⁰³ 'S e an 'còd cianalais', ar leatha, a dh'fhàgas litreachas nan eilthireach tar-thìreach agus uile-choitcheann. Thig an còd am bàrr gu sònraichte sna cuspairean a leanas: fàgail an eilein; fadachd ri tilleadh; glèidheadh is daingneachadh cuimhne air an dachaigh; coimeas eadar an t-seann dùthaich is an dùthaich ùr; atharrachaidhean air an t-seann dùthaich; atharrachadh air cor an eilthirich fhèin; dilseachd don Ghàidhlig; agus aislingean air tìr an àraich is a' mhuir (i. tìr nan òg).³⁰⁴

Bheirear fa-near dha cuspairean tar-thìreach ann am bàrdachd a' Mhurchanaich, Seumas Mac'Ille-Mhaoil. Cha mhòr nach do rinn am bàrd gach fear den fhichead òran is dàn a dh'fhoillsich an *Oban Times* eadar 1885 agus 1913 ann an NSW, Victoria, agus Astràilia an Iar. Tha bàrdachd Mhic'Ille-Mhaoil a' dèiligeadh gu ìre mhòr ri cianalas is am bàrd a' toirt tarraing air seallaidhean, fàilidhean, agus fuaimean tìr àraich. Ann a bhith a' sgrùdadh leithid

298 Zhong, 'Towards a Multilingual National Literature', td. 9.

299 Arjun Appadurai, *Modernity at Large: Cultural Dimensions of Globalization* (Lunnainn, 1996), td. 173.

300 Ibid., td. 172.

301 Cohen, 'Non-Anglo and Non-Aboriginal Australian Multiculturalism', td. 79.

302 Simoes da Silva, 'The Nation or the Globe?', td. 4.

303 MacLeod, 'The cianalas code', tdd. 67-86.

304 Ibid., td. 79.

de dh'iomraidhean ann am bàrdachd Màiri Mhòr nan Òran, tha Meek a' cur mun aire dhuinn, 'Tha i a' greimeachadh air cruth is ainmean na tìre airson seasmhachd is ciall is mìneachadh – agus gu h-àraid aithne phearsanta – a thoirt da beatha fhèin.'³⁰⁵ B' e rèiteachadh, uaithe sin, feum is fàth na bàrdachd. Ann a bhith a' dealbhadh clàr den dùthchas is dualchas aige, bha e comasach dha Mac'Ille-Mhaoil crìochan cinnidheach (*ethnic boundaries*) a thogail a leig leis aithne phearsanta a rèiteachadh ris an àrainneachd chèin-thìrich. Tha sinn ag aithneachadh gnìomh sluagh-sgapach (*diasporic action*) an seo is Buelmann, Hinson, agus Graeme a' mìneachadh,

*Boundaries are used both for presenting categories, and for presenting identity. Scotland's diasporic identity was formed 'out of place', in the boundaries of its national symbolic representations and out of its everyday institutional and cultural characteristics.*³⁰⁶

A bharrachd air sin, '*The first core element [of diasporic action] is orientation to homeland as diasporic permanence co-exists with a desire to return.*'³⁰⁷ Chan eil teagamh ann gun robh an *Oban Times* gu mòran feum dha Mac'Ille-Mhaoil ann a bhith a' togail agus neartachadh nan crìochan cinnidheach aige. Tha dàn molaidh a rinn e air a' phàipear ann an 1897 a' toirt fianais air a' sin,

Cha'n 'eil gleann no meall no sithean,
Lianag uaine no aonach ròmach,
Glac no loch, gach cnoc is iosal,
Nach tig 'n am cuimhn' le Tiom an Obain.
Ged 's ro-fhada bho'n a dh'fhàg mi
Tìr nam beann, an dachaidh gràdhach,
Faic an diugh mi mar a b' abhaist,
'Labhairt cainnt le srann na Gàidhlig.³⁰⁸

Tha an rann seo fhèin a' cur cleas far comhair a tha suaicheanta don chuid as motha den bhàrdachd a rinn Mac'Ille-Mhaoil. Bha am Murchanach buailteach air tuairisgeulan air a dhùthchas is dhualchas fhàgail cuimseach farsaing. Saoilear gum b' e sin na dh'fhàg a'

³⁰⁵ Donald E. Meek, "'Nuair Chuimhnicheam an Cuilthionn": Àite Samhlachail na Tìre is Cruth na Tìre ann am Bàrdachd Ghàidhlig na Naoidheamh Linn Deug', ann am Wilson MacLeod agus Máire Ní Annracháin (deas.), *Cruth na Tìre* (Baile Átha Cliath, 2003), tdd. 1-38 (2).

³⁰⁶ Buelmann et al., *The Scottish Diaspora*, td. 27.

³⁰⁷ Ibid., td. 18.

³⁰⁸ Chuireadh an dàn an clò dà thuras: *Oban Times*, 17 an t-Iuchar 1897, td. 6; *Oban Times*, 30 an t-Iuchar 1898, td. 7.

bhàrdachd freagarrach do mhòran. Tha dàn dom b' ainm, 'Mo Mhàthair', a rinn Mac'Ille-Mhaoil am Melbourne ann an 1882, a' dearbhadh gun robh am bàrd mothachail air feum ioma-fhillte agus tar-nàiseanta a chuid bhàrdachd. Chuir e an dàn don *Oban Times* dà thuras air adhbharan eadar-dhealaichte. Tha a' chiad chlà-bhualadh a' cur cuideam air fadachd an eilthirich ri mhàthair, 'Gur cianail leam 'bhi 'd' fhàgail, / A mhàthair ghràdhach rùn, / Gu tir fad' às gu'n chàirdean, / Gu'n fhàrdach no gun smùid.'³⁰⁹ Chuimsich an dàrna clò-bhualadh, air an làimh eile, air saighdearan Gàidhealach a bha an impis Alba fhàgail airson Cogadh nam Boer an Afraga a Deas. Sgrìobh Mac'IlleMhaoil ann an ro-ràdh aithghearr,

*I shall be glad if you can find room for them [na rannan] in your paper once again. They are appropriate when so many young men are leaving for the war in South Africa [...] never to return, or see that loving mother in this world again.*³¹⁰

Nochd an dàn turas eile ann am pàipear-naidheachd Aotearoa às dèidh don bhàrd, Alasdair Anndra MacRath, na rannan a chur a-steach don *Southern Cross* ann an 1895.³¹¹ Gu h-eadar-dhealaichte bho thionndaidhean an *Oban Times*, nochd fear an *Southern Cross* fonn, 'Mo chailin dileas donn'. Ged nach b' aithne do MhacRath Mac'IlleMhaoil, bha e den bheachd gun do rinn am bàrd an t-òran air dha Alba fhàgail, 'Rinneadh an duanag a leanas le gaidheal àiridh, 'nuair bha e 'fagail a dhachaidh, 's e tighinn a mach gu Australia.'³¹² Tha briathrachas agus litreachadh an tionndaidh san *Southern Cross* beagan eadar-dhealaichte bho thionndaidhean an *Oban Times* is saoillear gum b' e an tar-chur labhairte as coireach dha sin. Ach 's e an t-iomradh air an fhonn an t-eadar-dhealachadh as motha. Tha cothrom ann nach robh iomradh air fonn a dhìth air Gàidheil na h-Alba is meadrachd na bàrdachd a' toirt beachd dhaibh air fonn. Dh'fhaodadh cuideachd gur e leughadh agus meòrachadh pearsanta a bhrosnaich an *Oban Times*. Na chuid rannsachaidh air feum is fàth òran Gaeilge agus Gàidhlig san 19mh linn, tha Breandán Ó Madagáin a' cur nar cuimhne,

It will readily be seen that singing a song is a very different form of behaviour from reciting a poem. Singing places the activity in a distinctly different artistic mode. [...] Added to this is the whole complex of other factors – musical and non-musical – which go to make up the 'communicative event': the style of the performance, both in its traditional aspects and in the personal variations and artistry of the individual

309 *Oban Times*, 11 an Dùbhlachd 1886, td. 3.

310 *Ibid.*, 27 am Faoilleach 1900, td. 7.

311 *Southern Cross*, 8 an t-Ògmhios 1895, td. 7.

312 *Ibid.*

*performer; the use of gestures or facial expressions; the performer's rapport with his audience and their own participation in the event; the spirit, atmosphere and even physical setting of the occasion.*³¹³

Ma dh'fhaoidte, chuireadh an t-òran gu feum air adhbharan sòisealta an Aotearoa. A dh'aindeoin (air neo is dòcha air sàillibh) a' chuspair – a dhèiligeas ri call, aonranachd, agus aithreachas – bhrosnaich an t-òran conaltradh is co-chomann a bha stèidhichte air rud a bha na h-imrichean air fiosrachadh gu h-uile-choitcheann.³¹⁴

Gheibh sinn eisimpleir eile de bhàrd a rinn bàrdachd thar-nàiseanta ann an Gàidheal à Inbhir Aora nach do chuir ach tùs-litrichean ainm, 'I.C.', fo a chuid òran.³¹⁵ Ged nach gabh ràdh cuin a thàinig e gu Aotearoa, bha I. C. na chòmhnaidh sa bhaile òir, Motatapu, Otago nuair a chuir e dà òran agus trì dàin chun an *Oban Times*. On a chuireadh iad uile an clò eadar 1871 agus 1873, bha I.C. am measg nam bàrd a bu tràithe à Astralàisia dhan tug an *Oban Times* cothrom foillseachaidh.

³¹³ Breandán Ó Madagáin, 'Functions of Irish Song in the Nineteenth Century', *Béaloideas* 53 (1985), tdd. 130-216 (140-141).

³¹⁴ Gun fhios cò chuir am fonn ris an òran, tha cuideachd cothrom ann gun do thaghadh òran Eachainn MhicChoinnich, 'Mo Chailin Dileas Donn', a dh'aona-ghnothach is an t-òran a' togail air fadachd a' bhàird ri nighean is e air àird a' chuain. Gillesbuig Mac-na-Ceàrdadh, *An t-Òranaiche; No Co-thional taghte do Òrain ur agus shean; a' chuid mhòr dhiubh nach robh rianh roimhe ann an clò* (Glaschu, 1879), tdd. 441-442.

³¹⁵ Tha fhios co-dhiù gum b' e duine a bh' ann an I.C. is loidhne ann an òran eile a rinn e an Aotearoa, 'Nuair a b' àbhaist dhomh bhith buachailleachd laogh', a' toirt fianais air a' sin, 'Their a chailleach nuair dh'osglas i 'n doras / "Mind boy rub your feet on the bass."' *Oban Times*, 4 an Dàmhair 1873, td. 2.

Mapa 1: Motatapu, Otago³¹⁶



Coltach ri Mac’Ille-Mhaoil, ghabh I. C. cuideachd an cothrom meòrachadh air aithne phearsanta agus eòlas imrich na chuid bhàrdachd. A-rèiste, tha an dàn, ‘Comhnatha [sic] eadar “cailleach” ’s an t-ughdair’ a’ togail air dualchas agus dùthchas a’ bhàird is iomraidhean air a’ Chaillich Bheurra, aghaidh na tìre, agus ainmean-àite Earra Ghàidheil pailt ann.³¹⁷ Dhealbhaich I. C. cuideachd clàr an cèin den dualchas is dùthchas dhan do bhuin e. Bheir sinn cuideachd fa-near dhan t-seòrsa rèiteachaidh a tha suaicheanta do litreachas ioma-chultarail Astralàisia san rann a leanas,

Ciamar ’s urrainn duita ’m bacadh
’S achadh bho na h-uachdrain ac’
Tha pailteas airgoid ac ’s or
’S gheibh iad seo air t-fhuadachadh,
Thig carbad iarinn ’s e cuir smuid dheth
’S e ni bhuirich uamhasach
Cuireadh e cinnteach as do bheachd thu

³¹⁶ Topographical Services, Land Information New Zealand, *Motatapu, Otago*, sgèile 1:50,000/Topo50 agus 1:250,000/Topo250 (Wellington, 2009), <https://www.topomap.co.nz/NZTopoMap?v=2&ll=-45.904225,168.71069&z=9> [ruigte 01.06.2024].

³¹⁷ *Oban Times*, 2 an t-Samhain 1872, td. 2.

Ma dhfhannus thu sna bruachan so.³¹⁸

Tha an rann seo a-mach air adhbharan eilthireachd a' bhàird agus na h-uaislean a rinn cron air tìr is tuath len sannt, aintighearnas, agus calpachas. Bha an cron sin cho mòr nach robh e an comas do chuid mhath den t-sluagh fuireach an Earra Ghàidheal. Bithear mothachail, ge-tà, gun do ghabh I. C. fhèin àite nan coigreach aig an robh, 'pailteas airgoid ac' 's òr,' sa cholonaidh. Bhuin e don cheart rìoghachd a rinn cron air aghaidh na tìre le bhith a' togail rathaidean, a' leagail chraobhan, agus a' cur bacadh air Māori cas a chur air fearann an sinnsearan. Gu dearbh, thog na mèinneadairean tuil-dhorasan agus tunail tro shreath de na beanntan ann am Motatapu – no sna '*Motatapu Diggings*'. Dh'atharraich iad aghaidh na tìre agus theagamh gum b' e an t-atharrachadh sin a chuir an dàn, 'Comhnath eadar "cailleach" agus 's an t-ùghdair', an cuimhne I. C.. Mus do ràinig an luchd-colonach gleann Motatapu, bhiodh muinntir Ngai Tahu a' siubhal na glinn gu bitheanta air tòir biadh.³¹⁹ Chan eil fhios an robh am bàrd aineolach air buaidh a làthaireachd agus a ghnìomhan an Aotearoa. Mas e is gun robh, tha brìgh dhà-sheaghach air an dàn is na rannan a' toirt cothrom do I.C. aithne ioma-fhillte mar fhògarrach, in-imriche, agus neach-colonach a sgrùdadh is a cheasnachadh.

Bheirear fa-near don cheart chleas dà-sheaghach sin ann an òran a rinn am Morbhairneach, Donnchadh Mac a' Phearsain (c.1865-1931), an Otago, Aotearoa, sna 1880an. Bhuin teaghlach Mhic a' Phearsain dha Àrd nam Murchan o thùs ach chaidh fhuadachadh sna 1860an leis an uachdaran-fearainn, James Riddell (1787-1861). Mar thoradh air sin, rugadh agus thogadh am bàrd ann an Rathuaidhe. Thog e air a dh'Aotearoa sna 1880an is e a' leantainn bràithrean athar, Uisdean agus Donnchadh Mac a' Phearsain.³²⁰ Fhuair e obair an toiseach aig an stèisean-caora, 'Morven Hills', ann an Otago mus do cheannaich e stèisean bràthair athar, Uisdean Mhic a' Phearsain, 'Mount Aspiring Station', faisg air Pembroke, Otago, ann an 1899.³²¹ B' ann aig stèisean 'Morven Hills' a rinn e an t-òran, 'Oran ur mu sgrìos nan Croitearan', ann an 1884.

318 Ibid.

319 *Otago Witness*, 2 Gearran 1893, td. 44. Airson barrachd fios air Motatapu, feuchaibh, *Otago Witness*, 26 Giblean 1873, td. 16.

320 *Oban Times*, 24 am Faoilleach 2019, tdd. 16-17.

321 'Significant events in local history', Upper Clutha Historical Records Society Inc., <https://www.uppercluthahistory.org/timeline/> [ruigte 18.09.2023]. Cha b' e teaghlach Mhic a' Phearsain a stèidhich is a dh'ainmich an stèisean is Iain MacGilleathain an sealbh air ann an 1873. Feuchaibh, *Mount Ida Chronicle*, 17 am Faoilleach 1873, td. 3.

Mapa 2: Mount Aspiring, Morven Hills, agus Dunedin, Otago³²²



Ann an co-theacsa na h-Alba, far an do chuireadh an t-òran an clò, tha coltas breitheach is toiniseil air na rannan is Mac a' Phearsain a' dol an sàs ann an cor is cruaidh-chàs nan croitearan Gàidhealach. Tha an co-theacsa colonach, air an làimh eile, a' cur brìgh dhà-sheaghach ris an òran,

Ged tha 'n duine bochd fo thàir,
Am beachdan àrd luchd uail ;
An inbhe mhòr, am bòsd 'san cliu,
Tha leams na mhasladh buan,
A liuthad gleann 'sa chuir iad fàs,
Le féidh an àite an t-sluaigh ;
'San tigh 's nach cuireadh iad an coin,
Tha n' croiteir bochd gun truas.

[...]

Gan aomadh ris a chladach leis,
Air sgeirean creagach cruaidh ;
Cuid an tigh-nam-bochd dol bàs,
'S na glinn as fheàrr gun tuath.
An rùn diomhair tha nam beachd,

322 Topographical Services, Land Information New Zealand, *Mount Aspiring, Otago; Morven Hills, Otago; Queenstown, Otago*, sgèile 1:50,000/Topo50 agus 1:250,000/Topo250 (Wellington, 2009), <https://www.topomap.co.nz/NZTopoMap?v=2&ll=-45.904225,168.71069&z=9> [ruigte 01.06.2024].

Cha 'n ann gu math an t-sluaigh ;
Seann daoine a chur a dh'àiteach.
Fearainn fàs thar chuan.³²³

Sgrìobh Mac a' Phearsain an loidhne, 'A liuthad gleann 'sa chuir iad fàs, / Le féidh an àite an t-sluaigh,' fhad is a bha e ag obair do neach-fastaidh a dh'fhàg glinn Otago fo chòmhdach chaorach. Cha b' urrainnear a ràdh gun robh Mac a' Phearsain mothachail air na cosmhaileachdan eadar cruaidh-chàs nan Gàidheal agus cruaidh-chàs nam Māori. Tha litir a sgrìobh e don phàipear-naidheachd sheachdaineil, *Otago Witness* (1851-1932), ann an 1913 a' cur mun aire dhuinn nach robh e mothachail air an dreuchd aige fhèin ann an tìr a' bhathas a' milleadh le colonachadh. 'S e litir ghearrain a th' ann a thogas air gnothach a thàinig gu bhith na dhùbhlàn do dh'iomadh tuathanaich an Aotearoa. B' ann gun robh t-eun dùthchasach, an kea, air tòiseachadh air tighinn beò air geir chaorach. Tha e sgrìobhte ann an aithris an *Otago Witness*, '[Mac a' Phearsain] says that it is difficult to convince some people that keas kill sheep, and he adds a phrase in Gaelic, which he has kindly interpreted, and which means "because they cannot see it."' ³²⁴ Chuir an Nuadh-Albannach, Iain Rothach, gearan cosmhail ri sin chun na h-irise Canèideanaich, *Mac-Talla*, à Whangarei, Aotearoa, aig deireadh na 19mh linn.³²⁵ Cha robh fios aig an aona chuid Rothach no Mac a' Phearsain gum b' iad tuathanaich Eòrpach coltach riutha fhèin a bu choireach gun do thòisich an kea ag ithe feòil nan caorach. Bha iad air cur às don lus gheireach, *totara*, air an robh an kea beò nuair a thòisich iad a' cur teine ris a' phreas (*bush*) an Aotearoa airson fearann uallachadh do dh'fheurach.³²⁶ B' ann ri linn sin a b' fheadar don kea feòil is geir chaorach ithe. Ma bha ainmhidh no lus ann a chuir bacadh air an luchd-tuineachaidh ann an dòigh air choreigin, rinneadh oidhirp cur às dha. Bha na Gàidheil ceart cho ciontach sa gnothach is a bha Eòrpaich eile agus, gu dearbh, cha robh guth aig Mac a' Phearsain air gnothaichean den leithid na chuid bhàrdachd. Gun teagamh, bha òran Mhic a' Phearsain gu tur freagarrach dha luchd-leughaidh an Alba a bha iad fhèin air buaidh colonachaidh fhiosrachadh air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan.

Tha an triùir bhàrd – Mac'Ille-Mhaoil, I. C., agus Mac a' Phearsain – a' dearbhadh cho cudromach is a bha foillseachaidhean Gàidhlig an Alba do Ghàidheil Astralàisia. Thug iad cothrom dhaibh am fèin-aithne Ghàidhealach a sgrùdadh, a cheasnachadh, agus a

323 *Oban Times*, 18 an Dàmhair 1884, td. 6.

324 *Otago Witness*, 29 am Faoilleach 1913, td. 68.

325 *Mac-Talla* 8:23 (An Dùbhlachd, 1899), tdd. 177-178.

326 Philip Temple, 'Kea: The Feisty Parrot', *New Zealand Geographic*, <https://www.nzgeo.com/stories/kea-the-feisty-parrot/> [ruigte 20.09.2023].

dhaingneachadh an cèin. Bha sin uile mar phàirt den rèiteachadh a b' fheudar dha na h-in-imrichean gabhail os làimh ann an àrainneachdan coimheach nan colonaidhean. Le bhith a' cuimhneachadh air tìr, teanga, agus tuath na seann dùthcha, bha e comasach dha Gàidheil an sgapaidh-shluaigh a bhith a' togail, '*a distinct community [...] by maintaining and transmitting a cultural and/or religious heritage derived from their ancestral home and symbols based on it.*'³²⁷ Gu dearbh, bha an lionra tar-nàiseanta riatanach airson cleasan dùthchasach a thar-aiseag dha na colonaidhean. Tha an sampall de bhàrdachd air an tugadh sùil a' toirt fianais air, co-dhiù, dà ghnìomh sluagh-sgapach: sùil ris an t-seann dùthaich agus glèidheadh chrìochan cinnidheach.³²⁸ Chan eil sùil ris an t-seann dùthaich ri ràdh, ge-tà, gun robh Gàidheil Astralàisia nam prìosanaich dha cianalas. Bheir an litreachas a chuir iad a dh'Alba, a bharrachd air an litreachas Albannach a leugh iad an cèin, fianais air an t-seòrsa sgapadh-shluaigh a bha na Gàidheil am meadhan dealbhadh an Aotearoa agus Astràilia. Thug an sgapadh-sluaigh sin cothrom don da chuid cleasan dùthchasach agus cleasan ùra a riochdaich eòlas imrich nan Gàidheil agus am beatha an cèin. Chì sinn fianais air a' sin sna briathran Gàidhlig ùra a chruthaicheadh an cèin agus cuideachd ann an tèaman litreachais a chaidh na h-in-imrichean an sàs annta a dh'aindeoin no air sàillibh nan colonaidhean.

Thèid coltas is crìochan an sgapaidh-shluaigh sin a sgrùdadh ann am barrachd doimhneachd ann an Caibideil a Dhà le taic litreachas na Gàidhlig ann am pàipearan-naidheachd colonach. Chì sinn fhathast gun robh na h-in-imrichean a' cleachdadh an lionra tar-nàiseanta sa chiad dol a-mach airson an cànan is dualchas a rèiteachadh ris an àrainneachd chèn-thìrich. Bheir sgrùdadh na h-ath chaibideil beachd dhuinn, ma-tà, air cleasan ùra a tha suaicheanta do litreachas na Gàidhlig an Astralàisia.

³²⁷ Safran, 'The Jewish diaspora in a comparative and theoretical perspective', td. 37.

³²⁸ Bueltmann et al., *The Scottish Diaspora*, td. 19.

Caibideil a Dhà: Pàipearan-naidheachd

“Cia tiamhaidh thu a ghleann Chaothainn! Gun ghuth ghadhair thu ’s gun cheòl.”
Ionnan sin ’s am pàipear so, air dhomh bhi a tionndadh nan duilleagan, ’s nach tachair
orm a dhealbh de’n chainnt uasail nadarra aig am bheil a dachaidh fo dhubhar nam
beann air taobh thall an t-saoghail.³²⁹

B’ iomadh duilleag a b’ fheudar dha na Gàidheil tionndadh mus do thachair iad air litreachas na Gàidhlig ann am pàipearan-naidheachd nan colonaidhean. A dh’aindeoin ’s gun tàinig uidheamachd chlà-bhualaidh a dh’Astràilia leis ‘a’ Chiad Loingear’ ann an 1788, cha do chuireadh pàipear-naidheachd an clò gu ruige 1803.³³⁰ Thug e còrr is trithead bliadhna a bharrachd mus do nochd litreachas na Gàidhlig ann am fear dhiubh is a’ chiad earrann a’ togail ceann sa pàipear, *The Colonist* (1835-1840), ann an 1838.³³¹ Bu choltach ri sin an suidheachadh an Aotearoa far an do chuireadh earrann Ghàidhlig an clò ann an 1863 agus, le sin, còrr is fichead bliadhna às dèidh don chiad pàipear-naidheachd, *The New Zealand Gazette and Wellington Spectator* (1839-1844), a bhith ga chur air bhog.³³² Chan eil teagamh ann gum bu mhòr a’ bhuaidh a bha aig an dàil sin air beatha nan Gàidheil is pàipearan-naidheachd air leth cudromach ann am beatha nan in-imrichean. Chuir iad naidheachdan fo an comhair a bha an eisimeil lìonraidhean ionadail am broinn nan colonaidhean a bharrachd air lìonraidhean tar-nàiseanta. Leig sin le in-imrichean dol an co-chomann le coimhearsnachdan seana is ùra agus, a-rèiste, rèite a dhèanamh leis na h-atharrachaidhean a bha air tighinn air am beatha.³³³ Tha criomagan beaga is mòra de sgrìobhaidhean Gàidhlig ann am pàipearan-naidheachd uile a’ toirt beachd dhuinn air a’ chaochladh dhreuchdan a bha aig cànan is dualchas nan Gàidheil ann an àrainneachdan ioma-chultarail nan colonaidhean. Ma bheirear sùil air an t-seòrsa litreachais Ghàidhlig a chlà-bhuail a’ chuid a bu mhotha de pàipearan-naidheachd, chithear gum b’ e litreachas a bh’ ann a bhrosnaich co-chomann. Tha na sanasan Gàidhlig a dh’fhoillsich grunnan pàipearan an Astràilia agus Aotearoa a’ toirt fianais air a’ sin. A bharrachd orra sin, chuireadh clò-bhualaidhean na bu sheasmhaiche an clò, mar eisimpleir colbhan a thug cothrom do luchd-leughaidh conaltradh ri chèile mar phàirt de cho-chomann nach robh cuingichte ri àite no àm

329 *Southern Cross*, 15 an Dùbhlachd 1894, td. 6.

330 B’ e an *Sydney Gazette* (1803-1842) a’ chiad pàipear-naidheachd an Astràilia. Webby, ‘The Beginnings of Literature in Colonial Australia’, td. 45. ‘S e a’ Chiad Loingear a thathas a’ cur air an aon bhàta deug a thàinig gu Astràilia leis a’ chiad bhuidheann de luchd-tuineachaidh Eòrpach ann an 1788.

331 *The Colonist*, 7 an t-Samhain 1838, td. 3. Tha rannsachadh a dhith airson dearbhadh ri cinnt gur i gairm Uilleim Mhic an t-Saoir a’ chiad earrann Ghàidhlig a nochd ann am pàipear-naidheachd Astràilia.

332 Nochd an earrann Ghàidhlig ann an *The New Zealand Herald*, 28 an t-Samhain 1863, td. 4. Jeb Byrne, ‘The comparative development of newspapers in New Zealand and the United States in the Nineteenth Century’, *American Studies International* 37:1 (An Gearran, 1999), tdd. 55-70 (56); Grant, *Lasting Impressions*, td. 11.

333 *Ibid.*, tdd. 23, 116.

àraid. 'S iad an dà sheòrsa sin – sanasan agus colbhan Gàidhlig – a tha fo sgrùdadh anns a' chaibideil seo. Às dèidh iomradh aithghearr air co-theacsa farsaing chlà-bhualaidhean Gàidhlig ann am pàipearan-naidheachd Astralàisia, thathas a' dol an greim an uireid bhig, ach ionmholta, de shanasan Gàidhlig a chuir Gàidheil an sgrìobhadh sna colonaidhean. Bheirear fa-near don dà chuid sanasan malairt agus sanasan iomairt agus mar a ghabh an dà sheòrsa sin brath air a' Ghàidhlig mar ro-innleachd margaideachd. Thathas an uair sin a' toirt for air trì pàipearan-naidheachd a chuir colbhan Gàidhlig an clò sna 1880an, 1890an, agus 1930an. Tha foillseachaidhean Astralàisia aig cridhe an sgrùdaidh seo on a bheir iad cleasan far comhair a tha suaicheanta do litreachas Astràilia agus Aotearoa.

2.1. Co-theacsa Astràilia

Tha coltas air gum b' ann sa *Colonist* a nochd a' chiad earrann Ghàidhlig a chuireadh an clò ann am pàipear-naidheachd Astràilia.³³⁴ 'S e gairm leis an Urr. Uilleam Mac an t-Saoir (1805-1870) a th' ann san do dh'iarr am ministear saor-chlèireach air Gàidheil Sydney, 'a chuid diu gu h-araidh d' an d' thug an Tighearna saibhreas,' airgead a thrusadh do dh'eaglais Ghàidhlig.³³⁵ Ann an ùine nach robh fada, thog barrachd earrannan Gàidhlig ceann ann am pàipearan-naidheachd a bhuin do bhailtean air feadh NSW, nam measg Newcastle agus Nowra a bharrachd air bailtean nas fhaide mu thuath leithid de Grafton, Coraki, Lismore, agus Maclean. Ged nach b' e ach criomagan beaga is neo-chunbhalach a chuireadh an clò, cha do dh'fhalbh deichead eadar 1860 agus 1920 gun aon earrann Ghàidhlig aig a' char a bu lugha nochdadh ann am pàipear-naidheachd NSW.

Gun teagamh, cha b' e NSW an aon cholonaidh san do chuireadh litreachas na Gàidhlig an clò ann am pàipearan-naidheachd. Le sùil air foillseachaidhean Gàidhlig ann am pàipearan-naidheachd Astràilia gu h-iomlan, chithear gu bheil an t-uiread as motha ann an NSW, Victoria, agus Van Dieman's Land/Tasmania.³³⁶ Tha nas lugha de dh'earrannan ann am pàipearan-naidheachd Queensland is iad sin uile, ma dh'fhaoidte, rin lorg ann am pàipearan-naidheachd na 20mh linne. Air a' mhodh cheudna, tha coltas air nach tug pàipearan-naidheachd Astràilia a Deas cothrom do dh'fhoillseachaidhean Gàidhlig gu ruige an 20mh linn. Ach b' ann a


³³⁴ *The Colonist*, 7 an t-Samhain 1838, td. 3. Bhuin am pàipear do Sydney, NSW.

³³⁵ Ibid.

³³⁶ Chaidh fèin-riaghladh a bhuileachadh air Van Dieman's Land leis an riaghaltas cholonach ann an 1856 nuair a chaidh ainm na colonaidh òige atharrachadh gu Tasmania cuideachd. Air sin, feuchaibh, Henry Reynolds, *A History of Tasmania* (Melbourne, 2012), td. 164.

chuireadh an uair sin uiread cho mòr de dh'earrannan Gàidhlig gu pàipear-naidheachd an Adelaide gun do thòisich am pàipear sin a' cur colbh Gàidhlig an clò eadar 1936 agus 1939.³³⁷

Mapa 3: Bho thuath gu deas: Lismore, Coraki, Maclean, Grafton, Newcastle, Sydney, agus Nowra, NSW³³⁸



Ge gann no anmoch na foillseachaidhean sin an taca ri foillseachaidhean Gàidhlig sna colnaidhean/stàitean eile, tha fhios gun robh Gàidheil ann an Astràilia a Deas agus cuideachd an Queensland ri sgrìobhadh sa Ghàidhlig ron 20mh linn. Tha an iris Ghàidhlig, *An Teachdaire Gaidhealach* (1857), à Tasmania a' toirt fianais air an dà chuid rosg agus bàrdachd Ghàidhlig a sgrìobhadh sna colnaidhean ud sna 1850an no fiù 's na bu tràithe.³³⁹ B' iad pàipearan-naidheachd Astràilia an Iar ach beag na h-aon phàipearan nach do chlà-bhuail litreachas na Gàidhlig sam bith, a rèir coltais. Ge-tà, thugadh iomradh cheana air na h-òrain Ghàidhlig a


337 Tha an colbh fo sgrùdadh air tdd. 170 ff.

338 NSW Topographic Map, NSW Government, sgèile 1:25,000, *Lismore, NSW; Coraki, NSW; Maclean, NSW; Grafton, NSW; Newcastle, NSW; Sydney, NSW; Nowra, NSW*, <https://portal.spatial.nsw.gov.au/portal/home/webmap/viewer.html?useExisting=1> [ruigte 02.06.2024].

339 Feuchaibh, *An Teachdaire Gaidhealach* 2, 2 am Màrt 1857, td. 5; *An Teachdaire Gaidhealach* 1, 1 an Gearran 1857, td. 8. B' ann ann an ceann a tuath NSW a bha Moreton Bay fhathast ann an 1857 ged a bhuin an t-àite-tuineachaidh don cholonaidh ùir, Queensland, bho 1859 air n-aghaidh. Airson barrachd fios air stèidheachadh colnaidh Queensland, feuchaibh, 'Creation of a state; Settlement', Queensland Government, <https://www.qld.gov.au/about/about-queensland/history/creation-of-state> [ruigte 19.02.2023].

chuir Seumas Mac`IlleMhaoil don *Oban Times* à White Feather, Astràilia an Iar, aig deireadh na 19mh linne. Maille ri sin, tha bàrdachd Iain Eàirdsidh MhicAsgaill a' dèanamh luaidh air beatha an Astràilia an Iar sna 1920an agus tràth sna 1930an.³⁴⁰ Tha seo a' sealltainn dhuinn gun robh Gàidheil ri sgrìobhadh anns a h-uile colonaidh, stàit, agus ranntair ged a thog na sgrìobhaidhean ceann aig amannan eadar-dhealaichte agus cuideachd ann am foillseachaidhean eadar-dhealaichte.

Mapa 4: Bho thuath gu deas: White Feather (Kanowna) agus Loch Varley, Astràilia an Iar³⁴¹



Thug sinn sùil cheana air cuid den bhàrdachd a rinneadh an Astràilia ged nach do chuireadh an clò sna colonaidhean i. A dh'aindeoin 's nach do nochdadh òrain is dàin den leithid do Ghàidheil ach tro shlighe phàipearan-naidheachd Albannach, tha coltas air gun do dh'fhàg cleasan colonach fhathast làrach air na sgrìobhaidhean sin. Chithear gu bheil bàrdachd

³⁴⁰ Iain Archie MacAskill agus Alick Morrison (deas.), *An Ribheid Chiuil; being the Poems of Iain Archie MacAskill, 1898-1933; Bard of Berneray*, Harris (Sruighlea, 1961).

³⁴¹ QTopo – online topographic maps, *Kanowna, Astràilia an Iar; Loch Varley, Astràilia an Iar*, <https://qtopo.information.qld.gov.au/> [ruigte 14.05.2024].

Sheumais Mhic'IlleMhaoil agus Iain Eàirdsidh MhicAsgaill na deagh eisimpleir air buaidh phàipearan-naidheachd Astràilia air cuspairean agus modhan litreachais. Bheirear fa-near don bhuidhe sin gu sònraichte sna h-òrain a rinn an dithis an Astràilia an Iar. B' e cleas a bh' ann dha pàipearan-naidheachd na colonaidh siaraich a bhith a' cur cuideam air comhairle mu choinneamh beatha sa cholonaidh.³⁴² Ghabhadh ri pàipearan mar fhuasgladh do dh'imcheist mhoralta na colonaidh is gnothaichean leithid de thuineachadh, àrainneachd na colonaidh, agus na tùsanaich fo dheasbad.³⁴³ 'S iad iomraidhean air tùsanaich Astràilia gu h-àraidh a tha gann ann an litreachas Gàidhlig a rinneadh is a sgrìobhadh sna colonaidhean fhèin. Chì sinn, ge-tà, gu bheil na beagan iomraidhean a tha againn gu minig à Astràilia an Iar. Theagamh nach e co-thuiteamas a tha seo on a bhrosnaich pàipearan-naidheachd na colonaidh cuspairean den leithid bhon fhìor thoiseach. Tha bàrdachd MhicAsgaill am measg nam foillseachaidhean a nì luaidh sgaiteach air tùsanaich mu thimcheall Lake Varley. Bheir an t-òran, 'Mi-chliu nan daoine dubha, 1930', blasad dhuinn air beachdan a' bhàird,

Tha daoine gnuadh 'gam chuartaich
Cho dubh ri sluagh Shliochd Aroin,
A dh'èirich suas mar bhuatharlain
A goirte chruaidh nam fàsach.

'Nuair nochd an treud 'nam ionnsaigh ann
Gun d' chaill mo lùs gun dàil mi,
'S an ceannard tairgse fùidse dhomh
'S murt 'na shùilean deàrrsach.

Dh'iarr e deoch is biadh orm
Gu socair fhaichte sàmhach,
'S e drannadh faobhar fhiacalan rium
A chriathradh mar a' chàth mi.

'Nuair sheall mi liad nan sgiathag dha
'S gun dlò nan sìol a' fàs dhuinn,
'S gun cuireadh iad fo fhiachan mi
Bhiodh snìomhte gu là-bhràth rium.

Gu robh mi sgìth ga thruaslionadh
'S am feasgar gruamach gearrte;

342 W. Bunbury, 'Newspapers and Literature in Western Australia, 1829-1859', *Westerly* 23:1 (Am Màrt, 1978), tdd. 65-83 (65, 67).

343 *Ibid.*, 68.

'S cha chumadh tu le buailtean iad
Bho theine guail 'nam àrdraich.³⁴⁴

Bha am bàrd air tuineachadh air oir Lake Varley às dèidh dha brath a ghabhail air sgèama in-imrich an Riaghaltais Ìmpireil ann an 1924. B' ann tron sgèama sin a fhuair MacAsgaill greim air 1,500 acair de dh'fhearann ceud mìle dhan ear air port Freemantle. A bharrachd air 160 acair a fhuair e an asgaidh, thugadh taigh, làraidh, each, agus cuideachd tùsanach a bha na sgalag dha don Hearach.³⁴⁵ Tha fhios gun do bhrosnaich pàipearan-naidheachd an Astràilia an Iar luchd-leughaidh dol an sàs ann am bàrdachd airson cnuasachadh air sochairean is dochairean na colonaidh. Cha do chuireadh bàrdachd MhicAsgaill an clò an Astràilia am-feasta agus cha do thog i ceann an Alba na bu mhotha mus do chaochail am bàrd leis a' ghreim ann an 1933. Tha e duilich a ràdh ciod a bhrosnaich an Hearach a chum bàrdachd a dhèanamh an cèin. Tha an còd cianalais follaiseach cha mhòr ann an gach òran a rinn e is fadachd mhòr aige air tìr àraich. 'S i a' cheist, ge-tà, an tug Astràilia an Iar agus an luach a chuireadh ann air bàrdachd threibhdhireach buaidh air na cuspairean a thig am bàrr ann am bàrdachd MhicAsgaill? A bheil fianais againn an seo air na dearbh chleasan a tha suaicheanta do litreachas ioma-chultarail Astràilia?

Chunnacas gnè bàrdachd eile ga ùr-stèidheachadh an Astràilia an Iar aig deireadh na 19mh linne: Bàrdachd nan Raointean òir (*Goldfield Poems*).³⁴⁶ 'S i a' bhàrdachd sin tè de na gnèithean litreachais a tha suaicheanta dha Astràilia. Thàinig i gu bith an Astràilia an Iar sna 1890an nuair a thàinig iomadh in-imriche gu raointean-òir na colonaidh air tòir fortain.³⁴⁷ Bha Seumas Mac'Ille-Mhaoil nam measg agus thuinich e sa bhaile-òir ùr, White Feather, uaireigin eadar 1894 agus 1897. Ged a b' ann an Alba a chuireadh bàrdachd Mhic'Ille-Mhaoil an clò, b' iad cleasan litreachais Astràilia a thug cruth is cumadh oirre. Tha an t-òran, 'An Cruadal a bh' ann', a' toirt fianais air a' sin,

Fhuair sinn 'an òrdugh ar piocaidean òrdach

³⁴⁴ MacAskill, *An Ribheid Chiuil*, td. 86.

³⁴⁵ Ibid., tdd. 51-53. Chan e amas an tràchdais seo an cruadal agus na dùbhlain a dh'fhiosraich Gàidheil an Astralàisia a chur an suarachas. Bha cùisean air leth duilich do MhacAsgaill a chaochail leis a' ghreim ann an 1933 às dèidh dha stri ri cianalas, droch thalamh, agus eaconamaidh chugallach eadar an dà Chogadh Mhòr. Chan eil math dhuinn dol às àicheadh, ge-tà, gun robh dreuchd aig Gàidheil an Astralàisia ann an siostam a rinn cron oillteil air tùsanaich. Le suil air Astràilia an Iar, tha clàr, 'Colonial Frontier Massacres in Australia, 1788-1930', a' toirt beachd dhuinn air an tomhas de lèir-sgrìos a rinn luchd-tuineachaidh Eòrpach air muinntir na dùthcha tron 18mh, 19mh, agus 20mh linn. Bha MacAsgaill, cuide ri iomadh Gàidheil eile, nam measg. Feuchaibh, 'Colonial Frontier Massacres in Australia, 1788-1930', <https://c21ch.newcastle.edu.au/colonialmassacres/map.php> [ruigte 16.11.2023].

³⁴⁶ Bunbury, 'Newspapers and Literature in Western Australia', td. 68.

³⁴⁷ Charles McLaughlin, 'Adventures in AustLit: The Goldfield Bards of Western Australia', *Westerly* 54:1 (An t-Iuchar, 2009), tdd. 133-137.

Gu cladhach an òir air feadh chòmhnaird is bheann,
'Séideadh le m' bhilibh mo shùilean a' sileadh
A' criaradh le rideil 'g a shireadh 's e gann.

Ceudan mu'n cuairt dhuinn a' cladach nam bruachan
A' bristeadh 's a' bruanadh bho chrualaich gu leann
A' saoil sinn gu'm buail iad cnapan is cnocan
De'n òr bhuidhe luachmhor 's e 'buaireadh an ceann.

Tha cuid a rinn stòras, tha ceudan 'chaill mòran,
Tha slàinte is sòlas 's an t-òr orra gann.
'S iomadh fear làidir dhìth dibhe 's e pàiteach
'N a shìneadh 's an fhàsach far an d' bhàsaich e fann.

Cha bheagan no bòilich 'rinn mi innseadh 'n am òran.
Nach 'eil e sgrìobht' ann an coireachan lotail fo bheann
Gu'n do bhàsaich ann mòran 'dhìth dibhe 'dol gòrach
Fo na coilltichean cròchdach 's gun chòmhladh dhoibh teann.³⁴⁸

Bhiodh Bàrdachd nan Raointean òir a' togail gu minig air an fhògradh agus a' bheatha chruaidh a dh'fhiosraich an luchd-tuineachaidh ann an '*outback*' Astràilia an Iar.³⁴⁹ Ge dubhach an cuspair, bhathar a' brosnachadh bàrdachd is rosg den leithid gu mòr is bhiodh pàipearan ann an White Feather, Coolgardie, agus Kalgoorlie fiù 's a' pàigheadh nam bàrd.³⁵⁰ Ge-tà, tha e follaiseach nach b' e bàrdachd Ghàidhlig a mhiannaich clò-bhualadairean is deasaichean. B' fheudar dha bàird leithid de Mhac'Ille-Mhaoil agus MhacAsgaill cumail orra a' cur an cuid bhàrdachd a dh'Alba ma bha iad airson a foillseachadh.

Chan eil an aona chuid pailteas no tearcad de dh'èarrannan Gàidhlig ann am pàipearan-naidheachd a' toirt beachd dhuinn air an tomhas de Ghàidhlig a bhathar a' sgrìobhadh, a' leughadh, agus a' labhairt sna colonaidhean. Tha sanas sa *Moonta Herald and Northern Territory Gazette* a' cur mun aire dhuinn gun robh a' Ghàidhlig am beul an t-sluaigh ged nach robh i ann am pàipearan-naidheachd an Northern Territory.

348 *Oban Times*, 24 am Màrt 1900, td. 7.

349 McLaughlin, 'Adventures in AustLit', td. 133.

350 Ibid.

TRAVELLER WANTED.
A Gentleman of Good Address to Solicit
Orders. One acquainted with the Gaelic
language preferred.

Tha fhios cuideachd gun robh Comann na Fèinne – a stèidhich Gàidheil Geelong, Victoria, ann an 1856 – gu mòr an sàs ann a bhith a’ brosnachadh agus a’ craobh-sgaoileadh litreachas sean is ùr na Gàidhlig. Tha gu leòr de dh’fhianais ann air bàrdachd Ghàidhlig neo-fhoillsichte a rinn buill a’ Chomainn, mar eisimpleir bàrd a’ Chomainn, Ossian Mac a’ Phearsain (1821-1875), neach-ionmhais a’ Chomainn, John Clarke (?-1904), agus ceannard a’ Chomainn, Alasdair Mac Dhòmhnaill (1833-1912). Ach a-mhàin iomradh air a’ bhàrdachd, cha do chuireadh gin dhith an clò ann am pàipearan-naidheachd Victoria.³⁵² Tha fiù ’s coltas air gun do sheachain pàipearan colonach a’ Ghàidhlig a dh’aona-ghnothach. Cha do rinn an *Geelong Advertiser* (1840-) ach luaidh aithghearr air eadar-theangachadh Gàidhlig a choisinn duais aig tè de na cofharpaisean eadar-theangachaidh a chuir Comann na Fèinne air dòigh aig deireadh na bliadhna 1896.³⁵³ Chunnacas dìofar mòr an Alba far an do rinn an *Oban Times* aithris air a’ cheart chofharpais a bharrachd air bhith a’ cur an eadar-theangachaidh shoirbheachail fhèin an clò.³⁵⁴ B’ e an *Oban Times* cuideachd a chuir bàrdachd Alasdair MhicDhòmhnaill, a bha uair na cheannard do Chomann na Fèinne, an clò. Tha a’ bhàrdachd sin air leth inntinneach on a tha i a’ cur dà ghnothach cudromach far comhair – a) bha coimhearsnachd Ghàidhealach an Geelong, Victoria; b) b’ i an ceart choimhearsnachd sin a bhrosnaich bàrdachd Ghàidhlig. Sgrìobh MacDhòmhnaill ann an ro-ràdh don òran, ‘Òran le Alastair MacDhòmhnuill (agus Samuel MacAulay) Geelong’,

To render the following verses more intelligible to the reader of Gaelic, let me explain that they were composed soon after my partial recovery from paralysis. Visiting my old friend, Mr Samuel MacAulay, also recovering from a severe illness, and not finding

351 *Moonta Herald and Northern Territory*, 30 am Faoilleach 1869, td. 1. Bhuin an Northern Territory do cholonaidh Astràilia a Deas eadar 1863 agus 1911.

352 Cardell et al., *Comunn na Feinne 1856-1946*, tdd. 14, 43; *The Border Morning Mail and Riverina Times*, 23 an t-Samhainn 1912, td. 5.

353 *Geelong Advertiser*, 27 an t-Samhain 1896, td. 2.

354 *Oban Times*, 10 an Dàmhair 1896, td. 2.

*him at home I wrote my name in chalk on his door-step. He, returning home and seeing it written in Gaelic, composed the first verse, and giving it to me a few days after, before I got out of bed, I added the other verses.*³⁵⁵

Chuir MacDhòmhnail naoi rannan a bharrachd ris an aona rann a bha MacAmhlaidh air dèanamh an toiseach. A dh'aindeoin 's nach robh pàipearan-naidheachd an Astràilia taiceil do litreachas na Gàidhlig, chùm na Gàidheil orra a' dèanamh agus a' sgrìobhadh bàrdachd agus rosg Gàidhlig. Rinn iad sin gu minig gun a bhith fiù 's an dùil ri cothroman foillseachaidh am broinn nan colonaidhean fhèin. Theagamh nach robh a leithid a dhìth co-dhiù on a bha cothroman gu leòr ann an Alba. B' fhiach e a' cheist a chur: An ann ri linn chothroman an Alba nach robh fèill air cothroman foillseachaidh an Astràilia fhèin? Fiù 's mura robh uiread de chothroman ann, tha sgrùdadh air co-theacsa phàipearan-naidheachd an Astràilia a' sealltainn dhuinn nach robh gainnead chulaidhean-brosnachaidh sna colonaidhean. Cha robh Gàidheil Astràilia fada peann a chur ri pàipear is chunnacas earrannan Gàidhlig a' nochdadh gu h-àraidh ann am pàipearan-naidheachd a bhuin do cholonaidhean an taobh an ear Astràilia, i. NSW, Victoria, agus Van Dieman's Land/Tasmania. Gann is gun robh sgrìobhaidhean Gàidhlig ann am pàipearan-naidheachd Astràilia a Deas agus Astràilia an Iar, chithear gun robh sgrìobhadairean is bàird fhathast fo bhuidh chleasan sgrìobhaidh a bha cumanta is fasanta sna colonaidhean sin. Bheir an còrr den chaibideil seo cothrom dhuinn dol am barrachd doimhneachd sna ceart chleasan sgrìobhaidh sin agus cuideachd sna h-adhbharan air cùl an cumantais is fasain. An toiseach, ge-tà, thoireamaid sùil aithghearr air co-theacsa phàipearan-naidheachd an Aotearoa feuch am faicear cosmhaileachdan agus eadar-dhealachaidhean ri pàipearan-naidheachd Astràilia.

2.2. Co-theacsa Aotearoa

An taca ri Astràilia, tha coltas air gun robh pàipearan-naidheachd an Aotearoa na bu bhuailtiche air earrannan Gàidhlig a chur an clò gu cunbhalach is gu seasmhach. Bheir an dà cholbh Gàidhlig a chuireadh an clò sna 1880an agus 1890an fianais air a' sin. Coltach ri Astràilia, thog cuideachd pailteas de chriomagan beaga de sgrìobhaidhean ceann ann an caochladh phàipearan-naidheachd ionadail is mòr-roinneil. Mar a bhite an dùil, tha beachd cuimseach math againn air criomagan a chuireadh an clò ann am bailtean agus sgìrean a thàlaidh mòran

³⁵⁵ Ibid., 15 an t-Sultain 1900, td. 7.

in-imrichean Gàidhealach san 19mh agus 20mh linn. A-rèiste, chunnacas iomadh earrann Ghàidhlig ann am pàipearan-naidheachd Otago is am mòr-roinn na prìomh cheann-uidhe do Ghàidheil air imrich gu Aotearoa.³⁵⁶ Ghabh mòr-roinn Otago a-steach roinn Otago fhèin agus roinn an Tìr a Deas tron chuid a bu motha den 19mh linn. Bu dòcha gum b' e meud na mòr-roinne a b' adhbhar gun robh barrachd phàipearan-naidheachd agus, le sin, barrachd fèill is chothroman ann do dh'fhoillseachaidhean Gàidhlig. Bha cuideachd co-chomann dùthchasach (*associational culture*) cuimseach làidir is buadhmhor sa mhòr-roinn is buill nan comann sin a' cur gu mòr ri fèill air litreachas na Gàidhlig.³⁵⁷ Tha a' chiad cholbh Gàidhlig ann am pàipear-naidheachd Aotearoa na shàr eisimpleir air a' sin. Chuireadh an colbh sin air chois le iar-cheannard Comann Gàidhlig Dhunedin (1881-1981), an Dr Iain Fionnlastan MacGillÌosa, ann an 1881 mar thaic do bhun-reachdan a' Chomainn. B' e a' chiad fhear dhiubh, '*To foster and perpetuate the Gaelic language and literature and the history and traditions of the Scottish Highlands*'.³⁵⁸ Air a' mhodh cheudna, bha buill Comann Gàidhealach an Tìr a Deas an sàs sa cholbh Ghàidhlig a chuir an *Southern Cross* air chois ann an 1893.

*Mapa 5: Invercargill, an Tìr a Deas, agus Dunedin, Otago*³⁵⁹

356 Tha imrich nan Gàidheal a dh'Aotearoa fo sgrùdadh aig Lenihan, *From Alba to Aotearoa*. Feuchaibh cuideachd, Wilson, 'Myth and Misunderstanding', gu h-àraidh tdd. 179 ff.

357 Buelmann, *Clubbing Together*.

358 'Scrapbook of historical memorabilia', AG-542/005, Cruinneachadh Hocken, Dunedin.

359 Topographical Services, Land Information New Zealand, *Invercargill, Southland; Dunedin, Otago*, sgèile 1:50,000/Topo50 agus 1:250,000/Topo250 (Wellington, 2009), <https://www.topomap.co.nz/NZTopoMap?v=2&ll=-45.904225,168.71069&z=9> [ruipte 14.05.2024].



Chithear san fharsaingeachd gun robh glèidheadh na Gàidhlig aig cridhe mòran de na comainn dùthchasach a chuir Gàidheil air chois an Alba agus san sgapadh-shluagh.³⁶⁰ Coltach ri Comann Gàidhlig Dhunedin, b' e prìomh bhun-reachd Comunn na Fèinne (1856-1946) an Geelong, *'The objects of this society are the cultivation and preservation of – I. Gaelic language and Highland nationality.'*³⁶¹ Chunnacas prìomhachasan cosmhail ri sin ann am bun-reachdan Comann Gàidhealach Antigonish (stèidhichte 1861) agus Comann Gàidhlig Toronto (stèidhichte 1880).³⁶² Air a' mhodh cheudna, b' e amas Comann Gàidhlig Natal an Afraga a Deas, 'Chum canain 's eachdraidh nam fear treun / A thoirt a buel (sic) a' bhais.'³⁶³ An taca ri sin, b' e prìomh bhun-reachd Comann Gàidhlig Lunnainn – an comann a bu shine den leithid – cuideam a chur air co-chomann agus co-luadar am measg Gàidheil Lunnainn.³⁶⁴ Tha na diofar phrìomhachasan a' toirt beachd dhuinn air na bha a dhìth air Gàidheil a rèir an àite anns an robh iad air còmhnaidh a ghabhail. Le sùil air Astralàisia, chithear gun robh na h-in-imrichean a' smaoinichadh air a' Ghàidhlig mar a' chlach-cheangail a bu chudromaiche eatarra.

³⁶⁰ Feuchaibh mar eisimpleir, 'Comunn Gailig Inbhir-Nis; Coimh-dhealbhadh', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* 1, tdd. iv, vi.

³⁶¹ *The Argus*, 4 an Dùbhlachd 1856, td. 6.

³⁶² 'Our History', <https://www.antigonishhighlandgames.ca/antigonish-highland-society/> [ruigte 24.10.2022] agus 'Ar n-eachdraidh & Amasan / Our History & Purpose', <https://www.gaelicsocietytoronto.com/eachdraidh--amasan--history--purpose.html> [ruigte 24.10.2022].

³⁶³ *The South African Scot* 2:7 (an Cèitean, 1907), td. 153. Mo thaing aig an leabharlannaiche, Beverly Angus, aig Oilthigh Baile a' Cheap an Afraga a Deas. 'S i a chuir sganaichean de dh'earrannan Gàidhlig às an iris, *The South African Scot*, thugam ann an 2019. Tha mi cuideachd an comain a' phrìomh-leabharlannaiche, Alexander D'Angelo, a chuir an conaltradh le Beverly mi.

³⁶⁴ Airson barrachd fios air sin, feuchaibh, Janice May Fairney, 'Highlanders from Home: The contribution of the Highland Society and the Gaelic Society of London to Gaelic Culture 1778-1914 (Oilthigh Dhùn Èideann: Tràchdas PhD neo-fhoillsichte, 2005), td. 21.

Gabhaidh grunnan phàipearan-naidheachd aithneachadh an Otago a bhiodh a' foillseachadh earrannan Gàidhlig, mar eisimpleir an *Otago Witness* (1851-1932), *Otago Daily Times* (1861-), *New Zealand Public Opinion, Sportsman and Saturday Advertiser* (1880-1893), agus an *Southern Cross* (1893-1920). Bhuin a' chuid a bu mhotha de na pàipearan sin do phrìomh-bhaile Otago, Dunedin, far an robh uidheamachd chlà-bhualaidh, luchd-obrach, agus luchd-leughaidh pailt.³⁶⁵ Chithear an coitcheannas nach do dh'fhoillsich ach pàipearan-naidheachd ann am bailtean mòra Otago –leithid de Dhunedin agus Invercargill – earrannan Gàidhlig gu bitheanta is gu cunbhalach. Mas e is gun do chuireadh earrann Gàidhlig an clò ann am pàipearan-naidheachd ionadail Otago air neo ann am pàipearan-naidheachd mhòr-roinnean eile, b' e criomag leis fhèin a bhiodh ann. Ge-tà, chan eil meud no bitheantas nan criomagan sin a' cur an luach is buaidh-san an lughad. Cuimhnicheamaid air rabhadh Ó Ciosáin nach eil e an-còmhnaidh comasach do sgrùdaidhean uimhireil beachd a thoirt dhuinn air cho prìseil is a bha litreachas am beachd an luchd-leughaidh.³⁶⁶ Mar eisimpleir, cha robh ach aon phàipear-naidheachd an Aotearoa air fad a dh'fhoillsich gearr-chunntasan Gàidhlig air seirbhisean Gàidhlig, sin an *Dominion* (1907-1934) a bhuin do Wellington.³⁶⁷ Bha leithid de gheàrr-chunntasan air leth prìseil don phailteas de Ghàidheil a bha sgapte air feadh Aotearoa agus air astar bho eaglaisean agus, gun teagamh, mhinistearan is sheirbhisean Gàidhlig. Air a' mhodh cheudna, cha b' e ach an *Daily Telegraph* (1881-1901), pàipear-naidheachd Hawke's Bay, a chuir gairm Comann Gàidhealach Hawke's Bay an rathad luchd-leughaidh sa Ghàidhlig.³⁶⁸ Mar a bu trice, bhite a' sgrìobhadh chunntasan is ghairmean do sheirbhisean Gàidhlig agus thachartasan nan diofar chomann sa Bheurla.³⁶⁹ Tha fhios, mar eisimpleir, gun do chuireadh seirbhis Ghàidhlig an gleus do Ghàidheil Wellington cho tràth ri 1841 ach b' ann sa Bheurla a bha i sin ga sanasachadh.³⁷⁰

*Dealbh 3: Sanas Comann Gàidhealach Hawke's Bay*³⁷¹

³⁶⁵ Noel Waite, 'Printers' Proof; The Dunedin Master Printers' Association, 1889-1894', *BSANZ Bulletin* 25:1&2 (2001), tdd. 17-42 (20).

³⁶⁶ Ó Ciosáin, 'The Print Cultures of the Celtic Languages, 1700-1900', td. 350.

³⁶⁷ *Dominion*, 11 an t-Samhain 1907, td. 8; *Dominion*, 18 an t-Samhain 1912, td. 4.

³⁶⁸ *The Daily Telegraph*, 21 an Cèitean 1895, td. 2.

³⁶⁹ Feuchaibh, seirbhis Ghàidhlig an Urr Chaimbeul an Hakura, Whangarei: *The New Zealand Herald*, 28 an Gearran 1881, td. 2; seirbhis Ghàidhlig an Urr. N. K. MhìllFhinnein an Auckland: *The New Zealand Herald*, 25 an t-Iuchar 1891, td. 5; seirbhis Ghàidhlig an Urr. Iain Rois an Turakina, Whanganui: *Wanganui Chronicle*, 6 an t-Iuchar 1867, td. 2; seirbhis Ghàidhlig an Urr. Iain Rois an Wellington: *Wellington Independent*, 3 an t-Samhain 1866, td. 4; seirbhis Ghàidhlig an Urr. Iain MhicNeacail an Dunedin, Otago: *Otago Witness*, 27 an Giblean 1861, td. 4; seirbhis Ghàidhlig an Urr. MhicAoidh an Invercargill, an Tir a Deas: *Southern Cross*, 16 an Gearran 1901, td. 2.

³⁷⁰ *New Zealand Gazette and Wellington Spectator*, 26 an t-Ògmhios 1841, td. 2.

³⁷¹ *The Daily Telegraph*, 21 an Cèitean 1895, td. 2.

Tha'n Comunn Gàidhealach a cuir gach ni n'orduigh airson an dannsa agus an cruinneachadh tha gu bhi aig no Gàidheal air feasgar di-haoine (latha breith no Bann-Rìgh) ann a Lùchairt - na - Saighdearan. Tha moran dé na tiacaidean ri falbh a' h-ùile latha, agus tha Luchd-dreuchd a' Chomunn a dianamh na h-ùile ni na'n cumbachd airson gu'm bith, h-oidhche shunndach agus chridheal aig na cailleagan 's na gillean oga. Tha sinn a chuintinn nach eil bodach no cailleach s'urrainn céam a dhianamh, nach bi air n' h-ùrlair-dàmhsa n h-oidhche ud. Bitheadh céol ann airson g'ach seorsa agus cinneadh, agus pailteas de'n ghaidhlig 's nithean math eile. Tha "cuireadh aig na h-nite fear thighinn chon n' bainne," agus tha e air iarraidh air g'ach fear agus té bhuinneas do "Thir-nam beann nan gleann s'dan gaisgeach" an cairdean a théirt combhla riu; co-dhiu bitheadh iad "Sassunnach" no "Eirinneach." Na, dianamh di-

no "Eirinneach." Na, dianamh di-chuimhne air feasgar di-haoine, séideadh an trombaid, agus togaidh a phiob-mhòr caithream aig ochd 'uaran. [The above refers to the Highland Society's ball, to be held on Friday next. We append this information for the benefit of those who have not been privileged to learn the language that was spoken in Paradise.]

Bha àireamh bheag de phàipearan-naidheachd ionadail an Otago a dh'fhoillsich earrannan Gàidhlig ged nach robh ruigheachd fhada is fharsaing aca. Cuiridh sin mun aire dhuinn gun robh luchd-tuineachaidh Gàidhealach nan àitichean-tuineachaidh beaga is dùthchail pailt is buadhmhor gu leòr airson fèill a bhith ann air foillseachaidhean Gàidhlig.³⁷² Tha pàipearan-naidheachd a bhui do bhailtean is chlachan beaga an Tìr a Deas, mar eisimpleir an *Western Star* (1873-1942) agus am *Mataura Ensign* (1883-1920), a' toirt eisimpleir dhuinn air a leithid.

³⁷² Airson beachd fhaighinn air luchd-tuineachaidh Gàidhealach ann an roinn Otago, gu sònraichte anns an Tìr a Deas, feuchaibh na leabhraichean a leanas, Miller, *Hokonui: The School and the People* (Invercargill, 1982); Trotter, *The McRaes of 'Braintra' Hokonui* (Invercargill, 1984); Stuart, *The Satyrs of Southland* (Gore, 1982).

'S e na dh'fhàgas na pàipearan eadar-dhealaichte is sònraichte gun do chuir iad sanasan reic an clò sa Ghàidhlig. Bheir clò-bhualaidhean den leithid dreuchd phragtaigeach na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan colonach am follais. A bharrachd air sanasan, bhiodh am *Mataura Ensign* agus an *Western Star* cuideachd a' foillseachadh ghairmean, litrichean, agus sgeulachdan traidiseanta a bha gu h-iomlan air neo gu ìre mhòr sa Ghàidhlig. Tha leithid de litreachas a' toirt fianais air na diofar raointean sòisealta anns an do ghabh a' Ghàidhlig cleachdadh. A dh'aindeoin 's nach do mhair na raointean sin ach fad tamaill, tha na sgrìobhaidhean a dh'èirich asta a' dearbhadh nach b' ann air adhbharan adhruidh agus fearas-chuideachd a-mhàin a chuireadh a' Ghàidhlig gu feum an Aotearoa.

Tha sùil air co-theacsa pàipearan-naidheachd Aotearoa a' sealltainn cho pailt is a bha foillseachaidhean Gàidhlig ann an àitichean-tuineachaidh far an robh co-chomainn dùthchasach làidir is seasmhach am measg nan Gàidheal. B' ann ann am mòr-roinn Otago gu h-àraidh a chuir pàipearan-naidheachd litreachas na Gàidhlig an clò is in-imrichean Gàidhealach lionmhor ann. Tha an ceangal aig cuid de na foillseachaidhean sin ri comainn Ghàidhealach a' cur air shùilean dhuinn cho cudromach agus, cha mhòr, riatanach is a bha cultar co-chomainn do chlà-bhualadh na Gàidhlig an Aotearoa. An taca ri Otago, bha pàipearan mhòr-roinnean eile na bu bhuailtiche criomagan beaga fhoillseachadh. Ged nach robh iad sin ceart cho pailt is cunbhalach, bha iad air leth feumail do Ghàidheil a bha sgapte agus, theagamh, às aonais cothrom air a' Ghàidhlig a labhairt, a leughadh, agus a chluinntinn. Tha an cuibhreann a leanas den chaibideil a' toirt sùil nas doimhne air gnè litreachais a bha gu mòr an eisimeil dhlùth-lionraidhean: sanasan Gàidhlig. Bheir sanasan ann am pàipearan-naidheachd sàr chothrom dhuinn prìomhachasan agus feumalachdan a sgrùdadh a tha suaicheanta do luchd-tuineachaidh Astralàisia.³⁷³ Chithear fhathast gun robh mòran de na sanasan Gàidhlig gu math pragtaigeach nan nàdar is iad a' feuchainn ris na h-in-imrichean Gàidhealach a bhrosnachadh gu grad-ghnìomh is grad-iomairt.

*Mapa 6: Bhuin an Western Star do Riverton, an Tìr a Deas, agus am Mataura Ensign do Mataura, an Tìr a Deas*³⁷⁴

³⁷³ Grant, *Lasting Impressions*, td. 20.

³⁷⁴ Topographical Services, *Invercargill, Southland; Riverton, Southland; Mataura, Southland*, <https://www.topomap.co.nz/NZTopoMap?v=2&ll=-45.904225,168.71069&z=9> [ruigte 14.05.2024].



2.3. Sanasan

Bha sanasan an coitcheannas cuimseach pailt ann am pàipearan-naidheachd Astràilia is Aotearoa. Tha rannsachadh Roderick Cave air foillseachaidhean colonach a' nochdadh dhuinn nach robh sin cumanta anns a h-uile ceàrn de dh'Ìmpireachd Bhreatainn. Mar eisimpleir, cha robh pàipearan-naidheachd nan Innseachan an Ear ceart cho buailteach air sanasan fhoillseachadh. B' ann a b' fheàrr leis an luchd-cholonach a bha air imrich ann lionraidhean malairt am Breatainn a chleachdadh an àite a bhith a' stèidheachadh lionraidhean ùra sna h-Innseachan. Leis cho eadar-dhealaichte is a tha an suidheachadh an Astràilia is Aotearoa, tha coltas air gun robh an luchd-tuineachaidh an Astralàisia a' feuchainn gun a bhith an eisimeil lionraidhean Bhreatainn agus, uaithe sin, seasamh fa leth bhon t-seann dùthaich.³⁷⁵ Tha am miann sin a' toirt fianais air an '*Australasianisation*' a thàinig air na colonaidhean bho na 1870an air n-aghaidh. Chan e a-mhàin gun robh cuid den luchd-tuineachaidh airson nàisean le eachdraidh, litreachas, agus traidisean nàiseanta a stèidheachadh, ach bha iad cuideachd gu mòr airson a bhith neo-eisimeileach bho Bhreatainn.³⁷⁶ Bha sanasan air leth freagarrach airson ro-innleachdan den leithid a thoirt gu buill on a bha iad stèidhichte air lionraidhean conaltraidh ùra.

³⁷⁵ Cave, 'Advertising, Circulation and Profitability', td. 3.

³⁷⁶ Nesbitt, 'Aspects of Literary Nationalism in Australia and New Zealand', td. 38.

Le sùil air na Gàidheil, tha rannsachadh Kidd a' toirt am follais dhuinn gun robh e a-riamh na chleachdadh do Ghàidheil na h-Alba sanasachadh bho bheul gu beul.³⁷⁷ Mar thoradh air sin, tha sanasan Gàidhlig cuimseach tearc ann am foillseachaidhean Albannach. Leis cho sgapte is a bha Gàidheil ann an colonaidhean Astralàisia, ge-tà, cha robh e comasach no goireasach cumail a' dol le modhan is cleasan a fhreagair air bun-structar sòisealta is eaconamach na seann dùthcha. Dh'fheumadh modhan ùra a fhreagair air cor an t-sluaigh agus na h-àrainneachd colonaich. Le sùil air sin, is beag an t-iongnadh gum b' iad pàipearan-naidheachd agus irisean an Canada a chuir àireamh nach beag de shanasan Gàidhlig an clò gu cunbhalach. Gheibh sinn eisimpleir air sanasan Gàidhlig sa *Bee* (1835-1838), *Mac-Talla* (1892-1904), agus *Fear na Ceilidh* (1928-1930).³⁷⁸ Cha robh na Gàidheil an Canada ceart cho sgapte is a bha iad an Astràilia agus Aotearoa ach b' fheudar dhaibh fhathast lionraidhean ùra a thogail a fhreagair air an dùthaich imrich.³⁷⁹

Ged nach tig sanasan Gàidhlig ann am foillseachaidhean Astralàisia idir an uisge na stiùrach don fheadhainn a chuir foillseachaidhean Canèideanach an clò, tha uimhir bheag agus luachmhor ann a nochd eadar 1830 agus 1920. Chuimsich na sanasan sin air gnothaichean a bhuin do na colonaidhean agus don luchd-tuineachaidh a-mhàin is am prìomh fheum a bhith a' brosnachadh Ghàidheil a chum gnìomh àraid. Gabhaidh dà sheòrsa sanas Gàidhlig aithneachadh ann an colonaidhean Astralàisia – a) sanasan malairt; agus b) sanasan iomairt. Tha susbaint agus stoidhle nan sanasan a' toirt beachd dhuinn air na bha fa-near do luchd-sanais agus na bha a dhìth air an luchd-tuineachaidh Ghàidheilach. Dh'fhaodadh a ràdh an coitcheannas gum b' e ro-innleachd mhargaideachd a bh' anns a' Ghàidhlig. Ghabh luchd-sanais brath air a' bhann shònraichte a bha aig Gàidheil ri an cànan màthaireil-san fiù 's ma bha iad air an comasan labhairt, sgrìobhaidh, agus leughaidh a chall. Gu dearbh, bha a' Ghàidhlig fhathast suaicheanta do dhualchas nan Gàidheil is i, ann am briathran Michael Newton, na, '*cultural cornerstone in its own right that transcended the ownership of any particular community that spoke it.*'³⁸⁰ B' ann a-mach air dreuchd na Gàidhlig an Ameireagaidh a Tuath a bha Newton an sin ach gabhaidh cosmhaileachdan faicinn ann an dreuchd na Gàidhlig an Astralàisia. Fhad is a bha a' Ghàidhlig fhathast na clach-cheangail do Ghàidheil a bha sgapte

377 Sheila Kidd, "Gaelic a recommendation": language and employment in the nineteenth-century Highlands', *Journal of Scottish Historical Studies* 40:2 (2020), tdd. 77-102 (80).

378 Kidd, 'The Scottish Gaelic Press', td. 352; Kenneth E. Nilsen, 'Some Notes on Pre-*Mac-Talla* Gaelic Publishing in Nova Scotia (with references to early Gaelic publishing in Prince Edward Island, Quebec and Ontario)', ann an Colm Ó Baoil agus Nancy R. McGuire (deas.), *Rannsachadh na Gàidhlig 2000* (Obar Dheathain, 2002), tdd. 127-140 (128-129); Airson eisimpleir air sanas dà-chànanach (Gàidhlig/Beurla) san iris, *Fear na Ceilidh*, feuchaibh, *Fear na Ceilidh* 1:1 (Am Màrt, 1928), duilleag-aghaidh.

379 Airson barrachd fiosrachaidh, feuchaibh, Stephen J. Hornsby, 'Patterns of Scottish emigration to Canada, 1750-1870', *Journal of Historical Geography* 18:4 (1992), tdd. 397-416 (412), Bueltmann et al., *The Scottish Diaspora*, tdd. 30-31.


380 Newton, *Seanchaidh na Coille*, td. 431.

air feadh Astralàisia, b' urrainnear cothrom a ghabhail air dilseachd agus gràdh nan Gàidheal dhi. Bheir sanasan Gàidhlig eisimpleir dhuinn, mar sin, air an dòigh san do chuir luchd-sanais 'linguistic devotion' nan Gàidheal gu feum airson malairt is iomairt a chur air chois agus an neart sna colonaidhean.³⁸¹

2.3.1. Sanasan Malairt

Thog an sanas-reic a bu tràithe a lorgadh san rannsachadh seo ceann an Van Dieman's Land air 6 am Màrt 1855.³⁸² 'S e sanas-reic do bhùth tàilleir John Philips agus Uilleam MhicFhearchair (1814-1880), 'Bùth Waterloo', ann an Sràid Liverpool, Hobart a th' ann.³⁸³ Chuireadh an sanas an clò san *Advertiser* fon tiotal, 'Naidheachd thaitneach do na Gàidheil ann an Van Dieman's Land'.

*Dealbh 4: Sanas Philips agus MhicFhearchair*³⁸⁴



³⁸¹ Ibid.

³⁸² *The Hobart Town Advertiser*, 6 am Màrt 1855, td. 3.

³⁸³ Thog an sanas ceann sa phàipear gu seachdaineil tron Mhàrt agus cuideachd aig toiseach a' Ghiblein. A dh'aindeoin 's gun tàinig na sanasan Gàidhlig gu crìch às dèidh sin, dh'fhàs an gnìomhachas na bu shoirbheachail is sanasachd sa Bheurla a' leantainn oirre gu deireadh nan 1850an.

³⁸⁴ *The Hobart Town Advertiser*, 6 am Màrt 1855, td. 3.

"Tha Ghailig Cruadallach cruaidh sgairteil,
 'Is ro thaitneach ann 'sa Ghaidhealtachd,
 An am triubhantais no gaisgeadh
 'Is si as deas-fhoclach 's an aite ud,
 Tha i ciuin an cuisibh fialaidh
 Chur an geill a briathribh bla,
 'Is tha i corr a sgoltadh riasain
 Chum daoine gun chiall chuir sambach."

A Luchd-Duthcha Ionmhuin'

Do bhrìgh gu bheil sibh a nis air
 fas caileiginn lionmhor ann 's an tìr seo,
 agus gur e miann gach neach a thuar
 arach ann an tìr nam beann, na n gleann,
 's n glac a bhi coimh-lionadh an t-shean
 fho-cail, "Clanna na n gael a gualabh a
 cheile," chunnaic mi fìor iomchuidh lab-
 hairt ribh ann am beagan bhriathribh cair-
 deil aig an am seo.

Bheir sibh os-near on rabhadh fhollai-
 seach, sa Bheurla, ann 's a Phaiper Naig-
 heachd seo, gun do dhealbh mi aonadh, a
 thaobh gnothaichibh a Bhuth seo, ri Mr
Ian Mac Illip, a bha o chionn ghaoid a
 reic amach, air shaor chunradh, an stoc
 do dh-Aodaichibh grinne, a cheannaich
 e o Mhorey agus a Brathairein, agus a
 tha nis air deanadh a suas inntinn air e
 fein a steidheachadh ann 's a bhaile seo.
 Air an aobhar sin bheir e toilleachadh
 ana-barrach dhomh air cul-taice fhaotinn,
 o am gu am, ann an ceannach an deadh
 bhathair a tha mi fein agus ma chompa-
 nach urramach a reic. Ged nach eil am
 Buth againn, thathast, cho mhòr as gun
 gleidh e an tomadas do dh aodaichibh bu
 mhiann leinn chuir ann, gidheadh, dheadh
 sibh aig gach am, am bathar air a dheò-
 sheorsachadh agus aig prìosein nis saoire
 na tigh eile ann 's a bhaile, maile, ris gach
 frithcaladh agus suairce is urra dhomh
 fein agus m-shear-cuideachaidh-Gaelach a
 bhuilleachadh.

Do bhrìgh gun do sheirbheisech mi
iomad bliadhna ann an Buth *Mr Robert-*
son, ann an sraid *Elizabeth*, tha mi aith-
nichte do mhòran duibh.

Is mi air seirbheisach,
fìor umhail,

UILLAM MAC FHEARROHAIK.

Buth *Waterloo*,

Sraid *Liverpool*,

Baile *Hobart*.

An ceud iatha don

Mhios Mhairt, 1855.

Cha do thaghadh rann le Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir (1724-1812) air thuairmse mar thoiseach tòiseachaidh don t-sanas. Nochd na briathran sa chiad dol a-mach na bha suaicheanta do dhùthchas agus dhualchas nan Gàidheal: a' Ghàidhlig. A-rèiste, chuir an rann an cuimhne an luchd-leughaidh na bha – no na bu chòir a bhith – prìseil agus, maille ri sin, na cheangail ri chèile iad. Ghabh an luchd-sanais brath air bàrdachd a' bhàird iomraitich airson '*conceptual bridge*' a thogail eadar rud a b' aithne do na Gàidheil – a' Ghàidhlig – agus rud a bha fhathast coimheach dhaibh. Saoilear gun robh an dà chuid am bùth agus cuideachd am modh conaltraidh – sanas Gàidhlig ann am pàipear-naidheachd colonach – coimheach dha na Gàidheil. Tha Michael Newton a' cur far comhair gun robh cuid de Ghàidheil an cèin buailteach air leithid de '*conceptual bridge*' a chur gu feum air adhbharan ro-innleachdail. 'S e sàr eisimpleir den chleas sin an leabhar, *Ceann-Iùil an Fhir-Imrich*.³⁸⁵ Chuireadh e sin an sgrìobhadh leis a' Pheairteach, Raibeart MacDhùghaill, a chum eilthreachd a Chanada a bhrosnachadh. Le bhith a' cur Gàidhlig air gnothaichean coimheach – leithid de dh'ainmean-àite, dh'ainmean pearsanta, bhriathran tùsanach – chuir e ann an co-theacsa cànanach is cultarail iad a b' aithne dha na Gàidheil. Chuidich sin, am beachd Newton, ann a bhith a' lùghdachadh iomagain is amharas nan eilthreach.³⁸⁶ Bha rud cosmhail ri sin fa-near do MhacFhearchair is Philips ach, an àite eilthreachd, bha iad airson malairt a bhrosnachadh agus lionra malairt a thogail a bhiodh, is ma dh'fhaidte, cho seasmhach is làidir ri, 'Clanna nan Gàidheal an guailibh a chèile.'

³⁸⁵ Robert M'Dougall, *Ceann-iùil an Fhir-imrich do dh'America Mu-thuath; The Emigrant's Guide to North America* (Glaschu, 1841).

³⁸⁶ Newton, *Seanchaidh na Coille*, td. 187.

Mapa 7: Baile Hobart, Van Dieman's Land/Tasmania³⁸⁷



Thathas cuideachd an dùil gum b' aithne do dh'iomadh Gàidheal an còd molaidh a chuir Donnchadh Mac an t-Saoir gu feum san òran, 'Moladh don Ghàidhlig 's don phìob mhòir, 's a bhliadhna 1783'. Chuireadh an còd molaidh gu feum an cèin airson co-chomann a thogail ann an àrainneachdan far an robh a leithid a dhìth air neo cugallach.³⁸⁸ Mar eisimpleir, le bhith a' cleachdadh an t-sluaigh-ghairm, 'gualann ri gualainn,' dh'iarr Philips agus MacFhearchair air an luchd-tuineachaidh seasamh ri chèile an aghaidh nàmhaid no cunnart coitcheann.³⁸⁹ Bhrosnaich iad Gàidheil Van Dieman's Land an seòrsa dìlseachd a nochdadh a tha Thomas Devine ag aithneachadh ann an dlùth-chomann armailteach nan Gàidheal o shean.³⁹⁰ Cuide ri

387 QTopo – online topographic maps, *Hobart, Tasmania*, <https://qtopo.information.qld.gov.au/> [ruigte 14.05.2024].

388 Iain MacAonghais, 'Gaelic Poetry in the Nineteenth Century' ann am Michael Newton (deas.), *Dùthchas nan Gàidheal: Selected Essays of John MacInnes* (Dùn Èideann, 2006), tdd. 357-379 (362).

389 Meg Bateman agus John Purser, *Window to the West* (Slèite, 2020), td. 206. Airson barrachd fios air cleachdadh na gairme ann an cathan, feuchaibh rannsachadh Ruairidh MhicIomhair air bàrdachd chogaidh na 18mh agus na 19mh linne. Ruairidh MacIver, 'The Gaelic Poet and the British military experience, 1756-1856' (Oilthigh Ghlaschu: Tràchdas PhD neo-fhoillsichte, 2018), td. 200.

390 Thomas M. Devine, *Clanship to Crofters' War. The social transformation of the Scottish Highlands* (Manchester, 1994), td. 5.

sin, tha Iain MacAonghais a' mìneachadh gun robh leithid de dh'ath-aithris air cleasan traidiseanta cudromach airson toirt air Gàidheil an cèin creidsinn gun robh an tìr dhan do bhuin na cleasan fhathast na h-aonadh chultarail.³⁹¹ Cho fad is a bha an t-aonadh sin slàn is seasmhach, ghabh e cleachdadh mar shlabhraidh a cheangail Gàidheil ri chèile is a neartaich an cor an cèin. Gun teagamh, thathas ag aithneachadh gnìomh sluagh-sgapach ann an sin. B' fheudar dha bhith comasach do na h-in-imrichean coimhead ris an t-seann dùthaich – far an robh an cuid dùthchais is dualchais fhathast slàn is coileanta – a chum aonadh cultarail a thogail an cèin.³⁹² Chuir MacFhearchair is Philips an sluagh-ghairm, 'gualainn ri gualainn,' gu feum airson an gnìomhachas a chur an neart is an còrr den t-sanas a' toirt fianais air feum ro-innleachdail na gairme,

Do bhrìgh [...] gur e miann gach neach a fhuair àrach ann an tìr nam beann, nan gleann, 's nan glac a bhith co-lìonadh an t-sean-fhacail, "Clanna nan Gàidheal an gualaibh a chèile," chunnaic mi fìor iomchaidh labhairt ri bhann ann am beagan briathraibh càirdeil aig an àm seo.³⁹³

Tha fhios gum b' fheudar dha MacFhearchair cleas a b' aithne do na Gàidheil a chur ris an earrainn leis cho coimheach is a bha sanas Gàidhlig ann an àrainneachd a bha gu mòr fo bhuaidh na Beurla. B' e, '*novel advertisement in this colony*,' a chuir an *Advertiser* ris an t-sanas is seo a' cur gu dearbhadh nach robh a leithid ann roimhe.³⁹⁴ Ach a-mhàin gearr-chunntas aithghearr den t-sanas sa Bheurla, cha do chuir deasaiche a' phàipeir càil eile ris. Bithear mothachail nach do ghabh an aona chuid an deasaiche no sgrìobhadair an *Advertiser* an cothrom tàir a dhèanamh air a' Ghàidhlig agus air luchd na Gàidhlig. Is math dh'fhaoidte gum b' e am pailteas de luchd-tuineachaidh Gàidhealach an Van Dieman's Land a b' adhbhar dha sin. B' an ceart lìonmhorachd sin a bhrosnaich MacFhearchair Gàidhlig a chur air an t-sanas sa chiad dol a-mach.

Gann is gu bheil cunntasan air beatha John Philips, tha fhios co-dhiù gun do ràinig MacFhearchair colonaidh Van Dieman's Land ann an 1836.³⁹⁵ A rèir coltais, bha e cuimseach aithnichte an Hobart is chuir e a chliù gu feum airson luchd-ceannaich Gàidhealach a thàladh do Bhùth Waterloo, 'Do bhrìgh gun do sheirbheisich mi iomadh bliadhna ann am Buth *Mr*

391 MacAonghais, 'Gaelic Poetry in the Nineteenth Century', td. 378.

392 Bueltmann et al., *The Scottish Diaspora*, tdd. 19-20.

393 *The Hobart Town Advertiser*, 6 am Màrt 1855, td. 3.

394 Ibid.

395 *The Mercury*, 1 an t-Sultain 1880, td. 4. Ged a b' e 'Ian Mac Illip' a bha aig MacFhearchair air Philips chan eil fhios am b' e Gàidheal a bh' ann air no an robh Gàidhlig aige. Tha na sanasan a sgrìobh Philips don bhùth uile sa Bheurla is chuir e 'Philips' annta uile. Feuchaibh, *The Hobart Town Advertiser*, 6 am Màrt 1855, td. 3.

Robertson, ann an sràid *Elizabeth*, tha mi aithnichte do mhòran duibh.’³⁹⁶ Bha Philips air dol an co-bhann le MacFhearchair aig toiseach na bliadhna 1855 leis cho measail ’s a bha an sluagh air MacFhearchair. Sgrìobh e ann an sanas a chuir e don *Hobart Town Advertiser*, ‘*I am desirous of gaining the immediate confidence of the Community, I have, therefore, secured the services of Mr W. McFarquhar, so many years in the House of Messrs. J & W Robertson; and so favourably known in this quarter.*’³⁹⁷ Cuiridh cuibhreann den t-sanas Ghàidhlig ro-innleachd Philips nas fhaide gu dearbhadh,

Dheadh [Gheibh] sibh aig gach àm, am bathar air a dheò-sheòrsachadh [dheagh-sheòrsachadh] agus aig prìsean nas saoire na taigh eile anns a’ bhaile, maille ris gach frithealadh agus suairce is urrainn dhomh fhèin agus m’ fhear-cuideachaidh Gàidhealach a bhuileachadh.³⁹⁸

’S e bhith a’ togail slabhraidh don choimhearsnachd Ghàidhealaich le taic an ‘fhir-chuideachaidh Ghàidhealaich’ a bha fa-near do Philips nuair a thug e fastadh do MhacFhearchair. Bhiodh Gàidheil a cheannaich aodach sa bhùth a’ nochdadh an dà chuid taic don ghnìomhachas agus cuideachd taic do dhuine den t-sliochd aca fhèin. Bheir an ro-innleachd sin mun aire dhuinn cho dlùth is daingeann is a bha co-chomann nan Gàidheal an Hobart sna 1850an. Gheibh sinn cuideachd beachd air nàdar agus structar a’ cho-chomainn sin ma bheir sinn sùil nas gèire air MacFhearchair agus a dhreuchd sa choimhearsnachd. Tha e follaiseach gun tug Gàidheil Van Dieman’s Land spèis is urram dha ri linn nan diofar iomairtean dùthchasach anns an robh e an sàs sna 1850an. Mar eisimpleir, chunnacas e a’ clàradh fhosgriobhaichean don iris cholonaich, *An Teachdaire Gaidhealach*, ann an 1856. Rinn e cuideachd oidhirp airgead a thrusadh airson clach-chuimhne do Dhonnchadh Bàn Mac an t-Saoir ann an 1859.³⁹⁹ Le sùil air gach uile iomairt anns an robh MacFhearchair an sàs, cha ghabhar iongnadh gum b’ ann tro shlighe MhicFhearchair agus shlighe na Gàidhlig a dh’fheuch an dìthis ri Gàidheil a thàladh.

Cha b’ e sanas Philips agus MhicFhearchair an aon fhear den t-seòrsa a thog ceann an Astràilia. Nochd sanas Gàidhlig eile do bhùth Pheadair MhicLeòid san *Sydney Morning Herald* (1842-

396 *The Hobart Town Advertiser*, 6 am Màrt 1855, td. 3.


397 *Ibid.*, 18 am Faoilleach 1855, td. 1.

398 *Ibid.*, 6 am Màrt 1855, td. 3.

399 *The People’s Advocate or True Friend of Tasmania*, 16 an Dàmhair 1856, td. 3; *The Tasmanian Telegraph*, 30 am Màrt 1859, td. 2.

1954) ann an 1871.⁴⁰⁰ Bha MacLeòid, a bhuin do Chille Chuimein o thùs, airson fàilte a chur air ‘muinntir na Gàidhealtachd’ tighinn don bhùth, ‘far am beil e a’ reic a stochd a tha air a thaghadh le mòr chùram aig prìsean glè reasantachd.’⁴⁰¹ Tha an sanas a’ tighinn gu crìch leis a’ ghairm, ‘Clann nan Gael an guilleadh a chèile.’ On a chuir MacLeòid cuideachd sanas Beurla ann am pàipear-naidheachd ionadail, an *Evening News* (1869-1931), gabhaidh coimeas dèanamh eadar na ro-innleachdan a chuir e gu feum do luchd-ceannaich Gàidhlig agus luchd-ceannaich Beurla.⁴⁰² Mar sin dheth, tha an sanas Beurla a’ cur cuideam air nàdar goireasach a’ bhùtha. Tha e a’ nochdadh fon tiotal, ‘*Important to Railway Travel*’, is e a’ moladh a’ bhùtha do luchd-siubhail a bha air an t-slighe don stèisean-trèana agus cuideachd bhuaithe. Eu-coltach ris an t-sanas Bheurla, chan eil an sanas Gàidhlig a’ toirt adhbhar sònraichte dha na Gàidheil tighinn gu bùth MhicLeòid ach a-mhàin gu bheil deagh phrìs is chàileachd air a’ bhathair agus gum b’ fheàrr, ‘Clann nan Gàidheal an gualainn a chèile.’ Dh’fhoghain a’ ghairm agus an t-iarrtas sin, a rèir choltais, airson na Gàidheil a bhrosnachadh a chum gnìomh.

*Dealbh 5: Sanas MhicLeòid*⁴⁰³



Tha cleachdadh bitheanta na h-abairte, ‘an gualainn a chèile,’ a’ cur air shùilean dhuinn cho buadhmhor ’s a bha brìgh shamhlachail na gairme. Le bhith ga cleachdadh, ghabh MacLeòid brath air suaicheantas air an robh lìonraidhean sòisealta stèidhichte o shean. Gun teagamh, tha ceist ann mun fheum a bha aig sanas Gàidhlig ma bha cuideachd fear Beurla ann. Ma bha sgilean leughaidh aig na Gàidheil, saoillear gun robh comas aca leughadh sa Bheurla. Ge-tà, tha sanas Philips agus MhicFhearchair a’ dearbhadh cho feumail is a bha an lìonra Gàidhealach aon uair is gun robh e ri làimh duine. B’ urrainnear a chur gu feum airson malairt agus iomairt

400 ‘S e araon Peadar agus Pàdraig a bha aig MacLeòid air fhèin sa Ghàidhlig agus Peter MacLeod sa Bheurla. Feuchaibh, *Evening News*, 29 an t-Sultain 1876, td. 2.

401 *The Sydney Morning Herald*, 8 an t-Iuchar 1871, td. 2.

402 *The Evening News*, 14 an Lùnastal 1871, td. 1.

403 *The Sydney Morning Herald*, 8 an t-Iuchar 1871, td. 2.

a bhrosnachadh am broinn agus taobh a-muigh nan colonaidhean. Tha MacLeòid an Sydney cuideachd na shàr eisimpleir air duine a chleachd an lìonra gu soirbheachail. Chuir an neach-bùtha sanas Gàidhlig a bharrachd san *Cumberland Mercury* (1875-1895) trì bliadhna às dèidh na ciad fhir.⁴⁰⁴ Thug an dàrna sanas cothrom don Abrach taing a thoirt dha na Gàidheil agus cuideachd bathar agus seirbhisean a' bhùtha a shanasachadh uair eile.

Dealbh 6: Dàrna sanas MhicLeòid⁴⁰⁵

Buth Mhicloid.

THA Pàdrùig Macleòid le uille chridhe toirt taing do luchd-dùcha agus do shluaigh na dùthaiche 's a choitchionnsa air son a chom-ain a chuir iad air a cheana lebhí ceannach a chuid bathair. 'Se dhàrachd innseadh dhoibh gu 'n oidhearpaich e air gach seòrsa biadhe us goireas a bhi aige na bhùtha agus gu 'n reic e iad sud gle shoar. Tha e mar an ceudna an déidh suidhaichainn a dheannadh, le am faòd muinntir aig am bheil an còmhnuidh air an dùthaich, gach seòrsa bathair eile, a thuilleadh air biadhannadh, a cheannach ùaithsa gus am bi iad lan riarichte. Faodaidh luchd gleidhaidh stòraichain, ma's ail leo an iarraidh air, litricheanna clo-bhuailte fhaotr in uaith, anns am bheil minn-chunntas air pris gach ni a tha aige r'a reic.

707, STRAID SHEORAI^S,
SYDNEY.

Tha an dàrna sanas a' toirt fianais air buaidh na Gàidhlig mar ro-innleachd mhargaideachd is am bùth fhathast a' dol ceithir bliadhna às dèidh na ciad sanais. Dh'fhaodadh fiù 's a ràdh gun robh piseach air tighinn air a' ghnìomhachas is MacLeòid a' reic bathar a bharrachd air biadh. On a chaochail MacLeòid san t-Sultain 1876 aig aois 35, cha ghabh mòran a bharrachd ràdh mu shanasachd agus shoirbheas bùth MhicLeòid.⁴⁰⁶ Tha fhios co-dhiù gun deach gu math leis a' ghnìomhachas fad tamaill is gun do chuir a' chiad sanas ris an t-soirbheas sin.

Air adhbharan iomlanachd, feumar cuideachd iomradh a thoirt air an aon sanas malairt a lorgadh nach do ghabh brath gu follaiseach air dìlseachd, gràdh-dùthcha no co-chomann nan Gàidheal. 'S e gun do sgrìobhadh an sanas sa Ghàidhlig an aon ro-innleachd a chuir an neach-

⁴⁰⁴ *The Cumberland Mercury*, 23 am Faoilleach 1875, td. 3; *Ibid.*, 30 am Faoilleach 1875, td. 3.

⁴⁰⁵ *Ibid.*

⁴⁰⁶ *The Evening News*, 29 an Sultain, 1876, td. 2.

sanais gu feum, a rèir coltais. Nochd e ann am pàipear-naidheachd Invercargill, *Southland Times*, dà thuras san Dùbhlachd 1882 is e a' tairgsinn leasanan pìobaireachd. Chan e ach dà loidhne a chuireadh fa chomhair an luchd-leughaidh, le fios aithghearr air 'Pìobaireachd airson sean is òg. Moir, Johnson & Co'.⁴⁰⁷ Ged a tha luchd-seilbh an taigh-bathair ciùil gan ainmeachadh san t-sanas, chan eil guth ann air ùghdar an t-sanais no neach-teagaisg nan leasanan. Cha ghabh sanasan Gàidhlig air neo Beurla a bharrachd lorg airson leasanan pìobaireachd aig taigh-bathair Moir, Johnson & Co. Bitheadh sin mar a bhitheadh, tha diofar mòr ann eadar an sanas sin agus a' chuid as motha de na sanasan eile a dh'fheuch ri bathar no seirbhis a reic le taic ceangal an luchd-tuineachaidh Ghàidhealaich ri an cànan, dualchas, agus co-chomann. Is math dh'fhaoidte nach robh barrachd ro-innleachdan a dh'fhàid air an neach-sanais on a bha lionra seasmhach de luchd-ceannaich (oileanaich pìobaireachd san t-suidheachadh seo) ri làimh mar-thà. Theagamh gu bheil rannsachadh Jenny Coleman air ceòl pìobaireachd an Tìr a Deas, Otago, agus Canterbury a Deas a' cur na baraile sin gu dearbhadh. Tha fhios, ma-tà, gun robh Gàidheil air an traidisean pìobaireachd a chumail a' dol ann an Tìr a Deas. Chan e a-mhàin gun do ghlèidh iad an traidisean, tha sgrùdadh Coleman cuideachd a' toirt fianais dhuinn gun do chuir na h-imrichean Gàidhealach an traidisean am meud, '*as a response to migration trauma.*' A-rèiste, leig iad cuideachd le boireannaich seinn air a' phìob ach an gabhadh an dileab cumail beò.⁴⁰⁸ O nach eil an sanas a' cuingealachadh nan leasanan ri balaich, is math dh'fhaoidte gun nochd e dhuinn fianais air a' chleas ùr, cholonach sin.

Tha coltas air nach b' iad luchd-labhairt na Gàidhlig a-mhàin a ghabh brath air a' Ghàidhlig airson bathar is seirbhisean a shanasachadh. Tha buaidh a' chànain mar ro-innleachd reic a' tighinn am follais gu h-àraidh ann an sanasan le gnìomhachasan aig nach robh ceangal làidir ri coimhearsnachdan Gàidhealach Astralàisia. On a bhiodh na gnìomhachasan sin a' sanasachadh tro mheadhan na Beurla mar a bu trice, saoillear gun do chleachd iad sanasan Gàidhlig air adhbharan ro-innleachd. Mar sin, ghuidh George Beresford MacKay, neach-seilbh an Grand Hotel Hastings ann an Hawke's Bay, 'La Nuilig Chridheil agus Bliadhna Mhath Ùr dhuibh,' do mhuinntir Hawke's Bay suas chun an 10mh latha den Mhàrt 1911. Bha an còrr den t-sanas ann am Beurla.⁴⁰⁹


⁴⁰⁷ *The Southland Times*, 20 an Dùbhlachd 1882, td. 2; *Ibid.*, 22 an Dùbhlachd 1882, td. 2.

⁴⁰⁸ Coleman, 'Transmigration of the *Pìob Mhór*', td. 89.

⁴⁰⁹ *Hastings Standard*, 10 an Dùbhlachd 1909, td. 5; *Hawke's Bay Tribune*, 10 am Màrt 1911, td. 10.

B' e sin cuideachd ro-innleachd an Don Tailoring Company a stèidhich fear Hyde an Dunedin, Otago, ann an 1885.⁴¹⁰ Nochd trì sanasan Gàidhlig don ghnìomhachas san *Otago Daily Times* (1861-1950) eadar am Màrt agus an t-Samhain 1898.⁴¹¹

*Dealbh 7: Sanas an Don Tailoring Company 1898*⁴¹²



Chan eil mòran fiosrachaidh a bharrachd againn air Mac an Tòisich. Saoilear gum b' e neach-obrach Gàidhealach a bh' ann don chompanaidh is gum b' esan a sgrìobh an sanas. Coltach ri Philips am Baile Hobart, chuir an Don Tailoring Company neach-obrach Gàidhealach gu feum airson cuimseachadh air luchd-ceannaich àraid. Bha tàillearan agus bùithtean tàillearachd air leth pailt an Dunedin mun àm sin is tha cothrom ann gum b' e co-fharpais eatarra a bhrosnaich an sanas Gàidhlig.⁴¹³ Chithear gun robh a' chiad sanas a chraobh-sgaoil an gnìomhachas tàillearachd cuimseach pearsanta is e a' tòiseachadh leis a' ghairm aithnichte, 'Gualainn Ri Gualainn.' Bhathar airson slabhraidh a thogail dha na Gàidheil tro shlighe na Gàidhlig feuch am b' urrainnear brath a ghabhail air an cuid dìlseachd do an càirdean is caraidean Gàidhealach sa Don Tailoring Company.

Tha sanasan dhan 'Tì Hondai Lanka' a' toirt eisimpleir eile dhuinn air gnìomhachas a ghabh brath air a' Ghàidhlig mar ro-innleachd reic. Dh'fhoillsich am *Mataura Ensign* (1883-1920) agus am *Western Star* (1873-1942) na sanasan Gàidhlig eadar an Dùbhlachd 1899 agus am Màrt 1900. Ghuidheadh don luchd-leughaidh, 'Nollaig aighearach agus Bliadhna mhath ùr do gach aon an Southland.' Coltach ri sanas George Beresford MacKay, thugadh beannachdan na

410 *Oamaru Mail*, 4 an t-Samhain 1885, td. 1.

411 *Otago Daily Times*, 22 am Màrt 1898, td. 5; *Ibid.*, 23 am Màrt 1898, td. 5.

412 *Ibid.*, 23 an t-Samhain 1898, td. 3.

413 *Otago Daily Times*, 4 am Màrt 1899, td. 2.

Nollaig agus na Bliadhn' Ùire don luchd-leughaidh gu ruige 15 am Màrt 1900.⁴¹⁴ Bha e na chleas àbhaisteach don ghnìomhachas sanasan a sgrìobhadh a fhreagair air buidheann àraid de luchd-ceannaich. A-rèiste, chuimsich cuid air boireannaich Èireannach, cuid air luchd na Beurla Gallda, agus cuid eile air na Breatannaich san t-seann dùthaich agus sna colonaidhean.⁴¹⁵ Ged nach robh an sanas Gàidhlig ceart cho caochlaideach 's a bha na sanasan Beurla, bha e fhathast innleachdail is e a' togail air eòlas dùthchasach nan Gàidheal.

*Dealbh 8: Sanas MhicCoinnich*⁴¹⁶

NOLLAIG aighearalb agus Bliddna
 mbath ur do gaeh aon an **SOUTHLAND**
 Is coma leam buntata carrach on nach
 faighiwin im orra, agus coma learn **TEA**
 sam bith mar a faigh mi Hondai Lanka a
 cbeonn gu bheil **MACKENZIE** Hondai Lanka
 n'as fear'r na Tea sile anns a duthaich.

'S e port-a-beul a th' ann an 'Is coma leam buntata carrach' a tha aithnichte an Uibhist a Deas agus cuideachd am Barraigh. Tha fianais ann gun do ghabhadh e cuideachd an Ceap Breatainn, Canada, gu ruige an 20mh linn.⁴¹⁷ Saoilear gum b' e duanag a bh' ann a bhiodh cuid de na h-in-imrichean ag aithneachadh bho shean. Mar thoradh air sin, bhiodh i air cuimhneachan a dhùsgadh annta a chuir an cuid dilseachd don Ghàidhlig agus ghnòthaichean Gàidhealach sa cholonaidh an neart. Coltach ri suaicheantasan eile, mar eisimpleir a' ghairm 'gualainn ri gualainn', chuir an duanag an cuimhne nan in-imrichean cò an dualchas agus an sluagh dhan do bhuin iad.⁴¹⁸ On a dhealbhaich an neach-sanais tionndadh den duanaig a thog araon air gnothach dùthchasach agus gnothach ùr, colonach, ghabh e cothrom air ro-innleachd na drochaide bun-bheachdail (*conceptual bridge*). Chuidich an drochaid sin le bhith a' cur às do

414 *The Western Star*, 15 Màrt 1900, td. 4.

415 *The Ashburton Guardian*, 29 an t-Iuchar 1899, td. 2; *The Ashburton Guardian*, 13 am Faoilleach 1900, td. 1; *The Evening Star*, 24 am Màrt 1900, td. 2.

416 *The Western Star*, 18 am Faoilleach 1900, td. 2.

417 Margaret Fay, Shaw, *Folksongs and folklore of South Uist* (Dùn Èideann, 1999), td. 195; "'S Coma Leam Buntata Carrach', air a ghabhail le Nan MacKinnon ann an Bhatarsaigh (1958), *Tobar an Dualchais*, http://www.tobarandualchais.co.uk/en/fullrecord/105133?backURL=/en/search%3Fpage%3D1%23track_105133 [ruigte 26.03.2021]; 'Coma leam buntata charach', air a ghabhail le Josie MacNeil (1975), Item T-1105, Dunvegan and Big Pond Gaelic Songs, Beaton Institute, Sydney, Alba Nuadh, Canada, <https://beatoninstitute.com/t-1105> [ruigte 26.03.2021]. Chuireadh an duanag cuideachd an clò an Alba ann an 1935 san iris, *An Gaidheal*, fon tiotal, 'Sean Chleasagan agus Dhuanagan Gàidhlig air son Naoidheanan agus Cloinne Bige'. Feuchaibh, 'Sean Chleasagan agus Dhuanagan Gàidhlig air son Naoidheanan agus Cloinne Bige', *An Gaidheal* 31:2 (an t-Samhain, 1935), td. 25.

418 Bha a' ghairm, 'gualainn ri gualainn', cuideachd na pàirt de dh'iomairt sanasachadh na companaidhe. Ge-tà, chaidh a cleachdadh ann an sanas Beurla agus mar shamhla do cho-chomann sluagh Bhreatainn agus sluagh Ìmpireachd Bhreatainn. *The Evening Star*, 24 am Màrt 1900, td. 2.

mhì-chinnt agus amharas nan in-imrichean Gàidhealach mu choinneamh ghnòthaichean coimheach a leithid MacKenzie, a chuid ghnìomhachais, agus Tì Hondai Lanka.

2.3.2. Sanasan Iomairt

Fada mus do thòisich Gàidheil is luchd-tuineachaidh eile a' gabhail cothrom air a' Ghàidhlig airson bathar a reic, bhathar air sanasan agus gairmean a sgrìobhadh sa Ghàidhlig do dh'iomairtean. 'S i an eisimpleir as fheàrr, theagamh, a' chiad fhoillseachadh Gàidhlig a tha againn à pàipear-naidheachd Astràilia, 'Litir a chum na Gaidheal a tha chomhnuidh san tìr so. – A chuid diu gu h-araidh d' an d' thug an Tighearna saibhreas.'⁴¹⁹ Sgrìobh am ministear saor-chlàireach, Uilleam Mac an t-Saoir, an litir ann an 1838 airson airgead a thrusadh an Sydney do dh'eaglais Ghàidhealach. A chum sin a choileanadh, chleachd e diofar ro-innleachdan feuch an gabhadh Gaidheil a' bhaile piobrachadh gu gnìomh. Mar eisimpleir, thog Mac an t-Saoir air goireasan spioradail a bha ann do choimhearsnachdan eile ged a bha na ceart ghoireasan a dhìth air na Gàidheil,

Tha na Goill a' togail eaglaisean air gach làimh; agus tha seo na adhbhar gàirdeachais: ach bhithheadh e na adhbhar bròin agus na mhasladh nam bitheadh na Gàidheil, aig a' cheart àm, cho beag fialaidheachd, cho beag gràidh do Dhia agus do dhaoine, agus nach togadh iad a h-aon. Ach cha tachair so; thàinig cuid a cheana air an aghaidh, agus tha mi cinneach gu 'n d-thig càch, eadhon tuille agus a dh-fheumar.⁴²⁰

Feumar a ràdh nach b' ann le nàimhdeas a rinn Mac an t-Saoir coimeas eadar na Gàidheil agus na Goill. Bha e fèir a' togail air goireasan a bha ann do dh'imrichean eile ged a bha iad a dhìth air na Gàidheil. Chunnacas a leithid roimhe an Canada ann an earrann a dh'fhoillsicheadh san iris Chanèideanaich, *Mac-Talla*. Le bhith a' togail air an teircead de dh'fhoillseachaidhean Gàidhlig a bha rim faotainn an Canada, thog an deasaiche, MacFhionghain, air an uimhir de phàipearan-naidheachd a bha ri làimh nam Frangach agus nan Gearmailteach. Chuir e fa chomhair nan Gàidheal, 'Nach eil e ma-tà na mhasladh do Ghàidheil Chanada nach eil iad a' cumail suas aon phàipear nan cainnt fhèin [...] cainnt air a bheil mòran a' dèanamh dimeas do bhrìgh nach eil eòlas aca oirre.'⁴²¹ Tha Kidd a' mìneachadh gun do thog an ceart ghnòthach ceann grunnan tursan ann am *Mac-Talla* is MacFhionghain a' brosnachadh agus a' piobrachadh

419 *The Colonist*, 7 an t-Samhain 1838, td. 3.

420 Ibid.

421 *Mac-Talla* 1:2 (4 an t-Ògmhios, 1892), td. 2.

luchd-leughaidh dol an sàs san iris.⁴²² San t-seagh sin, tha sanas Mhic an t-Saoir maille ri briathran MhicFhionghuin rudeigin eadar-dhealaichte bho shanasan Albannach a bha buailteach air togail air an nàimhdeas eadar luchd na Gàidhlig agus luchd na Beurla. Tha rannsachadh Kidd a’ nochdadh dhuinn cho cumanta is a bha coimeas den leithid ann an gairmean Gàidhlig. Chunnacas e gu h-àraidh ann an iarrtasan le deasaichean a bha airson cur an cuimhne an luchd-leughaidh gum b’ fheudar dhaibh fhathast pàigheadh airson am fo-sgrìobhadh.⁴²³ Chuir deasaiche an *Highlander*, Iain MacMhurchaidh, fa chomhair luchd-leughaidh a’ phàipeir, ‘Ciod a theireadh na Goill no na Sasannaich nam bitheadh fios aca gur ann mar seo a tha na Gàidheil a’ dèanamh air an aon fhear-tagraidh a tha aca am measg nam pàipearan-naidheachd?’⁴²⁴ Air a’ mhodh cheudna, chuir fear ‘Mac Choinnich ’s a Bhràithrean’ sanas san *Feillire* ann an 1873 a rinn araon moladh air a’ Ghàidhlig agus dì-mholadh air a’ Bheurla, ‘Gur feàrr leinn ri gràdh i / Na cànanan nan Gall.’⁴²⁵ Chuireadh an cuimhne Gàidheil na h-Alba na bha suaicheanta dhaibh is na dh’fhàg air leth iad bho shluaghan eile. Bha coimeas tàireil eadar Gàidheil is Goill ceart cho cumanta an Ameireagaidh a Tuath is Michael Newton a’ nochdadh dhuinn gun do thog Gàidheil an Canada crìochan cinnidheach le bhith a’ sìor chur an cèill nàimhdeas dha na Goill.⁴²⁶ Ge-tà, tha earrann MhicFhionghuin ann am *Mac-Talla* a’ dearbhadh nach b’ e nàimhdeas dha na Goill a bhrosnaich Gàidheil Chanada a chum gach iomairt. Bha iad cuideachd beò ann an àrainneachdan ioma-chultarail agus fo bhuaidh nan diofar chinnidhean a bha beò annta.

Cha b’ e nàimhdeas a bha fa-near do Mhac an t-Saoir, ma-tà, agus an àite coimeas eadar Gàidheil is sluaghan eile, chaidh Mac an t-Saoir na b’ fhaide an doimhneachd ann an coimeas eadar na Gàidheil o shean agus na Gàidheil cho-aimsireil,

Bha Gàidheil riabh animal air son gràidh d’ an dùthaich is do mhuinntir an dùthcha. To [Do?] riaghladh a ghràidh so b’ e an cleachdadh riabh, (’s e so co dhiù an cliù,) a chèile a chòmhradh ann an tìrean coimheach a chum nach fuilgeadh am fann foirneart n’ am bochd uirreasbhuidh – a bhi, mar a their iad, ‘lan guaillibh a chèile. [...] Cuimhnichibh, mo chàirdean, bhur dùthaich; cuimhnichibh bhur “luchd-dàimh a thaobh na feòla.”⁴²⁷

422 Kidd, ‘The Scottish Gaelic Press’, td. 353.

423 Ibid., td. 346.

424 *The Highlander*, 30 am Màrt 1878, td. 3.

425 *Am Feillire*, 1873, td. 2.

426 Newton, *Seanchaidh na Coille*, td. 421.

427 *The Colonist*, 7 an t-Samhain 1838, td. 3.

Cha b' e maslachadh a chuir Mac an t-Saoir gu feum ach moladh is miodal. Tha fhios gun deach aige air suim mhath airgid a thrusadh don iomairt. Ach air adhbharan eas-aonta eadar na diofar Eaglaisean Saor-chlèireach ann an NSW aig deireadh nan 1830an agus toiseach nan 1840an, cha tàinig an iomairt gu buil an ceann sreath.⁴²⁸ Dh'fheumadh gach sgillinn a bha air tighinn ionnsaigh na h-eaglaise pàigheadh air ais, '*the withdrawal of the Minister and congregation of the Scots Church from the Synod, have, it appears, knocked the whole affair of the Gaelic Church (...) on the head.*'⁴²⁹ Cha robh guth aig Mac an t-Saoir air an iomairt às dèidh sin is chaidh e an sàs ann an iomairt a bha, saoillear, na bu mhotha agus na bu bhuanmhoire nuair a stèidhich e Seanadh Astràilia an Ear ann an 1846.⁴³⁰

Tha litir Mhic an t-Saoir a' cur tè chosmhail rithe nar cuimhne a sgrìobh buill a' cho-thionail Ghàidhealaich am Melbourne ann an 1854, *Litir impidh agus rabhaidh: a chum luchd-eisdeachd an t-Soisgeil*. Chuireadh tionndadh Gàidhlig na litreach an clò ann am bileag agus tionndadh Beurla sa phàipear-naidheachd, *The Banner*, agus chan eil fhios cò am fear a sgrìobhadh an toiseach.⁴³¹ B' ann fo stiùir a' mhinisteir shaoir-chlèirich, an t-Urr. Mac an Tòisich MacAoidh, a bha an co-thional nuair a chuireadh miann an cèill airgead a thrusadh do dh'eaglais Ghàidhlig. Coltach ri Mac an t-Saoir, thog na sgrìobhadairean air dìlseachd agus gràdh dùthcha nan Gàidheal airson impidh a chur air an fheadhainn a bha air còmhnaidh a ghabhail am Melbourne, 'Is tric a sheirmeadh le 'r sinnsireachd ann an aobharaibh a b' ìsle luach; – '*Clann nan Gaidheal an guailnibh a cheile*'.⁴³² Cha b' e coimeas eadar Gàidheil is Goill a bha fa-near dha sgrìobhadairean na litreach sin na bu mhotha ach coimeas eadar na Gàidheil cho-aimsireil agus na Gàidheil o shean. Thog an litir gu mòr air dleastanasan nan Gàidheal, i. rud a bu dual dhaibh dèanamh agus a bha còir aca dèanamh. An taca ri litir Mhic an t-Saoir, bha tè a' cho-thionail am Melbourne cuimseach fada le còig duilleagan ann làn brosnachaidh agus piobrachaidh. Saoillear gun do chuidich an tionndadh Beurla ann a bhith a' craobh-sgaoileadh iarrtas a' cho-thionail na b' fhaide agus na b' fharsainghe. Shoirbhich leotha ro dheireadh na bliadhna is thogadh eaglais Ghàidhlig am Melbourne ann an 1854.⁴³³

428 *The Colonial Observer*, 18 an Cèitean 1842, td. 259.

429 Chan eil gu leòr de rùm san tràchdas seo airson togail air easaonta nan eaglaisean an NSW. Gheibhear cunntas coileanta, ge-tà, ann an Keith R. Campbell, 'Presbyterian Conflicts in New South Wales, 1837-1865', *Journal of Religious History* (An t-Ògmhios, 1969), tdd. 233-247 (gu sònraichte td. 234).


430 *Ibid.*, tdd. 327-328.

431 *The Banner*, 8 an Lùnastal 1854, td. 14.

432 *Litir impidh agus rabhaidh: a chum luchd-eisdeachd an t-Soisgeil [...] ann an Coimhthional nan Gaidheal a'm Melbourne* (Melbourne, 1854), td. 4.

433 Thogadh air Mac an Tòisich MacAoidh cheana air tdd. 60-61.

Dealbh 9: Às-earrann à Litir impidh agus rabhaidh⁴³⁴



Chunnacas tuilleadh Ghàidheal a' dol an greim an dleastanasan sòisealta, cultarail, agus dùthchasach an cèin ann an caochladh mhodhan. Chuir an Collach, Iain MacIonnmuinn (1840-1932), iarrtas, 'Dh'ionnsaidh nan Gaidheal air Abhuin Richmond', ann an 1894 airson cruinneachadh a chur an gleus ann an NSW mu thuath.⁴³⁵ Bha MacIonnmuinn air tighinn gu colonaidh NSW ann an 1859 an cuideachd a phàrantan, Isabel agus Dòmhnall MacIonnmuinn (1800-1884), a bharrachd air ochdnar bhràithrean is pheathraichean. Ghabh an teaghlach còmhnaidh ann an Coraki air oir abhainn Richmond ann an 1866 far an do cheannaich iad an tuathanas, Oakfield.⁴³⁶ Tha fhios gun robh co-dhiù trìuir san teaghlach ri sgrìobhadh sa Ghàidhlig. Am feadh is a chuir Iain iarrtas Gàidhlig chun an *Richmond River and Northern Districts Advertiser* (1886-1942), bhiodh athar agus a bhràthar, dom b' ainm cuideachd Dòmhnall (1842-1934), a' sgrìobhadh earrannan Gàidhlig nan cuid leabhraichean-latha.⁴³⁷

⁴³⁴ Ibid.


⁴³⁵ *The Richmond River and Northern Districts Advertiser*, 26 am Faoilleach 1894, td. 2.

⁴³⁶ *Northern Star*, 28 an Giblean 1932, td. 9.

⁴³⁷ 'S ann ann an làmhnan priobhaideach a tha na leabhraichean-latha sin ach dh'fhoillsicheadh cuid den bhàrdachd a sgrìobh Dòmhnall is Dòmhnall MacIonnmuinn ann an leabhar Cardell is Cumming bho chionn goirid, feuchaibh, Cardell agus Cumming, *Sgeulachdan Goirid agus Bàrdachd à Astràilia*, tdd. 88, 128, 158, 172, 182, 192, 220, 236, 252, 306, 322, 334, 334, 336.

Maille ri sin, chuir Dòmhnall (Mòr) MacIonnainn⁴³⁸ cunntas air eachdraidh tuineachaidh agus sloinntireachd Cholla a deas agus Cholla an iar an sgrìobhadh.⁴³⁹ Le sùil air iarrtas MhicIonnainn, cha ghabhar iongnadh gun do thog sgrìobhadh den leithid ceann ann an Sgìre Abhainn Clarence is coltas air gun do shoirbhich le cuid de Ghàidheil a bha air tuineachadh ann lionra co-chomainn a thogail is a neartachadh eatarra. Bheir às-earrannan à leabhar-latha MhicIonnainn, a sgrìobh an Collach ann an 1895 mus do chuir an *Richmond River Herald and Northern Districts Advertiser* an clò iad ann an 1932 agus 1933, fianais air a' sin.

*Dealbh 10: Earrann ann an leabhar-latha MhicIonnainn*⁴⁴⁰



May 23rd.—After breakfast I rode across the Island to Mr. McMillan's, where I stayed till the river boat came down in the afternoon and then went on to Maclean, where I met Mr. P. McLaren (school teacher) and Mr. Donald Campbell, of Woorrowoolgen. Had a grand night in Maclean, piping, dancing, old Gaelic songs. My host was Mr. D. McDonald, who was very kind to me.

A dh'aindeoin 's nach eil an leabhar-latha fhèin sa Ghàidhlig, tha fhios gun robh MacIonnainn agus Gàidheil eile ma thimcheall ri sgrìobhadh, leughadh, labhairt, agus seinn sa Ghàidhlig.⁴⁴¹ Bheir an t-iarrtas Gàidhlig a sgrìobh e fianais air miann a' Chollaich a bhith a' glèidheadh na Gàidhlig agus a' cuimhneachadh air dùthaich agus sinnsireachd nan Gàidheal.

⁴³⁸ Donald McKinnon sr.

⁴³⁹ Airson barrachd fiosrachaidh air teaghlach MhicIonnainn, feuchaibh, Taylor, 'Lost – and some Found', tdd. 349-366; Nicholas Maclean-Bristol, 'Donald Mackinnon's Account of the Island of Coll and its People', *WHN&Q*, 3:17 (2011), tdd. 7-14; Nicholas Maclean-Bristol, 'Donald Mackinnon's Account of the Island of Coll and its People (2)', *WHN&Q*, 3:19 (2012), tdd. 10-15; Brenda Dougall Merriman, 'Donald Mackinnon's Account of the Island of Coll and its People (3)', *WHN&Q*, 3:20 (2012), tdd. 14-20; Nicholas Maclean-Bristol & Ronald Black, 'Donald Mackinnon's Account of the Island of Coll and its People (4)', *WHN&Q*, 3:21 (2013), tdd. 24-28; Nicholas Maclean-Bristol & Ronald Black, 'An Account of the isle of Coll, Knockleathan', *WHN&Q*, 3:22 (2013), tdd. 20-30; Nicholas Maclean-Bristol & Ronald Black, 'Donald Mackinnon's Account of the Island of Coll and its People (6)', *WHN&Q*, 3:23 (2013), tdd. 11-32.

⁴⁴⁰ *The Richmond River Herald and Northern Districts Advertiser*, 23 an Dùbhlachd 1932, td. 2.

⁴⁴¹ Airson barrachd eisimpleirean air a' Ghàidhlig sa choimhearsnachd, feuchaibh, *The Richmond River and Northern Districts Advertiser*, 10 an Gearran 1933, td. 7; Ibid., 3 am Màrt 1933, td. 2; Ibid., 30 an Dùbhlachd 1932, td. 2.

Dhionsuidh nan Gàidheal air Ab- huin Richmond.

Chlann na Finnechan Gàidhealach agus mo luchd ducha tha mi a Sgrìobhadh na Litir seo air son ar n-àire tharain dhionsuidh na guirm air son cruineachadh ri cheile tha anns an tighin a mach seo don Teuchlaire.

Tha a nise dochas agam gun bheil bliadhna ar Fala Gàidhealach air a chumail suas co arl le teas Crìan Austrèlin, sa bheir oim grèasad dhionsuidh na Coineamh air an latha sin.

Se rud bu lugha s'coir dhuinn a dheanamh, cuimhne ar ducha agus ar Sìmsastachd a chumail suas, mar an ceudna Cairnt ar Mathair a Dhaelic dhuinn bha air a labhairt le Daoine cho guisgeil sa sheas riamh suas an aghaidh namhaid air latha Catha. Bha air a

a soinn le Boirionnach cho Sgiombach re son air bith do Nigheanaibh Eubha. Tha i na cuinnt bha air a labhairt e ehlann, Agus air son sin a dhearbhadh dhuinn cuiridh mo crìoch air an Litir seo le da rann ghòirid a dhuinn mi fein a chur ri cheile.

Shi a dhaelic a chiod channain,
Ann an Garadh nan abhl,
Labhair Adhamh re Bhean Eubha,
Ann an Eden air tuis.

Cia mar tha thu dheoraich Adhamh,
Bean nillidh Sgiombach gnais,
Tha mise slan fàreagair Eubha,
Mille fait gu ro dhuinn.

Le guidheadh dhuinn slainte agus solas nig an ann seo, tha me a faireach ar caraid dillens.

LAIN MACIONNHUINN, Coraki.


Eu-coltach ri Mac an t-Saoir sna 1830an a bha air togail air gnothach a bha na Gàidheil a-riamh ainmeil air a shon, tha briathran MhicIonnhuinn a' dèanamh luaidh air rud 'a bu chòir' a bhith

442 Ibid., 26 am Faoilleach 1894, td. 2.

ann ged nach robh, ma dh'fhaoidte. Tha e follaiseach nach do chùm Gàidheil mu thimcheall abhainn Richmond a dh'aona chuid an sinnsearan air neo a' Ghàidhlig an cuimhne gu h-ìomchaidh. Chithear, ge-tà, gun robh MacIonmhuinn mothachail air an atharrachadh sin is gun do rinn e oidhirp cainnt a chleachdadh a bha freagarrach don luchd-leughaidh air an do chuimsich e. Chuir e ris a' ghairm, 'Tha a-nis dòchas agam gu bheil blàthas ar Fala Gàidhealach air a chumail cho àrd le teas Grian Astràilia.' Shuidhich e iarrtas-san ann an co-theacsa Astràilia is e a' toirt iomradh air slat-tomhais, 'cho àrd le teas Grian Astràilia,' a thuigeadh Gàidheil nan colonaidhean gu h-ìomchaidh. Leig sin leis crìochan a thogail mu thimcheall co-chomann a bha ag amas air Gàidheil Astràilia a-mhàin agus cuideachd suaicheanta dhaibh a-mhàin. Cha b' ann ach an comas agus an urra ri Gàidheil a' cho-chomainn sònraichte sin a bha e, a' Ghàidhlig agus an dualchas na lùib a ghlèidheadh an Astràilia. Coltach ri iomadh neach-sanais roimhe, chuir an Collach drochaid bhun-bheachdail gu feum, ma-tà, airson iarrtas a shuidheachadh ann an co-theacsa a b' aithne do na Gàidheil. Chuir iad slatan-tomhais gu feum a fhreagair air an àrainneachd mu an timcheall is cothrom ann gun robh Gàidheil Coraki nas eòlaiche air teas grian Astràilia na bha iad air an t-seann dùthaich ann an 1894.

*Mapa 8: Bho thuath gu deas: Woorooloolgen, Coraki, Maclean, agus Grafton, NSW*⁴⁴³

⁴⁴³ NSW Topographic Map, NSW Government, sgèile 1:25,000, *Woorooloolgen, NSW; Coraki, NSW; Maclean, NSW; Grafton, NSW*; <https://portal.spatial.nsw.gov.au/portal/home/webmap/viewer.html?useExisting=1> [ruigte 01.06.2024].



Chithear gun robh Gàidheil Astràilia fhathast fo smachd na Gàidhlig. Tha sanas MhicFhearchair agus litir a' cho-thionail am Melbourne a' dearbhadh gun robh an cànan na chlach-cheangail do na h-in-imrichean gu sònraichte sa chiad leth den 19mh linn.⁴⁴⁴ B' ann mun àm sin cuideachd a nochd sanasan Gàidhlig do sheirbhisean eaglais ann am pàipearan-naidheachd Geelong, Victoria. Chuir Gilleasbaig MacDhùghaill grunnan dhiubh don *Geelong Advertiser* ann an 1854 agus 1855.

*Dealbh 12: Sanas le MacDhùghaill*⁴⁴⁵

⁴⁴⁴ Feuchaibh tdd. 91-96 agus td. 105.

⁴⁴⁵ *Geelong Advertiser and Intelligencer*, 25 an Cèitean 1855, td. 1.

DO NA GAEL.—Searmanaichidh an t-uramaoh
 Alastair Mac-an-t-saolr, anns an taigh sgòil
 ghallig, air an t-Sabaid seo tighin; agus ri linn einn
 nithear, Faol shonraichte a'n leas Bl-mhavin na
 h-Englais.
 (Signed) **ALEXANDER MACKENZIE** } Trustees.
ARCHIBALD DOUGLAS }

Coltach ri MacFhearchair an Van Dieman's Land, bha làmh aig Gilleasbuig MacDhùghaill ann an lionra Gàidhealach Geelong, Victoria. Bha e an sàs ann an stèidheachadh Comunn na Fèinne is e na cheannard dha ann an 1856. A bharrachd air sin, ghabh e obair mar fhear-gnothaich don *Teachdaire Gaidhealach* os làimh nuair a chuireadh an iris an clò ann an 1857.⁴⁴⁶

Nochd a' chiad sanas dà-chànanach airson an *Teachdaire Ghaidhealach* ann an trì pàipearan-naidheachd Tasmania san Dàmhair 1856.⁴⁴⁷ 'S e an sanas sin an sanas malairt agus iomairt as fhaide agus as mionaidiche a tha againn sa Ghàidhlig à Astralàisia. Cha ghabh ràdh ri cinnt cò a sgrìobh e ach tha cothrom ann gun robh deasaiche na h-irise, Iain Camshron, an sàs. Leanadh na sanasan Gàidhlig le tuilleadh shanasan sa Bheurla a chraobh-sgaoil fios air an iris tro cholonaidhean Victoria agus NSW.⁴⁴⁸ Nuair a chuireadh an *Teachdaire* air bhog sa Ghearran 1857, ghabhadh an iris ceannach an Geelong, Melbourne, Hamilton, agus Portland Bay (iad sin uile ann an Victoria) a bharrachd air Sydney, NSW. Bha an *Teachdaire* airson Gàidheil a bha sgapte air feadh colonaidhean Astràilia a cheangal còmhla is e na shlabhraidh eatarra. Thug an sanas geall don luchd-leughaidh gun sgaoilte fios mu, 'nithibhh a tha tachairt ri ar linn fhèin agus sgeula air na nithibh a dh'fhalbh,' agus mu chùisean a bhiodh nam, 'buannachd don Ghàidheal an Astràilia a thaobh caidreabhachd bheusan no creideimh.'⁴⁴⁹ Thàinig earrann air prìomh amasan na h-irise gu crìch leis an iarrtas, 'Cuidichibh leinn a chlanna nan gael – 'Leanaibh gu dlùth ri cliù ur Sinnsear 's na diobraidh a bhith mar bha iadsan.'⁴⁵⁰ Coltach ri 'Clann nan Gàidheal an Gualainn a chèile', 's e sluagh-ghairm a tha seo a chualas gu minig aig

446 Cardell et al., *Comunn na Feinne*, tdd. 5-6.

447 *The Tasmanian Daily News*, 11 an Dàmhair 1856, td. 3; *The People's Advocate or True Friends of Tasmania*, 13 an Dàmhair 1856; *The Cornwall Chronicle*, 15 an Dàmhair 1856.

448 *The Hobarton Mercury*, 30 am Faoilleach 1857, td. 2; *Mount Alexander Mail*, 11 an Cèitean, 1857, td. 4; *The Maitland Mercury and Hunter River General Advertiser*, 14 an Cèitean 1857, td. 3.

449 *The People's Advocate or True Friend of Tasmania*, 13 an Dàmhair 1856, td. 3.

450 Togar air an *Teachdaire* agus sanasan dha ann am barrachd doimhneachd air tdd. 187 ff.

Gàidheil san 19mh linn, gu sònraichte an fheadhainn a bha beò san sgapadh-shluagh Ghàidhealach. A-rèiste, thugadh cuideachd iomradh air comhairle a' ghaisgich iomraitich, Fionn Mac Chumhaill, dha Oscar san iris Chanèideanach, *Mac-Talla*, aig toiseach na 20mh linn is sgrìobhadair gun ainm a' mìneachadh,

Is math agus cliùiteach an ni do shluagh a bhi measail air na daoine bho 'n d' thàinig iad, agus a bhi gabhail an eisimpleir anns gach ni math agus euchd air son an robh iad ainmeil. Esan nach eil a cur luach dhligeach air cleachaidhean is gnìomharan a shìnsre, cha 'n fhaigh e moran urrainn bho dhaoine, agus cha 'n airidh e air.⁴⁵¹

Fhreagair an sluagh-ghairm sin gu dìreach air amasan na h-irise Tasmananaich a bhith a' glèidheadh na Gàidhlig agus gach rud a bhuin dhi an cèin. Agus ged nach e pàipear-naidheachd ach iris a th' anns an *Teachdaire*, b' fhiach e cuideachd iomradh aithghearr a thoirt air a' ghrunna sanasan Gàidhlig (agus Beurla) a chuir an iris fhèin an rathad an luchd-leughaidh. B' iad na sanasan a bu phailte a chuir Gàidheil chun an *Teachdaire* an fheadhainn a dh'iarr fiosrachadh air càirdean agus caraidean a bha air colnaidhean Astràilia ùr-ruigsinn.⁴⁵² Bha iad sin uile ann am Beurla agus saoillear gum b' e a b' adhbhar dha sin gun robh na sgrìobhadairean airson cur an cèill gu pongail cho cudromach is a bha a' chùis. Dh'fhaodadh gun robhar cuideachd airson cothrom a thoirt do luchd-leughaidh na sanasan a chraobh-sgaoileadh am measg luchd-tuineachaidh aig nach robh Gàidhlig. A bharrachd air na sanasan sin, tha cuideachd sanas pòsaidh ann. Chuireadh an sgrìobhadh e le bantrach, ma dh'fhaoidte, a bha air tòir, 'Gael eadar ochd bliadhna deug a's da fhichead bliadhna. Feumaidh e bhi eadar cuig troighean 's seachd agus cuig troighean 's a' deich air airde agus deas, dìreach air ceannaibh a chnabh (chnàmh).'⁴⁵³ Tha an t-ainm-pinn, 'Faine-Sholuis', a' toirt fa-near dhuinn gum b' i a' bhantrach fhèin a sgrìobh an sanas is an t-ainm a' togail air bana-phrionnsa ann an Seanchas na Fèinne dom b' ainm 'Faine-Sholas'.⁴⁵⁴ Maille ri sin, chuireadh cuideachd sanas don *Teachdaire* le duine a bha a' coimhead airson an leabhair, *Clàrsach nam Beann*.⁴⁵⁵ Bheir an sanas sin fianais air dreuchd *An Teachdaire* mar lìonra litreachais.

451 *Mac-Talla* 11:3 (An Lùnastal, 1902), td. 20.

452 Feuchaibh, *An Teachdaire Gaidhealach* 3 (An Giblean, 1857), td. 8; *An Teachdaire Gaidhealach* 5 (An t-Ògmhios, 1857), td. 8; *An Teachdaire Gaidhealach* 6 (An t-Iuchar, 1857), td. 8; *An Teachdaire Gaidhealach* 8 (An t-Sultain, 1857), td. 8.

453 Feuchaibh, *An Teachdaire Gaidhealach* 3 (An Giblean, 1857), td. 8.

454 Ó Ciosáin, 'Old Languages in a New Country', td. 63.

455 Feuchaibh, *An Teachdaire Gaidhealach* 7 (An Lùnastal, 1857), td. 8.

Tha sgrùdadh air sanasan Gàidhlig ann am pàipearan-naidheachd (agus an tomhas nas lugha irisean) Astralàisia a' dearbhadh cho feumail agus èifeachdach is a bha an gnè litreachais sin do choimhearsnachdan ùra nan colonaidhean. Leig sanasan leis na Gàidheil lionraidhean ùr-thogail le taic mhodhan conaltraidh a fhreagair air an àrainneachd cholonaich. A thuilleadh air sin, thug sanasan malairt agus iomairt cothrom do na Gàidheil dleastanasan sòisealta a chur an cuimhne an luchd-dùthcha. A-rèiste, chleachdadh iad airson stiùireadh a thoirt do Ghàidheil Astralàisia mu choinneamh ghnothaichean – a) a bu dual dhaibh dèanamh; b) a bu ghnàth leotha dèanamh; c) agus a bu chòir dhaibh dèanamh. Tha e follaiseach, ge-tà, nach b' ann air adhbharan gràdh is dilseachd dha cànan, dualchas, agus dùthchas a-mhàin a thog an luchd-sanais air cleachdaidhean agus dleastanasan dùthchasach. Chuireadh briathran, sluaghghairmean, agus bàrdachd Ghàidhlig gu feum mar ro-innleachd mhargaideachd a chuimsich air muinntir is àrainneachd nan colonaidhean sa chiad dol a-mach. Bheir an sgrùdadh a leanas air a' ghrunnaidh cholbhan Gàidhlig ann am pàipearan-naidheachd Aotearoa is Astràilia ro-innleachd cosmhail ri sin am follais dhuinn. Le bhith a' togail air an t-seann dùthaich, dhealbhaich na h-in-imrichean litreachas agus lionraidhean a fhreagair air àrainneachd iomachultarail nan colonaidhean.

2.4. Colbhan

Coltach ri sanasan Gàidhlig, tha colbhan Gàidhlig nan deagh eisimpleir air an spàirn mhòr a rinn cuid de Ghàidheil a chum lionraidhean ùr- agus ath-thogail an Astralàisia. A dh'aindeoin an uireid de dh'fhoillseachaidhean Gàidhlig a thàinig dha na colonaidhean tro shlighe an lìonra thar-nàiseanta ri Alba, bha na h-in-imrichean Gàidhealach airson làmh a bhith aca fhèin ann am foillseachadh. B' iad Gàidheil Aotearoa gu h-àraidh a dh'fheuch grunnan tursan ri colbh Gàidhlig a chur air bhog san dàrna leth den 19mh linn. Chan eil e idir annasach gun deach foillseachadh sa Ghàidhlig am feabhas sa cholonaich an uair sin on a chunnacas leasachadh a' tighinn air lionraidhean conaltraidh sna 1870an. A bharrachd air loidhnichean trèana, rathadan, drochaidean, agus calachan ùra, stèidhicheadh teileagràfan air feadh na colonaich fo stiùir neach-ionmhais na colonaich, Julius Vogel.⁴⁵⁶ Nochd a' chiad iomradh air colbh Gàidhlig a

⁴⁵⁶ André Brett, 'Dreaming on a railway track: public works and the demise of New Zealand's provinces' *The Journal of Transport History* 36:1 (An t-Ògmhios, 2015), tdd. 77-96 (gu sònraichte bho td. 88 air adhart); André Brett, *Acknowledge No Frontier: The Creation & Demise of NZ's Provinces 1853-76* (Dunedin, 2016). B' e neach-ionmhais colonach ann an riaghaltas William Fox a bh' ann an Julius Vogel eadar 1869 agus 1876. Choisinn e cliù airson ro-innleachdan agus phoileasaidhean a leasaich eaconamaidh Aotearoa sna 1870an le taic sgèamaichean in-imrich, leasachadh comhdhail poblach, agus ceannach fearann Mhāori. Feuchaibh, Raewyn Dalziel, 'Vogel, Julius', *Dictionary of New Zealand Biography*, ciad fhoillseachadh 1990, air ùrachadh Giblean, 2013. Te Ara - the Encyclopedia of New Zealand, <https://teara.govt.nz/en/biographies/1v4/vogel-julius> [ruigte 04.05.2022].

bha gu bhith ga chur air bhog sa *Whangarei Comet* (1875-1877) ann am pàipear-naidheachd Waikato, an *Thames Advertiser*, ann an 1875. Ach a-mhàin an t-iomradh aithghearr sin, cha chualas an còrr mun cholbh.⁴⁵⁷ Nochd iomradh coltach ri sin cuideachd ann an 1885 sa phàipear-naidheachd, *Taranaki Herald*. A rèir an *Herald*, bha ‘our Dunedin namesake’ air colbh Gàidhlig a chur an gleus is luchd-leughaidh gan tàladh chun a’ chuilbh leis na rannan, ‘Gheibh sibh raointean geur ar sinnsir, / A bha dileas oirnn bho chionn tamaill / [...] / ’S gheibh sinn fuasgladh bho’n luchd fòirneirt / ’Bha airson ar fògradh thairis.’⁴⁵⁸ Leis nach robh *Dunedin Herald* ann a-riamh, saoillear gur ann air a’ *Bruce Herald* a bha an t-iomradh a-mach is am pàipear air a chlà-bhualadh agus fhoillseachadh an Otago. Ge-tà, cha robh colbh Gàidhlig sa phàipear sin na bu mhotha is cha ghabhadh ràdh co-dhiù gun robh am *Bruce Herald* a-riamh taiceil do chor na Gàidhlig sna 1880an. Às dèidh stèidheachadh Comann Gàidhlig Dhunedin ann an 1881, chuireadh ceist sgaiteach sa phàipear carson nach bite cuideachd a’ stèidheachadh comann airson Sìnis, ‘*Esquimaux*’, dualchainnt nan Azteceach Meagsagach, agus comann airson Beurla ionnsachadh do, ‘*Mr Dornwell’s ox tongues*,’ (b’ e bùidsear an Dunedin a bh’ ann an A. Dornwell).⁴⁵⁹ Bha luchd-stèidheachaidh na h-irise, *Zealandia*, cuideachd an dùil duilleagan Gàidhlig a thoirt do luchd-leughaidh ann an 1889. B’ e leasachadh agus comharrachadh litreachas nàiseanta Aotearoa a bha fa-near don iris a chuireadh an clò an Dunedin, Otago. Ach a dh’aindeoin àrd-amasan an luchd-stèidheachaidh, cha do thog litreachas na Gàidhlig ceann am-feasta.⁴⁶⁰ B’ e colbh Gàidhlig an *New Zealand Public Opinion, Sportsman and Saturday Advertiser*⁴⁶¹ (1880-1893) a’ chiad oidhirp shoirbheachail colbh Gàidhlig fhoillseachadh an Aotearoa gu cunbhalach. Ged a thàinig crìoch air a’ cholbh aig deireadh an Ògmhios 1885, cha tàinig crìonadh air iomairtean litreachail na Gàidhlig ann am mòr-roinn Otago. Gu dearbh, chuir pàipear-naidheachd Invercargill, an *Southern Cross*, ‘*Gaelic Column*’ air bhog ann an 1893.⁴⁶² Bha an colbh sin eadar-dhealaichte bhon fhear an Dunedin air a’ mhodh gun robh e cuingealaichte ri roinn an Tìr a Deas agus gum b’ e rosg ùr-sgrìobhte a lìon an cuibhreann a bu mhotha den cholbh. Air taobh eile a’ Chuain Tasman, tha coltas air gum b’ e pàipear-naidheachd Adelaide, an *News*, an aon phàipear a chuir colbh Gàidhlig an clò an Astràilia. Tha an colbh na dheagh eisimpleir air an atharrachadh a bha air

⁴⁵⁷ *Thames Advertiser*, 18 an t-Ògmhios 1875, td. 2.

⁴⁵⁸ *Taranaki Herald*, 5 an Dàmhair 1885, td. 2.

⁴⁵⁹ *Bruce Herald*, 7 am Faoilleach 1881, td. 3; *The New Zealand Tablet*, 12 an t-Iuchar 1878, td. 6.

⁴⁶⁰ *Zealandia* 1:1 (An t-Iuchar, 1889); agus *The Evening Star*, 24 an Cèitean 1889, td. 4.

⁴⁶¹ *NZPO* às dèidh seo.

⁴⁶² Airson barrachd fiosrachaidh air an *Southern Cross*, feuchaibh, *Cyclopedia of New Zealand* (Otago & Southland Provincial Districts) (Christchurch, 1905), td. 830; Grant, *Lasting Impressions*, td. 415; ‘The Southern Cross; Background’, *Papers Past*, <https://paperspast.natlib.govt.nz/newspapers/southern-cross> [ruigte 09.03.2022].

tighinn air feum is fàth litreachas na Gàidhlig an Astràilia. An àite a bhith a’ gabhail seachas **anns** a’ Ghàidhlig, tha coltas air gun tàinig sgrìobhadairean gu bhith a’ gabhail seachas **air** a’ Ghàidhlig.

2.4.1. Colbh Gàidhlig an *New Zealand Public Opinion, Sportsman and Saturday Advertiser*

Chan e iongnadh a th’ ann gum b’ e an *NZPO* a’ chiad phàipear-naidheachd a thug colbh Gàidhlig do Ghàidheil Aotearoa. Stèidhich an t-Èireannach, Thomas Bracken, an *Saturday Advertiser, Weekly Time-Table and New Zealand Literary Miscellany* ann an 1875 mar phàipear nàiseanta.⁴⁶³ A-rèiste, chuir e cuideam mòr air litreachas colonach agus adhartachadh sàr chomasan muinntir na dùthcha (i. an luchd-tuineachaidh). Nuair a dh’atharraich an tiotal gu ‘*Saturday Advertiser and New Zealand Public Opinion*’ ann an 1877, dh’fhàs amasan a’ phàipeir fiù ’s na bu nàiseanta.⁴⁶⁴ Fhregair litreachas colonach agus spiorad nàiseanta a’ phàipeir ris an nàiseantachas chultarail a bha air tighinn am bàrr ann an ‘Tìr nam Maori’ sna 1880an. Cha b’ e co-thuiteamas a bh’ ann, ma-tà, gun tug an *NZPO* cothrom do litreachas na Gàidhlig mun cheart àm sin. Ghabh na nàiseantaich chultarail brath air a’ Ghàidhlig – agus gach rud ‘Ceilteach’ na cois – airson sluagh, eachdraidh, agus litreachas nàiseanta ath-chruthachadh do nàisean ùr ‘Tìr nam Maori’. Thugadh iomradh cheana air dreuchd ‘Ceilteachais’ ann a bhith a’ buileachadh inbhe thùsanach agus còir riaghlaidh air an luchd-tuineachaidh cholonach.⁴⁶⁵ A dh’aindeoin ’s gun robh a’ Ghàidhlig feumail do ro-innleachd nan nàiseantach, cha b’ urrainnear a ràdh gun do chuir a h-uile neach-tuineachaidh colonach taic ris an ro-innleachd sin.

Shanasaidh pàipear-naidheachd Dhunedin, an *Evening Star*, colbh Gàidhlig an *NZPO* an toiseach fo ‘*Public Notices*’.⁴⁶⁶ A bharrachd air a bhith a’ tàladh aire luchd-leughaidh air feadh na colonaidh, bhrosnaich an sanas càineadh agus magadh. Chì sinn blasad dhen a’ sin an toiseach ann am pàipear-naidheachd Canterbury a bha am measg sreath de phàipearan air feadh Eilean a Deas agus Eilean a Tuath a chuir teagamh an cèill mun cholbh ùr.

*Dealbh 13: Mi-chinnt an Akaroa Mail*⁴⁶⁷

⁴⁶³ Grant, *Lasting Impressions*, tdd. 416-17.

⁴⁶⁴ *Ibid.*, td. 416.

⁴⁶⁵ Tha an gnothach fo sgrùdadh air tdd. 49 ff.

⁴⁶⁶ *The Evening Star*, 4 an Gearran 1881, td. 3.

⁴⁶⁷ *Akaroa Mail and Banks Peninsula Advertiser*, 15 an Gearran 1881, td. 2.

A SOUTHERN contemporary has gone in for a "Gaelic column." To judge by the first specimen this column must be rather rough on Saxon compositors and proof-readers. Fancy a poem of fifteen stanzas with the following cheerful refrain—

Seisd.—Ho ro, chairdean as gach gleann,
 Gabhaibh misneachd's na bi'bh faun,
 'Tha a Ghaidhlig togail ceann,
 'Sa fas gu fallain ladair.

The editor warningly says:—"Communications in Gaelic, if not plainly written, cannot be received." We think so neither.

Rinneadh ath-chlò-bhualadh air a' cheart sanas ann am pàipearan-naidheachd Costa an Iar, Waikato, Nelson, agus Hawke's Bay.⁴⁶⁸ Air a' cheart dòigh, chuir am pàipear-naidheachd, *Bruce Herald*, dligheachas na Gàidhlig agus a' chuilbh an amharas, 'Here is some of the Gaelic in the *'Saturday Advertiser'*[...]-"Chì thu 'n gleann 's an robh mi òg." which means, "Shy glancing stone when a rascal tries to rob your eggs."⁴⁶⁹ Cha robh gin de na pàipearan sin cho oibheumach, ge-tà, is a bha an *Dunstan Times*, pàipear-naidheachd Otago. A rèir sgrìobhadair gun ainm, cha deigheadh ach aig Gàidheal no fìor amadan air an colbh a leughadh agus b' fheudar don chlò-bhualadair a bhith na dhuine-caothaich airson a leithid a chur an clò.⁴⁷⁰ Tha an colbh fhèin – a mhair fad còig bliadhna – a' dearbhadh cho èifeachdach is a tha sanasan fiù 's ma tha iad sgaiteach. Gabhaidh sin cuideachd faicinn sna mòr-roinnean uile às an do chuir luchd-leughaidh litrichean chun an deasaiche is nam measg an Tìr a Deas, Otago, Canterbury, Nelson, Wellington, agus fiù 's Auckland.

⁴⁶⁸ *Waipawa Mail*, 26 an Gearran 1881, td. 2; *Westport Times*, 4 am Màrt 1881, td. 2; *Thames Star*, 5 am Màrt 1881, td. 2; *Nelson Evening Mail*, 10 am Màrt 1881, td. 2.

⁴⁶⁹ *Bruce Herald*, 7 an t-Ògmhios 1881, td. 3


⁴⁷⁰ *Dunstan Times*, 22 an Giblean 1881, td. 3.

Chanadh roimhe gum b' ann mar thaic do Chomann Gàidhlig Dhunedin a chuir an Dr Iain Fionnlastan MacGillÌosa (1848-1889) an colbh Gàidhlig air chois sa Ghearran 1881.⁴⁷¹ Bheir an earrann, 'Do na Gael', sa chiad cholbh fianais air a' cho-bhann,

*We ourselves so cordially sympathise with the objects of the Gaelic Society, that we have placed a column at the disposal of such Gaels as may feel inclined to gladden the hearts of their fellow countrymen by contributing songs, sgenlachdan [sgeulachdan], sean fhocail, &c., in their mother tongue.*⁴⁷²

Bha an Sgitheanach air tighinn dhan a' cholonaidh ann an 1874 a leantainn gairm do dh'oifigear-slàinte baile Dhunedin. Bha e na dhotair do mhuinntir a' bhaile mun cheart àm a ghabh e obair dheasachaidh a' chuilbh os làimh.⁴⁷³ Chithear buaidh a' Chomainn air a' cholbh san deasachadh is MacGillÌosa uair a' diùltadh dàn Gàidhlig a chur an clò mus robh cothrom aig buill a' Chomainn Ghàidhlig sùil a thoirt air a' bhàrdachd airson comhairle a thoirt don bhàrd.⁴⁷⁴ Chuir an Sgitheanach an colbh cuideachd gu minig gu feum air adhbharan sanasachd dhan Chomann.

*Dealbh 14: Sanas don Chomann Ghàidhlig*⁴⁷⁵



Leig freagairtean den leithid dha luchd-leughaidh le MacGillÌosa fiosrachadh air a' Chomann a chraobh-sgaoileadh gun a bhith a' cosg a' bheagan rùm a bha ann don cholbh air gnothaichean a bhàrr air litreachas na Gàidhlig. A bharrachd air sanasachd don chomann an Dunedin, chuir MacGillÌosa lionra litreachail a' chuilbh gu feum airson stèidheachadh chomann Gàidhlig eile a bhrosnachadh an Aotearoa. B' iomadh turas a thug e a thaing is bheannachdan do luchd-

471 *Otago Witness*, 18 April 1922, td. 53.

472 *NZPO*, 12 an Gearran 1881, td. 9.

473 *The Evening Star*, 8 an t-Iuchar 1889, td. 2.

474 *NZPO*, 12 am Màrt 1881, td. 7.

475 *NZPO*, 19 am Màrt 1881, td. 9.

leughaidh a bha an sàs ann an stèidheachadh chomann Gàidhlig air feadh Aotearoa. Fhuair Don Mac-an-t-Saoir leithid de bheannachd nuair a chaidh e an sàs ann an stèidheachadh comann Gàidhlig an Timaru, Canterbury.⁴⁷⁶ Chuireadh mar an ceudna aithisg shlàn air stèidheachadh comann Gàidhlig am Palmerston, Otago, ris a' cholbh. Thog MacGillÌosa air stèidheachadh a' chomainn sin airson càineadh a dhèanamh air Gàidheil an Tìr a Deas a bha fhathast às aonais comainn Ghàidhlig ann an 1881.⁴⁷⁷ Cuideachd, nuair a chuir 'N. McL.' earrann Ghàidhlig chun a' chuilbh à ceann a tuath Aotearoa, dh'iarr MacGillÌosa air comann Gàidhlig a stèidheachadh ann an Rodney feuch an gabhadh a h-uile Gàidheil aonadh fo bhratach aon chomainn.⁴⁷⁸ 'S e an conaltradh aithghearr eadar an deasaiche agus 'N. McL.' a chuireas air shùilean dhuinn gur dòcha nach robh litreachas na Gàidhlig an-còmhnaidh na phrìomhachas do MhacGillÌosa. Dhiùlt e mu dheireadh earrann 'N. McL.' a chur an clò a dh'aindeoin 's gun robh e air sin a ghealltainn dha an toiseach.⁴⁷⁹ Bheir an gnothach sin beachd dhuinn air dreuchd litreachas na Gàidhlig an Aotearoa sna 1880an. Bha ro-innleachd na lùib is an dà chuid ùr- agus ath-chlò-bhualaidhean nan culaidhean-brosnachaidh agus bun-stèidh do cho-chomann Gàidheilach sa cholonaidh.

Coltach ri Comann Gàidhlig Dhunedin, b' e iomairt dhà-chànanach a bh' ann an '*Our Gaelic Column*' is an gnothach na adhbhar gearain do chuid. Chuir ball den Chomann, a sgrìobh fon ainm-pinn, 'A Shellback', a mhì-ghean mun gnothach sin an cèill ann an litir do MhacGillÌosa ann an 1884, '*When gentlemen like Dr Gillies and Dr Stuart attend the meeting they are hardly allowed to speak, on account of one or two who like to hear themselves talking, and nothing in them more than vox et praeterea nihil.*'⁴⁸⁰ Thog 'Shellback' na b' fhaide air mealltaireachd a' Chomainn Ghàidhlig a bha air a chuid amasan is iùil a chall on a thòisicheadh a' cumail choinneamhan sa Bheurla. Chuir e a' cheist air an luchd-leughaidh, '*What makes it a Gaelic Society? I cannot see it. A few songs are sometimes sung in Gaelic, and all other transactions are generally in English, and how it is a Gaelic Society I cannot perceive.*'⁴⁸¹ Theagamh gun gabhadh a' cheart cheist cur mun cholbh Ghàidhlig.

Chuireadh colbh Gàidhlig fa chomhair luchd-leughaidh an *NZPO* cha mhòr gach seachdain ann an 1881. Bha uiread cho mòr de dh'earrannan aig MacGillÌosa sa bhliadhna sin gum b'

⁴⁷⁶ *NZPO*, 14 an Cèitean 1881, td. 14.

⁴⁷⁷ *NZPO*, 8 an Dàmhair 1881, td. 18.

⁴⁷⁸ *NZPO*, 14 an Cèitean 1881, td. 14.

⁴⁷⁹ *NZPO*, 21 an Cèitean 1881, td. 11.

⁴⁸⁰ *NZPO*, 5 an t-Iuchar 1884, td. 9.

⁴⁸¹ *Ibid.*

fheudar dha cuid a dhiùltadh air neo gealltainn gun cuirte ri colbh eile iad.⁴⁸² B' e na dh'fhàg an deasachadh buileach dùbhlanaich nach tugadh ach an dàrna leth de dhuilleag don cholbh is eadar fichead gu trithead duilleagan gu h-iomlan anns gach àireimh den *NZPO*. A rèir choltais, chanadh ri MacGillÌosa gum faigheadh an colbh duilleag shlàn nan ceannaicheadh barrachd Ghàidheal am pàipear.⁴⁸³ Ach cha do chuir meud a' chuibh bacadh air an deasaiche co-dhiù 140 earrannan Gàidhlig a chur an clò eadar 1881 agus 1885. A bharrachd air bàrdachd Ghàidhlig, chuireadh 'Sop As Gach Seid' fa chomhair luchd-leughaidh is e sin a' gabhail a-steach sheanfhaclan, ghnàthasan-cainnt, sgeulachdan, thòimhseachan, ùrnaighean, mharbhrannan, thàlaidhean, giseag Ghàidhlig, agus bhriathran le Gàidheil chliùiteach.⁴⁸⁴ Thog criomagan de sgrìobhaidhean Beurla ceann gu cunbhalach cuideachd, mar eisimpleir freagairtean do luchd-leughaidh, eachdraidhean-beatha, cunntasan air eachdraidh na Gàidhealtachd, aithisgean Comann Gàidhlig Dhunedin, agus colbhan beachd. A dh'aindeoin 's gun robh cuibhreann cuimseach mòr de litreachas Beurla ann, chuireadh a-riamh uiread na bu mhotha de dh'earrannan Gàidhlig an clò. An da-rìribh, cha robh ach litreachas Gàidhlig ri fhaotainn ann am bliadhnaichean deireannach a' chuibh nuair a chuireadh sgeulachdan no òrain fhada – gu minig òrain Donnchaidh Bhàin Mhic an t-Saoir – an clò an àite caochladh earrannan.

Cha do sgrìobhadh ach an deichead cuid de na h-earrannan air fad as ùr an Aotearoa is thog a' chuid a bu mhotha dhiubh sin ceann sna bliadhnaichean 1881 agus 1882. Ach 's ann as iad na ceart sgrìobhaidhean sin a bheir blas ioma-chultarail an litreachais fa-near dhuinn on a tha iad a' togail air eòlas nan imrichean. Dh'fhoillsicheadh dàn den leithid sa Ghiblean 1881 fon tiotal, 'An tSeana Chainnt', is rinneadh le Gillesbuig Mac an Aba an Nokomai, an Tìr a Deas, e.⁴⁸⁵ Coltach ri bàrdachd Ghàidhlig eile a rinneadh an cèin, tha an dàn a' dèiligeadh ri cliù agus cor na Gàidhlig. Tha cuspairean den leithid àbhaisteach do dh'òrain Ghàidhlig a nochdas cuspairean sluagh-sgapach, mar eisimpleir cianalas agus fadachd.⁴⁸⁶


482 Feuchaibh mar eisimpleir, *NZPO*, 14 an Cèitean 1881, td. 14; agus *NZPO*, 21 an Cèitean 1881, td. 11.

483 *NZPO*, 19 am Màrt, 1881, td. 9.

484 Cf. 'Sop As Gach Seid', *An Gaidheal* 2:14 (An Giblean, 1873), td. 54.

485 *NZPO*, 2 an Giblean 1881, td. 15.

486 MacLeod, 'The cianalas code', td. 67.



Mar dèrn so oirbh a thursir n,
Gu 'm bheil sunnd an cainnt nan Gael
A chaochladh cha 'n fhaigh sibh 'uamsa,
Ged be 'n ruaig a b'arhghair dhuibh.
'S ged a dhi-mhol le 'ur beoil
A chainnt nach b'eol do 'r mathriéhean,
Bho 'n cheann eile chaidh i suas,
Thug feadan cruaidh buaidh-laraich oirbh.

S thusa ceann aobhair mo ranr,
Fuirich thale 's na chunntim thu,
A ruith sios na cainnt nach dual dhuit,
Bi'dh began suairceas 's samhchair dhuit.
Toisich an toiseach a bheurla,
Sgiobh is leubh mar 's cor dhuit i
'S maith a dhaoit ma 'm faigh thu 'm bas
Gun dean a ghaleig foghlam dhuit.

Duisgibh suas chlann tir nam beann
'S an cuis 'ur cainnt bi'dh naibhreas oirbh
An adhaidh eilthireich as ghaill,
A chuir le 'n teangaibh suarach i.
Is "lamb air laimh" "ri guaihbbh cheil"
Bi'dh na treun fhir nasal so,
Is fhad bhios grian an aird na speur
Gach fine 's treubh bi'dh gaelig achd.

ARCHIBALD MACNAB,
Nokomai.

Cha b' e cianalas – no coimhead ris an t-seann dùthaich – a-mhàin a bhrosnaich am moladh, is sùil air co-theacsa an dàin a' dearbhadh buaidh ioma-chultarais. Chuireadh an dàn an clò an Aotearoa am meadhan deasbaid gheur-theangach air feum is fàth na Gàidhlig sa cholonaidh. Mar thoradh air Gàidheil Dhunedin rùn air comann Gàidhlig a chur an cèill, chuir àrd-bhàillidh Wellington, William Hutchison, litir chun an NZPO a mhol stèidheachadh comann a chumadh taic ri, 'the preservation of the more general language of his native land,' – Beurla Ghallda.⁴⁸⁸ Cha robh Goill Aotearoa fada taic a nochdadh do Hutchison is fear ann am Blenheim, Tir-a-Deas a' sgrìobhadh,

The Gaelic speaking portion of the inhabitants of Scotland are accustomed to fancy that all the glories of our native land were brought about by the brave, though semi-civilised, tribes that ran wild in the mountains. This is a misconception on their part,

⁴⁸⁸ NZPO, 5 an Gearran 1881, td. 7.

*and I am prepared to prove that our greatest men have been Lowlanders of Teutonic extraction.*⁴⁸⁹

Sgaoileadh mì-rùn nan Gall do mhòr-roinnean agus phàipearan-naidheachd eile ann an ùine nach robh fada. Chunnacas, a-rèiste, duine gun ainm a' sgrìobhadh don *Ashburton Guardian* an Canterbury, '[The] Scotchmen in Otago are clannish [...]. They have instituted a Gaelic society, so that the terrible language of the hills may now be heard in all its fierceness.'⁴⁹⁰ Ged a chualas is chunnacas tàir den leithid iomadh turas roimhe an Alba, b' ann air adhbhar eile a thug Goill, Gàidheil, agus Sasannaich ionnsaigh air a chèile an Aotearoa.⁴⁹¹ Thug miann airson nàisean dligheach air an t-sluagh ioma-chultarail geur-bheachdachadh air an t-seòrsa comainn sòisealta a bu toil leotha. Tha beachdan nan Gall air a' chliù a bhuilicheadh air na Gàidheil ann an Tìr nam Māori sna 1880an a' toirt fianais air strì nan diofar chinnidhean Eòrpach sa cholonaidh airson cumhachd. Am beachd Mhic an Aba, cha b' e ach, 'eilthirich gun tùr,' a bh' anns na Sasannaich is iad gun chòir shònraichte air fearann is riaghladh.⁴⁹² Gabhar suim san fhacal 'eilthireach' a chleachd Mac an Aba mar thuairisgeul air na Sasannaich an Aotearoa. Gun teagamh, chualas am facal gu minig aig bàird agus sgrìobhadairean eile is iad a-mach air fògarraich Ghàidhealach thar sàile. Eu-coltach ri sin, ge-tà, b' e duine coimheach gun chòir air fearann agus riaghladh a bha fa-near dha Mac an Aba. 'S e sàr eisimpleir a th' ann an sin air cleas a tha cumanta ann an sgrìobhaidhean ioma-chultarail. Chuir Mac an Aba agus sgrìobhadairean eile brìgh ùr ri briathrachas a fhreagair air co-theacsa na tìre cèine. Fiù 's ged a dh'aithnicheadh luchd-leughaidh an Alba is an àitichean eile am briathar, chan eil sin ri ràdh gun do thuig iad a bhrìgh gu h-iomchaidh.

Na chuid rannsachaidh air litreachas Sìnis an Astràilia, tha Zhong a' cur far comhair gun do thog na ciad phàipearan-naidheachd Sìneach ceann an Astràilia air sgàth, '*increasing pressure from anti-Chinese sentiments in the mainstream population.*'⁴⁹³ Chuir an dìmeas a dh'fhiosraich na Sìnich an Astràilia aig deireadh na 19mh linne comann is co-chomann nam

489 NZPO, 26 an Gearran 1881, td. 19.

490 *Ashburton Guardian*, 5 am Màrt 1881, td. 2.

491 Feuchaibh mar eisimpleir, briathran an eachdaire, John Fordun, a sgrìobh san 14mh linn ann an *Chronica Gentis Scotorum*, 'The island and mountain people however are fierce and untameable, uncouth and unpleasant, much given to theft, fond of doing nothing, but their minds are quick to learn, and cunning. [...] They are always hostile and savage [...] also towards their fellow Scots because of the difference in language.' (*Johannis de Fordun Chronica Gentis Scotorum*, deasaichte le W. F. Skene agus eadar-theangaichte le Felix J. H. Skene, 2na tionndadh (Dùn Èideann 1871-2) [*Chron. Fordun*] i, 42; ii, 38; às-carrann ann am Martin MacGregor, 'Gaelic Barbarity and Scottish Identity in the Later Middle Ages' ann am Dauvit Broun agus Martin MacGregor (deas.), *Mìorun mòr nan Gall, 'The great ill-will of the Lowlander'? Lowland perceptions of the Highlands, medieval and modern* (Glaschu, 2009), tdd. 7-48 (7). Feuchaibh cuideachd, Stroh, *Uneasy Subjects*, tdd. 69-75.

492 NZPO, 2 an Giblean 1881, td. 15.

493 Zhong, 'Towards a Multilingual National Literature', td. 3. Chuireadh an *Chinese Australian Herald* an clò ann an 1894 agus an *Tung Wah News* ann an 1898.

measg an neart. Tha an rann deireannach ann an dàn Mhic an Aba a' dearbhadh cho cosmhail ri sin is a bha suidheachadh agus freagairt nan Gàidheal an Aotearoa. Chaidh Mac an Aba fhèin an sàs ann an Comann Gàidhlig Tìr a Deas a stèidhicheadh san Fhaoilleach 1882 fo sgèith Comann Gàidhlig Dhunedin.⁴⁹⁴ Bha e na bhall àbhaisteach ged a bhiodh e cuideachd a' gabhail obair rianachd is sanasachd os làimh, mar eisimpleir reic agus craobh-sgaoileadh thiocaidean do choinneamhan a' Chomainn.⁴⁹⁵ Tha cuideachd coltas air gun do chuir Mac an Aba barrachd sgrìobhaidhean Gàidhlig do MhacGillÌosa ged nach do chuireadh an clò iad a-riamh.⁴⁹⁶

Ged nach do chuir MacGillÌosa ach uiread beag de bhàrdachd Ghàidhlig ùr an clò, bhiodh na bha ann dhith a' nochdadh gu cunbhalach. B' urrainnear fiù 's a ràdh gun robh bàrdachd Aotearoa suaicheanta don cholbh sna tùs-bhliadhnaichean is òrain an Sgitheanaich, Iain MhicGillÌosa (1810-1873), am measg nan ciad òran Gàidhlig a dh'fhoillsich an *NZPO*. Thog an Sgitheanach, a bhean, Catherine, agus na ceathrar chloinne aca orra a dh'Aotearoa air an long-eilthireach, *Strathallan*, ann an 1857 às dèidh do charaidean an Alba iarraidh air MacGillÌosa searmonachadh do Ghàidheil Otago.⁴⁹⁷ Ged nach tàinig na planaichean sin gu buil, cheannaich an teaghlach tuathanas, 'Bailard', ann an Hampden, Otago, far an do chaochail am bàrd ann an 1873.⁴⁹⁸ Tha fianais ann an Cruinneachadh Hocken an Dunedin a' cur mun aire dhuinn gur dòcha gun robh an deasaiche, Iain Fionnlastan MacGillÌosa, càirdeach don bhàrd.⁴⁹⁹ B' ann ann an Tapanui, an Tìr a Deas, a bha Catherine NicGillÌosa agus a' chlann a' fuireach sna 1880an nuair a chuireadh bàrdachd a cèile an clò san *NZPO*.⁵⁰⁰ Mura b' ise a chuir a' bhàrdachd don deasaiche, tha cothrom ann gun do chuireadh thuige na h-òrain à Alba far an robhar air cuid dhiubh a chur an clò an toiseach. Tha fhios gun robh làmh aig a' bhàrd MacGillÌosa ann an lionra clò-bhualaidh is foillseachaidh na Gàidhlig an Alba. B' ann a bha bùth clò-bhualaidh aige an Glaschu a chuir e gu feum airson a chuid litreachais fhèin

494 *Southland Times*, 19 an Cèitean 1882, td. 1.

495 Ibid.

496: *NZPO*, 21 an Cèitean 1881, td. 11.

497 *Otago Witness*, 5 an Dùbhlachd 1857, td. 5.

498 *Otago Daily Times*, 15 an Dàmhair 1873, td. 2.

499 Iain F. MacGillÌosa, 'Newspaper clippings book', MS-1653, 273G, Cruinneachadh Hocken, Dunedin, Aotearoa Sealann Nuadh. Tha cuireadh do thiodhlacadh mac bràthair a' bhàird ann am Bracadal – clachan san Eilean Sgitheanach dhan do bhuin an dithis – am measg phàipearan an deasaiche. Tha iomraidhean air làrach-lìn slòinntireachd Bhreatainn a' cur air shùilean dhuinn gur docha gum b' e mac bràthair MhicGillÌosa a bh' anns an Dr MacGillÌosa. Feuchaibh, Bruce W., 'Gillies wanted!', *British Genealogy*, <https://www.british-genealogy.com/forum/threads/83608-Gillies-wanted!> [ruigte 27.11.2023].

500 Katherine Blakeley, 'Catherine Gillies', *New Zealand History: Nga korerō a ipurangi o Aotearoa*, <https://nzhistory.govt.nz/suffragist/catherine-gillies> [ruigte 26.11.2023].

fhoillseachadh sna 1850an.⁵⁰¹ Tha an *Typographia Scoto-Gadelica* a' sealltainn gum b' e bàrdachd spioradail, mhoralta, agus mholaidh gu h-àraidh a chuir MacGillÌosa an sgrìobhadh agus an clò.⁵⁰² Bhiodh e cuideachd a' cur Gàidhlig air litreachas spioradail is '*Winter afore Harvest*' le Joseph Charles Philpot (1802-1869) am measg nan sgrìobhaidhean Gàidhlig a bu tràithe a dh'fhoillsich e.⁵⁰³ Cha do chuir eilthireachd gu Aotearoa bacadh air na bu mhotha earrannan Gàidhlig a chur an clò an Alba. Chuir e lìonra tar-nàiseanta gu feum airson litir agus cumha a chur a dh'Alba far an do chuireadh an clò iad ann an 1858 agus 1867.⁵⁰⁴ Ach a dh'aindeoin 's gun do sgrìobhadh sa cholonaidh iad, cha do nochd an aona chuid ann am foillseachaidhean Aotearoa. Chuir bràthair MhicGillÌosa, Ruaraidh MacGillÌosa, dà òran a bharrachd chun an *Oban Times* ann an 1888 a rinn am bàrd an Aotearoa, a rèir choltais.⁵⁰⁵ Am feadh is a tha an dàrna òran, 'Leugh mi sgeul a *Paipear-sgeula*', gun chlà-bhualadh an Aotearoa, chuir an *NZPO* am fear eile, 'Nuair a dh'fhàg sinn Alba thuathach', an rathad luchd-leughaidh ann an 1882.

Cha b' e 'Nuair a dh'fhàg sinn Alba thuathach' ach, 'Thoir soraidh uam 'san uair so', a bha aig an Dr MacGillÌosa air an òran is cuid de na rannan ann an òrdugh eadar-dhealaichte an taca ri tionndadh an *Oban Times*.⁵⁰⁶ Eu-coltach ris a' phàipear Albannach, chuir an colbh Gàidhlig cuideachd fonn ris, 'Cead deireannach nam beann'. B' e cleas beag ach cudromach a bha seo is thug am fonn buaidh mhòr air feum agus fàth na bàrdachd. Rinneadh luaidh cheana air rud cosmhail ri sin a dh'èirich don òran, 'Mo Mhàthair', le Seumas MacIlleMhaoil. Chuireadh e sin cuideachd an clò san *Oban Times* às aonais fuinn ged a chuir an *Southern Cross*, pàipear-naidheachd Aotearoa, fonn ris.⁵⁰⁷ Tha na diofar mhodhan conaltraidh an cois dhàn agus òran fo sgrùdadh aig Breandán Ó Madagáin a nochdas dhuinn gu bheil òrain a' coileanadh grunnan rudan: cuiridh iad conaltradh an comas agus, le sin, co-chomann an gleus agus an neart.⁵⁰⁸ B' e co-chomann sluagh-sgapach a bhrosnaich 'Thoir soraidh uam 'san uair so' is an t-òran a' cur chleasan seana agus chleasan ùra an eagaibh a chèile. Aithnichear co-dhiù dà ghnìomh sluagh-

501 Donald Meek, 'Gaelic Printing and Publishing', ann am Bill Bell (deas.), *The Edinburgh History of the Book in Scotland, Vol. 3, Ambition and Industry 1800-1880* (2007), tdd. 107-122 (109); Kidd, 'Kangaroos and Cockatoos', td. 11.

502 MacIlleathain, *Typographia scoto-gadelica*, tdd. 136-138.

503 Meek, 'Gaelic Printing and Publishing', td. 109. Thogadh air eadar-theagachadh MhicGillÌosa cuideachd san, *Oban Times*, 30 an t-Ògmhios 1888, td. 3.

504 Iain MacGillÌosa, *Litir bho Iain Mac Gil' Ios', A New Zealand* (1858); Iain Mac-Gill'Ios', *Cumha do Eoghan Mac Coinnich, a chaochail 'an Otago, New Zealand, air an T-seachdamh la de cheud mhios na Bliadhna 1867* (Glaschu, 1867).

505 *Oban Times*, 14 an t-Iuchar 1888, td. 3; *Ibid.*, 25 an Lùnastal 1888, td. 3.

506 *NZPO*, 11 an Gearran 1882, td. 20.

507 Feuchaibh, *Southern Cross*, 8 an t-Ògmhios 1895, td. 7; *Oban Times*, 11 an Dùbhlachd 1886, td. 3; *Ibid.*, 27 am Faoilleach 1900, td. 7. Tha an gnothach fo sgrùdadh air td. 71.

508 Ó Madagáin, 'Functions of Irish Song in the Nineteenth Century', tdd. 140-141.

sgapach an sin, ‘*orientation to homeland*’ agus cuideachd ‘*ethnic boundary maintenance*’.⁵⁰⁹ Saoilear sa chiad dol a-mach gum b’ aithne don chuid a bu mhotha den luchd-leughaidh araon an t-òran, ‘Cead Deireannach nam Beann’, agus am bàrd a rinn e, Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir. Mar sin dheth, chuir am fonn leis fhèin an cuimhne nan in-imrichean na bha – air neo na bu chòir a bhith – dùthchasach, gnàthach, agus priseil dhaibh. Ach mar a dh’ainmicheadh roimhe, cha b’ e tionndadh cèin-thìreach de rud Albannach a bha fa-near do Ghàidheil an sgapaidh-shluaigh. Chuir briathran ùra MhicGillÌosa am fonn dùthchasach – cuide ris na tèaman, ìomhaighean, agus samhlaidhean a dhùisg òran Mhic an t-Saoir san luchd-leughaidh agus luchd-èisteachd – anns a’ cho-theacsa ùr: co-theacsa Aotearoa. Cha robh an co-theacsa sin ceart cho coimheach no eagalach le taic an fhuinn a bha na dhrochaid eadar rud a b’ aithne dha na h-in-imrichean is rud a bha ùr dhaibh. Bhite an dùil gum b’ ann a dh’aona-ghnothach a thagh MacGillÌosa fonn a bhuineas do dh’òran anns a bheil am bàrd a’ caoidh nan làithean a dh’aom is an atharrachaidh a bha air tighinn air an tìr agus a bheatha na sheann aois. Tha John Shaw a’ mìneachadh gum bu dual do na Gàidheil o shean òrain a chur gu feum airson gnothaichean cudromach a chur an cèill agus gu deasbad. ’S e eisimpleir de na gnothaichean sin, co-chomainn, dilseachd do dhùthchas is dhualchas, cumhachd eòlais, gaol, aintighearnas, agus ana-chothrom.⁵¹⁰ Bha na gnothaichean sin uile ceart cho cudromach is co-aimsireil do Ghàidheil an sgapaidh-shluaigh is a bha iad dha na Gàidheil o shean agus co-aimsireil an Alba.

Tha a’ bhàrdachd a thagh an Dr MacGillÌosa airson foillseachadh uile a’ nochdadh chleasan is chuspairean a dh’fhàg freagarrach i do luchd-leughaidh a bha beò ann an àrainneachdan ioma-chultarail. Bheir ‘Thoir soraidh uam ’san uair so’ deagh eisimpleir dhuinn air imcheist an imriche a bha làn smuaintean is fhaireachdainnean a chaidh rudeigin an aghaidh a chèile. Ghabh e maraon sùil air n-ais agus sùil air n-adhart; bha e iriosal leis na bha e air fulang an Alba agus sanntach leis na bha e a’ sùileachadh ri beatha an Aotearoa; bha e a’ togail gu neo-chealgach air an dàrna gnothach agus balbh mu gnothaichean eile.⁵¹¹ Ann am faclan Sonia Mycak, bha e an comas don sgrìobhadair ioma-chultarail, ‘*to present the unsavoury realities of building a new life [and] tell of deprivation and discrimination in pursuit of the great [...]*

509 Bueltmann et al., *The Scottish Diaspora*, ttd. 19.

510 John Shaw, ‘What Gaels Communicate through Song and Singing’, ann am Pekka Huttu-Hiltunen, Janne Seppänen, Eila Stepanova, Frog, agus Riikka Nevalainen (deas.), *In Laulu Kulttuurisena Kommunikaationa / Song as Culture Communication: Proceedings from the Runosong Academy Jubilee Seminar, 8-10 October 2010* (Kuhmo, 2010), ttd. 1-16 (14). Airson barrachd fiosrachaidh air feum is fàth òran Gàidhlig is an traidisean nan cois, feuchaibh, MacAonghais, ‘Gaelic Poetry in the Nineteenth Century’, ttd. 357-379; agus Ó Madagáin, ‘Functions of Irish Song in the Nineteenth Century’, ttd. 53, 130-216.

511 Tha beachdan is faireachdainnean neo-chòrdail den leithid ann am bàrdachd Bheurla an luchd-tuineachaidh Albannaich an Aotearoa cuideachd fo sgrùdadh aig Moffat, ‘The Poetry and Fiction of Scottish Settlers in New Zealand’, ttd. 59-77.

*dream.*⁵¹² Tha ‘Thoir soraidh uam ’san uair so’ a’ dèanamh luaidh, uaithe sin, air an dà chuid dochair agus dòchas a’ bhàird. Tha rannsachadh Kristina Moffat air bàrdachd agus rosg an luchd-tuineachaidh Albannaich an Aotearoa a’ togail air a’ cheart nàdar dà-fhillte sin. Da rèir, bha na sgrìobhadairean beò ann an dà shaoghal: saoghal na seann dùthcha a dhùisg cianalas agus aithreachas annta agus saoghal na dùthcha ùire a bhrosnaich an dà chuid imcheist agus dòchas. ’S ann ris a’ ghnòthach dhà-fhillte sin, am beachd Moffat, a bha litreachas an luchd-tuineachaidh Albannach a’ dèiligeadh gu minig an Aotearoa.

*Dealbh 16: ‘Thoir soraidh uam ’san uair so’ le Iain MacGillÌosa*⁵¹³

’N uair sheall mi air gach taobh dhìom,
 Cha ’n fhaodainn gun bhi smalach,
 Cha ’n fhaicinn coill na fraoch ann
 ’S na daoine’ bha leam cha b’ aithne dhomh.
 Cha ’n fhaicinn ach na speuran
 Le ’n gealach grian ’us reultan,
 ’Us tonnan borb a beuchdail
 Air muin a cheil gu faramach.

Bha sud na chaochladh dhomhsa
 Bha ’n tus mo lo ’s na gleannaibh,
 Feadh coill ’us fraoich ’us mointeh,
 Aig arach bho air bhealaichean;
 Cha ’n fhaicinn muir an uair ud
 Gu ’n dirinn aird na fuarbheann,
 ’S cha drinn mi idir bruadar
 Air gabhadh cuain Australia.

Gur mor an taobhar smaointin,
 Na daoine caomh bha maille rinn,
 Bha fealaidd uasail faoillidh,
 ’S gur gann tha aon ri faighil dhiubh.
 ’Fhuair iomadh aon am bas dhiubh,
 ’Us sgapadh cuid ’s cearn dhiubh,
 ’S na tallachan bha blath ac
 Ha ’n diugh na laraich fhalamh iad.

Ged ’s gealtach air na cuantaibh
 Na gaidheil thruagh tha ainnaiseach
 Cha mhaireadh ach dìom—buain iad
 ’S bu dualach dhoibh teachd thairis orr,
 Tha iomadh aon ’s an uair so
 Tha saibhir ’s na ’n daoine’ uaisle,
 A bha ’s bh’idh na ’n truaghain
 An Albuinn thuath na fanadh iad.

Tha cuid do shaors’ san Alb’
 Aig fear airgoid a bheir barrachd air,
 Ach ’s gann gach tir gu falbh thu,
 Feadh gar bhlaichean ’us machraichean
 Ach oibrich’ air bheag duaise.
 Le teaghlaich lag ’s bean thruagh aig:—
 Cha ’n eil air uachdar Chuanstan
 Aon tir is truaighe dha fan liunn innt.

⁵¹² Mycak, ‘Australian Multicultural Literature’, td. 81.

⁵¹³ NZPO, 11 an Gearran 1882, td. 20.

'N uair dh' fhag sinn Albuinn thuathach
 Le Cabhlach luath nan craunagan,
 Chaidh sinn troimh theas 'us fuachd
 A bha uamasach ri thachairt orr.
 'S ged 's iomadh tonn a bhual sinn
 'Sa bhagair falach cuain oirn,
 Thug Dia na throcair bhuan sinn
 A steachd 'on chuan do n' chala so.

Tha sinn am port Dhuneidin,
 'N Otago ann an acarsaid,
 Far faic sinn sealladh ceutach
 Air coill 's air sleibh 's air machraichean.
 'Us ged nach faic sinn straidean
 Le caesteil 's stiopail arda,
 Tha coile 'us tir fo bhath ann
 Am bheachd 's aill toirt barrachd orr.

Thoir soraith 'uam 's an uair so
 Gu Albuinn thuath na 'm breacanan
 Gu braithrean 's cairdean suairee
 Ne 'n robh e cruaidh leam dealachadh.
 'S ged 's mor an taster cuain
 A ta eadruinn air an uair so,
 Mo cheangal riu cha 'n fhuasgail
 Gu 'n tris' an uaigh na banuaibh ad.

THE LATE J. GILLIES,
 Of Hampden.

Ach chan e an rèiteachadh sin a-mhàin a dh'fhàgas òran MhicGillÌosa inntinneach. Tha Kidd a' cur air shùilean dhuinn gu bheil tuairisgeul a' bhàird air an turas-chuain gu Aotearoa a' cur nas fhaide ri luach na bàrdachd. Chan e a-mhàin gu bheil cunntasan den leithid cuimseach tearc ann an Gàidhlig, tha iad cuideachd gu minig gann de dh'fhiosrachadh mionaideach.⁵¹⁴ On a chuireadh gu leòr dhiubh an clò an Alba airson eilthireachd a bhrosnachadh, b' fheàrr cuideachd treibhdhreas nam foillseachaidhean Albannach a chur an amharas. 'S e eisimpleir den leithid leabhar Peter Barclay, *Geàrr-chunntasan air New Zealand air son Feum Luchd-imrich*, a sgrìobhadh am Beurla an toiseach mus deach eadar-theangachadh chun na Gàidhlig ann an 1872. Tha litir le caileag a shiubhail dhan a' cholonaidh air an long-eilthireach, *Halcione*, an cois an leabhair is i a' nochdadh eisimpleir de chunntas a tha rudeigin aotrom,


Bha turus-mara gle thaitneach againn a' tigh'n a mach [...]. Bha pailteas a dh-aimsir ghairbh againn, ach cha robh gaillionn ann. Bha 'n caiptean gle chaoimhneil ruinn; chan e 'mhàin gu-n d' rinn e na h-uile ni taitneach, ach rinn e na bha 'n a chomas gu ar toileachadh [...]. Ràinig sinn *Wellington* ann an ceithir fichead là 's a cuig, agus bha sin air a mheas 'n a thurus a bha gle aithgearra.⁵¹⁵

⁵¹⁴ Kidd, 'Kangaroos and Cockatoos', td. 11. Gheibhear taghadh de bhàrdachd Ghàidhlig air an turas-chuain gu Astràilia ann an leabhar Cumming agus Cardell, *Sgeulachdan Goirid agus Bàrdachd à Astràilia*, tdd. 48-67. Airson eisimpleir de bhàrdachd Ghàidhlig air an turas-chuain gu Ameireagaidh a Tuath, feuchaibh, MacDonell, *The Emigrant Experience*, tdd. 66-68, 106-112, 160-162; Newton, *Seanchaidh na Coille*, tdd. 121-183; Donald A. Ferguson (deas.), *Fad air falbh as Innse Gall; leis chomh-chruinneachadh Cheap Breatainn* (Halifax, 1977), tdd. 42-43; Màiri Nic a' Ghobhainn (deas.), *Sheòl Mi 'n-Uiridh; Òrain mun t-Seòladh* (Llandysul, 2009). Tha cunntasan Beurla air an turas-chuain a dh'Aotearoa rim faotainn ann an, Tony Simpson, *The Immigrants; The Great Migration from Britain to New Zealand, 1830-1890* (Auckland, 1997) agus Marjory Harper, 'The evolution of emigrant travel to New Zealand in the nineteenth and twentieth centuries', *Journal for Maritime Research* 18:1 (2016), tdd. 17-35.

⁵¹⁵ Peter Barclay le eadar-theangachadh bho Fhearchair Dòmhnallach, *Geàrr-chunntasan air New Zealand; Air son feuma luchd-imrich* (Dùn Èideann, 1872), td. 25.

Ge-tà, cha tig litir na caileige air neo ‘Thoir soraidh uam ’san uair so’ an uisge na stiùrach don tuairisgeul a bheir an t-òran, ‘Strathallan’, dhuinn air turas MhicGillÌosa a dh’Aotearoa.⁵¹⁶ Chuireadh an t-òran an clò sa cholbh Ghàidhlig cha mhòr bliadhna air thoiseach air ‘Thoir soraidh uam ’san uair so’.

Dealbh 17: ‘Strathallan’ le Iain MacGillÌosa⁵¹⁷



⁵¹⁶ NZPO, 30 an Giblean 1881, td. 19.

⁵¹⁷ Ibid.

B' ann air ceithramh là October (1851)
A rinn sinn seoladh on chala.

O se, etc.

'N uair dh'fhag sinn cidhe Libhte,
Bha mhuir libhte mar a ghlaine.

O se, etc.

Ach mu 'n d'ainig beul na h-oiche,
Bha doinionn oilteil ga'r leantuinn.

O se, etc.

'S chuir i sinn do chuan na Gearmailt,
'S be chul' fharmaid a bhi mar--ruinn.

O se, etc.

'S dh'fhag an doinionn air bheag sgoinn sinn,
Ceither lá 'us oichean fada.

O se, etc.

Ged a bha ar bata gleusda,
Bha aisnean a cleith a bragail.

O se, etc.

A croinn chalma laidir ura,
Bha iad a lubadh mar shlataig.

O se, etc.

Cha robh toll air a clar uachdair,
Nach robh sruth na luath's a teachd leis.

O se, etc.

Is samhail na gàir cha chualas,
O chaidh cluasan air mo chlaiginn.

O se, etc.

Thainig sgeul air latha sabaid,
Gun robh ar bata na lasair.

O se, etc.

Air na gnuissean a bha aillidh
Bha aogas a bhais le cabhaig.

O se, etc.

Ach tre chombnadh Dhe nan trocair
Mhuchadh an ceo is an lasair.

O se, etc.

Thainig sinn gu leth an t-saoghail
Far robh sinn daonan nar fallus,

O se, etc.

Dh'fhaòdadh tu cadal gun leine,
Na 'm baill leat fein ann an crannaig.

O se, etc.

Ach ruith sinn 'e theas gu fuachd,
Nach d'fhairich san taobh tuath a shamhail.

O se, etc.

'N uair rainig sinn " Ceap-an-Dochais,"
Bha muir bochdach mar na beannaibh.

O se, etc.

Mar gun tearnadh " Beann-an-Sgath,"
'S dol an aird ri " Beinn-a-chearcail."*

O se, etc.

Cheangladh dithis air an stinir,
Do 'n dream bu turnail' bha againn.

O se, etc.

Bha sinn a ruith roimh na gaathaibh,
S b' aobhar-smaointin a bhi mar-ruinn.

O se, etc.

Cha ghiulaineadh sinn snaim do aodach,
Ach aon seol caol anns a chabhaig,

O se, etc.

Dheanadh cuid do thuinn a bualadh,
A dheanadh fuaim mar na canain.

O se, etc.

Shruladh na tuinn air a h-uachdar,
Mar easa luath bhi'dh air amhuinn.

O se, etc.

Cha seasadh ceannard na seol'dair,
Mar biodh rop ann a lamhan.

O se, etc.

Dh' earainn air gach neach a dh'fhaodas,
Fuireach daonan aig a bhaile.

O se, etc.

The Luxuries of the Voyage.

Far am bi'dh do cheann an drasda,
Bhiodh do shailean ann ceart uair.

O se, etc.

Na h-uile sion a measg a cheib,
'S cha 'n eil feum dhomh bi ga aithris.

O se, etc.

Mnathan ag iomchair am feirposda,
Gun cuireadh am borlum stad orr.

O se, etc.

" Bu maith dhuinn a bhi mar a bha sinn,
Seach mo bhathadh anns an fhaichd so.


O se, etc.

Craicionn mo luirgnean ga sabhadh,
Dol do leabaidh air is sail innt.

O se, etc.

Ga mo thachdadh le droch aileadh,
'S gur gann a thairneas mi m'anail.


O se, etc.



Tha an t-òran a' tighinn gu crìch gu h-obann is saoillear nach do chuir an Dr MacGillÌosa na rannan air fad an clò. A dh'aindeoin sin, tha comhairle a' bhàird soilleir, 'Dh'earainn [iarrainn] air gach neach a dh'fhaodas, / Fuireach daonnan aig a bhaile. / 'S beag tha fios aig fear na tire, / Cìod e mi-mhodh fear na mara.'⁵¹⁸ Cha ghabhar iongnadh nach do chuireadh an t-òran ach fa chomhair luchd-leughaidh a bha air an turas dìblidh a ghabhail cheana. Tha briathran neo-chealgach a' bhàird a' toirt fianais air an t-seòrsa, '*unsavoury realities*,' a tha suaicheanta do chuid de na sgrìobhaidhean a rinneadh an cèin agus, theagamh, do cheudfathan imrichean eile. Le sùil air an t-seòrsa breithneachaidh a bhrosnaicheas litreachas ioma-chultarail, tha feum is fàth an òrain soilleir. Leig an tuairisgeul air an turas-chuain leis a' bhàird, an luchd-èisteachd, agus an luchd-leughaidh seanchas a ghabhail air na bha air èirigh dhaibh. B' urrainn dhaibh le chèile dol an greim an eòlais imrich aca. Chan e a-mhàin gun do dhaingnich eòlas a bha an cumantas aig na h-imrichean co-chomann eatarra, thug e cuideachd cothrom dhaibh an aithne shluagh-sgapach aca a sgrùdadh agus crìochan a thogail mu a timcheall. Mar a chanadh roimhe, bha na crìochan sin cudromach dha na Gàidheil an cèin on a thug iad comas dhaibh coimhearsnachdan a thogail a bha stèidhichte air eòlas agus cultar coitcheann. Aon uair is gun robh coimhearsnachd stèidhichte aca, bha seòrsa ionad (no teas-meadhan) cultarail ann a ghabh glèidheadh, neartachadh, agus craobh-sgaoileadh nan dearbh chleasan os làimh a bha suaicheanta don choimhearsnachd ùir.

⁵¹⁸ Tha coltas air gun do dh'atharraich MacGillÌosa an sean-fhacal tùsail ach am freagradh e na b' fheàrr air an t-suidheachadh aigesan, 'Is beag fios aig fear na tàimh air ànradh fear na mara.' Dh'fhaoidte gur e eisimpleir eile a tha seo air an rèiteachadh càinain a ghabh cuid de dh'imrichean Gàidhealach os làimh. Feuchaibh, Alexander Nicholson (deas.), *A Collection of Gaelic Proverbs and Familiar Phrases based on MacIntosh's Collection* (Dùn Eideann, 1882), td. 217.

Mapa 9: Hampden, Palmerston, agus Dunedin, Otago⁵¹⁹



Thig threibhdhreas MhicGillÌosa nas fhaide am follais sna h-òrain eile a rinn e an Aotearoa. A-rèiste, tha an t-òran, ‘Nuair a chuala mi ’n sgeul’, a’ nochdadh breithneachadh neo-chealgach a’ bhàird air cor na colonaidh.⁵²⁰ On a tha an t-òran a’ toirt iomradh air òr, ‘Far bheil or anns an Iar / A ni statail an cinneach,’ saoillear gum b’ ann uaireigin sna 1860an a rinn MacGillÌosa e is fhios againn nach do lorgadh òr an Otago gu ruige 1861.⁵²¹ Cuideachd, b’ ann ann an 1860 a cheannaich an teaghlach tuathanas ann an Hampden, Otago, is theagamh gun gabh iomraidhean air àiteachas san òran ceangal ri sin.⁵²² Cha b’ e ‘Nuair a chuala mi ’n sgeul’ ach ‘*New Zealand as painted by emigration agents at home some twenty-five years ago*’ ainm an òrain san NZPO. Mar a bheir an tiotal fa-near dhuinn, tha geallaidhean fuadan fhear-gnothach eilthireachd aig cridhe an dàrna leth de na rannan.⁵²³

⁵¹⁹ Topographical Services, *Hampden, Southland; Palmerston, Southland; Dunedin, Otago*, <https://www.topomap.co.nz/NZTopoMap?v=2&ll=-45.904225,168.71069&z=9> [ruigte 14.05.2024].

⁵²⁰ NZPO, 19 an Gearran 1881, td. 19; NZPO, 26 an Gearran 1881, td. 19.

⁵²¹ Carl Walrond, ‘Gold and gold mining – Otago’, *Te Ara – the Encyclopedia of New Zealand*, <https://teara.govt.nz/en/gold-and-gold-mining/page-3> [ruigte 30.11.2023].

⁵²² Tha ainm MhicGillÌosa a’ nochdadh air clàran bhòtaidh na sgìre sa Ghiblean 1864. *The Oamaru Times and Waitaki Reporter*, 14 Giblean 1864, td. 6. Tha e cuideachd sgrìobhte ann an iomradh bàis MhicGillÌosa gun do cheannaich an teaghlach an tuathanas an ceann dà bhliadhna às dèidh dhaibh Otago a ruigsinn. *Otago Daily Times*, 15 an Dàmhair 1873, td. 2.

⁵²³ Airson barrachd fiosrachaidh air na fir-ghnothaich eilthireachd, feuchaibh, Marjory Harper, ‘Enticing the Emigrant: Agency Activity in the Highlands’, *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* 62 (2002), tdd. 54-78, Marjory Harper, ‘The persuaders: recruiting Scots for New Zealand’, *History Scotland* 10:4 (2010), tdd. 15.

Nuair a chuala mi 'n sgeul
Mbeal mi fein agus iomadh,
Thug mi aont dhol air sàl,
'S dhomh bu chraiteach an turras !

Fadachd orm gun ruiginn thall
Dhìumsaidh ceann eile an turrais,
Far robh saors agus àgh
An co-pairt aig gach duine !

Far robh samhradh do ghnath
Cheart cho blath ris an iuchar,
Far nach feum an crodh bàn
Fodar, bathach, no turneap !

Far bheil Fion uisge ghnath
Teachd a mhain 'o gach fireach
'O na beanntaichean ard
'S currac bàn air a mullach.

Far an ciun am puntat
I's gach barr e'd a chuineas,
Far nach iarr iad ga fàs
Feamainn, lathach, no inneir.

Far bheil tuarasdail ard
Do na phairt a bha 'n cunnart,
Bhi nan truaghain 's nan trailleann
Sachbearn anns an d'rugadh.

Far am faod nighean og
Fear a coigeir a phiochdadh,
Dha 'm bi ionnamhas is storras
A dh'fhogras an drip uaith,

Far nach faod am fear aitich
Bhi saruiecht' le trioblaid—
'Se oehd uairean do 'n la
'N uine is gnath leo bhi dripeil.

Far nach cluinn fad na bliadhna
Guth air iargain no tinneas,
Far an ainmig am bas
Teachd an aird gus an uinneag !

Far bhiel or anns an Iar
 A ni statail an cinneach ;
 Far nach cluaintear na mail
 Le maoir dhaua gan sireadh.

 Far an d' iompaicht luchd na meirl'
 'On a cheaird a bha trie ac,
 Bhi ri slaodadh cuid chaich—
 Tha au sàth ann an sud ac !

 Tha luchd riaghlaidh an àit
 Gun chlaonbhaigh ri aon duine !
 'S tha Chleir foghlumaicht ard
 'S cha d'rinn "Mammon" a milleadh !

Thig an cuibhreann den òran a dh'fhoillsicheadh an toiseach gu crìch leis na briathran, 'An tìr – do fhion tha i lán / 'S bainne blàth tha i silleadh ! / 'S cha bhi miann nach bi saslicht / 'N Otago gun d'thig thu.'⁵²⁵ Chì sinn fhathast gu bheil an còrr de na rannan de ghnè eile is MacGillÌosa a' nochdadh don luchd-èisteachd/luchd-leughaidh na firinne mu choinneamh gach geallaidh fhuadain a thàlaidh chun na colonaidh e. 'S ann a tha an cuibhreann sin den òran a' cur rannan a' bhàird MhicGilleain an Canada, 'Seann Albainn agus Albainn Ùr' no 'Òran eadar Iain MacGilleain agus an Coirneal Friseal', nar cuimhne.⁵²⁶ Ach am feadh is a tha òran MhicGilleain a' dearbhadh rèiteachadh a' bhàird ri beatha an Alba Nuadh, tha am fear a rinn MacGillÌosa an Otago a' cur mì-ghean a' bhàird an cèill.

Dealbh 19: Òran MhicGillÌosa, 'Nuair a chuala mi 'n sgeul'⁵²⁷

'Thuair tha dàra taobh mo dhàin,
 Taobh mo nàmh is mo chreiche ;
 'S mas a fear mi bhitheas beo
 Gheibh thu 'n corr dheth ma shireas.

 Nuair a rainig sinne thall
 Gur ann a bha 'n iomairt,
 Bha gach Sasanach is gall
 Cealgach, sanntach 's neo-cheaualt.

⁵²⁵ Ibid.

⁵²⁶ Robert Dunbar, 'The Secular Poetry of John MacLean, 'Bàrd Thighearna Chola', 'Am Bàrd MacGilleain.' (Oilthigh Dhùn Èideann: Tràchdas PhD neo-fhoillsichte, 2006), tdd. 160-161.

⁵²⁷ NZPO, 26 an Gearran 1881, td. 19.

'S eia be gaidheil a bha ann
Do na ghraisg a bha 'n cumhachd,
Yanks is Eiriannach gun Phàp
Dithis b'fhèarr do na chudeachd.

'N aite saors agus àgh,
Bhi 'n copairt aig gach duine,
Gheibh thu daorsa gu bàs
Mar deau mammon do theireadh.

'N ait samhradh a ghnath
Cheart cho blàth ris an inchar,
Tha coig miosan san ait so
Do anradh 's do fhleuchadh.

Ged a chinn am buntàt
Agus barr eile chuirear
Ann an lionmhorachd àit,
'S gaun gum paigh e fear-cura.

Ged a chinn am buntàt
Agus barr eile chuirear
Ann an lionmhorachd àit,
'S gaun gum paigh e fear-cura.

'N ait gum faod nighean og
Fear a coigear a phiocadh,
Cha neil sean duin' na òg
Nach faigh oigh ann ma shireas.

'N aite ochd uairean san là
A' bhi saruicht le trioblaid
Cha bhi crìoch gu do 'bhàs
Air do sharach 's do thrioblaid.

Na tha dh' òr anns an lar
'S 'truagh a phairt tha ga shireadh
'S tha na cisean 's na mail
Le maoir dhana ga 'n sireadh. }

'N ait bhi sabhailt mar Adh'mh
Sa gharadh man thuit e,
'S ann bhios ruaig ort le Càen
Do bhràthair is seine.

Chan ann air breugan nam fear-gnothach a-mhàin a tha càineadh MhicGillÌosa a' cuimseachadh ach cuideachd air na prìomh phrionnsabalan air an robh tuineachadh Otago

stèidhichte. Chuireadh an tuineachadh air chois ann an 1848 leis an Urr. Thomas Burns (1796-1871) agus William Cargill (1784-1860) fo sgèith na h-Eaglaise Saoire. B' ann a bha an dithis airson ceann-uidhe eilthireachd a chur air chois a thug prìomhachas dha teaghlaichean, àiteachas, agus don Eaglais Shaoir.⁵²⁸ B' iad eilthirich Albannach sa chiad dol a-mach a thuinich an Otago is iad cho pailt ann an tùs-làithean an tuineachaidh gun do bhuilicheadh an t-ainm, '*Old Identities*', orra sna bliadhnaichean a lean. Bha neach-tuineachaidh Albannach na '*Old Identity*' ma bha e air tighinn a dh'Otago eadar 1848 agus na 1860an.⁵²⁹ Chuir an Dr MacGillÌosa fhèin an t-ainm gu feum san ro-ràdh do dh'òran MhicGillÌosa, '*These verses (...) cannot fail to be of interest to old identities who can read the language, more especially such of them as came to the Colony with Mr Gillies in the 'Strathallan'.*'⁵³⁰ Thàinig atharrachadh air nàdar an tuineachaidh ri linn Boile an Òir agus nan diofar in-imrichean a ràinig a' mhòr-roinn às dèidh 1861.

Cha b' e gearan diomhain a rinn an Sgitheanach a rèir gach coltais. Thog e air a dh'Alba ann an 1870 far an do choinnich e leis an Urr. Tòmas MacLachlainn, Moderàtor Àrd-sheanadh na h-Eaglaise Saoire, an Dùn Èideann. B' e fàth a thurais droch chor spioradail nan Gàidheal an Otago a chur fa chomhair MhicLachlainn feuch an aontaicheadh an t-Àrd-sheanadh ministear Gàidhlig a chur don cholonaidh. Ged a dhiùlt MacLachlainn – air adhbhar gun robh an Eaglais Shaor an Otago beairteach gu leòr airson ministear Gàidhlig a phàigheadh – dh'fhan MacGillÌosa an Alba fad tamaill airson eilthireachd a dh'Otago a bhrosnachadh. A dh'aindeoin na bhite an dùil, nochd e do Ghàidheil air feadh na Gàidhealtachd cho finealta agus torrach is a bha Otago. Cha robh ach 'goirt spioradail' na mòr-roinne na adhbhar-ghearan dha.⁵³¹ Ach chan eil moladh MhicGillÌosa a' ciallachadh nach b' i an fhìrinn a bha aige nuair a chuir e rannan an òrain, 'Nuair a chuala mi 'n sgeul', an gleus is an sgrìobhadh sna 1860an. 'S e eisimpleir eile a th' ann air an t-seòrsa meòrachaidh a ghabh sgrìobhadairean is bàird ioma-chultarail os làimh an cèin. Bha iad am meadhan sgrùdadh a dhèanamh air na bha air èirigh dhaibh agus air na bha fhathast romhpa nam beatha. Gabhaidh ràdh le cinnt nach b' e cleas MhicGillÌosa a bh' ann an sgrùdadh den leithid is gun aithnichear am modh sgrìobhaidh sin ann an litreachas ioma-chultarail eile. Chuireadh dàn ann am Beurla Ghallda dom b' ainm,

⁵²⁸ Tom Brooking, 'The Great Escape: Wakefield and the Scottish Settlement of Otago', ann an *Edward Gibbon Wakefield and the Colonial Dream: A Reconsideration* (Wellington: Friends of the Turnbull Library, 1997), tdd. 127-130; James Beattie, 'Fashioning a Future: Part I: Settlement, Improvement, and the Conservation in the European Colonisation of Otago, 1840-60', *International Review of Environmental History* 6:2 (2020), tdd. 75-102 (81-82).

⁵²⁹ *Taranaki Herald*, 22 an Giblean 1914, td. 7; *Newcastle Morning Herald and Miners' Advocate*, 17 an Gearran 1890, td. 2.

⁵³⁰ *NZPO*, 19 an Gearran 1881, td. 19.

⁵³¹ *Otago Daily Times*, 15 an Dàmhair 1873, td. 2.

‘Allister Macallister’, an clò sa cholbh sa cheart bhliadhna a bheir fianais air na h-aon chleasan.⁵³² Tha an dàn a-mach air bana-Ghàidheal a thàinig, ‘*Te Otacow, ta land of ta gold.*’ Ged a bha i den bheachd, ‘*Tunedin ’s a wonderfu’ toon,*’ bha i cuideachd gu mòr an dùil is an dòchas tilleadh gu Alba, ‘*Wull ye puy a’ my fairm an’ my sheep, / [...] / I’ll sell them most desp’rate cheap, / An’ I’m off to see Scotland’s praw hulls.*’⁵³³ Togamaid uair eile air briathran Iain Mhic a’ Ghobhainn a chuireas air shùilean dhuinn gun robhar cha mhòr an dùil gun do dhiùlt na h-imrichean Gàidhealach rèiteachadh ri an dachaighean ùra.⁵³⁴ Ge-tà, tha litreachas na Gàidhlig an Aotearoa a’ dearbhadh gum b’ e cleas fad tamaill a bha sin agus mar a bu mhotha a sgrùd na h-in-imrichean an cor an cèin b’ ann a b’ fheàrr a chaidh aig mòran air rèite a dhèanamh leis na h-atharrachaidhean.

Le sùil air càineadh MhicGillÌosa air na fir-ghnothaich eilthireachd an Alba, tha fhios nach b’ e ròlaiste a bh’ ann is gun do thog an Sgitheanach air gnothach bha e air fiosrachadh an da-riribh. B’ ann a chuir an t-Urr. Peter Barclay na dearbh gheallaidhean sin an sgrìobhadh na leabhar, *Geàrr-chunntas air New Zealand air son feuma luchd-imrich*, aig toiseach nan 1870an. Tha coltas air, a-rèiste, nach robh atharrachadh air tighinn air ro-innleachdan nam fear-gnothach eilthireachd eadar eilthireachd MhicGillÌosa ann an 1857 agus cur air bhog leabhar Barclay ann an 1872. Stèidhich Barclay sochairean Aotearoa air gnothaichean a leithid, ‘Fhaotainn a-mach agus àiteachas’, ‘Ionmhas mèinneach’, ‘Fàs ainmhidhean agus lusan’, ‘Adhbharan misnich do luchd-imrich’, agus ‘Sgoiltean agus eaglaisean’.⁵³⁵ Coltach ri MacGillÌosa, chuir Barclay taic ris an Eaglais Shaoir an Aotearoa. Ghabh e obair mhinistrealachd os làimh an Hawke’s Bay às dèidh do Chomataidh Cholonach na h-Eaglaise Saoire a shuidheachadh san dreuchd ann an 1858. Nuair a rinneadh fear-gnothach eilthireachd dheth fo riaghaltas Julius Vogel ann an 1871, thòisich Barclay a’ brosnachadh eilthireachd am measg Gàidheil Leòdhais agus taobh an iar na Gàidhealtachd.⁵³⁶ Sgaoileadh co-dhiù 22,000 leth-bhreacan den *Gheàrr-chunntas* an Leòdhas agus air a’ Ghàidhealtachd ann an 1872 fhèin. Theagamh gur i eilthireachd an ceart duine a dh’eadar-theangaich an leabhar chun na Gàidhlig,

532 NZPO, 17 an t-Sultain 1881, td. 20.

533 Ibid.

534 Crichton Smith, *Towards the Human*, td. 17.

535 Barclay, *Geàrr-chunntas air New Zealand air son feuma luchd-imrich* (Dùn Èideann, 1872).

536 Jill Harland, ‘Spin Doctors or Informed Lobbyists? The Voices of Four Presbyterian Ministers in the Emigration of Scots to the Antipodes, 1840-80’, *Journal of Irish and Scottish Studies* 10:1 (2022), tdd. 21-49 (39-40), agus Marjory Harper, ‘A Century of Scottish Emigration to New Zealand’, *Immigrants & Minorities* 29:2 (An t-Iuchar, 2011), tdd. 220-239 (229-230).

Fearchair Dòmhnallach (1821-1886), an fhianais as treasa air buaidh an leabhair agus buaidh nan geallaidhean ‘fuadan’.⁵³⁷

Thugadh iomradh roimhe air an Dòmhnallach, a rinn imrich gu Hawke’s Bay, Aotearoa, ann an 1873.⁵³⁸ Rugadh an t-Aillseach anns a’ Phloc, Loch Aillse, far an robh e na shaor-bhàtaichean agus neach-malairt.⁵³⁹ A dh’aindeoin ’s gun robh e air bàtaichean-malairt fhaighinn mar dhìleab às dèidh bàs a phàrantan, cha do shoirbhich leis gu math sa ghniomhachas is dh’fhalbh e fhèin, a theaghlach, is grunnan eilthireach eile às a’ Phloc gu Aotearoa san Ògmhios 1873.⁵⁴⁰ Ghabh e còmhnaidh an Heretaunga (Hastings), Hawke’s Bay, an toiseach mus do rinn e imrich gu Te Aute uaireigin aig deireadh nan 1870an. Tha sanas san *Hawke’s Bay Herald* a’ nochdadh dhuinn gun robh taigh-fuine aig an Dòmhnallach is gun do dh’fheuch e ri a thoirt a-mach air màl eadar an Dùbhlachd 1879 agus am Faoilleach 1880.⁵⁴¹ Chan eil fhios, ge-tà, am b’ e neach-fuine a bh’ ann fhèin air neo an robh e dìreach an sealbh air taigh-fuine. Thog ainm an Dòmhnallaich ceann a-rithist san *Hawke’s Bay Herald* agus san *Daily Telegraph* sna 1880an nuair a choisinn e teachd-a-steach mar neach-puist.⁵⁴² Tha coltas air gun robh e ris an obair sin gus an do chaochail e ann an Heretaunga san Dùbhlachd 1886 is e 65 bliadhna a dh’aois.⁵⁴³ B’ aithne do chuid de Ghàidheil an Alba Fearchair Dòmhnallach fa ainmean-pinn, ‘Loch Aillse’ agus ‘Aillseach’, is an dà dhiubh a’ nochdadh aig bonn nan earrann Gàidhlig a bhiodh e a’ cur gu minig don *Highlander*, *Ghàidheal*, *Celtic Magazine*, agus *Oban Times* sna 1870an. Le sùil air foillseachaidhean an Aotearoa, nochd trì òrain a bha an Dòmhnallach air cur an sgrìobhadh an Alba agus an Te Aute, Hawke’s Bay, san *NZPO* eadar an Dàmhair 1881 agus an Lùnastal 1882. A dh’aindeoin ’s gun robh an t-Aillseach fhathast beò mun àm sin, cha b’ esan a bha air a’ bhàrdachd a chur don Dr MacGillÌosa. B’ ann a fhuair an deasaiche greim air na h-òrain mar thoradh agus mar thaing don lìonra thar-nàiseanta a cheangail Aotearoa ri Alba. Tha fiù ’s gach coltas air nach b’ eòlach an Dòmhnallach air oidhirpean agus cruaidh spàirn an Dr MhicGillÌosa agus nan Gàidheal eile a bha an sàs sa chòlbh Ghàidhlig.

⁵³⁷ *Appendix to the Journal of the House of Representatives*, 1872 Session I, D-01C, tdd. 5-6. Airson barrachd fios air Peter Barclay, feuchaibh cuideachd, Wilson, ‘Myth and Misunderstanding’, td. 56.

⁵³⁸ Feuchaibh tdd. 66-67.

⁵³⁹ Kidd, ‘Kangaroos and Cockatoos’, td. 12.

⁵⁴⁰ Calum C. MacLeòid (deas.), *The Celtic Annual; The Year Book of Dundee Highland Society* (Dùn Dé, 1911), td. 20.

⁵⁴¹ *Hawke’s Bay Herald*, 29 an Dùbhlachd 1879, td. 1; *Ibid.*, 7 am Faoilleach 1880, td. 1.

⁵⁴² *Ibid.*, 7 an t-Ògmhios 1881, td. 2, *The Daily Telegraph*, 27 an Cèitean 1885, td. 2.

⁵⁴³ *Ibid.*, 22 an Dùbhlachd 1886, td. 3.

Mapa 10: Heretaunga (Hastings) agus Te Aute, Hawke's Bay⁵⁴⁴



A dh'aona-chuid, cha robh Hawke's Bay am measg nam mòr-roinnean às an do chuir luchd-leughaidh earrannan no ceistean don cholbh. Tha fhios, ge-tà, gun robh co-chomann Gàidhealach ann an Hawke's Bay is duanag a rinn an Dòmhnallach air latha na Nollaig 1878 a' toirt fianais air a' sin, 'Tha sinn an so a Ceann-taile, / 'S Lochaille 's aithe snuadh, / 'S ged tha 'n tir ud ga cur fasail, / Theid ar gradh dh'i leinn an uaigh.'⁵⁴⁵ Rinn e an duanag air làrach nam bonn aig coinneamh na Nollaig a bhathar air cur an gleus ann an 1878 do Ghàidheil Cinn t-Sàile agus ceàrnan eile den Ghàidhealtachd. Nochd an duanag san *Oban Times* ann an 1879 agus a-rithist san *Celtic Annual* ann an 1911.⁵⁴⁶ Chan eil fhios carson nach do ghabh lionra a' chuilbh Ghàidhlig a-steach mòr-roinn Hawke's Bay ma bha an lionra ri làimh Ghàidheal an Auckland. Tha coltas air co-dhiù gun robh an Dr MacGillìosa ceart cho aineolach air an Dòmhnallach. Thig sin am follais ann an duanag a chuir an deasaiche ris a' cholbh san Lùnastal 1882, 'Sa nise bho na fhuair sinn e'.⁵⁴⁷ B' e an Dòmhnallach a bha air an duanag a chur an sgrìobhadh an toiseach mus do chuir e don *Highlander* i san t-Sultain 1881 airson

⁵⁴⁴ Topographical Services, *Hastings, Hawke's Bay; Te Aute, Hawke's Bay*, <https://www.topomap.co.nz/NZTopoMap?v=2&ll=-39.477546,177.132568&z=9> [ruigte 14.05.2024].

⁵⁴⁵ *Oban Times*, 24 an Cèitean 1879, td. 4.

⁵⁴⁶ *Ibid.*; *The Celtic Annual; The Year Book of Dundee Highland Society* (Dùn Dé, 1911), td. 22.

⁵⁴⁷ *NZPO*, 19 an Lùnastal 1882, td. 18.

foillseachadh.⁵⁴⁸ Mar a bhite an dùil, chuir Iain MacMhurchaidh, deasaiche an *Highlander*, an duanag às leth a' bhàird a rinn i, Iain Mac Mhuir' Ic Fhearchair (?-1779).⁵⁴⁹ Rinn e sin a dh'aindeoin 's gum b' e an Dòmhnallach a bha air a cur thuige à Te Aute, Hawke's Bay. Eu-coltach ris an *Highlander*, chuir an *NZPO* air shùilean an luchd-leughaidh gum b' e, 'Duanag. *By a New Zealand Bard*; Le Iain Mac Mhuir' 'Ic Fhearchair,' a bh' ann is am bàrd, uaithe sin, na imriche an Aotearoa. Gun teagamh, b' e imriche a bh' ann am MacMhurchaidh ach b' ann a bha e air togail air a dh'Ameireagaidh a Tuath san 18mh linn.⁵⁵⁰ Chan eil fhios am b' i an loidhne, 'Ged thachradh tu 'n Dun-Eideann rium, / 'S e "Fairbairneach" a dh-eighinn dh'iot,' a b' adhbhar don troimh-chèile.⁵⁵¹ Chithear co-dhiù gun do shuidhich an deasaiche an litreachas gu daingeann ann an co-theacsa Aotearoa agus b' ann tro phrosbaig a' cho-theagsa chèn-thìrich sin a chaidh an luchd-leughaidh an sàs san duanaig.

Ach chuireadh cuideachd òran leis an Dòmhnallach an clò san *NZPO* a bha e dha-rìribh air dèanamh an Aotearoa, 'Marbhrann, Do Shir Domhnull Mac'Illeathain, A chaochail 'am baile Napier, 'n New Zealand, air a' 5mh latha dheth Geanair [sic] 1877'.⁵⁵² Chan e a-mhàin gun do rinn an Dòmhnallach a' chumha sa cholonaidh, ach ghabh i cuideachd gnothach ri Gàidheal a b' aithne don chuid a bu mhotha den luchd-tuineachaidh: Dòmhnall Mac'Illeathain (1820-1877). Rugadh Mac'Illeathain ann an Cill MoLuaig, Tiridhe, ann an 1820 do Mhaighread Nic Cholla agus Iain Mac'Illeathain. Bha tuathanas aig an teaghlach ann an Cill MoLuaig air an robh iad a bhith an sealbh fad trì ginealaichean ri linn 's gun robh fir Mac'Illeathain nam fear-taca do Dhiùc Earra-Ghàidheal.⁵⁵³ Thàinig an dà latha air an teaghlach, an uair sin, nuair rinn an Diùc fo-roinn den tuathanas ann an 1824.⁵⁵⁴ Mar thoradh air sin, chuireadh athar Mhic'Illeathain à sealbh. Rinn Dòmhnall Mac'Illeathain eilthireachd gu NSW, Astràilia, còrr is deichead às dèidh sin is rinn e imrich uair eile a dh'Aotearoa ann an 1840. Thòisich e ag obair gu dlùth ris a' chompanaidh fhearainn, *New Zealand Company*, nuair a shuidhicheadh san dreuchd, 'Neach-dìon nan Tùsanach', e ann an 1844. Bha e gu mòr an sàs an uair sin ann an còmhradh eadar luchd-colonach agus treubhan Māori an Taranaki airson reic is

548 *The Highlander*, an t-Sultain 1881, td. 100.

549 Cha ghabh ràdh ri cinnt cuin a rugadh Iain MacMhurchaidh. Tha Màiri Sine Caimbeul air cur an ire, ge-tà, gur dòcha gun do rugadh am bàrd sna 1730an. Feuchaibh, Màiri Sine Chaimbeul, *Iain mac Mhurchaidh: The Life and work of John MacRae, Kintail and North Carolina* (Glaschu, 2020), td. 27.

550 Airson cunntas slàn air beatha is bàrdachd MhicMhurchaidh, feuchaibh, Chaimbeul, *Iain mac Mhurchaidh*, tdd. 3-70.

551 *NZPO*, 19 an Lùnastal 1882, td. 18.

552 *NZPO*, 15 an Dàmhair 1881, td. 22.

553 Ray Fargher, *The Best Man who ever served the Crown? A Life of Donald MacLean* (Wellington, 2007), td. 8.

554 *Ibid.*, td. 9.

ceannachd fearainn a chur an gleus. Chanadh gum b' i a' Ghàidhlig agus an dualchas na lùib a chuidich Mac'Illeathain gu mòr ann a bhith a' dèiligeadh ri Māori an Taranaki is Hawke's Bay. Tha coltas air gun robh gnàth-chleachdaidhean a bharrachd air tuigse air rangachd shòisealta agus còir fearainn an cumantas aig cinnidhean Gàidhealach o shean agus iwi Māori.⁵⁵⁵ Ghabh Mac'Illeathain brath air na cosmhaileachdan sin, a bharrachd air fhileantachd ann an te reo Māori, airson fearann a 'cheannach' don *New Zealand Company*. A dh'aindeoin 's gu bheil corpas cuimseach mòr de làmh-sgrìobhainnean Mhic'Illeathain againn, chan eil earrannan Gàidhlig nam measg.⁵⁵⁶ Tha fhios, ge-tà, gun do rinn an Tiristeach oidhirp a chuid Ghàidhlig a ghlèidheadh le bhith a' cèilidh air Gàidheil Hawke's Bay. B' ann aig na cèilidhean sin a bhiodh e a' gabhail seachas agus cuideachd òran Gàidhlig.⁵⁵⁷ Gabhaidh dileab a' ghràidh a bha aig Mac'Illeathain dha dhùthchas agus dhualchas faicinn na mhac, Dùghaill Mac'Illeathain. Chuir an Dòmhnallach fhèin dùil is dòchas an cèill sa chumha, 'S a-nis dh' iarrainn do d' Mhac-sa, / Bhi 'n a iarmad' reir athar 's gach cail, / Feartach, fiùghantach, fearail, / Bhios 'n chliù do shiol Eachainn* 's gach ait.'⁵⁵⁸ Thàinig miann an Dòmhnallaich gu buil is chunnacas Dùghaill Mac'Illeathain a' gabhail ri dreuchd a' cheannaird do Chomann Gàidhealach Hawke's Bay sna 1890an.⁵⁵⁹ Chì sinn cuideachd dileab a' ghràidh a bha aig Gàidheil Hawke's Bay dha Mac'Illeathain a' tighinn am bàrr ann am foillseachaidhean Gàidhlig a nochd às dèidh a bhàis. A bharrachd air cumha an Dòmhnallaich, sgrìobh cuid dhiubh gairm, 'A dh'ionnsaigh Gaidheil, Hawkes Bay,' ann an 1877 a chuireas air shùilean dhuinn gun do ghabh na h-in-imrichean Gàidhealach cha mhòr sealbh air Mac'Illeathain. On a chuireadh a' ghairm an clò an Wanganui cuideachd, saoillear gun tug Gàidheil na mòr-roinne sin urram is spèis ceart cho mòr dha Mac'Illeathain.

⁵⁵⁵ Bhuin fearann an Aotearoa do *iwi*, seo co-chaidreabh thruathan. Alan Ward, 'McLean, Donald', *Dictionary of New Zealand Biography*, Te Ara - the Encyclopedia of New Zealand, <https://teara.govt.nz/en/biographies/1m38/mclean-donald> [ruigte 14.12.2023].

⁵⁵⁶ Feuchaibh, 'The Papers of Sir Donald McLean', *Papers Past*, <https://paperspast.natlib.govt.nz/manuscripts/the-papers-of-sir-donald-mc-lean> [ruigte 13.12.2023].

⁵⁵⁷ Ward, 'McLean, Donald', *Dictionary of New Zealand Biography*, Te Ara - the Encyclopedia of New Zealand, <https://teara.govt.nz/en/biographies/1m38/mclean-donald> [ruigte 01.12.2022].

⁵⁵⁸ *Eachann ruadh nan cath. Chuireadh am mineachadh seo leis a' chumha is e a-mach air an t-siathamh ceann-cinnidh Chloinn Ghilleathain a thuit ann am blàr Harla ann an 1411. Bha Eachann ruadh nan cath air cliù a chosnadh airson a chomasan catha, calmachd, agus gaisgeachd. Airson cunntas slàn air, feuchaibh, 'A. MacLean Sinclair, 'The Origin of the Clan Maclean. II.-The Macleans of Duart', *The Celtic Magazine* 13:151 (An Cèitean, 1888), tdd. 297-302.

⁵⁵⁹ *Daily Telegraph*, 18 an Giblean 1895, td. 2.

DH'IONNSAIDH GAIDHEIL, HAWKES BAY.—
A CHLANN NAN GAIDHEIL. Le bas bhur fear-
duthcha uasal agus ainmeil, an RIDERE
DOMHNUL MACILLEATHAIN, chaill sibhse
agus New Zealand, gaisgeach fearail agus
duine math. Tha è ann am beachd dhaoine,

duine math. Tha è ann am beachd dhaoine,
agus a ta è roiomchuidh, gun rachaidh carn-
chuimhne bhuan, à chur suas ann an aite
freagarrach agus follaisach, à chum cuimhne
chumail sán am ri teachd, air iomadh fheart
agus dheadh-bheus. Mur dean sibhse cabhag
theid an onair à bhuineas dhuibh, ann à bhí
air thoiseach anns à ghnothach so, a spionadh
uaibh le coigrich. A chum nach tachair so,
agus gu faigh sibh fath air deanadh gu h'cir-
achdail, mar bu dual agas mar bu chubhaidh
do schliochd nan gaisgich à dh' falbh, tha
sinn à guidhe air à h'uile mac Gaidheil à tha
san sgìre, as urrainn gluasad (agus co è nu
Gaidheil nach d'thoir ionnsaidh, air son aob-
har cho flughal agus oiadheire?) sinne à
choinneachadh anns an taigh-sgoil Kaikora,
air Di-ciadain, an seachdamb-ladcug do'n
Ochd-mhìos à tighinn, aig ard-mheadhlon-
latha.—Domhnall Gollan, Uilleam Coupar,
Alasdair Grand, Ailean Macilleathain, Niall
Caimbhal, Alasdair Ceanadaidh.—Napier,

Le sùil air marbhrann an Dòmhnallaich, bheir e sin fianais air leantainneachd ghleusan a bha gnàthach do bhàrdachd thraidiseanta na Gàidhlig.⁵⁶¹ Chuir an t-Aillseach pailteas de dh'ìomhaigheachd gu feum a chum sàr chliù agus grinneas an Tiristich a chomharrachadh, mar eisimpleir sloinntireachd Mhic'Illeathain agus coimeas eadar bàs a' ghaigich agus cumhachdan nàdair.

⁵⁶⁰ *Wanganui Herald*, 19 an t-Sultain 1877, td. 2.

⁵⁶¹ *NZPO*, 15 an Dàmhair 1881, td. 22. Airson barrachd fiosrachadh air bàrdachd mholaidd is an ìomhaigheachd na cois, feuchaibh, Iain MacAonghais, 'Gaelic Poetry and the Historical Tradition', ann am Michael Newton (deas.), *Dùthchas nan Gàidheil: Selected Essays of John MacInnes* (Dùn Èideann, 2006), tdd. 3-33 (28).

“Nach 'eil fhios agaibh gu-n do thuit nachdaran
agus duine mor an dingh ann an Israel.”

'S ornaidh an sgeula bho 'n bhaile,
'S iomadh cre a bhios galach ri luaidh,
'S ni e reubadh air earrann,
Nach dean leigh tha air fhalamh dhoibh suas,
's pion an t-Eug uainn a dh-aindeoin,
Ceann na ceille, nam beannachd, 's nam buadh,
Mo chreach leiridh mar thachair,
'S bochd an fheisd th' air a Challuinns-s aig sluagh.

Mar thig ceathach 'us siantan,
No mar bheithir o 'n iarmailt le strac,
No mar thuil-bheum o 'n aonach,
Gun aon duine ga smaointinn roimh laimh,
Tuit an t-saighead gun trocair,
'Leag an Gaisgeach gun gho chum a 'lair,
'S tha sinn uile do-bhronach,
'S sinn a' cumha 'Shir Domhnuill do bhais.

'S iad tha truagh dheth do chairdean,
'S iad m' an cuairt dut a' fagadh nan dorn,
Gu-n d' fhalbh 'n eibhneas air thalamh,
'M fear bu cheutaich' a shealladh meag shlogh,
Tha do Mhac fo throm thuirse,
'Us do Pheathraichean 'dluth-shileadh dheoir,
'S tha do Bhrathair ge sgairteil,
'Call a thabhachd ag acuin fo leon.

'S beag an t-ioghnadh mar tha iad,
Dh' aindeoin maoin a th' air fhagail fo 'n egeith,
Chail iad Caraid nach diobradh,
A' Leomhann sgaiteach 's am Fir-eun bha treun,
Sin 's an Ceannard bha buadhach,
Aig gach am 's an robh cruaidh-chas air ghleus,
O'n fhuil fhior-ghlan gun truailleadh,
'S gun dad diblidh no suarach 'n a bheus.

Clu do shloinnidh tha dearbhta,
'S mise b' urruinn ga leanmhuinn gu' chul,
A nuas direach o Fhearghus,
Bha 'n a rìgh air fonn Albainn nan stuchd,
Gu ruig Gilleathain mor Muileach,
Bha le 'cheathairn' 'an Duaird nam mur,
'S sin gu laochraidh Ard-ghobhair,
'S gu suinn Bhoreraidh mholaich nan lub.

Sud na fir a bhiodh nallach,
An am tarruing dhoibh suas ris an namh,
Cha robh gealtachd dhoibh dualach,
Ach fìor thapachd 'us cruadal gu bas,
'S iad gu piceach, gorm-lannach,
Gunnach, piobach, brat-shrannach's an spairn,
Agus caithream na buaidhe
'S tric a sheinn iad 'n deigh ruathar nam blar.


Cha robh buaidh anns na seoid ud,
Nach robh gluasad gu h-oirdhearc 'nad chre,
Bha thu uasal, gun mhorchuis,
Caidreach, suairce, glan, modhar, gun bheud,
Sicir, faicilleach, ciallach,
Le do bheachdan a' riaghladh nan ceud,
Cha robh idir 's an al so
Fear do ghliocais 'n am gabhaidh us feum.

'S c' ait am faicear 's an tir so,
Fear cho dreachmhor, 's cho mileant' mea
sluaigh,
Bha do shuil mar an airneag,
'Us do ghnuis flathail, aillidh gun ghruaim,
Pearsa dhireach, dheas, dhaicheil,
Fhoinnidh, rioghail 's na tharmaich gach buaidh,
Eadar mhullach 'us shailtean,
Co a b' urruinn ort faillinn chur suas.

'N diugh gur fann air gach caileachd,
Bha 's a' cheann a bha lan dheth na cheill,
'S tosdach bilean na firinn,
'Us an cridhe 'n robh 'n dilseachd d' a reir,
'Chaidh cha chluinnear do chomhradh,
'So nach fhaighear do sheoladh ri 'r re,
'S craiteach tuireadh do chairdean,
'S bi 'dh fo mhulad gu brath as do dheigh.

Ach 's toil-inntinn bhi luaidh air,
Barrachd d'innsgin 'thoirt fuasglaidh 's gach cas,
'S 'n uair bha treubhan na tir so
'Deanamh leir-sgrios gun dith air gach laimh,
B' fhearr do gheur-chuis 's an tim sin,
Dh' fhaighinn reit' agus sithe mar b' aill,
No na miltean chaidh arm'adh,
Le 'n cuid innleachd, 'us garbh-bheart, 'us stairn.

B'e do ghliocas 's do chiall-sa
Thug gu tuigs' agus rian luchd na stri,
'S tha na treubhan a b' fhiadhta
'Curan ceill snd feadh chrìochan na tir'
'S bi 'dh iad greis as do dheigh-se,
Air bheag misneich, gun leirsinn, gun chli,
Bn tu cuspair an dochais,
'S thug dhoibh furtachd an comhnaidh 's gach
teinn.



'S iad na h-iomraidhean aithghearr air na Māori, ge-tà, a dh'fhàgas òran an Dòmhnallaich gu sònraichte inntinneach. Tha a leithid cuimseach gann ann an sgrìobhaidhean Gàidhlig a chuireadh an clò an Aotearoa fhèin is coltas air gun do thog barrachd iomraidhean ceann ann am foillseachaidhean Albannach. Bheir an fheadhainn a nochd san iris Ghàidhlig, *Cuairtear nan Gleann*, sna 1840an fianais air a' sin.⁵⁶³ Tha na briathran a thagh an Dòmhnallach airson tuairisgeul a dhèanamh air na Māori, 'treubhan a b' fhiadhta,' inntinneach air iomadh adhbhar. Tha is cunntas a' bhàird air freagairt nam Māori do dhol a-mach an luchd-colonaich Eòrpaich, 'leir-sgrios gun dìth air gach làimh.' Chithear ann an rannsachadh Ray Fargher air beatha Mhic'Illeathain nach gabh idir dol às àicheadh gum b' e neach-colonach a bh' ann am Mac'Illeathain. Chuir e cumhachd a' Chrùin agus an Riaghaltais cholonaich an neart is am meud le bhith a' rèiteachadh reic fearainn sa cholonaich. Ged a thog e te reo Māori, is ged a thuig e dùthchas is dualchas nam Māori, ghabh e brath air a chuid tuigse a chum math Ìmpireachd Bhreatainn agus an luchd-colonaich. Feumar a ràdh, ge-tà, gu bheil briathran agus gnìomhan an Tiristich a' dearbhadh nach do dh'aontaich e gu tur leis na, '*most absurd views about the Maori,*' a chuir mòran luchd-tuineachaidh Eòrpach an cèill an Aotearoa.⁵⁶⁴ Am beachd Mhic'Illeathain, dh'fheumadh caidreabh sìtheil a thoirt gu buil eadar Māori agus an luchd-tuineachaidh airson a' cholonaich a 'leasachadh'.⁵⁶⁵ Chuir e taic ri ìre de dh'fhèin-riaghladh am measg nam Maori le bhith a' cur air dòigh, '*racially integrated administration,*' aig ìrean ionadail. A bharrachd air a bhith a' cur Mhāori ann an dreuchdan àrd-ìre, mar eisimpleir dreuchdan luchd-poilis, bhrosnaich e cuid dhiubh dol an sàs ann am bùird sgoile a thug stiùireadh do sgoiltean Mhāori.⁵⁶⁶

⁵⁶³ Feuchaibh mar eisimpleir, *Cuairtear nan Gleann* (An Cèitean, 1840), td. 59; *Cuairtear nan Gleann* (An t-Samhain, 1842), tdd. 245-247.

⁵⁶⁴ Seo briathran Mhic'Illeathain fhèin, feuchaibh, Fargher, *The Best Man who ever served the Crown?*, td. 159.

⁵⁶⁵ *Ibid.*, td. 266.

⁵⁶⁶ *Ibid.*, td. 319.

Bitheadh sin mar a bhitheadh, chan eil briathran an Dòmhnallaich a' nochdadh a' cheart seòrsa faiceall agus seòltachd a bha Mac'Illeathain air cur gu feum airson obair an co-bhann leis na Māori. 'S ann a tha tuairisgeulan an Aillsich air na Māori làn leth-bhreith agus claon-bhreith. Dh'fhaodadh gun do chuir am bàrd na briathran sgaiteach agus, theagamh, ròlaisteach gu feum airson cliù Mhic'Illeathain a chur am meud rud beag. Aithnichear cuideachd gun robh tuairisgeulan gràin-chinnidheach den leithid àbhaisteach ann an litreachas colonach an tràtha sin agus chunnacas is chualas gu bitheanta iad.⁵⁶⁷ Mar a chanadh roimhe, chan ann ann an Ìmpireachd Bhreatainn a-mhàin ach cuideachd san ìmpireachd litreachail a chaidh na Gàidheil an sàs sna colnaidhean. Thug an ìmpireachd litreachail briathrachas, abairtean, agus bun-bheachdan dhaibh a thig am bàrr, mar eisimpleir, ann an iomraidhean oilbheumach air tùsanaich. Tha cainnt den leithid gu minig a' riochdachadh feallsanachd na h-Ìmpire seach eòlas agus tuigse phearsanta an sgrìobhadair. Coltach ri bàird Ghàidhealach o shean, bhruidhinn an Dòmhnallach às leth na coimhearsnachd dhan do bhuin e. B' i a' choimhearsnachd sin coimhearsnachd ìmpireil agus cholonach a bha, mar a bu trice, a' daingneachadh uachdaranachd an luchd-tuineachaidh Eòrpaich.

Cha ghabh ràdh, ma-tà, dè seòrsa eòlais is tuigse a bha aig an Dòmhnallach air Māori Aotearoa. Am beachd Newton, chan eil math dhuinn co-dhiù gabhail ri gach rud a chuir na Gàidheil cholonach an sgrìobhadh mar an fhìrinn. Tha cuid de na sgrìobhaidhean, ar leis, loma làn, '*negative and derogatory statements reiterating colonial ideology*.'⁵⁶⁸ Theagamh gur iad na ceart ideòlasan colonach sin a thig am follais ann an cumha an Dòmhnallaich. Tha Newton cuideachd a' cur nar rathad nach eil e comasach dhuinn sgrìobhaidhean a thuigsinn gu h-ìomchaidh às aonais tuigse mhath air beatha, amasan, agus co-theacsa an sgrìobhadair.⁵⁶⁹ Chuir Fearchair Dòmhnallach òran eile, 'Am Bothan Dubh', leis a' bhàrd, 'Eoghann Cutach', don *Highlander* ann an 1877 a nochdas beachdan ceart cho dubhach air na Māori. Tha an luinneag a' tòiseachadh le rann làn imcheist, 'Gur trom a tha mi 's mi 'n so 'n am aonar / Gur cianail tha mi, 's mi 'siubhal chomhnard, / Mi 'm bothan fàsail am bràighe 'n aonaich, / 'S na *Maories* làidir 'tigh 'n oirnn le fòirneart.'⁵⁷⁰ Ged is aithghearr an luaidh air na Māori, is buadh-mhor i. A rèir ro-ràdh an Aillsich, b' ann le Gàidheal a, 'thainig o Ard-ghobhar a cionn cheithir bliadhna deug gu ruig *New Zealand*,' a rinneadh an luinneag sna 1860an. 'Bha am bàrd, 'fuireach aig an

567 Feuchaidh, Boehmer, *Colonial & Postcolonial Literature* (Oxford, 1995).

568 Newton, "Going to the Land of the Yellow Man", td. 249.

569 Ibid.

570 *The Highlander*, 3 an t-Samhain 1877, td. 3.

am ann am bothan 'n a aonar ri cibeireachd measg bheanntaichean uaigneach na tire. Bha na *Maories* ri moran marbhaidh aig an am.⁵⁷¹ Tha am 'mòran marbhaidh' seo a-mach air cogadh fuilteach a dh'èirich an 1863 eadar an luchd-colonach agus Māori an Taranaki, Waikato.⁵⁷² Cha ghabh ràdh ri cinnt gun robh am bàrd fhèin air fòirneirt fhiosrachadh fo làimh nam Māori is cothrom ann nach do rinn e ach bruidhinn gu coitcheann às leth an luchd-tuineachaidh Eòrpaich. Chithear co-dhiù gun do ghabh Eoghann Cutach dleastanas bàrd traidiseanta os làimh aig toiseach na luinneig is e a' toirt cunntas air gnothach a bha na adhbhar imcheist don choimhearsnachd dhan do bhuin e. 'S e '*siege mentality*' a tha aig Newton air a' chleas sin is bheirear cuideachd fa-near dha ann am bàrdachd na Gàidhlig an Canada.⁵⁷³ Dh'fhàs na Māori gu bhith nan nàimhdean coitcheann don Riaghaltas cholonach sna 1840an agus 1860an a dh'aindeoin 's gun robh cuid den luchd-tuineachaidh ann an dlùth cho-chomann ris na tùsanaich. Gheibhear eisimpleir eile den '*siege mentality*' ann an cunntasan an teaghlach Pheairtich, MacGriogair, a bha air còmhnaidh a ghabhail an Wairoa, Northland sna 1840an.⁵⁷⁴ Ged a bha càirdeas aca ris na Māori ionadail, chuir an cogadh a bha air èirigh sna 1840an sgleò air a' sin. Tha cunntas air beatha Iain MhicGriogair ag innse dhuinn, '*Young John often saw war parties on the move, and well remembers the scare that spread to the river upon the outbreak of Heke's war at the Bay of Islands in 1845.*'⁵⁷⁵ Chan eil teagamh ann gun robh naidheachdan, sgeulachdan, agus bàrdachd leithid de bhàrdachd Eoghainn Chutaich agus Fhearchair Dhòmhnallaich a' brosnachadh '*siege mentality*' na b' fhaide am measg nan Gàidheal agus in-imrichean eile. Tha sgrùdadh Kidd air òran a' Chutaich a' toirt fa-near dhuinn nach eil an còrr de na rannan ceart cho eu-dòchasach is a tha an rann tòiseachail.⁵⁷⁶ Tha fiù 's coltas air gu bheil am bàrd a' dèanamh moladh air an uiread de bheathaichean – caoraich, eich, agus mucan – a bha a' tighinn beò sa cholonaidh. Mar sin, chan eil ach a' chiad rann a' dèiligeadh ris na Māori agus gnothaichean dubhach nan làithean ud.

571 Ibid.

572 Nancy Swarbrick, 'Waikato region - Pākehā impact', Te Ara - the Encyclopedia of New Zealand, [Invasion of Waikato – Waikato region – Te Ara Encyclopedia of New Zealand](#) [ruigte 30.05.2024].

573 Newton, *Seanchaidh na Coille*, td. 19.

574 Rinneadh luaidh cheana air an teaghlach Pheairteach air tdd. 21 ff.

575 *Auckland Star*, 20 an t-Ògmhios 1923, td. 7. Tha seo a-mach air 'Cogadh na Maide-brataich' ('*Flagstaff War*') a dh'èirich ann an 1844 mar thoradh air an droch bhuaidh a bha aig Te Tiriti (Cùmhnant Waitangi) air còirichean nam Maori. Thòisich an Riaghaltas colonach a' toirt laghan is riaghailtean Eòrpach gu buil sna tràth-40an a chaidh gu tur às àicheadh tighernas nan diofar threubhan Maori. Bha gu leòr ann nach do ghabh ris an ana-cheartas sin is chunnacas ceann-cinnidh nan Ngapuhi, Hone Heke Pokai, a' leagail maide-brataich, a ghiùlain bratach Bhreatainn, an Kororareka, Northland. Lean 'Cogadh na Maide-brataich' an gnìomh sin is nochd Maori air feadh Aoteora – sin a' gabhail a-steach Hawke's Bay far an robh teaghlach MhicGriogair a' fuireach – taic do Heke. Airson barrachd fiosrachaidh air 'Cogadh na Maide-brataich' agus cuideachd buaidh Te Tiriti, feuchaibh, Ralph Johnson, 'The Northern War 1844-1846: An overview report commissioned by the Crown Forestry Rental Trust', Northland Research Programme (2006).


576 Kidd, 'Kangaroos and Cockatoos', td. 13.

Tha coltas air gum b' e cumha Fhearchair Dhòmhnallaich ach beag an aon earrann Ghàidhlig ann an colbh an *NZPO* a nì luaidh air na Māori. Is gann a ghabhas creidsinn gun do dhiùlt an Dr MacGillÌosa tuilleadh earrannan den leithid is e, an coitcheannas, a' cur fàilte air litreachas a ghabh gnothach ri beatha an Aotearoa. Coltach ris a' bhàrdachd eile a chuir an Dòmhnallach an sgrìobhadh, nochd an cumha an toiseach ann am pàipear-naidheachd Albannach, an *Inverness Courier*.⁵⁷⁷ 'S fhiach breithneachadh, ma-tà, air an diofar eadar litreachas na Gàidhlig à Aotearoa a chuireadh an clò an Alba an toiseach agus litreachas na Gàidhlig a chuireadh an clò sa cholonaidh an toiseach no fiù 's sa cholonaidh a-mhàin. Gun teagamh, bha Gàidheil gann de chothroman an cuid sgrìobhaidhean fhoillseachadh an Aotearoa. A dh'aindeoin sin, tha sùil air earrannan Gàidhlig a thog ceann ann am pàipearan-naidheachd Otago, an Tìr a Deas, an Costa-an-Iar, agus Auckland eadar na 1860an agus 1870an a' sealltainn gun robh e comasach. Tha e cuideachd coltach gun robh na h-earrannan an Alba ceart cho ioma-chultarail is a bha an fheadhainn an Aotearoa. 'S e an aon diofar, theagamh, gu bheil cuspairean nan earrann sa cholbh Ghàidhlig cuimseach ionadail. Chan eil sin annasach on a b' ann an co-bhann le Comann Gàidhlig Dhunedin – a thàlaidh buill bho gach ceàrn de roinn Otago – a stèidhicheadh an colbh an toiseach. Tha sgrìobhaidhean a thog air gnothaichean a' Chomainn am measg nan sgrìobhaidhean a bu phailte agus a bu chunbhalaidhe. Saoilear gun do fhreagair iad air an luchd-leughaidh cholonach na b' fheàrr na fhreagair iad air luchd-leughaidh tar-nàiseanta. Chan i bàrdachd MhicGillÌosa an eisimpleir as fheàrr on a chuireadh cuid dhith an clò an Alba. Bheir, 'Luinneag; Do dh'Iain Mac-Ìll-Linnean', cothrom nas iomchaidhe dhuinn beachdachadh air nàdar dlùth agus ionadail cuid den litreachas.⁵⁷⁸ Ged nach gabh ràdh cò rinn an luinneag, tha fhios gun robh Mac-Ìll-Linnean air bòrd-stiùiridh Comann Gàidhlig Dhunedin sna 1880an agus na iar-cheannard don Chomann tràth sna 1890an.⁵⁷⁹ Cha b' e an Ridire Dòmhnall Mac'Illeathain a bh' ann ach bha Mac-Ìll-Linnean, am beachd a' bhàird, ceart cho airidh air moladh. Thathas an dùil gum b' eòlach Gàidheil Dhunedin air Mac-Ìll-Linnean is gun robh e prìseil dhaibh. 'S i an luinneag seo gu sònraichte a chuireas air shùilean dhuinn gun robh tuigse air co-theacsa àraid a dhìth airson brìgh na bàrdachd cèin-thìrich a thuigsinn gu ceart. Dh'èirich colbh Gàidhlig an *NZPO* à co-chomann agus coimhearsnachd ionadail a bha, an toiseach, cuingichte ri Dunedin.

⁵⁷⁷ *Inverness Courier*, 16 an Lùnastal 1877, td. 9.

⁵⁷⁸ *NZPO*, 23 an t-Sultain 1882, td. 20.

⁵⁷⁹ *Otago Witness*, 11 an Cèitean 1888, td. 10; *Ibid.*, 9 an t-Ògmhios 1892, td. 33.



Leudaicheadh air ruigheachd a' chuilbh beag air bheag gus an do chuir Gàidheil à diofar cheàrnan de dh'Aotearoa litreachas chun an NZPO. Gu mì-shealbhach, dh'fhàs lionra a' chuilbh na bu laige a-rithist às dèidh 1882. Mus tàinig crionadh air a' cholbh gu h-obann san Ògmhios 1885, chuir an colbh thairis le ath-chlò-bhualaidhean à pàipearan-naidheachd agus irisean Albannach. Cha ghabh ràdh ri cinnt cò a b' adhbhar nach robh e comasach dha MacGillÌosa agus dha na Gàidheil eile cumail orra, is iomraidhean air a' cholbh cuimseach gann ann am foillseachaidhean Aotearoa. Tha fhios co-dhiù gun d' fhuair an Sgitheanach bàs san Iuchar 1889 às dèidh dha a bhith na euslainteach fad còrr is deich bliadhna.⁵⁸¹ Tha aithisg air coinneamh a' Chomainn Ghàidhlig a' cur mun aire dhuinn nach d' fhuair buill a' Chomainn air deasaiche eile a lorg a bha cho comasach ri MacGillÌosa, '*Since he relinquished it [an colbh] no one has been found with learning and leisure enough to resume it.*'⁵⁸² Coltach ri iomairtean

580 NZPO, 23 an t-Sultain 1882, td. 20.

581 *Otago Witness*, 18 an Giblean 1922, td. 53.

582 *Otago Daily Times*, 3 an Lùnastal 1889, td. 2.

is goireasan eile a chum math cànan is dualchas nan Gàidheal an Astralàisia, bha colbh an *NZPO* gu mòr an eisimeil stiùiriche no neach-treòrachaidh a bha na chlach-cheangail don choimhearsnachd. B' e MacGillÌosa fear de na stiùirichean sin is thug bàs an Sgitheanaich buaidh chronail air foillseachadh na Gàidhlig an Otago. Nuair a dh'fhalbh a' chlach-cheangail, thàinig stad air gnothaichean a dh'aindeoin gach uile oidhirp, taic, agus lionra a bhathas air togail gu ruige sin. Gu follaiseach, bha feum aig na Gàidheil air ro-innleachd ùr nach do dh'fhàg soirbheas an cuid oidhirpean foillseachaidh an eisimeil aonan Gàidheil a-mhàin. A rèir gach coltais, b' e colbh Gàidhlig an *Southern Cross* an fhreagairt don dùbhlán sin. Bha an colbh ann an làmhán iomadh Gàidheal is b' ann an urra riutha uile a bha a shoirbheas agus a leantainneachd.

2.4.2. Colbh Gàidhlig an *Southern Cross*

An taca ri colbh Gàidhlig an *NZPO*, bha colbh Gàidhlig an *Southern Cross* ag obair ann an co-bhann fiù 's na bu dlùithe ris a' choimhearsnachd ionadail. Cha b' e iomairt a bh' ann a fhritheil – no a dh'fhàs gu bhith a' frithealadh – don cholonaidh air fad. Gu dearbh, bha an colbh cuingichte ri luchd-leughaidh a bha a' còmhnaidh ann an Tìr a Deas a-mhàin. Ged nach robh ach ochd bliadhna eadar colbh an *NZPO* agus colbh an *Southern Cross*, chan eil coltas air gun robh ceangal eatarra. Thàinig colbh an *Southern Cross* gu bith san t-Sultain 1893 às dèidh do neach-leughaidh gun ainm iarraidh air a' phàipear cuibhreann a thoirt do dh'earrannan Gàidhlig. Ghabhadh ris an iarrtas air chumha is nach cuirte ach sgrìobhaidhean sìmplidh agus air an deagh litreachadh chun a' phàipeir on a bha deasaiche le comasan Gàidhlig a dhìth. Chan eil an dìth sin a' toirt fianais air dì-mheas luchd-seilbh agus luchd-obrach an *Southern Cross* air a' Ghàidhlig agus air na Gàidheil. Chùm am pàipear taic ris a' cholbh is sin a' tighinn am follais, mar eisimpleir, ann an duais a thugadh don sgrìobhadair, 'Eileanach', airson, '*the best criticism in Gaelic of the first article published in our Gaelic column.*'⁵⁸³ A bharrachd air spèis is urram a nochdadh don chànan, bhiodh aithne is brosnachadh den leithid air misneachd a thoirt do Ghàidheil eile dol an sàs sa cholbh.

Chuireadh an colbh fo sheòl am meadhan na Sultaine 1893 leis an earrainn, 'Uiseag', a nochdas an dà chuid bàrdachd agus rosg Gàidhlig.⁵⁸⁴ Am feadh is a ghabhas an t-òran cur às leth Dhòmhnail Bhàin Mhic Iain – dom b' ainm cuideachd Dhòmhnall Bàn Mac a' Phearsain – à

583 *Southern Cross*, 18 an t-Samhain 1893, td. 8.

584 *Ibid.*, 16 an t-Sultain 1893, td. 6.

Beinn na Faoghla, b' e an t-Urr. Iain MacRuairidh (1843-1907) a sgrìobh an earrann bhreithneachail an cois an òrain. Bha MacRuairidh na dheasaiche do na 'Duilleagan Gàidhlig' an cois iris na h-Eaglaise Albannaiche, *Life and Work*, eadar 1887 agus 1907.⁵⁸⁵ Fhuair an t-Urramach MacRuairidh an t-òran bhon chroitear, Aonghas Mac a' Phì, ann am Manitoba, Canada, a bha air na rannan a chur an sgrìobhadh às dèidh dha an cluinntinn bho bhilean a' bhàird am Beinn na Faoghla.⁵⁸⁶ Cha ghabhar iongnadh gun do chuireadh an dà chuid an t-òran agus beachdan MhicRuairidh an clò an toiseach san iris Chanèideanaich, *Mac-Talla*.⁵⁸⁷ Agus le sùil air ath-chlò-bhualadh a bha colbh an *Southern Cross* ris, an uair sin, chithear gun robh nàdar tar-nàiseanta air a' cholbh bhon fhìor toiseach. A dh'aindeoin nàdar ionadail a' chuilbh, thaghadh earrann tòiseachail a cheangail seanchaidh an Canada, bàrd is neach-trusaidh an Alba, agus luchd-leughaidh an Aotearoa ri chèile.

An coimeas ri colbh an *NZPO*, cha do lean colbh an *Southern Cross* structar agus amasan ceart cho teann. Bha saorsa aig na sgrìobhadairean susbaint a' chuilbh a dhealbhadh mar a bu mhiann leotha. Sgrìobh 'Eileanach' às dèidh cur air bhog a' chuilbh,

*I am glad that you are able and willing to set apart a column for the entertainment and benefit of the numerous Highlanders scattered about the district. The revival of old memories and the exchange of sentiments will help promote solidarity and induce a wider interest into their life.*⁵⁸⁸

Theagamh gum b' e an t-saorsa agus neo-eisimeileachd a thugadh do sgrìobhadairean a b' adhbhar gun do sgrìobhadh a' chuid a bu mhotha de na h-earrannan o thùs an Aotearoa.

Tha coltas air gun do dh'fhàs an co-chomann a bhrosnaich an colbh na bu dlùithe agus na bu daingne nuair a ghabh John Lyon MacDhòmhnail (1858-1907) an obair dheasachaidh os làimh. Rugadh is thogadh MacDhòmhnail ann an Gleann Ìl, Siorramachd Fharfar, ann an 1858. Coltach ri iomadh imriche eile, chaidh e gu Victoria, Astràilia, an toiseach ann an 1858 mus tàinig e gu Dunedin, Otago, ann an 1863. Nuair a chuireadh an colbh air bhog, bha MacDhòmhnail na chòmhnaidh ann an Invercargill far an robhar air dreuchd àrd-bhàillidh a

⁵⁸⁵ Donnchadh Sneddon, 'Na Duilleagan Gàidhlig', *Life and Work; The Magazine of the Church of Scotland*, <https://www.lifeandwork.org/resources/gaelic-supplement> [ruigte 12.12.2022]. Airson fiosrachadh nas iomlaine air MacRuairidh, feuchaibh, Calum Laing, *An t-Urramach Iain MacRuairidh; A Bheatha agus na Sgeulachdan aige* (Inbhir Nis, 2013).

⁵⁸⁶ *Gairm* 55 (1966), td. 284.

⁵⁸⁷ *Mac-Talla* 2:2 (An t-Iuchar, 1893), td. 7.

⁵⁸⁸ *Southern Cross*, 16 an t-Sultain 1893, td. 6.

bhuileachadh air ann an 1886.⁵⁸⁹ Is cinnteach gun tug an dreuchd agus an inbhe phoilitigeach na lùib cothrom dha air lìonraidhean buadhmhor a chuir e, theagamh, gu feum a chum math a' chuilbh. Tha iomradh bàis MhicDhòmhnaill a' toirt fianais air a chliù ann an coimhearsnachd Ghàidhealach a' bhaile. Theirte gum bu ghnàth le Gàidheil tadhal air a chum gearan a thogail air a' cholbh,

*He took a great interest in the Gaelic column at one time published in this journal, and undertook its editorship, and it was no uncommon thing for a six-foot Highlander to stalk into the office to protest against what he considered a mistake in the Gaelic notes. An interview with Mr McDonald usually followed, and when Greek met Greek, or rather Highlander met Highlander, it was a veritable tug-of-war. Our sturdy friend, however, usually managed to pour oil on the troubled waters by a prompt reference to his Gaelic library.*⁵⁹⁰

Saoilear gum b' e MacDhòmhnaill fhèin a thòisich a' trusadh sgrìobhadairean don cholbh sna tùs-làithean mus robh lìonra seasmhach de chom-pàirtichean buileach stèidhichte. A-rèiste, fhuair 'Eileanach' cuireadh earrann a chur don cholbh, '*In accordance with your invitation I enclose a translation of the piece on "The Lark," with a short criticism in Gaelic.*'⁵⁹¹ Tha briathran 'Eileanach' a' dearbhadh gun do chuir MacDhòmhnaill air neo duine eile a bha ag obair dhan phàipear lìonra gu feum airson sgrìobhadairean a lorg don cholbh. San t-seagh sin, b' e fìor iomairt choimhearsnachd a bh' ann agus, uaithe sin, bha e an urra ris a' choimhearsnachd an colbh a chumail a' dol. Chunnacas sgrìobhadairean a' moladh, a' brosnachadh, agus fiù 's a' coiteachadh a chèile a chum sgrìobhadh.⁵⁹² Thig sin am follais gu soilleir ann an cumadh nan earrann Gàidhlig a bha coltach ri litrichean is an dàrna sgrìobhadair a' freagairt air rud air an robh am fear eile air togail roimhe.

589 Ibid., 26 an Dàmhair 1907, td. 7.

590 Ibid.

591 Ibid., 30 an t-Sultain 1893, td. 12.

592 Feuchaibh mar eisimpleir, *Southern Cross*, 4 an t-Samhain 1893, td. 7.

Tha “Feileadh-beag” a’ cuir failte gu duineil air a luchd-duthcha, ’s air lean fein gur e a bheatha sin. Cha do leig e a cuimhne a chainnt uasal chaoimhneil, no na daoine dha bu chainnt i. Is creutair leibideach, chainnt i. Is creutair leibideach, clao, a leigeas air dì-chuimhne gu soirbh no gu buileach a chainnt bhlasdalach, aoibhinn ’s an àraicheadh e, is anns an d’rinn e cluich is mire agus ceilidh ’measg luchd-eòlais bha caomh ’s nach bu choir a bhi leigeadh air dì-chuimhne gu brath. Cha b’ ionnan e

Tha fhios gun robh foillseachaidhean eile an Astralàisia, an Alba, agus ann an ceàrnan eile den sgapadh-shluagh Ghàidhealach stèidhichte air prionnsabalan co-obrachaidh cosmhail ri sin. Bha deasaichean gu mòr an eisimeil taic an luchd-leughaidh is chì sinn eisimpleir air a’ sin ann am briathran a chuir an Dr MacGillÌosa ris an dàrna colbh san *NZPO*, ‘Cha neil cuimhne agam air tuile aig an am so, agus cha d’ fhuair mi fhathast cuideachadh sam bith o mo chàirdean gaidhealach.’⁵⁹⁴ Le bhith a’ gabhail uallach air colbh an *Southern Cross*, thog Gàidheil an Tìr a Deas co-chomann a thug dleastanasan sònraichte dha buill. Gheibh sinn blasad air fear de na dleastanasan sin ann an rabhadh ‘Eileanach’ gun a bhith a’ leigeil leis a’ Ghàidhlig dol an diochuimhne. Tha coltas air nach e uallach a-mhàin a ghabh an luchd-leughaidh air a’ cholbh ach nàdar de shealbh. Dh’aithnich cuid gun robh soirbheas na h-ìomairte an eisimeil orra fhèin seach an eisimeil an deasaiche no a’ phàipeir. Bheirear fa-near don cheart tuigse sin san iris Ghàidhlig, *Gairm* (1952-2004), a mhair fad còrr is leth-cheud bliadhna. Ann an litir a chuir Oighrig NicLeòid chun na h-irise ann an 1962, sgrìobh i, ‘Ma tha dad ceàrr air, ’s e sinn fhéin as coireach: mar a thubhairt sibh, “Buinidh e nis do luchd na Gàidhlig”. ’S iadsan a tha ga dheilbh.’⁵⁹⁵ Saoilear gun robh e na chuideachadh mòr gun do bhrosnaich colbh an *Southern*

⁵⁹³ *Southern Cross*, 18 an t-Samhain 1893, td. 5. Gheibhear lorg air earrann ‘Feileadh-Beag’ ann an, *Southern Cross*, 28 an Dàmhair 1893, td. 5.

⁵⁹⁴ *NZPO*, 19 an Gearran 1881, td. 19.

⁵⁹⁵ *Gairm* 42 (An t-Earrach, 1963), td. 198.

Cross co-chomann aghaidh ri aghaidh. Chan e a-mhàin gum biodh luchd-leughaidh a’ cèilidh air MacDhòmhnaill airson seachas a ghabhail air a’ cholbh, ach tha fianais air cèilidh den leithid ann an colbh a sgrìobh ‘Cabarfeidh’ ann an 1893,

Tha mòr-speis agus deadh-rùn agam do duine choir sin – “Eileanach” – a sgrìobh cho comasach, soilleir agus taitneach an ad phàipear ’san t-seachuin ’sa chaidh. Bu taitneach leam t’fhaicinn a dhuine choir agus do lamh a chrathadh gu cridheil sunntach.⁵⁹⁶

Chan eil fhios an do thachair an dithis a-riamh ri chèile ach tha rùn ‘Cabarfeidh’ na dhearbhadh don bhuidhe a bha aig a’ cholbh air co-chomann nan Gàidheal. Cha b’ e ‘*conceptual bridge*’ a-mhàin a bh’ ann ach drochaid cheart a cheangail Gàidheal a bha sgapte air feadh na Tìr a Deas còmhla. Tha am mapa gu h-ìosal a’ nochdadh trì coimhearsnachdan anns an robh sgrìobhadairean nan còmhnaidh a chuir gu mòr ris a’ cholbh: Invercargill (àite-còmhnaidh an deasaiche, John Lyon MacDhòmhnaill), Winton (àite-còmhnaidh a’ bhàird, ‘Doran Donn’), agus Dàil na h-Aibhne (àite-còmhnaidh an sgrìobhadair, ‘Cabarfeidh’).

*Mapa 11: Riversdale (Dàil na h-Aibhne), Winton, agus Invercargill, an Tìr a Deas*⁵⁹⁷



Chan eil teagamh ann gun robh an co-chomann a thog na sgrìobhadairean na chuideachadh mòr don cholbh sna mìosan tòiseachail. Chuir ‘Feileadh-beag’ earrann eile chun a’ phàipeir ro

⁵⁹⁶ *Southern Cross*, 4 an t-Samhain 1893, td. 7.

⁵⁹⁷ Topographical Services, *Invercargill, Southland; Winton, Southland; Riversdale, Southland*, <https://www.topomap.co.nz/NZTopoMap?v=2&ll=-45.904225,168.71069&z=9> [ruigte 15.12.2022].

dheireadh na bliadhna 1893 is e a' moladh 'Cabarfeidh' airson a bhith cho brosnachail, 'Tha an sgrìobhadh so gle fhada ach gabhibh mo leisgeul bhrosnaich litir 'Cabarfeidh' mi.'⁵⁹⁸ 'S i earrann 'Feileadh-beag' a bheir cuideachd beachd dhuinn air luach a' chuilbh do Ghàidheil an Tìr a Deas. A dh'aindeoin 's gun do stèidhichheadh comann Gàidhlig an Invercargill ann an 1882, tha coltas air gun robh a' chuid a bu mhotha de na h-in-imrichean Gàidhealach a bha air còmhnaidh a ghabhail san roinn gann de cho-chomann.⁵⁹⁹ Ann a bhith a' breithneachadh air a' chùis, chuir 'Feileadh-beag' an cèill gum bu dòcha gum b' i an tìr chèin a bu choireach.

Dealbh 24: Às-earrann à colbh 'Feileadh-beag'⁶⁰⁰

cliu sheinn. Gidheadh tha dòighean an t-sluaigh làn feinealachd a bhi gaireach a's mò na measg, mu thachaireas do aon neach gu fullaing ais na dealbhìbh saoghalta, no air aon doigh eile, cha-n faic sibh aon a ni bròn air son call a choimhearsnaich: cha-n'eil an gradh 's an caoimhneas bha ri fhaotainn a measg na ghaidheil anns an tìr duthchasach ri fhaotuinn an a so. Ach 's math a dh' fheudta gur e sin rathad na tìre. 'Tha seann fhacal ag radh "S' e fasan na duthcha agus s' e sin a ni a ni sinn." Ma's èigin do'n t-seann fhacal so bhi ceart, feumaidh e bhi ceart mar an ceudna gun deach a chuid a's mò de na ghaidheil tha fuirach 's an tìr so gle fhada air sheacharan bho doighean na duthcha anns an deach am breith 's an àrach. Cha-n'eil ann a so co-chomunn ri fhaotainn am measg na ghaidheil. Tha a chuid a's mò dhuibh ri fhaotainn an am measg na Innseanaich: Ged nach eil iad cho lionmhor 's an tìr so s'a tha iad am measg a chuid 's mo de na ghaidheil. Ged is

Tha an còrr den earrainn a' cur gnothach far comhair a tha air leth cumanta do sgrìobhadairean Gàidhlig ann an àrainneachdan ioma-chultarail agus sluagh-sgapach. Chunnacas roimhe e ann an gairm Uilleim Mhic an t-Saoir, am ministear saor-chlèireach a sgrìobh sanas do Ghàidheil

⁵⁹⁸ *Southern Cross*, 16 an Dùbhlachd 1893, td. 7.

⁵⁹⁹ *North Otago Times*, 6 am Faoilleach 1882, td. 2.

⁶⁰⁰ *Southern Cross*, 16 an Dùbhlachd 1893, td. 7.

Sydney ann an 1838 airson airgead a thogail do dh’eaglais Ghàidhlig. Lean ‘Feileadh-beag’ air a’ dèanamh coimeas eadar cor nan Gàidheal agus cor imrichean eile an Aoteaora, na Durgach. Tha an t-iomradh sin a-mach air muinntir baile Dhurgi ann an Andhra Pradesh, sna h-Innseachan. Am beachd ‘Feileadh-beag’ thug co-chomann nan Durgach bàrr air co-chomann nan Gàidheal, ‘Ged is duilich leam a rath tha mi ann am barail gu bheil na Durgich moran ni’s dileas do chach a chèile na tha muinntir mo dhuthaich fein.’⁶⁰¹ Leanadh an coimeas sin le fear eile a bha, an turas sin, a-mach air co-chomann nan Gàidheal a bha air imrich a Lunnainn. Ged nach ann cho fada air falbh ri Aotearoa a tha am baile, bha Lunnainn cuideachd mar phàirt den sgapadh-shluagh Ghàidhealach. Mhol ‘Feileadh-beag’ gu h-àraid an taic a nochd imrichean Gàidhealach an Lunnainn do chàch a chèile.

⁶⁰¹ Ibid.

muintir mo dhuthaich fein. Bho chian imadh bliadhna bha e mar chleachdadh aig gillean òga a bhi dol do Lunnuinn bho Albain agus bha imadh buaireadh a' feitheamh orra ann 's a' bhaile mhor sin, dìreach mar tha anns an tìre so. Ach ann a n' uine nach robh fada bha cuideachd caomhail gradhach de an luchd-duthcha ann a comas a bhi 'gabhail cùram de na ghaidheil a thigidh do na bhaile mhor sin, bha tighean carthain aca air sgeula far am faighidh gaidheil a thigadh do'n baile coimhuidh a' gabhail. Aite comhuidh anns am faighidh iad gach caomhalachd a nochdadh dhoibh. Agus duine sam bith a dh' fhaighidh litir gu neach de na chuideachd so a dh' faighidh e an uair a ruighidh e Lunnuinn gach sealladh a bitheadh feumail agus ro luachmhor dha gu bhith a' seachnadh imodh gnè cunnart bha buailteach dha coinichuin. Na'm bitheadh na gaidheil cho dileas ri cheile 's an tìr so cha bhitheadh nàir orra gluaisad air son co-chomuinn de an t-seorsa ceudna a shuidhachadh anns gach baile sam bithodh aireamh de na gaidheil a' gabhail comhuidh. Tha an sgrìobh-

A-mach às an t-sianar sgrìobhadairean a chuir ris a' cholbh gu deimhinnte, b' e 'Eileanach' am fear a chùim an colbh a' dol chun an deiridh. Theann dàrna bliadhna a' chuibh gun fhacal bho ghin de na sgrìobhadairean is an gnothach na adhbhar-ghearan do 'Eileanach'.

602 *Southern Cross*, 16 an Dùbhlachd 1893, td. 7.

“Tarruing do chas á tigh do choimhearsnaich,” ars an duine glic, “air eagal qu ’m bi e sgìth dhìot agus gu ’m fuathaich e thu.” Tha amharus agam gu bheil rud-eigin de’n t-seorsa sin a’ tighinn fainear do na daoine coire sin “ Cabar-feidh ” agus. “ Feibeadh-beag ” ’s cha-n’eil mi-fhein uile gu leir saor is e mar an ceudna. Cha toil leam a bhi ’ dol air cheile tuilleadh is tric. Gidheadh, air an laimh eile, tha am beagan a fhuair sinn de’n comhradh cho inntinneach ceanalta, agus cho neo-fheinspeiseil ’s gu bheil mi a meas gu bheil na coimhearsnaich lán thoileachichte an ceum a chluinntinn air a stairsaich, cha’n e nach ’eil iomadh ’n ar measg a dh’fhaodadh tighinn thar na stairsaich air a mhodh ceudna, ’s dha’m bitheadh altachadh-beatha gu suilbhir ; ’s tha na

Dh’fhàs brosnachadh ‘Eileanach’ na bu phailte agus cuideachd rudeigin èiginneach às dèidh 1893 is an colbh air stairsneach eadar bliadhnaichean torrach agus bliadhnaichean crionaidh. Chunnacas cuideachd oidhirp airson na ciad uarach an Astralàisia boireannaich a bhrosnachadh a chum dol an sàs ann an iomairt litreachais Ghàidhlig. Nuair a bhuilicheadh còir-bhòtaidh air mnathan Aotearoa san t-Sultain 1893, ghabh ‘Eileanach’ an cothrom sgrìobhadh gu dìreach dha na bana-Ghàidheil,

’N uair a fhuair na boirionnaich a nis an saorsa c’ar son nach d-thugadh iad dhuinn a dhealbh de’n cainntearachd. Is cinnteach gur ann dhaibh fein is aithne an ceileireadh a dheanamh. Tha sinn a’ feitheamh ri eisdeachd an ciuil.⁶⁰⁴

⁶⁰³ *Southern Cross*, 10 am Màrt 1894, td. 7.

⁶⁰⁴ *Ibid.*. Airson barrachd fiosrachaidh air còir-bhòtaidh nam boireannach an Aotearoa, feuchaibh, Barbara Brookes, *A History of New Zealand Women* (Wellington, 2016), gu h-àraidh tdd. 141-142; agus Raewyn Dalziel, ‘The Colonial Helpmeet: Women’s Role and the Vote in Nineteenth-century New Zealand’, *New Zealand Journal of History* 11:2 (An Dàmhair, 1977), tdd. 112-123.

Tha an earrann, a nochd fon tiotal, ‘Ag cumail an cainnt agus saorsa nam boirionnaich’, a’ dol nas fhaide an doimhneachd san ana-chothrom agus mì-ghnàthachadh a dh’fhiosraich mnathan, ‘aig gach sluagh, eadar Iudhaich is chinnaich.’⁶⁰⁵ Am beachd ‘Eileanach’, bhathar air dèiligeadh riutha mar gum b’ e tràillean a bh’ annta, ‘Bha iad air an cumail fodh sheorsa do chuibrich ’s do dhaoirse air feadh gach linn ’s tha a thoradh sin ri fhaicinn gus an latha an diugh, eadhon na ar measg fein.’⁶⁰⁶ Tha Patricia Grimshaw ag aithneachadh libearalas colonach (*colonial liberalism*) ann am briathran den leithid. B’ e an gnè sin de libearalas a dh’fhàg muinntir Aotearoa agus Astràilia na bu deònaiche èisteachd agus gabhail ri beachdan ùra is radaigeach aig deireadh na 19mh linn.⁶⁰⁷ Chuir ‘Eileanach’ fhèin an t-atharrachadh a bha air tighinn air beachdan an t-sluaigh às leth dhaoine a bha air, ‘fas ni’s reusonta,’ na làithean-san.⁶⁰⁸ Dh’èirich Achd-bhòtaidh (1893) às an libearalas cholonach a thug còir-bhòtaidh araon do mhnathan Māori agus luchd-tuineachaidh boireann.⁶⁰⁹ Ach a dh’aindeoin cho libearalach is a bha an sluagh, rinn ‘Eileanach’ cinnteach co-dhiù misneachd a thoirt dha na fireannaich,

Cha leig sinn a leas eagal a bhi oirnn nach dean iad [na boireannaich] an dleasdanas gu h-eagnaich ceart. Tha iad geur-shuileach gu leor gu bhi a’ cuir eadardhealachadh eadar amadan is duine glic, agus neo-ghealtach gu leor gu bhi a’ cuir am barail an ceill.⁶¹⁰

Chunnacas e a’ cur brosnachadh an rathad nam mnathan uair eile ann an 1895,

Togaidh na mnathan coir orra gun teagamh co maith ri cach, ’s is iomchuidh breagh an sealladh iad, air an sgeudachadh gu dealbhach doigheil. ’S iad fhein nach dean dearmad no dichuimhne air gach sgeimh is grinnear a b’abhaist a bhi ’cuir tlac orra ’n am na h-oige ’s na leannanachd.⁶¹¹

Dh’fhàs am brosnachadh an uair sin rudeigin sgaiteach ann an 1896 agus saoillear nach robh de dh’fhoighidinn air fhàgail aig ‘Eileanach’,

605 *Southern Cross*, 18 an t-Samhain 1893, td. 5.

606 *Ibid.*

607 Patricia Grimshaw, ‘Settler Anxieties, Indigenous Peoples, and Women’s Suffrage in the Colonies of Australia, New Zealand, and Hawai’i, 1888 to 1902’, *Pacific Historical Review*, Woman Suffrage: The View from the *Pacific* 69:4 (An t-Samhain, 2000), tdd. 553-572 (557).

608 *Southern Cross*, 18 an t-Samhain 1893, td. 5.

609 Grimshaw, ‘Settler Anxieties, Indigenous Peoples, and Women’s Suffrage’, td. 560.

610 *Southern Cross*, 18 an t-Samhain 1893, td. 5.

611 *Ibid.*, 28 an Dùbhlachd 1895, td. 12.

Tha eagal orm nach eil maith a bhi stri ris na boirionnaich, ged is maith a dh-fhaodadh iad facal a thoirt dhuinn de'n ceilearadh, no oran luaidh, no sgeul. Tha fios nach eil anns na daoine ach creutairean lapach leibideach, an coinneas [coimeas] riutha ann an ealanachd san grinneas cainnte.⁶¹²

Tha e duilich dearbhadh fhaighinn air bana-sgrìobhadairean Gàidhlig an Astralàisia. Le sùil air na sgrìobhadairean as aithne dhuinn, tha e duilich a ràdh cò iad on a bha mòran dhiubh buailteach air ainmean-pinn a chleachdadh. Bhite an dùil gum b' i bana-Ghàidheal a sgrìobh an sanas pòsaidh a chuireadh an clò san *Teachdaire Gaidhealach* sa Chèitean 1857.⁶¹³ Tha fhios cuideachd gum b' i ban-sgoileir a sgrìobh fon ainm-pinn, 'Shonnia Cruachan', a chuir eadar-theangachaidhean Gàidhlig gu colbh Gàidhlig an *News*, pàipear-naidheachd Adelaide, sna 1930an.⁶¹⁴ Gabhaidh ràdh ri cinnt cuideachd gum b' i a' bhana-bhàrd, 'Mor Nighean', a chuir tionndadh ùr den òran ghaoil, 'S fheudar dhomh bhith beò', don *Oban Times* à Washdyke, Canterbury, ann an 1878. Gu h-eadar-dhealaichte bhon òran tùsail, tha am fear cèin-thireach o shealladh bana-eilthireach a dh'fheumadh cùl a chur ri a leannan, 'Air an taobh so 'n t-saile / 'S minic uair a tha mi / Cuimhneach air an armunn / Bha rium baigheil grinn.'⁶¹⁵ Ged nach eil tuilleadh sgrìobhaidhean Gàidhlig againn gu ruige seo a ghabhas cur às leth bhoireannach le cinnt, is gann a ghabhas creidsinn nach robh barrachd mhnathan ri sgrìobhadh an Astralàisia. Gheibhear co-dhiù pailteas de dh'iomraidhean ann am pàipearan-naidheachd Aotearoa air boireannaich a bha nan sgoilearan Gàidhlig. B' i tè dhiubh Anne Maighread Nic Ìomhair (1849-1932) a rugadh sna Hearadh is a thàinig gu Aotearoa air an long-eilthireach, *Rhuapahu*, ann an 1884. Chanadh ma deidhinn, '*The deceased was also a good Gaelic scholar, and had a wide knowledge of the Highland Gaelic music.*'⁶¹⁶ Bha e sgrìobhte, mar an ceudna, ann an iomradh bàis na mnà-pòsta, NicDhonnchaidh Chamshron (1837-1919), '*She received the benefits of a liberal education in Perth, being a particularly fine Gaelic scholar.*' Thàinig NicDhonnchaidh Chamshron gu Aotearoa ann an 1864 air an long-eilthireach, *Paria*.⁶¹⁷ 'S fhiach cuideachd iomradh a thoirt air a' bhean-phòsta, Russell (1821-1881), a bha air cliù a

612 *Southern Cross*, 15 an Lùnastal 1896, td. 6.

613 *An Teachdaire Gaidhealach* 4, 1 an Cèitean 1857, td. 8. Thogadh air an t-sanas air tdd. 110-111.

614 Feuchaibh 2.4.3. [Colbh Gàidhlig an News](#). Togar air 'Shonnia Cruachan' a-rithist air tdd. 171-172.

615 Cf. *Oban Times*, 26 an Dàmhair 1878, td. 8; agus Peggy NicRath, 'S fheudar dhomh bhith beò', *Tobar an Dualchais* (22 am Màrt 1951), <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/34904?l=en> [ruigte 15.12.2023]. Mo thaing aig an Dr. Sheila Kidd a thug gu m' aire nach gabh fhathast ràdh ri cinnt gum b' e bana-bhàrd a rinn na rannan seo is fireannach aig amannan a' dèanamh bàrdachd bho shealladh bhoireannach. Airson barrachd air a' seo, feuchaibh, Kate Louise Mathis, 'Gaelic women's poetry', ann an Leith Davis agus Janet Sorenson (deas.), *The International Companion to Scottish Literature of the Long Eighteenth Century* (Glaschu, 2021), tdd. 199-219 (200, 204).

616 *Otago Daily Times*, 18 an t-Ògmhios 1932, td. 16.

617 *Southland Times*, 24 an Giblean 1919, td. 6.

chosnadh am measg nan Gàidheal Nuadh-Albannach a thàinig gu Waipu ann an 1856 an cuideachd an Urr. Thormoid MhicLeòid. Tha a h-ìomradh bàis-se ag ràdh, ‘*When the Nova Scotian settlers arrived in Waipu districts a quarter of a century ago, she befriended many of them [...] and as she had an excellent knowledge of the Gaelic language, greatly assisted their intercourse with other settlers by acting as interpreter.*’ Thàinig Russell gu Aotearoa ann an 1850 air an long-eilthreach, *St. Michael*.⁶¹⁸

Tha e follaiseach gu bheil barrachd obair a dhìth airson dìleab sgrìobhte agus labhairte nam mnathan a thoirt am follais. Le sùil air na tha againn de dh’fhoillseachaidhean Gàidhlig, dh’fhaodadh gun toir an t-uiread de dh’earrannan Gàidhlig san *NZPO* a dhèiligeas ri misg agus stuamachd fianais air làmh mhnathan sa cholbh.⁶¹⁹ Cha b’ ann sna colonaidhean a-mhàin a bha earrannan den leithid bitheanta is chunnacas pailteas dhiubh cuideachd an Alba agus ann an ceàrnan eile den sgapadh-shluagh Ghàidhealach tron 19mh linn.⁶²⁰ Tha fhios gun do ghabh mnathan Aotearoa suim ann an leithid de chuspairean on a thug iomairtean stuamachd cothrom dhaibh an toiseach dol an sàs ann am poilitigs na colonaidh. Chanadh gun robh nàdar sèimh, grinn, agus moralta nam mnathan gam fàgail na bu fhreagarraiche do ghnothaichean poilitigeach a leithid stuamachd. ’S e a b’ adhbhar dha sin gum facas stuamachd mar ghnòthach a thug buaidh air an teaghlach is an teaghlach fo stiùir nam mnathan.⁶²¹ Ach a-mhàin stuamachd, cha robh cothrom sam bith aca dol an sàs ann am poilitigs na colonaidh gu ruige 1893. A-rèiste, nuair a chaidh iomairtean stuamachd an dèinead an Aotearoa eadar na 1880an agus na 1920an, chaidh miann nam mnathan air còir-bhòtaidh cuideachd an treise.⁶²² Chan eil fianais chinnteach againn a chuireas gu dearbhadh gun robh ceangal ann eadar sgrìobhaidhean Gàidhlig air stuamachd, còir-bhòtaidh nam mnathan, agus bana-Ghàidheil. Tha fhios, ge-tà, gun robh ainmean Catherine agus Mary Anne Nic GillÌosa, bean agus nighean a’ bhàird MhicGillÌosa, a’ nochdadh air ath-chuinge *suffrage* nam boireannach an Aotearoa ris an do

618 *New Zealand Herald*, 10 an t-Sultain 1881, td. 4.

619 Chuir an Dr MacGillÌosa an t-òran, ‘Òran an aghaidh misg’, a rinn am bàrd MacGillÌosa uaireigin aig toiseach nan 1850an an Glaschu, ris a’ cholbh dà thuras, sa Mhàrt 1881 agus a-rithist sa Ghearran 1885 (*NZPO*, 21 an Cèitean 1881, td. 11; *NZPO*, 7 an Gearran 1885, td. 26). Dà mhios às dèidh sin, chuireadh cuideachd òran le Rob Mac Dhughail, ‘Comunn na Stuamachd’, fa chomhair an luchd-leughaidh (*NZPO*, 30 an t-Iuchar 1881, td. 11; *NZPO*, 6 an Lùnastal 1881, td. 22). Tha eisimpleir eile ann de dh’òran misg a tha, eu-coltach ris na h-òran eile, a’ moladh na dìghe. Ach a-mhàin am fear sin, tha na h-òran uile a’ cumail taic ri stuamachd. Feuchaibh, ‘Am Buideal’, *NZPO*, 27 an t-Ògmhios 1885, td. 13. Nochd an t-òran uair eile ann am pàipear-naidheachd Hawke’s Bay, *Waipawa Mail*, 4 an t-Iuchar 1885, td. 4.

620 Donald E. Meek, ‘The bardic blacksmith of Lismore and Govan: Iain MacAonghais / John MacInnes (1821-1884)’, *Aiste* 6 (2023), tdd. 129-172 (144-154).

621 Brookes, *A History of New Zealand Women*, td. 130.

622 Greg Ryan, ‘Drink and the Historians; Sober Reflections on Alcohol in New Zealand, 1840-1914’ *New Zealand Journal of History* 44:1 (2010), tdd. 35-53; agus James Belich, *Paradise Reforged: A History of the New Zealanders from the 1880s to the Year 2000* (Auckland, 2001), tdd. 158-173.

chuir 25,518 mnathan an ainmean.⁶²³ Bha òran Iain MhicGillÌosa, ‘Òran an aghaidh misg’, am measg na bàrdachd stuamachd a chuir an Dr MacGillÌosa an clò sa cholbh. Is math dh’fhaoidte, ma-tà, gu bheil teaghlach MhicGillÌosa a’ toirt sàr chothrom dhuinn guthan is iomairt nam mnathan Gàidhealach an Aotearoa a sgrùdadh nas fhaide.

Gabhaidh ràdh ri cinnt co-dhiù gun robh bana-Ghàidheil gu mòr an sàs ann an coinneamhan nan diofar chomann Gàidhlig far an cualas gu tric iad a’ gabhail òran. A dh’aindeoin an astair mhòir do thìr an àraich-san, ma-tà, tha coltas air nach robh atharrachadh air tighinn air dreuchd mhnathan sa cholonaidh. Tha Meg Bateman a’ mìneachadh gun robh e an urra ri mnathan Gàidhealach o shean sgeulachdan, duain na Fèinne, òrain, gnàthasan-cainnt, agus geasan a thoirt don chloinn. Rinn iad sin a chum math na coimhearsnachd seach a chum am maith fhèin.⁶²⁴ Dh’fhaodadh a ràdh gum b’ e sin an dearbh rud a bha fa-near do ‘Eileanach’ nuair a dh’iarr e air na mnathan sgrìobhadh don cholbh. Ach coltach ri sgrìobhaidhean Gàidhlig eile an Aotearoa, bha an fheadhainn a nochd san *Southern Cross* cuideachd fo bhuaidh ioma-chultaras. Chuireadh fàilte, ma-tà, air meòrachadh agus sgrùdadh air eòlas agus aithne phearsanta an sgrìobhadair. Tha ceist ann an do leig an dreuchd agus na dleastanasan a bhathas air toirt do bhana-Ghàidheil leotha dol an sàs gu ceart sa bhreithneachadh phearsanta agus fhèin-sgrùdadh a dh’iarr litreachas ioma-chultarail orra? Ged nach gabh a’ cheist sin freagairt gu h-ìomchaidh taobh a-staigh crìochan an tràchdais seo, tha i airidh air sgrùdadh ceart.

Mar a bu trice, b’ e leithid de bhreithneachadh a chuir sgrìobhadairean do MhacDhòmhnaill. Bhiodh iad a’ filleadh an cuid bheachdan a-steach ann an òrain, sgeulachdan, agus gnàthasan-cainnt traidiseanta is iad a’ togail air cùisean a dh’fhiosraich iad mar thoradh air eilthreachd, in-imrich, agus beatha an Aotearoa. A-rèiste, tha cuspairean agus cinn-teagaisg nan earrann ùr-sgrìobhte a’ nochdadh blas ioma-chultarail dhuinn. ’S e a bhith a’ toirt, ‘aiseiridh air sean eolas, ’s air sean doighean, gun a bhi dearmadach air cùisean a tha ’lathair mar a tha cuibhle na h-aimsir ga’n toirt mun cuairt,’ a bha fa-near do na sgrìobhadairean.⁶²⁵ Air a’ mhodh sin, bha feum is fàth a’ chuilbh an co-rèir ri gnìomhan slugh-sgapach. Bhathas a’ coimhead ris an t-seann dùthaich agus ris an aimsir a dh’fhalbh airson feartan dùthchasach a thar-aiseag, fhlige

623 Feuchaibh, ‘Suffrage petition, 1893’, URL: <https://nzhistory.govt.nz/media/photo/suffrage-petition-1893>, (Ministry for Culture and Heritage), air ùrachadh 25 an t-Iuchar 2018 [ruigte 12.01.2023]. Chan eil teagamh ann gu bheil cruaidh fheum ann air sgrùdadh ceart is iomlan air dreuchd nam mnathan Gàidhealach ann an iomairtean dùthchasach an Astralàisia.

624 Meg Bateman, ‘Women’s Writing in Scottish Gaelic Since 1750’, Douglas Gifford agus Dorothy McMillan (deas.), *A History of Scottish Women’s Writing* (Dùn Èideann, 1997), tdd. 659-676 (660); airson cunntas nas iomlaine air dreuchd nam bana-Ghàidheil aig deireadh na 19mh linne agus toiseach na 20mh linne, feuchaibh, Priscilla Scott, ‘“With heart and voice ever devoted to the cause”: Women in the Gaelic Movement, 1886-1914’ (Oilthigh Dhùn Èideann: Tràchdas PhD neo-fhoillsichte 2013).

625 B’ ann leis an sgrìobhadair, ‘Eileanach’, a bha na briathran sin. *Southern Cross*, 15 an Lùnastal 1896, td. 6.

a-steach, agus ath-leasachadh sa cholonaidh. Aithnichear ceithir mòr-chuspairean sna 45 colbhan a chuireadh an clò eadar 1893 agus 1900. 'S iad sin – a) an call a dh'fhiosraich na himrichean Gàidhealach às dèidh dhaibh Alba fhàgail; b) moladh air Aotearoa agus am piseach a bha air tighinn air beatha nan imrichean; c) dì-mholadh air luchd-tuineachaidh Aotearoa; agus d) neartachadh inbhe na Gàidhlig.

Tha coltas air gu bheil na trì mòr-chuspairean – call, dì-mholadh, agus moladh – gu minig a' dol an altaibh a chèile. Bhiodh iomradh air call gu tric a' brosnachadh dì-mholadh a chuireadh, an uair sin, ann an co-chothrom le moladh. Chan eil na sgrìobhaidhean a dhèiligeas ris a' chall a dh'fhiosraich na Gàidheil an cèin idir eu-coltach ri sgrìobhaidhean Gàidhlig an *NZPO* air neo sgrìobhaidhean Gàidhlig ann am foillseachaidhean Albannach is cèin-thìreach eile.⁶²⁶ A bharrachd air cunntas air a' chall, chuireadh cuideachd gu minig càineadh agus beagan maslachadh an cèill air an fheadhainn a leig leis a' Ghàidhlig agus le cleachdaidhean is luachan dùthchasach dol air dìochuimhne. Chithear sin ann an sgeulachd a chuir 'Feileadh-beag' chun a' phàipeir ann an làithean tòiseachail a' chuilbh. Tha an sgeulachd a' dèiligeadh ri nighean òg a dh'fhalbh chun na Galltachd airson greiseag far an do chaill i a cuid Ghàidhlig. Chuir an sgrìobhadair leis an sgeulachd gun robh mòran Ghàidheal den leithid a' còmhnaidh an Aotearoa, 'Chaill iad a ghaelic agus cha do dh'ionnsaich iad am beurla.'⁶²⁷

Cha b' ann air Sasannaich, Goill, no an tìr chèn a-mhàin a chuireadh a' choire airson crìonadh na Gàidhlig, a rèir gach coltais. B' ann a bha an colbh loma làn dì-mholadh air an luchd-tuineachaidh Ghàidhealach. Chuir cha mhòr gach fear de na sgrìobhadairean coire air na Gàidheil fhèin mu choinneamh call cànan agus chleachdaidhean dùthchasach. Chuireadh às leth Gàidheil Aotearoa gun robh iad uaibhreach, sanntach, eudmhor is fèineil, gun chùram is choibhneas do chàch a chèile, làn an-ìochd is dì-meas, agus fada ro thrang air tòir an sochair is maith fhèin. Thugadh iomradh cheana air oidhirpean 'Eileanach' Gàidheil a bhrosnachadh a chum sgrìobhadh don cholbh. Ann am fear de na colbhan brosnachail sin sgrìobh e,

Tha "Feileadh-beag" ann an teagamh nach 'eil daoine cho fìor dhuineil no cho duthchasach sa b' abhaist dhaibh, 's tha cuisean rudeigin coltach ri sin. Tha gach aon ann an drip 's an deifir; gach duine air a shon fein 's am fear a bhios air dheireadh beiridh a bhiast air.⁶²⁸

⁶²⁶ Cf. iomraidhean air gluasad-cànain ann am bàrdachd Ghàidhlig an Canada, Wilson McLeod, 'Language Politics and Language Consciousness in Scottish Gaelic Poetry', *Scottish Gaelic Studies* 21 (2003), tdd. 91-146, Newton, *Seanchaidh na Coille*, m.e. tdd. 184-192, 194-198. NicDhòmhnaill, *Emigrant Experience*, m.e. tdd. 68-73, 80-87.

⁶²⁷ *Southern Cross*, 28 an Dàmhair 1893, td. 5.

⁶²⁸ *Ibid.*, 10 am Màrt 1894, td. 7.

Ged a chòrd e ris na sgrìobhadairean meòrachadh air an t-seann dùthaich agus na sochairean ris an robh iad air cùl a chur, bha corra sgrìobhadair ann a dhiùlt an seòrsa eu-dòchas, cianalas, agus tiamhaidheachd a bhrosnaich meòrachadh den leithid. Bha ‘Eileanach’ am measg nan sgrìobhadairean a bha buailteach air sochairean na tìre cèine a chur an cuimhne an luchd-leughaidh.

Dealbh 27: Às-earrann à colbh ‘Eileanach’⁶²⁹

nair. Tha cuimhne agam air duine coir air taobh tuath an t-saoghail, aig an robh mor thruas ri luchd-aitaichidh an taobh deas ann an so. Ciamar, ars esan, is urrainn iad camanachd a dheanamh fo ghrian an t-samhraidh, 's gu de a sgoinn a bhios orra gu dansa fo fhonn nan teud? Cha'n ionnan san comhdach glan sneachda 's an cruaidh reothadh a chuireas stad air gach sruth agus leum anns gach cuisle, 's a ni iochdsblaint nan corn blasdalach. Cha b' aithne do'n laochan ud gu de cho inntinneach mear a dh-fhaodair a bhì ann san duthaich so fein, far am faic sinn aig am na nollaig feill air a sgaoiliedh gu pailt fo dhubhar nan craobh, 's far am faod gach creutair is urrainn gluasad a thighinn a mach am measg na cuideachd, agus aoibhneas is subhachas a tharruing o aneil na greine, 's o gach ni mu'n cuait. Dh-greine, 's o gach ni mu'n cuait. Dh-aom a bhliadhna air falbh bhuainn mar thradhadh na mara 's mar lionadh na mara tha' bhliadhna ur a thighinn eirran. Agus a nis guidh-eamaid gu 'm bi sith agus pailteas, agus gach maitheas na 'luib!

Thig moladh coltach ri sin am follais ann an colbh le ‘Feileadh-beag’,

629 *Southern Cross*, 2 an Gearran 1897, td. 12.

Ach tha 'n dùthaich fhein iongantach briadha thar gach tìr eile a tha fo'n grein, tha i mor thorach ann an iomadach doigh agus tha i làn do dh' iomadh ghnè saoihbreas, cuid mhor duibh air nach d' amais a' meinneadair fathast. Ach air son sin cha-n'eil amharus sam bith nach dh' fhuair sin dearbhadh gu bheil saoihbreas gun aireamh ann an Breatinn a Mhaori.⁶³⁰

Chan fhacas leithid de mheòrachadh ann an colbh an *NZPO* agus saoillear gum b' e a b' adhbhar dha sin gun do lean an Dr MacGillÌosa gu teann structar cholbhan Gàidhlig ann am foillseachaidhean eile. Bha, an coitcheannas, na bu lugha de dh' earrannan roisg a sgrìobhadh sa cholonaidh fhèin san *NZPO*. Bha earrannan den leithid air leth pailt san *Southern Cross*, gè-tà, agus bheir iad sàr chothrom dhuinn beachd fhaighinn air an ìre de rèiteachadh a bha na Gàidheil air coileanadh an Aotearoa sna 1890an. Chunnacas pròis às a' cholonaidh agus fiù 's dìlseachd dhi am measg nan in-imrichean. B' e bòidhchead na tìre a bhrosnaich faireachdainnean den leithid gu minig is bheirear fa-near nach robh sin idir neo-àbhaisteach ann an litreachas Aotearoa nan 1890an. Tha Stafford agus Williams a' cur far comhair gum biodh litreachas 'Tìr nam Maori' a' ceangal bòidhchead na tìre ri '*material pragmatism*'. Fhreagair an tìr air an dà chuid fògarraich a bha làn cianalais agus luchd-colonach a ghabh suim sna cothroman a thug an àrainneachd chèin dhaibh.⁶³¹

'S e sàr eisimpleir eile den chleas sin an t-òran, 'Moladh Otago', a chuir Alasdair Anndra MacRath (1856-1936) a-steach don cholbh san t-Sultain 1894 fon ainm-phinn, 'Doran Donn'.⁶³² B' e mac do dh' Alasdair Mòr na Pait (1795-1887) agus Eilidh Friseal NicRath (1803-1887) a bh' anns an Rathach. Am feadh is a bhuin athair do Cheann t-Sàile, Siorrachd Rois, bha a mhàthair à Cille Mòraig, Sgìre Inbhir Nis.⁶³³ Nuair a chuireadh an teaghlach far am fearann dùthchasach an Ceann t-Sàile sna 1840an, thog iad orra gu Loch Monair. Ged a tha cunntasan air Alasdair Anndra air leth gann, tha beagan fiosrachaidh ann air a bhràthair, Seumas Dubh MacRath. Bha esan air cliù a chosnadh airson nan sgilean grùdaireachd a thog e bho athar is b' aithne do mhuintir na sgìre e airson a' ghràidh a bha aige dha chànan agus dhualchas. Dhiùlt e seanchas a ghabhail, mar eisimpleir, mura b' e seanchas sa Ghàidhlig a bh' ann. Bhiodh e cuideachd a' cur breacan is fèileadh air gach turas a dheigheadh e a chèilidh air

630 Ibid., 16 an Dùbhlachd 1893, td. 7.

631 Stafford agus Williams, *Maoriland*, td. 79.

632 *Southern Cross*, 15 an t-Sultain 1894, td. 12.

633 'James Macrae', *My Heritage*, https://www.myheritage.com/names/james_macrae [ruigte 19.12.2023].

Caiplean Stirling, uachdaran na h-oighreachd, ann an Loidse na Pait.⁶³⁴ Tha ‘Moladh Otago’ a’ cur mun aire dhuinn gun robh gràdh ceart cho làidir aig Alasdair Anndra dha chànan is dhualchas. Tha coltas air gun do rinn e eilthireachd gu Aotearoa cuide ri a mhnaoi, Christina NicRath (c.1855-1903), uaireigin aig deireadh nan 1860an no toiseach nan 1870an. Thuinich an dithis ann an Winton, baile beag an sgìre Hokonui, an Tìr a Deas, far an robh càirdean MhicRath air tuineachadh roimhe. B’ i tè dhiubh Màiri NicRath a bha air cliù a chosnadh san sgìre airson an uisge-bheatha a chùm i oirre a’ tarraing sa cholonaidh.⁶³⁵ B’ iomadh Gàidheal a thuinich mu thimcheall cruic Hokonui is bha nàdar Gàidhealach air an àite.⁶³⁶ Tha òran a chuir MacRath don *Oban Times* ann an 1900 agus cuideachd don iris Chanèideanaich, *Mac-Talla*, ann an 1904 a’ toirt fianais air co-chomann Gàidheil Hokonui.⁶³⁷ ’S e òran molaidh agus brosnachaidh do Chomann Gàidhealach an Tìr a Deas a th’ ann a chuireadh an gleus san t-Samhain 1893 ann an Cnoc-na-frith (Forest Hill).⁶³⁸ Eu-coltach ris na h-earrannan a chuir MacRath don *Southern Cross*, chuir e ainm slàn a bharrachd air an tiotal, ‘*Fellow Colonist*’, ris a’ bhàrdachd a nochd an Alba agus an Canada,

A Chomuinn Ghàidhealaich mo ghaoil,
 Ged ’s cian ’s go fad bho thir an fhraoich,
 Cumaibh cuimhn’ air euchd nan laoch,
 Is cumaibh suas bhur cànan aosg’-
 A’ chainnt mhilis bhlasda chiùin
 ’Labhair Oisein, Goll, is Fionn,
 A’ chainnt bhuadhmhor ceòl nam bàrd
 A’s tric a dh’ùisg an smuain gu dàn.

Deanaibh strì ri ’cumail suas,
 ’S le sàr dicheall bheir sibh buaidh,
 ’S ged a bhitheadh ar n-àireamh gann
 Sgaoilidh bratach ’s cruinnichidh ’chlann:
 Thig na laoich ’tha sgairteil cruaidh,
 A chumail cainnt am màthair suas,
 ’S gach treun-chealchda’ bh’ aig na sàir
 ’Bha ’n an cuspair dha na bàird.

634 ‘Macrae’s Pait Blend Whiskey’, *Clan MacRae Society of Australia & New Zealand Incorporated*, <https://clanmacrae.org.au/macraes-pait-blend-whiskey/> [ruigte 19.12.2023].

635 Kris Herbert, ‘Hokonui Moonshine’, *New Zealand Geographic*, <https://www.nzgeo.com/stories/hokonui-moonshine/> [ruigte 19.12.2023].

636 Feuchaibh, Miller, *Hokonui, the School and the People* (Invercargill, 1982).

637 *Oban Times*, 14 an t-Iuchar 1900, td. 7; *Mac-Talla* 12:15 (22 am Faoilleach, 1904), td. 120.

638 *Southern Cross*, 2 an Dùbhlachd 1893, td. 6.

'S ged their luchd-fuath gu'n d' fhàs i gann,
'S nach còir a foghlum dha bhur clainn,
Na toiribh géill, 's na creidibh drannd,
An diugh gur h-uallach àrd a ceann;
Tha i 'g athnuadhachadh a beus
'An Alba bheag 's an dùthchaibh cein,
Is i gach là 'toirt buaidh le céill
'S na's tréine 'n diugh na 'bha i 'n dé.⁶³⁹

Bhiodh an dàn air a bhith ceart cho freagarrach do cholbh Gàidhlig an *Southern Cross* ach cha do chuireadh e an clò ann a-riamh leis gun deach an colbh à bith sa Ghiblean 1900. Bitheadh sin mar a bhitheadh, chan iad òrain agus ballrachd MhicRath do Chomann Gàidhealach an Tìr a Deas a-mhàin a dhearbhas dileas an Rosaich dha chànan, dhualchas, agus dhùthchas. Bha e cuideachd gu mòr an sàs san iris ràitheil, *Jacobite* (1919-1952), 'the only Jacobite paper in New Zealand,' a chuireadh air chois agus an clò am Palmerston North, Manawatu-Whanganui, ann an 1919. A dh'aindeoin corra ghearan gun robh an *Jacobite* làn, 'propaganda against the Throne of England,' b' e iris Phròstanach a bh' ann a bha an dà chuid, 'Conservative and Royalist.'⁶⁴⁰ A bharrachd air cunntasan eachdraidheil air Blàr Chùil Lodair agus na tachartasan a dh'èirich ron Bhlàr agus às dèidh a' Bhlàir, chuireadh gu minig lèirmheasan an clò san *Jacobite* a dhèilig ri sgoileireachd air a' Bhlàr agus na Seumasaich. B' e dreuchd MhicRath, a rèir gach coltais, fo-sgrìobhaichean a thrusadh don iris. Chaidh e cuideachd an sàs ann an trusadh airgid do dhiofar iomairtean Seumasach, mar eisimpleir an iris fhèin, fleasg a bhathar airson cur gu làrach Chùil Lodair ann an 1925, agus clach chuimhne an Alba don bhàrd Sheumasach, Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair.⁶⁴¹ Mar a bhite an dùil, bha an *Jacobite* gu ìre mhòr an eisimeil lìonra tar-nàiseanta ri Alba is thug e cothrom do luchd-taic na h-irise cumail an conaltradh is co-chomann leis an t-seann dùthaich. Cha b' ann tro shlighe an *Jacobite* a-mhàin a chuir MacRath drochaid do dh'Alba air chois is an neart. Chunnacas e roimhe a' sgrìobhadh don iris Albannaich, *Guth na Bliadhna*, ann an 1905 is e an tòir air òran Alasdair Mhic Mhaighstir Alasdair.⁶⁴²

⁶³⁹ *Oban Times*, 14 an t-Iuchar 1900, td. 7.

⁶⁴⁰ *Evening Star*, 6 an Ghiblean 1923, td. 8.

⁶⁴¹ *The Jacobite* 2:2 (An Gearran, 1923), td. 53; *The Jacobite* 2:10 (An Gearran, 1925), td. 85; *The Jacobite* 2:11 (An Cèitean, 1925), td. 89.

⁶⁴² *Guth na Bliadhna* 2:4 (Am Foghar, 1905), td. 393. Feuchaibh cuideachd an fhreagairt a chuireadh do MhacRath le neach-leughaidh na h-irise, *Guth na Bliadhna* 4:3 (An Samhradh, 1907), td. 271.

Tha an t-òran, ‘Moladh Otago’, a’ cur chuspairean seana is ùra an eagaibh a chèile is e na dheagh eisimpleir air comas is deòin cuid de dh’imrichean rèite a dhèanamh rim beatha ùir. Bhiodh luchd-èisteachd ag aithneachadh fonn an òrain, ‘Mo rùn geal dileas’, a bharrachd air a’ chòd mholaidh a chuir am bàrd gu feum. Fhreagair an t-òran, mar sin, air na Gàidheil a bha làn cianalais do thìr an àraich is do na cleachdaidhean is nòsan a bha gnàthach dhaibh. Bhiodh cunntas a’ bhàird air na ceudfathan a bhrosnaich an tìr chèin a’ cur bàrdachd nàdair Dhonnchaidh Bhàin Mhic an t-Saoir (1724-1812) nan cuimhne, mar eisimpleir ‘Òran an t-Samhraidh’ agus ‘Moladh Beinn Dòbhrain’.⁶⁴³ Leig cleas den leithid leis an luchd-leughaidh ceangal a thogail eadar gnothach a b’ aithne dhaibh agus gnothach a bha ùr dhaibh. Uair eile, gheibh sinn eisimpleir air an drochaid bhun-bheachdail a chuir Gàidheil an cèin gu feum airson rèiteachadh ris an àrainneachd ùir. Chan ann le iomagain a chaidh MacRath an greim nan atharrachaidhean a bha air tighinn air a bheatha ach le misneachd is ùmhlachd.

Dealbh 28: ‘Moladh Otago’⁶⁴⁴

Tha 'an samhradh cubhraidh a teachd
gu dlath oirnn,
Cuir dreach as ur air gach lub is
gleann,
Gach raon is cluain dol nan eide uaine
Gu boidheach snuadh-mhor' gun
gruain gun mheang.
'S a' mhaduinn sheobhailt' 's a' ghrian
ag eiridh,
Crathadh eibhneas air eudainn thom,
Cuir neart 'as speirid an luibhean
ceutach,
Is anail speuran a seidadh mall.
'S gur h-e Otago am fearan priseal,
Le cruithneachd finealt' 's e ciinntinn
ann,
Corc is grainnseach gu torrach lann-
mhor,

⁶⁴³ Bateman agus Purser, *Window to the West*, td. 188.

⁶⁴⁴ *Southern Cross*, 15 an t-Sultain 1894, td. 12.

Is fìor gun aireamh a' fas airt-fonn.
 Gur boidheach uallach a' dìreadh suas
 iad,
 Na treudan luainneach ri d' cruach-
 bheann ard,
 Do chaoraich lion-mhor' le 'n olainn
 sgeimhach
 'S na h-uainn a dìon-chleas ri grian fo
 sgaile.
 Tha'n crodh cho uabhrach cha teid
 do bhuaile ;
 Cha d' chleachd iad buarrach no grua-
 gach dhonn ;
 Ach marcaiche shiubhlach gan ruidh
 gu luah-mhor,
 G an d' thoirt gu dulan air stuc nam
 beann.
 Do ghlaicean fasail is cubhraidhe
 faile,
 Is eoin gun aireamh a' tamhachd
 annt,
 'S gur binn ri eisdachd na ceol nan
 teudan.
 An cho-sheirm eibhian a' dìreadh nan
 crann.
 Mac-talla claidinn, 's na cnocan
 arda,
 An ceolraich aigh-mhor is aillidh
 fonn,
 'S a chearcag Mhaori le fead ga dhuig-
 eadh.
 Is nead an Tui an dluthas nam
 mheang.
 Do chreagan corrach le'n stacan
 garbhlaich,
 Is gach gne studh talamhaidh air
 roinn a d'choir,
 Do ghrinneal cruadhlach gu mein-
 neach luath-mhor,
 Le eiteag chruaidh-gheal lan spuaican
 òr.
 Na sruithan fìor-uisage tighinn bhod'
 stuc-bheann
 A ruith gu subhailach nan lubhan
 cam.
 Gu carach, cuairteach, a snamh gu
 luainneach.
 A dh' ionnsuidh cuaintean is ulaidh
 tonn.

Tha fhios gum b' e òran a bh' ann a fhreagair air Gàidheil a bha beò san sgapadh-shluagh Ghàidhealach agus ann an àrainneachdan ioma-chultarail. Chuireadh 'Moladh Otago' an clò uair eile san iris Chanèideanaich, *Mac-Talla*, sa Mhàrt 1904.⁶⁴⁵

Cha do chuimsich gach uile moladh a rinn sgrìobhadairean a' chuilbh Ghàidhlig air cruth na tire cèine a-mhàin. An-dràst' 's a-rithist, rinneadh cuideachd moladh air leasachaidhean poiliteigeach a leithid còir-bhòtaidh nam mnathan, foghlam cloinne, agus cothroman cosnaidh. Chithear sin ann an earrann eile a sgrìobh 'Eileanach',

Tha an duthaich so na duthaich ùr, far am bheil pailteas, agus am bichiontas obair do gach neach, air chor is nach leig aon a leas a bhi fo eisiomail a choimhearsnaich. Is chan 'eil na laig no na feumaich cho lionmhor air gach taobh 'sa bha iad far an d-thainig gainne is cruadal a stigh mar gu'm biodh làn-mara ann, an lorg an-ìochd 's an aintighearnais a bhatair a cleachdadh an aghaidh na tuaithe, fo ughdaras lagh agus neart na righeachd.⁶⁴⁶

'S e gu h-àraidh am piseach a thàinig air cor eaconamach nan Gàidheal sa cholonaidh a tha a' sìor thogail ceann. Leis nach do chuimsich litreachas a' chuilbh idir air luchd-leughaidh an Alba, cha b' urrainnear a ràdh gum b' ann air adhbharan sanasachd a chuir na sgrìobhadairean an cuid mholaidhean an cèill. Tha e nas coltaiche gum b' e rèiteachadh a bha fa-near dhaibh.

⁶⁴⁵ *Mac-Talla* 12:18 (Am Màrt, 1904), td. 144.

⁶⁴⁶ *Southern Cross*, 10 am Màrt 1894, td. 7. Airson tuilleadh eisimpleirean, feuchaibh, 'Gaelic Literature', *Southern Cross*, 23 an t-Sultain 1893, td. 6; 'Litir O Ghaidheil', *Southern Cross*, 28 an Dàmhair 1893, td. 5; 'Ag Cumail an Caint agus Saorsa nam Boirionnaich', *Southern Cross*, 18 an t-Samhain 1893, td. 5; 'Teagasg na Cloinne', *Southern Cross*, 25 an t-Samhain 1893, td. 5; 'Latha Mor Banrighinn', *Southern Cross*, 26 an t-Ògmhios 1897, td. 9.

iàsg na linne. Ach feudair a'ideachadh gun tug an iomlaid leasachadh mu 'n cuairt. Thàinig saorse agus pailteas na' luib, an aite na cruaidhe 's na gainne a chunnaic sinn 's air a bheil sinn fathast a' chluinntinn. Chi sibh fear agus fear a bha aon uair na 'sgal-aig, no ri obair-latha anns an duthaich mu thuath, a nis a' togail a chinn gu smiorail 's e na uachdaran fearainn. Chi sibh e a' dol do'n eaglais na'a charbad fhein gu h-eireachdail, a ghearran stòlda gu tharruing gu reidh, 's a bhean lamh ris sgeudaichte le gun tomadach neo-ghann 's e s'an fhasan, agus boineid shuaicheanta sgeimheil a chuireadh tìac air bantighearna.

Ma tha easbhuidh anns an tìr so, cha-n ann aig athar no aig talamh a tha a choire. Ach an aite gainne s e a tha againn an dràsda ròic is fleadhachas, aiteas air gach laimh, druichd geana mar sholus ann an iomadh suil, cairdeas agus cridheals a' coinneachadh a cheile' agus an aimsir fhein uile da reir sin—a' mhaduinn cheutach iuchair ag eiridh air a lethid de dhreach 's gu bheil facail an t-seann bhaird a co-fhreagrachd ri ailleachd a gnùis :

A bharrachd air leasachaidhean mu choinneamh cor eaconamach nan Gàidheal, thog 'Cabarfeidh' air foghlam an Aotearoa is am piseach a bha air tighinn air oilean is oideas don chloinn,

Tha sochairean mòra aig clann an là an diugh nach robh aig an seanairean. Sgoilean saoir; tighean ùra ceutach, farsuinn, glan, blàth, tioram; agus luchd teagaisg dhìchiollach, chomasach a theaguisgeas gach gnè chuspair a dh' iarrar orra ach a' Ghàilig féin theagamh.⁶⁴⁸

'S i an fhìrinn nach robh cothrom aig Gàidheil Aotearoa oilean is oideas fhaighinn sa Ghàidhlig gu ruige 1905. Fiù 's às dèidh don Urr. Donnchadh MacIllFhinnein clas Gàidhlig a chur air

⁶⁴⁷ *Southern Cross*, 13 am Faoilleach 1894, td. 6.

⁶⁴⁸ *Ibid.*, 25 an t-Samhain 1893, td. 5.

chois sa cheart bhliadhna sin, cha robh cothrom ach aig Gàidheil Dhunedin air.⁶⁴⁹ Chan eil fhios nas motha an do shoirbhich leis a' chlas gu ceart. Bha MacIllFhinnein gu mòr an dòchas gun toireadh an caochladh Ghàidheil an Dunedin, 'hailing from nearly all the different highland counties,' sàr chothrom do na sgoilearan diofar bheachdan, bhlasan, agus chleachdaidhean a thogail. Chlàraich mu cheud Gàidheil don chlas sa bhad is mòran dhiubh nam buill do Chomann Gàidhlig Dhunedin. Tha aithisg air coinneamh a' chlas a' toirt blasad dhuinn air an ionnsachadh a fhuair na sgoilearan is na mheasg eadar-theangachaidhean Gàidhlig is Beurla, òrain Ghàidhlig, agus Còmhradh eadar 'Murchadh agus Mionachag'.⁶⁵⁰ Am beachd Gàidheil Dhunedin, bha an clas soirbheachail is na sgoileirean èasgaidh. Air an làimh eile, tha litir a chuir an t-Urr. MacIllFhinnein chun an *Celtic Review* ag innse sgeulachd eile,

*My experience is that the typical Colonial is a Vandal of the Vandals. To him nothing is sacred. He has had no past and he cares not for the future; he lives for the present and is essentially selfish and self-centred. Culture for its own sake he does not understand nor desire. Money and pleasure engross his interests. [...] It is clear that in such environment Gaelic has no chance.*⁶⁵¹

Cha ghabh ràdh cò a b' adhbhar do bheachdan sgaiteach a' mhinisteir. Le sùil air gach uile oidhirp a rinn Gàidheil Aotearoa airson an cànan is dualchas a ghlèidheadh, bhite an dùil gun robh MacIllFhinnein rudeigin aineolach mu na h-in-imrichean. Bha e air tighinn chun na colonaidh ann an 1903 airson searmonachadh do Ghàidheil Eilean a Tuath.⁶⁵² Chan e iongnadh a th' ann, theagamh, nach robh e fada a' fuireach sa cholonaidh is gun do thill e a dh'Alba ann an 1914.⁶⁵³ Tha coltas fiù 's nas annasaiche air beachdan MhicIllFhinnein air sàillibh na soraidh slàine a sgrìobh Gàidheil Dhunedin dha sa Ghàidhlig ann an 1914, 'Nuair thig deireadh an t-saobhail air daoine gu leir, Agus a thuiteas na runagan nuas bho' na Speur. 'S ann an Gaeilg mo ghaoilsa tha caomhail a 'S seamh, a sheinneas na h-ainghealan gu h-ard ann an Neamh.'⁶⁵⁴ Cha do thog 'Cabarfeidh' na b' fhaide air easbhaidhean ann an oilean is oideas na Gàidhlig. Na bheachd, chosg muinntir Aotearoa mòran airgead air foghlam na cloinne, 'agus bu chòir do thoradh mòr a bhi ri fhaicinn.'⁶⁵⁵ Dh'aidich e gum faicte an toradh sin gun teagamh agus

649 *New Zealand Herald*, 21 an Dàmhair 1905, td. 6.

650 *Otago Witness*, 11 an t-Iuchar 1906, td. 18.

651 *The Celtic Review* 2:7 (Am Faoilleach, 1906), td. 282.

652 *The New Zealand Mail*, 25 an Gearran 1903, td. 57.

653 *Otago Daily Times*, 9 an Cèitean 1914, td. 12.

654 *Ibid.*

655 *Southern Cross*, 25 an t-Samhain 1893, td. 5.

cuideachd am measg Gàidheil na colnaidh, ‘Cha chluinnear bàrd ’na dhéigh so a’ seinn mar a chan Macgriogair o cheann corr is ceud bliadhna: - “Bha na Gàidheil ro aineolach, dall / Bha ionnsachadh gann ’nam measg.”⁶⁵⁶ Am beachd ‘Cabarfeidh’, b’ fheàrr cothrom air oilean fiù ’s mur an tug an t-oilean sin for air a’ Ghàidhlig.

Tha breithneachadh nan sgrìobhadairean a’ cur air shùilean dhuinn gun robh an fheadhainn a chaidh an sàs sa cholbh mothachail air an uallach a bha orra a thaobh glèidheadh cànan, dualchais, agus co-chomainn. Cha b’ e cuimhneachadh is caoineadh a bha fa-near dhaibh ach a bhith a’ sgrùdadh, a’ rèiteachadh, agus a’ dealbhadh an t-seòrsa sgapadh-shluagh anns an robh iad airson a bhith beò. An taca ri colbh an *NZPO*, tha e fiù ’s nas fhollaisiche gun do chuimsich colbh an *Southern Cross* air luchd-tuineachaidh Aotearoa sa chiad dol a-mach. Le sùil air an ath chuibhreann den chaibideil, chan eil teagamh ann gum b’ ann air luchd-leughaidh an Astràilia a bha colbh an *News* ag amas. Chuireadh an clò e aig deireadh nan 1930an airson cothrom a thoirt do shliochd nan Gàidheal an Astràilia a Deas a’ Ghàidhlig ionnsachadh is a chleachdadh. Bha an ceangal a bha aig an t-sliochd sin ri cànan, dualchas, agus dùthchas an sinnsearan air fàs fann is bheir an colbh fianais air oidhirpean tòiseachail an ceangal, a bha uair ann, ath-bheothachadh.

2.4.3. Colbh Gàidhlig an *News*

B’ ann san dol seachad, mar gum b’ eadh, a chuir pàipear-naidheachd an Adelaide earrann le ‘Shonnia Chr Criuchau’ an clò ann an colbh dom b’ ainm, ‘*Passing By*’.⁶⁵⁷ Cha do rinn an earrann Bheurla ach mìneachadh air cò as ciall don Ghàidhlig san ainm-àite, ‘Glenelg’ – ‘*meaning, ‘sea, with rough bound hills seen in a distance*’ – ach bhrosnaich i luchd-leughaidh air feadh Astràilia a Deas gu sgrìobhadh.⁶⁵⁸ Chuireadh gu h-obann pailteas de dh’earrannan air fuinn Ghàidhlig, làimh-sgrìobhainnean Gàidhlig, eadar-theangachaidhean Gàidhlig, blas na Gàidhlig, sloinntireachd Ghàidhealach, agus rèisimeidean Gàidhealach don *News* (1923-1954) à diofar cheàrnan den stàit.⁶⁵⁹ Bha a’ chuid a bu mhotha de na sgrìobhadairean a chuir earrannan a-steach eadar 1937 agus 1939 nan còmhnaidh an Adelaide agus ann am bàiltean mu thimcheall

⁶⁵⁶ Ibid. ‘S ann bho dhàn MhicGriogair, ‘Craobhsgeòileadh a Bhiobaill agus an t-soisgeil’, a tha na sreathan seo, feuchaibh, Seumas MacGriogair, *Dain a Chomhadh Crabhuidh* (Glaschu, 1825), td. 88. Airson barrachd fiosrachaidh air MacGriogair, a bha e fhèin a’ searmonachadh an t-soisgeil ann an Ameireagaidh a Tuath, feuchaibh, Donald E. Meek, ‘A Gaelic song on the nineteenth-century Christian missionary movement’, ann an Sharon Arbuthnot agus Kaarina Hollo (deas.), *Fil sùil nglais / A grey eye looks back* (Ceann Drochaid, 2007), tdd. 143-162.


⁶⁵⁷ *The News*, 12 an Gearran 1936, td. 6.

⁶⁵⁸ Ibid.

⁶⁵⁹ Ibid., 10 an Dùbhlachd 1936, td. 12; Ibid., 11 an Dùbhlachd 1936, td. 6; Ibid., 14 an Dùbhlachd 1936, td. 4; Ibid., 16 an Dùbhlachd 1936, td. 8; Ibid., 17 an Dùbhlachd 1936, td. 12; Ibid., 23 an Dùbhlachd 1936, td. 4.

a' mhòr-bhaile. An-dràst' 's a-rithist, chunnacas cuideachd earrann a' nochdadh a sgrìobhadh ann am baile na b' fhaide air falbh, mar eisimpleir Naracoorte, Kadina, agus Port Vincent.

Mapa 12: Bho thuath gu deas: Kadina, Port Vincent, Adelaide, Naracoorte, agus Penola, Astràilia a Deas⁶⁶⁰



Le sùil air litreachas na Gàidhlig à Astràilia a Deas, chan aithnichear ach Naracoorte is am baile gu dìreach ri taobh Mosquito Plains far an robh fear-gnothaich don iris Astràilianaich, *An Teachdaire Gaidhealach*, a' fuireach, an t-Urr. Dùghall MacChalmain. B' e ministear Gàidhlig a bh' ann sna 1850an don cho-thionail shaor-chlèireach a ghabh a-steach Naracoorte agus cuideachd Penola.⁶⁶¹ Bha dithis a bharrachd ann am Penola a chaidh cuideachd an sàs san *Teachdaire*: am bàrd, 'An Gille Muileach', agus am fear-gnothaich, Seòras Camshron. Ach a-mhàin an grunnan earrann Ghàidhlig san *Teachdaire*, tha litreachas na Gàidhlig ann am foillseachaidhean Astràilia a Deas cuimseach gann.

'S e an gainnead chothroman do dh'fhoillseachaidhean Gàidhlig a dh'fhàgas gach earrann a chuir an *News* an clò air leth priseil. Bha an àireamh de dh'earrannan Gàidhlig a chuireadh chun a' phàipeir cho mòr aig aon àm nach robh e an comas don deasaiche, 'Mr Pim', rùm a

⁶⁶⁰ NatureMaps, Government of South Australia, *Kadina, Astràilia a Deas; Port Vincent, Astràilia a Deas; Adelaide, Astràilia a Deas; Naracoorte, Astràilia a Deas; Penola, Astràilia a Deas*, sgèile 1:4,622,324, <http://spatialwebapps.environment.sa.gov.au/naturemaps/?locale=en-us&viewer=naturemaps> [ruigte 01.06.2024].

⁶⁶¹ Feuchaidh, 'Rev. Dugal McCalman', *The Naracoorte Herald*, 24 an Dùbhlachd 1880, td. 2.

thoirt do dh'earrannan eile.⁶⁶² Leis cho mòr is a bha an t-iarrtas, thugadh colbh fa leth dha na h-earrannan Gàidhlig a bhiodh, bho 1938 air n-aghaidh, a' nochdadh gu cunbhalach aig an deireadh-seachdain.⁶⁶³ Sgrìobh an deasaiche ann an 1938, '*I have been surprised at the number of persons who are interested in the Gaelic language.*'⁶⁶⁴ Cha robh ceangal aige fhèin don Ghàidhlig ged a bha, ar leis, fuil Albannach na chuislean.⁶⁶⁵ Air do neach-leughaidh faighneachd dheth càit an do rugadh e agus 'Shonnia Cruachan', fhreagair e gu pongail, '*We are Australians.*'⁶⁶⁶ Dh'aidich e, ge-tà, gum b' e, '*a woman in Adelaide who is an authority on Gaelic,*' agus '*a Scots Gael,*' a bh' ann an Shonnia Cruachan.⁶⁶⁷ B' i Shonnia Cruachain a b' adhbhar gun deach an colbh an neart às dèidh a' Ghearrain 1936 agus b' i cuideachd a rinn a' chuid a bu mhotha den obair a bha an sàs sa cholbh sna bliadhnaichean a lean. Chan e an tràchdas seo a' chiad sgrùdadh a rinneadh air 'Shonnia McDonald Cruachan'. Tha Ragnall MacIlleDhuibh air oidhirp a dhèanamh cheana fiosrachadh air a' bhana-Astràilianach a thrusadh on a bha i, ar leatha, an sealbh air an Leabhar Dhearg a bhuin do Chlann Raghnaill.⁶⁶⁸ B' e toradh a shaothair,

*Attempts appear to have been made to trace Shonnia MacDonald and the Red Book once per decade since the war. [...] There was something very bogus about the elusive Miss MacDonald. [...] We have at least been able to establish that Miss MacDonald existed if not verify her bona fides in relation to the "Red Book". [...] And there the matter rests. Thousands of documents sifted, but the smoky pages of the Red Book of Clanranald seem further away than ever.*⁶⁶⁹

Is gann a ghabhas creidsinn nach urrainn dhuinn a ràdh ri cinnt cò bh' ann an Shonnia Cruachan. Bha i an sàs ann an iomadh comann an Astràilia a Deas, mar eisimpleir Comann an Leabhair Dhearg, Comann Burns an Adelaide, agus Comann Clann MhicDhòmhnaill an Astràilia a Deas.⁶⁷⁰ Choisinn i cliù cuideachd airson an eòlais a bha aice air cànanain tùsanach an Astràilia. A rèir Robert Mac an Tòisich, a sgrìobh don *News* ann an 1945, bha NicDhòmhnaill

662 *The News*, 15 an t-Iuchar 1939, td. 6.

663 *Ibid.*, 22 an Dùbhlachd 1938, td. 2; *Ibid.*, 16 am Màrt 1939, td. 6.

664 *Ibid.*, 25 an t-Samhain 1938, td. 6.

665 *Ibid.*, 21 an t-Samhain 1932, td. 4.

666 *Ibid.*, 22 an Dùbhlachd 1938, td. 2.

667 *Ibid.*, 15 an t-Samhain 1938, td. 6; *Ibid.*, 2 an Lùnastal 1938, td. 6.

668 Ragnall MacIlleDhuibh, 'In search of the Red Book of Clanranald', *Clan Donald Magazine* 8 (1979), <https://www.clanald.org.uk/cdm08/cdm08a11.htm> [ruigte 20.12.2023]; *News*, 14 an Dùbhlachd 1936, td. 4.

669 Ragnall MacIlleDhuibh, 'In search of the Red Book of Clanranald', *Clan Donald Magazine* 8.

670 *The Advertiser*, 5 an Dàmhair 1937, td. 26; Bha NicDhòmhnaill na rùnaire do Chomann Burns, *The Advertiser*, 14 an t-Iuchar 1943, td. 4; Bha i cuideachd na ceann-cinnidh do Chomann Clann MhicDhòmhnaill, *The News*, 11 an Dàmhair 1943, td. 5.

gu mòr an sàs ann a bhith a' glèidheadh cuid de chànain tùsanach, '*She speaks, reads, and writes the "N'utha-Galla" (the tribe which once made Melbourne its home), "Nananga," "Omio," "Maranos," "Bockarraboy" tribes – and many others.*'⁶⁷¹ Chùm i fhèin a-mach gun robh i càirdeach do dh'Fhionnghal NicDhòmhnaill a chuidich am Prionnsa Teàrlach teicheadh à Uibhist a Deas gu Tìr Mòr na h-Alba san Ògmhios 1746.⁶⁷² Saoilear gum b' e sin an ceangal a bha aice ri Alba agus ris a' Ghàidhlig.

Dh'eadar-theangaich NicDhòmhnaill mu 34 earrannan don *News* eadar 1936 agus 1939. Bha gach tè dhiubh sa Ghàidhlig bhon toiseach, a rèir nan sgrìobhadairean, is cha do rinn NicDhòmhnaill ach Beurla a chur orra. Tha sùil air na h-earrannan a' toirt am follais dhuinn nach eil sin buileach fìor. Chan urrainnear a ràdh ach mu às-earrannan às a' Bhìoball agus cuid de sheanfhaclan is abairtean gum b' ann sa Ghàidhlig a bha iad bho thùs. Mar a bu trice, bhiodh an luchd-leughaidh a chuir don cholbh iad air an lorg snaighte ann an claidheamhan, criosan, agus stuthan eile. Mar eisimpleir, chuir Alicia Brodie briathran don *News* a bha snaighte ann an clach, 'Thàinig e a feoil / U's chan e feoil a tha ann. / Innsidh e naidheachd / Gun teanga na Cheann. / Na bitheamaid deidheil air glòir dhiomhain / A crosnachadh a cheile / A gabhail farmaid r' a cheile.'⁶⁷³ Am feadh is as e tòimhseachan a th' anns na ceithir loidhnichean tòiseachail, tha an còrr dhiubh a' toirt blasad den t-soisgeul a rèir Mata dhuinn.⁶⁷⁴ Air a' mhodh cheudna, dh'iarr Alex Munro à Keswick air NicDhòmhnaill seanfhacal Gàidhlig eadar-theangachadh a bha snaighte ann an seann chladheamh, 'An car a bhios san t-seana mhaide is duilich a thoirt as.'⁶⁷⁵ B' ann air biodag a bha na briathran Gàidhlig sgrìobhte a chuir Bob Tullock don *News* à Port Adelaide, 'Cha do chuir a ghualainn (ris), nach do chuir tuar thairis.'⁶⁷⁶ Bha a shìn-sheanair air a' bhiodag a lorg sna h-Innseachan is e a' cladhach trainnse an Lucknow. Ged nach b' aithne do Thullock ainm na rèisimeide dhan do bhuin a shìn-sheanair, chuimhnich e gum b' e 'Wattie' a bha aig na saighdearan air ceannard an fheachd. Thog NicDhòmhnaill air an fhiosrachadh sin is chuir i ris a' cholbh, '*"Wattie" was the nickname of Walter Hamilton [...] he was in command of the 78th Highlanders of Ross-shire Buffs, also*

671 *The News*, 15 am Màrt 1945, td. 5.

672 *Ibid.*, 22 an Lùnastal 1942, td. 3.

673 *Ibid.*, 3 an Dàmhair 1938, td. 4.

674 Feuchaibh, Isaac Watts, *Da Leabhar Cheistin agus Urnuighean; No Crabhadh Chloinne Bige fuidh dha bhliadhna dheug aois* (Dùn Èideann, 1774), td. 45.

675 *The News*, 18 am Màrt 1939, td. 6.

676 *Ibid.*, 8 an t-Iuchar 1939, td. 6.

known as “*Havelock’s Ironsides.*”⁶⁷⁷ Bhite an dùil, ma-tà, gun robh a’ bhiodag agus na briathran cho sean ri Sèist Lucknow a dh’èirich ann an 1857.

Bha cuideachd grunnan shaighdearan Astràilianach am measg luchd-leughaidh a’ chuilbh a bha air a bhith an sàs sa Chogadh Mhòr. Chuir iad briathran Gàidhlig don *News* a bha saighdearan Gàidhealach air sgrìobhadh nan leabhraichean-latha-san aig àm a’ Chogaidh. ’S e eisimpleir den leithid briathran ann an leabhar-latha Robert T. James à Broken Hill, ‘Cha dean cridhe misgeach breug, fhir mo chridhe chan eil a chridhe agad. Bha an oidhch’ an oidhch’, nam bu ghillean an ghillean min.’⁶⁷⁸ Sgrìobhadh na briathran le Iain Mac an Aba a bha na shaighdear ann an Rèisimeid Rìoghail Ghàidhealach Chanada, am Freiceadan Dubh. Sgrìobh ban-altram Ghàidhealach, mar an ceudna, ann an leabhar-latha John Lea à St. Peters, ‘Tha an eibh am chluais, gun gleidheadh Dia na s caomh leam.’⁶⁷⁹ Tha e ceart cho math nach do thuig Lea brìgh nam faclan on a bha e na euslainteach ann an ospadal cogaidh nuair a chuireadh na briathran an sgrìobhadh. Chuir NicDhòmhnaill Beurla air an abairt agus, a bharrachd air sin, mhinich i gum b’ e fuaim a’ bhàis a bh’ ann an ‘èibh’ no ‘éigh’. Dh’fhaodadh gun d’ fhuair i am mìneachadh sin ann am faclair Dwelly anns a bheil an ceart mhìneachadh sgrìobhte facal air an fhacal.⁶⁸⁰

Chuireadh tuilleadh sheanfhaclan agus abairtean do Mr Pim agus is gann a ghabhas creidsinn gun do sgrìobhadh sa Ghàidhlig iad an toiseach. Dh’iarr David Wilkie à Gilberton eadar-theangachadh Beurla airson nan loidhnichean a leanas, ‘E s e sin ud spleagh le an lorgaich dìreadh le deargann s.’ Fhreagair NicDhòmhnaill don iarrrtas le tionndadh Beurla an t-seanfhaclail, ‘*He that lies with dogs, rises with fleas.*’⁶⁸¹ Chan eil teagamh ann gum b’ ann sa Bheurla a sgrìobhadh na briathran an toiseach agus saoillear gun robh Wilkie fèir a’ feuchainn ri sgrìobhadh sa Ghàidhlig. B’ e ‘oileanach na Gàidhlig’ a bha aig Mr Pim air ach, a dh’aindeoin sin, chùm an deasaiche a-mach gun robh Wilkie air sgrìobhadh thuige sa Ghàidhlig is gun do chuir NicDhòmhnaill, an uair sin, Beurla air na faclan.

’S iad sgrìobhaidhean den ghnè sin a thòisich a’ lìonadh a’ chuilbh gu cunbhalach an ceann tamaill. Chuir Amy Kerby à Goodwood earrann Ghàidhlig a-steach san Dùbhlachd 1938 a bhathar air reic, ar leatha, aig àm a’ Chogaidh Mhòir a chum airgead a thrusadh don Chrois

677 Ibid.

678 Ibid., 13 an Cèitean 1939, td. 6.

679 Ibid.

680 Edward Dwelly, *A Gaelic Dictionary: Specially designed for beginners and for use in schools* (Herne Bay, 1902), td. 389.

681 *The News*, 8 an t-Iuchar 1939, td. 6.

Dheirg.⁶⁸² B' e tiotal na h-earrainn, 'An piobaire thig do a muich baile mor', is chuir NicDhòmhnaill, *The piper came to our town*, ann mar thiotal Beurla. Tha loidhnichean leithid de, 'agus cluich tuilleadh Iuchair,' a dh'eadar-theangaich NicDhòmhnaill gu, *And played another key*, a' cur mun aire dhuinn nach robh comasan Gàidhlig aig an sgrìobhadair is an dà chuid briathrachas agus gràmar an tionndaidh Ghàidhlig rudeigin easbhaidheach. Bheir sgrùdadh air an tionndadh Bheurla am follais gun robh Kerby a-mach air an òran, 'Piper o' Dundee'. 'S e òran a tha seo a rinneadh an toiseach san 18mh linn. Ged a b' e fonn Gàidhealach a chuireadh ris, tha coltas air gun robh na briathran ann am Beurla bho thùs.⁶⁸³ Gheibhear eisimpleir eile air eadar-theangachadh litreachail den leithid ann an dàn a chuir Kathleen Mackay ris a' cholbh sa Ghiblean 1939.⁶⁸⁴ Leig Mackay oirre cuideachd gum b' ann sa Ghàidhlig a bha a' bhàrdachd an toiseach ach cuiridh a' chiad loidhne sin an amharas, 'Cho thu buain mar son feumaidh thu muc.' Chuir NicDhòmhnaill air a' sin, *As you reap so must you sow*.⁶⁸⁵ Leis cho cosmhail ri chèile is a tha am Beurlachas agus na mearachdan a thog ceann sna diofar earrannan, saoillear gun do sgrìobhadh iad uile le luchd na Beurla.

Gu sealbhach, tha fianais earbsach ann a dhearbhas gum b' ann sa Bheurla a sgrìobhadh na h-earrannan an toiseach. Cha mhòr nach fhaighear lorg orra uile ann an leabhraichean, irisean, agus pàipearan-naidheachd a bhathas air cur an clò roimhe. A-rèiste, nochd tionndadh Beurla den earrainn, 'Aosmhor aosda teomnodh' – *The Old Testament* – an toiseach ann an iris Philadelphia (PA), *The Presbyterian Magazine*, ann an 1857.⁶⁸⁶ Theagamh gun robh an neach-leughaidh a chuir tionndadh Gàidhlig den earrainn don *News*, William Black à Mount Barker, airson cleachdadh a dhèanamh air a chuid sgilean Gàidhlig.⁶⁸⁷

682 Ibid., 15 an Dùbhlachd 1938, td. 17.

683 Gheibhear iomradh air an òran ann an, James Hogg, *The Jacobite Relics of Scotland; Being the Songs, Airs, and Legends, of the Adherents of the House of Stuart* (Dùn Èideann, 1821), tdd. 43-44.

684 *The News*, 22 an Giblean 1939, td. 6.

685 'S e comhairle air modhan àiteachais a tha aig cridhe an dàin is sin as adhbhar nach e, *As you sow so must you reap*, a tha sgrìobhte sa chiad loidhne.

686 *The Presbyterian Magazine* 7 (Am Faoilleach, 1857), tdd. 41-48.

687 *The News*, 24 an t-Ogmhios 1939, td. 6.

Gaelic Translations

REQUESTS for English translations of Gaelic continue. The translations are made by "Shonnia Cruachan." Kathleen Mackay submitted the following:—

Cho thu buain mar son feumaidh thu muc.

Nis tha s an cum tim do sgeadaich an maschair air son faisge bliadhan feur saidhe.

Agus ionaltair mils neoni tha s cailte troimb geamhradh fasachd.

Agus sgeadachaidh. nis tabhair e feiol. leth tonna de dhe no sal lar uinn do tonna de dhe aol tha s.

Ceart a rioghailteach tom has cun-gaidh leagis do sil buid iomadh seorsa toil feum sambach ni s mo do tabhair lan agus durachdach bearr dho c de dhe lauth buibhean tabhairt nis toil tabhair ann earrach a moch greim araidh mur mear-shalunn bi cuir ris leis co eignich dh fhaodadh e uin speur tha dorch.

Agus pris bochd. agus dochas ann daoine rinn doigh tha so losal.

Gabh misneach Obso so cosamhlachd sin ud cho thu cuan mar son feumaidh thu muc.

The translation reads:—

As you reap so must you sow. Now is the time to dress the fields for next year's hay and pastures sweet.

Nothing is lost through winter rains. And dressing now gives early meat. Half ton of slag to ton of lime is just a normal dose to drop.

But many sorts will need still more to give a full and hearty crop.

Two cwt. of potash salt, along with phosphate rock, or slag will well supply our grass lands needs.

But applications should not lag. Apply them now when grass is bare to get them well washed into ground, and have no fear of losing them.

By leaking through the drains be sound.

Phosphate and potash given now will give in spring and early bite.

Especially if nitrogen be added with its forcing might.

When sky is dark and prices poor. And hope in man made schemes is low.

Take courage from this parable that as you reap

So must you sow.

And Were You RIGHT?

(Answers to questions in column 3)

1. Mrs. George Gellinger.
2. Britain and Holland.
3. Denmark.
4. Irishman.
5. Tandanya.

Air a' cheart dòigh, b' e às-earrann às a' bhròn-chluiche, *The Duchess of Malfi*, a dh'eadar-theangaich Angus Morrison à Naracoorte. Sgrìobh an Sasannach, John Webster (c. 1580–c. 1632), am bròn-cluiche an toiseach san 17mh linn.⁶⁸⁹ Tha fhios gum b' e Morrison fhèin a dh'fheuch ri Gàidhlig a chur air an earrainn on a dh'eadar-theangaich e na briathran, 'I do love these ancient ruins,' gu, 'Mise dean gradhaich iad so arsaidh leir sgrìos.' Chuir e 'lèir-sgrìos' an àite 'tobhtaichean' ann airson an fhacail 'ruin'. Tuigear carson is ciamar a thàinig a' mhearachd sin gu bith às aonais eòlais air a' Ghàidhlig. B' fhiach e a ràdh gun robh Morrison

688 Ibid., 22 an Giblean 1939, td. 6.

689 Cf. *The News*, 13 an Cèitean 1939, td. 6; agus John Webster, *The Duchess of Malfi* (The Floating Press, 2009), td. 185.

den bheachd gun robh comasan labhairt aige sa Ghàidhlig ged nach robh e an comas dha leughadh sa Ghàidhlig.⁶⁹⁰

'S e na dh'fhàgas na h-earrannan seo uile cho sònraichte is inntinneach gun do nochd iad gu h-obann agus ann am pailteas. Is follaiseach, uaithe sin, gun robh miann mòr aig sliochd nan Gàidheal an Astràilia a Deas ann a bhith ag ath-thogail cànan an sinnsearan. Tha fhios gun robh na Gàidheil uair pailt sa cholonaidh. Chunnacas iad a' gabhail ùidh ann an Astràilia a Deas bhon uair a rinneadh mòr-roinn agus, beagan an dèidh sin, colonaidh dheth ann an 1834 agus 1836. Chuidich irisean a leithid *Cuairtear nan Gleann* na b' fhaide le bhith a' brosnachadh nan Gàidheal eilthreachd a dhèanamh ann sna 1840an.⁶⁹¹ Tha rannsachadh Eric Richards a' dearbhadh cho soirbheachail is a bha an sanasachd agus na cothroman a gheall a' cholonaidh do na Gàidheil.⁶⁹² Ghabh gu leòr dhiubh còmhnaidh ann fiù 's mura h-eile an t-uiread de dh'fhoillseachaidhean Gàidhlig a tha againn à Astràilia a Deas gu ruige seo a' toirt fianais air a' phailteas de dh'in-imrichean Gàidhealach. Tha an t-uiread de luchd-leughaidh nach do ruith ach leum air a' chothrom dol an sàs ann an colbh an *News* a' cur mun aire dhuinn nach robh pàipearan-naidheachd air a bhith ann cheana a chuir fàilte air litreachas na Gàidhlig. Ged a mhìnicheas sin cho deònach agus èasgaidh is a bha na sgrìobhadairean, cha toir e freagairt dhuinn air càileachd nan earrann agus amas a' chuilbh. Nam b' e colbh do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a bh' ann, gabhar iongnadh gun do chùm an deasaiche agus NicDhòmhnaill a-mach gu daingeann gun robh na h-earrannan a chuireadh thuca sa Ghàidhlig o thùs.⁶⁹³

Cuide ris na h-eadar-theangachaidhean, chuireadh cuibhreann beag de bhàrdachd ùr an clò. Bha sin araon sa Ghàidhlig – 's e sin Gàidhlig mhearachdail – agus sa Bheurla. Chùm na sgrìobhadairean a chuir an grunnan òran is dàn a-steach fhathast a-mach gun robh iad sa Ghàidhlig bho thùs. Mar sin, fhuair Mr Pim òran a bha Allan Martin air fhaotainn bho sheann Ghàidheal ris an robh e '*prospecting*' sna 1870an.⁶⁹⁴ Dh'fhaodadh beachdachadh air an òran mar 'Laoidh Preas' (*Bush Ballad*) is feartan a' tighinn am bàrr ann a tha suaicheanta dha laoidhean den leithid, mar eisimpleir tuairisgeul air beatha shìmplidh ach dùbhlànach ann an coilltean Astràilia. Bhiodh Laoidhean Preas cuideachd a' togail air an dàimh eadar

690 *The News*, 13 an Cèitean 1939, td. 6.

691 *Cuairtear nan Gleann* 1:3 (Cèitean, 1840), td. 63.

692 Richards, 'Highland emigrants to South Australia in the 1850s', tdd. 1-29,

693 Tha fhios gun do chuireadh earrannan dha Mr Pim an toiseach is gum b' esan a chuir air adhart gu NicDhòmhnaill iad. Feuchaibh mar eisimpleir, *The News*, 31 an Dùbhlachd 1936, td. 4.

694 *The News*, 18 am Màrt 1939, td. 6.

aintighearnan agus daoine bhrùite is an ceart chuspair sin follaiseach ann an òran Mhartin.⁶⁹⁵ Tha am bàrd a' caoidh an atharrachaidh a bha air tighinn air a bheatha an Astràilia ri linn smachd is ùghdarras oifigearan an Riaghaltais. Coltach ri Laoidhean Preas eile, tha am fear seo a' nochdadh beachd romansachail air na làithean a dh'fhalbh. An taca ris na seann làithean an Astràilia, am beachd a' bhàird, bha an fheadhainn cho-aimsireil làn chuingean agus ana-cheartas.

*Dealbh 31: Laoidh Preas Allan Martin san News*⁶⁹⁶

Mr. Allan Martin, of Kangaroo Flat, sent several compositions. There is room for one only. The following, Mr. Martin says, was given to him by an old highlander who was prospecting with him in 1870. The old fellow sang it while he worked.

IN days when we were new chums,
Some 20 years ago,
When work was not in great demand
and wages very low,
Our dress coat, was a good blue shirt,
Our tile a cabbage tree.
There was no nobby buggies then that
nowadays we see,
For everyone he had to work
To get his daily scan.
But times are greatly altered, now as
you may understand,
There's M.P.s. and honorables
That used the huts to sweep
And keep the blooming wild dogs from
the fold.
Shift hurdles, for the sheep.
But now they're legislators great
And makers of the law,
The shepherds' collie dogs they tax
To make the income draw.
Free seats by railway they take and
never go incog.
Lest when a brother member wants the
rolling of a log.
And thus a merry time they pass,
In mending people's ways.
They regulate the people's grass, and
tax the yeoman's drays,
How long they may uphold the State
by keeping it in trust,
Is a question for the great savants,
with take-all and red rust.

Here is the Gaelic of the above:—

ANN thata s e uin sinn ur fear aitea-
chaidh tu chean cuid fichead
blaidhna o' s o.
Cuin obair bhu cha ann mor car-
ruidh agus fuichin fior iosal.
Ar sgead a chadh cota bha ai math
gorm leine. a miuch ad ai cal faobach
crsabh an sin bha ni ard uasal quilan
air sin gu a nise ai latha sinn tair.
Air gach aon se ad do abair de fhuaras
a gach la biadh ach uin ar mor donjail
atharraich.
A nise cho thu faod taig ansin s agus
oidheirc s' gu gnathaichte an bothan
s do sguab.
Agus cum an blast-agrich fiadhaich
cu s Obho an cro caraich cain slao-
daidh air son an caora ach, a mise iad
ar lagh, thabhartair mor agus fear
deanamh de dhe an lagh. An aoghairs
caora Cu s iad cis.
do dean an teachd a teach tarriung
saor suidheach an bi bothar iarainn
iad gabh.
Agus gu brath falbh gu falach te
mu c uin, ai brathair ball uireasbhuidh
an rola de dhe ai luinge, agus mar so
ai aobhinn cum tin iad glac ann cairich,
ann lion le.
Sluagh rathad iad riaghlaich an lion
le sluach feur.
Agus cis an taiathanach cairt canno.
Cia mar miannaich iad foad cum suas-
tog an rioghachd gleidhte is e ann.
Sathadh s ai ceist air son an mor
seorsa leir gabh uile agus dearg meirg.

Chuir Martin Laoidh Preas eile chun a' phàipeir sa cheart bhliadhna a tha cuideachd a' togail air beatha an Astràilia. Bheirear fa-near dha sin gu h-àraidh sa bhriathrachas a bheir tarraing air gnothaichean nach aithnicheadh ach duine a bha uair beò sna colonaidhean,

⁶⁹⁵ Robert Kenneth Richard Brock, 'Looking back looking forward: a folio of contemporary original songs within the Australian bush ballad tradition, drawing on the analysis of selected songs' (Oilthigh Southern Cross: Trächdas Maighstireachd neo-fhoillsichte, 2009), td. 12.

⁶⁹⁶ *The News*, 18 am Màrt 1939, td. 6.

*How jolly the well-known cry,
 “Loose out and sling the billy?
 When life’s wheels run loose in the tire,
 And the spokes rattle up in the nave,
 Dig a hole by the old camp fire,
 And give me a bushman’s grave,
 Wrap me up in three pieces of bark,
 With a cabbage tree hat.
 A Kiver, stick a pannikin up for a mark,
 And scratch on it,
 “Here lies a drover.”⁶⁹⁷*

Chailleadh brìgh nam faclan ‘*billy*’, ‘*bushman’s grave*’, agus ‘*pannikin*’ gu tur san tionndadh Ghàidhlig is e, a-rèiste, às aonais nan dearbh chleasan a dh’fhàgas an t-òran suaicheanta do dh’Astràilia. Mar eisimpleir, b’ e ‘preas duine stòlda’ a bha aig an eadar-theangaiche air ‘*bushman’s grave*’ agus ‘càl faobach craobh ad’ air ‘*cabbage-tree-hat*’. Chithear nach eil na faclan Gàidhlig a’ cur bun-bheachdan agus brìgh nam briathran an cèill gu h-ìomchaidh. Ach coltach ris an laoidh eile, bha cuideigin – Martin fhèin no, is dòcha, Shonnia NicDhòmhnaill – den bheachd gum b’ airidh an laoidh air eadar-theangachadh don Ghàidhlig. Chan eil fhios cò rinn an laoidh ach bheir cuid de na loidhnichean fa-near dhuinn gum b’ e imriche Albannach agus, is dòcha, Gàidhealach a bh’ ann,

*But it is vain in an exile’s breast
 To cherish a thought that brings pain.
 If I love thee, dear land of the west,
 I never shall see again.*

...

*When the sun makes your peepers blink,
 And the dust like a Highlander’s fog.
 We spell for a snack and a drink,
 Or to double bank over the fog.⁶⁹⁸*

Bha grunn sgrìobhadairean an Astràilia agus Aotearoa a rinn oidhirp corpas na Gàidhlig a leudachadh ach am freagradh e air co-theacsa agus eòlas nan Gàidheal an cèin. Mar eisimpleir,

⁶⁹⁷ Ibid., 1 an Giblean 1939, td. 6.

⁶⁹⁸ Ibid.

chuir am bàrd, Iain MacGillinein, briathrachas Astràilia gu feum ann an ‘Òran an t-Suaig (*Swag*)’ a rinn e às dèidh dha colonaidh Queensland a ruigsinn uaireigin sna 1880an. Mhìnich e, ‘An uair a tha gach nì feumail air a phasgadh gu cruaidh snasail, le iallan gu bhi sgiobalta, deas, gu ghiùlan tarsuinn air an gualainn, thèid iad air falbh a rithist, mar a their iad, san àite so ag giùlain an t-suaig (*carrying their swag*).’⁶⁹⁹ B’ e pasgan de dhiofar rudan air an robh an cuairteir an sealbh a bh’ anns an ‘t-suaig’ is in-imrichean a bha ri ‘*prospecting*’ ga thoirt leotha is iad air tòir obair. Bha am facal ‘suaig’ an dà chuid ùr agus, theagamh, coimheach. Le bhith a’ cur cumadh Gàidhlig air, chuir MacGillinein am facal agus am bun-bheachd an cois an fhacail ann an co-theacsa a bhiodh Gàidheil Astràilia ag aithneachadh. Leig cleas den leithid le Gàidheil an Astràilia cur an cèill gu h-iomchaidh na dh’fiosraich iad is na thug buaidh orra. Bheirear fa-near do chleas cosmhail ri sin ann an litrichean Iain Rothaich don iris Chanèideanaich, *Mac-Talla*. Ann a bhith a’ cur an luchd-leughaidh an aithne leis a’ chleachdadh Mhāori, ‘Tapu’, sgrìobh e, ‘Ge be aite ’n caochail duine, tha’n t-àite sin gu h-araidh air a thapu-adh (...). ’Nuair a bhasaicheas ceannard, tha gach nì a bhuinneadh dha agus e fein air an tapuadh.’⁷⁰⁰

Is dòcha gum bite an dùil nach do leig na Gàidheil leas nua-fhaclan eadar-theangachadh don Ghàidhlig. Chan eil sin buileach fìor is bheir sgrìobhaidhean Uisdean Laing (1889-1974) sàr eisimpleir dhuinn air a’ sin. Ged a thagh e gun a bhith ag eadar-theangachadh ‘*corroboree*’ ann an aiste a sgrìobh e air, ‘Astràileanaich Dhubha – Mar a tha agus mar a bha’, chuir e ‘corrain iteach’ air an fhacal, ‘*boomerang*’.⁷⁰¹ Coltach ri Allan Martin, chuir Laing cuideachd Gàidhlig air an fhacal ‘*bushmen*’. An àite ‘preas duine’, nach eil a’ leantainn òrdugh fhaclan Gàidhlig, b’ e ‘sluagh-nam-preasan’ a bha aige air.⁷⁰² Tha am facal ‘preas’ cuideachd a’ togail ceann san òran, ‘Beath air muir agus ann s’ na preis’, a rinn bàrd òg à Sgìre Pheairt às dèidh dha siubhal gu Astràilia ann an 1839.⁷⁰³ Canar gur ann bhon fhacal Dhuitseach, ‘*bosch*’, a tha ‘*bush*’ agus, uaithe sin, ‘preas’ a’ tighinn. B’ e sin am facal a bha aig luchd-tuineachadh Duitseach ann an Afraga a Deas air fearann nach robhar, ar leotha, ag àiteachadh. Thàinig am briathrachas thar a’ chuain gu Astràilia agus Aotearoa leis an luchd-tuineachaidh Eòrpach an

699 MacGillinein, *Duanagan agus Sgeulachdan Beaga*, td. 6.

700 *Mac-Talla* 4:27 (Am Faoilleach, 1896), td. 1.

701 ‘S e cruinneachadh a th’ ann an ‘corroboree’ a chumadh air diofar adhbharan, mar eisimpleir adhradh, fèisean, agus cuideachd cogaidhean. Theagamh nach biodh ‘cèilidh’ air a bhith freagarrach airson brìgh an fhacail thùsanaich a chur an cèill. Laing, *Gu Tir mo Luaidh*, tdd. 55-62

702 *Ibid.*, td. 56.

703 Gillesbuig Meinne, *Comhchruinnacha Do dh’Orain Thaghta Ghaidhealach* (Glaschu, 1870), tdd. 303-306

uair sin.⁷⁰⁴ B' fhiach e a bhith mothachail nach robh am briathrachas colonach aig a h-uile Gàidheal a ràinig Astralàisia san 19mh linn. Chleachd am Peairteach, Raibeart MacDhùghaill (1813-1887), am facal 'coille' mar thuaisgeul air àrainneachd choillteach is phreasach Astràilia.⁷⁰⁵ Mar an ceudna, chuir sgrìobhadair don iris Thasmanianaich, *An Teachdaire Gaidhealach*, am facal, 'coille', gu feum ann an 1857.⁷⁰⁶ Gu follaiseach, bha Martin, Lang, agus am bàrd Peairteach fo bhuaidh na cainnte colonaich. Tha sgrìobhaidhean colonach a' toirt iomadh eisimpleir eile den leithid am follais is iad uile a' toirt beachd dhuinn air an leasachadh agus leudachadh do chorpas na Gàidhlig a b' fheudar do Ghàidheil an cèin gabhail os làimh. Uair eile, gheibh sinn beachd air cho cudromach is a bha a' Ghàidhlig mar dhrochaid bhun-bheachdail a thog na h-in-imrichean airson tighinn gu rèite ri gach rud ùr is coimheach.

Tha na diofar earrannan Gàidhlig san *News* a' cur dà ghnothaich air shùilean dhuinn: air an dàrna làimh, bha miann aig cuid de na sgrìobhadairean a' Ghàidhlig ath-stèidheachadh an Astràilia a Deas. Bheir na h-eadar-theangachaidhean fianais air an spàirn mhòir a rinneadh airson sgilean Gàidhlig a thogail ged nach robh ach faclairean agus am Bìoball, ma dh'fhaoidte, ri làimh an luchd-ionnsachaidh. Thug an colbh cothrom dhaibh co-dhiù feuchainn air a' Ghàidhlig fiù 's mura b' e oideachadh foirmeil no structarail a fhuair iad. Air an làimh eile, tha an uimhir bheag de bhàrdachd cholonach sa cholbh a' dearbhadh gun robh miann aig sgrìobhadairean gnothaichean a bha suaicheanta do dh'Astràilia a chur an cèill sa Ghàidhlig. Rinn eadar-theangaichean leithid de Allan Martin agus Shonnia NicDhòmhnaill oidhirp Gàidhlig a chur air litreachas a bha cudromach do dh'aithne phearsanta is chultarail muinntir Astràilia. Fiù 's mur an do shoirbhich leotha gu ceart ann a bhith a' taghadh bhriathran Gàidhlig a bha iomchaidh, dh'fhaodadh a ràdh nach b' e ach toiseach tòiseachaidh a bh' anns na h-eadar-theangachaidhean. Dh'fheuch na sgrìobhadairean ri drochaid bhun-bheachdail a thogail is chunnacas oidhirpean cosmhail ri sin roimhe an Canada ann an leabhar Raibeart MhicDhùghaill, *Ceann-Iùil an Fhir-Imrich*. Bha MacDhùghaill ceart cho buailteach air ainmean Gàidhlig a chur air àitichean-tuineachaidh, beathaichean, agus cuideachd gnothaichean a bhuin do thùsanaich Chanada. Leig sin leis iomagain nan eilthireach a lùghdachadh rud beag is e a' cur gnothaichean coimheach ann an co-theacsa cànanach is

704 Jock Phillips, 'The New Zealand bush – What is the bush?', Te Ara – the Encyclopedia of New Zealand, <http://www.TeAra.govt.nz/en/the-new-zealand-bush/page-1> [ruigte 16.01.2023].

705 'An Gàel air Fudan 'sna Coilltean Fas', *Teachdaire nan Gaidheal* 7 (1845), tdd. 55-56; iomradh ann an Kidd, 'Kangaroos and Cockatoos', td. 5.

706 *An Teachdaire Gaidhealach* 1, 1 an Gearran 1857, td. 7.

cultarail a b' aithne don luchd-leughaidh.⁷⁰⁷ Chithear gun robh sliochd nan Gàidheal fhathast a' rèiteachadh cànan is dualchas an sinnsearan ann an àrainneachd ioma-chultarail Astràilia sna 1930an. Ged nach eileas an dùil dol an sàs nas fhaide sa ghnothach an seo, dh'fhaodadh beachdachadh air oidhirpean muinntir Astràilia a Deas mar fhreagairt don imcheist a bha a' tighinn orra air thoiseach air an Dàrna Cogadh.

Cuiridh colbh an *News* briathran Cardell is Cumming nar cuimhne, '*Gaelic Australia has [...] never been left without a witness.*'⁷⁰⁸ Ged nach robh a' Ghàidhlig am beul a' mhòr-shluaigh aig deireadh nan 1930an, bha i fhathast beò air pàipear agus cuideachd snaighte ann an stuthan air an robh luchd na Gàidhlig uair an sealbh. Dh'fhoghain sgrìobhaidhean beaga airson ùidh is fèill a bhith ann air a' Ghàidhlig am measg luchd-leughaidh Astràilia a Deas. Ach tha a' chaibideil seo air dearbhadh nach robh Gàidheil agus an sliochd an Astralàisia fèir airson litreachas na Gàidhlig a leughadh. B' ann a bha iad airson dol an sàs ann is am beachdan, miannan, agus àrd-amasan a chur an sgrìobhadh iad fhèin. Cha robhas airson a bhith gu tur an eisimeil litreachas 'cèin-thìreach' na Gàidhlig, i. litreachas a chuireadh an sgrìobhadh is an clò taobh a-muigh Astralàisia. Gu dearbh, bha fèill is miann ann air foillseachaidhean colonach a bha – a) na b' fhaisge ri làimh; b) buntainneach do dh'èolas imrich is in-imrich (*migration and immigration experience*); agus c) a' leigeil leis na Gàidheil lionraidhean is co-chomann ùr-thogail. Tha na trì colbhan Gàidhlig a tha fo sgrùdadh sa chaibideil seo a' toirt fianais air diofar ìrean de rèiteachadh am measg Gàidheil Astralàisia. Ann a bhith a' cnuasachadh agus dealbhadh beatha san sgapadh-shluagh, chunnacas sgrìobhadairean an *NZPO* a' cur litreachas na seann dùthcha agus litreachas na dùthcha cèine an eagaibh a chèile. Ged a tha cruth is coltas a' chuibh a' cur fhoillseachaidhean Albannach nar cuimhne, mar eisimpleir colbh Gàidhlig an *Highlander* agus *An Gaidheal*, thugadh tòrr a bharrachd prìomhachas do bhàrdachd ùr à Aotearoa san *NZPO*. Cha robh am measgachadh de litreachas sean is ùr ceart cho cumanta an uair sin ann an colbh Gàidhlig an *Southern Cross*. Nochd fada a bharrachd shaor-sgrìobhaidhean rosg ann is sin a' toirt fianais air an atharrachadh a bha air tighinn air modhan conaltraidh agus cleachdaidh na Gàidhlig. Thogadh cheana air teòiridh Meek a chuireas an ìre nach do rinn bàrdachd Ghàidhlig leatha fhèin buileach a' chùis aig deireadh na 19mh linn airson dèiligeadh ri gnothaichean cudromach an latha.⁷⁰⁹ Theagamh gum faic sinn fianais air an teòiridh sin ann am foillseachaidhean Aotearoa aig fìor dheireadh na 19mh linn. Le sùil air

⁷⁰⁷ Newton, *Seanchaidh na Coille*, td. 187.

⁷⁰⁸ Cardell agus Cumming, 'Gaelic Voices from Australia: Part I', td. 22.

⁷⁰⁹ Meek, *Caran an t-Saoghail*, td. xxi.

colbh an *News*, is gann gun do thog ùr- agus ceart-sgrìobhaidhean Gàidhlig ceann ann is a' chuid a bu mhotha den litreachas na eadar-theangachadh air bàrdachd is rosg Beurla. Cuirear sin às leth nan sgilean cànan a bha air dol air dìochuimhne air na sgrìobhadairean mas e is gun robh iad aca sa chiad dol a-mach.

'S ann a tha na colbhan uile, maille ris na sanasan Gàidhlig, a' toirt fianais air an t-seòrsa àrainneachd shluagh-sgapach a bha an amharc aig na Gàidheil. San àrainneachd sin, bhathas airson cothrom a bhith aig luchd na Gàidhlig an cànan a labhairt, a chluinntinn, a sgrìobhadh, agus a leughadh ann an caochladh raointean. On a bha pàipearan-naidheachd am measg nam foillseachaidhean a bu tràithe agus a bu seasmhaiche an Astràilia agus an Aotearoa, bha iad freagarrach airson a' Ghàidhlig a chraobh-sgaoileadh agus a dhaingneachadh ann an diofar raointean cleachdaidh. Ghabh na raointean sin a-steach adhradh, co-chomann is fearas-chuideachd, malairt is gnothaichean gnìomhachais, a bharrachd air foghlam agus fèin-leasachadh. Fhad is a chuimsich sanasan Gàidhlig gu h-àraidh air raointean malairt, adhradh, agus co-chomann, chì sinn gun deach na colbhan an greim leasachadh is ionnsachadh pearsanta. Chunnacas an seòrsa meòrachadh is geur-bheachdachadh annta a tha cumanta ann an litreachas ioma-chultarail. Gu h-inntinneach, b' e colbh an *News* an aon fhear a thug cothrom don luchd-leughaidh sgilean cànan a thogail. Leig eadar-theangachaidhean is comhairle Shonnia NicDhòmhnaill leis an luchd-leughaidh feuchainn air a' Ghàidhlig ann an dòigh nach fhacas sna colbhan na bu tràithe. A dh'innse na firinne, bha iomadh earrann bhàrdachd is rosg ann a dhiùlt an Dr MacGillÌosa ri linn càileachd an sgrìobhaidh.⁷¹⁰ Feumar a ràdh, ge-tà, nach robh an t-ionnsachadh a bhrosnaich colbh an *News* ceart cho structarail is a bha cothroman ionnsachaidh ann am foillseachaidhean slugh-sgapach eile san 20mh linn. Mar eisimpleir, bhiodh an iris Chanèideanach, *Teachdaire nan Gaidheal* (1924-1929 agus 1932-1934), a' toirt leasan beaga ann an gràmar agus fuaimneachadh na Gàidhlig don luchd-leughaidh bho àm gu àm.⁷¹¹ Cha robh a leithid ri fhaotainn an aona chuid san *News*, *Southern Cross* air neo *NZPO*. Bheir coimeas eadar na foillseachaidhean Astralàisianach agus am fear Canèideanach cothrom dhuinn beachdachadh air crìochan pàipearan-naidheachd. Bha iad gu minig ag amas air a' mhòr-shluagh is iad, a-rèiste, feumach air farsaingeachd de chuspairean a dh'fheumadh ùrachadh bho latha gu latha feuch am maireadh na pàipearan buntainneach don luchd-leughaidh. Eu-coltach ri sin, bha e comasach do dh'irisean litreachas spèisealta a thoirt do bhuidheann àraid de luchd-leughaidh agus sgrìobhadairean. Bha an cuingealachadh sin an dà

⁷¹⁰ Feuchaibh mar eisimpleir, *NZPO*, 12 am Màrt 1881, td. 7. Mhol an Sgitheanach do sgrìobhadair a chuid bhàrdachd Gàidhlig a chur fa chomhair buill a' Chomann Gàidhlig is comhairle fhaighinn bhuapa an toiseach mus cuirte an clò i.

⁷¹¹ *Teachdaire nan Gaidheal* 1:1 (An Dùbhlachd, 1924), td. 8.

chuid na shochair agus na dhochair do dh'irisean an Astralàisia is an ceart ghnothach sin fo sgrùdadh anns an ath chaibideil.

Caibideil a Trì: Irisean

CALLUM TAILLEAR – Mata Iain chaneil facal breige ann, bithidh *Teachdaire Gaelach Astrailia* againn an seo air a’ cheud latha de’n ath mhios. Chuir mise m’ ainm-sa sios air a shon cheana, ’s bu choir dhuitsa a leithid eile a dheanamh.

IAN BAN – Le m’ uile chridhe. Bheil fhios agad gur ann a bha Dughall beag a’s Ceit a dannsa leis an aighear, an de, nuair a chual iad e, a’s Mari fhein, cha bi dad a b’ fhearr. Chaneil duine mu’n cuairt oirn a sid ach Sassunnaich, ’s chaneil smid Bheurla aig Mari, gu cainnt a dheanamh riutha, agus tha i deanamh dheth na’m biodh an *Teachdaire* aice gu’n robh i sona. Chluinneagh i mu’n Ghaeltachd ’s mu na Gaeil anns gach Cearna eile de’n an t-saoghal, ’s chaneil teagamh air bith agam nach bu mhor a chuideachd dhuinn uile e.⁷¹²

Tha coltas air gur e *An Teachdaire Gaidhealach* ach beag an aon iris Ghàidhlig a chuireadh an clò an Astralàisia san 19mh. Coltach ri foillseachaidhean den leithid an Alba agus ann an tìrean eile anns an robh na Gàidheil air còmhnaidh a ghabhail, bha an *Teachdaire* gu mòr an eisimeil co-chomann seasmhach is làidir. ’S e as ciall dha sin gun robh soirbheas na h-irise a’ crochadh air buidheann de luchd-obrach, luchd-leughaidh, agus sgrìobhadairean a bha gu minig air leth dlùth agus beag. Tha rannsachadh Lurline Stuart agus Elizabeth Webby air irisean an Astràilia a’ cur air shùilean dhuinn gun robh am modh-obrach sin an dà chuid na shochair agus na dhochair do dh’irisean.⁷¹³ An taca ri pàipearan-naidheachd, a chuir naidheachdan agus fiosrachadh pragtaigeach fa chomhair a’ mhòir-shluaigh, bha cothrom aig irisean freagairt gu dìreach air feumalachdan agus prìomhachasan buidheann àraid de luchd-leughaidh. Thug iad earrannan rosg agus bàrdachd air gach seòrsa cuspair don luchd-leughaidh nach fhacas ann am foillseachaidhean eile.⁷¹⁴ Tha seo gu sònraichte fìor le sùil air feumalachdan an luchd-leughaidh Ghàidhlig an Astralàisia. Ma bha iris a’ dol a shoirbheachadh, ged-tà, dh’fheumadh i bhith na bu shaoire agus na bu tarraingiche na irisean Breatannach air an d’ fhuair eadh greim gu furasta agus airson glè bheag de dh’airgead san 19mh linn.⁷¹⁵ B’ e cnap-starra cuimseach mòr a bha sin gu sònraichte ann an tùs-làithean nan irisean. B’ fheudar do gu leòr de dheasaichean ath-chlò-bhualaidhean a chur gu feum airson luchd-leughaidh a thàladh sa chiad dol a-mach. Cuideachd, leis cho beag agus cuingichte is a bha an t-uiread de luchd-taic, cha do chuireadh an-còmhnaidh gu leòr de sgrìobhaidhean ùra a-steach is dh’fheumadh deasaichean

⁷¹² *An Teachdaire Gaidhealach* 1, 1 an Gearran 1857, td. 6.

⁷¹³ Stuart, ‘Colonial Periodicals’, td. 3.

⁷¹⁴ Webby, ‘The Beginnings of Literature in Colonial Australia’, td. 46.

⁷¹⁵ *Ibid.*, td. 49.

ath-chlò-bhualaidhean fhoillseachadh gu minig. Gu mì-shealbhach, b' e an ceart mhodh-obrach sin a rinn cron air na h-irisean air sàillibh na co-fharpaise le irisean am Breatainn. Chunnacas irisean gu minig a' call fho-sgrìobhaichean agus, às an aonais, cha robh càil air ach a bhith a' cur ath-chlò-bhualaidhean an clò. Tha Helen Bones agus Lurline Stuart a' mineachadh gun do chuir an gnothach sin cor nan irisean colonach na b' fhaide am mìosad is chunnacas a' mhòrchuid, mu dheireadh, a' dol à bith.⁷¹⁶

Cha do chuir na dùbhlain sin uile stad air Gàidheil Astralàisia feuchainn air irisean Gàidhlig a chur air bhog. Thog a' chiad sanas do dh'iris Ghàidhlig ceann ann am pàipear-naidheachd Mhelbourne, *The Banner*, ann an 1854.⁷¹⁷ B' e an clò-bhualadair Eoghann Mac-Colla a bha air an sanas a sgrìobhadh is e an dùil an iris, *Am Fìor Ghaidheal*, a chur air bhog a chum math Gàidheil Victoria agus colonaidhean eile Astràilia. Tha briathran Mhic-Colla a' toirt beachd dhuinn air na planaichean àrd-amasach a bha an amharc aige.

*Dealbh 32: Sanas don 'Fìor Ghaidheal'*⁷¹⁸

"AM FIOR GHÀIDHEAL."

IT is proposed that a Periodical or Newspaper, in the Gaelic Language, and of the above title, shall be published in Melbourne, for the benefit of native Highlanders resident in Victoria and in the other Australian Colonies.

The great object of the publication is intended to be the communicating of moral and sound religious instruction, and of useful and entertaining information, on subjects in which native Highlanders in the Australian Colonies are known to feel interested. Events occurring in the Highlands, and Islands of Scotland, will be specially noticed, and at the earliest possible dates.

The suggesting of legitimate means for the educational, moral, and religious advancement of native Highlanders, in the land of their adoption, will form a special portion of the proposed publication. The progress of public events in the Australian Colonies will receive due consideration. Nor shall cultivation of the poetic tastes and gifts of our Highland ancestry in the land of their fathers, be excluded; but will rather be encouraged and invited from contributors, in their own native tongue.

⁷¹⁶ Stuart, 'Colonial Periodicals', ttd. 2-3; Bones, *The Expatriate Myth*, td. 34; Webby, 'The Beginnings of Literature in Colonial Australia', td. 49.

⁷¹⁷ *The Banner*, 27 an t-Ògmhios 1854, td. 13.

⁷¹⁸ Ibid.

It is purposed that the publication shall contain, at the commencement, SIXTEEN pages of letter press demy, 8vo., in double column, affording the greatest quantity of reading possible within the smallest possible space, with clear legible type; and this size to be enlarged according as the measure of support received may warrant.

The successive numbers of the publication shall be issued within twenty-eight days of each other, making thirteen numbers annually, to be forwarded by post, prepaid, from Melbourne to each subscriber, if not otherwise ordered; and at the cost of ONE POUND per annum, including postage, paid half-yearly or annually in *advance*.

Subscribers' names and addresses to be forwarded to Mr. H. McColl, *Banner* office, La Trobe Street, Melbourne; and the first number to be published whenever five hundred subscribers shall appear.

A future advertisement will intimate the date of the first publication. 2075

Ged nach tàinig an iomairt sin gu buil, cha do chuir Gàidheil Astràilia cùl gu buileach ri miann air iris Ghàidhlig is chunnacas *An Teachdaire Gaidhealach* ga chur air bhog an ceann trì bliadhna. A bharrachd air an *Teachdaire*, chuireadh cuideachd iris an clò an NSW, *The Free Churchman*, a dh'fhoillsich grunnan earrannan Gàidhlig aig deireadh na 19mh linne. Tha rannsachadh Alasdair agus Brian Taylor air làmh-sgrìobhainnean Gàidhlig ann an NSW a' togail air bàrdachd Ghàidhlig a bhiodh Alasdair MacLeòid a' cur don *Churchman* à Spalding – baile mu 114 mìle gu tuath air Adelaide – ann an 1891.⁷¹⁹ Thugadh iomradh roimhe air chogann is a bha cothroman do dh'fhoillseachadh sa Ghàidhlig an Astràilia a Deas agus saoillear gum b' e an ceart ghnòthach sin a thug air MacLeòid a chuid sgrìobhaidhean a chur don iris an NSW. Tha coltas air, gu mì-fhortanach, nach eil greim ri fhaighinn air an iris a-nis ach a-mhàin na h-àireamhan a chuireadh an clò eadar am Faoilleach 1882 agus an Dùbhlachd 1884. Tha sùil air alt Taylor is Taylor a' nochdadh dhuinn, ge-tà, gu bheil àireamhan na b' anmoiche fhathast an sealbh prìobhaideach.⁷²⁰

Eu-coltach ri colnaidhean Astràilia, cha do chuireadh iris Ghàidhlig a-riamh an clò an Aotearoa, a rèir choltais. Bhathar an dùil duilleagan Gàidhlig a thoirt do luchd-leughaidh na h-irise, *Zealandia*, ann an 1889 ach cha tàinig sin gu bith.⁷²¹ B' i an iris Chaitligeach, *The New Zealand Tablet*, ach beag an aon iris an Aotearoa a thug litreachas na Gàidhlig do luchd-

719 Taylor, 'Lost – and some Found', td. 358.

720 Ibid., tdd. 349-366.

721 *Zealandia* 1:1 (An t-Iuchar, 1889); *Evening Star*, 24 an Cèitean 1889, td. 4.

leughaidh na colonaidh san 19mh linn. A bharrachd air sin, chunnacas aon earrann Ghàidhlig a' togail ceann san *New Zealand Scot* (1912-1933) ann an 1914. B' e òraid Ghàidhlig a bh' ann a bha ceannard Comann Gàidhealach Wellington, an t-Oll. MacCoinnich, air gabhail air beulaibh buill a' Chomainn sa cheart bhliadhna.⁷²² Ach a-mhàin na h-òraide sin, cha do chuir an iris earrannan Gàidhlig eile an clò. Coltach ris an *Scottish New Zealander* (191?-1926), chuir an *New Zealand Scot* naidheachdan air Albannaich an Aotearoa agus Alba fa chomhair an luchd-leughaidh. Ged a ghabh sin a-steach gnothaichean a bhuin do Chomann Gàidhlig Dhunedin, sgrìobhadh orra sin mar a bu trice sa Bheurla. Dh'fhaodadh a ràdh gur i an iris, *Tinne* (1985-1994), an aon iris an Aotearoa a ghabh gnothach ris a' Ghàidhlig. Chuireadh air bhog i an Auckland ann an 1986 is chuimsich i gu sònraichte air ionnsachadh na Gàidhlig. Cha b' urrainnear a ràdh, ge-tà, gum b' e iris Ghàidhlig no fiù 's iris dhà-chànanach a bh' innte is glè bheag de Ghàidhlig ann.

'S e na tha fa-near don chaibideil seo a bhith a' dèanamh sgrùdadh air an dà iris, *An Teachdaire Gaidhealach* agus *The New Zealand Tablet*. Ann a bhith a' sgrùdadh dreuchd nan irisean agus nàdar nam foillseachaidhean Gàidhlig a nochd annta, bheirear aire is cuirear cuideam air a' cho-theacsa cholonach a thug buaidh air deasaichean, sgrìobhadairean, agus luchd-leughaidh. Cuiridh sin an comas dhuinn cleasan fhaicinn sna sgrìobhaidhean tha suaicheanta do litreachas na Gàidhlig an Astralàisia.

3.1. *An Teachdaire Gaidhealach*

Chuireadh a' chiad àireamh den *Teachdaire Gaidhealach* an clò air a' chiad latha den Ghearran 1857 le ochd duilleagan agus 24 colbhan gu h-iomlan. Bhathas an dùil an toiseach gum biodh an iris ùr a' cuimseachadh air Gàidheil air feadh colonaidhean Astràilia agus Aotearoa. Mar thoradh air sin, b' e '*The Australasian Gaelic Messenger*' an tiotal a chleachd is chraobh-sgaoil sanasan ann an 1856.⁷²³ Bha sianar fhear-gnothaich aig cridhe dealbhadh agus cur air bhog na h-irise bhon fhìor thoiseach: Angus Cumming, John Philips, Uilleam Mac Fhearchair, Iain Camshron, Allan Camshron, agus George Stewart. Bha iad sin uile am Baile Hobart air neo Launceston, Tasmania, nuair a chaidh iad an sàs ann an trusadh ainmean fho-sgrìobhaichean. Thugadh iomradh cheana air Uilleam Mac Fhearchair agus John Philips aig an robh bùth tàilleir

⁷²² *The New Zealand Scot*, 20 an Cèitean 1914, td. 21.

⁷²³ Ann an tiotal agus ro-ràdh beag na ciad sanais don *Teachdaire*, chuireadh am briathar fhèin, "*Australasia*", gu feum ceithir tursan. *The People's Advocate or True Friend of Tasmania*, 6 an Dàmhair 1856, td. 3.

ann an Hobart sna 1850an.⁷²⁴ Bha Gàidheil leithid de Mhac Fhearchair air leth feumail don *Teachdaire* air sàillibh an cliù agus dreuchd sa choimhearsnachd. 'S e na tha an cumantas aig na fir-ghnothaich uile gun robh dreuchdan aca a thug cothrom dhaibh air lìonra don t-sluagh choitcheann. Leig an lìonra sin leotha sgrìobhadairean agus luchd-leughaidh a thrusadh agus cuideachd brath air an iris ùir a chraobh-sgaoileadh. Bha cuideachd cothrom aca èisteachd ri naidheachdan an t-sluaigh a chum duilleagan an *Teachdaire* a lìonadh. Coltach ri Philips agus Mac Fhearchair, bha bùth tàilleir aig Angus Cumming a bha am measg nam bùithtean tàilleir a bu shine ann am Baile Hobart.⁷²⁵ Bhiodh an triùir ri chèile air cothroman margaideachd don *Teachdaire* a leasachadh na b' fhaide.

Feumar cuideachd iomradh a thoirt air an làimh a bha aig cuid de na fir-ghnothaich ann an lìonraidhean clò-bhualaidh is foillseachaidh. Bha deasaiche an *Teachdaire*, Iain Camshron (1821-1890), air fastadh fhaighinn le diofar phàipearan-naidheachd am Baile Hobart às dèidh dha Van Dieman's Land a ruigsinn. Bhuin e do dh'Àird Chatain, Earra Ghàidheal o thùs is chuireadh air fògradh chun na colonaidh e ann an 1850 mar thoradh air binn a bha e air fhaighinn an Alba airson mèirle agus dealbhadh mealltach ann an 1847.⁷²⁶ Air dha a' cholonaidh a ruigsinn, fhuair Camshron fastadh mar chlàireach do John Moore a bha na neach-seilbh agus dheasaiche don *Guardian* am Baile Hobart.⁷²⁷ Bha Camshron ag obair do phàipear-naidheachd eile an Hobart, an *Daily Advertiser*, nuair a chuireadh an *Teachdaire* air bhog agus b' ann bho oifisean an *Advertiser* a chuireadh an iris Ghàidhlig an clò eadar an Gearran agus an t-Samhain 1857.⁷²⁸

Air an aon dòigh, bha George Nixon Stewart (1817-1887), a rugadh is thogadh ann am Beul Feirste, gu mòr an sàs ann am foillseachadh an Tasmania mus do ghabh e obair mar fhear-ghnothaich don *Teachdaire* os làimh. B' e neach-taic cudromach a bh' ann on a bha làmh air a bhith aige fad iomadh bliadhna ann an obair deasachaidh agus sgrìobhaidh do dhiofar phàipearan-naidheachd an Launceston. Chanadh fiù 's mu Stewart gum b' esan am fear clò-

⁷²⁴ Feuchaibh, tdd. 91-96.

⁷²⁵ *Tasmanian News*, 22 an Dùbhlachd 1898, td. 2.

⁷²⁶ Kidd, 'Kangaroos and Cockatoos', td. 7. Tha clàran eucoireach ann an Tasglann Nàiseanta Bhreatainn a' toirt beagan a bharrachd fiosrachaidh dhuinn air binn Chamshroin. Bha Camshron na fhear-phuist ann am Bun Abha, Earra Ghàidheal ann an 1847 nuair a thugadh binn dha le Cùirt na Roinne-Ceartais ann an Inbhir Aora airson dealbhadh meallta air cuing agus òrdughan puist a b' fhiach £280 (£23,905 mu thuairmse ann an 2024 a rèir 'Bank of England - Inflation calculator'). Chuireadh gu Van Dieman's Land e ann an 1850 air an long-eucoirich, *Rodney*. Airson fiosrachadh air binn Chamshron, feuchaibh, 'Register of Prisoners in County Prisons 1838-1875, Tasglann Nàiseanta Bhreatainn, Clàr frcTNA//CCC/2D/HO23/00005118. Gheibhear fiosrachadh air fògradh Chamshroin do Van Dieman's Land ann an, 'John Cameron', British Convict transportation registers 1787-1867 database compiled by State Library of Queensland from British Home Office (HO) records, <https://convictrecords.com.au/convicts/cameron/john/39547> [ruigte 10.02.2023].

⁷²⁷ Kidd, 'Kangaroos and Cockatoos', td. 7. Thugadh maitheanas air chumha do Camshron ann an 1853.

⁷²⁸ Ibid.; gabhaidh clàr eucoirich Iain Chamshroin faicinn an seo: 'John Cameron', British Convict transportation registers 1787-1867 database compiled by State Library of Queensland from British Home Office (HO) records, <https://convictrecords.com.au/convicts/cameron/john/39547> [ruigte 10.02.2023].

bhualaidh a bu shine sa cholonaidh. Mus do thòisich e ann an dreuchd leas-dheasaiche agus neach-aithris don *Cornwall Chronicle* – a’ cheart phàipear dhan do dh’obraich e nuair a chuireadh an *Teachdaire* air bhog – bha Stewart na neach-aithris an Launceston don *Hobart Town Advertiser*.⁷²⁹ Cha b’ e eòlas an Fheirstich air clò-bhualadh is foillseachadh a-mhàin a bha na bhuanachd don *Teachdaire*, ach cuideachd comas agus tuigse Stewart air togail, cleachdadh, agus neartachadh lìonraidhean seasmhach is leantainneach eadar foillsichearan, sgrìobhadairean, agus luchd-leughaidh.

A dh’aindeoin ’s gun robh prìomh luchd-stèidheachaidh agus luchd-taic an *Teachdaire* uile an Tasmania, cha do thaghadh a’ cholonaidh mar àite foillseachaidh don iris an toiseach. Thug sanas a’ phàipeir-naidheachd, *Portland Guardian*, fa-near do luchd-leughaidh an Victoria san Dùbhlachd 1856 nach robhar air dachaigh a thaghadh don iris fhathast.⁷³⁰ Ach thàinig sin gu bith, an uair sin, aig deireadh an Fhaoilich 1857 nuair a thagh an luchd-stèidheachaidh Baile Hobart. Bha iad an dùil gum b’ e àite freagarrach a bh’ ann leis cho faisg is a bha am baile air colonaidhean Astràilia eile agus cuideachd air sàillibh nan goireasan clò-bhualaidh a bha ri làimh. B’ e an dàil ann a bhith a’ taghadh dachaigh don *Teachdaire* a bu choireach nach do nochd a’ chiad àireamh gu ruige a’ chiad latha den Ghearran 1857.⁷³¹ Tha na sanasan don iris a chuireadh an clò an uair sin ann an Tasmania, Victoria, agus NSW, eadar 1856 agus 1857 a’ toirt fianais air amasan tòiseachail na h-irise.⁷³² B’ iad sin, ‘Eachdraidh, Oilean, agus Beul-aithris an fhine Cheiltich, Sgeulachdan beaga Gaelach,’ a bharrachd air naidheachdan air, ‘gnothach cudromach air bith a thig fa chomhair na h-Eaglaise Saoire no steidhichte, suidheachadh no atharrachadh mhinistearan Gaelach; tighin luchd-iomraill (*emigrants*) Ghaelach [...], togail Eaglaisean agus Sgoilean,’ a chur fa chomhair luchd-leughaidh nan colonaidhean.⁷³³ Chuireadh ruigheachd an *Teachdaire* na b’ fhaide am meud aig toiseach 1857 is e an uair sin cuideachd ag amas air Gàidhealtachd na h-Alba a bharrachd air cuibhreannan eile de dh’uachdaranachd Bhreatainn.⁷³⁴ Cuide ri fir-ghnothaich ann an Geelong, Melbourne, Hamilton, agus Sydney, ghabh dithis an Alba – deasaiche an *Inverness Courier*, Robert Carruthers, agus Niall Caimbeul an Glaschu – craobh-sgaoileadh an *Teachdaire* os làimh.⁷³⁵

⁷²⁹ *The Daily Telegraph*, 3 an t-Ògmhios 1887, td. 2.

⁷³⁰ *Portland Guardian and Normanby General Advertiser*, 5 an Dùbhlachd 1856, td. 4.

⁷³¹ *The Hobart Town Mercury*, 21 am Faoilleach 1857, td. 4.

⁷³² Feuchaibh, tdd. 109-110.

⁷³³ *The People’s Advocate or True Friend of Tasmania*, 13 an Dàmhair 1856, td. 3.

⁷³⁴ *The Hobart Town Mercury*, 21 am Faoilleach 1857, td. 4.

⁷³⁵ *Ibid.*; airson barrachd fiosrachaidh air Niall Caimbeul, feuchaibh, Meek, ‘Gaelic Printing and Publishing’, td. 117.

Tha e follaiseach gum b' e fear de na dearbh iomairtean tar-nàiseanta a bh' anns an *Teachdaire* air a bheil Kidd a' togail na cuid rannsachaidh air irisean Gàidhlig san 19mh linn.⁷³⁶ 'S e bhith a' togail, 'slabhraidh leis am faod air (ar) luchd-duthcha an seo a's ann an Albainn a bhi an dlu cheangal inntinneil ri cheile ann an caidreamh taitneach agus feumail,' a bha fa-near don luchd-stèidheachaidh.⁷³⁷ Thig sin am follais gu soilleir sna grunnan shanasan don *Teachdaire* a thog ceann ann am pàipearan-naidheachd Albannach. Tha cuid dhiubh sin a' nochdadh dhuinn gun robh tomhas de mhi-chinnt ann mu choinneamh amasan na h-irise. A dh'aindeoin 's gun robh an luchd-stèidheachaidh an dùil an *Teachdaire* a chraobh-sgaoileadh fada is farsaing, chuireadh fa chomhair luchd-leughaidh an *North Britain* (1857-1879), *Alloa Advertiser* (1850-1911), agus *Orcadian* (1854-1869), gum b' ann air Gàidheil Astràilia a-mhàin a bha an iris a' cuimseachadh, '*A friend in Australia sends us a copy of the "Australian Gaelic Messenger," – a periodical issued for circulation among Highlanders who have emigrated to the colony.*'⁷³⁸ Ach b' ann a bha ùghdar an t-sanais fhathast an dùil, '*From the nature of its content [the "Messenger"] must be with all Highlanders a favourite publication.*'⁷³⁹ On a dh'fhoillsich na trì pàipearan an sanas aig deireadh a' Mhàirt 1858 – cha mhòr ceithir mìosan às dèidh don *Teachdaire* tighinn gu crìoch obann – tha coltas air nach do shoirbhich gu ceart ris an iris ann a bhith a' togail lionra tar-nàiseanta a bha seasmhach is leantainneach.

Chì sinn, ge-tà, gum b' e seachas eile a bha aig an *Inverness Advertiser* a chuir sanas air an *Teachdaire* an clò sa Chèitean 1857. Eu-coltach ris na sanasan Albannach na b' anmoiche, bha am fear seo ag amas air luchd-leughaidh an Alba,

*The Teachdaire cannot fail to be interesting to emigrants and to their friends left behind [...]. We will, therefore, be much pleased to find that the Australian Gaelic Messenger will be duly supported and will continue steadily to visit us for very many years.*⁷⁴⁰

Leanadh am brosnachadh le comhairle do luchd-stèidheachaidh an *Teachdaire* gun a bhith a' cur an dìochuimhne, '*that in Old Scotland the gold is not found in the rocks and caves of the earth as it is by our antipodean brethren, and that the cost of such a periodical is an important*

⁷³⁶ Kidd, 'The Scottish Gaelic Press', td. 344.

⁷³⁷ *An Teachdaire Gaidhealach* 1, 1 an Gearran 1857, td. 1.

⁷³⁸ Gheibhear an aon iomradh sna trì pàipearan-naidheachd: *North Briton*, 24 am Màrt 1858, td. 3; *Alloa Advertiser*, 27 am Màrt 1858, td. 2; *Orcadian*, 29 am Màrt 1858, td. 2.

⁷³⁹ *North Briton*, 24 am Màrt 1858, td. 3.

⁷⁴⁰ *Inverness Advertiser and Ross-shire Chronicle*, 26 an Cèitean 1857, td. 6.

*item as to its success.*⁷⁴¹ Am feadh is a chosg gach àireamh fa leth den *Teachdaire* tastan, ghabhadh cuideachd dà thastan deug pàigheadh airson àireamhan na bliadhna air fad. Bha an *Teachdaire* cuimseach daor an coimeas ri irisean Albannach sna 1840an a chosg eadar ceithir agus sia sgillinn.⁷⁴² Bheir sùil air prìsean do dh'irisean agus phàipearan-naidheachd an Astràilia fa-near dhuinn, ge-tà, nach robh prìs an *Teachdaire* neo-àbhaisteach an co-theacsa nan colonaidhean. Chosg iris ràitheil am Melbourne, an *Australasian*, dà thastan agus 6 sgillinn gach àireamh ann an 1850.⁷⁴³ Air a' mhodh cheudna, chosg a' chiad phàipear-naidheachd a chuireadh an clò an Van Diemen's Land ann an 1810, an *Derwent Star and Van Diemen's Land Intelligencer*, dà thastan gach pàipear air neo deich tastan gach ràith.⁷⁴⁴ Feumar a bhith mothachail cuideachd nach b' e buannachd a bh' ann am Boile an Òir do dh'fhoillseachadh an Astràilia. Fiù 's ma bha barrachd airgid aig cuid, tha Frank Greenop a' cur mun aire dhuinn nach robh luchd-tuineachaidh airson airgead a chaitheamh air, '*cultural pursuits*,' leithid de leughadh airson tlachd is fois.⁷⁴⁵ A bharrachd air sin, tha e cudromach gun toir sinn sùil air teachd-a-steach an t-sluaigh nuair a chuireas sinn prìsean airson sheirbhisean is bathar an Alba agus an Astràilia an coimeas ri chèile. Tha litir le Gàidheal am Port Phillip, Victoria, sa chiad àireimh den *Teachdaire* a' sealltainn gun do chosnaich cìobairean eadar £30 agus £40 agus luchd-obrach eile eadar £31 agus £39 sa bhliadhna am Port Phillip sna 1850an.⁷⁴⁶ Gun teagamh, b' fheàrr a bhith air fhaicill le leithid de chunntasan on a chuireadh gu feum iad gu bitheanta a chum imrichean a thàladh do na colonaidhean. Ach chan eil teagamh ann gun cuireadh teachd-a-steach den leithid an comas Ghàidheal am Port Phillip co-dhiù beagan airgid a chur don dàrna taobh airson an *Teachdaire*. Tha rannsachadh Edward Hunt air teachd-a-steach am Breatainn eadar 1760 agus 1914 a' nochdadh dhuinn gun do chosnaich luchd-obrach air a' Ghàidhealachd, air an làimh eile, eadar £17 agus £23 sa bhliadhna eadar 1833 agus 1845.⁷⁴⁷ Is cinnteach gum b' ann air àireamhan den leithid a thug sgrìobhadair an *Inverness Advertiser* tarraing nuair a chuir e a chuid rabhaidh an sgrìobhadh. Bha deasaiche an *Teachdaire*, Iain Chamshroin, den bheachd, 'Chaneil a phris' mor, - da-thasdan deug 's a' bhliadhna.

⁷⁴¹ Ibid.; tha rabhadh an *Inverness Advertiser* mu choinneamh prìs an *Teachdaire* fo sgrùdadh an ceartair.

⁷⁴² Kidd, 'Kangaroos and Cockatoos', td. 8. Mu choinneamh luach airgid ann am Breatainn san 19mh linn, ghabhadh punnd co-roinn ann an 20 tastan agus aon tastan co-roinn ann an dusan sgillinn. Feuchaibh, 'Money – The University of Nottingham', <https://www.nottingham.ac.uk/manuscriptsandspecialcollections/researchguidance/weightsandmeasures/money.aspx> [ruigte 17.02.2023].

⁷⁴³ *The Argus*, 2 an t-Iuchar 1850, td. 1.

⁷⁴⁴ James Bonwick, *Early Struggles of the Australian Press* (Lunnainn, 1890), td. 32.

⁷⁴⁵ Frank S. Greenop, *History of Magazine Publishing in Australia* (Sydney, 1947), td. 92.

⁷⁴⁶ *An Teachdaire Gaidhealach* 1, 1 an Gearran 1857, td. 8; feuchaibh cuideachd, *An Teachdaire Gaidhealach* 1, 1 an Giblean 1857, td. 8.

⁷⁴⁷ E. H. Hunt, 'Industrialization and Regional Inequality: Wages in Britain, 1760-1914', *The Journal of Economic History* 46:4 (An Dùbhlachd, 1986), tdd. 935-966 (942). Tha coltas air gun deach an teachd-a-steach an àrd rud beag eadar 1867 agus 1870 is luchd-obrach ann an sgìrean na Gàidhealtachd a' cosnadh eadar naoi tastan agus dusan tastan is naoi sgillinn san t-seachdain (feuchaibh, Hunt, td. 944).

Shaoileamaid, nach eil aon d'ar luchd-dutcha anns na cearnaibh seo, nach urrainn ruigheachd air.⁷⁴⁸ Gu follaiseach, chuimsich an iris air Gàidheil Astràilia sa chiad dol a-mach. Cha ghabhar iongnadh, uaithe sin, nach robh an iris gu tur freagarrach do luchd-leughaidh taobh a-muigh nan colonaidean is i fo bhuidh eaconamaidh agus cor an t-sluaigh an Astràilia.

B' e an lionra tar-nàiseanta fhèin an fhreagairt do cheistean is imcheist ionmhais is chunnacas Gàidheil an Astràilia a' ceannach agus a' cur an *Teachdaire* do an càirdean is caraidean an Alba.⁷⁴⁹ A rèir gach coltais, bha am fuasgladh sin cuideachd iomchaidh do mhuinntir na h-Alba is sin ri fhaicinn ann an sanas a bharrachd a chuir an *Inverness Advertiser* an clò ro dheireadh na bliadhna 1857.⁷⁵⁰ Chan eil fhios am b' e oidhirp dheireannach a bh' ann luchd-taic an Alba a thrusadh don iris on a thàinig crìoch air an *Teachdaire* às dèidh na Samhna 1857.⁷⁵¹ Eu-coltach ris na sanasan Albannach eile, bha am fear sin sa Ghàidhlig. Chuir an *Advertiser* cuideachd còd molaidh gu feum an turas sin – gairm an rola,

Is lionmhor Sgiathanach, Muileach, Abrach, agus Earraghaidhealach, a dh'altaicheadh a bheatha n'am faigheadh iad greim air [an *Teachdaire*], agus a dheanadh gairdeachas nach bu bheag ann a bhi toirt cluais dá sgéulaibh taitneach.⁷⁵²

Ged a b' e feum is fàth traidiseanta na gairme rola càirdeas a thogail eadar cinnidhean Gàidhealach, tha briathran an ùghdair a' toirt gnè ùr de chàirdeas fa-near dhuinn, sin 'càirdeas' eadar Gàidheil agus foillseachaidhean.⁷⁵³ Tha fianais air dàimh den leithid a' tighinn am follais san uiread de dh'òrain mholaidh a rinn Gàidheil an Alba agus an cèin air pàipearan-naidheachd agus irisean. A chum briathran Kidd ath-aithris, bha e an comas dha Gàidheil an cèin ceangal a thogail do an dùthchas agus dualchas le taic fhoillseachaidhean Gàidhlig.⁷⁵⁴ A-rèiste, bha foillseachaidhean Gàidhlig air leth prìseil dha na h-imrichean Gàidhealach is tuigear gun robh cuid dhiubh a' smaoinichadh orra mar sheòrsa de charaid. Tha sanas an *Advertiser* a' cur dà cheann an lionra thar-nàiseanta air shùilean dhuinn. Fiù 's mura robh Gàidheil an Alba ceart cho feumach air taic à dùthchannan cèine a chum an cànan is cleachdaidhean a ghlèidheadh,

748 *An Teachdaire Gaidhealach* 2, 2 am Màrt 1857, td. 1.

749 Feuchaibh, 'Tuarasdail an Astràilia', *An Teachdaire Gaidhealach* 3, 1 an Giblean 1857, td. 8.

750 *Inverness Advertiser*, 22 an Dùbhlachd 1857, td. 2.

751 Feuchaibh, Cardell agus Cumming, 'Gaelic Voices from Australia; Part V', td. 19. Airson barrachd fiosrachaidh air briseadh creideis nam bràithrean Hall, feuchaibh, *The South Australian Advertiser*, 16 am Faoilleach 1861, td. 3.

752 *Inverness Advertiser*, 22 an Dùbhlachd 1857, td. 2.

753 MacAonghais, 'Gaelic Poetry and the Historical Tradition', td. 25.

754 Kidd, 'The Scottish Gaelic Press', td. 344.

bha an, ‘dù’chas no an nadar dhaimheil,’ a bhrosnaich an *Teachdaire* ceart cho feumail dhaibh san t-seann dùthaich.⁷⁵⁵ Feumar cur ri sin gun robh maille air tighinn air foillseachadh irisean Gàidhlig an Alba às dèidh 1850.⁷⁵⁶ Theagamh gun robh an *Teachdaire* a dhìth air Gàidheil na h-Alba air a’ cheart mhodh is a bha e a dhìth air Gàidheil Astràilia. Mu choinneamh ghairmean rola an coitcheannas, tha rannsachadh Iain MhicAonghais a’ sealltainn gun robh iad gu minig a’ toirt tarraing air càirdeas air an robhar ag amas seach fear a bha ann mar-thà.⁷⁵⁷ Le sùil air a’ cho-theacsa san do chuireadh an *Teachdaire* an clò, chithear gum b’ e tràth làn imcheist is dhùbhlan a bh’ anns na 1850an an Alba. Bha atharrachadh air tighinn air beachdan a’ mhòir-shluaigh agus oifigearan an Riaghaltais air Gàidheil na h-Alba agus chunnacas cliù nan Gàidheal ga chur an suarachas uair eile. A-rèiste, chaidh Riaghaltas Bhreatainn an gleac ‘leisg’ nan Gàidheal le bhith a’ cur air dòigh ‘iomairtean leasachaidh’, mar eisimpleir Comann Eilthireachd na Gàidhealtachd agus nan Eilean. Tha Kirztina Fenyô a’ mìneachadh gun do chuir an Comann taic ris a’ bheachd gun gabhadh ‘com is inntinn easbhaidheach’ nan Gàidheal leasachadh na b’ fheàrr an cèin.⁷⁵⁸ Gun teagamh, cha robh guth ann air prìomh adhbharan nan ‘easbhaidhean’ sin a leithid na gorta sna 1830an agus 1840an. Le bhith a’ sanasachadh iris a chomharraich sàr chomasan nan Gàidheal is an *Teachdaire*, ‘cho blasda ’na chòmhradh, cho fìor-ghlan ’na bhriathraibh, agus cho taitneach ’na theachdaireachd, ’s ged bhiodh e air a ghintinn measg gharbhlach na h-Alba,’ chuir an *Advertiser* an aghaidh bheachdan cronail is oilbheumach air na Gàidheil.⁷⁵⁹ Air an làimh eile, thug an sanas cuideachd fianais air ‘cor leasaichte’ nan Gàidheil an Astràilia agus soirbheas iomairtean ‘leasachaidh’ a bha, nuair a thig e gu h-aon is gu dhà, air fuadachadh agus arfantachadh an tuatha Ghàidhealaich a bhrosnachadh. Gu dearbh, bha an *Teachdaire* airson, ‘feabhas am beusan ’s meudachadh an eòlais,’ a chur an comas an luchd-leughaidh is an t-amas sin an co-rèir ri amasan cuid de na iomairtean ‘leasachaidh’ an Alba.⁷⁶⁰ Cuimhnicheamaid cuideachd gun robh sgrìobhaidhean Gàidhlig a chuireadh an clò an Alba eadar 1830 agus 1850 a’ cuimseachadh air leasachadh pearsanta is pailteas dhiubh a’ dèiligeadh ri ro-innleachdan leasachaidh, saidheans,

755 *Inverness Advertiser*, 22 an Dùbhlachd 1857, td. 2.

756 Kidd, *Còmhraidhean nan Cnoc*, td. 8.

757 Iain MacAonghais, ‘The Panegyric Code in Gaelic Poetry and its Historical Background’, ann am Michael Newton (deas.), *Dùthchas nan Gàidheal: Selected Essays of John MacInnes* (Dùn Èideann, 2006), tdd. 265-319 (276); airson eisimpleir air cleachdadh a’ chòd mholaidd ann am bàrdachd Ghàidhlig eile, feuchaibh, Maciver, ‘The Gaelic Poet and the British military experience, 1756-1856’, tdd. 201-202.

758 Fenyô, *Contempt, Sympathy and Romance*, tdd. 77-96 (gu h-àraidh td. 86); Fenyô, ‘Contempt, Sympathy and Romance’ Lowland perceptions of the Highlands and the clearances during the Famine years, 1845-1856’ (Oilthigh Ghlaschu: Tràchdas PhD neo-fhoillsichte, 1996), td. 4.

759 *Inverness Advertiser*, 22 an Dùbhlachd 1857, td. 2.

760 *The People’s Advocate or True Friend of Tasmania*, 13 an Dàmhair 1856, td. 3.

dùthchannan cèine, searmonan, agus sgeulachdan moralta.⁷⁶¹ Le sùil air sin, tuigear gun robh ùidh aig an *Advertiser* san *Teachdaire* is an iris Thasmanianach a' leantainn nàdar is seòl nan irisean Gàidhlig na bu tràithe.

Chan urrainnear dol às àicheadh gu bheil amasan an *Teachdaire* a' freagairt air ro-innleachdan leasachaidh a bhathar air cur fo sheòl an Alba san 19mh linn. Tha fhios, ge-tà, gum b' e iomairt agus goireas a chum math Gàidheil Astràilia a bh' ann sa chiad dol a-mach. 'S e bhith ag, 'altram agus àrach,' na Gàidhlig am measg Gàidheil Astràilia prìomh amas na h-irise.⁷⁶² Am beachd an deasaiche, 'tha gaidheil nan eilein seo na's gaidhealaich na gaidheil Albainn, ma cheadaichear dhuinn a chainnt a chleachdadh, agus a' leantuinn ann an lorg nan sonn a dh'fhalbh, anns na h-uile car.'⁷⁶³ Mar a bha na sanasan tràtha air gealltainn, bhathar airson, 'Fiosrachadh mu nithibh a tha tachart ri'r linn fhein, agus sgeula air na laithibh a dh'fhalbh,' a thoirt, 'do na gael a tha comhnachadh ann an eileanaibh Australia.'⁷⁶⁴ Chan eil teagamh ann gum bu mhiann le luchd-stèidheachaidh na h-irise nòsan agus luachan dùthchasach ath-dhaingneachadh sna coimhearsnachdan colonach far an robh na ceart ghnòthaichean sin air dol an diochuimhne. Tha e ceart cho follaiseach gun robhar a' taghadh ghnèithean, chuspairean, agus nòsan litreachais a fhreagair air modhan agus feumalachdan nan colonaidhean fhèin.⁷⁶⁵ Sin as adhbhar gun do thog an dà chuid ath-chlò-bhualaidhean agus ùr-chlò-bhualaidhean ceann san iris. Bha na clò-bhualaidhean sin ioma-chultarail agus cuideachd tar-nàiseanta is iad, mar thoradh air sin, a' freagairt air luchd-leughaidh araon an Astràilia agus 'an cèin'. B' i obair an latha don deasaiche, Camshron, tighinn gu rèite eadar an dà sheòrsa sgrìobhaidh sin feuch an gabhadh luchd-leughaidh an Astràilia agus cuideachd an luchd-leughaidh an Alba a thoileachadh.

Chì sinn gu bheil iomadh earrann san *Teachdaire* a bheir fianais air an rèiteachadh sin, mar eisimpleir earrannan a sgrìobhadh airson cunntas a thoirt air na colonaidhean agus airson in-imrich a bhrosnachadh. Bha na cunntasan sin cuimseach treibhdhireach agus saoillear gum b' ann a chum math an luchd-leughaidh an Alba a bha sin. Maille ri sin, ge-tà, dh'fheumadh iad cothrom a thoirt do sgrìobhadairean agus luchd-leughaidh ioma-chultarail cnuasachadh air an

⁷⁶¹ Kidd, 'The Scottish Gaelic Press', td. 339.

⁷⁶² Feuchaibh, 'D'Ar Luchd-Leughaidh' (toiseach na dàrna earrainn), *An Teachdaire Gaidhealach* 1, 1 an Gearran 1857, td. 1.

⁷⁶³ *An Teachdaire Gaidhealach* 3, 1 an Giblean 1857, td. 8.

⁷⁶⁴ *The People's Advocate or True Friend of Tasmania*, 13 an Dàmhair 1856, td. 3.

⁷⁶⁵ Airson beachd air modhan sgrìobhaidh agus deasachaidh ann an litreachas ioma-chultarail, feuchaibh, Reed Way Dasenbrock, 'Intelligibility and Meaningfulness in Multicultural Literature in English', *PMLA* 102:1 (Am Faoilleach, 1987), tdd. 10-19 (10).

fhìrinn – no ‘*unsavoury reality*’ mar a tha aig Mycak air – aca fhèin.⁷⁶⁶ Mar sin dheth, ann a bhith a’ sanasachadh colonaidhean Astràilia, cha robhar idir airson dol às àicheadh àrainneachd dhùbhlanach na tìre cèine.⁷⁶⁷ Bheirear fa-near don chleas sin ann an naidheachd a thogas air buaidh staing an ionmhais am Melbourne sna 1840an.

⁷⁶⁶ Mycak, ‘Australian Multicultural Literature: Dynamic and Dilemmas of the Self’, td. 81.

⁷⁶⁷ Mark Emmerson, ‘Gold, Ink, and bitter disappointment: Swedish Journalist Corfitz Cronqvist in Australasia, 1857-95’, *Melbourne Historical Journal* (2013), tdd. 65-81 (65).

NAIGHEACHDAN.

Ged a tha, an coitchionntas, cosnadh i' furasd'

fhaotuinn anns gach cearna de dh, Astrailia, tha, aig an am seo, mun cuairt air cuig mìle deug ann am Baile Mhelbourne a mach a gne air bith de dh, obair, agus air an aobhar sin tha iad fein agus an teaghlaichean a fulang, mar a theirear anns a Ghaeltachd, "suachd 's ocras." Tha a chuid mhor de na daoine mi-fhortanach seo a fàgail Bhreatunn 's Eirinn ann am barail, nach eil aca ach an cas a chuir air tìr ann an Bhictoria—talamh an oir, agus gum bi iad sona; gum faidh iad pailteas do gach nì air bheag saothair. Tha an dochas amaideach seo a toirt a char as na mìltean ann an iomadh doigh. Mar is minic a dh, ainmich sinn anns an *Teachdaire*, cha 'n ann gun mhor-dhìchioll 's bunailteas a dh, fhasas neach air bith bearteach ann an Astrailia. Tha mar an ceudna, moran de an t-shluagh dhìomhanach seo, bho Bhailtean-mora Bhreatunn—a chuid is mo dhiu aineolach air gach gne de dh, obair duthcha, agus a bharrachd air sin cha 'n-eil deigh aca air 'an uran chosnadh ach anns an doigh ris an robh iad cleachte sin a dheanamh. Tha pailteas oibre ri fhaotuinn air an duthchaich, ann an caochladh dhoigheanaibh, agus faodaidh gach aon nach eil an leig a ceangal o uran a chosnadh "le fallas a ghnuis," e fein a chumail a suas, ann am biadh 's an aodach gu neo-uireasbhach. Chuir Uachdranachd (*Government*) *Bhictoria*, fo cheann ghoirid, air leth cuig mìle thar-fhichead punnd sasunnach de dh, ionnhas coitchionn na duthcha, airson an t-shluagh a tha as eugmhais cosnaidh a bheathaichadh gu' am faidh iad obair. Cha 'n eil a bheag air bith de na Gaidheil a measg nan lunn-dairean seo—cha 'n eil 's tha dochas uguinn nach bi-th 'ar luchd-duthcha oscionn strìochdaidh don bhochduinn am feadh is comasach dhaibh a seachnadh.

Leis gum b' ann an Astràilia fhèin a bha a chuid a bu mhotha den luchd-leughaidh, a rèir choltais, saoillear nach robh air ach an fhirinn innse mu choinneamh cor nan colonaidhean.

A bharrachd air cothroman cosnaidh, bhiodh cuid de na h-earrannan a bhathas air sgrìobhadh an Astràilia ceart cho treibhdhireach mu choinneamh easbhaidhean ann an dol a-mach an t-sluaigh. A-rèiste, aithnichidh sinn cuspair eile a fhreagair air muinntir Astràilia ann an sgrìobhaidhean a dhèiligeas ri moraltachd agus spioradaileachd sna colonaidhean. Chunnacas craobh-sgaoileadh sgrìobhaidhean Beurla den leithid a' dol am meud an toiseach ann an Van Dieman's Land sna 1820an nuair a stèidhich miseanaraidhean Meathodach a' chiad leabharlann poblach. Thug an leabharlann sin cothrom don luchd-tuineachaidh leabhraichean fhaighinn air iasad an asgaidh cho fad 's a chaidh na leabhraichean sin an sàs ann am moraltachd agus spioradalachd.⁷⁶⁹ Bheir am pailteas de dh'earrannan san *Teachdaire* a thogas air gnothaichean moralta agus spioradail fianais air an làraich a dh'fhàg litreachas den leithid air cleasan sgrìobhaidh agus foillseachaidh sa cholonaidh. Mar sin, togaidh Còmhradh sa chiad àireimh den *Teachdaire* air mì-mhoraltachd luchd-tuineachaidh Tasmania.⁷⁷⁰ Tha an Còmhradh a' dèiligeadh ri eucoir a rinneadh air fear den luchd-còmhradh, Ian Bàn, às dèidh do bhuidheann de luchd na Beurla £80 a thoirt bhuidhe is iad ga chur ri aghaidh daga. Coltach ri cuid de Chòmhradhean ann am foillseachaidhean Albannach, b' e comhairle is oilean do Ghàidheil Astràilia a bha fa-near do Chòmhradh an *Teachdaire*.⁷⁷¹ Às dèidh do dh'Ian Bàn innse do Chalum Taillear na bha air èirigh dha, fhuair e a' chomhairle a leanas,

Bheirinn aon chomhairle ort, agus 's e seo i – seachainn na taighean osda agus an uair a gheibh thu airgid a rithisd, cuir ann an aite sabhailt e a bhios tu cinnteach air nach amais aon duine, ged a rannsaicheadh iad an taigh agad thairis a's thairis, gus am faigh u rogha a chothrom ga chuir 's a bhanc.⁷⁷²

A bharrachd air fòirneart sa cholonaidh, tha an Còmhradh cuideachd a' dol an sàs ann an dùbhlann eile a bha gu minig am beul an t-sluaigh araon an Astràilia agus an Aotearoa. B' e sin sgrios na dighe agus mì-stuamachd,

Chanail sgillinn air am faigh e [Alastair mor] greim nach ol e'. [...] Seall mar a tha chuid fearainn a' dol fas, a chaoraich lan do'n chloimh, agus na beothaichean cruaidh aig 'na cnamhlaichean cho mor 's gu'n cuireadh e eagal ort amharc orra. Gu de tha ris a sin

769 Webby, 'The Beginnings of Literature in Colonial Australia', td. 38.

770 *An Teachdaire Gàidhealach* 1, 1 an Gearran 1856, ttd. 6-7.

771 Airson barrachd fios air feum is fàth Chòmhradhean ann am foillseachaidhean Albannach, feuchaibh, Kidd, *Còmhradhean nan Cnoc*, ttd. 47-48.

772 *An Teachdaire Gàidhealach* 1, 1 an Gearran 1856, td. 7.

ach ol a's leisg. Dh'fhaodadh na milltean punnd Sassunnach a bhi aig an duine sin an diugh nam biodh e glic, grundail mar bu choir dha.⁷⁷³

Ged nach eil fios againn cò ùghdar an dà Chòmhraidh a nochd san *Teachdaire*, tha cothrom ann gum b' e Camshron a chuir an sgrìobhadh iad. Eu-coltach ri sgrìobhaidhean eile nach gabh an-còmhnaidh suidheachadh ann an co-theacsa Astràilia, thug na Còmhraidhean comhairle is oilean seachad a bha buntainneach do bheatha sna colonaidhean. Dh'fhaodadh gun toir sin fianais air oidhirp Chamshroin frithealadh gu h-ìomchaidh don luchd-leughaidh air an robhar ag amas sa chiad dol a-mach, i. luchd-leughaidh an Astràilia. Le sùil air cuspair a' chiad Chòmhraidh, tha e ceart cho coltach gum b' e Camshron a sgrìobh an ro-ràdh, 'Misg', don t-siathamh àireimh den iris. Tha an ro-ràdh a' dèanamh luaidh air na '*Diggings*' a bha a' dol ann an raointean òir Victoria sna 1850 is an sgrìobhadair a' toirt rabhadh do Ghàidheil a bha aig na *Diggings* fuireach far na dighe.

*Dealbh 34: Comhairle do Ghàidheil aig na Diggings*⁷⁷⁴

math. Bheiream'naid comhairle gu h-
araidh orrasan a tha taobh thall a chaoil, aig
na *Diggings* fuireach fo'n deoch; tha iad
moran nis fosgailtiche do gach dosguinn a
tha tighean an lorg na misge nan luchd-
duteha ann an ceannachan eile, ach theiream'-
naid mar an ceudna ris gach Gael anns
gach eilein mu'n cuairt "fuirich fo'n deoch"
oir tha i moran ni'e cronaile do phearsa an
duine anns na duthchannan seo na tha i
ann an Albain, agus tha neach nis buail-
tiche don tuille cunnart fo'n taobh a mach
a bharrachd air a' chon a tha 'ga dhean-
amh don anam neo-bhasmhor le bhi air
mhisg, ni a tha calg-dhireach an aghaidh
focail Dhe. Tha e na aobhar toileachaidh

Tha an earrann seo a' toirt tarraing air rud eile a bu ghnòthach do Ghàidheil an Astràilia: mì-
dhiadhaidheachd. Thog an easbhaidh sin ceann uair is uair ann an sgrìobhaidhean Gàidhlig nan
colonaidhean is i a' nochdadh, mar eisimpleir, sa chiad fhoillseachadh Gàidhlig a tha againn
gu ruige seo ann am pàipear-naidheachd Astràilia, i. an litir a sgrìobh an t-Urr. Uilleam Mac

⁷⁷³ Ibid.

⁷⁷⁴ *An Teachdaire Gaidhealach* 6, 1 an t-Iuchar 1857, td. 1.

an t-Saoir ann an 1838. On a tha creideamh agus spioradaileachd am measg nan cuspairean a bu bhitheanta ann an litreachas Gàidhlig Astralàisia, cha ghabhar iongnadh nach robh an *Teachdaire* fada togail orra.

Tha sgrìobhaidhean a dhèiligeas ri creideamh agus spioradaileachd a' toirt cothrom dhuinn beachdachadh air an rèiteachadh a rinneadh eadar cuspairean a fhreagair air Gàidheil Astràilia agus cuspairean a fhreagair air Gàidheil gu h-uile-choitcheann. Bha Camshron gu mòr airson, 'sonas aimsireil agus spioradail na'n Gael,' àrdachadh agus saoillear gun robh an t-amas sin freagarrach don a h-uile.⁷⁷⁵ Coltach ri sgrìobhaidhean air cor eaconamach nan colonaidhean, tha na h-earrannan a nì luaidh air a' chor spioradail a' nochdadh an dà chuid shochairan agus dhochairan. Cuiridh an litir, 'Mì-Naomhachadh na Sabaid', le 'S. T.' à Melbourne an gnothach sin gu dearbhadh.⁷⁷⁶ 'S e càineadh a th' ann air mì-dhiadhaidheachd cuid de Ghàidheil an Astràilia a bha air an t-Sabaid a chur, 'buileach air cul anns an duthaich seo.'⁷⁷⁷ Ge-tà, tha earbsa an ùghdair ann an, 'Teachdairean-spioradail Gaidhealach,' a bha, ar leis, pailt an Astràilia agus, '[a'] togeil an guth 'an aghaidh luchd mi-naomhachaidh na sabaid,' a' toirt fianais air dòchas S. T.. Choilean an litir dà rud; air an dàrna làimh, thug i cunntas firinneach do Ghàidheil a bha, theagamh, an dùil imrich gu Astràilia air neo aig an robh càirdean sna colonaidhean; agus air an làimh eile, chuir i an cuimhne Gàidheil nan colonaidhean, 'grainealachd a pheacaidh [...] – misg, mionnan, caonnagan,' a sheachnadh.⁷⁷⁸ Tha e follaiseach nach bu leisg le Camshron togail air easbhaidhean den leithid sna colonaidhean is eisimpleir eile dheth ann an litir an Sgitheanaich, Iain MacLeòid. B' ann à Port Phillip, frith-bhaile an cois Mhelbourne, a chuir MacLeòid a litir don deasaiche. Eu-coltach ri 'S. T.', b' e dìth mhinistearan Gàidhlig ann am Port Phillip adhbhar gearain an Sgitheanaich,

Tha aon nì, co dhiu a tha mi ag ionndrainn gu mor anns an tir seo – agus 's e sin nach eil cothrom agam air an t-soisgeul a chluinntinn air a shearmanachadh anns a ghailig. Tha gu leoir de mhinistearan Beurla dlu orm, ach cha 'n eil an searmainean tioram a deanamh feum dhomh; agus tha mi tuillidh 's fada uapasan a tha searmanachadh anns a' ghailig.⁷⁷⁹

⁷⁷⁵ *An Teachdaire Gaidhealach* 8, 1 an t-Sultain 1857, td. 1.

⁷⁷⁶ *An Teachdaire Gaidhealach* 3, 1 an Giblean 1857, td. 6.

⁷⁷⁷ *Ibid.*, td. 6.

⁷⁷⁸ *An Teachdaire Gaidhealach* 3, 1 an Giblean 1857, td. 6.

⁷⁷⁹ *An Teachdaire Gaidhealach* 7, 1 an Lùnastal 1857, td. 8.

Ach a-mhàin an gearan sin, tha an litir làn molaidh air Victoria, ‘S i seo duthaich a phaltais, anns am faod gach neach a bhios dichionnach, bunailteach, deanamh gu maith – ni a tha eucomasach do dhuine bochd a dheanamh anns a Ghaeltachd far nach eil meas na’n con aig moran de na h-uachdrain leibideach air an iochdrain.’⁷⁸⁰

Ged nach eil math dhuinn gearan MhicLeòid a chur an suarachas, gabhar iongnadh cho beag a dh’fhios no a chothrom a bha aige air searmonan Gàidhlig. Tha litir a chuir Raibeart MacDhùghaill don iris Ghàidhlig, *Cuairtear nan Gleann*, à Melbourne ann an 1843 a’ dearbhadh gun robh ministearan Gàidhealach an làthair sa bhaile cho tràth ris na 1840an. Air dha tuairisgeul a thoirt air an iomadach taigh-adhraidh a thogadh sa bhaile, sgrìobh e,

Tha sinn a nis a’ cur cheann cuideachd a dh’fhaotuinn té Ghaelich suas. Tha ministear Gàelach againn a cheana, a’ searmonachadh an t-soisgeil ’an cainnt liobaidh nam beann, na h-uile Sàbaid; agus tha a cho’-thional, mar is taitneach ri aithris, a’ dol am meud gach seachdain.⁷⁸¹

Ged nach b’ ionnan na 1840an agus na 1850an, thogadh roimhe air an Urr. Mac an Tòisich MacAoidh a thàinig gu Melbourne ann an 1854 airson searmonachadh dha na Gàidheal.⁷⁸² Chaidh e an sàs ann an iomairt a chum eaglais Ghàidhlig a thogail am Melbourne is thàinig an gnothach gu bith ann an 1855. Thogadh Eaglais Ghàidhlig Naomh Anndra an cois Ghàrraidhean Carlton (*Carlton Gardens*) far an tèid Sràid Rathdown agus Sràid Queensberry an còmhhdail a chèile.⁷⁸³ Ged nach robh i ach mu chòig mìle air falbh bho Phort Phillip, àite-còmhnaidh MhicLeòid, saoillear gun robh an t-astar sin fhathast ro mhòr don Sgitheanach agus, ma dh’fhaoidte, do Ghàidheil eile.

Ach a-mhàin an corra mholadh agus dhì-mholadh, cha tugadh cunntas no deasbad slàn don luchd-leughaidh air goireasan is cor spioradail nan diofar bhailtean is chlachan colonach. Tha e follaiseach gun do sheachain Camshron deasbadaidh air gnothaichean a bhuin do dh’eaglaisean – bitheadh iad an Alba air neo sna colonaidhean. Thig sin am bàrr san earrainn, ‘Cothional

⁷⁸⁰ Ibid.

⁷⁸¹ *Cuairtear nan Gleann* 40 (An t-Ògmhios, 1843), td. 112.

⁷⁸² Thugadh iomradh air Mac an Tòisich MacAoidh cheana air tdd. 60-61.

⁷⁸³ *Geelong Advertiser and Intelligencer*, 1 an Cèitean 1855, td. 2. Ged nach eil Eaglais Ghàidhlig Naomh Anndra ann nas motha san latha an-diugh, tha dealbh a thogadh tràth sna 1880an a’ toirt beachd dhuinn air coltas agus suidheachadh an togalaich. Feuchaibh, ‘St Andrew’s, Gardiner’, Here today..., <https://heretoday.blog/2021/03/15/st-andrews-gardiner/> [ruigte 11.03.2024].

Gailig na h-Eaglaise Saoire ann an Geelong', a chuireadh an clò san Lùnastal 1857.⁷⁸⁴ Tha an earrann sin a' gabhail gnothach ris a' cho-thional Ghàidhealach an Geelong fo stiùir an Urr. Iain Dùghallaich a bhathar air suidheachadh ann an Clèir Geelong sa Ghiblean 1856.⁷⁸⁵ Bha an Dùghallach am measg nan grunnan mhinistearan a bha air aonadh eadar an t-Àrd-sheanadh Saor-chlèireach agus Àrd-sheanadh Victoria a dhiùltadh sa Ghiblean 1857. An cuideachd seachdnar mhinistearan eile, chuir e tagradh fa chomhair buill an Àrd-sheanaidh Shaoir-chlèirich a mhol gun deigheadh a' mhion-chuid (a dhiùlt aonadh an dà Àrd-sheanaidh) a sgaradh bhon mhòr-chuid den t-Seanadh.⁷⁸⁶ B' ann dìreach às dèidh do dh'iomadh Gàidheal litir a chur don *Teachdaire* mu choinneamh a' ghnòthaich a dh'aontaich Camshron adhbharan an Dùghallaich a chur fa chomhair an luchd-leughaidh. Tha coltas air gun robh Camshron air an earrann a chur ris an t-seachdamh àireimh ge b' oil leis, 'Tha ar barail fein againn a thaobh nan nithe sin; ach cha'n ann an duilleagan an *Teachdaire* a chuireas sinn a mach a' bharail sin. Nan toisicheamaid air a chonnsuchadh so, cha 'n eil fios c' aite no c' uin a sguireamaid.'⁷⁸⁷ Feumaidh nach robh roghainn aige is litreachas na h-irise gu ire mhòr an eisimeil miann agus suim an luchd-leughaidh an Astràilia.

*Dealbh 35: Às-earrann à naidheachd air a' cho-thional an Geelong*⁷⁸⁸

COTHIONAL GAILIG NA H-EAGLAISE SAOIRE
ANN AN GEELONG.—Bha coinneamh aig Cothional
Gailig na h-Eaglaise Saoire ann an Geelong,
air a cheathramh lath' deng d'èin mhios a
chaidh seachad, a dh' eisdeachd an nobhair a thug
do mhinistear a chothional sin—an t-urramach
Iain Dùghallach, diùltadh ri aonachd air bith
ri Seanadh Bhictoria. Bha cruinneachadh nach
beag, de'n na gaeil a lathair agus thug Mr.
Dùghallach an-chunntas, anns a' ghailig, air
na reusan a bh'aige airson eul a chuir, gu
buileach, ris an aonachd a chaidh a thoirt mu'n
cuairt eadar an dà Sheanadh. Do bh-igh gu'm
faod cuid d'ar luchd-leughaidh a bhi ainneolach
air an eadar-dhealachadh a tha eadar an dà
Sheanadh, ann an Bhictoria, faodadh sin ainne-
achadh gu bheil Seanadh Bhictoria, mar a their-
ear rithe, ann an tomhas, fo a' riaghala 'h, agus
air an paigheadh le nachdranachd (*Government*)
na tìre. Cha-'n eil ughdarras air bith aig an

784 *An Teachdaire Gaidhealach* 7, 1 an Lùnastal 1857, td. 8.

785 Hamilton, *A Jubilee History of the Presbyterian Church of Victoria*, td. 89.

786 *Ibid.*, tdd. 162-163.

787 *Ibid.*

788 *An Teachdaire Gaidhealach* 7, 1 an Lùnastal 1857, td. 8.

na tìre, 'Cha-'neil ughdarras air bith air an
 uachdranachd, thairis air Seanadh na h-Eaglaise
 sa-ìre oir tha gach Ministear a' bhuineas dìth
 air a phlaighheadh leis an t-sluagh—dìreach mar
 a tha ud ann an Albainn. Tha an t-Seanadh na'n
 Senaidhean, mar a tha e air a shocrachadh, a
 fagail doruis fosgailte a' chum comb-chomunn a
 chumail ris an eaglais Steidhaichte
 ann an Albainn. Tha an roinn
 de mhinistirean na h-Eaglaise sa-ìre
 a tha, gu coguiseach, a fuireach dileas do na h-
 aobhairean cud hromach airson an dh, fhag iad
 an Eaglais Steidhichte, ann an 1843, a faicinn
 nach eil e comasach dhaibh comb-chomunn a bhi
 aca, tuillidh, ris an Eaglais sin. Shoilleiri h

Tha an ochdamh àireamh den *Teachdaire* cuideachd a' toirt eisimpleirean dhuinn air cleasan a tha suaicheanta do litreachas an sgapaidh-shluaigh Ghàidhealaich. Bheirear fa-near dhaibh gu sònraichte ann an 'Òran an Eilthirich' a chuir am bàrd Muileach, Aonghas Mac Bheatha, don iris. 'S ann a tha an dà chuid an t-òran fhèin agus an ro-ràdh aithghearr a sgrìobh Camshron, a rèir choltais, a' dearbhadh gum b' aithne do Ghàidheil an sgapaidh-shluaigh cleasan litreachais nach robh ach an cumantas aca fhèin. Cuiridh sin nas fhaide gu dearbhadh gu bheil corpas litreachais ann a tha eadar-dhealaichte agus fa leth bho chorpasan Gàidhlig eile. B' iad na h-imrichean fhèin a thog agus dhaingnich crìochan a' chorpais sin agus chithear eisimpleir air a' sin san *Teachdaire*. Gu dearbh, ghabh Camshron an cothrom coimeas a dhèanamh eadar òran Mhic Bheatha agus òran a' Bhàird MhicGilleain an Alba Nuadh, 'Òran do dh'Aimearaga',

Tha an t-oran seo, mar an ceudna, a nochdadh barail an Ughdair air a chearna de Phort Phillip anns na thilgeadh a chrannchur – a gearan gu h-araidh air a bhith air a chuartachadh le Priomh-Mhuinntir (*Aborigines*) an aite agus fada fo mhinistearibh an t-soisgeil. [...] Tha rann na dha de'n oran seo a toirt n'ar cuimhne barail Ian Ic-Illeathain, bard Thighearna-Chola, air cul-choilltichibh Ameirica, goirid an deigh dha toiseachadh air a chriomaig fhearainn a cheannaich e a reiteach.⁷⁸⁹

Tha na h-òrain a rinn am Bàrd MacGilleain dìreach às dèidh dha Alba Nuadh a ruigsinn ann an 1819 – 'Òran do dh'Aimearaga' no 'A' Choille Ghruamach' agus 'Am Mealladh' – aithnichte airson a' chòd dì-mholaidh a chuir am bàrd gu feum airson a mhì-ghean air an dùthaich chèin a chur an cèill.⁷⁹⁰ Tha an ceart ìre agus nàdar de dhì-mholadh ri fhaicinn ann an òran Mhic

789 *An Teachdaire Gaidhealach* 8, 1 an t-Sultain 1857, tdd. 4-5.

790 Dunbar, 'The Secular Poetry of John MacLean', td. 311.

Bheatha is na rannan a thagh Camshron airson coimeas a dhèanamh eadar an dà òran ga thoirt am follais dhuinn,

À: ‘Òran do dh’Aimearaga’
'S beag ioghnadh dhomhsa bhi tursach bronach,
'S mi seo a chomhnuidh an cois nam beann,
Aig abhainn *Bhaton* a tha mi'n tamhachd,
Gu'n aon nis fhearr na'm buntata lom,
Mu'n dean mi aiteach 's mun d-thoir mi bar as,
'S choille ghabhaidh 'chuir as a bonn,
Le neart mo ghairdean gu'm bi mi saruichte,
'S greis air faillinn mu'n fas a chlann.

À: ‘Òran an Eilthirich’
Tha mi seo aig Loch-Eliza, ceud mìle bho shagairt,
Na bho mhinistear dileas a dheanamh firinn a labhairt,
'S ged tha biadh agus aodach ri fhaotinn 's ri ghabhail,
Tha mi 'g ionndrachainn daonan nach eil daoine dhomh 'm fagus.⁷⁹¹

Mhothaich Camshron fhèin gun robh ceann-teagaisg an cumantas aig an dà òran a dh'aindeoin 's gun do rinneadh aonan an Alba Nuadh is am fear eile an Astràilia. Ghabhadh ris, a rèir choltais, gun robh eòlas coitcheann aig na h-imrichean Gàidhealach ge b' e an t-àite cèin san robh iad air còmhnaidh a ghabhail. B' e an dearbh eòlas sin a bhrosnaich Gàidheil bàrdachd is rosg a chur an gleus agus an sgrìobhadh a bhathas, an uair sin, ag aithneachadh air feadh diofar àrainneachdan sluagh-sgapach. Tha fhios gum b' i Aotearoa cuideachd tè de na h-àrainneachdan sin. Ghabh bàrd Comann Gàidhlig Dhunedin, Nèill Mac Phàidein, cuideachd òran Gàidhlig, '*descriptive of the disappointments of a Scotchman on his first arrival in America,*' air beulaibh buill a' Chomainn ann an 1905.⁷⁹² Ged nach gabh ràdh ri cinnt gum b' ann air òran a' Bhàird MhicGilleain a bha Mac Phàidein a' toirt tarraing, chì sinn co-dhiù gun do fhreagair òrain à Canada ceart cho math air eòlas imrich nan Gàidheal an Aotearoa agus a fhreagair iad air Gàidheil Astràilia.

⁷⁹¹ *An Teachdaire Gaidhealach* 8, tdd. 4-5.

⁷⁹² *The Evening Star*, 20 an t-Sultain 1905, td. 6.

*Air Fonn.—Fàill illirin o na h-ug's horo-cille,
Fàill illirin o na h-ug's horo-cille,
Fàill illirin o na h-ug's horo-cille,
Dhealich sinn air a chladach 's fhad'
Ma faic sinn a cheile.*

'S iomadh aon a bha bronach nuair a sheol sinn
fon chala,
'S beag a bh, aca ri iunndrainn dhiult an grunn
ri 'n cuid barra;
Bha na mail riu 'g eitheach, iad gun spreidh air an
fhearann,
Maoir a tighin 's bairlin iad a dh, fhagail a'n
taighean.

Bha sinn deasaich 's tuathaich cadar Cluaidh 's
Lochcarruinn,
Agus dutehaich Shir Scumas agus Sleibhte
nam bradan,
'S inn 's an luing ud le cheile mar threud air an
aiseag,
'S gann gun gabhair 'ar n-aireamh thug am bas
uainn an deachamh.

'Nuair a dh, fhag sinn rutha clearach cha robh tìr
ann ri leirsinn,
Ach an cuan as a thoiseach, molach robach ag
eiridh,
Dh'eirich tinneas's bochdainn a bha goirt da luchd-
deuchainn,
Dol a dh, iarruidh an fhortain taobh toisgeal na
greine.

Bha mnathain a's clann ann 's iad gun sannt air
an aran,
Iad ri tuireadh 's ri caoineadh—a'glaodhaich 's
ri gearan,
Iad a caoidhcean gun tamh mu annradh na
mara,
'S cha robh leigheas 's a' chas ud ach fuireach
samhach 's an leabaidh,

Tha mi seo air an fhairge fèitheadh onfhadh na
mara,
Fuaim sheol agus ropan fead nig corcaich 's nig
ballaibh,
A siuil ard air an reubadh—a croinn reidh air am
bearradh,
'S ged bu laidir an seisdeadh cha do gheill i na
darach.

Rinn na saoir i cho laidir 's nach robh lamh air
piob-thaomaidh,
Siuil ur orr' 'on tailleir gun charadh gun sga-
oileadh,
Iad gu teann air am beannamh a gabhail na
gaoithe
Bracs's bouline ga'n tharruing 's cha be 'n te-
annachadh faoino

La Donaich 'n deigh searmoin thainig stoirm oirn
'bha laidir,
Bha 'n *jiboon* air a bhristeadh 's chuir sid clis-
geadh na'r nadur,
Cha robh guth air an t-soisgeul, na na sochairean
grasmhor,
Ach a caoidh 's a gearan nach robh fearunn ri
tharsinn,

Nuair a chuala mi 'n fhuaim ud mar gu'm buail-
eadh i sgarnach,
Chaidh mi suas chum na guallainn feuch de
fuathas a thainig,
Cladhach mara mu'n cuirt di mar bheinn a fuas-
gladh a h-aite,
'S cha ghleidhinn no chasan ach ri taice mar
phaiste.

'S iad na gillean bha gleusdachaidh don 'a reidh-
chrannaibh arda,
'S nach tilleadh le sochair ged bu choltach
rim bas e,
Bho reiteach nan ropan bha gach seol air a
fagail,
'S ged bha Neptune na dhusgadh chaidh siuil
ur chuir na'n aite.

'S iomadh oganach briarach mu ghriasaich a
mhathar,
Dheanamh treabhadh a's iasgach; dheanamh
gniomh ann am bata,
'Se th, agam ri iunscadh gur e'n fhirinn domh
raithinn,
Iad a'g orais 's a diobhairt 's na'n sineadh gun
slainte.

Nuair a chunnaig iad fearann, urad feannaig de'n
aite,
Dh, fhalbh am bron 's thainig misneach 's fhas
iad critheil mar b, abhaist,
Bha iad toillichte an uair sin gun d, fhuair iad
teachd sabhailt,
Seach laidhe 's chuan dol am poc 's luaidhe 's a
mhas aig.

Nuair a chunnaig iad fearann, urad feannaig de'n aite,
Dh, fhalbh am bron 's thainig misneach 's fhas iad critheil mar b, abhaist,
Bha iad toilichte an uair sin gun d, fhuair iad teachd sabhailt,
Seach laidhe 's chuan dol am poc 's luaidhe 's a mhas aig.

Tha mi seo aig Loch-Elisa, ceud mìle bho shagairt,
Na bho mhinisteir dileas a dheanamh firinn a labhairt,
'S ged tha biadh agus aodach ri fhaotinn 's ri ghabhail,
Tha mi 'g ionndraichinn daonan nach eil daoine dhomh 'm fagus.

'S olc na comhearsnaich 'th, agam 'on a thainig mi 'n aite,
Daoine dubha's coin-fhiadhaich gur e'n gnìomh bhì ri meirle,
'Stric a dheasaich mi suipeir gun chupangun spaincan,
'S ged a gheibheadh iad tuilleadh cha bhiodh fuigheall a maireach.

Tha mi mach gach aon la' ri frasan's ri gaodhaibh
'S gun agan do chuideachd ach an cuilein ra fhaotuinn,
'S ged a bhitheadh mo namhaid ri'm bhas thoirt gun aobhar,
Chh b,urrainn mi seasamh mun teicheadh na caoirich

'S fhad mu faic sinn a cheile ged a b, eibhinn leinn tachairt,
La, Donuich na felle na cuir eidheach an clachan,
Ach daoine dubha gun eideadh, gun leine, gun chasbheirt,
Ach luideag ma'n sleistean a' cumail an leusaibh a falach.

Cuiridh an ro-ràdh a chuir Camshron ris an òran cuideachd diofar ìrean de dh'ìoma-chultaras far comhair. A-rèiste, ghabh Mac Bheatha agus Camshron cothrom meòrachadh air a' cheangal eadar àite, astar, aithne phearsanta, agus litreachas.⁷⁹⁴ Air an dàrna làimh, tha e follaiseach gum b' e rèiteachadh ri beatha an Astràilia a bha fa-near don deasaiche. Chan eil briathran Mhic Bheatha, air an làimh eile, a' nochdadh ach dì-mholaidh is diùltadh. Saoilear gum b' e a b' adhbhar dha na briathran dubhach gun robh am Muileach dìreach às dèidh colonaidh Victoria

⁷⁹⁴ Simoes da Silva, 'The Nation or the Globe?', td. 4. Am beachd Simoes da Silva, buinidh sgrìobhadhean a chuireas na gnothaichean sin an altaibh a chèile do litreachas ìoma-chultarail.

ùr-ruigsinn nuair a rinn e an t-òran. Gu dearbh, bhiodh an t-ànradh a dh'fhiosraich e an Alba agus air an turas-chuain fhathast air inntinn. Chuir mac a' bhàird, Dòmhnall Mac Bheatha, an sgrìobhadh gu pongail na bha air èirigh don teaghlach an Alba is na thug orra imrich gu Astràilia,

(T)he landlords who expelled and driven [sic] my father and family, including myself, out on the hills covered with frost and snow, to perish or deport ourselves somewhere else (and our family were not the only one), would not allow me to live there. When I got to be 16 I was not allowed to live with my father, my sister, older than me, had to leave her father's house when she was 16 (?), and that by order of the landlord, for that was the first of landlordism.⁷⁹⁵

B' ann air oighreachd Chuidhinis ann an iar-thuath Dhearbhaig, baile beag an ceann a tuath Eilein Mhuile, a bha an teaghlach a' fuireach ron eilthreachd. Bha Tighearna Chola, Ùistean MacGill-Eain an 15mh Tighearna Chola, an sealbh air an oighreachd ann an 1852 is sin an ceart bhliadhna a dh'fhalbh an teaghlach a dh'Astràilia.⁷⁹⁶ Reiceadh an oighreachd do James Forsyth ann an 1857 agus, le sin, grunnan bhliadhnaichean às dèidh don teaghlach fhàgail. Bha Forsyth air droch chliù a chosnadh am measg luchd-màil a chuid oighreachd, Gleann Gorm, a bha faisg air oighreachd Chuidhinis.⁷⁹⁷ Tha deagh chothrom ann gun robh muinntir Chuidhinis mothachail air miann Forsyth an oighreachd-san a cheannach agus, uaithe sin, na bhiodh an dàn dhaibh nan tigeadh sin gu buil. A bharrachd air a bhith ag àrdachadh a' mhàil, thug Forsyth sochairean air falbh bhon tuath a b' àbhaist a bhith aca fo stiùir Thighearna Chola, mar eisimpleir còir an fheuraich choitichinn.⁷⁹⁸ Thàinig tairgse Comann Eilthreachd na Gàidhealtachd is nan Eilean agus tàladh an Òir ann an Victoria air muin nan adhbharan uile a thug air Mac Bheatha falbh gu Astràilia. B' ann le taic a' Chomainn a ghlèidh an teaghlach àite air an long-eilthirich, *Marmion*, a dh'fhàg cala Liverpool air 28 an Lùnastal 1852 is a ràinig Bàgh Portland, Victoria, às dèidh 99 latha.⁷⁹⁹

B' ann gu h-àraidh sna ceithir rannan deireannach den òran a chuir Mac Bheatha a mhì-ghean mun dùthaich chèin an cèill is e a' togail air neo-shìobhaltas, buirbe, agus fòirneart tùsanaich

⁷⁹⁵ *The Daily Mercury*, 17 an Cèitean 1906, td. 4.

⁷⁹⁶ Ann MacKenzie (deas.), *Island Voices: Air Bilibh an t-Sluaigh, Traditions of North Mull* (Edinburgh, 2002), àite san leabhar-e: 1863.

⁷⁹⁷ *Ibid.*, àite san leabhar-e: 1825.

⁷⁹⁸ *Ibid.*

⁷⁹⁹ *The Sydney Morning Herald*, 24 an Dùbhlachd 1852, td. 2. Airson barrachd fiosrachaidh air Mac Bheatha, feuchaibh, 'Highlands and Islands Emigration Society Passenger List, 1852-08-28 Beaton, Angus, HD4/5, Page 35 of 226', ri fhaotainn aig https://www.scotlandscotlandpeople.gov.uk/image-viewer/hie/hie-988?search_token=948105876482f82171b3c [ruigte 09.06.2023].

Astràilia a bharrachd air dìth mhinistearan agus iùil spioradail. Tha e follaiseach nach do ghabh Camshron gu buileach ri dì-mholadh Mhic Bheatha is gun robh e mothachail air a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig briathran a' bhàird air beachdan an luchd-leughaidh. Tha Domhnall Uilleam Stiùbhart a' cur air shùilean dhuinn cho buadhmhor is a bha òrain ann a bhith a' cur cruth is cumadh air gnàthasan is slatan-tomhais sòisealta.⁸⁰⁰ Bha seo fiù 's na bu chudromaiche, am beachd Stiùbhairt, ann an àrainneachdan anns nach robh beachdan an t-sluaigh fo bhuaidh reachdan is bhuidhnean air an taobh a-muigh (*outside institutions*). Dh'fhaodadh smaoineachadh air an *Teachdaire* – iris Ghàidhlig do na Gàidheil – mar leithid de dh'àrainneachd. Chuir Camshron an cuimhne an luchd-leughaidh gun robh e an comas do gach Gàidheil aig an robh Bioball a bhith na mhinistear, 'na fhardaich s' na theoghlach fein.'⁸⁰¹ Cuide ris an stiùireadh sin, chuir e dòchas an cèill, 'gu bheil mughadh barail aig Aonghas Beatan an diu air Astrailia, na bha aige nuair a chunnaic e a choilltichibh dosrach an toiseach.'⁸⁰² Tha cuideachd ceist ann, ann an a dh'aona-ghnothach a thug an sgrìobhadair Astràilianach tuairisgeul air coilltean Astràilia mar 'dhosrach'. Tha am buadhair a' cur àrainneachd shùghmhor is thorrach mun aire dhuinn is i sin na ceart-aghaidh don, 'choille ghabhaidh,' air a bheil MacGilleain a-mach ann an 'Òran do dh'Aimearaga'. Feumar cuideachd a bhith mothachail gu bheil an tionndadh de 'Òran do dh'Aimearaga' a nochdas san *Teachdaire* rud beag eadar-dhealaichte bho na tionndaidhean a dh'fhoillsicheadh an Canada agus an Alba. Mar sin, cha b' ann, 'Air cùl nam beann, / Am meadhan fàsaich air Abhainn Bhàrnaidh,' a bha am Bàrd MacGilleain a' tàmh, a rèir Chamshroin, ach, 'An cois nam beann, / Aig abhainn Bhaton a tha mi'n tamhachd.'⁸⁰³ Dh'fhaodadh a ràdh gu bheil suidheachadh a' bhàird 'air cùl' agus 'am meadhan fàsaich' cudromach airson tuigse cheart fhaighinn air aonranachd, iomallachd, agus èiginn MhicGilleain. Chan eil fhios am b' e an tionndadh san *Teachdaire* an tionndadh a bha an sgrìobhadair air ionnsachadh no am b' e tionndadh a bh' ann a fhreagair air na h-oidhirpean aige a bhith a' lùghdachadh dì-mholadh Mhic Beatha.

Mu choinneamh tùsanaich Astràilia, chan fhacas an *Teachdaire* a' cur gràin Mhic Bheatha gu dùbhlán. Am beachd a' Mhuilich, bha na tùsanaich mu thimcheall Loch Eliza coltach ri coin-fhiadhaich is an cuid aodaich, a bharrachd air a' mhèirle ris an robh iad, nan dearbhadh dha

⁸⁰⁰ Dòmhnall Uilleam Stiùbhart, 'Highland rogues and the roots of Highland Romanticism', ann an C. MacLachlan (deas.), *Crossing the Highland Line: Cross-Currents in Eighteenth-Century Scottish Writing: selected papers from the 2005 ASLS Annual Conference* (Glaschu, 2009), tdd. 161-193 (161-162).

⁸⁰¹ *An Teachdaire Gàidhealach* 8, td. 4.

⁸⁰² *Ibid.*, tdd. 4-5.

⁸⁰³ Cf. An t-Urr. A. MacGilleain Sinclair, *Clàrsach na Coille: A Collection of Gaelic Poetry* (Glaschu, 1881), td. 99; Cf. *Mac-Talla* 4:29 (Am Faoilleach, 1896), td. 8; Cf. an t-Urr. Eachann Camshron, *Na Baird Thirisdeach, Saothair ar Co-luchd-duthcha air an Tigh 's Bho'n Tigh* (Tiriodh, 1932), td. 74.

sin. Chuir e an ceart di-dhaonnachadh a bha e fhèin air fhiosrachadh nuair a chaidh iomain, ‘mar threud air an aiseag,’ air an long-eilthreach gu feum airson ionnsaigh a thoirt air na tùsanaich. A dh’aindeoin ’s nach eil fianais againn air ceangal eadar na dhà, tha cothrom ann gun do chuireadh earrann dom b’ ainm, ‘Innseanaich Ameirica’, ris an ochdamh àireimh mar fhreagairt do ghràin Mhic Bheatha.⁸⁰⁴ Nochd an earrann an toiseach anns an iris Albannaich, *Cuairtear nan Gleann*, mar phàirt de shreath leantainneach air tùsanaich Ameireagaidh.⁸⁰⁵ Ged a tha i làn mhì-bharailean is chlaon-bhreith, tha an earrann a’ dìteadh nan, ‘daoine-geala,’ airson an sgriosa a rinn iad air tùsanaich Ameireagaidh a Tuath, gu sònraichte na ‘Sacs’ (Sieoux no Oceti Sakowin). Le sùil air càineadh Mhic Bheatha, tha na loidhnichean a leanas gu sònraichte brìghmhor,

Chaill e (ceann-feadhna Sacs) a chumhachd, mharbhadh a’ chuid bu mho do ’n treubh churanta ’bhuineadh dha, shearg a neart, loisgeadh a bhailtean, bha ’m fuigheall a chaomhnadh dhiubh lag, meata, claidhte, fo smachd choigreach, fo cheannsal aig na daoine-geala.⁸⁰⁶

B’ fheàrr dhuinn a bhith air fhaiceall, ge-tà, le litreachas san 19mh linn a chuireas truas, aithreachas, agus tuigse air cor nan tùsanach an cèill. ’S ann a tha leithid de litreachas gu minig làn chleasan sgrìobhaidh a nochdas tùsanaich mar dhaoine fhiadhaich ach uasal. Am beachd Silke Stroh, tha na cleasan sin a’ toirt fianais air, ‘[a] form of ideological compensation and temporary escapism rather than practical initiatives for radical social change.’⁸⁰⁷ Cha b’ e leasachadh air droch chor nan tùsanach a bha an amharc aig sgrìobhadairean, ge-tà, ach leasachadh air an cor-san fhèin. Bhathas a’ faighinn sòlas agus tlachd ann am bòidhchead sluagh dom bu dual a bhith uasal agus subhailceach, i. sluagh nach robh fo bhuidh, ‘*the modern British, anglocentric status quo.*’⁸⁰⁸ B’ e na b’ àrdaich an sòlas is tlachd sin tuilleadh gun robh saoghal an t-sluaigh fhiadhaich ach uasail diomain is an ìmpis dol à fianais. Cha b’ ann gu tric a thog iomraidhean air tùsanaich Astralàisia is tùsanaich dhùthchannan eile ceann san *Teachdaire*. Cha lorgar eisimpleir eile ach san t-seachdamh àireimh ann an earrann a thug iùil spioradail don luchd-leughaidh. B’ e, ‘An Seann Duine Nuadh’ a b’ ainm dhi is i a-mach

804 *Teachdaire Gaidhealach* 8, td. 7.

805 *Cuairtear nan Gleann* 10 (An Dùbhlachd, 1840), tdd. 231-232.

806 *Teachdaire Gaidhealach* 8, td. 7.

807 Stroh, *Gaelic Scotland in the Colonial Imagination*, td. 213.

808 *Ibid.*; Ter Ellingson, *The Myth of the Noble Savage* (Berkeley, Los Angeles, Lunnainn, 2001), td. 47.

air, ‘duine do shluagh borb New Zealand,’ a dh’iompaicheadh le miseanaraidh.⁸⁰⁹ Saoilear gun do chuireadh an naidheachd air Māori a bha air gabhail ris an Fhìrinn gu feum airson creideamh is spioradaileachd a chur an cuimhne nan Gàidheal a bha air cùl a chur ri gnothaichean den leithid sna colonaidhean. Chì sinn co-dhiù gun robh Camshron ceart cho aindeònach togail air gràin-cinnidh is a bha e mu bhith a’ dol an doimhneachd ann an gnothaichean creideimh.

Nuair a thathas a’ beachdachadh air feum is fàth an *Teachdaire*, b’ fheàrr bhith mothachail gum b’ e litreachas Tasmania a bh’ ann an cuibhreann mòr de na foillseachaidhean. B’ e deasaiche à Tasmania a thagh agus dheasaich na chuireadh thuige sa chiad dol a-mach. Ann a bhith a’ toirt tuairisgeul air cuspairean agus nòsan sgrìobhaidh an Tasmania, tha Cranston a’ cur far comhair,

*The island was portrayed as the source of psychic distress, cultural disenfranchisement, intense disappointment, a land scape-goat for social evils, it was gothic, it was grotesque, it was hell, it was heaven, it was penal, it was paradise.*⁸¹⁰

Tha tuairisgeul Cranston a’ toirt tarraing air dileab chultarail an t-siostaim eucoirich a thug buaidh mhòr air seòl na colonaidh bhon a chaidh a stèidheachadh ann an 1803. Bha siostam clas agus inbhe na colonaidh peanais cuimseach daingeann is dà rang shòisealta aig an t-siostam sin: eucoirich a bha cuingichte agus eucoirich a bha gun chuing (*emancipated convicts*) is iad air mathanas fhaighinn. A dh’aindeoin ’s gun do shoirbhich le cuid de dh’eucoirich gun chuing cliù is àrd-inbhe a thogail nan cuid dhreuchdan, bha an seann inbhe-san mar eucoirich chuingichte a’ sìor chur bacadh orra. Cho fad ’s a dh’fhan iad sa cholonaidh, cha tàinig atharrachadh air an inbhe agus cha tugadh cothrom dhaibh air ionadan is goireasan a bha fosgailte do luchd-tuineachaidh saor. Bha an inbhe ann an iomadh dòigh na b’ ìsle na inbhe an imriche shaoir a bu bhochda sa cholonaidh.⁸¹¹ Tha Henry Reynolds a’ nochdadh dhuinn cho rag is a bha an siostam. Bha e cho trom air eucoirich gun deach iad gu tur na aghaidh aon uair ’s gun do bhuilicheadh mathanas orra. Ghabhadh an uair sin ri eas-ùmhachd mar shamhla do shaorsa agus neo-eisimeileachd.⁸¹²

809 *An Teachdaire Gaidhealach* 7, 1 an Lùnastal 1857, td. 5.

810 C. A. Cranston, ‘Rambling in Overdrive: Travelling Through Tasmanian Literature’, *Tasmanian Historical Studies* 8:2 (2003), tdd. 28-39 (29).

811 Reynolds, *A History of Tasmania*, td. 145.

812 *Ibid.*, td. 162.

Nuair a chuireadh an *Teachdaire* air bhog ann an 1857, bha a' cholonaidh dìreach às dèidh nàdar de dh'ath-bheothachadh fhiosrachadh fo ainm ùr: Tasmania. A bharrachd air cùl a chur ri seann ainm na colonaidh – ainm a chuir am facal 'deamhan' agus ceangal do dh'eucoirich agus eucoir an cuimhne luchd-tuineachaidh – dh'fhosgladh pàrlamaid ùr air 2 an Dùbhlachd 1856. Ghabh pàrlamaid Tasmania fèin-riaghladh air gnothaichean na colonaidh os làimh airson na ciad uarach is leithid de ghnòthaichean air a bhith fo sgèith an riaghaltais ìmpireil gu ruige sin.⁸¹³ Chunnacas luchd-tuineachaidh, a bha air tighinn gu Van Dieman's Land mar eucoirich ach a bha air mathanas fhaighinn bhon uair sin, a' sìor dhol an sàs ann am poilitigs na colonaidh. Bha sin na adhbhar iomagain dha Tòraidhich an Tasmania agus chunnacas iad a' cur deamocrasaidh an tuath – mar a dh'aithnicheadh e – gu mòr an suarachas. Bha an cuibhreann den t-sluagh a b' àbhaist a bhith nan eucoirich chuingichte fo bhuidh mì-riaghailt, mì-mhoraltachd, agus droch-bheart, ar leotha.⁸¹⁴ B' e sin an dearbh bhuidheann dhan do bhui deasaiche an *Teachdaire*, Iain Camshron. Le sùil air co-theacsa co-aimsireil Tasmania, tha ceist ann am b' e samhla do shaorsa agus neo-eisimeileachd a bh' anns an *Teachdaire*? An robh luchd-stèidheachaidh agus luchd-taic airson siostam nach tug cothrom is diù don a h-uile a chur gu dùbhlàn? Tha an eachdraiche, Humphrey McQueen, a' togail air dlùth-chomann nan eucoireach ('*brutalised class solidarity*') na rannsachadh air poilitigs eucoireach agus reubaltach an Van Dieman's Land. 'S e a mholadh-san gun a bhith a' cur barrachd 's a chòir cuideam air buaidh phoilitigeach nan eucoireach an Van Dieman's Land agus Tasmania o nach robh i, ar leis, cho mòr 's a bhite an dùil.⁸¹⁵ Tha McQueen cuideachd a' cumail a-mach nach robh diofar ann eadar eucoirich gun chuing agus in-imrichean saor a thaobh chòirichean laghail agus sòisealta.⁸¹⁶ Bitheadh sin mar a bhitheadh, tha rannsachadh nas ùire air eachdraidh shòisealta Tasmania a' dearbhadh gun do chinn a' cholonaidh sluagh a bha cleachdte ri fòirneirt agus brùidealachd. Thug sin buaidh mhòr air nàdar, miann, agus feumalachdan muinntir Tasmania fad iomadach linn.⁸¹⁷

Chaidh an *Teachdaire* an aghaidh an t-srutha le bhith ag àbhaisteachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an àrainneachdan a bha fo bhuidh na Beurla. Tha Cliff Cumming agus Kerry Cardell a' cur mun aire dhuinn gum b' i a' Bheurla an roghainn a b' fhasa agus a bu chiallaiche

813 Ibid., td. 164.

814 Ibid., td. 167.

815 H. McQueen, 'Convicts and Rebels', *Labour History* 15 (An t-Samhain, 1968), tdd. 3-30 (4, 25).

816 Ibid., 28.

817 Benjamin Madley, 'From Terror to Genocide: Britain's Tasmanian Penal Colony and Australia's History Wars', *Journal of British Studies* 47:1 (Am Faoilleach, 2008), tdd. 77-106 (83).

ann an coimhearsnachdan imrich Astràilia.⁸¹⁸ A dh'aindeoin sin, thagh luchd-obrach is luchd-taic an *Teachdaire* naidheachdan Gàidhlig air iomadh seòrsa cuspair a thoirt don luchd-leughaidh. Tha coltas air gun robh an deasaiche agus sgrìobhadairean eile air na naidheachdan sin fhaighinn air iasad an toiseach bho phàipearan-naidheachd agus irisean Albannach. Ged a bhitheadh iad sa Bheurla is ged a bhitheadh sgilean leughaidh sa Bheurla aig luchd-leughaidh an *Teachdaire*, cha b' e obair gun fheum a bh' anns an eadar-theangachadh.⁸¹⁹ Coltach ri sanasan Gàidhlig, thug naidheachdan blas pragtaigeach agus ùghdarrasail don chànan. Mar eisimpleir, dh'àrdaich an naidheachd, 'Am Piobaire Gaidhealach aig a' Bhal ann am Mosco,' cliù nan Gàidheal ann an co-theacsa eadar-nàiseanta.⁸²⁰ Chuireadh an naidheachd an clò san *Teachdaire* sa Ghiblean 1857 ged a bha i air nochdadh roimhe sa Bheurla sa phàipear-naidheachd, *North British Daily Mail*, san Dàmhair 1856 agus cuideachd san *Inverness Advertiser*.⁸²¹ Rinn an *Teachdaire* cuideachd oidhirp naidheachdan a shuidheachadh ann an co-theacsa Gàidhlig agus Astràilia. Tha an cuideam air a' cho-theacsa Ghàidhlig a' tighinn am bàrr, mar eisimpleir, ann an naidheachd air na Geamaichean Gàidhealach a bha Comann na Feinne air cur an gleus air latha na bliadhn' ùire 1856. Am feadh is a thug pàipear-naidheachd am Melbourne, *Bell's Life in Victoria and Sporting Chronicle*, iomradh air duaisean nan geamaichean, thug an *Teachdaire* cunntas mionaideach seachad air a' chruinneachadh Ghàidhealach san *National Hotel* às dèidh nan geamaichean.⁸²²

Mu choinneamh co-theacsa Astràilia, gheibhear lorg air tionndadh Beurla na naidheachd, 'Comunn Tuathanachais Lochabar', cha mhòr facal air an fhacal san *Inverness Courier*. Eu-coltach ris an earrainn Albannaich, tha tè an *Teachdaire* a' toirt iomradh air an Urr. Iain Mac-an-t-Saoir (1794-1870) a bha na mhinistear an Cill Mo Naomhaig, Lochaber, is a bha an làthair aig coinneamh a' Chomainn.⁸²³ Ge beag an t-eadar-dhealachadh sin, tha e a' toirt beachd dhuinn air prìomhachasan an luchd-leughaidh an Astràilia. A bharrachd air sin, nochdaidh e dhuinn fianais air na diofar lìonraidhean a chuir feòil ri cnàmhan an *Teachdaire*. Tha coltas air gun robh Iain Mac-an-t-Saoir na bhràthair don bhàrd, Eoghan Mac-an-t-Shaoir [sic], a chuir

818 Cardell agus Cumming, 'Gaelic Voices from Australia; Part V', td. 2. Gabhaidh sin dearbhadh le taic nan sanasan Gàidhlig agus, gun teagamh, an *Teachdaire* an Tasmania.

819 Kidd, 'Kangaroos and Cockatoos', td. 8.

820 *An Teachdaire Gaidhealach* 3, 1 an Giblean 1857, td. 1.

821 *North British Daily Mail*, 2 an Dàmhair 1856, td. 1; *Inverness Courier*, 2 an Dàmhair 1856, td. 8. Tha iomadh eisimpleir eile ann de naidheachdan à pàipearan Albannach a dh'eadar-theangaicheadh chun na Gàidhlig a chum math luchd-leughaidh an *Teachdaire*. Feuchaibh, cf. 'Sgiòradh Bronach', *Teachdaire* 2, 1 am Màrt 1857, td. 8; agus 'Melancholy Accident', *Inverness Courier*, 23 an Dàmhair 1856, td. 5; cf. 'Bardachd Ur Ghaelach', *Teachdaire* 2, 1 am Màrt 1857, td. 8; agus 'Edinburgh Highland Society', *The Caledonian Mercury*, 16 an Dàmhair 1856, td. 3; agus 'Prize for Gaelic Poetry', *Inverness Courier*, 23 an Dàmhair 1856, td. 5.

822 *An Teachdaire Gaidhealach* 2, tdd. 1-2.

823 *Inverness Courier*, 16 an Dàmhair 1856, td. 6. Tha an tionndadh Gàidhlig ann an, *An Teachdaire Gaidhealach* 1, 1 an Gearran 1857, td. 2.

grunnan òran ùra chun na h-irise à Melbourne. Tha ceist ann an ann tro shlighe litrichean pearsanta – agus lionra teaghlaich - a fhuair an *Teachdaire* brath air a' choinneimh an Alba agus, a bhàrr air sin, naidheachdan Albannach eile.⁸²⁴ An coimeas ri lionraidhean a leig leis an *Teachdaire* naidheachdan ath-chuairteachadh, chuir lionraidhean teaghlaich blas pearsanta agus gnàthaichte ris an litreachas.⁸²⁵ Bheirear fa-near don bhlas phearsanta sin ann an naidheachdan eile a dh'eadar-theangaicheadh an Astràilia, mar eisimpleir tè air duais a thug Comunn Gàidhealach Dhùn Èidinn do Sheumas Rothach airson an dàin Ghàidhlig a b' fheàrr ann am farpais. Sgrìobh an t-eadar-theangaiche, 'S aithne dhuinn Mr. Munro gu math, - fìor ghael, gille suairce fiadhluidh, agus airson Gaelic dheth, chaneil moran an Albainn a bheir bar air.'⁸²⁶

'S e eisimpleir eile den leithid aithris air, 'Bas Fir Choirrechoillidh'.⁸²⁷ Tha an earrann a' toirt cunntas air beatha is bàs Iain Chamshroin dom b' ainm cuideachd 'Coirrechoillidh' agus 'Rìgh nan Droghair'. Ged a chuireadh an clò i an toiseach san *Inverness Advertiser* aig toiseach 1856, tha e follaiseach gun do chuimsich aithris an *Teachdaire* air luchd-leughaidh an Astràilia a bha fhathast aineolach air bàs Chamshroin air neo fiù 's aineolach air Camshron fhèin.⁸²⁸ Chuireadh ri deireadh na h-earrainn, 'Tha roinn mhor fhearainn aig aon de mhic Mhr. Chamshron ann an Bhictoria.' B' e am mac sin Alasdair Camshron dom b' ainm cuideachd 'King of Penola'.⁸²⁹ Saoilear gun do dh'fhàg an t-iomradh air Astràilia an naidheachd na bu bhrìghmhoire do luchd-leughaidh sna colonaidhean. Tha co-theacsa Astràilia cuideachd ri fhaicinn ann an iomraidhean air fuadachadh agus fògradh nan Gàidheal, i. sna h-adhbharan a thug air cuid de Ghàidheil falbh a dh'Astràilia. Mar sin, thug am *Perthshire Advertiser* cunntas cuimseach farsaing don luchd-leughaidh air ceann-teagaisg an dàin, 'Tuireadh a Ghaeil' le 'R.', 'the many sweeping changes which [...] have taken place in [the district of Athole, Breadalbane] and other parts of the Highlands.'⁸³⁰ Eu-coltach ri sin, tha guth imriche agus, theagamh, fògarrach a' tighinn am follais ann an ro-ràdh dhan dàn san *Teachdaire* is e a' dìteadh,

824 Tha fianais ann air an lionra theaghlaich eadar Clann Mhic an-t-Saoir an Astràilia agus an Alba is tha ceist ann gu dè an ìre a chaidh aig an *Teachdaire* air brath a ghabhail air leithid de lionra. A bharrachd air Eoghann Mac an t-Saoir, bha nighean an Urr. Iain Mhic-an-t-Saoir, Isabella Nic-an-t-Saoir (1837-1919), air còmhnaidh a ghabhail ann an Tasmania far an do phòs i Donnchadh Mac an t-Saoir is an dithis a' fuireach ann an Glencoe, Tasmania. Airson barrachd fios, feuchaibh, Huw Scott (deas.), *Fasti ecclesiae scotticanae* 4 (Dùn Èideann, 1923), td. 137; *The Argus*, 31 am Màrt 1859, td. 4.

825 An seo: gnàthaichte = *customised, personalised*.

826 Cf. 'Bardachd Ur Ghaelach', *Teachdaire* 2, 1 am Màrt 1857, td. 8; agus 'Edinburgh Highland Society', *The Caledonian Mercury*, 16 an Dàmhair 1856, td. 3; agus 'Prize for Gaelic Poetry', *Inverness Courier*, 23 an Dàmhair 1856, td. 5.

827 *An Teachdaire Gaidhealach* 1, td. 6.

828 *Inverness Advertiser*, 26 an Gearran 1856, td. 6.

829 Airson barrachd fios, feuchaibh, 'He Founded Penola – Was Called King', *The Pennant*, 27 am Faoilleach 1955, td. 8.

830 Cf. *The Perthshire Advertiser*, 16 an Dàmhair 1851, td. 4; agus *An Teachdaire Gaidhealach* 9, tdd. 3-4.

Rinneadh na rannan seo le Gaidheal [...] an deigh [...] sgrìob a thoirt a dh'fhaicinn, a ris, Athuill a's Bhreidalba; agus beachdachadh air na h-atharraicheanaibh mora a rinn na h uachdrain anns na cearnaibh sin de'n Ghaeltachd. Sguabadh air-falbh an tuath mheasail, choir, fhialuidh a bha 'g aiteachadh an fhearainn, fad linntin, 's tha a nis gach gleann, 's sliabh fo fheidh.⁸³¹

Tha an t-iomradh agus am measadh air droch bhuaidh nan atharrachaidhean an Athall agus am Bràghad Albann a' cur an t-seòrsa breithneachaidh air shùilean dhuinn a tha dualtach do litreachas agus sgrìobhadairean ioma-chultarail. Tha rosg agus bàrdachd a chuireadh don *Teachdaire* à colonaidhean Astràilia a' dearbhadh gun robh iomadh Gàidheal am measg an luchd-leughaidh a dh'fhiosraich droch bhuaidh na gorta, bochdainn, agus togail an tuatha air feadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean. Theagamh nach gabhar iongnadh, ma-tà, nach do dh'fhoghain ro-ràdh a' *Perthshire Advertiser* do luchd-leughaidh an *Teachdaire*.

Le bhith a' cur naidheachdan colonach agus eadar-nàiseanta ann an co-theacsa Gàidhlig agus Astràilia, thug an *Teachdaire* cothrom do Ghàidheil an cuid Ghàidhlig a chleachdadh ann an raon na b' fharsainghe de dh'àrainneachdan. Tha sanas Uilleim Mhic Fhearchair, a dh'ainmicheadh roimhe⁸³², a' dearbhadh gun robhar air tòiseachadh air leasachaidhean den leithid an Van Dieman's Land cheana. Cha b' e glèidheadh cànan is dualchais a-mhàin a choilean an iris, uaithe sin, ach cuideachd leudachadh chothroman do na Gàidheil an Astràilia an cuid Ghàidhlig a chur gu feum. Gu dearbh, chan eil sin ri ràdh nach do chuireadh litreachas Beurla ris an *Teachdaire*. Nuair a thig e gu h-aon 's gu dhà, tha an iris na sgàthan don àrainneachd ioma-chànanaich anns an tàinig i gu bith. Thug fear de na sanasan a bu tràithe rabhadh don luchd-leughaidh, 'Dhoibhsan a tha aineolach air a Ghaelic, bithidh earranan d'i air a h-eadartheangachadh ga Beurla an drast' 'sa rithist a thoirt toileachaidh do luchd-graidh-foghlum anns an roinn seo de'n Teachdaire.'⁸³³ Feumar a ràdh gu bheil na h-earrannan sin cuimseach fada is iad nan cunntasan air bàird chliùiteach a chuireadh an clò an toiseach ann an leabhar Iain MhicChoinnich, *Sàr-obair nam Bàrd Gaelach* (1841). Coltach ri foillseachaidhean Gàidhlig an Aotearoa agus Alba, bha earrannan Beurla nan adhbhar gearain do chuid den

831 Cf. *Perthshire Advertiser*, 16 an Dàmhair 1851, td. 4; agus *An Teachdaire Gaidhealach* 9, td. 3.

832 Feuchaibh tdd. 91-96.

833 *The People's Advocate or True Friend of Tasmania*, 13 an Dàmhair 1856, td. 3.

luchd-leughaidh.⁸³⁴ Thog ‘An Gille Mulach’ gearan ann an 1861 is e a’ cur bàs an *Teachdaire* as leth an uireid de litreachas Beurla a bhathas air cur an clò ann,

*The biography of our Gaelic bards instead of being in their own native language was written in English, which displeased every true Gael, and kept them from giving that support to it that they would have done, if it had been in their own language.*⁸³⁵

Theagamh gur beag an t-iongnadh gun do chuir ‘An Gille Muileach’ cuideachd òran dom b’ ainm, ‘Gearan na Gailig ris a’ Ghille Mhuileach’, don *Teachdaire* sa Mhàrt 1857.⁸³⁶ Tha a’ Ghàidhlig na bantrach san òran is i air tighinn, ‘nall a Albainn / Do’n duthaich ainmeil taobh deas na grein, / ’S tha mi ’m bhantrach a nis ’s an am seo / ’S gun neach ann aig a bheil diom speis.’⁸³⁷ Tha an còrr de na rannan a’ dol nas fhaide an doimhneachd ann an adhbharan nan Gàidheal a bhith a’ cur cùl ris a’ chànan, ‘S iad ag raitinn nach dean mi feum, / Nach tuig an gall mi ’s gu seirbh a’ chainnt leis.’⁸³⁸ A dh’aindeoin eu-dòchas a’ bhàird, tha e follaiseach gun tug an *Teachdaire* togail dha is an iris, da rèir, na cungaidh do dhroch chor na Gàidhlig an Astràilia, ‘Tha daoine turail measail, cliuiteach, / A chum na cuise seo ’chur air ghleus, / ... / Le beagan Cungaidh ’chuir anns a’ steidh.’⁸³⁹

Cha b’ e dith earrannan Gàidhlig a b’ adhbhar gun do chuir Camshron litreachas Beurla ris an iris. Tha a’ chiad àireamh den *Teachdaire* a’ toirt beachd dhuinn air dòigh-obrach agus slatan-càileachd Chamshroin. Air dha litir le ‘Ruaridh Dhughallaich’ a dhiùltadh, sgrìobh Camshron,

Maille ri rannan reasgach mi-bhlasda, do dh’Anna Chaimbeul, tha e fhein ann am barail nan seinneadh e a chronan ann an cluas Cailleach Bheur, gun toireadh e, eadhon, oirre sin, Coire-bhreacain fhagail a’s tighin a chuir failte air do dh’ Astrailia.⁸⁴⁰

Chunnacas eisimpleir eile de shlatan-càileachd Chamshroin ann am freagairt do ‘Eachann Og Tirisdeach’,

834 Feuchaibh gearan ‘Shellback’ don *NZPO*, *NZPO*, 5 an t-Iuchar 1884, td. 9; bheirear fa-near do ghearanan cosmhail ri sin a chuireadh don *Celtic Monthly*. Feuchaibh, Kidd, ‘The Scottish Gaelic Press’, td. 352.

835 *The Hamilton Spectator and Grange District Advertiser*, 5 an Dàmhair 1861, td. 3.

836 *An Teachdaire Gaidhealach* 2, 1 am Màrt 1857, td. 5.

837 Ibid.

838 Ibid.

839 Ibid.

840 *An Teachdaire Gaidhealach* 1, 1 an Gearran 1857, td. 8.

Fhuair sinn do litir agus tha sinn fada ann a’ d chomain arson na h-oidhirp a tha thu toirt air cuideachadh leinn ach chomhairlich’maid dhuit dol mios na dha do sgoil nam bard mu’n cuir thu tuillidh Oran a dh’ionnsuidh an *Teachdaire*.⁸⁴¹

Air a’ mhodh cheudna, chuireadh litir le Domhnull Foirseacht air chùl leis nach robh ceann-teagaisg na litreach a’ freagairt air seòl an *Teachdaire*.⁸⁴² Tha na h-eisimpleirean seo uile a’ cur mun aire dhuinn gun robh an iris Astràilianach gu math coltach ris an tè a bha na culaidh-bhrosnachaidh dhi, *An Teachdaire Gae’lach*, ann an cuid de dhòighean. Nuair a bhrosnaich George Husband Baird a charaid, an t-Urr. Tormod MacLeòid, iris a chur an gleus do na Gàidheil, cha b’ e litreachas taitneach a bha fa-near dha ach litreachas togarrach. Bhathar an dùil an aon taghadh agus chàileachd de litreachas a thoirt do na Gàidheil sa Ghàidhlig a fhuair iad a-cheana sa Bheurla.⁸⁴³

Thàinig an iris gu crìch san t-Samhain 1857 às dèidh deich mìosan. Chuireadh mu thuairmse 142 earrannan an clò is 88% dhiubh sin sa Ghàidhlig. A dh’aindeoin na bha air fàire don *Teachdaire*, cha tàinig lùghdachadh air an uiread de dh’earrannan seana is ùra a chuireadh don deasaiche chun an fhìor dheiridh. B’ fheudar do Chamshron fiù ’s a leisgeul a ghabhail, ‘Tha moran de naigheachdan ura againn ann an clo a bu mhiann leinn a’ chuir fo chomhair ’ar luchd-leughaidh anns an aireamh seo, na’n ceadaicheadh rum dhuinn, ach feumaidh sinn an cuir a thaobh airson an ath-aireamh.’⁸⁴⁴ Cha tug an àireamh dheireannach den iris rabhadh sam bith don luchd-leughaidh air na bha an ìmpis èirigh don fhoillseachadh. Tha Lurline Stuart air togail air grunnan chomharran a tha an cumantas aig irisean a chaidh a-mach à bith an Astràilia. B’ iad sin, mar eisimpleir, lùghdachadh prise, tiotal ùr, cruth is cumadh ùr, agus iarrtas don luchd-leughaidh taic a chumail ris an iris.⁸⁴⁵ Cha toirear fa-near dha na comharran sin san *Teachdaire*. San da-rìribh, tha coltas air gum b’ e briseadh creideis an neach-seilbh, Charles Wallace Hall, a bu choireach nach do mhair an *Teachdaire*.⁸⁴⁶ Bha Wall cuideachd an sealbh air a’ phàipear-naidheachd, an *Daily Advertiser*, dhan an robh Iain Camshron ag obair agus saoillear gun robh bàs an dà fhoillseachaidh a’ dol an eagaibh a chèile. Tha diofar bheachdan a chuir Gàidheil Astràilia an sgrìobhadh mu bhàs an *Teachdaire* a’ cur mun aire dhuinn nach b’ aithne don chuid

841 *An Teachdaire Gaidhealach* 3, 1 an Giblean 1857, td. 8.

842 Ibid.

843 Kidd, ‘Tormod MacLeòid: àrd-chonsal nan Gàidheal’, td. 124.

844 *An Teachdaire Gaidhealach* 9, 1 an Dàmhair 1857, td. 8.

845 Stuart, ‘Colonial Periodicals’, td. 7.

846 Tha fiosrachadh nas mionaidiche air na dh’èirich do bhràithrean Ward ann an *The South Australian Advertiser*, 16 am Faoilleach 1861, td. 3. Feuchaibh cuideachd, Cardell agus Cumming, ‘Gaelic Voices from Australia; Part V’, td. 19; agus Kidd, ‘Kangaroos and Cockatoos’, td. 8.

a bu mhotha dhiubh cò no ciod a chuir às don iris. Rinneadh luaidh cheana air a' 'Ghille Muileach' a bha den làn bheachd gum b' e an t-uiread de dh' earrannan Beurla a bu choireach. Mhol e co-bhann na bu treasa eadar Gàidheil agus comainn Chailleannach airson foillseachadh iris Ghàidhlig eile a chur air bhonn.⁸⁴⁷ Thog Dòmhnall Mac Bheatha – mac Aonghais Mhic Bheatha – cuideachd air bàs an *Teachdaire* ann an litir a chuir e don iris, *An Gaidheal*, ann an 1871,

Faodaidh mi innseadh dhuibh gu 'm bheil moran Ghàidheal anns na cearnaibh so de 'n chruinne. Cha 'n 'eil baile 's fhiach ainmeachadh nach 'eil comunn Gaidhealach stèidhichte ann, airson cumail suas luth-chleasan neo-lochdach nan Gaidheal. Bha mar 'n ceudna paipeir Gailig againn 'n Tasmania 's a bhliadhna, 1857; ach bhàsaich e air a bhliadhna sin fhein.⁸⁴⁸

Cha do rinn Gàidheil Astràilia luaidh air an *Teachdaire* a-rithist ach na h-iomraidhean aithghearr sin a-mhàin. Chan eil guth ann nas motha air Iain Camshron. Tha coltas air gun do rinn an teaghlach imrich gu Maitland, NSW, ann an 1860 às dèidh bàs mac Chamshroin, James Camshron. Nochdaidh clàran luinge dhuinn gun do shiubhail an teaghlach bho Bhaile Hobart gu Sydney air an long eilthreach, *Hargraves*, air 14 an t-Ògmhios 1860.⁸⁴⁹ Chùm Camshron air ag obair do phàipear-naidheachd ann an NSW, an *Newcastle Chronicle* (1866-1876), is tha ceist ann an robh làmh aige sna grunnan earrannan Gàidhlig a thog ceann sa *Chronicle* eadar 1868 agus 1869.⁸⁵⁰ Coltach ri mòran de na sgrìobhaidhean a chuireadh an clò san *Teachdaire*, tha cha mhòr a h-uile earrann Ghàidhlig san *Chronicle* spioradail na nàdar.⁸⁵¹ Mar eisimpleir, chuir sgrìobhadair a bha na chòmhnaidh faisg air Abhainn Clarence, NSW, eadar-theangachadh Gàidhlig air laoidh Raibeart Ghrannnd chun a' phàipeir.⁸⁵² Tha cothrom ann gum b' e an ceart sgrìobhadair sin a chuir cuideachd 'Rannan Spioradail' don *Chronicle* sa Ghiblean 1869. Bha

847 *Hamilton Spectator and Grange District Advertiser*, 5 an Dàmhair 1861, td. 3.

848 *An Gaidheal* 1:3 (Am Faoilleach, 1871), td. 58.

849 Feuchaibh, State Records Authority of New South Wales: Shipping Master's Office; Passengers Arriving 1855-1922; NRS13278, [X102-104] reel 408. Gheibhear cuideachd tar-sgrìobhaidh den chlàr-luinge air, 'Mariners and ships in Australian Waters; Hargraves', <http://marinersandships.com.au/1860/06/027har.htm> [ruigte 16.06.2023]. Feuchaibh cuideachd iomradh air bàs a' mhic, James Camshron, ann an tasglann Tasmania, 'James H. Cameron', Index to Hobart deaths, 1838-1899 (RGD41-1-2 [RGD41-1-2]), td. 43; <https://stors.tas.gov.au/RGD41-1-2> [ruigte 16.06.2023].

850 Thug am pàipear iomradh air Camshron, 'of this office', ann an iomradh bàis dha mhac, Robert David Camshron, ann an 1870. Feuchaibh, *The Newcastle Chronicle*, 19 an t-Samhain 1870, td. 2.

851 Tha aon earrann a-mhàin ann nach eil spioradail is i sin na h-ath-chlò-bhualadh de dh'òraid Ghàidhlig do Bhan-rìghinn Victoria a ghabhadh aig coinneamh Comann Gàidhlig Lunnainn ann an 1808. Feuchaibh, *The Newcastle Chronicle*, 17 an t-Sultain 1868, td. 4.

852 *The Newcastle Chronicle*, 29 an Dùbhlachd 1868, td. 3.

na rannan sin nan eadar-theangachadh air fear de na laoidhean aig James Montgomery.⁸⁵³ On as e earrannan gun urra a th' annta uile, ge-tà, cha ghabh ceangal ceart togail ri Camshron.

Is gann a ghabhas creidsinn gun b' urrainn do dh'iris a thug cho fada sanasachadh, deasachadh, agus craobh-sgaoileadh dol à fianais ann am priobadh na sùla. Fiù 's ma bha an *Teachdaire* fhathast am beul an t-sluaigh às dèidh 1857, chan eil mòran fianais sgrìobhte againn air às dèidh na Samhna. A bharrachd air moladh aithghearr Dhòmhnail Mhic Bheatha san *Gàidheal*, chan eil againn gu ruige seo ach gearan a' Ghille Mhuilich ann am pàipear-naidheachd Hamilton, Victoria.⁸⁵⁴ Neo-ar-thaing, chan eil an dà iomradh a' toirt beachd dhuinn air cho prìseil is a bha an iris do Ghàidheil Astràilia. Chaidh gu leòr dhiubh an sàs innte is chan eil fiù 's coltas air gun robh Camshron gann de dh'earrannan aig an fhìor dheireadh. Maille ri sin, bha earrannan a bhathar air ùr-sgrìobhadh air neo ùr-eadar-theangachadh chun na Gàidhlig am measg nan sgrìobhaidhean deireannach. Bheir sin mun aire dhuinn cho beag dùil a bha aig sgrìobhadairean agus luchd-leughaidh ris a' chrìch obainn. Fàsaidh a' chùis sin fiù 's nas fhollaisiche ma nithear coimeas eadar an *Teachdaire* agus an dà cholbh Gàidhlig a nochd ann am pàipearan-naidheachd Aotearoa sna 1880an agus 1890an. Am feadh is a bha colbh an *NZPO* loma làn ath-chlò-bhualaidhean aig an deireadh, bha na h-earrannan Gàidhlig san *Southern Cross* an urra ri aonan Gàidheil a-mhàin, 'Eileanach'. Eu-coltach ris an *Teachdaire*, ma-tà, dh'fhaodadh a ràdh gun robh bàs an dà chuilbh air fàire.

Bitheadh sin mar a bhitheadh, b' ionnan na dh'èirich dha na foillseachaidhean uile an ceann sreath. Chaidh iad à bith agus, le sùil air Astràilia, cha d' fhuair na h-in-imrichean cothrom eile air foillseachadh a fhreagair air an cuid fheumalachdan air a' cheart dòigh is a fhreagair an *Teachdaire* orra. Chuireadh an iris air chois ann an àrainneachd ioma-chultarail is chuimsich i air muinntir na h-àrainneachd sin sa chiad dol a-mach. Thig sin am bàrr gu follaiseach sna naidheachdan colonach agus cuideachd sa cho-theacsa Astràilianach a chuireadh ri foillseachaidhean seana is ùra. Fhuair feum ceart cho mòr à earrannan a thug tarraing air beatha an Alba agus, gu sònraichte, air na càirdean, ceàrnan, agus cleachdaidhean a bha na h-in-imrichean air fàgail air an cùlaibh. Coltach ri earrannan den leithid ann am pàipearan-naidheachd Astralàisia, leig iad le luchd-leughaidh an *Teachdaire* cnuasachadh air na bha air èirigh dhaibh ron eilthireachd, air an turas-chuain, agus às dèidh dhaibh tuineachadh sna colonaidhean. Bha nàdar geur agus, aig amannan, sgaiteach air a' chnuasachadh sin mar a

853 Ibid., 20 an Giblean 1869, td. 4.

854 *An Gàidheal* 1:3 (Am Faoilleach, 1871), td. 58; *The Hamilton Spectator and Grange District Advertiser*, 5 an Dàmhair 1861, td. 3.

chithear sna h-earrannan a thogas air a' bhochdainn is ana-cheartas a dh'fhiosraich mòran a bha air tighinn dha na colnaidhean mar thoradh air na Fuadaichean agus a' ghoirt sna 1840an. Ach chunnacas an aon seòrsa treibhdhireas ann an sgrìobhaidhean a chaidh an sàs ann an gnothaichean a bha buntainneach do bheatha sna colnaidhean, mar eisimpleir teachd-a-steach, ain-diadhachd, agus dì-mhoraltachd. Mas e rèiteachadh ris an eòlas imrich a tha aig cridhe litreachas an sgapaidh-shluaigh Ghàidhealaich, bhite an dùil nach robh sgeulachdan breugach no ròlaisteach gu mòran feum dha na h-in-imrichean. Dh'fheumadh an fhirinn mhì-thaitneach ('*unsavoury reality*') mu bheatha an cèin – mun dà chuid na sochairean is dochairean – airson coimhearsnachdan sluagh-sgapach a dhealbhadh. Maille ri sin, b' fheudar don Ghàidhlig a bhith mar phàirt den chnuasachadh, rèiteachadh, agus dhealbhadh sin. Às aonais sin, bhiodh cleasan cainnt is sgrìobhaidh a dhìth air na Gàidheil an cèin airson cur an cèill gu h-ìomchaidh na dh'fhiosraich iad. 'S e sin, mar eisimpleir, briathrachas, abairtean, gnàthsan-cainnt, ìomhaigheachd, samhachas, agus cuideachd mòr-chuspairean a ghabhadh ath-aithris is ath-chuairteachadh ann am bàrdachd is rosg sluagh-sgapach. Chithear rèiteachadh na Gàidhlig ri àrainneachd shluagh-sgapach Astràilia sa choimeas eadar òran a' Bhàird MhicIllleathain an Canada agus òran Aonghas Mhic Bheatha an Astràilia. A bharrachd air sin, rinn an *Teachdaire* àbhaist de bhith a' làimhseachadh cuid de naidheachdan tro mheadhan na Gàidhlig. Tha grunn earrann aithriseach a' nochdadh san iris a chuireadh an clò sa Bheurla an toiseach ged a chuir duine gun ainm – is dòcha an deasaiche – Gàidhlig orra. Leig leithid de dh'eadar-theangachaidhean a' Ghàidhlig a-steach do raointean cànan far nach b' àbhaist dhi bhith roimhe.

Bheir sinn fa-near do chleas cosmhail ri sin ann an iris a chuireadh an clò an Aotearoa sna 1870an, *The New Zealand Tablet*. Ann a bhith a' coileanadh amasan tòiseachail na h-irise, chuir an deasaiche, an t-Easbaig Pàdraig Moran, cànan, dualchas, agus cliù nan Gàidheal gu feum ann an lionra tar-nàiseanta. Eu-coltach ris na lionraidhean tar-nàiseanta a chleachdadh ann am foillseachaidhean Gàidhlig eile an Astralàisia, bha fear an *Tablet* triantach is e a' ceangal Aotearoa ri Èirinn, Alba, agus Canada.

3.2. *The New Zealand Tablet*

Chuireadh an *Tablet* air bhog leis an Easbaig Èireannach, Patrick Moran (1823-1895), an Dunedin, Otago, sa Chèitean 1873 mar fhreagairt do dh'easbhaidhean ann an iùil is oideachadh Caitligeach an Aotearoa.⁸⁵⁵ Bha na h-easbhaidhean sin air tighinn am bàrr sna 1870an mar thoradh air atharrachaidhean a bha air tighinn air a' cholonaidh fo riaghladh an neach-ionmhais, Julius Vogel. Chunnacas mun àm sin smachd air in-imrich agus obair san roinn phoblaich dol bho làmhan nan riaghaltasan mòr-roinneil gu làmhan àrd-riaghaltas na colonaidh.⁸⁵⁶ Chan e amhàin gun do chuir an t-àrd-riaghaltas sin às do na riaghaltasan mòr-roinneil an ceann sreath, ann an 1876, chuir e cuideachd siostam foghlaim nàiseanta air chois. Bha an siostam sin saoghalta seach cràbhach agus bhrosnaich e Achd an Fhoghlaim ann an 1877. 'S e na chuir an t-Achd sin an cèill nach bu chòir làmh a bhith aig gin de na h-Eaglaisean ann an oilean is oideas chloinne.⁸⁵⁷ Chùm riochdairean an àrd-riaghaltais a-mach gum b' e am pailteas de dhiofar eaglaisean a bharrachd air an smachd-san air an t-sluagh a b' adhbhar gun robh siostam saoghalta is coitcheann na bu fhreagarraiche.⁸⁵⁸ Bhrosnaich na h-atharrachaidhean mòra sin an t-Easbaig Moran a ghuth a thogail an aghaidh siostam a bha, ar leis, na shamhla do dh'aintighearnas Breatainneach an aghaidh Èireannach Caitligeach. Sgrìobh e ann an 1880,

*In the old land we had for centuries to support an alien church for the service of the very men who had robbed us of our property; here we are compelled to support a godless system of education for the children of men who tax us for schools and give us no share in the expenditure of the proceeds of the tax.*⁸⁵⁹

Chunnacas nàiseantachadh an t-siostaim Fhoghlaim roimhe an Alba nuair a chuireadh Achd an Fhoghlaim (Alba) an gnìomh ann an 1872.⁸⁶⁰ Chan eil teagamh ann gun tug an t-Achd sin, a bharrachd air Achd an Fhoghlaim a chuireadh an gnìomh an Sasainn ann an 1870, buaidh air an fhear an Aotearoa. Le sùil air Alba, b' iad bùird sgoile ionadail a ghabh stiùireadh air foghlam os làimh an àite nan eaglaisean. On a dhiùlt an stiùireadh sin àite don Ghàidhlig sna

855 Gheibhear cunntas nas iomlaine air an *Tablet* agus Moran ann am Billie D. McLeod, 'The *New Zealand Tablet: The Moran Years, 1873-1895*' (Oilthigh Otago: Tràchdas Maighstireachd neo-fhoillsichte, 1996).

856 Airson geàrr-chunntas pungail air na h-atharrachaidhean, feuchaibh an earrann, 'Public works centralisation and the collapse of provincialism', ann am Brett, 'Dreaming on a railway track', tdd. 88-90.

857 Hugh Laracy, 'Paranoid Popery: Bishop Moran and Catholic Education in New Zealand', *New Zealand Journal of History* 10:1 (1976), tdd. 51-62 (55).

858 Charles Bowen, *The New Zealand Parliamentary Debates* (1877), td. 243.

859 *The New Zealand Tablet*, 14 an Cèitean 1880, td. 13.

860 Michael Lynch (deas.), *The Oxford Companion to Scottish History* (Oxford, 2001), tdd. 565-566.

seòmraichean teagaisg, rinn an t-Achd cron mòr air teanga is dualchas nan Gàidheal.⁸⁶¹ Gun teagamh, thugadh fa-near don chron sin san sgapadh-shluagh Ghàidhealach cuideachd.⁸⁶² Ged nach robh a' Ghàidhlig ga teagasg ann an sgoiltean Aotearoa, thug fògradh na Gàidhlig à seòmraichean-teagaisg an Alba buaidh air inbhe na Gàidhlig sa cholonaidh. A bharrachd air sin, dh'fhàg an t-Achd mòran in-imrichean Gàidhealach gun chomasan sgrìobhaidh agus leughaidh sa Ghàidhlig. Tha earrann a chuireadh an clò san *Wanganui Herald* (1867-1920) ann an 1873 a' dearbhadh cho mòr an eisimeil na h-Alba is a bha ionnsachadh na Gàidhlig an Aotearoa. Ann a bhith a' togail air amasan na h-irise, *An Gaidheal*, 'being the preservation and popularisation of the Gaelic language,' bheachdaich an sgrìobhadair air luach na Gàidhlig sa cholonaidh,

*But will it [a' Ghàidhlig] be transmitted by the Colonist to his descendants? We doubt it. While the Gaidheal recommends people to teach the language to their children, the response is, send us the schoolmaster! There are no more devoted Highlanders than reside a few miles from the town, and they feel the same want, though animated with the desire to impart the knowledge at any cost within their means.*⁸⁶³

Dh'aidich an sgrìobhadair cuideachd nach do ghabh mòran de na sgoilearan òga suim sa Ghàidhlig. Cha b' e a-mhàin gun robh iad beò ann an saoghal na Beurla, bha a' Ghàidhlig is na thàinig na cois air astar, 'from the wants and impulses of daily life.'⁸⁶⁴ B' ann a ghabhadh a' Ghàidhlig cur gu feum airson gràdh-dùthcha a chur an cèill ged nach robh i freagarrach airson conaltradh làitheil, 'We admire patriotism, but it is a plant that suffers from being transplanted, and is unable to perpetuate the same fire in the breasts of those born under a different sky.'⁸⁶⁵ Tha earrannan eile a chuireadh an clò ann am pàipearan-naidheachd Aotearoa mun cheart àm a' toirt beachd dhuinn air dreuchd mhinistearan agus eaglaisean ann an oideas is oilean na Gàidhlig. On a ghabh ministearan ionnsachadh spioradail, dùthchasach, agus cànanach os làimh, bha miann mòr aig na Gàidheil a bhith a' tàladh mhinistearan Gàidhlig don cholonaidh. Dh'iarr James Gordon Stuart Grannd (1837-1902) – a dh'ionnsaich a' Ghàidhlig ged nach do thogadh e rithe – ann an 1873 gun cuirte, 'a godly and well-educated Gaelic missionary,' a

861 Fiona O'Hanlon agus Lindsay Paterson, 'Gaelic Education since 1872', ann an Robert Anderson, Mark Freeman, agus Lindsay Paterson (deas.), *The Edinburgh History of Education in Scotland* (Dùn Èideann, 2015), tdd. 304-352.

862 Kidd, *Còmhraidhean nan Choc*, td. 5.

863 *The Wanganui Herald*, 12 am Màrt 1873, td. 2. Cuiridh na briathran seo comhairle deasaiche an *Teachdaire Gaidhealach*, Iain Camshron, nar cuimhne. Mar fhreagairt do chion mhinistearan Gàidhealach, mhol e do Ghàidheil Astràilia a bhith nam ministearan fhèin. Feuchaibh, *An Teachdaire Gaidhealach*, 1 an Sultain 1857, td. 4.

864 'S e, 'surrounded with the Saxon element,' briathran an sgrìobhadair.

865 *The Wanganui Herald*, 12 am Màrt 1873, td. 2.

dh'Aotearoa.⁸⁶⁶ Rugadh is thogadh an Granndach ann an Srath Spè ann an 1837 do Elizabeth Stuart agus Angus Grannd.⁸⁶⁷ Coltach ri iomadh Gàidheal eile, bha e air eilthreachd a dhèanamh gu NSW, Astràilia, an toiseach ann an 1851 mus do thog e air gu Aotearoa ann an 1855.⁸⁶⁸ Às dèidh dha dol air tìr an Dunedin, Otago, chaidh e an sàs ann an teagasg agus searmonachadh araon sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.⁸⁶⁹ Bha cuideachd làmh aige ann am foillseachadh bhileagan agus phàipearan-naidheachd is iad sin, '*filled [...] with strident political criticism and trenchant journalism.*'⁸⁷⁰ Bha suim aige ann an gnothaichean a bhuin don Ghàidhlig is do Ghàidheil na colonaidh is thog e air droch chor spioradail nan Gàidheal an Otago leis na briathran pungail,

*Why, then, are they [na Gàidheil] so much neglected? They cannot plead, it may be, their own cause through an English paper, but they should not, therefore, be trampled upon – particularly in Dunedin, which, etymologically, signifies in Gaelic, 'the face of the hill.'*⁸⁷¹

Thugadh cuideachd iomradh cheana air Iain MacGillÌosa a chaidh a chèilidh air an Urr. MacLachlainn an Dùn Èideann tràth sna 1870an.⁸⁷² B' e amas na cèilidh sin iarrtas air ministear Gàidhlig don cholonaidh a chur fa chomhair an Urramaich. Tha earrann a sgrìobh an Sgitheanach, Alexander George Allan – a bha na thidsear agus fhear-gnothach eilthreachd – ann an 1873 a' daingneachadh cho cudromach is a bha ministearan do ghlèidheadh na Gàidhlig an cèin,

*There [ann an Alba] eminent clergymen take part in the meetings, and deliver Gaelic speeches. How different here, where clergymen neither give a speech nor prayer. There are 3000 Highlanders in this Province, and yet they do not possess sufficient spirit to get up a Celtic Society. Has the superabundance of roast beef and mutton anything to do with this degeneracy?*⁸⁷³

⁸⁶⁶ *Otago Witness*, 22 an t-Samhain 1873, td. 7. Ged nach robh Gàidhlig aige bho thùs, tha e sgrìobhte air clach-chuimhne a' Ghranndaich, 'Duine Foghlumte Do Shliochd Nan Gàidheal'. Chan fhaighear lorg air mòran chlachan-cuimhne an Dunedin, Otago, anns a bheil briathran Gàidhlig snaighte is fàgaidh seo an tè aig a' Ghranndach fìu 's nas inntinniche.

⁸⁶⁷ P. J. Gibbons, 'Grant, James Gordon Stuart', *Dictionary of New Zealand Biography*, Te Ara - the Encyclopedia of New Zealand, <https://teara.govt.nz/en/biographies/1g18/grant-james-gordon-stuart> [ruigte 09.04.2024].

⁸⁶⁸ *Otago Witness*, 31 am Màrt 1898, td. 11.

⁸⁶⁹ Gibbons, 'Grant, James Gordon Stuart'.

⁸⁷⁰ Rosi Crane, 'A better day dawned for biology': T. J. Parker, New Zealand Huxleyite', *Studies in History and Philosophy of Science* 91 (2022), tdd. 262-269 (264).

⁸⁷¹ *Otago Daily Times*, 7 an Dùbhlachd 1872, td. 5.

⁸⁷² Feuchaibh td. 134.

⁸⁷³ *Otago Witness*, 3 an Cèitean 1873, td. 3.

B' ann am meadhan deasbad air cor agus feumalachdan spioradail nan Gàidheal, ma-tà, a chuir Moran an *Tablet* air bhog. Bha an t-Èireannach aithnichte airson a chuid bheachdan is bhriathran sgaiteach mu choinneamh creideamh agus foghlam an Aotearoa. Tha an sgoilear, Billie MacLeòid, a' mìneachadh gun do stèidhich Moran an *Tablet* às dèidh do phàipearan- naidheachd an Otago diùltadh beachdan an Easbaig a chur an clò.⁸⁷⁴ On a bha an Eaglais Chaitligeach an Aotearoa na h-Eaglais do luchd-tuineachaidh Èireannach sa chiad dol a-mach, bha an *Tablet* ag amas air Caitligich agus Èireannaich gu h-àraidh.⁸⁷⁵

B' e prìomh amas na h-irise an creideamh Caitligeach sa cholonaidh a neartachadh is cothrom a thoirt do Chaitligich air litreachas a chuimsich orra.⁸⁷⁶ Bha Moran gu mòr den bheachd gum b' e rud mì-nàdarra a bh' ann do dh'Èireannaich Chaitligeach gun a bhith nan nàiseantaich.⁸⁷⁷ Tha rannsachadh Hugh Laracy air Moran a' dearbhadh gun do chuir litreachas an *Tablet* luach ceart cho mòr air cleachdaidhean is oideachadh Caitligeach is a chuir e air gnothaichean a leithid Fèin-riaghladh an Èirinn, ath-bheothachadh na Gaeilge, agus Cònradh na Gaeilge (*Gaelic League*).⁸⁷⁸ Do Mhoran, bha na gnothaichean sin uile a' dol an altaibh a chèile is soirbheas an dàrna fear an eisimeil an fhir eile.⁸⁷⁹ Le sùil air sin, theagamh gur beag an tiongnadh gun do ghabh Moran brath air dualchas Gàidheil na h-Alba airson dualchas nan Èireannach a chur na b' fhaide an neart. Chunnacas, a-rèiste, seòrsa de cho-chomann pan-cheilteach ag èirigh às an iris. B' e bràithrean do na h-Èireannaich a bh' anns na Gàidheil, am beachd Mhorain, is cha b' e ach dualchainnt den Ghaeilge a bh' anns a' Ghàidhlig.⁸⁸⁰ Le bhith ag amas air Gàidheil Aotearoa, bha e comasach do Mhoran a chuid phrionnsabalan a chraobhsgaoileadh am measg choimhearsnachdan cràbhach agus Ceilteach eile. Bu choma leis gun do lean a' chuid a bu mhotha de dh'in-imrichean Gàidhealach Eaglaisean Clèireach seach an Eaglais Chaitligeach.⁸⁸¹ Le sùil air oilean is oideas an Aotearoa, b' fheàrr leis an Easbaig

874 Billie D. McLeod, 'The *New Zealand Tablet*: The Moran Years, 1873-1895' (Oilthigh Otago: Tràchdas Maighstireachd neo-fhoillsichte, 1996), td. 1.

875 Dh'fhàs an Eaglais Chaitligeach gu bhith na h-Eaglais do luchd-tuineachaidh Èireannach (*Irish settler church*) às dèidh Boile an Òir sna 1860an nuair a thàinig pailteas de dh'Èireannaich chun na colonaidh. Feuchaibh, Rory Sweetman, 'Catholic Church – Irish settler church', Te Ara – the Encyclopedia of New Zealand, <http://www.TeAra.govt.nz/en/catholic-church/page-2> [ruigte 23.06.2023].

876 *New Zealand Tablet*, 10 an Cèitean 1873, td. 14; Ciara Breathnach, 'Irish Catholic Identity in 1870s Otago, New Zealand', *Immigrants & Minorities* 31:1 (2013), tdd. 1-26 (13).

877 *The New Zealand Tablet*, 28 an Dàmhair 1887, td. 13.

878 Hugh M. Laracy, 'Bishop Moran: Irish Politics and Catholicism in New Zealand', *The Journal of Religious History* 6:1 (1970), tdd. 62-76 (66).

879 Hugh Laracy, 'Moran, Patrick', Dictionary of New Zealand Biography, ciad fhoillseachadh ann an 1993, Te Ara – the Encyclopedia of New Zealand, <https://teara.govt.nz/en/biographies/2m55/moran-patrick> [ruigte 20.06.2023].

880 *The New Zealand Tablet*, 24 an t-Ògmhios 1881, td. 11; Ibid., 10 an Lùnastal 1894, td. 11. Air dha tadhal air Comann na Gaeilge ann an 1895, thug rùnaire Comann Gàidhlig Dhunedin, Uilleam MacLeòid, tuairisgeul air a' Ghaeilge mar dualchainnt Èireannach na Gàidhlig. Feuchaibh, *The New Zealand Tablet*, 15 am Màrt 1895, td. 25.

881 A dh'aindeoin 's gun robh mòran in-imrichean Gàidhealach is Albannach a' leantainn a' chreideimh chlàirich, tha sgrùdadh Rebecca Lenihan a' dearbhadh gun robh uimhir cuimseach àrd de dh'Anglaich agus de Mheathodaich nam measg (Lenihan, *From Alba to Aotearoa*, td. 31). Airson barrachd fiosrachaidh air Albannaich chlàirich an

foghlam a bha mar, ‘*the most Protestant and anti-Catholic that could be devised,*’ an àite foghlam saoghalta.⁸⁸²

Bheirear fa-near do ro-innleachdan agus amasan Mhorain san litreachas a thagh e don *Tablet*. B’ iad na cuspairean a nochd a bu bhitheanta: cor nan croitearan Gàidhealach; aimhreit an fhearainn an Alba; ana-cheartas fo làimh uachdaran; crìonadh agus ath-bheothachadh na Gàidhlig (gu minig an coimeas ris a’ Ghaeilge); litreachas na Gàidhlig; agus co-chomann nan Gàidheal an Aotearoa. Chan e a-mhàin gun robh na cuspairean sin freagarrach do luchd-leughaidh ioma-chultarail, bha iad cuideachd air leth feumail don lìonra thriantanach eadar Aotearoa, Alba, agus Èirinn a bha Moran an dùil stèidheachadh is neartachadh. Chan eil teagamh ann gun robh leth-phàirt aig an Easbaig ri gnothaichean a thug tarraing air na h-Èireannaich gu sònraichte. Bha e buailteach, mar eisimpleir, air tachartasan agus leasachaidhean an Alba a chur às leth nan Èireannach. A-rèiste, chunnacas ‘*Celtic enthusiasm*’ nan Èireannach ann an dol a-mach nan croitearan Gàidhealach aig àm aimhreit an fhearainn sna 1880an, ‘*The [...] landlord question and aggression are growing lively with our Gaelic neighbours in Scotland. The contagion has spread from Ireland.*’⁸⁸³ Thig leth-phàirt Mhorain cuideachd am follais ann an deasbadaidh air dicheall agus dìlseachd an luchd-tuineachaidh Ghàidhealaich don Ghàidhlig. B’ e cùis nàire a bh’ ann do na h-Èireannaich an Aotearoa gun robh na Gàidheil cho iomairteach mu choinneamh an cànan is dualchas, ‘*Their [an luchd-tuineachaidh Èireannach] Scotch neighbours set them an example that must put them to shame, until they undertake with energy to copy it.*’⁸⁸⁴ Air a’ mhodh cheudna, mhol an sgrìobhadair, P. O’ Leary, Gàidheil Aotearoa airson an cuid oidhirpean ann a bhith a’ glèidheadh na Gàidhlig. Sgrìobh e gun do rinneadh còmhraidh leis sa Ghàidhlig iomadh turas ged nach do thachair e a-riamh air Èireannach a bha deònach seachas a ghabhail ris sa Ghaeilge.⁸⁸⁵ Ged a bhitheadh dìlseachd nan Gàidheal do an dùthchas agus dualchas na cùis nàire do chuid de na h-Èireannaich an Aotearoa, cha b’ e cùis fharmaid a bh’ innte. B’ ann a chuireadh oidhirpean nan Gàidheal gu feum airson na h-Èireannaich a bhrosnachadh. Bhite an dùil gum b’ e sin a b’ adhbhar gun do chuir an *Tablet* uimhir de thaic ris a’ Chomann Ghàidhlig ùr a stèidhich Gàidheal an Dunedin ann an 1881. A bharrachd air sanasan aig àm cur air bhog a’ Chomainn,

Aotearoa, feuchaibh cuideachd, Stuart Lange, ‘The Scottish character and identity of the Presbyterian tradition in New Zealand: from almost pervasive to barely remembered’, *Scottish Church History* 45:1 (2016), tdd. 117-131.

882 *Otago Daily Times*, 28 an t-Iuchar 1871, td. 3; Laracy, ‘Paranoid Popery’, td. 54.

883 *The New Zealand Tablet*, 18 an Dùbhlachd 1885, td. 13.

884 *Ibid.*, 17 an Lùnastal 1894, td. 1.

885 *Ibid.*, 10 an Lùnastal 1894, td. 11.

chuir an *Tablet* aithisgean air coinneamhan a' Chomainn fa chomhair an luchd-leughaidh gu cunbhalach.⁸⁸⁶ Ge-tà, cha do nochd an *Tablet* taic sam bith do cholbh Gàidhlig an *NZPO* a dh'aindeoin 's gun robh an Comann Gàidhlig agus an colbh ag obair ann an co-bhann ri chèile. Chan eil fhios an robh Moran fiù 's mothachail air a' cholbh. Chuireadh earrann ris an *Tablet* ann an 1893 a chaidh dol à bith na h-irise Albannaich, *Highland Monthly* (1889-93), ged nach robh guth ann air crìonadh colbh Gàidhlig an *NZPO* ann an 1885. Bha bàs an *Highland Monthly* a' dearbhadh don sgrìobhadair, '*the cultivation of literature in the Highlands is impossible.*'⁸⁸⁷ Shaoileadh gun tug bàs an *Highland Monthly* bàrr air bàs a' chuilbh Ghàidhlig on a bha sgrìobhadairean, foillsichearan, agus clò-bhualadairean an Aotearoa fhathast gu mòr an eisimeil foillseachaidhean nan seann dùthchannan. Cuirear am prìomhachas sin gu ìre às leth gnìomh sluagh-sgapach a dh'iarr air luchd-tuineachaidh coimhead ris an t-seann dùthaich airson 's gun deigheadh aca air crìochan a thogail mu thimcheall chleasan a bhuin don chinneadh aca.⁸⁸⁸ Dh'fheumadh foillseachaidhean Albannach, a-rèiste, airson bun-stèidh, iùl, agus brosnachadh a thoirt dha foillseachaidhean colonach.

Uile gu lèir, thog ochd earrannan Gàidhlig ceann san *Tablet*. Nochd na h-earrannan uile eadar 1890 agus 1895 ach tè a-mhàin a chuireadh an clò ann an 1876. Mura b' e Moran fhèin a chuir na sgrìobhaidhean Gàidhlig ris an *Tablet*, feumaidh gum b' e Gàidheal sa cholonaidh a bh' ann. Tha e duilich a ràdh cò bh' ann, ge-tà, on a tha a' chuid as motha de na h-earrannan Gàidhlig gun urra. Cha ghabh ach briathran Gàidhlig a chuir Alasdair MacRath à Reefton, an Costa an Iar, chun an *Tablet* ann an 1894 cur às leth Gàidheil àraid. 'S aithne dhuinn co-dhiù gur e litreachas spioradail a th' anns a' chuid as motha de na h-earrannan Gàidhlig. Tha sin a' cur mun aire dhuinn gum b' e cuideigin le eòlas air litreachas Caitligeach na Gàidhlig a bha air cùl nan sgrìobhaidhean. A-rèiste, tha deagh chothrom ann gun robh neach-taic aig Moran am broinn na h-Eaglaise Caitligich an Aotearoa. Mar eisimpleir, bha an t-Easbaig ag obair ann an co-bhann ri Deadhan Otago, an t-Urr. Monsignor MacAoidh (1841-1926). Rugadh is thogadh MacAoidh ann an Siorrachd Bhainbh an Alba agus thàinig e chun na colonaidh ann an 1872 is e gu bhith na Dheadhan ann an Queenstown is Wakatipu agus, bho 1890 air n-aghaidh, ann an Oamaru.⁸⁸⁹ Ged nach eil mòran fios againn air comasan Gàidhlig an Urr. MhicAoidh, bha e an

⁸⁸⁶ Nochd sreath de shanasan san Fhaoilleach 1881. Feuchaibh mar eisimpleir, *The New Zealand Tablet*, 14 am Faoilleach 1881, tdd. 14, 20. Tha eisimpleir de dh'aithisg air coinneamh a' Chomainn ann an, *The New Zealand Tablet*, 23 an Lùnastal 1895, td. 8.

⁸⁸⁷ *The New Zealand Tablet*, 29 an t-Sultain 1893, td. 1.

⁸⁸⁸ Bueltmann et al., *The Scottish Diaspora*, tdd. 18-19.

⁸⁸⁹ Cyclopedia Company Limited, *The Cyclopedia of New Zealand [Otago & Southland Provincial Districts]* (Christchurch, 1905), td. 518; *Otago Daily Times*, 17 an Lùnastal 1926, td. 10.

làthair aig ciad choinneamh Comann Gaidhlig Waitaki ann an 1896. Air dha èisteachd ri òrain Ghàidhlig is Ghàidhealach, bha an sagart, ‘*carried back to his younger days by familiar words and music.*’⁸⁹⁰

B’ ann fon tiotal, ‘*Poets’ Corner*’, a nochd a’ chiad earrann Ghàidhlig is i na fàisneachd a chuir cuid a Ghàidheil às leth Chalum Chille, Abstoil na Gàidhealtachd. Bhathas ag ràdh gun do chuir an t-Abstoil an cèill na briathran ro àm a bhàis ann an 597. Tha an rann ceithir-loidhneach, ‘Ì mo chridhe, Ì mo ghràdh ! / ’Nàite guth mhanach, bidh géum bhà,’ a’ dèanamh fàisneachd air a’ chreachadh a bha gu bhith a’ tighinn air Eilean Ì aig toiseach na 9mh linne ri linn nan Lochlannach.⁸⁹¹ Tha na loidhnichean deireannach a’ sealltainn gun robh làithean na bu shona air fàire, ge-tà, ‘Ach mun tig a’ saoghal gu crìch, / Bidh Ì mo chridhe mar a bha.’⁸⁹² Chuireadh na briathran don *Tablet* le, ‘*esteemed correspondent*’, mar fhreagairt air ath-bheothachadh an Òrduigh Bheinidictich an Alba. Tha an t-ath-bheothachadh sin a’ toirt tarraing air an Tighearna Lobhait a thug Cille Chuimein don Aba Burchall ann an 1876. Chomharraicheadh an tachartas mar aiseirigh an Òrduigh Bheinidictich an Alba às dèidh dha bhith air fògradh fad còrr is 300 bliadhna.⁸⁹³

B’ e feum dà-fhillte a fhuair an *Tablet* às an earrainn. A bharrachd air cur fa chomhair an luchd-leughaidh cho beòthail agus soirbheachail is a bha an creideamh Caitligeach an Alba, thug an fhàisneachd misneachd is dòchas do Chaitligich an Aotearoa. Le sùil air an lùghdachadh a bha an ìmpis tighinn air inbhe agus ùghdarras a’ chreidimh Chaitligich sa cholonaidh ri linn Achd an Fhoghlaim, bha ceann-teagaisg nan rann ceart cho freagarrach don t-suidheachadh sa cholonaidh is a bha e do dh’Eilean Ì san 9mh linn.

Nochd na rannan roimhe ann an diofar fhoillseachaidhean Gàidhlig an Alba, mar eisimpleir leabhraichean-sgoile an Urr. Thormoid MhicLeòid, *Co’Chruinneachadh, air a Chur r’a chèile air Iarrtas Comuinn Ard-Sheanadh Eagluis na h-Alba; airson an Sgoilean, air feadh Tìr-mòr agus Eileana na Gaeltachd* (1828) agus *Leabhar nan Cnoc* (1834). Chunnacas iad cuideachd ann an cruinneachadh de sgrìobhaidhean MhicLeòid, *Caraid nan Gaidheal* (1867), san leabhar eachdraidh, *Eachdraidh na h-Alba* (1867), le Aonghas MacCoinnich, a bharrachd air an iris Ghàidhlig, *An Gaidheal* (1871 agus 1876).⁸⁹⁴ ’S e na tha aig na foillseachaidhean sin uile agus

⁸⁹⁰ *The North Otago Times*, 28 an t-Sultain 1896, td. 3.

⁸⁹¹ *The New Zealand Tablet*, 15 an Dùbhlachd 1876, td. 6.

⁸⁹² *Ibid.*

⁸⁹³ Bha sùil aig an Aba Burchall ri manachainn agus colaiste a chur ann an togalaichean na cille. Feuchaibh, *Dublin Weekly Nation*, 29 an Giblean 1876, td. 16.

⁸⁹⁴ An t-Urr. Tormod MacLeòid, *Co’Chruinneachadh, air a Chur r’a chèile air Iarrtas Comuinn Ard-Sheanadh Eagluis na h-Alba; airson an Sgoilean, air feadh Tìr-mòr agus Eileana na Gaeltachd* (Glaschu, 1828), td. 109; Tormod MacLeòid, *Leabhar nan Cnoc: Comh-chruinneachadh do Nithibh Sean agus Nuadh; airson Oilean agus Leas*

an *Tablet* an cumantas gun robh oilean is oideas nan cridhe. Bheir sin beachd nas cinntiche dhuinn air feum is fàth an *Tablet*. Thug e an seòrsa oideachadh do Chaitligich is Cheiltich Aotearoa a bha, ar le Moran, an t-àrd-riaghaltas a' diùltadh dhaibh.

Tha beàrn fhada ann eadar a' chiad earrann Ghàidhlig agus an dàrna tè a nochd san Ògmhios 1890. Faodar a ràdh ri cinnt an turas seo gur e ath-chlò-bhualadh a th' ann às a' phàipear Albannach, *Northern Chronicle and General Advertiser for the North of Scotland* (1881-1915).⁸⁹⁵ Coltach ris a' chiad earrainn, tha an dàrna tè a' dèiligeadh ris a' Chreideamh Chaitligeach is i na cunntas air beatha is bàs a' Mhaighstir Coll Mhic Dhòmhnail (1812-1889). Ged a tha an cunntas cha mhòr air fad ann am Beurla, tha cuibhreann beag sa Ghàidhlig. 'S e sin agallamh eadar sgrìobhadair a' chunntais, 'A Celt', agus MacDhòmhnail. Air don sgrìobhadair faighneachd de MhacDhòmhnail mun dòchas a bha ann do dhuine nach do bhuin do dh'Eaglais na Roimhe, fhreagair MacDhòmhnail, '*Chan eil mise comasach air innseadh ciod a tha no nach eil ann an cumhachd an Tighearna, ach their mi so riut – Si an doigh againne is cinntiche.*'⁸⁹⁶ Nan seasadh na briathran seo leotha fhèin, dh'fhaodadh cur às leth an *Tablet* gun robh an iris a' cur sìos air a' chreidimh chlàirich. Tha coltas air, ge-tà, gun do bhuin 'A Celt' fhèin don Eaglais Chlàirich is, mar sin, choilean an earrann seòrsa de cho-rèiteachadh eadar na h-Eaglaisean. Saoilear gu bheil an rèiteachadh sin a' toirt fianais air oidhirpean Mhorain an *Tablet* fhàgail freagarrach do luchd-leughaidh Clèireach agus cuideachd luchd-leughaidh Caitligeach.

Tha an treas earrann cuideachd na h-ath-chlò-bhualadh is fhuaireadh i air iasad à pàipear Albannach.⁸⁹⁷ Nochd an laoidh Caitligeach, 'Annsachd Naomh Moire', san *Oban Times* an toiseach ann an earrann a bha Eanraig MacIlleBhàin, 'Fionn', air sgrìobhadh don phàipear.⁸⁹⁸ Bha e fhèin air an laoidh, a rinneadh ron ath-leasachadh san 16mh linn, fhaotainn bho Chailean Chisholm a bha e fhèin air fhoillseachadh roimhe na leabhar, *Orain agus Sgeulachdan; Unpublished Old Gaelic Songs*.⁸⁹⁹ B' aithne do gu leòr de Ghàidheil Chisholm on a bha e air

nan Gaidheal (Grianaig, 1834), td. 59; an t-Urr. Tormod MacLeòid, *Caraid nan Gaidheal* (Glaschu, 1867), td. 3; Aonghas MacCoinnich, *Eachdraidh na h-Alba* (Glaschu, 1867), td. 23; *An Gaidheal* 1:5 (An Lùnastal, 1872), td. 117; *An Gaidheal* 5:50 (Am Màrt, 1876), td. 33.

⁸⁹⁵ *Northern Chronicle and General Advertiser for the North of Scotland*, 11 an Dùbhlachd 1889, td. 7.

⁸⁹⁶ *The New Zealand Tablet*, 20 an t-Ògmhios 1890, td. 17.

⁸⁹⁷ *Ibid.*, 9 an Dàmhair 1891, td. 27.

⁸⁹⁸ *Oban Times*, 14 an t-Sultain 1889, td. 3. Nochd an laoidh uair eile ann an leabhar a dh'fhoillsich Uisdean MacDhòmhnail ann an 1893, *Comh-chruinneachadh de Laoidhean Spioradail* (An t-Òban, 1893), td. 41.

⁸⁹⁹ Colin Chisholm, *Orain agus Sgeulachdan; Unpublished old Gaelic Songs, with illustrative traditions* (Inbhir Nis, 1885), td. 21.

cliù a chosnadh mar cheannard Comann Gàidhlig Lunnainn is Comann Gàidhlig Inbhir Nis agus cuideachd airson a ghràidh-dhùthcha agus dhilseachd don Eaglais Chaitligich.⁹⁰⁰ Coltach ris na h-earrannan Gàidhlig eile, fhuair an *Tablet* feum ioma-fhillte às an laoidh. Sa chiad dol a-mach, thugadh meadhan adhradh do luchd-leughaidh a leigeadh leotha am fathamas a chur an cèill ann an cànan Ceilteach. A bharrachd air a’ sin, bha an laoidh àrsaidh na shamhla do dh’ùghdarras agus sàr chomasan nan cinnidhean Ceilteach mus deach am milleadh le buaidhean coimheach. Bha an laoidh eu-coltach ri laoidhean, òrain, agus ceòl a rinneadh às dèidh an Ath-leasachaidh is nach robh ach nan, ‘*soulless offering*,’ a rèir MhicIlleBhàin.⁹⁰¹ Bha ‘Annsachd Naomh Moire’ àrsaidh, ùghdarail, agus neo-thruailliche is, a-rèiste, na chùis bòidheach (*aesthetic*). Tha litreachas spioradail na Gàidhlig san *Tablet* gu minig na sgàthan air beachdan a bha aig sgoilearan agus luchd-trusaidh beul-aithris Gàidhealach ann an dàrna leth na 19mh linne. Le bhith a’ toirt tarraing air rannsachadh Mheek, chithear gun do chum cuid a-mach gun robh a’ Chrìosdachd Cheilteach na bu spioradail agus na bu dlùithe ri nàdar an taca ri gnèithean eile de Chrìosdachd.⁹⁰² Thàinig leithid de bheachdan am bàrr an cois a’ Chiaraidh Cheiltich a thog ceann aig deireadh na 19mh linne. A rèir Moray Watson, chithear comharran dheth gu h-àraidh ann an litreachas a dhèiligeas ri Ceilteachas, Romansachas, agus Seanchas na Fèinne.⁹⁰³ Mar a bhite an dùil, bha gu leòr den a’ sin ri fhaighinn san *Tablet* is an iris gu mòr airson sàr chomasan sluagh na h-Èireann a neartachadh, ‘*the brightness of their intellect and the light of their genius*.’⁹⁰⁴ Ach cha b’ ann fo bhuidhe a’ Chiaraidh Cheiltich a-mhàin – no fiù ’s sa chiad dol a-mach – a bha an *Tablet*. Tha cuideam na h-irise air nàiseantachas agus Ceilteachas a’ toirt fianais cuideachd air beachdan, ro-innleachdan, agus feallsanachd a bhrosnaich a’ cholonaidh fhèin mun àm sin.

Ged nach b’ urrainnear a ràdh gur e earrann no fiù ’s litreachas a th’ anns na briathran Gàidhlig a chuir Alasdair MacRath chun an *Tablet*, ’s fhiach co-dhiù iomradh a thoirt orra.⁹⁰⁵ B’ ann a tha an co-theacsa san do chuireadh na faclan an cèill a’ cur air shùilean dhuinn cho eu-coltach is a bha an ìre de Cheilteachas a bhrosnaich ‘Tìr nam Maori’ agus an ìre de Cheilteachas a

900 *The Elgin Courant and Morayshire Advertiser*, 3 an Dùbhlachd 1895, td. 5; *The New Zealand Tablet*, 9 an Dàmhair 1891, td. 27.

901 *The New Zealand Tablet*, 9 an Dàmhair 1891, td. 27.

902 Donald E. Meek, *The Quest for Celtic Christianity* (Dùn Èideann, 2000), tdd. 60-66. Bha Alasdair MacGilleMhicheil, a bha air na cruinneachaidhean *Carmina Gadelica* a chur an sgrìobhadh, am measg an luchd-trusaidh sin.

903 Watson, *An Introduction to Gaelic Fiction*, td. 21.

904 ‘S e às-earrann a tha seo à litir dom b’ ainm, ‘Eirin-go-Bragh’ a nochd san *Otago Daily Times* an toiseach is a chuir an *Tablet* an ath-chlò-bhualadh. Feuchaibh, *The New Zealand Tablet*, 26 an Dàmhair 1877, td. 1.

905 *Ibid.*, 24 an Lùnastal 1894, td. 1.

‘cheadaich’ muinntir ‘Tìr nam Maori’. Cha do rinn MacRath ach freagairt do cheist a thog ceann san *Tablet* aig toiseach an Lùnastail 1894 mu choinneamh nam briathran Gàidhlig a bha Iain MacCoinnich air labhairt ann an Taigh na Pàrlamaide. B’ e Ministear an Fhearainn ann an riaghaltas libearalach fo stiùir John Ballance (1839-1893) a bh’ ann am MacCoinnich eadar 1891 agus 1900. Choisinn e cliù sa cholonaidh nuair a thug e gabhaltas-fearainn buan no gabhaltas-fearainn de 999-bliadhna gu buil ann an 1894.⁹⁰⁶ Thug an gabhaltas cinnt, cobhair, agus seasmhachd do theaghlaichean a bha an sealbh air tuathanas an Aotearoa. Air don Bhall-Pàrlamaid, William Earnshaw (1852-1931), an gabhaltas buan a chur gu dùbhlán, mhallaich MacCoinnich sa Ghàidhlig e ann an Taigh na Pàrlamaide. Bhrosnaich an tachartas deasbad leantainneach air ùghdarras agus threibhdhreas a’ mhinistear a bharrachd air cleachdadh na Gàidhlig ann an raointean poblach Aotearoa. Tha coltas air gum b’ e an *Tablet* ach beag an aon fhoillseachadh a ghabh gnothach leis na briathran Gàidhlig fhèin seach an eadar-theangachadh-san, ‘*dirty little devil*.’⁹⁰⁷ Leanadh iomradh MhicRath air na briathran Gàidhlig, ‘salacharan an diobhail or salacharan an donais,’ le eadar-theangachadh gu Gaeilge agus, a bharrachd air sin, le taing do William Earnshaw, ‘*for a lesson in Gaelic*.’⁹⁰⁸ Ghabh an *Tablet* cuideachd an cothrom dol an sàs ann an deasbad a chùim a-mach gum b’ e cànan coimheach a bh’ anns a’ Ghàidhlig,

*Whether Mr Earnshaw, in his satanic aspect, is little or big or dirty or clean, and, in fact, it is not hard to picture a very well soaped devil – may be important points, but how far the tongue of ancient Britain, or a dialect derived from it, can be considered a foreign language within British boundaries is a matter most worthy of investigation.*⁹⁰⁹

Uair eile, tha iomradh air ‘àrsaidheachd na Gàidhlig’ a’ togail ceann. Tha rannsachadh Emily NicEoghainn-Fujita a’ sealltainn gun cualas iomraidhean den leithid gu minig ann an deasbaidean air ath-bheothachadh na Gàidhlig an Alba bhon 18mh linn air n-aghaidh.⁹¹⁰ Cha b’ e ath-bheothachadh na Gàidhlig an Aotearoa amas an iomraidh anns a’ cho-theacsa seo, getà. Thogadh cheana air an ro-innleachd a chuir nàiseantaich chultarail ‘Tìr nam Maori’ gu feum

⁹⁰⁶ Rugadh is thogadh MacCoinnich ann an Àird Rois, Rois an Ear ann an 1839 do Catherine Rothach agus Iain MacCoinnich. Thàinig e gu Aotearoa air an long-eilthreach, *Henrietta*, ann an 1860. Airson barrachd fiosrachaidh air dreuchd is cliù an Rosaich sa cholonaidh, feuchaibh, Brooking, *Lands for the People?*, tdd. 110-13.

⁹⁰⁷ A rèir *The Tuapeka Times* (1868-1920), pàipear-naidheachd Otago, b’ e, ‘*a blighting curse from one of the dead languages, of which the Minister of Lands is known to be a master,*’ a bh’ anns na briathran (*The Tuapeka Times*, 8 an Lùnastal 1894, td. 2). Dhìt *The Daily Telegraph*, pàipear-naidheachd Hawke’s Bay, briathran, ‘*[of] that degenerate Celt,*’ mar, ‘*barbarous*’. *The Daily Telegraph*, 4 an Lùnastal 1894, td. 2.

⁹⁰⁸ *The New Zealand Tablet*, 24 an Lùnastal 1894, td. 1.

⁹⁰⁹ *Ibid.*, 10 an Lùnastal 1894, td. 3.

⁹¹⁰ Emily McEwan-Fujita, ‘Language revitalization discourses as metaculture: Gaelic in Scotland from the 18th to 20th centuries’, *Language & Communication* 31 (2011), tdd. 48-62 (55); W. Donaldson, *The Jacobite Song: Political Myth and National Identity* (Obar Dheathain, 1988), tdd. 6-7.

airson an luchd-tuineachaidh Eòrpach a thùsanachadh. B' ann a bha na nàiseantaich den bheachd gun toireadh feartan Ceilteach a bha coltach ri feartan Māori – àrsaidheachd, bòidheachd, dlùth-bhann don t-saoghal nàdarra – còir dhaibh air tìr, goireasan, agus riaghladh an Aotearoa. Nochdaidh an deasbad a bhrosnaich briathran MhicChoinnich dhuinn gun robh dà thaobh air 'Tìr nam Maori': taobh nan nàiseantach agus taobh an t-sluaigh. Fiù 's ma bha na nàiseantaich a' faicinn luach agus feum ann an dualchas nan Gàidheal mar ro-innleachd cholonachaidh, bha an sluagh Gallda fo bhuidh na ceart chlaon-bhreith an aghaidh nan Gàidheal a bha aca san t-seann dùthaich. Chan eil fianais ann a dhearbhas gun robh Moran agus an *Tablet* a' cur taic ri ro-innleachdan nan nàiseantach cultarail. Thathas an dùil, ge-tà, gun do ghabh Moran brath air an spèis a thugadh do Cheilteachas a chum Èireannaich – an inbhe is còirichean – a neartachadh araon sa cholonaidh agus an Èirinn.

Bho 1895 air n-aghaidh, chuir an *Tablet* am bann eadar Gàidhlig is Gaeilge agus Gàidheil is Èireannaich na b' fhaide an neart ann an colbh ùr, '*Gaelic Notes*'. Chuir an colbh sin caochladh naidheachdan Èireannach is Albannach a bharrachd air litreachas Gàidhlig is Gaeilge an rathad luchd-leughaidh.⁹¹¹ Chomharraicheadh an t-aonadh ùr sin gu h-ìomchaidh le aithisg air coinneamh Comann Gàidhlig Dhunedin far an do labhair rùnaire a' Chomainn, an Leòdhasach Uilleam MacLeòid, na faclan a leanas,

*The Scotch had never given the Irish their due meed of credit for the beautiful and scientific orthography of the Gaelic language, which the Irish alone of all the Celtic races had either invented or acquired and gifted to Scotland.*⁹¹²

Mar dhearbhadh agus daingneachadh air briathran MhicLeòid, chuireadh eisimpleir de bhàrdachd molaidh na Gàidhlig agus na Gaeilge ris a' cholbh,

A the bhain taigh na srulaigh,
'S e do dhutchas bhì fial;
'S iomadh ceapaire math garbh
Rinn thu dhomh-sa gun diol.

Fán mór leathan ar bheagàn taois.
Mug mór fada agus bainne fada shíos.
A big broad cake of little dough,

⁹¹¹ Bha na naidheachdan air an roinn eadar: '*Irish Notes*', '*Scotch Notes*', agus '*Dublin Notes*' ro 1895.

⁹¹² *The New Zealand Tablet*, 15 am Màrt 1895, td. 25.

A big long mug and milk long down.⁹¹³
Gu mì-fhortanach, cha ghabh ràdh cò rinn an dàn molaidh air bana-Ghàidhealach a bha air cliù a chosnadh airson cho fialaidh is a bha i.⁹¹⁴ Mar a bu dual don iris, chuireadh an rann Gàidhlig an coimeas le rann cosmhail ri sin sa Ghaeilge. An àite moladh air bana-Ghàidheal is ceapairean, ge-tà, tha na rannan Gaeilge a' dèanamh moladh air teaghlach a nochd carthannas is co-fhaireachdainn do dhèireach. Tha e follaiseach gum b' e comharrachadh fialaidheachd nan Gàidheal is nan Èireannach a bha fa-near do chom-pàirtiche an dà rainn. Chuir an sgrìobhadair na briathran a leanas ris an dà rann, '*It will not, perhaps, be out of place to contrast the generosity of the Highland matron with the charity ascribed by an Irish beggar to a certain house.*'⁹¹⁵ Chuireadh a' chosmhaileachd sin gu feum airson an dàimh eadar an dà chinneadh Ceilteach a dhaingneachadh na b' fhaide. Le sùil air na gearr-chunntasan Beurla a chuireadh ris na faclan Gàidhlig is Gaeilge, dh'fhaodadh cuideachd gun robh an sgrìobhadair airson cliù nan Gàidheal agus nan Èireannach a nochdadh do luchd-leughaidh na Beurla.

Cuide ri briathran MhicCoinnich, tha an rann molaidh a' toirt fianais air an atharrachadh a bha gu bhith a' tighinn air an taghadh de litreachas Gàidhlig san *Tablet* sna 1890an. Bho 1894 air n-aghaidh, dh'fhàs susbaint is ceann-teagaisg nan earrann uile na bu shaoghalta ged a bha ionnsachadh moraltachd, beusachd, agus nòsan Ceilteach fhathast aig cridhe an litreachais. Thàinig an t-atharrachadh sin gu buil aig àirde a' Chiaraidh Cheiltich agus cuideachd aig àm nuair a chaidh taic an luchd-tuineachaidh Èireannach do dh'iomairtean Fèin-riaghladh na h-Èireann an neart sa cholonaidh.⁹¹⁶ Tha an colbh ùr, '*Gaelic Notes*', a' toirt fianais air seòl ath-leasaichte na h-irise. Chuireadh cuideam air a' Ghaeilge – sa chiad dol a-mach – agus gu ìre na bu lugha air a' Ghàidhlig. Le sùil air leasachadh agus adhartas an dà chànain, ghabhadh ri soirbheas an dàrna fear mar shoirbheas an fhir eile. Tha seo a' tighinn am bàrr ann an alt le T. O'Neil don phàipear-naidheachd, *United Ireland* (1881-1898), a chuir an *Tablet* an ath-chlò-bhualadh. Sgrìobh O'Neil,

There is a weekly Gaelic paper called the Mac Talla, printed in Sydney, Nova Scotia, in which not one word of English is permitted to appear. Some may say that Scotch Gaelic is not Irish, but no one knowing anything about that matter would dare to make

913 Ibid.

914 Ibid.

915 Ibid.

916 Bheir an dà fho-bhuidheann do Chaidreachas Nàiseanta na h-Èireann (*Irish National Federation*) a stèidhicheadh ann an Wellington agus Auckland mar thaic do dh'Fhèin-riaghladh na h-Èireann fianais air a' sin. Feuchaibh, Pauline Collombier-Lakeman, 'Applying a Transnational Approach to the Question of Irish Home Rule: Ireland, New Zealand and Home Rule', *Revue Française de Civilisation Britannique* 24:2 (2019), tdd. 1-19 (3).

*such an assertion. Scotch Gaelic may be corrupted and distorted, but it is, nevertheless, Irish [...].*⁹¹⁷

Mar sin, chuir na *Gaelic Notes* measgachadh de dh'earrannan Gàidhlig is Gaeilge, a bharrachd air earrannan Beurla a rinn sgrùdadh air an dà chànan, fa chomhair luchd-leughaidh. Tha e follaiseach cuideachd gun do dh'fhàg an iris Chanèideanach, *Mac-Talla* (1892-1904), làrach nach bu bheag air an *Tablet*. B' ann tro shlighe *Mac-Talla* a-mhàin a fhuair an *Tablet* iasad air na h-earrannan Gàidhlig mu dheireadh a nochd eadar an t-Ògmhios agus an Dàmhair 1895. An àite a bhith a' faighinn iasad air litreachas na Gàidhlig tro shlighe an lìonra thar-nàiseanta do dh'Alba, ma-tà, chuir deasaiche an *Tablet* lìonra tar-nàiseanta agus, gu dearbh, sluagh-sgapach gu feum. Theagamh gum b' e an cuideam daingeann a chuir *Mac-Talla* air a' Ghàidhlig agus air gnothaichean Ceilteach a dh'fhàg an iris tarraingeach don *Tablet*.⁹¹⁸ Tha rùn an deasaiche a bhith a' cleachdadh litreachas an sgapaidh-shluaigh Ghàidhealaich air leth cudromach is chunnacas a leithid sna 1890an ann an colbh Gàidhlig an *Southern Cross* agus cuideachd roimhe san *Teachdaire Gaidhealach* à Hobart.⁹¹⁹ Saoilear gum b' iad na cuspairean agus cleasan ioma-chultarail a dh'fhàg litreachas *Mhic-Talla* freagarrach do luchd-leughaidh an *Tablet*. B' e seanfhacal a bh' anns a' chiad earrainn Ghàidhlig a fhuair an *Tablet* air iasad bho *Mhac-Talla* is chuireadh an seanfhacal sin gu feum ann an alt Beurla air ath-bheothachadh na Gaeilge an Astralàisia.⁹²⁰ Dh'fhaodadh a ràdh gu bheil ceann-teagaisg an t-seanfhacail, 'Bidh gràdh aig an fhìor charaid dhuinn aig gach àm agus anns gach àite,' a' brosnachadh an t-seòrsa co-chomainn a bha an *Tablet* airson neartachadh eadar Èireannaich is Gàidheil.

Ach a-mhàin seanfhacal Gàidhlig agus fear eile sa Ghaeilge, bha na '*Gaelic Notes*' cuimseach gann den dà chànan Ceilteach. Thàinig piseach air a' chùis san Dàmhair nuair a chuireadh an dà earrainn Ghàidhlig mu dheireadh an clò. B' e naidheachdan à *Mac-Talla* a bh' annta a-rithist ach, gu h-eu-coltach ris an earrainn na bu tràithe sa bhliadhna, cha robh iad nan samhla do spiorad Ceilteach a' chuilbh. Tha coltas air gun do lean an *Tablet* iùil *Mac-Talla* is an iris Chaitligeach fèir airson naidheachd sam bith a thoirt don luchd-leughaidh sa Ghaeilge agus sa Ghàidhlig. Thig sin am follais san earrainn Ghaeilge aig fìor mhullach a' chuilbh a ghabhas

⁹¹⁷ *The New Zealand Tablet*, 1 an Dùbhlachd 1893, td. 21.

⁹¹⁸ Airson barrachd fiosrachaidh air *Mac-Talla*, feuchaibh, Robert Dunbar, 'Gaelic Periodicals and the Maintenance and Creation of Networks: Evidence from the Eastern Canadian Gàidhealtachd', ann am Michel Byrne agus Sheila Kidd (deas.), *Liontan Lionmhor: Local, National and Global Gaelic Networks from the 18th Century to the 20th Century* (Glaschu, 2019), tdd. 108-153.

⁹¹⁹ Feuchaibh, *An Teachdaire Gaidhealach* 8, 1 an t-Sultain 1857, tdd. 4-5.

⁹²⁰ *The New Zealand Tablet*, 21 an t-Ògmhios 1895, td. 15. Cf. *Mac-Talla* 3:41 (An Giblean, 1895), td. 3.

gnothach ris an t-Seanailear Uilleam Booth (1829-1912), neach-stèidheachaidh Feachd na Slàinte (*Salvation Army*).⁹²¹ Leanadh an naidheachd sin le tè, ‘*from our contemporary Mac-Talla*, ‘Tha fear Iain Walsh a fuireach aig a Bhras d’Or Bheag air a bheil ceud agus a deich de shliochd, eadar chloinn us oghaichean us iar-oghaichean. Tha dha air fhichead de chloinn aige.’⁹²² Tha cothrom ann gum b’ e ceannas nan cinnidhean Ceilteach a bha an *Tablet* airson cur fa chomhair an luchd-leughaidh. Chunnacas teaghlaichean mòra mar bheannachd Dhè is chuir an naidheachd gu dearbhadh cho beannaichte is a bha sliochd nan Gàidheal an Canada. Tha e ceart cho coltach nach b’ e ro-innleachd a bha fa-near don deasaiche is gun do lean an *Tablet* iùil Mhic-Talla le bhith a’ cur caochladh naidheachdan ionadail, nàiseanta, agus eadar-nàiseanta sa Ghàidhlig an rathad an luchd-leughaidh. Thugadh iomradh cheana air a’ cheart chleas san *Teachdaire Gaidhealach* an Hobart a thug cothrom cuideachd don luchd-leughaidh seachas a ghabhail sa Ghàidhlig air diofar chuspairean. Le sùil air an t-seòrsa agus an uimhir de litreachas Gàidhlig a chuir an *Tablet* an clò eadar 1876 agus 1895, dh’fhaodadh a ràdh gun tàinig atharrachadh air feum is fàth an litreachais. Am feadh ’s a bhathar airson an Creideamh Caitligeach a chur an neart an toiseach, tha earrannan Gàidhlig nam bliadhnaichean deireannach a’ nochdadh dhuinn gum bu mhiann leis an iris cothrom a thoirt do luchd na Gàidhlig an cànan a chleachdadh ann an caochladh raointean cànanach agus sòisealta. Chithear eisimpleir eile den amas sin aig fìor bhonn a’ cheart chuilbh a nochdas sgeulachd air duine Ruiseanach air an do rinneadh cleas.

*Dealbh 37: Sgeulachd à Mac-Talla san Tablet*⁹²³

Chaidh duio’uasal ann an Ruisia uair ann an co-bhonn ri daoine eilean aghaidh an Iompaire; fhuair eadh a mach e, agus chaidh òrduchadh amaha gu Siberia. Chuireadh aodach mu shuilean a chum dubb dall e, chuireadh an carbad dorcha e agus dh’ fhaibhadh leis. Fad sheachd latha’s sheachd oidhche bha’u carbad air astar, gun stad a dheanamh ach fhad ’sa bhiodh na daoine gabhail bidh. An ceann na seachdain stad an carbad. Bha e cinnteach a nise gu robh e ann na Siberia, ’s gu robh a bheatha dbòruinneach a bha roimbe an sìo gu tóiseachadh. Thugadh as a charbad e, thugadh am bréid dheth ’shuilean agus c’ait an robh e ach aig dorus a thaighe fhein! Bha e fad nan seachd latha air a chuidleadh timchioll a bhaile. Oha deach e an co-bhonn an aghaidh an Iompaire am feasda tuilleadh.

921 *The New Zealand Tablet*, 25 an Dàmhair 1895, td. 8.

922 *Ibid.*; Cf. *Mac-Talla* 4:8 (An Lùnastal, 1895), td. 5.

923 Cf. *The New Zealand Tablet*, 25 an Dàmhair 1895, td. 8; agus *Mac-Talla* 4:3 (An t-Iuchar, 1895), td. 5

B' fhiach e a ràdh gun do dh'fhoillsich *Mac-Talla* an sgeulachd am measg naidheachdan air stoirm an New York is New Jersey, murt an Halifax, fiadh fiadhaich an Ceap Nòr, agus ar-a-mach an Cuba. Chithear an seòrsa measgachadh sin de naidheachdan ann an colbh an *Tablet* is sin, theagamh, a' toirt fianais air buaidh na h-irise Canèideanaich air an tè an Aotearoa.

Thàinig earrannan Gàidhlig an *Tablet* gu crìch leis an sgeulachd sin ann an 1895. Bhite an dùil gum b' e bàs Mhorain sa Chèitean 1895 a b' adhbhar dha sin ach is gann gun gabh sin creidsinn. Chì sinn gun do chum an deasaiche ùr, Henry Cleary (1859-1929), air a' cur naidheachdan Gàidhlig ris an *Tablet* às dèidh a' Chèitein. Bha na h-earrannan sin na bu chunbhalaiche agus cuideachd na bu shaoghalta an taca ris an fheadhainn a dh'fhoillsicheadh na bu tràithe.⁹²⁴ Cuiridh sin mun aire dhuinn gun robh atharrachadh air tighinn air amasan an *Tablet* is fios againn co-dhiù gun do chuir Cleary cùl ri nàiseantachas na h-Èireann.⁹²⁵ Thig sin am follais, mar eisimpleir, san lùghdachadh a thàinig air litreachas na Gaeilge fo a stiùir. Thàinig piseach air cùisean, an uair sin, ann an 1917 nuair a ghabh James Kelly deasachadh na h-irise os làimh. Chanadh gun robh Kelly fiù 's na bu nàiseantaiche na Moran is bheirear fa-near dha sin sna h-earrannan Gaeilge a chaidh am meud a-rithist às dèidh 1917.⁹²⁶ Ach tha coltas air nach do chuir Kelly cuideam ceart cho mòr air an lionra phan-cheilteach. Bha an lionra sin air a bhith feumail do dh'amasan Mhorain sna 1870an nuair a dh'fheuch an t-Easbaig ris an dà chuid an creideamh Caitligeach an Aotearoa agus cor nan Èireannach san sgapadh-shluagh agus aig an taigh a neartachadh. Bha a' Ghàidhlig, a bharrachd air iomairtean is cor nan Gàidheal sa cholonaidh, mar phàirt de ro-innleachd Mhorain agus chunnacas an ro-innleachd sin a' dol tro chruth-atharrachadh bhon chiad uair a chuireadh earrann Ghàidhlig an clò san *Tablet* – ann an 1876 – gu ruige foillseachadh na h-earrainn mu dheireadh ann an 1895. Cha robh ann an toiseach ach ath-chlò-bhualaidhean Gàidhlig à foillseachaidhean Albannach. Mar a chanadh roimhe, bha na h-earrannan sin cràbhach nan nàdar is iad a' toirt iùil spioradail don luchd-leughaidh. Dh'fhàs cinn-teagaisg an litreachais Ghàidhlig na bu shaoghalta an uair sin is ceist ann am b' e an seòrsa brosnachadh agus càineadh a dh'fhiosraich cànan is dualchas nan Gàidheal fo làimh 'Tìr nam Maori' a b' adhbhar dha sin. Coltach ri foillseachaidhean eile an Aotearoa, chaidh an *Tablet* an sàs san deasbad a bha air èirigh mar thoradh air briathran sgaiteach an neach-poilitigs, Iain

924 *The New Zealand Tablet*, 31 an Cèitean 1895, td. 1.

925 Bha Cleary na dheasaiche don *Tablet* eadar 1895 agus 1908. Àn dèidh sin, chuir e iris Chaitligeach ùr air bhog ann an 1918, *Month*, airson cur an aghaidh an *Tablet*.

926 'New Zealand Tablet', Papers Past, <https://paperspast.natlib.govt.nz/periodicals/new-zealand-tablet> [ruigte 12.12.2023].

MacCoinnich. Nuair a chuireadh dreuchd is inbhe na Gàidhlig ann an raointean poblach Aotearoa gu dùbhlán, fhreagair an *Tablet* le cur air bhog colbh ùr, *Gaelic Notes*. Chuir an colbh sin gu dearbhadh gum b' e cànan dligheach a bh' anns a' Ghàidhlig – cho math ris a' Ghaeilge – a ghabhadh cleachdadh airson gnothaichean a bharrachd air creideamh a dheasbad. Maille ri sin, thòisich an *Tablet* a' coimhead ris an iris Chanèideanaich, *Mac-Talla*, airson ath-chlò-bhualaidhean Gàidhlig. Bha *Mac-Talla* cuideachd air tighinn gu bith ann an àrainneachd shluagh-sgapach is an iris ag amas air luchd-leughaidh na h-àrainneachd sin sa chiad dol a-mach. Rinn an iris àbhaist de bhith a' toirt naidheachdan ionadail, nàiseanta, agus eadar-nàiseanta do luchd-leughaidh tro shùilean Gàidhlig. Ged nach tàinig an *Tablet* an uisge na stiùireach do *Mhac-Talla*, feumar aithneachadh cho sònraichte is a tha na choilean an iris. Cha robh irisean eile an Aotearoa deònach no comasach air litreachas na Gàidhlig fhoillseachadh san 19mh linn is chaidh an *Tablet* an aghaidh an t-srutha sin.

Tha Caibideil a Trì air sealltainn dhuinn gun robh e comasach a' Ghàidhlig a rèiteachadh am broinn crìochan irisean ged a bhitheadh iad sin rag agus daingeann. O nach robh iad an eisimeil air a' mhòr-shluaigh chun an aon ìre is a bha pàipearan-naidheachd, bha cothrom aig irisean dol an doimhneachd ann an gnothaichean spèisealta, mar eisimpleir litreachas agus dualchas na Gàidhlig. Is cinnteach gur e an *Teachdaire* Tasmaniach an eisimpleir as fheàrr air foillseachadh spèisealta den leithid an Astralàisia. Bha an *Teachdaire* cuingealaichte ri dà ghnòthach gu sònraichte – a) amasan; agus b) luchd-taic a bha comasach air na h-amasan sin a choileanadh. Cha robh fa-near don iris 'ach' a bhith a' glèidheadh, a' daingneachadh, agus a' craobh-sgaoileadh na Gàidhlig am measg Ghàidheal a bha, 'na's gaidhealaich na gaidheil Albainn, ma cheadaichear dhuinn a chainnt a chleachdadh, agus a' leantuinn ann an lorg nan sonn a dh'fhalbh, anns na h-uile car.'⁹²⁷

B' iad àrd-amasan den leithid agus an obair thomadach a bha nan lùib a thàinig gu bhith na chnap-starra do dh'iomadh iris. A dh'aindeoin an uireid dhiubh a chuireadh air chois is an clò an Astralàisia tron 19mh linn, tha sgrùdadh Stuart a' toirt am follais dhuinn nach do mhair ach glè bheag dhiubh. Às aonais iarrtas agus maoin a' mhòr-shluaigh, dh'fheumadh lìonraidhean làidir is seasmhach de luchd-obrach, luchd-leughaidh, sgrìobhadairean, agus luchd-sgaoilidh airson iris a chumail a' dol. A bharrachd air sin, bha luchd-obrach sgìleil a dhìth a bha comasach gu leòr air a' Ghàidhlig a sgrìobhadh air neo, aig a' char a bu lugha, a leughadh. Tha an uimhir de dh'ath-chlò-bhualaidhean Gàidhlig san *Tablet* a' toirt fa-near dhuinn nach robh, co-dhiù,

⁹²⁷ An *Teachdaire Gaidhealach* 3, 1 an Giblean 1857, td. 8.

lionra de sgrìobhadairean Gàidhlig ri làimh nan deasaichean. Ged a dh'fhàs an litreachas na bu shaoghalta aig deireadh na 19mh linne, tha coltas air nach deach aig an iris fhathast air Gàidheil a thàladh thuice. Tha deagh chothrom ann gum b' iad amasan tòiseachail an *Tablet* agus cliù Mhorain a b' adhbhar dha sin. Leis cho connspaideach is a bha seòl poilitigeach, cràbhach, agus nàiseanta an Easbaig, is math a dh'fhaoidte nach do fhreagair an *Tablet* air Gàidheil Aotearoa aig àm nuair a bha cruaidh fheum orra airson bun-stèidh de luchd-taic a thogail don iris.

Tha cuideachd ceist ann an do fhreagair an *Teachdaire* gu buileach air feumalachdan nan Gàidheil colonach. Ged a bha cuspairean a bha buntainneach do bheatha sna colonaidhean fo dheasbad san iris, tha fhios gun do rinn Iain Camshron cruaidh oidhirp gnothaichean a sheachnadh nach do chuir ri àrd-amasan na h-irise. Chunnacas e a' gèilleadh do dh'iarrrtas an luchd-leughaidh dha aindeoin uair a-mhàin nuair a chuir e òraid an Urr. Iain Dhùghallaich an clò. Tha e follaiseach nach b' ann gun strì a rinn e sin, 'Cha'n ann an duilleagan an *Teachdaire* a chuireas sinn a-mach a' bharail sin. Nan toisicheamaid air a chonnsuchadh so, cha 'n eil fios c'aithe no c'uin a sguireamaid.'⁹²⁸ 'S i a' cheist an robh amasan an *Teachdaire* an co-rèir ri feumalachdan an t-sluaigh? Ma bha an iris fèir na h-inneal airson gnè chànan is dhualchas a ghlèidheadh nach tigeadh beò gu bràth am fàsach Astràilia, cha ghabhar iongnadh nach do lorgadh dachaigh ùr dhi às dèidh na Samhna 1857. Chunnacas an aon seòrsa strì san *Tablet*. Chan eil ann ach aon ùr-chlò-bhualadh Gàidhlig agus 's e sin briathran sgaiteach Iain MhicCoinnich. A dh'aindeoin 's cho connspaideach is a bha na briathran agus an deasbad a dh'èirich nan cois, thàlaidh iad co-dhiù aon sgrìobhadair Gàidhlig. Dh'fhaodadh cuideachd a ràdh gun robh an cuspair na bu bhuntainnich do bheatha an luchd-leughaidh cholonaich an taca ri, mar eisimpleir, briathran Chalum Chille agus ath-bheothachadh an Òrduigh Bheinidictich an Alba. 'S i a' cheist, an robh beagan connspaid a dh'ith air na foillseachaidhean Gàidhlig an cèin?

Ma bha Gàidheil Astralàisia air tòir foillseachadh a bhiodh na 'theanga' dhaibh, cha d' fhuair iad lorg air a' sin ann an irisean colonach. Leis cho dùbhlach is a bha foillseachadh co-dhiù an Astralàisia, b' fheudar do dh'irisean a bhith gu math cinnteach às an cuid amasan airson cothrom a bhith aca. Bha iad ann an co-fharpais dhian airson ghoireasan clò-bhualaidh, sgrìobhadairean, luchd-leughaidh, agus luchd-obrach. Fiù 's ma bha lionra tar-nàiseanta no lionra triantach a' cumail taic riutha, bha na cnapan-starra fhathast lionmhor. B' e an suidheachadh dùbhlach sin a dh'fhàg mòran irisean ro rag airson freagairt gu h-ìomchaidh

⁹²⁸ *An Teachdaire Gaidhealach* 7, 1 an Lùnastal 1857, td. 8. Thathas a' togail air an òraid san *Teachdaire* air tdd. 199-201.

air feumalachdan an luchd-leughaidh. Le sùil air an *Teachdaire* agus an *Tablet*, tha coltas air gun robh miann aig na Gàidheil a bhith a' suidheachadh na Gàidhlig ann an co-theacsa co-aimsireil is colonach. 'S e na chuir bacadh orra agus air a' Ghàidhlig nach robh foillseachadh ann a bha gu tur freagarrach dhaibh. Bha irisean – len crìochan daingeann ach cothrom air litreachas spèisealta – math ann am prionnsabal, ach dh'fheumadh nàdar sùbailte is aotrom phàipearan-naidheachd airson cumail ceum ris na h-atharrachaidhean mòra a bha air tighinn air beatha nan imrichean Gàidhealach. Mar a chanadh roimhe, chan fhacas Gàidheil Astràilia a' cur sgrìobhaidhean Gàidhlig gu iris cholonach eile ach am *Free Churchman* aig fìor dheireadh na 19mh linn.⁹²⁹ Thill iad dha na pàipearan-naidheachd ged nach urrainnear idir a ràdh gum b' ann le dealas a chuir iad an cuid sgrìobhaidhean a-steach. Air a' mhodh cheudna, chùm Gàidheil Aotearoa orra a' cur àireamh nach mòr de dh'earrannan Gàidhlig gu pàipearan-naidheachd aig deireadh na 19mh linne agus toiseach na 20mh linne.

929 Feuchaibh td. 186.

Caibideil a Ceithir: Co-dhùnadh

Mar is sine a tha mi a' fas tha a' ghaelic ni 's docha leam. Is toil leam a bhi ga leughadh, is toil leam bhi ga h-eisdeachd, 's is toil leam bhi ga bruidheann ribh, agus 'si is cainnt a ghna dhomh ann an aisling na h-oiche.⁹³⁰

Cha deach na Gàidheil às àicheadh an cànan mhàthaireil an Astralàisia. Tha sùil air [Clò-bhualadh na Gàidhlig an Astralàisia](#) a' toirt fianais air oidhirpean cuid a bhith a' rèiteachadh na Gàidhlig ri àrainneachdan sluagh-sgapach nan colonaidhean. Chaidh iad an sàs sna tìrean cèine an toiseach tro phrosbaig na Gàidhlig mar a b' aithne dhaibh i. 'S e sin ri ràdh gun do chuir iad cleasan litreachais gu feum a bha iad air toirt leotha à Alba is eisimpleir den a' sin ri fhaicinn ann am bàrdachd Sheumais Mhic'Ille-Mhaoil, I. C., agus Dhonnchaidh Mhic a' Phearsain. Tha sgrùdadh air [Clò-bhualadh na Gàidhlig an Alba](#) a' sealltainn gun robh bàrdachd an triùir bhàrd sin làn briathrachais, iomhaigheachd, agus chuspairean a ghabhadh tuigsinn ann an co-theacsa tar-nàiseanta, i. air feadh an sgapaidh-shluaigh Ghàidhealaich, a bharrachd air Alba. Tha ùr- agus ath-chlò-bhualaidhean a dh'fhoillsicheadh an Astralàisia fhèin cuideachd a' toirt chleasan tar-nàiseanta den leithid am follais, mar eisimpleir an còd cianalais, an còd molaidh, agus an còd di-mholaidh. Am beachd Ross Harvey, bha buaidh na seann dùthcha cho mòr is leantainneach nach math dhuinn eachdraidh fhoillseachaidhean Astralàisia a sgaradh bho eachdraidh fhoillseachaidhean Bhreatainn agus na h-Ìmpireachd.⁹³¹ Ach 's ann a b' fheàrr de dhuinn fhathast gun a bhith a' cur chleasan an suarachas a tha suaicheanta do litreachas nan colonaidhean. Tha [Caibideil a Dhà: Pàipearan-naidheachd](#) agus [Caibideil a Trì: Irisean](#) a' dearbhadh gun do dhealbhaich na h-in-imrichean gnè ùr de litreachas a fhreagair air an àrainneachd agus an t-sluagh chèn-thìreach. Gu dearbh, chunnacas grunn dhiubh a' sgrìobhadh tro phrosbaig nan tìrean cèine seach prosbaig na h-Alba. Bheir sinn fa-near dha sin ann an [2.3. Sanasan](#) Gàidhlig a thòisich pàipearan-naidheachd colonach a' craobh-sgaoileadh bho na 1830an air n-aghaidh. Chuireadh na sanasan sin an sgrìobhadh le sùil air coltas agus feumalachdan nan coimhearsnachdan colonach a bha, an tomhas mòr, fhathast gann de lìonraidhean co-chomainn. Air a' mhodh cheudna, b' iad atharrachaidhean a bha air èirigh an Aotearoa a bhrosnaich deasaichean [3.2. The New Zealand Tablet](#) coimhead ri litreachas na Gàidhlig. Aon uair is gun robh lìonraidhean ùra stèidhichte, fhuair na Gàidheil agus, le sùil air an *Tablet*, in-imrichean eile cothrom air malairt agus iomairt a chum maith an gnìomhachasan,

930 *Southern Cross*, 18 an t-Samhain 1893, td. 5.

931 Harvey, 'Newspaper Archives in Australia and New Zealand', td. 71.

coimhearsnachdan, cànan, agus dualchais. Maille ris na sanasan agus foillseachaidhean Gàidhlig an *Tablet*, bheir an grunnan [2.4. Colbhan](#) Gàidhlig beachd dhuinn air na bha comasach do Ghàidheil Astralàisia nuair a sheas iad ‘gualainn ri gualainn’. Chithear cuideachd sna colbhan an tionndadh paradaidhm (*paradigm shift*) a bha air tighinn air na h-in-imrichean. Chuir iad litreachas na Gàidhlig gu feum airson tighinn gu rèite ri gach rud a bha air èirigh dhaibh an Alba, aig muir, agus an cèin. Chaidh iad an sàs gu treibhdhireach san eòlas imrich aca fhèin cho math ri eòlas imrich luchd-tuineachaidh eile. Bha na h-earrannan a sgrìobhadh an cèin – gu sònraichte an fheadhainn a dh’fhoillsicheadh sna colnoidhean a-mhàin – ceart cho sgaiteach agus eu-dòchasach is a bha iad mathasach agus misneachail. Ach chan e fianais air ‘*wail of a dejected and harassed people*’, ‘*creative poverty*’ air neo ‘*perplexity*’ a th’ anns na sgrìobhaidhean.⁹³² Tha beachdan caochlaideach nan in-imrichean a’ cur far comhair na bha an sàs ann a bhith a’ dealbhadh an sgapaidh-shluaigh Ghàidhealaich. Gu dearbh, ’s e toradh ghnìomhan sluagh-sgapach a th’ anns na beachdan sin maille ris na sgrìobhaidhean a dh’èirich asta. Bha e an urra ri gach in-imriche tighinn gu rèite ris a’ chaochladh chinnidhean, chànan, agus chultaran a bha beò ma thimcheall. Mar thoradh air dòighean ùra is coimheach nan colnoidhean, chunnacas cuid – a) a’ cur gu dùbhlann na b’ aithne dhaibh; b) a’ trèigsinn na b’ aithne dhaibh; c) a’ glèidheadh gu dian na b’ aithne dhaibh; agus d) a’ leasachadh is a’ leudachadh air na b’ aithne dhaibh. Tha [3.1. An Teachdaire Gaidhealach](#) a’ nochdadh dhuinn gun do dh’fhàg an rèiteachadh sin an dàrna sgrìobhadair togarrach is feòrachail agus am fear eile làn mì-chinnt, ciont, agus fiù ’s caothaich. Bha gu leòr de Ghàidheil an Astràilia agus Aotearoa a fhuair air a’ Ghàidhlig a ghlèidheadh is a dhaingneachadh fad tamaill ach, air a’ cheart dòigh, bha iomadh Gàidheal ann a dh’fheumadh soraidh slàn fhàgail leatha.

Chuir Gàidheil Astralàisia an cuid bheachdan is fhaireachdainnean an cèill ann an sgrìobhaidhean a thathas ag aithneachadh a-nis mar litreachas ioma-chultarail. Seach gu bheil litreachas den leithid a’ dèiligeadh ri eòlas, ‘*from the diverse communities that make up the migrant nation*,’ gabhaidh e sgrùdadh o dhiofar thaobhan.⁹³³ Gu ruige seo, tha sgrùdaidhean air litreachas na Gàidhlig à Astralàisia air cuideam a chur air tar-nàiseantas. ’S e sin ri ràdh gu bheil beachd cuimseach math againn air cleasan litreachais a bha mar shlabhraidh eadar an t-seann dùthaich agus na tìrean cèine. Neo-ar-thaing, tha tuigse air a’ sin air leth cudromach on a tha cleasan tar-nàiseanta gu minig dlùth-cheangailte ri gnìomhan sluagh-sgapach, mar eisimpleir coimhead ris an t-seann dùthaich agus togail chrìochan cinnidheach an cèin. Cuiridh

932 Seo uair eile briathran Watson agus MhicGill-Eain mu choinneamh bàrdachd Ghàidhlig na 19mh linne. Feuchaibh, Watson, *Bardachd Ghaidhlig*, td. xxxiii; Ibid., td. 15; Mac Gill-Eain, *Ris a’ Bhruthaich*, td. 49.

933 Zhong, ‘Towards a Multilingual National Literature’, td. 9.

iad air shùilean dhuinn, a-rèiste, na bha an amharc aig Gàidheil Astralàisia ann a bhith a' dealbhadh an sgapaidh-shluaigh Ghàidhealaich. Leis gu bheil an tràchdas seo a' toirt prìomhachas dha foillseachaidhean Astralàisia, tha feum fhathast air rannsachadh iomlan air gach uile earrann a chuir Gàidheil Astralàisia a dh'Alba airson foillseachadh, obair a bha ro mhòr toirt gu buil taobh a-staigh crìochan an tràchdais seo. Thogadh air corra fhoillseachadh den leithid, mar eisimpleir cruinneachaidhean bàrdachd is rosg Iain MhicGillinnein, Iain Èairdsidh MhicAsgaill, agus Uisdean Laing, a bhiodh airidh air sgrùdadh na bu mhionaidiche. Is airidh na leabhraichean sin cuide ris a' phailteas de bhàrdachd is rosg Gàidhlig a chuireadh an clò ann an irisean is pàipearan-naidheachd Albannach is Canèideanach air sgrùdadh sgiobalta.

Ann a bhith a' sgrùdadh an dà chinn den t-slabhraidh a cheangail Astralàisia ri Alba, bu chòir cuideachd aire a thoirt don litreachas Ghàidhlig a thug na h-imrichean leotha thar a' chuain. B' e an ceart litreachas sin a chuir is a chùim cleasan dùthchasach an cuimhne nan Gàidheal is a leig leotha an rèiteachadh rim beatha an cèin. Thogadh san tràchdas seo air sampall beag de leabhraichean Gàidhlig a tha rim faotainn ann an diofar thasglannan an Eilean a Deas Aotearoa. Tha fhios, ge-tà, gu bheil tòrr a bharrachd leabhraichean is sgrìobhaidhean eile ann an tasglannan, leabharlannan, agus cruinneachaidhean poblach is prìobhaideach air feadh Astralàisia. Bhiodh e na chuideachadh mòr dha luchd-rannsachaidh ma bha stòr-dàta didseatach ann a dh'innseadh dhuinn mu ghnè, uiread, agus ionad-tasgaidh gach uile foillseachadh Gàidhlig. Bheireadh sin co-dhiù beachd dhuinn air cleasan litreachais a thug buaidh air na h-in-imrichean. Gun teagamh, tha tuilleadh obair chlàraidh is sgrùdaidh ri dhèanamh an seo. Aon uair is gu bheil beachd nas coileanta againn air litreachas tar-nàiseanta na Gàidhlig an Astralàisia, bu chòir an litreachas a chur an coimeas ri litreachas tar-nàiseanta ann an ceàrnan eile den sgapadh-shluaigh Ghàidhealach, i. san Roinn Eòrpa, Afraga, Ameireagaidh a Tuath, Ameireagaidh a Deas, agus Àisia. Bheir sgrùdadh iomlan den leithid beachd nas fheàrr dhuinn air na tha suaicheanta do litreachas an sgapaidh-shluaigh air fad, a bharrachd air litreachas gach ceàrn fa leth den sgapadh-shluaigh Ghàidhealach.

Airson 's gum bi sgrùdaidhean air litreachas an sgapaidh-shluaigh Ghàidhealaich coileanta, ge-tà, tha e deatamach gun toir sinn aire dha barrachd na tar-nàiseantas. Bha iomadh cànan, cultar, agus cinneadh an Astralàisia a bha beò an cuideachd a chèile san 19mh agus 20mh linn. Le sùil air sin, chan eil rian nach fhaic sinn fianais air an t-suathadh sin ann an sgrìobhaidhean Gàidhlig. Ged a tha sgoileireachd againn a thogas air co-luadar an luchd-tuineachaidh Ghàidhealaich ri luchd na Beurla, tha fhios gun gabh tòrr a bharrachd ràdh air '*diverse communities*' nan colanaidhean. Fhuair sinn eisimpleir air suathadh '*other than English*' ann

an colbh an *Southern Cross* far an do chuir an sgrìobhadair, ‘Feileadh-beag’, co-chomann nan in-imrichean Gàidhealach an coimeas ri co-chomann nan in-imrichean Durgach.⁹³⁴ Thug an coimeas sin air ‘Feileadh-beag’ earrann Ghàidhlig a chur air pàipear a bhrosnaich, an uair sin, in-imrichean eile gu sgrìobhadh, leughadh, agus – theagamh – labhairt sa Ghàidhlig. Dh’èirich co-chomann Gàidhealach à co-chomann cinnidheach eile, ma-tà, is gnìomh sluagh-sgapach an dàrna buidheann imrich a’ brosnachadh gnìomh sluagh-sgapach a’ bhuidhinn imrich eile. Tha fhios gu bheil tuilleadh ghnothaichean ann – a bharrachd air fèill is feum air co-chomann dùthchasach – a bha an cumantas aig na h-in-imrichean uile. B’ iomadh dhiubh a bha air arfantachadh, far-fhuadachadh, ainneart, eileachadh, agus cianalas fhiosrachadh aig an taigh agus an cèin.⁹³⁵ Bhite an dùil, uaithe sin, gun robh rèiteachadh an dàrna imriche ris na gnothaichean sin a’ toirt buaidh air rèiteachadh an fhir eile.

Tha an tràchdas seo na oidhirp thòiseachail cleasan ioma-chultarail ann an cuid de sgrìobhaidhean Gàidhlig a thoirt am follais dhuinn. B’ e amas nan trì caibideilean sealltainn gun robh làmh nach beag aig na colonaidhean ann an nàdar, feum, agus fàth diofar sgrìobhaidhean Gàidhlig. Gun teagamh, tha barrachd obair a dhìth airson cleasan ioma-chultarail a chlàradh gu sgiobalta. Tha fhios nach dèan e a’ chùis an obair sin a chuingealachadh ri foillseachaidhean Gàidhlig ann am pàipearan-naidheachd is irisean a-mhàin. Fiù ’s nam measg sin, tha earrannan gu leòr ann a dh’fheumadh cur dhan dàrna taobh ri linn crìochan an tràchdais seo. A bharrachd orra sin, tha leabhraichean, bileagan, agus làmh-sgrìobhainnean Gàidhlig an Astralàisia a tha fhathast rin clàradh agus rin sgrùdadh tro phrosbaig ioma-chultaras agus tar-nàiseantas. Feumar cuideachd dol am barrachd doimhneachd ann an co-theacsa nan sgrìobhaidhean agus an cuid sgrìobhadairean. A dh’aindeoin gach uile oidhirp a rinneadh, cha robh e an-còmhnaidh furasta no comasach fiosrachadh gu leòr fhaotainn. ’S iad na ceistean nach gabhadh freagairt gu minig: càit an robh na h-in-imrichean nuair a chuir iad briathran Gàidhlig an sgrìobhadh no an cèill? Cò bha timcheall orra mun àm? Cò no ciod a bhrosnaich iad gu sgrìobhadh? Cò dha a sgrìobh iad? Cò bhiodh a’ leughadh no a’ toirt fa-near dha na sgrìobhaidhean? Ciamar a fhreagair luchd-leughaidh dha na sgrìobhaidhean? Mar a bhite an dùil, tha e cianail duilich cleasan ioma-chultarail a dhearbhadh às aonais freagairt dha cuid de na ceistean sin. Le sùil air an uiread de litreachas a dh’fhoillsicheadh gun urra, chan eil e fiù ’s furasta canail le cinnt cò bh’ anns na sgrìobhadairean. Dh’fhaodadh, ge-tà, gun toireadh anailis chorpais freagairt dhuinn an seo. Thig dualchainnt am bàrr ann an cuid de dh’earrannan

934 *Southern Cross*, 16 an Dùbhlachd 1893, td. 7.

935 Simoes da Silva, ‘The Nation or the Globe?’, td. 1; Besemeres agus Kwapisz Williams, ‘Waltzing St Kilda’, tdd. 3, 5.

is cothrom ann gum faigh sinn beachd air àite-àraich an sgrìobhadair ma bheir sinn sùil nas gèire air briathrachas agus abairtean. Chuireadh sin an comas dhuinn beachdachadh air an t-seòrsa àrach, foghlam, agus co-chomann a fhuair an fheadhainn a bha deònach is comasach air dol an sàs ann an glèidheadh agus rèiteachadh na Gàidhlig an cèin. Thathas an dùil co-dhiù gun cuir tasglannan didseatach an Astralàisia agus am Breatainn tuilleadh ghoireasan rin stòran-dàta. Ged a bhitheadh co-theacsa a dhìth oirnn an-diugh, dh'fhaoidte gum bi e ann a-màireach. Chì sinn, ma-tà, gu bheil pailteas de chothroman an lùib rannsachaidh air litreachas na Gàidhlig an Astralàisia. Tha goireasan didseatach, a tha a' sìor fhàs nas pailte is nas-ruigsinn, air tuilleadh is diofar thaobhan den eòlas imrich a thoirt am follais dhuinn. Thathas air cuideam a chur air taobh Astràilia is Aotearoa san tràchdas seo is gabhaidh toraidhean an sgrùdaidh cur ris an eòlas a tha againn air litreachas agus beatha nan imrichean Gàidhealach ron eilthreachd agus aig àm na h-eilthreachd. Mar a chanadh aig toiseach a' cho-dhùnaidh, cha b' ann gu luath air neo gu deònach a chuir na h-imrichean cùl ri gnothach air an robh an aithne phearsanta aca bonntaichte. Ann a bhith a' tighinn gu crìch, thathas airson briathran an Dr Iain MhicGillÌosa ath-aithris, 'Cha robh naire air Gaidheal ceart riamh air son a dhùthaich no air son cainnt a mhàthar. Carson a bhidheadh?'⁹³⁶

936 NZPO, 19 an Gearran 1881, td. 19.

Clàr-leughaidh

Prìomh thùsan

Pàipearan tasglainn

- Annabell, Angela, 'The Gaelic Folk Songs of the Waipu Settlers', Clàr: 2000-199-1/08, Talks and Speeches, Leabharlann Alexander Turnbull, Wellington, Aotearoa Sealann Nuadh.
- [Anon], 'Book; New Testament and Psalms [in Gaelic]', Clàr: E-035, Sacred Writing Collection, Toitu Otago Settlers Museum, Dunedin, Aotearoa Sealann Nuadh.
- [Anon], 'Register of Prisoners in County Prisons 1838-1875, Clàr frcTNA//CCC/2D/HO23/00005118, Tasglann Nàiseanta Bhreatainn, Lunnainn, Sasainn.
- [Anon], 'Scrapbook of historical memorabilia', AG-542/005, Cruinneachadh Hocken, Dunedin, Aotearoa Sealann Nuadh.
- [Anon], 'Shipping Master's Office; Passengers Arriving 1855-1922', NRS13278, [X102-104] reel 408, State Records Authority of New South Wales, Astràilia.
- MacGillÌosa, Iain F., 'Newspaper clippings book', MS-1653, 273G, Cruinneachadh Hocken, Dunedin, Aotearoa Sealann Nuadh.
- MacLean, Hector, 'fl 1888: Letters', MS-Papers-3517, Leabharlann Alexander Turnbull, Wellington, Aotearoa Sealann Nuadh.

Pàipearan Pàrlamaid

- Appendix to the Journal of the House of Representatives*, 1872 Session I, D-01C.
- Bowen, Charles, *The New Zealand Parliamentary Debates* (1877).

Pàipearan-naidheachd

- Akaroa Mail and Banks Peninsula Advertiser*
- Alloa Advertiser*
- Ashburton Guardian*
- Auckland Star*
- Bee*
- Bruce Herald*
- Dominion*
- Dublin Weekly Nation*
- Dunstan Times*
- Geelong Advertiser and Intelligencer*
- Gippsland Times*
- Hamilton Spectator*
- Hasting's Standard*
- Hawke's Bay Herald*
- Hawke's Bay Tribune*
- Inverness Courier*
- Moonta Herald and Northern Territory*
- Mount Alexander Mail*
- Mount Ida Chronicle*
- Nelson Evening Mail*
- New Zealand Gazette and Wellington Spectator*
- Newcastle Morning Herald and Miners' Advocate*

North British Daily Mail
North Briton
Northern Chronicle and General Advertiser for the North of Scotland
Northern Star
Oamaru Mail
Orcadian
Portland Guardian and Normanby General Advertiser
Sydney Gazette
Taranaki Herald
Tasmanian News
Teachdaire nan Gaidheal
Thames Advertiser
Thames Star
The Advertiser
The Argus
The Ashburton Guardian
The Banner
The Border Morning Mail and Riverina Times
The Caledonian Mercury
The Clarence and Richmond Examiner
The Clarence River Advocate
The Colonial Observer
The Colonist
The Cornwall Chronicle
The Courier-Mail
The Cumberland Mercury
The Daily Mercury
The Daily Standard
The Daily Telegraph
The Elgin Courant and Morayshire Advertiser
The Evening News
The Evening Star
The Grafton Argus and Clarence River General Advertiser
The Hamilton Spectator and Grange District Advertiser
The Hamilton Spectator, Director and Almanac for 1877
The Highlander
The Hobart Town Advertiser
The Hobart Town Mercury
The Inverness Advertiser and Ross-shire Chronicle
The Inverness Courier
The Maitland Mercury and Hunter River General Advertiser
The Mercury
The Narracoorte Herald
The Newcastle Chronicle
The New Zealand Herald
The New Zealand Mail
The New Zealand Public Opinion, Sportsman and Saturday Advertiser
The News
The Norfolk Weekly News-journal
The North Otago Daily Times

The North Otago Times
The Oban Times
The Oamaru Times and Waitaki Reporter
The Otago Daily Times
The Otago Witness
The Pennant
The People's Advocate and True Friend of Tasmania
The Perthshire Advertiser
The Richmond River and Northern Districts Advertiser
The South Australian Advertiser
The Southern Cross
The Southland Times
The Sun
The Sydney Morning Herald
The Sydney Standard and Colonial Advocate
The Tasmanian Colonist
The Tasmanian Daily News
The Tasmanian Telegraph
The Tuapeka Times
The Wanganui Herald
The Western Star
Waipawa Mail
Wanganui Chronicle
Wanganui Herald
Wellington Independent
Westport Times

Irish

An Cuairtear Og Gaidhealach
An Fhianuis
An Gaidheal
An Teachdaire Gae'lach
An Teachdaire Gaidhealach
Casket
Cuairtear nan Gleann
Fear na Ceilidh
Fear-Tathaich nam Beann
Gairm
Guth na Bliadhna
Mac-Talla
Teachdaire nan Gàidheal
The Australian Journal
The Celtic Magazine
The Celtic Monthly
The Jacobite
The New Zealand Scot
The New Zealand Tablet
The Presbyterian Magazine
The South African Scot
Zealandia

Fèillirean

Am Feillire

Leabhraichean, leabhraichean, agus altan

- An t-Urr. Camshron, Eachann, *Na Baird Thirisdeach, Saothair ar Co-luchd-duthcha air an Tigh 's Bho'n Tigh* (Tiriodh, 1932).
- An t-Urr. MacGilleain Sinclair, A., *Clàrsach na Coille; A Collection of Gaelic Poetry* (Glaschu, 1881).
- An t-Urr. MacLeòid, Tormod, *Co'Chruinneachadh, air a Chur r'a chèile air Iarrtas Comuinn Ard-Sheanadh Eagluis na h-Alba; airson an Sgoilean, air feadh Tìr-mòr agus Eileana na Gaeltachd* (Glaschu, 1828).
- An t-Urr. MacLeòid, Tormod, *Leabhar nan Cnoc: Comh-chruinneachadh do Nithibh Sean agus Nuadh; airson Oilean agus Leas nan Gaidheal* (Grianaig, 1834).
- An t-Urr. MacLeòid, Tormod, *Caraid nan Gaidheal* (Glaschu, 1867).
- [Anon], *Litir Impidh agus Rabhaidh a chum luchd-eisdeachd an t-soisgeil an canain an sinnsear ann an coimhthional nan Gaidheal a'm Melbourne* (Melbourne, ?1854?).
- Barclay, Peter, *Gearr-chunntasan air New Zealand; Air son feuma luchd-imrich* (Dùn Èideann, 1872).
- Caldair, Deòrsa, deas., *Òrain Ghàidhealach le Donnchadh Macantsaoir* (Dùn Èideann, 1912).
- Cameron Robertson, Angus, *Salt Sea tang* (Dunedin, 1927).
- Chisholm, Colin, *Orain agus Sgeulachdan; Unpublished old Gaelic Songs, with illustrative traditions* (Inbhir Nis, 1885).
- Dwelly, Edward, *A Gaelic Dictionary; Specially designed for beginners and for use in schools* (Herne Bay, 1902).
- Hogg, James, *The Jacobite Relics of Scotland; Being the Songs, Airs, and Legends, of the Adherents of the House of Stuart* (Dùn Èideann, 1821).
- De Fordun, Johannis; agus Skene, W. F.; agus Skene, Felix J. H., deas., *Chronica Gentis Scotorum* (Dùn Èideann, 1871-2).
- Laing, Uisdean, *Gu Tir Mo Luaidh; Dàn Eilthireach, Sgeulachdan agus Eachdraidh* (Steòrnabhagh, 1964).
- Mac Dhomhnull, Iain Dubh 'ic Iain, *Duanagan agus Sgeulachdan Beaga* (Glaschu, 1937).
- M'Dougall, Robert, *Ceann-iùil an Fhir-imrich do dh'America Mu-thuath; The Emigrant's Guide to North America* (Glaschu, 1841).
- MacAskill, Iain Archie agus; Morrison, Alick, deas., *An Ribheid Chiuil; being the Poems of Iain Archie MacAskill, 1898-1933; Bard of Berneray, Harris* (Sruighlea, 1961).
- MacCoinnich, Aonghas, *Eachdraidh na h-Alba* (Glaschu, an t-Òban, Inbhir Nis, 1867).
- MacDonald, Hugh, *Comh-chruinneachadh de Laoidhean Spioradail* (An t-Òban, 1893).
- MacGillÌosa, Iain, *Litir bho Iain Mac Gil' Ios', A New Zealand* (Glaschu, 1858).
- Mac-Gill'Ios', Iain, *Cumha do Eoghan Mac Coinnich, a chaochail 'an Otago, New Zealand, air an T-seachdamh la de cheud mhios na Bliadhna 1867* (Glaschu, 1867).
- MacGgriogair, Seumas, *Dain a Chomhadh Crabhuidh* (Glaschu, 1825).
- Mackay, Jessie, *The Spirit of the Rangaitira and other ballads* (Melbourne, 1889).
- Mackay, Jessie, *From the Maori Sea* (Christchurch, 1904).
- Mac-na-Ceàrdadh, Gilleasbuig, *An t-Òranaiche; No Co-thional taghte do Òrain ur agus shean; a' chuid mhòr dhiubh nach robh riamh roimhe ann an clò* (Glaschu, 1879).
- MacLeòid, Calum C., deas., *The Celtic Annual; The Year Book of Dundee Highland Society* (Dùn Dé, 1911).
- Martin, S. M. D., *New Zealand; in a Series of Letters* (Lunnainn, 1845).

- Meinne, Gilleasbuig, *Comhchruinnacha Do dh'Orain Thaghta Ghaidhealach* (Glaschu, 1870).
 Nicholson, Alexander (deas.), *A Collection of Gaelic Proverbs and Familiar Phrases based on MacIntosh's Collection* (Dùn Èideann, 1882).
 Watts, Isaac, *Da Leabhar Cheistin agus Urnuighean; No Crabhadh Chloinne Bige fuidh dha bhliadhna dheug aois* (Dùn Èideann, 1774).
 Webster, John, *The Duchess of Malfi* (The Floating Press, 2009).

Dàrna tùsan

Leabhraichean agus altan

- Akenson, Donald Harman, 'The Great European Migration and Indigenous Populations', ann an Graeme Morton agus David A. Wilson (deas.), *Irish and Scottish Encounters with Indigenous Peoples; Canada, the United States, New Zealand, and Australia* (Montreal, 2013), tdd. 22-48.
- [Anon], *Cyclopedia of New Zealand* (Otago & Southland Provincial Districts) (Christchurch, 1905).
- Appadurai, Arjun, *Modernity at Large: Cultural Dimensions of Globalization* (Lunnainn, 1996).
- Baines, Dudley, *Migration in a Mature Economy: Emigration and Internal Migration in England and Wales, 1861-1900* (Cambridge, 1985).
- Balfour, Roderick A. C., 'The Highland and Island Emigration Society: 1852-1858', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* 57, tdd. 429-566.
- Bateman, Meg, 'Women's Writing in Scottish Gaelic Since 1750', Douglas Gifford agus McMillan, Dorothy (deas.), *A History of Scottish Women's Writing* (Dùn Èideann, 1997), tdd. 659-676.
- Bateman, Meg; agus Purser, John, *Window to the West* (Slèite, 2020).
- Beattie, James, 'Fashioning a Future: Part I: Settlement, Improvement, and the Conservation in the European Colonisation of Otago, 1840-60', *International Review of Environmental History* 6:2 (2020), tdd. 75-102.
- Belich, James, *Paradise Reforged: A History of the New Zealanders from the 1880s to the Year 2000* (Auckland, 2001).
- Bennett, Margaret, *Oatmeal and the Catechism; Scottish Gaelic Settlers in Quebec* (Dùn Èideann, 1998).
- *Scottish Customs; From the Cradle to the Grave* (Dùn Èideann, 2004).
- Besemeres, Mary; agus Kwapisz Williams, Katarzyna, "'Waltzing St Kilda': Writing in Polish in Australia', *Journal of the Association for the Study of Australian Literature* 21:1 (2021), tdd. 1-22.
- Bingham, Adrian, 'The Digitization of Newspaper Archives: Opportunities and Challenges for Historians', *Twentieth Century British History* 21:2 (2010), tdd. 225-231.
- Black, R. I. M., 'An emigrant's letter in Arran Gaelic, 1834', *Scottish Gaelic Studies* 31 (1992-1993), tdd. 63-87.
- *An Tuil: Anthology of 20th Century Scottish Gaelic Verse* (Dùn Èideann, 1999).
- *An Lasair; Anthology of 18th Century Scottish Gaelic Verse* (Dùn Èideann, 2019).
- Boehmer, Elleke, *Colonial & Postcolonial Literature* (Oxford, 1995).
- Bones, Helen, *The Expatriate Myth: New Zealand Writers and the Colonial World* (Dunedin, 2019).
- Bonwick, James, *Early Struggles of the Australian Press* (Lunnainn, 1890).
- Brake, Laurel, 'Half full and half empty', *Journal of Victorian Culture* 17 (2012), tdd. 222-229.

- Breathnach, Ciara, 'Irish Catholic Identity in 1870s Otago, New Zealand', *Immigrants & Minorities* 31:1 (2013), tdd. 1-26.
- Brett, André, 'Dreaming on a railway track: public works and the demise of New Zealand's provinces', *The Journal of Transport History* 36:1 (2015), tdd. 77-96.
- *Acknowledge No Frontier: The Creation & Demise of NZ's Provinces 1853-76* (Dunedin, 2016).
- Brett, Bev; agus Mac a' Phearsain, Alick (deas.), *Letters to Mac-Talla from John Munro; A Cape Breton Gael in New Zealand, 1894-1902* (Baddeck, Alba Nuadh, 2016).
- Brookes, Barbara, *A History of New Zealand Women* (Wellington, 2016).
- Brooking, Tom, "'Tam McCanny and Kitty Clydeside' – the Scots in New Zealand", ann an R.A. Cage (deas.), *The Scots Abroad: Labour, Capital, Enterprise, 1750-1914* (Beckenham, 1985), tdd. 156-190.
- *Lands for the People? The Highland Clearances and the Colonisation of New Zealand; A Biography of John McKenzie* (Dunedin, 1996).
- 'The Great Escape: Wakefield and the Scottish Settlement of Otago', ann an *Edward Gibbon Wakefield and the Colonial Dream: A Reconsideration* (Wellington: Friends of the Turnbull Library, 1997), tdd. 127-130.
- Bueltmann, Tanja, *Scottish Ethnicity and the Making of New Zealand Society, 1850 to 1930* (Dùn Èideann, 2011).
- *Clubbing Together; Ethnicity, Civility and Formal Sociability in the Scottish Diaspora to 1930* (Liverpool, 2014).
- Bueltmann, Tanja; Hinson, Andrew; agus Morton, Graeme, *The Scottish Diaspora* (Dùn Èideann, 2013).
- Bunbury, W., 'Newspapers and Literature in Western Australia, 1829-1859', *Westerly* 23:1 (Am Màrt, 1978), tdd. 65-83.
- Byrne, Jeb, 'The comparative development of newspapers in New Zealand and the United States in the Nineteenth Century', *American Studies International* 37:1 (An Gearran, 1999), tdd. 55-70.
- Campbell, Keith R., 'Presbyterian Conflicts in New South Wales, 1837-1865', *Journal of Religious History* (An t-Ògmhios, 1969), tdd. 233-247.
- Cardell, Kerry; agus Cumming, Cliff, 'Gaelic Voices from Australia: Part I. Leaving the Homeland', *Scottish Gaelic Studies* 19 (1999), tdd. 21-58.
- 'Gaelic Voices from Australia: Part II. First Impressions', *Scottish Gaelic Studies* 21 (2003), tdd. 9-45.
- 'Gaelic Voices from Australia Part III. The Highlanders' later experiences', *Scottish Gaelic Studies* 25 (2009), tdd. 181-233.
- 'Gaelic Voices from Australia Part IV. Gaels and their Associations', *Scottish Gaelic Studies* 27 (2010), tdd. 45-108.
- 'Gaelic Voices from Australia Part V. Gaels and their Language', *Scottish Gaelic Studies* 30 (2016), tdd. 5-53.
- *Sgeulachdan Goirid agus Bàrdachd à Astràilia; Gaelic Voices from Australia in the Nineteenth Century* (Austins Ferry, 2020).
- Cardell, Kerry; Cumming, Cliff; agus Bakker, Robert, *Comunn na Feinne 1856-1946; More than a pub name* (Milton Keynes, 2018).
- Cave, Roderick, 'Advertising, Circulation and Profitability: Aspects of the Early Colonial Press', *Bibliographical Society of Australia and New Zealand Bulletin* 14:1 (Ciad ràith, 1990), tdd. 1-13.
- Chaimbeul, Màiri Sìne, *Iain mac Mhurchaidh: The Life and work of John MacRae, Kintail and North Carolina* (Glaschu, 2020).
- Coburn, Dawn, *Mull to Middlemarch; The MacFadyens* (BookPrint, Sealann Nuadh, 2021).

- Cohen, Erez, 'Non-Anglo and Non-Aboriginal Australian Multiculturalism, the thirs side of the Black/White Divide' ann an Lynette Russell (deas.), *boundary writing: An Exploration of Race, Culture, and Gender Binaries in Contemporary Australia* (Honolulu, 2006), tdd. 66-85.
- Coleman, Jennie, 'Gaelic (Scots)', ann an Jennie Coleman (deas.), *Book & Print in New Zealand: A Guide to Print Culture in Aotearoa* (Wellington, 1997), <https://nzetc.victoria.ac.nz/tm/scholarly/tei-GriBook-div3-N140F6.html> [ruigte 14.02.2024].
- Collombier-Lakeman, Pauline, 'Applying a Transnational Approach to the Question of Irish Home Rule: Ireland, New Zealand and Home Rule', *Revue Francaise de Civilisation Britannique* 24:2 (2019), tdd. 1-19.
- Cox, Richard A. V., *Geàrr-gràmar na Gàidhlig* (Ceann Drochaid, 2017).
- Crane, Rosi, 'A better day dawned for biology': T. J. Parker, New Zealand Huxleyite', *Studies in History and Philosophy of Science* 91 (2022), tdd. 262-269.
- Cranston, C. A., 'Rambling in Overdrive: Travelling Through Tasmanian Literature', *Tasmanian Historical Studies* 8:2 (2003), tdd. 28-39.
- Dalziel, Raewyn, 'The Colonial Helpmeet: Women's Role and the Vote in Nineteenth-century New Zealand', *New Zealand Journal of History* 11:2 (An Dàmhair, 1977), tdd. 112-123.
- Dasenbrock, Reed Way, 'Intelligibility and Meaningfulness in Multicultural Literature in English', *PMLA* 102:1 (Am Faoilleach, 1987), tdd. 10-19.
- Devine, T. M., 'Highland Migration to Lowland Scotland, 1760-1860', *The Scottish Historical Review* 62:174 (An Dàmhair, 1983), tdd. 137-149.
- *The Great Highland Famine: Hunger, Emigration and the Scottish Highlands in the Nineteenth Century* (Dùn Èideann, 1988).
- *Scottish Emigration and Scottish Society* (Dùn Èideann, 1992).
- *Clanship to Crofters' War. The social transformation of the Scottish Highlands* (Manchester, 1994).
- Donaldson, W., *The Jacobite Song: Political Myth and National Identity* (Obar Dheathain, 1988).
- Dougall Merriman, Brenda, 'Donald Mackinnon's Account of the Island of Coll and its People (3)', *West Highland Notes & Queries*, 3:20 (2012), tdd. 14-20.
- Dunbar, Robert Douglas, 'The Poetry of the Emigrant Generation', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* (2004-2006), tdd. 22-125.
- 'Gaelic Periodicals and the Maintenance and Creation of Networks: Evidence from the Eastern Canadian Gàidhealtachd', ann am Michel Byrne agus Sheila Kidd (deas.), *Liontan Lìonmhor: Local, National and Global Gaelic Networks from the 18th Century to the 20th Century* (Glaschu, 2019), tdd. 108-153.
- Durkacz, Victor Edward, *The Decline of the Celtic Languages; A Study of Linguistic and Cultural Conflict in Scotland, Wales and Ireland from the Reformation to the Twentieth Century* (Dùn Èideann, 1983).
- Ellingson, Ter, *The Myth of the Noble Savage* (Berkeley, 2001).
- Emmerson, Mark, 'Gold, Ink, and bitter disappointment: Swedish Journalist Corfitz Cronqvist in Australasia, 1857-95', *Melbourne Historical Journal* (2013), tdd. 65-81.
- Entwistle, Evelyn, *History of the Gaelic Society of New Zealand, 1881-1981* (Dunedin, 1981).
- Evison, Harry C., *The Long Dispute; Maori Land Rights and European Colonisation in Southern New Zealand* (Christchurch, 1997).
- Fargher, Ray, *The Best Man who ever served the Crown? A Life of Donald MacLean* (Wellington, 2007).

- Fenyô, Krisztina, *Contempt, Sympathy and Romance' Lowland perceptions of the Highlands and the clearances during the Famine years, 1845-1855* (Cambridge, 2014).
- Ferguson, Donald A., deas., *Fad air falbh as Innse Gall; leis chom-chruinneachadh Cheap Breatuinn* (Halifax, 1977).
- Gardner, Peter Dean, *Our Founding Father; Angus McMillan and the Kurnai Tribe of Gippsland 1839-1865* (Ensay, Victoria, 1990).
- Gerber, David A., 'The Immigrant Letter between Positivism and Populism: The Uses of Immigrant Personal Correspondence in Twentieth-Century American Scholarship', *Journal of American Ethnic History* 16:4 (1997), tdd. 3-34.
- Grant, Ian F., *Lasting Impressions; The story of New Zealand's newspapers, 1840-1920* (Wellington, 2018).
- Green, Nancy L., 'The comparative method and poststructural structuralism: new perspectives for migration studies', *Journal of American Ethnic History* 13:4 (An Samhradh, 1994), tdd. 3-22.
- Greenop, Frank S., *History of Magazine Publishing in Australia* (Sydney, 1947).
- Grimshaw, Patricia, 'Settler Anxieties, Indigenous Peoples, and Women's Suffrage in the Colonies of Australia, New Zealand, and Hawai'i, 1888 to 1902', *Pacific Historical Review*, Woman Suffrage: The View from the *Pacific* 69:4 (An t-Samhain, 2000), tdd. 553-572.
- Gunderloch, Anja, *The Gaelic Manuscripts of Glasgow University* (Glaschu, 2007).
- Hamilton, Robert, *A Jubilee History of the Presbyterian Church of Victoria; Or The Rise and Progress of Presbyterianism from the Foundation of the Colony to 1888* (Melbourne, 1888).
- Harland, Jill, 'Spin Doctors or Informed Lobbyists? The Voices of Four Presbyterian Ministers in the Emigration of Scots to the Antipodes, 1840-80', *Journal of Irish and Scottish Studies* 10:1 (2022), tdd. 21-49.
- Harper, Marjorie, *Emigration from Scotland* (Manchester, 1998).
- 'Enticing the Emigrant: Agency Activity in the Highlands', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* 62 (2002), tdd. 54-78.
- *Adventurers and Exiles; the Great Scottish Exodus* (Lunnainn, 2003).
- 'The persuaders: recruiting Scots for New Zealand', *History Scotland* 10:4 (2010), tdd. 15.
- 'A Century of Scottish Emigration to New Zealand', *Immigrants & Minorities* 29:2 (An t-Iuchar, 2011), tdd. 220-239.
- 'The evolution of emigrant travel to New Zealand in the nineteenth and twentieth centuries', *Journal for Maritime Research* 18:1 (2016), tdd. 17-35.
- Harper, Marjory; agus Constantine, Stephen, *Migration and Empire* (Oxford, 2010).
- Harvey, Ross, 'Newspaper Archives in Australia and New Zealand', *Media History* 5:1 (1999), tdd. 71-80.
- Hornsby, Stephen J., 'Patterns of Scottish emigration to Canada, 1750-1870', *Journal of Historical Geography* 18:4 (1992), tdd. 397-416.
- Huistra, Hieke; agus Mellink, Bram, 'Phrasing history: Selecting sources in digital repositories', *Historical Methods: A journal of Quantitative and Interdisciplinary History* 49:4 (2016), tdd. 220-229.
- Hunt, E. H., 'Industrialization and Regional Inequality: Wages in Britain, 1760-1914', *The Journal of Economic History* 46:4 (An Dùbhlachd, 1986), tdd. 935-966.
- Hurst, W. J., *The Cyclopedia of New Zealand [Auckland Provincial District]* (Christchurch, 1902).
- Johnson, Ralph, 'The Northern War 1844-1846; An overview report commissioned by the Crown Forestry Rental Trust', Northland Research Programme (2006).

- Jupp, James, *Immigration* (Melbourne, 1998).
- Kennedy, Michael, “Lochaber no more”: A Critical Examination of Highland Emigration Mythology’, ann am Marjory Harper agus Michael E. Vance (deas.), *Myth, Migration and the Making of Memory. Scotia and Nova Scotia c.1700-1990* (Halifax, Alba Nuadh, 1999), tdd. 267-297.
- Kidd, Sheila M., ‘Caraid nan Gaidheal and ‘Friend of Emigration’: Gaelic Emigration Literature of the 1840s’, *The Scottish Historical Review* 81:211 (An Giblean, 2002), tdd. 52-69.
- ‘Tormod MacLeòid: árd-chonsal nan Gàidheal’, ann an Sheila M. Kidd (deas.), *Glasgow: baile mòr nan Gàidheal; city of the Gaels* (Glaschu, 2007), tdd. 107-129.
- ‘A thaghdair nan Gaidhealach: early Gaelic electioneering’, ann an K. E. Nilsen (deas.), *Rannsachadh na Gàidhlig 5: Fifth Scottish Gaelic Research Conference* (Sydney, NS, 2010), tdd. 116-133.
- ‘Early Gaelic Periodicals: Knowledge Transfer and Impact’, ann an Nancy McGuire agus Colm Ó Baoill (deas.), *Rannsachadh na Gàidhlig 6* (Obar Dheathain, 2013), tdd. 177-206.
- Kidd, Sheila M., ‘Fo ghrèin loisgich nan Innsean’: na h-Innseachan an Ear tro shùilean Gàidhealach’, *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* 66 (2014), tdd. 141-173.
- *Còmhradh nan Cnoc* (Glaschu, 2016).
- ‘Kangaroos and Cockatoos: Gaelic Literature in the Nineteenth-Century Antipodes’, *Scottish Literary Review* 9:2 (Foghar/Geamhradh, 2017), tdd. 1-18.
- ‘Electioneering in Gaelic Perthshire’, *The People’s Voice* (Oilthigh Ghlaschu, 2018).
- ‘“Gaelic a recommendation”: language and employment in the nineteenth-century Highlands’, *Journal of Scottish Historical Studies* 40:2 (2020), tdd. 77-102.
- ‘The Scottish Gaelic Press’, ann an David Finkelstein (deas.), *The Edinburgh History of the British and Irish Press, Volume 2; Expansion and Evolution 1800-1900* (Dùn Èideann, 2020), tdd. 337-356.
- ‘Gaelic Literature of the Diaspora’, ann an Sheila M. Kidd, Caroline McCracken-Flesher, Kenneth McNeil (deas.), *The International companion to nineteenth-century Scottish literature* (Glaschu, 2022), tdd. 115-124.
- King, Kendall A.; agus Ennser-Kananen, Johanna, ‘Heritage Languages and Language Policy’, ann an Carol A. Chapelle (deas.), *The Encyclopedia of Applied Linguistics* (Oxford, 2013).
- Laing, Calum, *An t-Urramach Iain MacRuairidh; A Bheatha agus na Sgeulachdan aige* (Inbhir Nis, 2013).
- Lange, Stuart, ‘The Scottish character and identity of the Presbyterian tradition in New Zealand: from almost pervasive to barely remembered’, *Scottish Church History* 45:1 (2016), tdd. 117-131.
- Laracy, Hugh M., ‘Bishop Moran: Irish Politics and Catholicism in New Zealand’, *The Journal of Religious History* 6:1 (1970), tdd. 62-76.
- ‘Paranoid Popery: Bishop Moran and Catholic Education in New Zealand’, *New Zealand Journal of History* 10:1 (1976), tdd. 51-62.
- Lenihan, Rebecca, *From Alba to Aotearoa; Profiling New Zealand’s Scots migrants 1840-1929* (Dunedin, 2015).
- Lynch, Michael, deas., *The Oxford Companion to Scottish History* (Oxford, 2001).
- Mac Gill-Eain, Somhairle; agus Gillies, William, deas., *Ris a’ Bhruthaich; Criticism and Prose Writings* (Steòrnabhagh, 1985).
- MacAonghais, Iain, ‘Gaelic Poetry and the Historical Tradition’, ann am Michael Newton (deas.), *Dùthchas nan Gàidheal; Selected Essays of John MacInnes* (Dùn Èideann, 2006), tdd. 3-33.

- ‘The Panegyric Code in Gaelic Poetry and its Historical Background’, ann am Michael Newton (deas.), *Dùthchas nan Gàidheal; Selected Essays of John MacInnes* (Dùn Èideann, 2006), tdd. 265-319.
- ‘Gaelic Poetry in the Nineteenth Century’ ann am Michael Newton (deas.), *Dùthchas nan Gàidheal; Selected Essays of John MacInnes* (Dùn Èideann, 2006), tdd. 357-379.
- ‘Am Fàsach ann an Dùthchas nan Gàidheal’, ann am Michael Newton (deas.), *Dùthchas nan Gàidheal; Selected Essays of John MacInnes* (Dùn Èideann, 2006), tdd. 492-500.
- MacArthur, Dugald, ‘Some Emigrant Ships from the West Highlands’, *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* 55 (1986-1988), tdd. 324-345.
- MacDonell, Margaret, *The Emigrant Experience; Songs of Highland Emigrants in North America* (Toronto, 1982).
- MacGregor, Martin, deas., *Miorun mòr nan Gall, ‘The great ill-will of the Lowlander’? Lowland perceptions of the Highlands, medieval and modern* (Glaschu, 2009).
- MacIlleathain, Dòmhnall, *Typographia Scoto-Gadelica; Or Books printed in the Gaelic of Scotland from the year 1567 to the year 1914 with bibliographical and biographical notes* (Dùn Èideann, 1915).
- MacIntyre, Martin L., *Clan MacIntyre* (Leabhar-e Kindle, 2018).
- MacKenzie, Ann, deas., *Island Voices; Air Bilibh an t-Sluaigh, Traditions of North Mull* (Edinburgh, 2002).
- MacKenzie, John M., ‘A Scottish Empire? The Scottish diaspora and interactive identities’, ann an Tom Brooking agus Jennie Coleman (deas.), *The Heather and the Fern; Scottish Migration & New Zealand Settlement* (Dunedin, 2003), tdd. 17-32.
- MacKinnon, Iain, ‘Colonialism and the Highland Clearances’, *Northern Scotland* 8 (2017), tdd. 22-48.
- Maclean-Bristol, Nicholas, ‘Donald Mackinnon’s Account of the Island of Coll and its People’, *WHN&Q*, 3:17 (2011), tdd. 7-14.
- ‘Donald Mackinnon’s Account of the Island of Coll and its People (2)’, *WHN&Q*, 3:19 (2012), tdd. 10-15.
- Maclean-Bristol Nicholas agus Black, Ronald, ‘Donald Mackinnon’s Account of the Island of Coll and its People (4)’, *WHN&Q*, 3:21 (2013), tdd. 24-28.
- ‘An Account of the Isle of Coll, Knockleathan’, *WHN&Q*, 3:22 (2013), tdd. 20-30.
- ‘Donald Mackinnon’s Account of the Island of Coll and its People (6)’, *WHN&Q*, 3:23 (2013), tdd. 11-32.
- MacLean Sinclair, A., ‘The Origin of the Clan Maclean. II.—The Macleans of Duart’, *The Celtic Magazine* 13:151 (An Cèitean, 1888), tdd. 297-302.
- MacLeòid, Calum Iain M., deas., *Bàrdachd à Albainn Nuaidh* (Glaschu, 1970).
- MacLeod, Michelle, ‘The *cianalas* code: bridging traditional song and modern verse’, *Scottish Gaelic Studies* 26 (Obar Dheathain, 2010), tdd. 67-86.
- MacThòmais, Ruaraidh, *An Introduction to Gaelic Poetry* (Dùn Èideann, 1989).
- Madley, Benjamin, ‘From Terror to Genocide: Britain’s Tasmanian Penal Colony and Australia’s History Wars’, *Journal of British Studies* 47:1 (Am Faoilleach, 2008), tdd. 77-106.
- Martin, Ruth Lee, ‘Paradise Imagined: Songs of Scots Gaelic migrants in Australia, 1850-1940’, *Humanities Research* 19:3 (2013), tdd. 27-44.
- Mathis, Kate Louise, ‘Gaelic women’s poetry’, ann an Leith Davis agus Janet Sorenson (deas.), *The International Companion to Scottish Literature of the Long Eighteenth Century* (Glaschu, 2021), tdd. 199-219.
- McCarthy, Angela, ‘“The Only Place Worth Thinking about”: Personal Testimony and Irish and Scottish Migrants in Australasia, 1921-61’, *Social History* 33:3 (An Lùnastal, 2008), tdd. 317-335.

- *Scottishness and Irishness in New Zealand since 1840* (Manchester, 2011).
- McCarthy, Angela; agus Coleborne, Catherine, *Migration, Ethnicity, and Mental Health; International Perspectives, 1840-2010* (Abingdon, 2012).
- McEwan-Fujita, Emily, ‘Language revitalization discourses as metaculture: Gaelic in Scotland from the 18th to 20th centuries’, *Language & Communication* 31 (2011), tdd. 48-62.
- McLaughlin, Charles, ‘Adventures in AustLit: The Goldfields Bards of Western Australia’, *Westerly* 54:1 (An t-Iuchar, 2009), tdd. 133-137.
- McLeod, Wilson, ‘Securing the Status of Gaelic? Implementing the Gaelic Language (Scotland) Act 2005’, *Scottish Affairs* 57 (Am Foghar, 2006), tdd. 19-38.
- McPherson, Flora, *Watchman Against the World; The story of Norman McLeod and his people* (Lunnainn, 1962).
- McQueen, H., ‘Convicts and Rebels’, *Labour History* 15 (An t-Samhain, 1968), tdd. 3-30.
- Meek, Donald E., deas., *Tuath is Tighearna; Tenants and Landlords* (Dùn Èideann, 1995).
- *The Quest for Celtic Christianity* (Dùn Èideann, 2000).
- ‘The pulpit and the pen: clergy, orality and print in the Scottish Gaelic world’, ann an Adam Fox agus Daniel Woolf (deas.), *Spoken Word: Oral Culture in Britain, 1500-1850* (Manchester, 2002), tdd. 84-118.
- *Caran an t-Saoghail; The Wiles of the World; Anthology of 19th Century Scottish Gaelic Verse* (Dùn Èideann, 2003).
- “Nuair Chuimhnicheam an Cuilithionn”: Àite Samhlachail na Tìre is Cruth na Tìre ann am Bàrdachd Ghàidhlig na Naoidheamh Linn Deug’, ann an Wilson MacLeod agus Màire Ní Annracháin (deas.), *Cruth na Tìre* (Baile Átha Cliath, 2003), tdd. 1-38.
- ‘Gaelic Printing and Publishing’, ann am Bill Bell (deas.), *The Edinburgh History of the Book in Scotland, Vol. 3, Ambition and Industry 1800-1880* (2007), tdd. 107-122.
- ‘The bardic blacksmith of Lismore and Govan: Iain MacAonghais / John MacInnes (1821-1884)’, *Aiste* 6 (2023), tdd. 129-172.
- Miller, F. W. G., *Hokonui; The School and the People* (Invercargill, 1982).
- Moffat, Kirstine, ‘The Poetry and Fiction of Scottish Settlers in New Zealand’, *Immigrants & Minorities* (Am Màrt 2012), 30:1, tdd. 59-77.
- Molloy, Maureen, ‘Friends, Neighbors, and Relations: The Practice of Kinship in Waipu, New Zealand, 1857-1917’, *Journal of Family History* 14:4 (Am Faoilleach, 1989), tdd. 313-330.
- Morton, Graeme; agus Wilson, David A.; deas., *Irish and Scottish Encounters with Indigenous Peoples; Canada, the United States, New Zealand, and Australia* (Montreal, 2013).
- Mycak, Sonia, ‘Australian Multicultural Literature: Dynamic and Dilemmas of the Self’, *Literature & Aesthetics* 12 (2011), tdd. 79-104.
- Ndeshi Namhila, Ellen, ‘Content and use of colonial archives: an under-researched issue’, *Arch Sci* 16 (2016), tdd. 111-123.
- Newby, Andrew G., ‘The Oban Times and the Early Land Agitation in the Highlands 1877–1881’, *Scottish Local History* 54 (an t-Earrach, 2002), tdd. 13–21.
- Newton, Michael, “‘Going to the Land of the Yellow Man’”: The Representation of Indigenous Americans in Scottish Gaelic Literature’, ann an Graeme Morton agus David A. Wilson (deas.), *Irish and Scottish Encounters with Indigenous Peoples; Canada, the United States, New Zealand, and Australia* (Montreal, 2013), tdd. 236-252.
- *Seanchaidh na Coille; The Memory-Keeper of the Forest; Anthology of Scottish-Gaelic Literature of Canada* (Sydney, Alba Nuadh, 2015).
- Nic a’ Ghobhainn, Màiri, deas., *Sheòl Mi ’n-Uiridh; Òrain mun t-Seòladh* (Llandysul, 2009).
- Kenneth E. Nilsen, ‘Some Notes on Pre-Mac-Talla Gaelic Publishing in Nova Scotia (with references to early Gaelic publishing in Prince Edward Island, Quebec and Ontario)’,

- ann an Colm Ó Baoil agus Nancy R. McGuire (deas.), *Rannsachadh na Gàidhlig 2000* (Obar Dheathain, 2002), tdd. 127-140.
- Ó Ciosáin, Niall, ‘Old Languages in a New Country: Publishing and Reading in the Celtic Languages in Nineteenth-Century Australia’, *Australasian Journal of Irish Studies* 11 (2011), tdd. 58-72.
- ‘The Print Cultures of the Celtic Languages, 1700-1900’, *Cultural and Social History* 10:3 (2013), tdd. 347-367.
- Ó Madagáin, Breandán, ‘Functions of Irish Song in the Nineteenth Century’, *Béaloideas* 53 (1985), tdd. 130-216.
- O’Hanlon, Fiona agus Paterson, Lindsay, ‘Gaelic Education since 1872’, ann an Robert Anderson, Mark Freeman, agus Lindsay Paterson (deas.), *The Edinburgh History of Education in Scotland* (Dùn Èideann, 2015), tdd. 304-352.
- Offwood, Donald, *Camerons of the Glen; The Story of the Camerons of Glenfalloch Station, Nokomai, Central Otago* (Christchurch, 2008).
- Osterhammel, Juergen, *Colonialism: A Theoretical Overview* (Princeton, 2005).
- Patterson, Brad, “‘It Is Curious How Keenly Allied in Character Are the Scotch Highlander and the Maori’: Encounters in a New Zealand Colonial Settlement”, ann an Graeme Morton agus David A. Wilson (deas.), *Irish and Scottish Encounters with Indigenous Peoples; Canada, the United States, New Zealand, and Australia* (Montreal, 2013), tdd. 144-169.
- Patterson, Brad; Brooking, Tom; agus McAloon, Jim, *Unpacking the Kists; The Scots in New Zealand* (Dunedin, 2013).
- Pearce, G. L., *The Scots of New Zealand* (Auckland, 1976).
- Phillips, Jock; agus Hearn, Terry, ‘The Peopling of New Zealand project: Reflections’, *Seminar on Ethnic Counting: How do we measure ethnic and cultural transfers in the British world?* (Am Màrt 2007).
- Pike, Lorna; agus Ó Maolalaigh, Roibeard, ‘Faclair na Gàidhlig and Corpas na Gàidhlig: New Approaches Make Sense’ ann an Janet Cruickshank agus Robert McColl Millar (deas.), *After the Storm: Papers from the Forum for Research on the Languages of Scotland and Ulster triennial meeting* (Obar Dheathain, 2013), tdd. 299-337.
- Proudfoot, Lindsay J.; agus Hall, Dianne P., *Imperial Spaces: Placing the Irish and Scots in Colonial Australia* (Manchester, 2011).
- Reynolds, Henry, *A History of Tasmania* (Melbourne, 2012).
- Richards, Eric, ‘Highland emigrants to South Australia in the 1850s’, *Northern Scotland* 5:1 (1982-83), tdd. 1-29.
- ‘The Last of the Clan and Other Highland Emigrants’, ann an Tom Brooking agus Jennie Coleman (deas.), *The Heather and the Fern; Scottish Migration & New Zealand Settlement* (Dunedin, 2003), tdd. 33-47.
- ‘Scottish voices and networks in colonial Australia’, ann an Angela McCarthy (deas.), *A global clan: Scottish migrant networks and identities since the eighteenth century* (Lunnainn, 2007), tdd. 150-182.
- *From Hirta to Port Phillip: the St Kilda Emigration to Australia in 1852* (Kershader, 2010).
- *The Highland Clearances; People, Landlords and Rural Turmoil* (Dùn Èideann, 2016).
- Ryan, Greg, ‘Drink and the Historians; Sober Reflections on Alcohol in New Zealand, 1840-1914’, *New Zealand Journal of History* 44:1 (2010), tdd. 35-53.
- Safran, William, ‘The Jewish diaspora in a comparative and theoretical perspective’, *Israel Studies* 10:1 (An t-Earrach, 2005), tdd. 36-60.
- Scott, Huw, deas., *Fasti ecclesiae scoticanæ* 8 (Dùn Èideann, 1950).
- Shaw, Margaret Fay, *Folksongs and folklore of South Uist* (Dùn Èideann, 1999).

- Shaw, John, 'What Gaels Communicate through Song and Singing', ann am Pekka Huttu-Hiltunen, Janne Seppänen, Eila Stepanova, Frog, agus Riikka Nevalainen (deas.), *In Laulu Kulttuurisena Kommunikaationa / Song as Culture Communication: Proceedings from the Runosong Academy Jubilee Seminar, 8-10 October 2010* (Kuhmo, 2010), tdd. 1-16.
- Simoes da Silva, Tony, 'The Nation or the Globe?: Australian Literature and/in the World', *Journal of the Association for the Study of Australian Literature* 14:5 (2014), tdd. 1-7.
- Simpson, Tony, *The Immigrants; The Great Migration from Britain to New Zealand, 1830-1890* (Auckland, 1997).
- Crichton Smith, Iain, *Towards the Human* (Loanhead, 1986).
- Stafford, Jane, 'Going Native: How the New Zealand Settler Became Indigenous', *Journal of New Zealand Literature* 23 (2005), tdd. 162-173.
- *Colonial Literature and the Native Author, Indigeneity and Empire* (Wellington, 2016).
- Stafford, Jane; agus Williams, Mark, *Maoriland: New Zealand Literature 1872-1914* (Wellington, 2006).
- Stiùbhart, Dòmhnall Uilleam, 'Use of Historical Traditions in Scottish Gaelic' ann an John Beech et al. (deas.), *Scottish Life and Society. A Compendium of Scottish Ethnology. Oral Literature and Performance Culture* (Dùn Èideann, 2007), tdd. 124-152.
- 'Highland rogues and the roots of Highland Romanticism', ann an C. MacLachlan (deas.), *Crossing the Highland Line: Cross-Currents in Eighteenth-Century Scottish Writing; selected papers from the 2005 ASLS Annual Conference* (Glaschu, 2009), tdd. 161-193.
- Stroh, Silke, *Uneasy Subjects; Postcolonialism and Scottish Gaelic Poetry* (Amsterdam, 2011).
- *Gaelic Scotland in the Colonial Imagination: Anglophone Writing from 1600 to 1900* (Evanston, 2017).
- Stuart, William David, *The Satyrs of Southland* (Gore, 1982).
- Stuart, Lurline, 'Colonial Periodicals: Patterns of Failure' *Bibliographical Society of Australia and New Zealand* 13:1 (1990), tdd. 1-10.
- Taylor, Alasdair; agus Taylor, Brian, 'Lost – and some Found: Scottish Gaelic Manuscripts in New South Wales', ann an Anders Ahlqvist agus Pamela O'Neill (deas.), *Celts and their Cultures at Home and Abroad; a Festschrift for Malcolm Broun* (Sydney, 2013), tdd. 349-366.
- Tregear, Peter, 'Fritz Hart and the 'Celtic Twilight' in Australia', *The Literary Review* 45:1 (2001), tdd. 173-179.
- Trotter, Margaret, *The McRaes of 'Braintra' Hokonui* (Invercargill, 1984).
- Veracini, Lorenzo, *Settler Colonialism; A Theoretical Overview* (Lunnainn, 2010).
- Waite, Noel, 'Printers' Proof; The Dunedin Master Printers' Association, 1889-1894', *BSANZ Bulletin* 25:1&2 (2001), tdd. 17-42.
- Stuart Wallace, *John Stuart Blackie: Scottish Scholar and Patriot* (Dùn Èideann, 2006).
- Watson, William, *Bardachd Ghaidhlig; Specimens of Gaelic Poetry; 1850-1900* (Sruighlea, 1932).
- Watson, Don, *Caledonia Australis; Scottish highlanders on the frontier of Australia* (Sydney, NSW, 1984).
- Watson, Moray, *An Introduction to Gaelic Fiction* (Dùn Èideann, 2011).
- Webby, Elizabeth, 'The Beginnings of Literature in Colonial Australia' ann am P. Pierce (deas.), *The Cambridge History of Australian Literature in Colonial Australia* (Cambridge, 2009), tdd. 34-51.
- Wilkie, Benjamin, *The Scots in Australia 1788-1938* (Dùn Èideann, 2017).
- Zhong, Huang, 'Towards a Multilingual National Literature: The *Tung Wah Times* and the origins of Chinese Australian Writing', *Journal of the Association for the Study of Australian Literature* 15:3 (2015), tdd. 1-11.

Tràchdasan neo-fhoillsichte

- Bridges, Barry John, 'The Presbyterian Churches in New South Wales, 1823-1865: With particular reference to their Scottish Relation' (Oilthigh Naomh Chill Rimhinn: Tràchdas PhD neo-fhoillsichte, 1987).
- Brock, Robert Kenneth Richard, 'Looking back looking forward: a folio of contemporary original songs within the Australian bush ballad tradition, drawing on the analysis of selected songs' (Oilthigh Southern Cross: Tràchdas Maighstireachd neo-fhoillsichte, 2009).
- Coleman, Jennifer Jane Ann, 'Transmigration of the *Pìob Mhór*: The Scottish Highland Piping Tradition in the South Island of New Zealand, with particular reference to Southland, Otago, and South Canterbury' (Oilthigh Otago: Tràchdas PhD neo-fhoillsichte, 1996).
- Dunbar, Robert Douglas, 'The Secular Poetry of John MacLean, 'Bàrd Thighearna Chola', 'Am Bàrd MacGilleain.' (Oilthigh Dhùn Èideann: Tràchdas PhD neo-fhoillsichte, 2006).
- Fairney, Janice May, 'Highlanders from Home: The contribution of the Highland Society and the Gaelic Society of London to Gaelic Culture 1778-1914 (Oilthigh Dhùn Èideann: Tràchdas PhD neo-fhoillsichte, 2005).
- Fenyó, Krisztina, 'Contempt, Sympathy and Romance' Lowland perceptions of the Highlands and the clearances during the Famine years, 1845-1855' (Oilthigh Ghlaschu: Tràchdas PhD neo-fhoillsichte, 1996).
- MacIver, Ruairidh, 'The Gaelic Poet and the British military experience, 1756-1856' (Oilthigh Ghlaschu: Tràchdas PhD neo-fhoillsichte, 2018).
- Marker, Viktoria, 'Litreachas na Gàidhlig à Sealann Nuadh', (Oilthigh Ghlaschu: Tràchdas Maighstireachd neo-fhoillsichte, 2018).
- McClellan, Rosalind R., 'Scottish Emigrants to New Zealand, 1840-1880: Motives, Means and Background (Oilthigh Dhùn Èideann: Tràchdas PhD neo-fhoillsichte, 1990).
- McLeod, Billie D., 'The *New Zealand Tablet*: The Moran Years, 1873-1895' (Oilthigh Otago: Tràchdas Maighstireachd neo-fhoillsichte, 1996).
- Nesbitt, Bruce, 'Aspects of Literary Nationalism in Australia and New Zealand, with Special Reference to the *Bulletin*, 1880-1900' (Oilthigh Nàiseanta Astràilia: Tràchdas PhD neo-fhoillsichte, 1968).
- Scott, Priscilla, "'With heart and voice ever devoted to the cause': Women in the Gaelic Movement, 1886-1914' (Oilthigh Dhùn Èideann: Tràchdas PhD neo-fhoillsichte, 2013).
- Wilson, Megan, 'Myth and Misunderstanding: The Enigma of the Scottish Highland Migrant to Otago/Southland, 1870-79' (Oilthigh Otago: Tràchdas Maighstireachd neo-fhoillsichte, 1999).

Làraich-lìn

- [Anon], 'Access Conditions', State Library New South Wales, <https://eresources.sl.nsw.gov.au/access-conditions> [ruigte 20.01.2023].
- [Anon], 'Ar n-eachdraidh & Amasan / Our History & Purpose', <https://www.gaelicsocietytoronto.com/eachdraidh--amasan--history--purpose.html> [ruigte 24.10.2022].
- [Anon], 'Colonial Frontier Massacres in Australia, 1788-1930', <https://c21ch.newcastle.edu.au/colonialmassacres/map.php> [ruigte 16.11.2023].
- [Anon], 'Creation of a state; Settlement', Queensland Government, <https://www.qld.gov.au/about/about-queensland/history/creation-of-state> [ruigte 19.02.2023].

- [Anon], ‘Gaelic Society Library Collection’, <https://www.dunedinlibraries.govt.nz/heritage/special-collections/gaelic-society-library-collection> [ruigte 03.10.2022].
- [Anon], ‘Highland and Island Emigration Society records’, ScotlandsPeople, <https://www.scotlandspeople.gov.uk/guides/record-guides/highland-and-island-emigration-society-records> [ruigte 20.01.2023].
- [Anon], ‘Highlands and Islands Emigration Society Passenger List, 1852-08-28 Beaton, Angus, HD4/5, Page 35 of 226’, ri fhaotainn aig https://www.scotlandspeople.gov.uk/image-viewer/hie/hie-988?search_token=948105876482f82171b3c [ruigte 09.06.2023].
- [Anon], ‘James Macrae’, *My Heritage*, https://www.myheritage.com/names/james_macrae [ruigte 19.12.2023].
- [Anon], ‘John Cameron’, British Convict transportation registers 1787-1867 database compiled by State Library of Queensland from British Home Office (HO) records, <https://convictrecords.com.au/convicts/cameron/john/39547> [ruigte 10.02.2023].
- [Anon], ‘Macrae’s Pait Blend Whiskey’, *Clan MacRae Society of Australia & New Zealand Incorporated*, <https://clanmacrae.org.au/macraes-pait-blend-whiskey/> [ruigte 19.12.2023].
- [Anon], ‘Mariners and ships in Australian Waters; Hargraves’, <http://marinersandships.com.au/1860/06/027har.htm> [ruigte 16.06.2023].
- [Anon], ‘Money – The University of Nottingham’, <https://www.nottingham.ac.uk/manuscriptsandspecialcollections/researchguidance/weightsandmeasures/money.aspx> [ruigte 17.02.2023].
- [Anon], NatureMaps, Government of South Australia, sgèile 1:4,622.324, <http://spatialwebapps.environment.sa.gov.au/naturemaps/?locale=en-us&viewer=naturemaps> [ruigte 01.06.2024].
- [Anon], NSW Topographic Map, NSW Government, sgèile 1:25,000, <https://portal.spatial.nsw.gov.au/portal/home/webmap/viewer.html?useExisting=1> [ruigte 02.06.2024].
- [Anon], ‘New Zealand Tablet’, *Papers Past*, <https://paperspast.natlib.govt.nz/periodicals/new-zealand-tablet> [ruigte 12.12.2023].
- [Anon], ‘New Zealand Wars prisoners waiata remain a beacon of hope’, Victoria University of Wellington; Te Herenga Waka, <https://www.wgtn.ac.nz/news/2018/12/new-zealand-wars-prisoners-waiata-remain-a-beacon-of-hope> [ruigte 27.01.2024].
- [Anon], ‘Our History’, <https://www.antigonishhighlandgames.ca/antigonish-highland-society/> [ruigte 24.10.2022].
- [Anon], ‘Passenger arrival records’, National Archives of Australia, <https://www.naa.gov.au/explore-collection/immigration-and-citizenship/passenger-arrival-records> [ruigte, 20.01.2023]; ‘Passenger Lists 1845-1940’, State Records of South Australia’, <https://www.archives.sa.gov.au/finding-information/discover-our-collection/migration-and-crew/passenger-lists-1845-1940> [ruigte 20.01.2023].
- [Anon], ‘Passenger records and immigration’, Public Record Office Victoria, <https://prov.vic.gov.au/explore-collection/explore-topic/passenger-records-and-immigration> [ruigte 20.01.2023].
- [Anon], ‘Poor relief and migration records – Highlands and Islands Emigration – Search results airson “Marmion”’, https://www.scotlandspeople.gov.uk/record-results?page=8&search_type=people&dl_cat=poor-relief&dl_rec=poor-relief-hie&surname_so=exact&forename_so=starts&shipname=MARMION&arrivalport=MORETON%20BAY&record_type=hie [ruigte 30.07.2019].

- [Anon], 'Rangiriri', Ministry of Culture and Heritage, <https://nzhistory.govt.nz/war/war-in-waikato/rangiriri> [ruigte 27.01.2024].
- [Anon], 'Searching passenger lists', Archives New Zealand, <https://www.archives.govt.nz/research-guidance/research-guides/citizenship-and-migration/searching-passenger-lists> [ruigte 20.01.2023].
- [Anon], 'Shipping and Passenger Records', State Library New South Wales, https://guides.sl.nsw.gov.au/shipping_passengers/passenger_records [ruigte 20.01.2023].
- [Anon], 'Significant events in local history', Upper Clutha Historical Records Society Inc., <https://www.uppercluthahistory.org/timeline/> [ruigte 18.09.2023].
- [Anon], 'St Andrew's, Gardiner', Here today..., <https://heretoday.blog/2021/03/15/st-andrews-gardiner/> [ruigte 11.03.2024].
- [Anon], 'Suffrage petition, 1893', URL: <https://nzhistory.govt.nz/media/photo/suffrage-petition-1893>, (Ministry for Culture and Heritage), air ùrachadh 25mh an t-Iuchar 2018 [ruigte 12.01.2023].
- [Anon], Table Office, 'Information Sheet 17 – The Legislative Council's Electoral System 1851-2003' Parliament of Victoria, <https://www.parliament.vic.gov.au/about/people-in-parliament/working-at-parliament/192-legislative-council/information-sheets/731-informatio-sheet-17-the-legislative-councils-electoral-system-1851-2003> [ruigte 30.08.2022].
- [Anon], Topographical Services, Land Information New Zealand, ùraichte Lùnastal 2022, sgèile 1:50,000/Topo50 agus 1:250,000/Topo250 (Wellington, 2009), <https://www.topomap.co.nz/NZTopoMap?v=2&ll=-45.904225,168.71069&z=9> [ruigte 15.12.2022].
- [Anon], 'The Papers of Sir Donald McLean', *Papers Past*, <https://paperspast.natlib.govt.nz/manuscripts/the-papers-of-sir-donald-mc-lean> [ruigte, 13.12.2023].
- [Anon], 'The Southern Cross; Background', *Papers Past*, <https://paperspast.natlib.govt.nz/newspapers/southern-cross> [ruigte 09.03.2022].
- [Anon], QTopo – online topographic maps, <https://qtopo.information.qld.gov.au/> [ruigte 14.05.2024].
- Black, R. I. M., 'In search of the Red Book of Clanranald', *Clan Donald Magazine* 8 (1979), <https://www.clandonald.org.uk/cdm08/cdm08a11.htm> [ruigte 20.12.2023].
- Blakeley, Katherine, 'Catherine Gillies', *New Zealand History; Nga korero a ipurangi o Aotearoa*, <https://nzhistory.govt.nz/suffragist/catherine-gillies> [ruigte 26.11.2023].
- Bruce W., 'Gillies wanted!', *British Genealogy*, <https://www.british-genealogy.com/forum/threads/83608-Gillies-wanted!> [ruigte 27.11.2023].
- Coleman, Jennie, 'Gaelic (Scots)', ann an Jennie Coleman (deas.), *Book & Print in New Zealand: A Guide to Print Culture in Aotearoa* (Wellington, 1997), <https://nzetc.victoria.ac.nz/tm/scholarly/tei-GriBook-div3-N140F6.html> [ruigte 14.02.2024].
- Gibbons, P. J., 'Grant, James Gordon Stuart', Dictionary of New Zealand Biography, Te Ara - the Encyclopedia of New Zealand, <https://teara.govt.nz/en/biographies/1g18/grant-james-gordon-stuart> [ruigte 09.04.2024].
- Dalziel, Raewyn, 'Vogel, Julius', Dictionary of New Zealand Biography, ciad fhoillseachadh 1990, air ùrachadh Giblean, 2013. Te Ara - the Encyclopedia of New Zealand, <https://teara.govt.nz/en/biographies/1v4/vogel-julius> [ruigte 04.05.2022].
- Glowrey, Cheryl, 'McMillan, Angus (1810–1865)', Australian Dictionary of Biography, National Centre of Biography, Australian National University, <https://adb.anu.edu.au/biography/mcmillan-angus-2416> [ruigte 28.01.2024].

- Harris, John, 'A New Story for an Old Land: 200 Years of the Bible Society in Australia' *ABC* (6 am Màrt 2017), <https://www.abc.net.au/religion/a-new-story-for-an-old-land-200-years-of-the-bible-society-in-au/10095998> [ruigte 03.10.2022].
- Herbert, Kris, 'Hokonui Moonshine', *New Zealand Geographic*, <https://www.nzgeo.com/stories/hokonui-moonshine/> [ruigte 19.12.2023].
- Keenan, Danny, 'New Zealand Wars - North Taranaki War, 1860–1861', *Te Ara - the Encyclopedia of New Zealand*, <https://teara.govt.nz/en/new-zealand-wars/page-4> [ruigte 13.12.2023].
- Keenan, Danny, 'New Zealand Wars - Tītokowaru's War, 1868–1869', *Te Ara - the Encyclopedia of New Zealand*, <http://www.TeAra.govt.nz/en/new-zealand-wars/page-9> [ruigte 13.12.2023].
- Laracy, Hugh, 'Moran, Patrick', *Dictionary of New Zealand Biography*, ciad foillseachadh ann an 1993, *Te Ara - the Encyclopedia of New Zealand*, <https://teara.govt.nz/en/biographies/2m55/moran-patrick> [ruigte 20.06.2023].
- MacKinnon, Nan, 'S Coma Leam Buntàta Carrach', *Tobar an Dualchais*, http://www.tobarandualchais.co.uk/en/fullrecord/105133?backURL=/en/search%3Fpage%3D1%23track_105133 [ruigte 26.03.2021].
- MacNeil, Jose, 'Coma leam buntata charach', Item T-1105, *Dunvegan and Big Pond Gaelic Songs*, Beaton Institute, Sydney, Alba Nuadh, Canada, <https://beatoninstitute.com/t-1105> [ruigte 26.03.2021].
- Medcalf, M., 'Laing Hugh Boyd (1889-1974)', *Australian Dictionary of Biography* 15 (2000), <http://adb.anu.edu.au/biography/laing-hugh-boyd-10772> [ruigte 09.04.2024].
- NicRath, Peggy, 'S fheadar dhomh bhith beò', *Tobar an Dualchais*, <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/34904?l=en> [ruigte 15.12.2023].
- Phillips, Jock, 'The New Zealand bush – What is the bush?', *Te Ara - the Encyclopedia of New Zealand*, <http://www.TeAra.govt.nz/en/the-new-zealand-bush/page-1> [ruigte 16.01.2023].
- Sneddon, Donnchadh, 'Na Duilleagan Gàidhlig', *Life and Work; The Magazine of the Church of Scotland*, <https://www.lifeandwork.org/resources/gaelic-supplement> [ruigte 12.12.2022].
- Swarbrick, Nancy, 'Waikato region - Pākehā impact', *Te Ara - the Encyclopedia of New Zealand*, <https://teara.govt.nz/en/waikato-region/page-1> [ruigte 30.05.2024].
- Sweetman, Rory, 'Catholic Church – Irish settler church', *Te Ara - the Encyclopedia of New Zealand*, <http://www.TeAra.govt.nz/en/catholic-church/page-2> [ruigte 23.06.2023].
- Temple, Philip, 'Kea: The Feisty Parrot', *New Zealand Geographic*, <https://www.nzgeo.com/stories/kea-the-feisty-parrot/> [ruigte 20.09.2023].
- Walrond, Carl, 'Gold and gold mining – Otago', *Te Ara - the Encyclopedia of New Zealand*, <https://teara.govt.nz/en/gold-and-gold-mining/page-3> [ruigte 30.11.2023].
- Ward, Alan, 'McLean, Donald', *Dictionary of New Zealand Biography*, *Te Ara - the Encyclopedia of New Zealand*, <https://teara.govt.nz/en/biographies/1m38/mclean-donald> [ruigte 14.12.2023].

Eàrr-ràdh

Tha an clàr a leanas a' toirt beachd dhuinn air an uiread de 'litreachas na Gàidhlig' a lorgadh ann am pàipearan-naidheachd agus irisean Astralàisia mar phàirt den rannsachadh seo. Tha na h-àireamhan seo a' gabhail a-steach an dà chuid ath-chlò-bhualaidhean agus ùr-chlò-bhualaidhean, i. litreachas a chuireadh an clò an Alba an toiseach mus do nochd e ann am foillseachaidhean Astralàisia, a bharrachd air litreachas a chuireadh an clò an cèin an toiseach. O nach robh cothrom agam sùil a thoirt air *The Free Churchmen*, chan eil an iris à NSW a' nochdadh sa chlàr.

B' fhiach cuideachd a ràdh nach e amas a' chlàir seo dol an doimhneachd ann am meud nan diofar earrannan. Tha cuid ann a tha fada is susbainteach (m.e. colbhan Gàidhlig an *Southern Cross*) agus cuid eile a tha aithghearr agus pongail (m.e. slugh-ghairmean, seanfhaclan, agus beannachdan beaga). Ge b' e meud nan earrann, thathas air gabhail riutha mar 'litreachas na Gàidhlig'. Feumar cuideachd a ràdh nach eil an tràchdas seo a' dèanamh luaidh air gach earrann a nochdas sa chlàr seo. Fhuair lorg air còrr is 700 earrannan is thathas an dùil gun gabh tuilleadh fhoillseachaidhean Gàidhlig lorg fhathast.

Pàipearan-naidheachd Aotearoa	
Ainm	Uiread
<i>Bruce Herald</i> (1865-1920)	1
<i>Mataura Ensign</i> (1883-1920)	10
<i>New Zealand Public Opinion, Sportsman and Saturday Advertiser</i> (1880-93)	221
<i>Otago Witness</i> (1851-1932)	6
<i>South Canterbury Times</i> (1879-1901)	1
<i>Southland Times</i> (1862-1945)	19
<i>Taranaki Herald</i> (1852-1920)	1
<i>The Akaroa Mail and Banks Peninsular Advertiser</i> (1877-1939)	1
<i>The Auckland Star</i> (1870-1945)	1
<i>The Daily Telegraph</i> (1881-1901)	3
<i>The Dominion</i> (1907-45)	2
<i>The Dunstan Times</i> (1866-1948)	1
<i>The Evening Star</i> (1865-1947)	3
<i>The Free Lance</i> (1900-20)	3
<i>The Grey River Argus</i> (1866-1949)	1
<i>The Hastings Standard</i> (1896-1910)	29
<i>The Hawke's Bay Herald</i> (1857-1904)	1
<i>The Hawke's Bay Tribune</i> (1910-37)	57
<i>The New Zealand Herald</i> (1863-1945)	4
<i>The New Zealand Times</i> (1874-1927)	1

<i>The Otago Daily Times</i> (1861-1950)	11
<i>The Press</i> (1861-1989)	1
<i>The Southern Cross</i> (1893-1920)	48
<i>The Temuka Herald</i> (1878-1932)	4
<i>The Timaru Herald</i> (1864-1945)	4
<i>Wellington Independent</i> (1845-74)	1
<i>Western Star</i> (1873-1942)	11
Iomlan	446
Pàipearan-naidheachd Astràilia	
Ainm	Uiread
<i>Advocate</i> (1868-1954)	2
<i>Clarence and Richmond Examiner and New England Advertiser</i> (1859-89)	3
<i>Daily Mercury</i> (1906-1954)	1
<i>Geelong Advertiser and Intelligencer</i> (1851-56)	3
<i>Geelong Advertiser</i> (1859-1929)	1
<i>Hamilton Spectator and Grange District Advertiser</i> (1860-70)	3
<i>Hamilton Spectator</i> (1870-1918)	1
<i>Newcastle Morning Herald and Miners' Advocate</i> (1876-1954)	1
<i>Northern Star</i> (1876-1954)	2
<i>Portland Guardian and Normanby General Advertiser</i> (1842-43; 1854-76)	1
<i>The Advertiser</i> (1931-54)	1
<i>The Clarence River Advocate</i> (1898-1949)	1
<i>The Colonist</i> (1835-1840)	1
<i>The Cornwall Chronicle</i> (1835-80)	1
<i>The Courier-Mail</i> (1933-54)	1
<i>The Cumberland Mercury</i> (1875-95)	2
<i>The Daily Mail</i> (1
<i>The Grafton Argus and Clarence River General Advertiser</i> (1874-1922)	1
<i>The Hobart Town Advertiser</i>	6
<i>The Newcastle Chronicle</i> (1866-76)	3
<i>The News</i> (1923-54)	61
<i>The People's Advocate or True Friend of Tasmania</i> (1855-56)	2
<i>The Queensland Illustraed Weekly</i> (1927-39)	1
<i>The Richmond River Herald and Northern District Advertiser</i> (1886-1942)	2
<i>The Shoalhaven Telegraph</i> (1881-1937)	1
<i>The Sydney Mail and New South Wales Advertiser</i> (1871-1912)	1
<i>The Sydney Morning Herald</i> (1842-1954)	1
<i>The Tasmanian Daily News</i> (1855-58)	2
<i>The Wanganui Herald</i> (1867-1920)	1

Iomlan	108
Irisean Aotearoa	
Ainm	Uiread
<i>The New Zealand Graphic</i> (1890-1913)	1
<i>The New Zealand Tablet</i> (1873-1925)	8
Iomlan	9
Irisean Astràilia	
Ainm	Uiread
<i>An Teachdaire Gaidhealach</i> (1857)	142
Iomlan	142